aicheallach, *a.* Able, potent, mighty, fierce.
aicheamhail,‡ *s.* (ath+gabhail) Reprisal.
àicheidh, } see àicheadh.
àicheun, }
†aichill, *a.* Able, powerful. 2 Dexterous, handy.
†aichilleachd, *s.f.* Strength. 2 Dexterity.
aichmheil, see aichbheil.
aichmheileach, see aichbheileach.
aicil, see faicill.
†aicme,‡ *s.f.* Race.
†aicne,** *s f.* Nature.
aicre,** *s f.* Inheritance, patrimony.
†aid,** *s.m.* Piece, portion, morsel.
†aidbheil,** *a.* Huge, enormous, vast.
aideachadh, -aidh, *s. m.* Confession, acknowledgement, avowal. Registration, as of a letter. Luchd-aideachaidh, *communicants, professors.*
aideachaidh, *gen.sing.* of aideachadh.
aideachail, *a.* Affirmatory, confessing.
aideachair,** *s.m.* Avoucher.
†aidhbhean,** *s.m.* Stranger, foreigner.
†aidhbheil, *s.* Wonder. 2 Boasting.
†————-,** *a.* Huge, enormous, vast.
aidhbheileachd, *s. f.* Vastness, terribleness, hugeness.
aidhbheis, see aibheis.
————each, see aibheiseach.
†aidhblich, *v.a.* Aggrandize.
†aidh-bhrugh, *a.* Bewitching, fascinating.
†aidhbhseach, *a.* Vast, capacious.
†aidhbhsean,** -ain, *s.f.* Spectre, phantom, sprite.
aidhe,** *s.f.* Monition. 2 House. 3 Fortress.
†aidheach,** -ich, Milch cow.
————d,* see aoidheachd.
aidheam, *s.f.* Joyous carol.
aidhean, For aighean, *n.pl.* of agh.
aidheann, -inn, see aghann.
aidhear, -ir, see aighear. 2**Cracking of the skin from exposure to the weather.
————ach, see aighearach.
————achd, see aighearachd.
aidhle,** *s.f.* Cooper's adze.
aidhlinn, *dat.* of adhal.
†aidhme, *s.f.* see uidheam.
†aidhmhill, *v.a.* Spoil, destroy.
†aidhmhilleadh, *s.m. & pr. pars.* Consuming. 2 Confusion.
aidhmhillte, *pt. part.* Consumed.
†aidhmhillteach, -eich, *s.m.* Destroyer. 2 Spendthrift. 3 Beast that steals from the pastures to feed on the growing corn.
aidhne,** *s.f.* Advocate. 2†Age.
aidhseachadh, *pr. part.* of *v.* aidhsich. Envying. Is iomadh neach a tha 'g am aidhseachadh an diugh nach do chuir dad riamh g' am leasachadh, mar a thubhairt am famhair ris an troich, *many a man envies me to-day who never helped me one bit to grow, as the giant said to the dwarf.*
aidhsich, *pr. part.* ag aidhseachadh, *v.a.* Envy.
aidich, *pr.part.* ag aideachadh, *v.a.* Confess, own, acknowledge. 2 Affirm, avow. Ag aideachadh a chionta, *confessing his sin;* dh' aidich e, *he confessed;* cha'n aidich mi, *I will not confess.*
aidicheam, *1p. sing. imp.* of *v.* aidich. 2** For aidichidh mi, *1 p. sing. fut. aff.* of *v.* aidich.
aidichear, *fut. pass.* of *v.* aidich.
aidichte, *pt. part. v.* aidich. Confessed, owned

acknowledged, affirmed.

aidmeach, *s.m.* } see aideachadh.
aidmeacha th, *s.m.* }

aidmheil, -e, -ean, *s.f.* Confession, profession, persuasion. 2 Declaration, acknowledgement, Dè an aidmheil a tha e a' leantuinn? *what persuasion does he follow?* ; a réir bhur n-aidmheil, *according to your profession* ; aidmheil na firinn, *the acknowledgement of the truth.*

——— *v.n.* see aidich.

aidmheileach, *a.* Of, or belonging to a confession, or profession. 2 Declaratory. 3 Acquiescent. 4 Forthcoming. Bithidh mise aidmheileach dhuit-se, *I will be responsible to you.*

aidmheileach,** *s.m.* Avoucher.

————d,* *s.f.* Acquiescence, 2 Responsibility. 3 Acknowledgement.

aidmheilear, -eir, *s.m.* Confessor. 2 Professor. 3 Declarer.

aidmheiliche,* see aidmheileach.

aidmheint,** *s.f.* The Advent.

aidmhich, see aidich.

————te, see aidichte.

†aifir,** *s.f.* Blame, fault.

aifrionn, -rinn *or* -rinne, *s. m.* Mass in the Church of Rome. 2 Chapel.

aig, *prep.* At, near, close by. 2 In possession. 3 On account of. 4 For. 5 On. Is mór agam sin, *I value that greatly* ; tha déidh agam air, *I desire it* or *him* ; tha cuimhn' agam air, *I remember him* ; tha tasdan agam air, *he owes me a shilling* ; tha tasdan aig' orm, *I owe him a shilling* ; cha'n 'eil agam air, *I dislike him, I cannot help it* ; chaidh agam air, *I have ov rcome him* ; tha dòchas agam dheth *I have hope in him* or *it* ; tha gràdh agam dha, *I love him* ; tha truas agam ris, *I pity him* ; cha'n 'eil omhail agam dha, *he is no concern to me* ; tha bàigh agam ris, *I feel kindly towards him;* tha fiughair agam ris, *I expect him* ; aig an taigh, *at home* ; aig baile, *at home* ; aig na dorsaibh, *at the doors* ; aig meud 'aighe, *on account of his excessive joy* ; bha aig duine àraidh dithis mhac, *a certain man had two sons* ; tha dithis aige, *he has two* ; cha'n 'eil mìr aige, *he has not a particle*; tha'n t-àm againn falbh, *it is time for us to go* ; bha mios aige a mach, *he had spent a month* (a month had gone past him) ; bithidh mi agad a thiotadh, *I will be with you in a minute;* cha'n 'eil thu agad fhéin, *you are not yourself* ; cha ghabh mi agad, *I will not engage with you;* cum agad fhéin e, *keep it yourself*; [cha'n fhaic mi dad]mur faic biodh agad, *well then, be it so, I don't care if you don't.* Combined with the pers. pronouns thus :—

1 Sing. agam	*Plur.* againn,	
2 agad	agaibh	
3 aige, *m.* } aice, *f.* }	aca, *m. & f.*	

Emphatic Forms.

1 Sing. agam-sa, agam-fhéin, *pl.* againne, againn-fhéin.

2 agad-sa, agad-fhéin, *pl.* agaibh-se, agaibh-fhéin.

3 aige-san, aige-fhéin *m.* ; aice-se, aice-fhéin *f.* ; *pl.* aca-san, aca-fhéin, *m. & f.*

Aig enters into composition with the possessive pronouns thus, 'g am, 'g ad, 'g ar, 'g ur, &c., before the Infin. Mood or a verbal Noun, as, 'G am bhualadh (*lit.* at my striking) *striking me* ; bha mi 'g am fhalach féin. *I was hiding myself.* It is often used to give the signification of a genitive case to the noun it governs, as, An stoc aig Fionn, *Fingal's horn.*

†aigbheil,** see eagal.

†————each,** see eagalach.

aige, *prep. pron.* (aig+e) At him *or* it, with him *or* it, in his possession. 2 His, its. [Emphatic forms—aige-san, aige-fhéin.]

†aige, *a.* Brave, valiant.

àigeach, *s.m.* see òigeach.

aigeachd, (CR) *s.f.* Frolicsomeness.—*Arran.*

aigeal, -eil, -an, *s.m.* (W. Isles) see aigeann. Do bhreacan air uachdar an aigeil, *thy plaid (flouts) on the pool* ; faochagan croma, ciar' an aigeil, a' glagadalch air a h-ùrlar—*i.e.* air ùrlar a' bhàta. (*from a description of the raging of the sea in a gale.*)

aigealach, -aich, *s.m.* see aigeannach.

aigealan, *n.pl.* of aigeal.

aigeallach, -aiche, *a.* see aigeannach.

aigealladh,** -aidh, *s.m.* Speech, conversation, language. 2 Dialogue. Ag éisdeachd aigeallaidh do bheòil, *listening to thy speech.*

aigeallaiche, *comp.* of aigeallach. Is tu a's aigeallaiche dhe'n triùir, *thou art the most spirited of the three.*

aigeallan,** *s.m.* Breast-pin. 2 Jewel. 3 Earring. 4 Tassel. 5 Toy.

aigeann, -einn, *s. m.* Abyss. 2 Deep pool. 3 Sea, ocean. 4 Bottom of an abyss. Thuit m' aigne 's an aigeann, *my mind sank into the abyss* ; 'n a shuidhe air an aigeann dhorch thiugh, *sitting on the dark misty deep* ; grunnd an aigeinn, *the bottom of the abyss.*

aigeannach, -aich, *s.m.* Sounder of the deep. 2 ‡see aigneach.

————,* *s. f.* Self-willed, boisterous female.

————,-aiche, *a.* Of, or belonging to an abyss. 2 Full of abysses. 3 see aigneach. 4* Self-willed, stubborn, mulish, uncontrollable.

aigeannachd, *s. f.* see aigneachd. 2 Stubbornness, turbulent disposition. 3‡‡Courage.

aigeanta,* *a.* Self-willed.

aigeantach, -aiche, *a.* see aigeannach.

————,* *s. f.* Turbulent female.

————d, *s. f.* see aigeannachd, and aigeantas.

aigeantas, -ais, *s. m.* Gaiety. 2**Alacrity.

àigeich, *gen. sing.* of àigeach, for òigeach.

aigeil, *gen. sing.* of aigeal.

aigeinn, see aigeann.

àigh, *gen. sing.* of àgh.

àigh, *s. m.* Happiness. 2 Prosperity. 3 Joy. 4 Mettlesomeness. 5 Liberality 6**Gloriousness, glory. 7**Auspiciousness. An do thréig thu mi, a sholuis m'àigh? *hast thou left me thou light of my joy?* meirghe rìgh Lochlainn an àigh, *the standard of the king of Lochlinn the fortunate* ; sonas is àigh ort! *may success and happiness attend you!*

àigh,** *a.* Happy. 2 Prosperous. 3 Liberal. 4 Auspicious. 5 Proud. 6 Mettlesome. 7 Glorious.

3. Aigh-ban.

aigh,** *s.m.* Deer. Aigh do choillte féin, *the deer of thine own woods.*

aigh-ban, -ain, *s.m.* Box (plant)—*buxus sempervirens.* Badge of many branches of Clan Chattan.

aighe, *gen. sing.* of agh.

àigheach, *a.* Happy, joyous.

aigheal, see aingeal.

aighean, *n. pl. & dim.* of agh. 2**alacrity.

aighean, *n. pl.* of agh.

Aighean siùbhlach, *the wandering deer.*

aigheann, -ne, *pl.* aighnean, & algheannan, *s.f* see aghann.

l. Aigheannach.

aigheannach, -aich, *s.m.* Corn thistle (plant)—*carduus arvensis.* 2 Place where thistles grow.

aigheannaich, *gen. sing.* of aigheannach.

aighear, -ir, *s.m.* Gladness, mirth, joy. gaiety, happiness, felicity, festivity. Tha aighear a' bruchdadh 'n a shùil, *gladness bursts from his eyes;* ceòl is aighear, *music and mirth;* aighear t'òige, *the joy of thy youth.*

aighearach, *a.* Glad, mirthful, joyful, gay, festive. 2 Odd. òglach aighearach, *an odd fellow.*

————d, *s.f. ind.* Gladness, merriment, mirthfulness, joyfulness, festivity. 2 Oddness. 3**Alacrity.

aighne, *gen. sing.* of aghann. 2**Prophet. 3** Pleader,

†aighneach, -niche, *a.* Liberal, generous.

†aighnios, *s.m.* Pleading, reasoning, arguing.

aigh-rìomhach,** *s.m.* Belle.

aigilean, -ein, -an, *s.m.* Tassel. 2 Ear-ring. 3 Toy.

aigileanach, *a.* Hung with tassels. 2 Gaudy, beauish.

aiginneach, aigionnach, aigiontach, } *a.* see aigeannach.

aiglean, -ein, see aigilean.

aigleanach, see aigileanach.

aigne, *s.f.* Mind, temper, disposition. 2 Spirit, affection, thought. 3 (AC) The bird swift. 4 (AC) Anything of unusually quick motion. Cho luath ri aigne nam ban baoth, *as swift as the thoughts of the foolish women.* Is cian ail m'aigne, *sad is my mind;* lean mi le aigne neo-ghlic, *I followed with unwise affection.*

aigneach, -eiche, *a.* (aigne) Liberal. 2 Spirited, lively, brisk. 3 Affectioned. 4 Of, or belonging to mind, temper, affection, or thought. 5**Gallant.

————d, *s.f. ind.* Mettlesomeness, sprightliness, magnanimity, cheerfulness, courage.

aigneadh, -idh, -idhean, *s.m.* see aigne.

aignidh, *gen. sing.* of aigneadh.

-ail, *termination* of adjs., changes into -eil -oil, -uil, as preceded by kindred vowels.

àil, *gen. sing.* of àl. 2‡see àill.

ail,‡ *s. m.* Mark, impression, trace. 2* Scar. 3*Postage-stamp. Ail do choise, *the trace of thy foot.*

†ail, *s.m.* Mouth. 2 Rebuke. 3 Stone. 4 Request. 5 Weapon. 6‡Rock.

ailbh,** -e, -ean, *s.f.* Rock, foundation, anything hard, solid, rigid, or immoveable. (Also ailbhinn.)

ailbheach, -bhiche, see ailbhinneach.

ailbheag, eig, -an, *s.f.* Ring. 2 Ring of any coarse metal. Ailbheagan airgid, *silver rings;* ailbheag cluais, *an ear-ring.*

————ach, *a.* Full of rings, like a ring, of or belonging to a ring.

ailbheiun, *s.f.* see ailbhinn.

ailbhinn, *s.f.* Flint, stone. 2 Rock, flinty rock. 3 Projection. 4 Precipice. An deòir a' sileadh mar bhoinne na h-ailbhinn, *their tears dropping as water from a projecting rock;* Ag imeachd air an ailbhinn oillteil, *walking on the dreadful precipice;* do sgiath mar ailbhinn, *thy shield like a rock.*

ailbhinneach, -eiche, *a* Flinty, stony. 2 Rocky.

†ailcne,** *s. pl.* Paving stones.

†ailcneach,** -ich, *s.m.* Pavier.

àilde, *s. f.* see àilleachd.

àildeachd, see àilleachd.

àildiche, see àlainn.

†aile,** *s. f.* Stone. 2 Behaviour, manners.

àile, *s. m.* The air. 2 Scent, smell. 3 Wind, breeze, strength of the breeze. àile deagh bholaidh, *an odour of sweet smell;* trath chaidleas 's a' ghleann an t-àile, *when the air sleeps [is still] in the valley;* sròinean gun àile, *noses without the sense of smell;* droch àile, *a bad smell;* tha'n t-àile fuar, *the air is cold.*

aile,* *s.m.* see ail.

——, *a.* see àilleach.

ail-each,** -eich, *s. m.* (*lit.* a stone horse) Stallion.

àileach,* *a.* (àile) Airy, well-aired. 2**Atmospheric, of, or belonging to the atmosphere, air, breath, or smell. 3**Savoury. Iongantas àileach, *an atmospheric phenomenon.*

aileach,** *a.* Causing marks or impressions.

àileachd, *s.f. ind.* see àileadh.

aileadh, -eidh. *s. m.* see ail. Aileadh coise, *a footstep.*

àileadh, -eidh, *s.m.* see àile.

àileadhach, *a.* Pneumatic.

àile-bheathail,** (*lit.* vital air) Oxygen.

àile-churach, **s.m. see curach-aile.

àil-eathar, ,, ,, eathar-àile.

àile-ghuail *s, .m.* Gas.

àile-mheidh,** *s. f.* see meidh-àile.

————each,** *a.* Barometrical.

aileag, -eig, -an, *s.f.* Hiccup. [Always preceded by art. *an.*] Tha'n aileag orm, *I have the hiccup.*

———ach, *a.* Causing the hiccup, hiccuppy, relating to the hiccup.

———ail, *s.f.* Hiccupping. 2**Vexing.

ailean, *n.pl.* of ail.

àilean, -ein, *s.m.* Green, plain, meadow. 2 Esplanade. 3 Oasis. Cath air an àilean réidh, *a battle on the level plain.*

àileanta, *a.* (àileadh) Fragrant, odorous. 2 Keen-scented. 3**Bodiless. †4**Atmospheric, aërial.

àilear, -eir, *s.m.* Porch.

aileas,** *a.* Akin.

———,** -eis, *s.m.* Pleasant country.

ailebeart,** -beairt, *Gaelic spelling of* halbert.

ai'leathan, see aimh-leathan.

àil-eòlas, -ais, *s.m.* Pneumatics.

àilgheas, -is, *s.m.* (àil+gheas) Pleasure, will. 2 Power. 3 Pride, imperiousness. 4** Desire, longing. àilgheas dhaoine, *the pride of men;* nach lùb air àilgheas na garbh ghaoith, *that will not bend at the pleasure of the rough wind;* fearann gu'r n-àilgheas, *land to your will.*

———ach, -aiche, *a.* Fastidious. 2 Proud, haughty, imperious, arrogant. 3** Wilful, headstrong.

———achd,** see àilleasachd.

———aiche, *comp.* of àilgheasach.

àilghios, -is, *s.m,* ———ach, *a.* ———achd, *s.f.* ———aiche, } see àilgheas——.

àilinde, (AC) *comp* of àlainn.

àilindeach, see àlainn.

àilineachd, see àlainneachd. àilineachd mna na Gréige, *the beauteousness of the woman of Greece (Helen.)*—A.C.

àil-innisean,** -ein, *s.m.* Anemoscope.

aillonta, see àileanta.

àilis, -e, -ean, *s.f.* Defect, fault, blemish. 2 Reproach.

àill', *s.f.* see àille.

àill, *s.f.* Desire, will, pleasure. Dè is àill leibh? *what is your will?*; an ni a b'àill leam, *the thing that I would wish*; ma's àill leibh seo, *if you desire or wish this*; an àill leat? *do you wish*; dean àille de'n éiginn, *make a virtue of necessity.*

†aill,** *s.f.* Rugged bank, rough steep. 2 Steep river bank. 3 Bridle. 4 Course. 5 Place, stead 6 Praise.

àill air n-àill, *adv.* Willing or unwilling, *nolens volens.*

àill-bhruach, -aich, *s. f.* Rock, rugged bank, rocky steep.

àill-bhruachach, *a.* Having steep or rocky banks.

àill-bhil, *s.f.* Bridle-bit.

àille, *s.f.* see àilleachd.

——, *comp.* of *a.* àlainn. Is àille leam seo na sin, *I prefer this to that.*

àilleach, *a.* Beautiful, handsome, comely, fair.

àilleachd, *s.f.ind.* Beauty, beautifulness, handsomeness, comeliness. 2 Sublimity. 3 Dignity. àilleachd thalmhaidh air cha bhi, *no earthly beauty shall be found in him*; thàinig i 'n a h-àilleachd, *she came in her beauty*; bha a h-àilleachd gun choimeas, *her beauty was unequalled.*

àillead, -eid, *s.m.* Degree of beauty.

àilleag, -eig, -an, *s. m.* Jewel. 2 Gewgaw. 3 Pretty young maid. Nach cuimhne leat an àilleag? *dost thou not remember the beauteous maid?*

àilleagan, -ain *pl.* -ain & -ana, *s.m.* Little jewel 2 Term of affection for a young person. 3 Pretty maid. 4 Toy. Soraidh slàn do'n àilleagan! *farewell to the pretty maid!*

——, } *n. pl.* of àilleag.
——a, }

ailleagan, -ain, see faillean.

àillealachd, *s.f.ind.* Bashfulness, modesty.

aillean,** -ein, *s.m.* Causeway.

àilleann,§ -einn, *s. f.* Elecampane,—*inula Helenium.* 2 Young beau. 3 Minion.

5. Ailleann.

àilleanta, *a.* Beautiful handsome, comely, delicate, bashful. 2 Having an imposing appearance. 3 Reserved, shy, distant.

——chd, *s.f. ind.* Personal beauty. 2 Delicacy, bashfulness, modest reserve. Is i àilleantachd maise nam ban, *delicacy is the ornament of females*

àilleas, *s f.* see àilgheas. 2 Jewellery.

——ach, -aiche, *a.* Wilful, head-strong, proud.

——achd, *s.f. ind.* Wilfulness, pride.

ailleig, *gen. sing* of ailleag.

aillein, *s.m.* Favourite. 2***gen.sing.* of aillean.

ailleinn, *gen. sing.* of ailleann.

ailleort, *a.* (†ail 6) High-rocked.

àillghios, *s m.* see àilgheas.

àillidh, *a.* Bright, resplendent. 2 Beautiful, exquisite, fair. Lasair nan lochran àillidh, *the flame of the resplendent lamps*; do'n ògmhnaoi a b'àillidh leac, *to the virgin of the fairest cheek.*

†aillin,** *a.* Another.

aillionair, *s.m.* Caterer.

aillis,** see aillse 3.

àillne, *s.f. ind.* see àilleachd.

àillneachd, see àilleachd.

aillse, *s.f.* Fairy. 2 Ghost. 3 Diminutive creature. 4‖ *rarely* Cancer, canker. 5 Delay.

——ach,** *a.* Like a fairy, of, or pertaining to a fairy. 2 Spectral. 3**Negligent.

aillseachadh, -aidh, *s.m.* see aibheiseachadh.

aillseag, -eig, -an, *s. f.* (aillse 8) Caterpillar.

aillsich, *v.a.* see aibheisich.

àillte,* *s.f.* see àilleachd.

aillte, *s.f.* High precipitous rock.

àillteachd, *s. f. ind.* see àilleachd.

aillteil, *a.* see oillteil.

ailm, -e, -ean, *s. f.* †Elm-tree, *now* leamhan. 2 Letter "A." 3 Fir-tree. 4 Helm. 5 Science.

†ailmeadh, -eidh, *s.m.* Prayer.

ailmeag, -eig, -an, *s. f.* Elm. 2 Young or little elm-tree.

——an, *n.pl.* of ailmeag.

ailmean, *n.pl.* of ailm.

ailmeig, *gen. sing.* of ailmeag.

ailmh, -e, -ean, *s. f.* Flint stone. 2 Boundary-stone.

àil-mheidh,** -e, -ean, *s.f.* Anemometer.

ailmse, -ean, *s. f.* Mistake, error. 2**Spectre. 3**Spectral-looking person.

ailmseach, -eiche, *a.* Spectral, ghastly.

ailn, *s.f.* (AC) Loch. Chi mi ai air ailn an eilein, *I see a swan on the loch of the island.*

àilne, *comp.* of *a.* àlainn.

àilne, } *s.f.* see àilleachd.
ailneachd, }

àilnich, *v.a.* Beautify, adorn. 2 Accomplish.

àilnichte, *pt.part.* Adorned.

ailp, *gen.* of alp.

†—,** *s.m.* Protuberance. 2 Any gross lump. 3 Mountain.

†—,** *a.* White.

ailpeach,** *a.* Alpine.

ailse,** } *s.f.* Cancer.
†ailsin,‖ }

ailseach,** *a.* Cancerous.

ailseag,** *s.f.* Caterpillar.

ailt, *s.f.* see athailt. †2**House. 3‡ see ail.

àilt, -e, *a.* Noble, stately, grand, high. 2 Charming, beautiful. Aghaidh is àilte lìth, *a face of the most beautiful colour.*

àilte, *comp.* of àilt.

àilteach, see fàilteach.

àilteachadh, (*Suth'd*) see fàilteachadh.

àilteachd, *s.f. ind.* see àilleachd. Barrachd air t'àilteachd, *superiority over thy handsomeness.*

†ailtear,** *s.m.* Carpenter.

aim-, *privative particle* or prefix, see am, an, *priv.*

aimbeairt, (for aimbeirt) *gen. sing.* of aimbeart.

aimbeart, -eirt, *s.f.* Poverty, want, indigence. 2 Calamity. 3 Mischief. Cridhe fial an aimbeirt, *a generous heart in poverty.*

——ach, *a.* Poor, needy, indigent, necessitous. 2 Calamitous. 3 Mischievous. Tha mi aimbeartach, *I am indigent.*

——as, -ais, *s. m.* Same meanings as aimbeart.

aimcheist, see imcheist.

——each, see imcheisteach.

aimeas, -eis, see amas.

aimeasguidh, see aimsgith.

aimhdheòin, see aindeòin.

aimheagan,** see aigeann.

aimheal, -eil, *s. m.* Vexation, grief. 2 Dismay. 3 Uneasiness, trouble, sorrow. 4** Repentance, compunction, fear. Fo aimheal is fo sgìos, *vexed and wearied.*

——ach, -aiche, *a.* Vexing, uneasy, vexa-

tious. 2**Repentant.
————achd,* *s.f.ind.* The greatest mortification.
aimhealaich,* *v.n.* Gall, pique, vex. Air 'aimhleachadh, *galled, vexed.*
aimhealtach, see aimhealach.
†aimhean,** *a.* Pleasant, agreeable, smooth.
aimhfheòil, see ainfheòil.
aimhgheur, *a.* Edgeless, blunt.
aimhghlic, *a.* Foolish, unwise.
aimhghliocas, -ais, *s.m.* Folly.
aimhi, see amaidh.
àimhinn,* *s.f.* see àmhuinn.
àimhinnich,* see àmhuinnich.
aimhleas, -eis, *s.m.* Hurt, harm, mischief, disaster. 2 Danger. 3 Injury. 5 Ruin, misfortune. 5 Perverseness. 6 Folly. 7 Destruction. B'e sin car t'aimhleis, *that would be your ruination;* ag iarraidh m'aimhleis, *bent on my destruction;* a' labhairt aimhleis, *uttering perverseness;* luchd aimhleis, *unfortunate people;* ni thu t'aimhleas, *thou wilt harm thyself.*
aimhleasach, -aiche, *a.* Hurtful. 2 Unfortunate. 3 Mischievous. 4 Ruinous. 5 Foolish. 6 Imprudent. 7 Destructive. Nithe aimhleasach, *mischievous things.*
aimhleasachd, *s. f. ind.* Condition or state of being unfortunate. 2 Mischievousness. 3 Ruinousness. 4 Imprudence. 5 Foolishness.
aimhleasaiche, *comp.* of *a.* aimhleasach.
aimhleasg, *a.* Lazy, indolent, inactive, drowsy, sluggish.
aimhleathan, -aine, *a.* Narrow, straight, tight. Is aimhleathan an t-slighe, *narrow is the way.*
aimhleathanachd,* *s.f.ind.* Narrowness, straitness, tightness
aimhleisge,** *s. f.* Laziness, indolence, inactivity, drowsiness, sluggishness.
aimhne, (for aibhne) *gen.sing.* of abhainn.
aimhneach, -eiche, see aibhneach.
aimhneart, -eirt, see ainneart.
————ach, see ainneartach.
————aiche, see ainneartaiche.
————mhor, see ainneartmhor.
aimhneirt, see ainneirt.
aimhnichean (*for* aibhnichean) *pl.* of abhainn.
aimhreadh, -eidh, *s. m.* (‡am+réidh) Disturbance, disagreement, confusion.
————, *a.* Wrong, disturbed, disagreeing. Tha seo air aimhreadh, *this is wrong;* tha thu 'g am chur air aimhreadh, *you are putting me wrong;* cuireamaid an cainnt air aimhreadh, *let us confound their language.*
aimhreidh, *gen.sing.* of aimhreadh.
†aimhreidhe, *s. pl.* Defiles, passes, straits. fastnesses. 2 Forests.
†aimhreis, *a.* Difficult, arduous.
aimhreit, -e, -ean, *s. f.* Confusion, disorder, disagreement, contention, disturbance.
————each, -eiche, *a.* Quarrelsome, litigious, contentious. 2 Of, or belonging to a quarrel or disturbance. 3 Entangled. Maille ri mnaoi aimhreitich, *along with a quarrelsome woman.*
aimhreiteachd,* *s. f. ind.* Degree of disorder, confusion, or quarrelsomeness.
aimhreith, see aimhreit.
aimhreitich, *v.a.* Confound, entangle, put through other. Entwine as thread.
†aimhriar, *s.m.* Mismanagement.
aimhriochd, *s.m.* Disguise, concealment.
————ach, *a.* Assuming a false figure.
aimid, *s.f.* see amaid.
————each, see amaideach.
————eachd, *s.f.* see amaideachd.
aimideag, see amaideag.
aimisichte, see aimsichte.
†aimninn,** *a.* Pleasant, agreeable, smooth.
aimlisg, -e, -ean, *s.f.* Confusion, disorder, calamity. Is a. e, *it is confusion.*
————each, *a.* Confusion. 2 Causing confusion. 3 Of, or pertaining to confusion, 4 Mischievous. 5 Quarrelsome.
aimrid, *a.* Barren, unproductive.
————each,* *s. f.* Barren woman.
————eachd,* *s. f. ind.* Barrenness.
aimrios,** *s.m.* Error.
aimseach, see amaiseach.
aimsgith, *a.* Mischievous. 2 Impure, bawdy. 3 Impious, profane.
————eachd, *s.f.ind.* Mischievousness. 2 Impurity. 3 Profanity, impiety. Le tuairisgeul 's le *a., with slander and impurity.*
aimsichte, *a.* Bold, daring, resolute.
aimsidh, (*for* amaisidh) *fut.ind.* of *v.* amais.
aimsir, -e & -each, *pl.*-ean, *s.f.* Time. 2 Season. 3 Weather. A réir na h-aimsire a bhitheas ann, *according to the weather we may have;* a. ghaillionnach, *stormy weather;* a. bhrèagh, *fine weather;* a. a' gheamhraidh, *the winter season;* a. an earraich, *the spring season;* a. an t-samhraidh, *the summer season;* a. an fhogharaidh, *the harvest season;* a. fogharaidh, *harvest weather;* an a. seo, *this weather.*
————eil, *a.* Temporal, worldly. 2 Seasonable. Tha na nithe a chithear aimsireil, *the things which are seen are temporal.*
aimsiorrtha, see aimsireil.
aimsith, -e, -ean, *s.m.* (‡am + -mis, of *eirmis*+ ith) Mischance. 2 The missing of an aim, being unfortunate.
ain-, *intens. & priv.* particle, prefixed to words and corresponding with English *-un*, or *-in.*
àin, -e, *s.f.* Heat, heat of noon. 2 Light. Ain an là, *broad day-light.*
†ain, *s. f.* Water.
†àin, *a.* Honourable, praiseworthy, respectable. 2**Respectful. T'uirghiol àin, *thy respectful speech.*
†ainbheach, *a.* Manifold, abundant.
————,** *s.m.* Drone bee. 2 Much rain. 3* see ainfhiach.
ainbheart,** -bheirt, *s. f.* Misdeed.
†ainbheil, *s. f.* Impudence, rudeness, impertinent language. 2 Stinginess.
†————each, *a.* Impudent, rude. 2 Stingy.
ainbheus, -a, -an, *s.m.* Immorality, dishonesty, want of virtue.
————ach, -aiche, *a.* Immoral, dishonest, vicious.
†ainbhfeile, see ainbheil.
ainbhfheas, see ainfhios.
†ainbhfheileach, *a.* see ainbheileach.
ainbhfheòil, see ainfheòil.
ainbhfhiach, -eich, -an, see ainfhiach.
†ainbhfhiosach, *a.* Rude, ignorant, headstrong, resentful.
†ainbhidh,** *s. f.* Rainy weather.
ainbhios,* see ainfhios.
ainbhith, see ainmhidh.
————each, -eiche, *a.* Stormy, tempestuous. 2 Violent, passionate. see ainfhadhach.
ainbith, *a.* (‡an+bith, *un-world-like*) Odd, extraordinary.
†aincheard, -cheirde, *s.m.* Buffoon, ingenious fellow, imposter. 2 Buffoonery, low jesting.
————ach, -aiche, *a.* Jocose, humorous, jesting, buffoon-like, merry.
†————, see aincheard.
aincheardach, *a.* **Like a buffoon, of, or belonging to a buffoon. or buffoonery. 2 Ingenious.
aincheart,** *a.* Unjust, iniquitous.
————,** -cheirt, *s.m.* Prank, trick. 2 In-

justice.
aincheas, -eis, see aincheist.
aincheirdo, *gen.sing.* of aincheard.
aincheist, *s.m.* Danger, jeopardy, dilemma. 2 Perplexity, doubt. 3 Puzzle, riddle.
———each, *a.* Doubtful, puzzling. 2 Of, or pertaining to doubt or perplexity. 3 In jeopardy, doubt, or danger.
ainchiall,** -chéill, *s.f.* Peevishness. 2 Forwardness. 3 Testiness. 4 Madness.
†———ach, -aiche, *a.* Peevish. 2 Forward. 3 Testy. 4 Mad.
ainchis, -e, *s.f.* Curse, rage, fury.
ainchliste, *a.* Slow, tedious.
†ainchliù, *s.m.* Peevish person.
ainchrionailt, *s.f.* Acuteness, discernment, sagacity.
ainchrionna, *a.* Acute, sagacious.
†aincidh,** *s.f.* Doubt.
†aincis,** *s.f.* Skin, hide.
aindealbh, *s.m.* Unseemly figure, 2 Distorted picture.
———ach, -aiche, *a.* Unseemly, deformed.
†aindear, see ainnir.
aindeas, -eise, *a.* Unprepared. 2 Awkward, not clever, not ready-handed.
aindeas,** *s.m.* Adversity.
†aindeise, *s.f.* Affliction, calamity, awkwardness.
aindeòin, *s.f.* Reluctance. 2 Compulsion, force. 3 Defiance. Co dhiùbh is deòin leat no 's aindeòin, *whether it be your will or not;* g' ad' aindeòin *in spite of you.*
aindeònach, *a.* Reluctant, unwilling. Chaidh e dhachaidh gu h-aindeònach, *he went home unwillingly.*
———d, *s.f.* Unwillingness, reluctance, obstinacy. 2 Compulsion.
aindeiseil, -seala, *a.* Unpropitious, unprepared.
aindeiseilachd, *s.f.* Want of preparation. 2 Want of luck.
†aindhiarraidh,** *a.* Angry.
ain-diadhach, -aich, *s.m.* Atheist. 2 Ungodly person.
ain-diadhachd, *s.f. ind.* Ungodliness, profaneness, iniquity, impiety.
ain-diadhaidh, *a.* Profane, ungodly, wicked, impious, irreligious.
ain-diadhaidheachd, see ain-diadhachd.
ain-diadhail, *a.* see ain-diadhaidh.
ain-diadhalachd, see ain-diadhachd.
ain-dileas, *a.* False, unfaithful, faithless.
ain-dìlseachd, *s.f. ind.* Faithlessness. 2 Unfriendliness.
ain-dìsleachd, see ain-dìlseachd.
aindith,** *s.f. ind.* Extreme poverty.
ain-diuid, -e, *s.f.* Boldness, obstinacy, impertinence.
———each, -eiche, *a.* Obdurate, obstinate, petulant.
ain-dlighe, *s.m.* Injustice, unlawfulness, unjust law. 2 Trespass. 3 Usury.
ain-dligheach, -eiche, *a.* Lawless, unlawful, illegal, transgressing, unjust, undutiful.
———, -ich, *s.m.* Transgressor.
———d, *s.f. ind.* Unlawfulness, practice of injustice.
ain-dreann,* *s. m.* Fretfulness.
———ach, -aiche, *a.* Fretful, peevish.
———achd, *s.f. ind.* Fretfulness, peevishness.
aine,** *s. f. ind.* Delight, joy, pleasure. 2 Music, harmony.
†aine, *s. f.* Experience. 2 Good-will. 3 Agility, expedition. 4 Platter.
àine, (AC) *s. f.* Fire. Bhruich mi e ri àine caoire, *I toasted it to a fire of red-hot embers.*

Also see àin.
aine,* see adha *and* ae.
aineach, *a.* Imperative (*i.* mood in Grammar) —*Forbes' G. Gram.*
aineadach, -eiche, *a.* Vexing, galling.
aineadas, -ais, *s.m.* Vexation.
aineal, see aineòl.
ainealach, see aineolach.
aineamh, -eimh, *s.m.* Flaw, blemish, fault, injury, defect. Ceilidh seirc aineimh, *charity conceals faults;* dà reithe gun aineamh, *two rams without blemish.*
aineamhach, -aiche, *a.* Faulty, blemished, maimed, having defects or injuries. 2 Causing defects or injuries.
aineamhag, -aig, see ainneamhag.
aineamhaig, *gen.sing.* of aineamhag.
àinean, *pl.* of adha *or* ae. Os cionn nan àinean, *above the livers.*
aineart, *s.m.* see ainneart.
àineartaich, -e, *s.f.* (àinich) Yawning.
ain'eas, -eis, *s.m.* see ainteas.
aineas, -eis, *s.f.* (an+theas) Passion, joy. 2 Fury, frenzy. 3 Cruelty. 4 Bravery. Dùthaich gun aineas, *a friendly country.*
———ach, -aiche, *a.* Passionate, furious, enraged, raging, frantic. 2 Cruel. 3 Brave. 4 Hardy. Mar stuadhan aineasach, *like furious billows.*
———achd, *s. f. ind.* Furiousness, passionateness, frenzy, fury.
†aineasgair, *a.* see ainsheasgair.
ainéifeachd, *s.f. ind.* Insufficiency.
aineil, *gen.sing.* of aineal.
aineimh, *gen. sing.* of aineamh.
aineis, ,, ,, aineas.
†aineogail, *s.f.* Astonishment. 2 Stupor, torpor.
aineol, -oil, *s.m.* Stranger, foreigner. 2 Guest. 3 Unacquaintance. Ann an tìr m'aineoil, *in the country where I am unacquainted;* a' dol air aineol, *going where not known, wandering abroad;* cha'n fhaic aineol c'n lear no o'n fhasach, *a stranger from sea or wilderness will not behold;* is tròm geum bà air a h-aineol, *deep is the low of a cow on a strange pasture.*
———,** *a.* Strange, foreign, ignorant.
———ach, -aiche, *a.* Ignorant, unintelligent, rude, unlearned. Aineolach air seo, *ignorant of this.*
———aiche, *comp.* of aineolach.
aineolas, -ais, *s.f.* Ignorance, want of knowledge, nescience, illiterateness. Is tròm an t-eallach an t-aineolas, *ignorance is a heavy burden;* àm bhur n-aineolais, *the time of your ignorance.*
†ainer,** *a.* Proud. 2 Great. 3 Cruel.
ain-fheasach, *a.* Sensuous, lewd, lustful.
ainfheich, *gen. sing.* of ainfhiach.
ainfheòil, -fheòla, *s.f.* (ainuh+feòil) Proud flesh, corrupt flesh.
ainfheòla, *gen. sing.* of ainfheòil.
ainfhiach, -fheich, -fhiachan, *s.m.* Debt, obligation. Fo ainfhiach dhuit-sa, *under obligation to you.*
ain-fhìor, -a, *a.* Untrue.
ainfhios, -a, *s.m.* Ignorance. Air ainfhios dhuit, *unknown to you.*
———ach, -aiche, *a.* Ignorant, illiterate. 2 unintelligent.
ainfhiosrach, -aiche, *a.* Ignorant, illiterate, unintelligent.
ainfhiosrachd, *s.f.* Ignorance, illiterateness.
ain-fhìrinn, -ean, *s.f.* Untruth.
ain-fhiùgh, *a.* see ain-fhiùghach.
———ach, -aiche, *a.* Worthless. 2 Insignificant, contemptible.

————achd, *s. f.* Unworthiness.
†ain-fhuail, *s. f.* Chamber-pot.
aing'eachd, see aingidheachd.
aingeal, -il, *pl.* -il, -gle, -glean, -glich,(AC) *s.m.* Angel. 2 Messenger. 3 Fire. 4 Light. 5 Sunshine.
————ach, *a.* Angelic, of, or pertaining to an angel. 2 Of, or pertaining to fire.
————ach, *s.m.* see aingealachd.
————achd, ‖ *s. f. ind.* Numbness, torpidness, chillness.
aingealag,‖ -eig, *s. f.* Wood angelica. see lus nam buadha.
aingealail,** see aingealach.
aingealta, *a.* Malicious, vindictive. 2 Perverse, wicked, headstrong, froward.
————chd, *s. f. ind.* (aingidh) Frowardness, malignity, perverseness, wickedness. A gabhail tlachd an aingealtachd, *taking pleasure in wickedness* : aingealtachd 'n a chridhe, *frowardness in his heart.*
aingealtas, -ais, see aingealtachd.
†aingeis, *s. f.* Curse.
ainghean, -ein, *s.m.* Excessive love. 2 Excessive greed or avarice.
————ach, *a.* Exceedingly attached. 2 Excessively greedy or avaricious.
ainghearradh, -aidh, *s.m.* Short cut.
ain-ghnìomh, *s.m.* Bad deed.
ain-ghniomhach, *a.* Facinorous. 2 Wicked, atrocious, detestably bad.
aingidh, -e, *a.* Wicked, impious, vicious, bad. 2 Perverse, mischievous. 3 Cross, ill-natured.
aingidheachd, *s. f. ind.* Iniquity, sin, evil, wickedness, viciousness. 2 Perverseness. 3 Wrath. *A.* a' bhaile, *the wickedness of the city*; *a.* ur deanadais, *the evil of your doings*
aingil, *s.m., pl.* of aingeal.
aingle, -an, see aingeal.
aingtich,(AC) *pl.* of aingeal.
ainglidh, *a.* Angelic.
————each, *a.* see ainglidh.
————eachd,** *s. f.* Angelicalness.
ainglionta, *a.* see ainglidh.
ain-iarmartach, -aiche, *a.* Most furious.
àinich, -e, *s. f.* Panting, breathing hard.
ainich, see aithnich.
ainid, *a.* Vexing, galling.
————each, -eiche, *a.* see ainid.
ain-iochd, see an-iochd.
————mhoireachd, see an-iochdmhoireachd.
————mhor, see an-iochdmhor.
ain-iomad, -aid, *s. f.* Too much.
————achd, *s. f.* Superfluity, superabundance
ain-iomadaidh, *a.* Superfluous, unnecessary. 2 Exuberant.
ain-iosal, *a.* Haughty, imperious.
ainirich, see eanraich.
ainis, *s. f.* Anise.
ain-iùl, see an-iùl.
†ainle,** *a.* Fair, comely, well-featured.
ainle, *s. f.* Wild cat. (?)2 Green-fly.
†ainleachd, *s. f.* Comeliness.
†ainleag, -eig, *s. f.* Snare. 2 Sting.
————, -eig, (for fainleag) Swallow, see gobhlan-gaoithe.
———— dhubh, *s. f.* Swift (bird) see gobhlan mór.
———— -mhara, *s.f.* Swift (bird) see gobhlan mór. 2**Black martin.
———— -mhonaidh, *s. f.* Alpine swift (bird) see gobhlan-monaidh.
———— mhór, *s. f.* Swift (bird) see gobhlan mór.
†ainlean, *v.a.* Persecute, pursue.
ainleanmhuinn, *s. f.* Persecution.
ain-leas, -eis, *s.m.* Slander. 2**Difference. 3 **Mischief. 4**Theft.
ain-leatrom, -uim,*s. m.* Oppression, injustice.
————ach, -aiche, *a.* Highly injurious.
ainm, -e, *pl.* -ean, -eannan, *s.m.* Name. 2 Substantive noun. 3 Character. An t-ainm gun an tairbhe, *the name without the profit;* is fhasa deagh ainm a chall na 'chosnadh, *a good name is easier lost than won;* c'ainm a th'ort? *what is your name?* ciod is ainm do seo, *or* c' ainm th'air seo? *what is the name of this?*; duine d'am b'ainm Aonghas, *a man named Angus;* Maighistir——c'ainm a th'air? *Mr. ——what's his name?*
ainm-chlar, -air, -an, *s.m.* Catalogue. 2 Index.
ainmeachadh, -aidh, *s.m.* Naming, appointing. 2 Mentioning. 3 Nominating. 4 Nomination. Ag a—, *pr. part.* of ainmich.
ainmeachail,** *a.* Appellative.
ainmeachair,** *s.m.* Assigner.
ainmeachas, -ais, *s.m.* Mere naming, nothing but the name.
ainmealachd, *s. f. ind.* Celebrity, fame, renown, notoriety.
ainmeanach, -aich, *s.m.* Nominative (case in grammar.) 2 Nominator. 3 see ainmeanaiche.
ainmeanaiche, *s.m.* Denominator.
ainmear, *s.m.* Substantive *or* noun in grammar.
ain-measarrach.** -aiche, *a.* see ana-m—.
ain-measarrachd,** *s. f. ind.* see ana-m—.
ain-measarradh, see ana-measarradh.
ainmeic, ainmeig, } *adv.* see ainmig.
ainmeil, -e, *a.* Celebrated, renowned, famed, famous. 2**Namely. Dh'fhàs iad sin 'n an daoine ainmeil, *those became men of renown*; gu h-ainmeil, *especially, famously.*
————eachd,** *s. f. ind.* see ainmealachd.
ain-mèin, -e, *s. f.* Pride, haughtiness, arrogance, frowardness.
————each, -iche, *a.* Perverse, froward. 2 Illiberal, churlish.
————eachd, *s. f. ind.* Perverseness, frowardness. 2 Illiberality, churlishness.
ain-mèinn, -e. see ain-mèin.
ain-mheas, -eis, *s.m* Reward, recompense, remuneration.
————ach, -aiche, *a.* Proud-spirited. 2 Immeasurable, huge.
ain-mheasardha, ain-measarra, } *a.* see ana-measarrach.
ain-mheasardhachd, *s.f.ind.* ain-mheasardhas, -ais, *s.m.* ain-mheasarrachd, *s. f. ind.* ain-mheasarras, -ais, *s.m.* } see ana-measarrachd.
ain-mheid,** *s. f.* Wonder, rarity.
ain-mhèin, see ain-mèin.
————neach, see ain-mèineach.
ain-mhiann, see ana-miann.
————ach, see ana-miannach.
ainmhide, -ean, *s.m.* Rash fool, loquacious fool, babbler.
————achd, *s.f.ind.* Rash folly.
ainmhidh, -e, -ean, *s.m.* Brute, animal, beast. An ainmhidhean uile, *all their beasts.*
————each,** -eiche, *a.* Brutal, brutish. 2 Of, or belonging to a brute.
————eachd, *s. f. ind.* Brutality. brutishness.
ain-mhireach, -ich, see ana-bhiorach.
ain-mhisneachd, *s. f. ind.* Pusillanimity.
ain-miann, *pl.* -mianna, see ana-miann.
anmic, see ainmig.
ainmich, *pr.part.* ag ainmeachadh, *v.a.* Name, appoint, mention, fix upon, nominate. Ainmich do thuarasdal, *appoint your wages;* ainmich co e siod, *mention who yonder man is.*

ainmichte, *pt.part. v.* ainmich, Named.
ainmig, *adv* (an+minig) Seldom, rarely, scarcely. Is ainmig a thig e, *he seldom comes*; b'ainmig a leithid, *his like (equal) was rare*; b'ainmig bha mo bhuillean faun, *seldom were my blows weak.*
ainmigead,** -eid, *s.m.* Rareness, scarceness. 2 Increase in scarceness. A' dol an ainmigead, *getting scarcer and scarcer.*
ainm-lite,** *s.f.* Catalogue, index.
ainm'nic, see ainmig.
ainmnichte, see ainmichte.
ainmnichthe, -ean, *s.m.* Assignee.
†ainn,** ainne, *s.* Circle. 2 Ring.
ainndeòuachadh, see aindeònachd.
†ainneadh,** -eidh, *s.m.* Patience.
ainneal, -eil, *s.m* see aingeal.
————ta, see aingealta.
ainneamh, -eimhe, *a.* Rare, scarce, curious. 2 Curiously formed 3**Valuable. Crios ainneamh, *a curious girdle*; is ainneamh a leithid, *his match is seldom met with.*
————,* *adv.* Seldom. Is ainneamh a thig thu, *you seldom come.*
————ach, see ainneamh.
————achd, *s.f. ind.* Rareness, scarceness.

6. Ainneamhag.

ainneamhag, -aig, *s.f.* Phœnix.
ainneanta,** *a.* Dogmatic.
ainneart, -eirt, *s.m.* (ain, *excess*+neart) Violence, force, oppression. Ainneart air a' choigreach, *violence on the stranger*; luchd ainneirt, *oppressors.*
————ach, -aiche, *a.* Oppressive, violent, tyrannical, overbearing.
————achd, *s.f. ind.* Practice of oppression. 2 Force, violence.
————mhor, *a.* Feeble.
ainneoin, see aindeòin.
ainngealta, see aingealta.
ainnichte, *a* Made patient. 2 Tamed.
ainnighte,* (ainneadh) see ainnichte.
ainnir, -e, -ean, *s.f.* Virgin, maid. 2** Marriageable woman 3**Young woman. Ainnir fo bhròn, *a maiden mourning;* ainnir a cheud ghràidh, *the maid of his first love.*
——each, *a.* Like a beauty.
ainnis, } *a.* Poor, destitute, needy, abject.
ainniseach, } Tha mi ainnis lom, *I am poor and naked.*
ainnis, } *s.f.* Poverty. 2 Abjectness.
ainniseachd, } 3 Poor or needy person. 4** Desperateness. A' slugadh an ainnis, *swallowing up the needy.*
ainniuigh, -ean, *s. m.* Sigh, sob.
ainnsteil, *s.f.* Disturbance, commotion. 2 Disorder.
ainreite, see aimhreit.
ainriochd, *s m.* Miserable plight. 2 Pitiful condition. 3 Frightful bodily appearance.
————ail *a.* Shapeless, ill-formed. 2 Disguised.
ainsearc, -eirc, *s.f.* Hatred.
ainseirceach, -aiche, *a.* Malignant, unfeeling, uncharitable, cruel.
ainseircealachd, *s. f. ind.* Uncharitableness, want of affection.
ainseirceil, -e, *a.* see ainseirceach.
ainsgean, -ein, *s.m.* Fury. 2 Fright, terror. 3 Bad temper. Chaidh an t-each air ainsgean, *the horse ran off in a fright.*
ainsgeiu, -e, *s.f.* Sudden movement, starting fit. 2 see ainsgean.
————ach, -aiche, *a.* Ill-tempered. 2 Furious, wild. 3 Apt to take fright, as a horse.
ainsgian, *s.m.* see ainsgean.
ain-sheasgair, *a.* Without favour or protection, destitute.
————eachd, *s.f.* Rudeness, violence.
ain-sheirc,** *s.f.* Excessive hatred. 2 Cruelty.
————eil, *a.* Hating, abominating. 2 Cruel.
ain-spiorad, *s.m.* Evil spirit.
ain-sriauta, *a.* Unbridled, untamed. 2 Debauched. 3 Obstinate.
ain-sriantach, -aich, *s.m.* Libertine. 2 Debauchee.
ain-sriantas, -ais, *s. m.* Libertinism. 2 State of being untamed, as a horse.
ainteach,** *s.m.* Religious abstainment from eating flesh.
†————,** *a.* Boastful, vain-glorious.
ainteann, *a.* Bound, 2 Very stout. 3 Bold.
ain-teas, -eis, *s.m.* Excessive heat. 2 Inflamation. 3 Impetuosity, keenness, violence of manner. 4 Ardour, fervour, zeal, enthusiasm.
————ach, -aiche, *a.* Violently hot. 2 Fiery, impetuous.
————achail, see ain-teasach.
————achd, *s.f.ind.* Feverishness.
ain-teasaigheachd, see ain-teasachd.
ainteil, *a.* Preceptive, mandatory.
ain-teist, -ean, *s.m.* False-witness. 2 Bad character.
————eanas, -ais, *s.m.* False testimonial, false certificate, unjust certificate.
————eas, -eis, *s.m.* False testimony.
————eil, -e, *a.* Ill-famed, uncreditable.
ain-teth, *a.* Scorching, exceedingly hot. 2 Ardent, vehement, eager. 2 Inflamed. Ain-teth chum àir, *ardent for battle.*
aintheasachd, see ain-teasachd.
†ainthinne, see athainte.
aintighearn, -a, *s.m.* Tyrant. 2 Oppressor, overbearing ruler.
————achd, see aintighearnas.
————ail, -e, *a.* Tyrannical. 2 Oppressive.
————as, -ais, *s.m.* Tyranny. 2 Oppression. 3 Domineering. 4 Despotism. 5**Absoluteness. Am fuath a th'againn air *a., the hatred we have of despotism.*
ain-tioma, *s. f. ind.* Intrepidity, valour.
ain-tiomail, -e, *a.* Intrepid, valiant.
ain-tiomalachd, *s. f. ind.* Fearlessness, courage, boldness, bravery.
ain-treun, -tréine, *a.* Ungovernable. 2 Very powerful.
————as,** -ais, *s.m.* Great strength.
-air, *termination* of nouns, appearing also as -eir, -ir, -oir, and -uir, and signifying *agent* or *doer.*
air, *prep.* On, upon. 2 Of, concerning. 3 For, on account of. 4 By. 5 With. 6 Also signifying the same as if joined in its first sense with the pers. pronoun *e.* 7 On, an oath or assertion. 8 On, upon, denoting time. 9 With, accompanied by. 10 Claim of debt.
The above are the meanings of *air* used as a simple preposition, but it has idiomatic uses almost without number in various combination with verbs and other parts of speech.

air (*cont.*)—

Na'm faighinn am fear a tha air chall oirbh, *if I should find the man that is lost* FROM *you*, [if translated here BY *you*, it implies that "you" lost the man, which may not be true] theich e orm, *he fled* AWAY FROM *me*; chluich e an cleas orm, *he played the trick* ON *me;* cheil e an gnothach orm, *he hid the matter* FROM *me;* ghàir e orm, *he laughed* AT *me;* ni mi sgeul ort, *I will make a tale (inform)* AGAINST *you;* dh'ith e ar n-iasg oirnn, *he ate our fish* FOR (ON) *us*, [i.e. in spite of us, *not* to oblige us.]

In these examples *air* translates differently into English in every case, but the differences are caused by the English verbs, each of which requires its own preposition as a complement. Classing these under the various meanings would hide from the learner the fact that the Gaelic prep. has the same meaning in each case—adversity, adverse circumstances, mishap, disaster, trickery suffered, &c.

Examples given by MacAlpine:—

Iomradh air do ghliocas, *a report of thy wisdom;* air beinn, *on a mountain;* air sgàth, *for the sake of;* air ainm, *by name;* air bheagan, *possessing little;* air an aobhar sin, *for that reason;* air mo shon-sa dheth, *for my part, as far as I am concerned;* air éigin, *with much ado,* [*with much difficulty, scarcely, hardly*]; air a h-aon, *for one,* [thuit tri le Bran air a h-aon, *Bran, for one, killed three*]; air seachran, *astray;* air falbh, *away, from home;* air uairibh, *sometimes;* tha eagal air, *he is afraid;* tha acras air, *he is hungry;* air chor, *so that;* air chor éigin, *somehow or other*; duine air chor éigin, *some person or other;* air meud 's gu bheil e, *let it be ever so great;* [air a mheud 's gu'n tig dhiubh, *however many of them come*]; cha d'fhuair mi ni air, *I got nothing for it;* dè tha a' cur air? *what is the matter with him?*

Examples from Stewart's Gaelic Grammar:

ON, UPON—air an làr, *on the ground;* air an là sin, *on that day.* CLAIM OF DEBT—ioc dhomh na bheil agam ort! *pay me what thou owest!* cia meud a th'aig mo thighearn ort-sa? *how much owest thou unto my lord?* OATH—air m'fhacal, *upon my word;* air làimh t'athair 's do sheanair. *by the hand of your father and grandfather;* [air na chunnaic thu riamh na fosgail e, *for the sake of all you ever saw do not open it.*] (Thig air) SPEAK or TREAT OF—thig mo bheul air do cheartas is air do chliù, *my mouth shall speak of thy justice and thy praise*; sin cùis air a bheil mi nis a' teachd, *that is a matter of which I am now to treat;* tog ort! *rouse thyself!* chaidh agam air, *I prevailed over him;* 's ann orms' a chaidh, *it is I that was worsted.* Thug e am monadh air, *he betook himself to the mountain.* IN RESPECT OF—cha'n fhaca mi an samhuil air olcas, *I never saw their like for badness*; air a lughad, *however small it be.* JOINED WITH, ACCOMPANIED BY—móran iaruinn air bheag faobhar, *much iron with little edge*; oidhche bha mi 'n a theach air mhóran bidh 's air bheagan aodaich, *I was a night in his house with plenty of food but scanty clothing*; air leth làimh, *having but one hand.* MEASURE, DIMENSION—dà throidh air àirde, *two feet in height.* ALTERNATION—Olc air mhath leat e, *whether you take it well or ill.*

Examples from Armstrong:—

Air chòir, *nobly, properly, as usual* [*truthfully*]; air seo, *upon this, then*; air iomrall, *astray*; air chuthach, *mad*; air neo, *else, or else*; air muin, *on, upon, above*; chaidh e air a muin, *he had carnal connection with her*; bithidh sin air bhuil, *that will come to pass.*

Addition l:—

'Nuair a thig air duine thig air uile, this means that fortunes and misfortunes do not come singly, and is a Gaelic equivalent of *it never rains but it pours*; tha a' mhisg air, *he is drunk*; cha'n 'eil air ach—, *there is nothing for it but—.* Chaidh e air chéilidh orra, *he went to visit them;* air tòrradh, *at a funeral;* air banais, *at a wedding;* air a lughad is fheàirrd, *the smaller the better;* bha e air mo mhuin gu'n &c., *or* bha e air m'aodann gu'n &c., *he was always worrying me to &c.*, gabh air, *thrash him*; éirich'air, *belabour him*; éirich air an òran, *sing the song well*; mór orm agus beag agam, *very patronizing to me and little thought of by me.*

☞ *Air*, it may be stated, always signifies something of a very temporary duration.

[*Air* governs the Dative case of nouns following it. Though it is said not to cause aspiration by rule, there are many instances in set phrases in which it does, as, air dheireadh, *behind*; air thoiseach, *before*; air chionn, *in readiness for*, [air chionn dhomh bhi deas, *by the time I was ready.*] It may be observed that where it causes aspiration it cannot be translated *upon*,—tha i air chall, *she is lost.* The reason for this difference seems to be that *air* in Modern Gaelic misrepresents the old prepositions *ar* and *for*. *Ar* meant *before, against, beside*, and it caused aspiration of the word following, because it formerly ended in a vowel (*are* or *ari.*) *For* meant *upon*, and did not cause aspiration. This *for* is the *air* proper of Modern Gaelic grammar.‡]

Examples given above in brackets, thus [ ] are additions to those given by the authors mentioned.

Combined with the personal pronouns thus:

1 Sing.	orm,	*Plur.*	oirnn,
2	ort,		oirbh,
3	air, *m.* / oirre *f.*		orra, *m. & f.*

Emphatic forms.

1 Sing. orm-sa, orm-fhéin, *pl.* oirnne, oirnn-fhéin.

2 Sing. ort-sa, ort-fhéin, *pl.* oirbh-se, oirbh-fhéin.

3 Sing. (*m.*) air-san, air-fhéin; (*f.*) oirre-se, oirre-fhéin, *pl., m. & f.* orra-san orra-fhéin.

air, *prep. pron.* On him, on it. 2 Upon him, upon it. 3 In his possession. 4 On him as a duty. Tha 'aodach air, *his clothes are on him*; cha d'fhuair mi ni air, *I got nothing in his possession*; tha e air ri phàigheadh, *he is bound to pay*; chaidh agam air, *I got the better of him, I managed to do it.*

àir, *gen. sing.* of àr.

àir, *v.a.* Plough, till, cultivate. 2 Number, count. Iadsan a dh'àireas euceart, *they who plough iniquity.*

air achd, *adv.* So that.

air a chor sin, *adv.* In that state, in that manner.

air adhart, *adv.* Forward.

air a h-uile cor, *adv.* At all events.

air àird, *adv.* In order, in train.

air alt's, *adv.* So that.

air a' mhionaid, *adv.* This moment, immediately.

air an aobhar sin, *adv.* Therefore.

air an uair, *adv.* Presently, instantly.

air athais, *adv.* Slowly.

air ball, *adv.* Immediately, on the spot.

air bàrr, *adv.* Atop.
air beulaobh, *prep.* (‡beulaibh, *dat. pl* of beul) Before, in front of.
†àirbhe, *s.f.* Ribs. 2 Story. 3 Emolument, profit. 4 Produce.
†àirbheach, *a.* Ribbed, furrowed.
àirbheart, -eirt, *s.m.* Meaning. 2 Leading idea. 3 Leading. 4 Practising.
————ach, -aiche, *a.* Sagacious.
air bhoil, *adv.* Mad, crazy.
air bhò'n dé, *adv.* The day before yesterday.
air bhò'n raoir, *adv.* The night before last.
air bhò'n uiridh, *adv.* The year before last.
air bhòrd, *adv.* Boarded, as a boarder.
air bhraise, *adv.* Agog.
airbhinneach, -eiche, *a.* Honourable. 2 Venerable.
airbhre, *s.f.* Multitude, host. 2 Army, legion.
air bòrd, *adv.* On board, as of a ship.
àirc, -e, -ean, *s.f.* Ark. 2 Large chest. 3 Granary. Stad an àirc, *the ark rested.*
airc, -e, *s.f.* Distress, affliction, difficulty, trouble, poverty, strait, hardship. Saoi 'n a airc, *a hero in distress* ; 's mairg a shìneadh lamh na h-airce do chridhe na circe, *woe to him who stretches poverty's hand to the hen-hearted (cowardly);* arau na h-airce, *bread of affliction;* tha mi an airc, *I am in a strait.*
†airc,** -e, *s.f.* Cork-tree. 2 Sow. 3 Lizard. Airc luachrach, *a lizard.*
†——each,** *a.* Ingenious. 2 Shifty.
airceach, -eiche, *a.* Indigent, poor.
————, -eich, *s.f.* Indigent person.
†airceadh,** -eidh, *s.m.* Earnest penny.
airceann, *a.* Certain, positive.
————as, -ais, *s.m.* Certainty, positiveness.
airceas, -ais, *s.m.* Scarcity. 2 Poverty, indigence. 3 Straitness. 4 Sorrow, distress, trouble. 5 Pain. 6 Difficulty. 7 Restraint. 8**Maturity. Gun airceas mealaidh sibh, *ye shall enjoy without restraint* or *without trouble.*
————ach, *a.* Sorrowful. 2 Troublous. 3 Causing sorrow or pain.
airceil, -e, *a.* see airceach.
air chall, *adv.* Astray, lost.
air chàrn, *adv.* Outlawed.
airchealla, see aircheallaidh.
aircheallaidh, -aidh, *s.m.* Sacrilege, theft.
airchill, *s.f.* Keeping.
air chionn, *adv.* To the end that. 2 For the use or purpose of. Air chionn daibh a bhi deas, *by the time they were ready.*
airchiosach, -aiche, *a.* Greedy, gluttonous.
airchis, *s.f.* Complaint. 2**Pledge. 3**Meeting.
air chòir, *adv.* Right, well. Cha d'fhuair e oibreachadh air chòir, *he did not get a proper chance of working.*
air chor éigin, *adv.* Somehow or other.
air chruaidh,(AC) *adv.* (cruaidh, *stone used as an anchor*) At anchor.
air chuairt, *adv.* Sojourning.
air chùl *adv.* Behind.
air chuthach, *adv.* Mad, crazy.
aircill, *v.a.* Lie in wait. 2 Listen secretly.
airciseach, -eiche, *a.* Difficult. 2 Strait. 3 Hungry.
aircleach, -eich, *s.m.* Cripple, any disabled or slovenly person. An dall air muin an aircleich, *the blind on the back of the cripple.*
airc luachrach, see dearc-luachrach.
air cùlaobh, *adv.* (‡cùlaibh, *dat. pl.* of cùl) Behind, at the back of.
aobhachd, *s.f.ind.* Joyfulness, cheerfulness 2 Beauty.

aobhaiche, *comp.* of aobhach.
aobhair, *gen. sing.* of aobhar.
aobhar, -air, -airean, *s.m.* Cause, reason. 2 Subject, matter. *A.* bròin, *a cause of grief*; cha'n 'eil *a.* gearain ann, *there is no reason to complain*; air an *a.* sin, *for that reason, therefore*; *a.* còta, *materials for making a coat*; *a.* bhròg, *materials for making shoes*; gun *a.*, *without reason*; is mór m'*a.*, *great is my reason*; thuit iad ann an deagh *a.*, *they fell in a good cause*; *a.* eagail, *cause of terror*; *a.* gàire, *a laughing-stock*; *a.* guil, *a cause for weeping.*
———ach, -aiche, *a.* Casual. 2 Reasonable. 3*Giving rise to.
———achd, *s.f.ind.* Causality.
aobharrach, -aich, *s.m.* Elements. 2 Materials. 3 Young person. 4 Young beast of good or bad promise. Is math an t-*a.* an gamhainn sin, *that stirk promises well*; is tu an t-*a.* ciatach, *you are a youth that promises well indeed.*
aobrainn, *gen.sing.* of aobrann.
aobrainnean, *n.pl.* of ,, ,,
aobran, see aobrann.
aobrann, -ainn, *pl.* -ainnean, [** -anna & -annan,] *s.m.* Ankle. 2**Ankle-bone, ankle-joint. Gu ruig na h-aobranna, *to the ankles*; as an *a.*, *out of the ankle-joint.*
aobranna, aobrannan, *n.pl.* of aobrann.
aobrunn, -uinn, see aobrann.
aoc, (AF) *s.m.* Flock of sheep.
ao-coltach, see eu-coltach.
———d, see eu-coltachd.
ao-cosail, see eu-coltach.
ao-cosalachd, see eu-coltas.
ao-coslach, see eu-coltach.
aodach, -aich, -aichean, *s.m.* Cloth. 2 Clothes, dress. 3(AH)Sails of a boat. Aodach 'sa' bheairt, *cloth in the loom*; cuir ort t'aodach, *put on your clothes*; *a.* canaich, *cotton cloth, calico*; *a.* leapach, *bed-clothes*; *a.* lìn, *linen cloth*; *a.* olla, *woollen cloth.*
———adh, -aidh, *s.m.* Clothing, dressing, covering.
aodaich, *pr.pt.* ag aodachadh, *v.a.* Clothe, dress, cover.
———, *gen.sing.* of aodach.
———ear, *fut.pass.* of aodaich.
———idh, *fut aff. a.* of aodaich.
———te, *pt.pt.* of aodaich.
aodainn, *gen.sing.* of aodann.
aodann, -ainn, *n.pl.* -ainnean, *s.f.* Face, forehead, visage. 2 Surface. 3 **Impudence. As an *a.*, *expressly, to the face, outright, in defiance*; an cron a bhitheas 'san aodann cha'n fhaodar a chleith, *the blemish in the face cannot be hidden*; nach ann aige tha'n aodann! *what impudence the fellow has!* ri *a.* sléibh a' leumnaich, *bounding on the face of the hill*; clàr an aodainn, *the brow, forehead.*
aodannach, -aiche, *a.* Aspected.
———sréine, *s.f.* Front-stall of a bridle.
aodannan, -ain, *s.m.* Little face. 2 Frontlet. 3 Frontispiece.
aodarman, see eutroman.
†aodh,** *s.m.* Liver. 2 Eye. 3 Sheep.
†aodh,** *s.f.* Fire.
aodhair, -ean, *s.m.* see aoghair. †2**Fiery desolation, conflagration.
———eachd, see aoghaireachd.
aodhairean, see aoghairean.
†aodhar,** -air, *s.m.* Worship. Bheir sinn *a.* dhà, *we will worship him.* see aoradh.
aodhlamaid, -e, -ean, see foghlumaiche.
aodhnair,** -ean, *s.m.* Gaelicized form of *owner.* 2 Author.
aodhnaireachd,** *s.f.ind.* Ownership. 2 Authorship.
ao-dìon, *s. m. ind.*
ao-dìonach, -aiche, *a.*
ao-dìonachd,* *s.f.*
ao-dòcha, *a., comp.*
ao-dòchas, -ais, *s.m.*
ao-dòchasach, -aiche, *a.*
ao-dòchasachd, *s.f.*
} see eu-d—.
aodramain, *gen.sing.* of aotraman.
aodroman, -ain, see aotroman.
aodunn, see aodann.
aog, aoig, *s.m.* Death. 2 Ghost. 3 Spectre. 4 Skeleton. Is tu an t-aog duaichnidh, *you are a miserable-looking skeleton*; neul an aoig, *the colour of death*; a' dol aog, *dying, getting useless, becoming vapid as liquor.* see eug.
aogachadh, see aognachadh.
aogaidh, see aogail.
aogail, -e, *a.* Ghastly, death-like. 2 Deadly.
aogaileachd,** *s.f.* Ghastliness. 2 Ghostliness.
aogais, see eugmhais.
aogas, -ais, -ean, *s.m.* Countenance. 2 Image, likeness, resemblance. 3 Appearance. [Is cosmhuil 'aogas ri Diarmad, *his form is like Dermot's*; t'*a.* maiseach, *thy lovely countenance* *a.* do bharca, *the likeness of thy bark.*
aogasach, -aiche, *a.* Seemly, decent, becoming. 2 Pretty, comely, of good appearance.
aogasachd, *s.f.* Seemliness, comeliness, decency.
aogasaiche, *comp.* of aogasach.
aogasail,** -e, *a.* Seemly, comely, becoming. 2 Of an imposing exterior.
aogasg, -aisg, see aogas.
aoghair, -e, -ean, *s.m.* Shepherd, herdsman, pastor. 8**Protector. The *aoghairean* of the Hebrides, according to Pennant, are farm servants who have the charge of cultivating a certain portion of land and of overseeing the cattle it supports. They have grass for 2 milch cows and 6 sheep, and also one tenth sheaf of the produce of the said ground, and as many potatoes as they choose to plant.
aoghaireachd, *s.f.ind.* Shepherding.
aoghairean, *n.pl.* of aoghair.
aognachadh, -aidh, *s.m.* Becoming lean or death-like. 2 Withering, fading. Ag a—, *pr.part.* of aognaich.
aognaich, *pr.part.* ag aognachadh, *v.n.* Become lean or pale, as death. 2 Wither, fade. 3 **Disfigure. Aognaichidh aogas nan aonach, *the face of the hills shall grow pale.*
aognaich, *v.a.* Emaciate, make lean or pale.
aognuidh, -e, *a.* Emaciated, frightful.
aogus, -uis, see aogas.
†aoi, *s.m. & f.* Age 2 see aoigh, *s.m.* 3 Trade, handicraft. 4 Law, rule. 5 Cause. 6 Controversy. 7 Confederacy. 8 Compact. 9 Flock of sheep. 10 Sheep. 11 Swan 12 The liver. 13 Possession. 14 Hill. 15 Place, region. 16 Island. 17 Honour. [For the meanings nos. 5, 6, 10, 11, 13, and 15 see also †ai.]
aoibh, -e, *s.f.* Courteous civil look. 2*Cheerful countenance. 3** Patrimony. Is fuar taigh mur bi *a.* air bean-an-taighe, *cold is the house if the goodwife be not cheerful.*
aoibh, *a.* Pleasant, comely, joyous, courteous, cheerful.
aoibh! *int.* Huzza!
aoibhe,** *s.f.* Neatness, elegance.
aoibheachd, *s.f.ind.* Cheerfulness. 2 Politeness.
aoibheal, -eil, see eibhle.
aoibhealachd,* see aoibheachd.
aoibheil,* *a.* Kind, courteous, affable. 2 Handsome, comely, beautiful.
aoibhinn, -e, *a.* Pleasant, comely. 2 Joyful,

glad, Oigridh *a.*, *pleasant or joyous youth*; mo ghàir *a.*, *my joyful laugh.*
aoibhinn,** *s.f.* Joy. *A.* dhuit, *joy be with you.*
aoibhinneach, see aoibhneach.
†aoibhle,** *s.f.* Sign, mark, omen, token.
†aoibhlich,** *v.* Explain an omen.
aoibhneach, -eiche *a.* Pleasant, cheerful, glad, joyful, happy, agreeable. A' toirt sgéil aoibhnich, *giving glad tidings.*
aoibhneas, -eis, *s.m.* Gladness joy, pleasure. *A.* a shlighe, *the joy of his way*; ni t'athair *a.*, *thy father will rejoice.*
aoibhneasach,** -aiche, *a.* Joyful, glad 2 causing joy.
aoibhneich, *gen. sing.* of aoibhneach.
aoibhneiche, *comp.* of ,,
†aoide,** *s.f.* Web. 2 Youth.
aoideach, -aiche, *a.* Youthful.
aoideag, -eig, *s.f.* Hair lace, fillet.
†aoidean, -ein, *s.m.* Leak.
†aoideanach, -eiche, *a.* Leaky. 2 Yonthful.
aoidh, -e, *s.f.* see aoibh.
aoidh, -e, *pl.* -ean & -eanna, *s.m.* see aoigh.
aoidheach, -eiche, *a.* } see aoigheach.
aoidheach, -eich, *s.m.* }
aoidheachd, } see aoigh—.
aoidheachdach, }
aoidheil, }
aoidhealachd. }
aoi-dìon, } see ao-d—.
aoi-dìonach, }
aoi-dìonachd, }
aoig, *gen.sing.* of aog.
aoigh, -e, -ean & -eanna, *s.m.* Stranger, guest, traveller. 2**Skilful person. †3**Hero.
aoigh,†† -e, -ean, *s.f.* see aoibh.
aoigheach,** -eich, *s.m.* Guest, stranger. 2 Hospitable person.
aoigheach, see aoigheil. 2††Beggary.
aoigheachd, *s.f.ind.* Entertainment, lodging, hospitality. 2 see aoibheachd. Air aoigheachd, *enjoying hospitality*; thug iad *a.* dhuinn, *they lodged* or *entertained us*; *a.* Mhuisein, siùthad, siùthad, a bhean-an-taighe, cha'n 'eil thu a' gabhail sìon, *the churl's hospitality, help yourself goodwife, you're not taking anything* (the churlish host instead of attending to the guest is attending to his own wife); *a.* Thormaid mhóir, fuirich, fuirich, tha a' chearc 'sa' chliabh agus a' bhean 'sa' chladach, *big Norman's hospitality the hen 's in the creel and the wife 's at the shore*, (this meant a wholesome diet of eggs and shell-fish, and illustrates well that true Highland hospitality which gladly shares its all, however little that may be, with a stranger.)
aoigheachdach, -aich, *s.m.* Sorner, one who taxes the hospitality of his friends too much.
aoighealachd, see aoigheachd.
aoigheil, -eala, *a.* see aoibheil. 2 Hospitable, cheerful. An gasan *a.*, *the hospitable stripling*
aoighean, *n.pl.* of aoigh.
aoil, *gen.sing.* of aol.
†aoil,** *s.f.* The mouth.
†aoilbhinn,** *s.f.* Small flock.
†aoilbhreo,** *s.m.* Lime kiln.
†aoileach,** -eich, *s.m.* Gazing-stock. 2 see aolach.
aoileanach,** see oileanach.
aoileann, -inn, *s.f.* see faoileann.
aoileann,** *a.* Fine, excellent, charming.
aoileannachd,** *s.f.* Beauty.
aoileanta,** *a.* Beautiful, charming. Oigh aoibhinn *a.*, *a cheerful beauteous maid.*
aoilinn, *gen. sing.* of aoileann.
aoillinneach, *a.* see faoilinneach.
aoilseag, -eig, -an, *s.f.* Caterpillar.
aoilseagach,** *a.* Abounding in caterpillars. 2 Like a caterpillar.
aointe, see aonta.
aoin, *pr.pt.* ag aonadh, *v.a.* Unite, join. Air aonadh ris, *joined to him.*
aoin, *gen.sing.* of aon. Làmh gach aoin, *the hand of every one.*
†aoin, *s.f.* Rush. 2 Honour. 3 see Aoine.
aoine, *s.f.* Skill.
†Aoine, *s.f.* Friday,—*now* Di-haoine. 2 Fast. Aoine-na-Ceusda, *Good Friday.*
aoineach,** *a.* Fasting.
aoineadh, -nidh, *s.m.* Steep promontory.
aoineagan, -ain, -an, see aonagail.
aoin-fhillte, *a.* see aon-fhillte.
— ————achd, *s.f.ind.* Singleness.
aoin-inntinn, see aon-inntinn.
————each, *a.* see aon-inntinneach.
aoin-sgeulach, see aon-sgeulach.
aoir, *v.a.* Satirize, lampoon. 2††Curse.
aoir, -e, -ean, *s.f.* Satire, lampoon, ribaldry, raillery. 2††Curse.
aoir, -e, -ean, *s.m.* Sheet *or* bolt-rope of a sail. Fear gealtach 'san *a.*, *a timorous person holding the sheet* (*i.e.* a cause of danger.)
aoir,** Contraction of aoghair.
aoireachas, -ais, see aoireadh.
aoireachd, *s.f.ind.* Lampooning, satirizing. 2*Libel.
aoireadh, -ridh, -ridhean, *s.m.* Lampooning, satirizing. 2**Corner of a sail. 3††Cursing.
aoireannan, (*for* aoghairean) *pl.* of aoghair.
aoiridh, *fut.aff.a.* of *v.* aoir.
aoirneagaich, see aonagaich.
aoirneagan,* see aonagail. 'G *a.* 'na fhuil, *weltering in his blood.*
aoirneagain,* see aonagail.
aois, -e, *s.f.* Age. 2 Old age. 3 Antiquity. Dè 'n aois a tha thu? *what is your age?* is mairg a dh'iarradh an aoise! *pity him that wishes extreme old age!* air son 'aoise, *for its antiquity*; iarguinn na h-aoise, *the evil effects of old age*; bha Noah còig ceud bliadhna dh' aois, *N. was 500 years old*; ann an làn aois, *in full age*; 'n uair a thig thu gu h-aois; *when you come to age*; tha m'aois fo dhòruinn, *my old age is sorrowful*; aois leisgein, ceithir fichead ri muir-tràigh, is tri fichead ri muir-làn, is gann fichead 'n uair bhios a' ghealach làn, *the sluggard's age, eighty at low-water, sixty at high-water, and scarcely twenty when there's a full moon.* (At low-water, while the sea-ware is being gathered for manure, the sluggard is as feeble as a man of eighty, at high-water, when less difficult work is engaged in, he is a little livelier, but still incapable of much exertion, but when night comes, especially if there should be moonlight, he is as lively as a young fellow of twenty, and probably walks many miles on courting errands.)
aois, *s.f.pl.* People, community of any particular kind, designated by its adjacent. Aois-ciùil, *musicians.*
aois-dàna,** *s. pl.* Bards, poets. 2 Rehearsers of ancient poetry. 3 Genealogists. 4 Soothsayers. The *aois-dàna* were in high esteem throughout the Highlands. So late as the end of the 17th. century they sat in the *sreath* or circle among the nobles and chiefs of families. They took the preference of the *ollamh* or doctor in medicine. After the extinction of the Druids, they were brought in to preserve the genealogy of families, and to repeat genealogical traditions at the success-

ion of every chieftain. They had great influence over all the powerful men of their time. Their persons, their houses, their villages, were sacred. Whatever they asked was given them; not always, however, out of respect, but from fear of their satire, which frequently followed a denial of their requests. They lost by degrees, through their own insolence and importunity, all the respect which their order had so long enjoyed, and consequently all their wonted profits and privileges. Martin says "They shut their door and windows for a day's time, and lay on their backs in darkness with a stone upon their belly, and plaids about their heads and eyes, and thus they pumped their brains for rhetorical encomiums."

aois·dànachd,** *s. f.* Employment of rehearsing ancient poetry. 2 Bardism. 3 Genealogical tradition.

aois-dhlighe,†‡ *s.f.* Primogenitureship.

aoisid, see faoisid.

aois·liath, *a.* Hoary, aged.

aol, aoil, *s.m.* Lime. Aol gun bhàthadh, *quick-lime*; àth·aoil, *a lime-kiln.*

aol, *pr.pt.* ag aoladh, *v.a.* Lime, plaster or cover with lime. 2** Manure land with lime.

aolach, ·aich, *s.m.* Dung, manure. 2 Mire. 3 **Dross, rubbish. Bithidh iad 'nan aolach, *they shall be as dung.*

aolachadh,** ·aidh, *s.m.* Process of manuring with lime. Ag a—, *pr.pt.* of aolaich.

aoladair, ·e, ·ean, *s.m.* Plasterer, one who works among lime, lime burner.

aoladaireachd, *s.f.* Occupation of a plasterer, plastering, working among lime.

aoladh, ·aidh, *s.m.* Liming, plastering.

aolaich, *v.a.* Lime, manure with lime, cover with lime. 2‡‡Compost.

†aolain,‡‡ see oilean.

†———aich, see oileanaich.

†———aiche, see oileanaiche.

aolais, -e, *s.f.* Indolence, slothfulness, sluggishness.

———deach, -diche, *a.* Lazy, indolent. 2 Sluggish.

aolam, see foghlum.

aolar, *a.* (aolmhor) Abounding in lime, limy.

aol beò, *s.m.* Quicklime.

aol-chlach, -oiche, *s.f.* see clach-aoil.

aolmann, -ainn, *s.m.* Ointment.

aol-phlàsda, *s.m.* Lime-plaster.

aol-shùirn, -ùirne, *s.m.* Lime-kiln.

aol-tàthaidh, aoil-, *s.m.* Mortar.

aol-thaigh, see oil-thaigh.

aol-uisge, *s.m.ind.* Lime-water. 2 Whitewash.

aom, *pr.pt.* ag aomadh, *v.a. & n.* Incline, bow, bend, droop. 2 Yield. 3 Lean. 4 Persuade. 5 Dispose. 6 Fall. 7*Bulge, project'. 8*Be seduced by. 9**Descend. 10**Pass by. 11**Decay. Dh'aom i leis, *she was seduced by him*; aomaibh ur cluas, *incline your ear*; tha'm balla ag aomadh, *the wall is bulging*; dh'*a.* e a thriall, *he bent his way*; aomaidh an aitreabh, *their buildings shall decay*; an t-àm a dh'aom, *the time that has passed, the past.*

aoma, see aomadh.

aomach,* *a.* Inclining, tending, bending.

aomachadh, see aomadh.

aomachd,* see aomadh.

aomachdail, -e, *a.* Tending to incline or bend.

aomadh, *3rd. sing. & pl.* of aom. *A.* e, *let him bend.*

aomadh, -aidh, *s.m.* Inclination, act of inclining, bending, or drooping. 2 Yielding. 3 Leaning. 4 Persuading. 5 Disposing. 6 Falling. 7 Bulging. 8*Tendency, aptitude. 9 Declivity. 10**Descending, passing by. 11** Surface of the sea. Ag a—, *pr. pt.* of aom. A cheann air aomadh, *his head drooping*; dubhach air aomadh na créige, *sorrowful on the slope of the rock*; ag aomadh air a ghlùn, *bending on his knee*; an t-*a.*, *the downfall.*

aomaich, *v.a.* Incline, &c. see aom.

aomaidh, *gen, sing.* of aomadh. 2 *fut. aff. a.* of aom.

aomar, *fut. pass.* of aom.

†aomilleadh, see †aidhmbilleadh.

aomta, *pt.pt.* Inclined, bent, bulged.

aon, aoin, *a.* One. 2 Alone. 3 Same. 4 Only. 5 Ace. [Aspirates noun following except one beginning with D, T, or S.] Aon bhean, *one woman*; aon eile, *one other*; aon 'sam bith, *anyone*; gun aon eile, *without any other*; bithidh sibhse mar mise aon là, *you shall be as I am (one day) some day or other*; aon seach aon, *neither one nor the other*—cha toigh leam aon seach aon dhiubh, *I like neither one nor the other*, used in a negative sense only—All; aon seach aon, *one from another*—aithnichidh e aon seach aon dhiubh, *he will know one from another of them*; m'aon chearc, *my only hen*; is aon ni e, *it is all the same*; is esan an t-aon duine air son sin, *he is the best man in the world for that*; 's e fhèin an t-aon duine, *it is he himself that rules the roast*, i.e. *he is cook, mate, and steward*; trì laithean bha e'na aon (aonar), *three days he was all alone*; gach aon, *every one*; a lion aon is aon, *one by one*; mar aon, *united, hand in hand*; gun aon duine, *without a single individual*; anns an aon taigh rinne, *in the same house with us*; 'san aon luing, *in the same ship*; do dh'aon seach a chéile, *to one more than the other*; aon a thainig a steach, *an individual that came in*; tha mac an t-aon aca, *they have a son each.*

†aon, aoin, *s.m.* Country.

†aon, *a.* Excellent. 2 Noble. 3 Illustrious.

aona, *a. An t-aona* is used with *deug* in compound numbers, but does not aspirate its noun. *An aona* is used before a feminine noun. An t-aona bòrd deug, *the 11th. table.*

†aonac,‡‡ *s.m.* Tin, lead.

aonach, -aich, -aichean, *s.m.* Hill, steep, height. 2 Heath, moor. 3 Desert place. 4 *Meeting. 5‡‡ Fair, great assembly. 6* *provincial* Green plain near the shore on a stony bottom (a *machair* has a sandy bottom.) 7**rarely* Fir. 8**Prince. 9**Market. †10** Galloping. 11‡‡ Panting for breath. Ceum do theachd air an *a.*, *thy coming (the step of thine approach) on the heath*; a' siubhal nan aonach ciar, *travelling the dusky plains*; *a.* na Samhna, *the Martinmas fair.*

aonachadh, -aidh, *s.m.* Uniting, reconciling. 2 Assenting. 3 Galloping, hand-gallop. 5 Swift running. Ag a—, *pr.pt.* of aonaich.

aonachail,‡‡ -e, Mountainous.

aonachd, *s.f.* Unity. 2 Concord. 3 Sameness. 4 Unanimity. *A.* an Spioraid, *the unity of the Spirit*; còmhnaidh a ghabhail cuideachd ann an *a.*, *to dwell together in unity.*

aonadh, -aidh, Ag a—, *pr.pt.* of aoin.

aon-adharcach, -aich, *s.m.* Unicorn.

————, *a.* Unicorned, having one horn.

aonagaich, *pr.pt.* ag aonagail, *v.n.* Wallow, welter. *A.* thu fhéin, *wallow thyself*; aonagaichibh sibh fhein, *wallow yourselves.*

aonagail, *s.f.ind.* Wallowing, welcering, rolling on the ground. Ag a—, *pr.pt.* of aonagaich.

aonagan, see aonagail.

aonaich, *pr.pt.* ag aonachadh, *v.a.* Unite, reconcile. 2 Assent. 3 Side with. Aonaich mo chridhe. *unite my heart*

aonaichear, *fut.pass.* of aonaich.
aonaichidh, *fut. aff. a.* of aonaich.
aonaichte, *pt.pt.* United reconciled. Gàidheil aonaichte cruadhaicnte, *united hardy Highlandmen.*
aonairt, see aonagail.
aonais, see iùnais.
aonar, -air, *s.m.* One person 2††Unity, aloneness.
aonar, *a.* Alone, solitary. 2 Singular *in grammar.* Duine 'na aonar, *a man all alone, a singular man*; 'na aonar 'sa mhonadh, *alone on the hill;* cha'n 'eil thu 'ad aonar mar sin, *you are not alone like that*; rinn e seo 'na aonar, *he did this alone.*
aonarach, -aiche, *a.* Desolate, solitary, forsaken.
aonarachd, *s.f.ind.* Desolation, solitariness. 2 Singularity.
aonaran, -ain, -ranan, *s.m.* Recluse, hermit, solitary person. 2 Forsaken person, ascetic. Aonaran liath nan creag, *the grey-headed hermit of the rocks.*
aonaranach, see aonarach.
————d, see aonarachd.
†aonardha, see aonar, *a.*
aon-bharail * *s.f.* Unanimity.
†aon-bheannach, -aich, *s.f.* Unicorn. *a.* Unicorned.
aon-bheachd, *s.f.* Unanimity, agreeing in design or opinion.
aon-bhith, *s.f.ind.* Co-essentiality. 2 Co-substantiality.
————each, *a.* Co-essential. 2 Co-substantial.
aon-chasach, *a.* One-footed. 2 Single-stemmed, as an herb.
————,‡ -aich, *s.m.* Serrated seaweed, see feamainn dubh.
aon-chathaireach, -eich, -chan, *s.m.* Fellow-citizen.
————, *a,* Of, or pertaining to, the same city. 2** Having one city. Luchd *a.*, *fellow-citizens.*
aon-choltach‡‡ -aiche, *a.* Consonous.
aon-chridhe, *s.m.* Unanimity.
————ach, *a.* Unanimous. 2 One-hearted. Gu h-aon-ghuthach aon-chridheach, *with one voice and one heart.*
†aon-chu, (AF) *s.m.* see onchu.
aonda, *a.* Singular, particular.
———, *s.m.* see aonta.
aondachd, *s.f.* see aontachd.
aondadh, -aidh, see aonta.
aon-dathach, *a.* Of one colour.
aon-dealbhach, *a.* Uniform. 2 Similar, 3 Consistent.
aon-deug, *a.* Eleven. Bha aon-deug ann, *there were eleven*; aon fhear deug, *11 men*; aon chlach dheug, *11 stones*, a h-aon-deug, *eleven.*
aon-dhearc,‡ *s.f.* The herb Paris—*paris quadrifolia.*
aon-fheachd, *adv.* Together, at once.
aon-fhillte, *a.* Single, consisting of one fold or plait. 2 Simple, innocent. 3 Foolish. 4 Candid, honest, sincere. A' deanamh an duine *a.* glic, *making the simple wise*; na daoine *a.*, *the innocent.*
————achd, *s.f.* Singleness of mind. 2 Simplicity, sincerity, candour. 3**Foolishness. Le *a.*, *with simplicity.*
aon-fhlath, -aith, -aithean, *s.m.* Monarch.
aon-fhlathach, *a.* Monarchial.
aon-fhlathachd, *s.f.ind.* Monarchy.
aon-fhlathachdail, see aon-fhlathach.
aon-fhuaimneach,‡‡ *a.* Consonous.
————————d, *s.f.* Consonantness.

14. Aon-dhearc.

aon-fhuirm, Gaelicized form of "one form."
aon-ghin, *s.m.* Only begotten one. Mar *a.* mic, *like an only begotten son*; m'*a.* cloinne, *my only begotten child.*
aon-ghnèitheach, *a.* Homogeneous.
————————d, *s.f.ind.* Homogeneousness.
aon-ghràdh, *s.m.* (*& f.*) Beloved object. M'*a.*, *my best beloved.*
aon-ghuthach, -aiche, *a.* Having one voice or vote. 2 Consonous. 3 Symphonious.
aon-inntinn, *s.f.* One mind, one accord. Le h-*a.*, *with one accord.*
aon-inntinneach, *a.* Unanimous, consentient. Gu h-*a.*, *unanimously.*
————————d, *s.f.ind.* Unanimousness.
aon-mhac, -mhic, *s.m.* Only son. Thuit e air aodann 'aoin-mhic, *he fell on the face of his only son.*
†aonmhadh, *a.* see aona.
aon-mhaide, *s.m.ind.* Simultaneous pull in rowing, *fuaim an aon-mhaide.*
aon-mhargadh, -aidh, *s.m.* Monopoly.
aon-mharsanta,* *s.m.* Monopolizer.
————————chd,* see aon-mhargadh.
aon-mhéinn,‡‡ *s.f.* One mind.
aonracan, see aonragan.
————ach, see aonraganach.
aonrachd, see aonarachd.
aonrachdach, see aonarach.
aonrachdan, see aonragan.
aonragan, -ain, *s.m.* Solitary person, recluse. 2 Widower. 3**Orphan. 4**Deserted person.
aonraganach, -aiche, *a.* Solitary. 2 Of, or belonging to, a recluse.
aonraganachd, *s.f.ind.* Solitariness. 2 Condition of a recluse or deserted person.
†aonrais, *s.f.* Tempest.
aonranach, *a.* see aonarach.
aonranachd, see aonrachd.
aon-reiceadair,‡‡ *s.m.* Monopolizer.
aon-righ, *pl.* -re, & -rean, *s.m.* Monarch.
aon-seadhach,‡‡ *a.* Co-significative.
aon-sgeulach, -aiche, *a.* Harmonious, unanimous.
aonsgoch,‡ *s.m.* Swallow-wort or celandine, see an ceann ruadh.
aon-sloinneadh, -eidh, *s.m.* One surname.
†aonsuirt,** *s.f.* Wallowing, weltering.

aonta, *s.m.* Lease. 2 License. 3 Vote. 4 Admission. 5 Assent, acquiescence, consent. 6**Bachelor. Tha mi 'toirt *a.* do na tha thu ag ràdh, *I agree with what you say.*

aontach, -eiche, *a.* Acceding to, conniving at. 2 Ready to yield.

aontachadh, -aidh, *s.m.* Consenting, yielding, acceding, reconciliation, acquiescence, admission, unanimity, agreement, abetting. Ag a—, *pr.pt.* of aontaich.

aontachair, -eir, *s.m.* Subscriber. 2*Accessory.

aontachd, *s.f.* Consent, unanimity, agreement, admission. 2**State of being particular or singular.

aontadh, see aonta.

aontaich, *pr. part.* ag aontachadh, *v.n.* Consent, agree, accede, acquiesce, admit, yield. 2**Abet, take part or side with. Dh'aontaich i leis, *she yielded to him*; *a.* leis, *take his part*; tha mi ag aontachadh gu'm bheil, *I admit that it is* ; thug i air aontachadh, *she constrained him to yield ;* na aontaich thusa leo, *consent not thou to them ;* aontaichidh sinn leibh, *we will consent unto you ;* ma dh'aontaicheas tu aon uair, *if you consent once.*

aontaiche,** -ean, *s.m.* Abettor, conniver.

aontaichear, *fut.pass.* of aontaich.

aontaichidh, *fut. aff. a.* of aontaich.

aontaichte, *pt. part.* of aontaich.

aon-taigheachd, see aon-taigheadas.

aon-taigheadas, -ais, *s.m.* Co-habiting, living under one roof.

aon-taigheas, see aon-taigheadas.

aontainn, see aonta.

†aontanach, see aonarach.

aon-tlachd, *s.m.* Sole source of joy, only beloved. 2 Favourite.

aon-toil, -e, *s.f.* Unanimity, agreement.

aor, *pr. part.* ag aoradh, *v.a.* Worship, adore. 2**Join. 3**Adhere. Aoraibhse gu ceart, *worship in sincerity.*

†—, *s.m.* Curse.

aorabh, -aibh, *s.m.* Constitution, mental or bodily. Tha galar 'na aorabh, *there is a disease in his constitution.*

aorach, -aiche, *a.* Devout, religious, reverent, worshipping, pious.

aorachail, *a.* Devotional. Dleasnasan *a.*, *devotional duties.*

aoradair, -ean, *s.m.* Worshipper, adorer. 2‡‡ Foul-mouthed bard.

aoradh, -aidh, *s.m.* Worship, adoration, devotion. 2 Joining. 3 Adhering. Ag *a.* dha, *worshipping him* ; *a.* féin-thoileil, *will-worship ;* thoir *a.*, *worship.* Ag a—, *pr. part.* of aor.

aoradhail,** *a.* Adorable.

aoradhalachd, *s.f.ind.* Adorableness.

aoraidh, *gen.sing.* of aoradh.

†aoram, *fut. aff. a.* of aor. I will worship.

aornagaich, see aonagaich.

aornagail, see aonagail.

aornagan, *s. & v.* see aonagail.

aoruibh, see aorabh.

†aos,** *s.m.* Community, set of people. 2 Fire. 3 Sun. 4 God.

†aos, -ois, *s.f.* Age.

aosail, ,, ,, ,,

aosalachd, see aosmhoireachd.

aosar, see aosmhor.

aos-chiabh, -an, *s.f.* Aged locks, hoary hair. C'uim' am bheil t'*a.* snitheach? *why are thine aged locks moist ?*

aos-chrann, -ainn, *s.f.* Aged tree, trunk. *A.* briste, *an aged broken trunk.*

aos-crith, *s.m.* Tremor of age. *A.* air mo cheann, *the tremor of age on my head.*

aos-chritheach, *a.* Trembling with age.

aosda, *a.* Old, aged, ancient. An déidh dhomh fàs *a.*, *after I have become old ;* a bhàrda *a.* nan linn a thréig ! *ye aged bards of by-gone ages !* anns na h-*a.* tha gliocas, *in the aged there is wisdom.*

aosdachd, *s.f.* Agedness, antiquity.

aos-dàna, *s.m.* see aois-dàna.

aos-dànachd, see aois-dànachd.

aos-deanta, *s.m.* Mechanic.

aosd-shùil, *s.f.* Aged eye.

aos-làrach,** -aich, *s.m.* Aged site. 2 Aged ruin. An e an torr seo t'*a.*? *is this hillock thine aged seat ?*

aos-liath, *a.* Grey-headed, old. Aos-liath, lag, *aged and weak.*

aosmhoire, *comp.* of aosmhor.

aosmhoireachd, *s.f.ind.* Properties of old age. 2 Great age, antiquity, agedness.

aosmhor, -oire, *a.* Aged, old, ancient.

———, -oir, *s.m.* Aged person. Tuigse nan *a.*, *the understanding of the aged.*

†aos-teas, *s.* Summer.

†aoth, *s.m.* Bell. 2 Crown.

†-——, *a.* Small.

†-——achd, *s.f.* Ringing of bells, chime of bells.

†-——adh, *a.* Clean, pure.

aotrom, -uime, *a.* Light, not heavy. 2 Giddy, agog. Creutair *a.*, *a giddy creature.*

———achadh, -aidh, *s.m.* Alleviation, lightening. 2 Respite, as of fever. 3 Abatement, as of rain. Ag a—, *pr.pt.* of aotromaich. Tha 'n t-uisg' ag *a.*, *the rain is abating ;* fhuair e *a.* o'n fhiabhrus, *he got a slight respite from the fever.*

———achd, *s.f.ind.* Lightness.

———aich, *pr. pt.* ag aotromachadh, *v.a.* Lighten. 2 Alleviate. 3 Abate.

aotromaichear, *fut. pass.* of aotromaich.

aotromaichidh, *fut. aff. a.* of aotromaich.

aotromaichte, *pt.pt.* of aotromaich.

aotroman, -ain, *s.m.* Bladder. 2 Any light thing.

aotromas, -ais, *s.m.* Lightness. 2 Delirium.

aotruime, *comp.* of aotrom.

aotruimid, *s.f.* Lightness.

———, *comp.* of aotrom. Is *a.* thu e, *you are the lighter of it.*

†ap,** *a.* Fit, proper, ripe.

ap, -a, *s.m.* Ape. 2 Mimic. 3 Shameless woman. †4** Any little creature. A' giùlan apa, *carrying apes.*

apach, *a.* Like an ape, abounding in apes.

apag, -aig, -an, *s.f.* Little ape. 2 Prating woman.

†apaich, see abuich.

apainn,** *s. f.* Abbey lands.

aparan, -ain, *s.m.* Apron. 2(AH)Inner stem and stern posts of a boat.

———aich, *v.a.* Cover with an apron.

———aichte, *a. & pt. part.* of aparain. Aproned.

aparr,* -a, *a.* Expert. 2‡‡Quick, nimble.

aparran, see aparan.

aparsaig, *s.f.* Transposed form of *knapsack.*

app, see ap.

apricoc,? *s.m.* Apricot—*prunus armeniaca.*

ar, *poss. pron.* Our. Ar fearann, *our land* ; ar còmhstri ri daimhb, *our battle with strangers.* [Takes *n-* before a word beginning with a vowel, as, ar n-each, *our horse ;* ar n-athair, *our father.*]

ar, *prep.* see air.

-ar, *termination* of verbs used impersonally, as Gluaisear leam, *I will move.*

ar, see ar leam.

àr,(AH) *s.m.* Deadwood in stern of boat. Pre

ceded by the article *an t-*.]
†ar, *a.* Slow.
†ar *s.m.* Bond, tie, chain. 2 Guiding, conducting. 3 *s.f.* Land, earth.
†ar, *v.* see arsa.
†—, see àra.
àr, *s.m.ind.* Ploughing, tillage, agriculture, Ag à—, *pr.pt.* of àr. Tha e ris àr, *he is ploughing.*
àr, *pr. part.* ag àr, *v.a.* Plough, till, cultivate. Bha na daimh ag àr, *the oxen were ploughing;* àr meadhonach, *second ploughing;* iadsan a dh'àras euceart, *they that plough iniquity.*
àr, àir, *s.m.* Battle, slaughter. 2 Field of battle. Dàn an àir, *the song of battle*; na fulaing àr nan Criosdaidh, *permit not the slaughter of the Christians*; tuagh chum àir, *a battle-axe*; dithis 'nan cadal 'san àr seo, *two asleep on this field of battle.*
ar,(AC) [? seachd car—CR]—Théid e seachd ar air bean-an-taighe, *he will go seven times round the housewife.*
†ara,** arai, *s.m.* Conference. 2 Bier. 3 Page 4 Charioteer.
†àra, *n.pl.* of àr, *slaughter.*
àra, -ann, & -ainn *pl.* àirnean [& àran] *s.f.* Kidney. 2 Rein. An dà àra, *the two kidneys*; geir nan àra, *kidney suet.*
†araba, *prep.* For the sake of.
àrabhaig, -e, -an, see arrabhaig.
àrach, *a.* Slaughtering.
àrach, -aich, -aichean, *s.f.* Field of battle, plain. 'Na laidhe 'san àraich, *outstretched on the battlefield;* nach seachnadh le 'dheòin an àrach, *who would not willingly shun the battlefield.*
àrach, -aich, *s.m.* Tie, bond, or collar on a beast, stall-tie for a cow. 2 Restraint. 3 see atharrach. 4** Authority. 5**Strength. 6** Fishing ware. 7** Bier. 8** Gallows. 9 Milkman.
†àrach, -aich, *s.m.* Ploughshare. 2‡‡Utensils for ploughing.
àrach, -aich, *s.m.* Nursing, rearing, training. 2 Maintenance. 3 Strength, power. 4 Authority. 5 See àireach.
àrachail,‡‡ -e, *a.* Nutrimental.
arachair,** *s.m.* Insurer.
àrachas, -ais, *s.m.* Insurance. 2 Mansion, dwelling. Fear àrachais, *an insurer*; buth àrachais, *an insurance office;* taigh fo àrachas, *a house insured.*
arachas,** *s.m.* Strength, might.
arachd, see arrachd. 2† see àros.
———ach, see arrachdach.
arachdas, see àrachas.
†aracul, -uil, *s.m.* Cell, grotto.
†arad,** *a.* Strong, brave.
†àrad, -aid, *s.m.* see fàradh.
†aradain, *s.m.* Desk. 2 Pulpit.
aradair, *s.m.* Agriculturist. 2 Ploughman. 3 Tiller of the ground.
†àradh,** -aidh, -aidhean, *s.m.* see àra. 2 see fàradh.
†ara-fhlusga, *s.m.* Running of the reins.
aragarradh,** -aidh, *s.m.* Abandonment. 2 Prescience, secret anticipation.
aragarraich,** *v.a.* Forebode.
aragradh, -aidh, see aragarradh.
araiceil, -e, *a.* Valiant. 2 Precious. Gnothach a.. *a precious* or *an important affair.*
àraich, *pr.part.* ag àrach, *v.a.* Rear, bring up, educate. 2 Maintain, support. Is mairg a dh'àraich thu ! *pity him that reared you !*
àraich, *gen. sing.* of àrach. 2 see làraich.
araichd, -e, -ean, *s.m.* Present, gift, donation. 2(AH) Boon, godsend. (* says "a lady's or gentleman's clothes given as a perquisite to servants. 2 Wealth in clothing.")
àraichd, *s. m.* Fit or deserving object.
araichdeil,* see araiceil.
araichdin, -e, -ean *s.m. Dim.* of araichd.
àraid, see àraidh.
araideach, -eiche, *a.* Joyous, glad, elated, elevated.
àraidh, *a.* Certain. 2 Particular, peculiar, special. 3 Proper, expedient. 4 Worthy, generous. 5 Liberal, hospitable. Duine àraidh, *a certain man*; gu h-àraidh (*adv.*) *especially, particularly*; gnothach à., *an important affair.*
———,‡‡ -ean, *s.m.* Hero. 2 Cautioner.
———eachd,* *s.f.* Importance. Particularity, peculiarity, singularity.
àraig,‡‡ -e, -ean, *s.* Present.
†araigh,** *s.pl.* Reins of a bridle.
†araill, *a.* The other.
arain, *gen. sing.* of aran.
àrainn, see àra.
àrair,** -e, -ean, Slaughterer, warrior. see àradair.
aralach,* -aiche, *a.* Finical.
———d,* *s.f.* Niceness.
ar-a-mach, *s.m.*Rebellion, insurrection, mutiny. 2 Treason. Rinn iad *a., they have rebelled.*
àran, *n.pl.* of àra. 2 *for* fàraidhean, (ladders)
†aran, -ain, *s.m.* Familiar conversation, discourse, dialogue.
aran, -ain, *s.m.* Bread, loaf. 2 Livelihood, sustenance. A tha 'cumail t arain riut, *who gives you your livelihood*; cha bhi thu gun aran, *you shall not want a livelihood*; greim arain, *a piece of bread.*
aranach,** -aich, *s.m.* Pantry.
———, see arannach-sréine.
———, *a.* Full of bread. 2**Alimental.
aranaid,* see aranailt.
aranailt, *s.f.* Bread basket. 2 Pannier.
aran-coirce, Oat-bread, oat-cake.
aran-cruithneachd, Wheaten bread.
aran-donn, Brown bread. 2††Ginger-bread.
aran-eòrna, Barley-bread.
aran-lann,‡‡ -ainn, -an, *s.m.* Bread-room,
aran lathail, Daily bread.
aran-milis, Sweetbread. 2 Ginger-bread.
arannach-sréine, *s.m.* Bridle-rein.
aran-peasrach, Pease bread.
aran-seagaill, Rye-bread.
aran taisbeanta, Shewbread.
àrann, see àra.
†aroid,** *s.f.* Cover, table-cloth.
araon, *adv.* Together. 2 Both. 3 As one. Bheir an Tighearna solus d' an sùilibh *a., the Lord will enlighten the eyes of both*; *a.* thus' agus esan, *both of you.*
ar'ar, see arbhar.
———ach, see arbharach.
àras, see àros.
——ach, see àrosach.
†arasg, -aisg, -an *s.m.* Word.
†arba, *conj.* Nevertheless.
†——, *s.m.* Chariot.
arbhach, -aiche, *a.* Destructive, slaughtering.
arbhadh, -aidh, Destruction, slaughtering.
arbhaitichte, *a.* Arable, producing corn.
arbhar, -air, *s.m.* Corn, growing or in sheaf. 2 **rarely* host, army. Pailteas arbhair, *plenty of corn;* deasaichidh tu *a., thou shalt prepare corn.*
———ach,** -aiche, *a.* Abounding in corn, of, or belonging to, corn crops. 2 Fertile.
———achd,** *s.f.* Embattling, as an army, forming into line.
arbharrachd,* see arbharachd.

arbhartachadh, -aidh, *s.m.* Dispossessing, act of ejecting from lands.
arbhartaich, *pr. part.* ag arbhartachadh, *v. a.* Dispossess, confiscate, disinherit. 2 Forfeit.
————te, *a. & pt. part.* of arbhartaich. Expelled, ejected from lands. 2 Confiscated. Am fearann *a.*, *the confiscated estates.*
arbhraigneach, -nich, *s.m.* Snare.
àrbhuidhe, see òrbhuidh.
†arc, *s.m.* Sow. 2 Sucking pig. 3 Lizard. 4 Body. 5 Dwarf. 6 (AF) Bear. 7 (AF) Stag, hind. 8 Collection. 9 Hero.
†arc, *s.f.* Bee. 2 Wasp. 3 Impost, tax. 4 Femen.
àrc,‡‡ -a, -ainn, *s.f.* Vulva vaccinea.
arc, àirc, see àirc.
àrc, -an, *s.m.* Species of fungus on decayed timber.
àrc, àirce, *s.f.* Cork. Crann àirce, *cork tree.*
àrca, *s.m.* Buoy. 2 see àrc.
àrcain, *gen. sing.* of àrcan.
àrcan, -ain, *s.m.* Cork, stopple. Arcan buideil, *a bottle cork or stopple*; àrcan baraille, *a bung;* crann àrcain, *a cork-tree.*
arcan, *s.m.* see uircein. 2 see arc.
àrcanach, -eiche, *a.* Full of corks.
arcan-luachrach, -ain-, see dearc-luachrach.
arc-aoghair, *s.m.* Bear's guard or herdsman.
†ar-cheana, *adv.* Henceforth.
†àr-choin, *s.m.* see àr-chù.
fàr-chù, -choin, *n. pl.* -coin, *dat. pl.* -conaibh, *s.m.* Chained dog, fierce dog. 2 Mastiff. 3 Bloodhound.
†archuisg, -e, -ean, *s.f.* Experiment.
†arciseach, *a.* Ravenous.
arc-luachrach, see dearc-luachrach.
†arcmhuc, -muice, *s.m.* Male pig.
arcuinn, -e, *s.f.* Cow's udder.
†ar-cùl, *adv.* Behind. [air cùl]
†Ard,** Aird, see Art.
àrd, àirde, *n.pl.*-a, *a.* High, lofty, 2 Mighty, great, noble, eminent, excellent, supreme. 3 Proud. 4** Loud. Is esan a's àirde, *he is the tallest;* beinn àrd, *a lofty hill*; fuil àrd nan saoi, *the noble blood of heroes ;* sealladh àrd, *a proud look*; fear a b'àirde guth, *the man of loudest voice.* *Ard-* answers to *arch-* as a prefix in English. Before an adj. as a prefix it supplies the place of an adv., as àrd-shona, *supremely happy ;* àrd-éibhneach, *ecstatic.*
àrd, àird, *n.pl.* àird [& àrda] *dat. pl.* -aibh, *s.m.* see àirde. 2 Chief, eminent person. Uaigh an àird, *the chief's grave.*
àrda, *n. pl.* of àrd, *a. & s.* Choimh-fhreagair na creagan àrda, *the lofty rocks re-echoed.*
àrd-abhcaid,‡‡ -e, -ean *s.f.* Master jest.
àrdachadh, -aidh, *s.m.* Act of raising, exalting, or heightening. 2 Advancement, promotion, honour, preferment. 3* Augmentation, increase. 4 Praise. Ag a—, *pr. pt.* of àrdaich. *A.* tuarasdail, *increase of salary*; à. nan amadan, *the promotion of fools;* 'g a à. féin, *exalting himself.* When a person is delirious in sickness, it is said "tha àrdachadh air"—JM
àrdachair,** *s.m.* Aggrandizer.
àrdaich, *pr. part.* ag àrdachadh, *v.a.* Exalt, extol, elevate, raise aloft, heighten, promote. 2*Increase. *A.* i, *exalt her;* ardaich a thuarasdal, *increase his salary.*
àrdaichear, *fut. pass.* of àrdaich.
àrdaichidh, *fut. aff. a.* of àrdaich.
àrd-aigne, *s.m.* Magnanimity, greatness of mind. 2 Bravery. 3**Ambition.
————ach, -eiche, *a.* Magnanimous, high-minded. 2 Brave. 3**Ambitious. 4*Nettlesome.
àrdail, *a.* Cardinal (numbers in *gram.*)
àrdain, *gen. sing.* of àrdan.
àrd-aingeal, -gil, *pl.* -gil, -gle, -glean, *s.m.* Archangel.
àrd-aingealach,‡‡ -aiche, *a.* Archangelic.
àrd-aithrichean, *n.pl.* of àrd-athair.
†àrd-allata, *a.* High-famed.
àrd-amas, -ais, *s.m.* High aim or mark, ambition.
àrd-amhailt, see àrd-abhcaid.
àrdan, -ain, *s.m.* Pride, haughtiness. 2 Anger, wrath. 3 Height, eminence, hillock. 4 *n. pl.* of àrd, *s.* 'Na shuidhe air àrdan, *sitting on an eminence;* uabhar is àrdan, *pride and arrogance;* an droch dhuine 'na àrdan borb, *the wicked man in his fierce pride;* àrdan gruaidh, *pride of face ;* tha m'àrdan 'nad chliù, *my pride is in thy fame*; dh'at àrdan 'na chridhe, *proud wrath swelled in his heart.*
————ach, -aiche, *a.* Proud, haughty. 2 Prone to take offence. 3 Arrogant. 4 Elated. Spiorad à., *a haughty spirit.*
————achd, *s.f.* Haughtiness, proudness, arrogance. Uaill is à., *pride and haughtiness.*
†àrdanair *s.f.* (àrd+onoir) High honour.
†àrdarc, -airc, *s.m.* Blazon. 2 Armorial bearings.
àrd-aoibhneach, *a.* Very joyful, exulting.
àrd-athair, -ar, -thraichean, *s.m.* Patriarch.
àrd-bhaile, *pl.* -ltean, *dat. pl.* -tibh, *s.m.* City, metropolis. Esan a ghlacas à., *he that takes a city.*
àrd-bhailtean, *n. pl.* of àrd-bhaile.
ard-bhan-diuc, *s.f.* Archduchess.
àrd-bheachd,‡‡ *s.f.ind.* Elevation of sentiment.
àrd-bheann, *gen. pl.* of ard-bheinn.
àrd-bheinn, -e, *pl.n.* -bheanntan, *gen.* -bheann, *dat.* -bheanntaibh, *s.f.* Pinnacle. 2 Mountain. Ait mar iolair nan àrd-bheann, *joyous as the mountain eagle.*
àrd-bhlàth, *s.m.* Height of flourish, prime. 2 Flower, blossom. Tha i 'n à. a h-aimsir, *she is in the prime of life.*
àrd-bhreitheamh, -eimh, -na, *s.m.* Supreme judge. 2 Chief justice, chancellor.
àrd-bhuachaill, -e, -ean, *s.m.* Head shepherd.
àrd-bhùirdeasach,** *s.m.* Burgomaster.
àrd-bhurgair, (àrd+*Eng.* burgher.)
àrd-chabrach, -aiche, *a.* High-branched.
àrd-chantair, -e, -ean, *s.m.* Arch-chanter.
àrd-chath,** *s.m.* General engagement, pitched battle. 2 Thick of the battle. Gaoir an àrd-chath, *the din of the pitched battle.*
————air, -thrach, -thraichean, *s.f.* Metropolis, chief city, archbishop's see. 2 Throne.
àrd-cheann, *s.m.* Superior, ruler, head. Ard-cheann na h-eaglais, *the head of the church.*
àrd-cheann ————— -airm, } -chinn-, *s.m.* Chief general.
————abhard, see àrd-cheannard.
————ach, -aiche, *a.* Proud, haughty. lofty. 2 Insolent, arrogant,
————ard, -aird, -ardan, *s.m.* Supreme head, chief, superior.
àrd-cheannas, -ais, *s.m.* Superiority, pre-eminence, supremacy. 2 Dominion, command. *A.* anns gach uile. *pre-eminence in all things.*
àrd-cheann-fheachd‡‡ *s.m.* Generalissimo.
àrd-cheannsal, see àrd-cheannas.
àrd-cheum, -chéim, *s.m.* Strut. 2 Bound. 3 Lofty gait. 4**Prancing.
————ach, -aiche, *a.* High-bounding.
àrd-cheumnachadh, -aidh, *s.m.* Strutting. 2 Bounding. 3 Walking proudly. 4**Prancing. Ag à—, *pr. pt.* of àrd-cheumnaich.
àrd-cheumnaich,** *v.a.* Strut. 2 Bound. 3 Walk proudly. 4 Prance.
àrd-chìs,‡‡ *s.f.* Tribute.

àrd-chlachair, -e, -ean, *s.m.* Architect. 3 Master mason.
————eachd, *s.f.* Architecture. 2 Business of a master mason.
àrd-chliu, *s.m.* High fame.
àrd-chnoc-faire, -chnuic-faire, *s.m.* Great beacon. 2 Sconce.
àrd-cholaisde, -ean, *s.m.* University, college.
àrd-chomas, -ais, *s.m.* Discretionary or despotic power. Thug e à. dhomh, *he gave me discretionary power.*
————ach, *a.* Having discretionary or despotic power. 2 Supreme, unlimited.
àrd-chomhairle, *s.f.* Parliament. 2 Supreme council. 3 Synod. *A.* Bhreatuinn, *the British Parliament*; ball na h-A., *a member of Parliament.*
————ach, -eiche, *s.m.* Chief counsellor. 2 Consul. 3**Chancellor.
àrd-chomhairliche, see àrd-chomhairleach.
àrd-chrann, (AH) *s.m.* Topmast.
àrd-chreagach, -aiche, *a.* High rocked, rugged.
àrd-chuan, -chuain, -chuantan, *s.m.* The high sea.
àrd-chùiseach, -eiche, *a.* Sublime, noble, lofty.
àrd-chumhachd, -an, *s.f.* Supreme power. 2 High power. 3 State, office. 4 Authority. 5 Absoluteness.
————ach, -aiche, *a.* High in dignity and authority.
àr-dhamh, -dhaimh, *s.m.* Ploughing ox.
àrd-dhruidh, *s.m.* Arch-druid. He was chosen by a plurality of voices from the worthiest and most learned of the order. He was deemed infallible. He was referred to in all cases of controversy, and from his judgment there was no appeal. He was the president of the general assemblies of the Druids, and had the casting vote. His aid and friendship were much valued and confided in. [see note on "Coimhdhe."]
àrd-dorus, -uis, -orsan, *s.m.* Lintel.
àrd-eaglais,** *s.f.* Cathedral.
àrd-ealantachd,‡‡ *s.f.ind.* Masterliness.
àrd-easbuidheachd, see àrd-easbuigeachd.
àrd-easbuig, -e, -ean, *s.m.* Archbishop.
————each, *a.* Archepiscopal, like, or pertaining to an archbishop.
————eachd, *s.f.* Archbishopric.
àrd-fhaclach, -aiche, *a.* Lofty in speech.
àrd-fhàidh, -e, -ean, *s.m.* Chief prophet.
àrd-fheamanach,** -aich, *s.m.* High steward.
————d, *s.f.* High stewardship.
àrd fhear-gionach,(AF) *s.m.* Asp.
———— -gnothaich,‡‡ *s.m.* Attorney.
———— -nimh,(AF) Asp.
àrd-fheasgar, -air, *s.m.* Late at even, towards night.
àrd-fhéill, *s.f.* Great festival or solemnity. *A.* na h-Eadailt, *the Carnival.*
àrd-fhiosachd, *s.f.ind.* Prophesying, predicting.
àrd-fhlaitheachd, see àrd-fhlaitheas.
àrd-fhlaitheas, -ais, *s.m.* Supreme dominion.
àrd-fhlath, -aith, -an, *s.m.* Monarch, prince, chief, archduke.
àrd-fhoclach, see àrd-fhaclach.
àrd-fhoghlum, -uim, *s.m.* High learning.
àrd-fhrithealachadh,** *s.m.* Archdeaconry.
àrd-fhrithealachd, see àrd-fhrithealachadh.
àrd-fhrithealachair, see àrd-fhrithealaiche.
àrd-fhrithealaiche,** *s.m.* Archdeacon.
àrd-fhuaim, *s.f.* Loud noise, murmur.
————neach, -eiche, *a.* Sounding, murmuring, making a loud noise.
àrd-fhuaimnich, *s.f.* Any loud noise, continued loud noise.
àrd-ghairm, -ghairme, *s.f.* Loud shout. 2 High calling. Duais na h-àrd-ghairme, *the reward of the high calling.*
àrd-ghaisgealachd,‡‡ *s.f.* Chivalry.
àrd-ghaoir, -e, *s.f* Loud noise or cry.
†àrd-ghaois, -ean, *s.f.* Liberal art.
†————ear, *s.m.* Master of arts.
àrd-ghaoth, -ghaoithe, *s.f.* High wind.
————ach, -aiche, *a.* Windy, stormy, blowing loudly. A bhuilg-shéididh à., *his loudly blowing bellows.*
àrd-ghlan, -aine, *a.* Illustrious, conspicuous.
àrd-ghlaodh, -aoidh, *s.m.* Loud cry, scream.
†àrd-ghleadhraich, *s.f.* Any loud noise, a rattling noise.
†àrd-ghliaidh, *s.m.pl.* Famous deeds.
àrd-ghlòir, -e, *s.m.* Bombast, loud speaking, lofty style, boasting, vain-glory.
————each -eiche, *a.* Bombastic, inclined to speak loud, boasting, vain-glorious.
àrd-ghlonn, -an, *s.m.* Noble exploit.
————ach, -aiche, *a.* Renowned for bravery, celebrated, famed.
àrd-ghniomh, *pl.* -arra, -artha, & -arran, *s.m.* Lofty deed, feat, achievement. *A.* an rìgh, *the exploit of the king.*
————aran, *n. pl.* of àrd-ghniomh.
àrd-ghul, -ghuil, *s.m.* Loud weeping, howling. Tha e ri àrd-ghul, *he is weeping aloud.*
àrd-ghuth, *s.m.* Loud voice, 2 Loud cry, shout.
————ach, -aiche, *a.* Clamorous, loud. 2 Shouting loudly.
àr-dhamh, see àr-damh.
àr-dhìth, -e, *s.m.* War havoc.
àrd-iarla, *s.m.* First earl.
àrd-inbhe, -ean, *s.f.* Dignity, eminence, high rank. Oirdheirceas àrd-inbhe, *the excellence of dignity.*
————ach, -eiche, *a.* Eminent. 2 High in office.
————achd, *s.f.* Eminence, dignity, rank.
àrd-inntinn, *s.f.ind.* Haughtiness, arrogance, pride. 2 High spirit.
————each, -eiche, *a.* Haughty, arrogant, proud, vain. Na bi à., *be not high-minded.*
————eachd, *s.f.ind.* Haughtiness, pride, conceit, vanity. *A.* 'nur measg, *pride among you.*
àrd-iolach, -aich, *s.f.* Loud shout, acclamation. Le h-àrd-iolach, *with a loud shout.*
àrd-iuchar,‡‡ -air, -chraichean, *s.f.* Master-key.
àrd-labhar, see àrd-labhrach.
àrd-labhrach, -aiche, *a.* Loud voiced. 2 Eloquent, sublime (in speaking.) à. a' chinn, *the tongue.*
àrd-leumach, -aiche, *a.* High bounding.
àrd-leumannach, see àrd-leumach.
àrd-losgadh, -aidh, *s.m.* Extreme burning. 2 Extreme heat. 3 Inflammation. Le h-àrd-losgadh, *with extreme burning.*
àrd-luathghair, *s.f.* Triumphant exclamation.
àrd-mhailgheach, *a.* Beetle-browed.
àrd-mhaighstireachd, *s.f.* Supreme authority.
ard-mhalaideach,‡‡ -eiche, *a.* Beetle-browed.
àrd-mhaor-righ, *s.m.* Herald, pursuivant.
àrd-mharaiche, *s.m.* Admiral. Prìomh à., *lord high admiral.*
àrd-mhath, -aith, *s.m.* Supreme good.
àrd-mheanmnach, -aiche, *a.* Magnanimous,high mettled.
àrd-mhiann,** *s.m. & f.* Aspiration.
àrd-mhilidh, -ean, *s.m.* Heroic chief.
àrd-mhol, *v.a.* Extol highly, magnify, praise, laud, celebrate.
àrd-mholadh, -aidh, *s.m.* Praise. Ag à—, *pr. pt.* of àrd-mhol.
àrd-mholta, *a. & pl. part.* Highly extolled, magnified. 2 Celebrated.
àrd-mhorair, -ean, *s.m.* Admiral. 2 Lord Pre-

sident. *A.* an t-seisein, *Lord President of the Court of Session.*
àrd-mhorfhear, àrd-mhormhaor, } see àrd-mhorair.
àrd-mhuingeach, -eiche, *a.* High-maned.
àrdoch, -oich, see fàrdoch.
†àrdog, see òrdag.
àrd-ollamh, -aimh, *s.m.* Chief professor or doctor. 2 Principal of a university. 3 Historiographer royal.
àrdorus, see àrd-dorus.
àrdrach, -aich, *s.f.* Eight-oared galley.
àrd-ramhach, see àrdrach.
àrd-rath, -a, *s.m.* Sunshine of prosperity.
àrd-reachdas, -ais, *s.m.* General assembly. 2 Synod. 3 Convention.
àrd-reim,** *s.* Rant.
àrd-riaghladh, -aidh, *s m.* Supreme rule.
àrd-riaghailt, -e, *s.f.* Supreme rule.
àrd-righ, *pl.* -re, & -rean, *s.m.* Supreme king, God. 2 Monarch. 3 Emperor.
àrdroch, see àrdrach.
àrd-sgeimhleir,** -ean, *s.m.* Curious person.
àrd-sgoil, -e, -ean, *s.f.* Academy, college, high school. 2* see àrd-sgoilearachd. à. Dhunéideann, *Edinburgh University.*
————ear, -ir, -ean, *s.m.* Student at a university or academy. 2 High-school boy. 3 *Philosopher. 4 Excellent scholar.
————achd,* *s.f.ind.* Philosophy. 2 Choice education.
àrd-sgoil mhaighstir, -irean, *s.m.* Master at an academy or high-school. 2 Professor.
àrd-shagart, -airt, -ean, *s.m.* High priest.
————ach,‡‡ *a.* Pontifical.
————achd, *s.f.ind.* High priesthood, primateship.
àrd-sheanadh, -aidh, *s.m.* General assembly. 2 Supreme council. 3 Parliament, Ard-sheanadh Eaglais na h-Alba, *The General Assembly of the Church of Scotland.*
àrd-sheanair, -ean, *s.m.* Member of a general assembly, 2 of a senate, or 3 of any supreme council.
àrd-sheanalair, -e, -ean, *s.m.* Generalissimo. 2 Supreme commander.
àrd-sheòl, *s m.* Topsail.
àrd-shodan,** -ain, *s m.* Ecstasy.
àrd-shona, *a.* Supremely blest, or 2 happy.
————s, -ais, *s.m.* Supreme bliss. 2 Perfect happiness. *A.* mo chridhe, *the supreme bliss of my heart.*
àrd-shubhas, see àrd-shonas.
àrd-shuidhear, -ir, -ean, *s.m.* President.
àrd-shunntach, -aiche, *a.* Highly cheerful, in high spirits, mirthful, gay.
àrd-theud,‡‡ *s.f.* Master-string.
àrd-thighearna, -an, *s.m.* Supreme lord.
————————s, -ais, *s.m.* Supreme rule or power.
————————il, *a.* Lordly, proud, haughty.
àrd-thonnach, -aiche, *a.* High-waved.
àrd-threith, *gen. sing.* of àrd-thriath.
àrd-thriath, -threith, *s.m.* Supreme chief or ruler. 2 Hero. *A.* na cruinne-cé, *Supreme Ruler of the universe.*
àrd-uachdaran, -ain, *s.m.* Chief ruler, sovereign.
————————achd, *s.f. ind.* Chief rule, supreme authority.
àrd-uaislean, *s.pl.* Nobles, nobility. 2 Princes. 3 Gentry. Tàir air àrd-uaislibh, *contempt on princes.*
àrd-uaislich,‡‡ *v.a.* Nobilitate.
àrduchadh, see àrdachadh.
àrd-ùghdarras, -ais, *s m.* Chief authority, discretionary power. Fhuair mi à., *I received full authority.*
àrduich, see àrdaich.
arduichear, àrduichidh, àrduichte, } see àrdaich——.
ar-ear, -ir, *s.m. better* àradair.
àr-ear, -ir, *s.m.* (àr + fear) Hero.
†àreile, *adv.* Other.
a réir, *prep.* According to.
a réir sin, *adv.* According to that.
ar feadh, *prep.* see feadh.
ar-fhaich, -e, -ean, *s.f.* Field of battle.
†arfud, see air feadh.
arfuntaich, *pr.pt.* ag arfuntachadh, *v.a.* Disinherit, dispossess. 2 Forfeit.
arfuntachadh, -aidh, *s.m.* Disinheriting. 2 Forfeiting
arfuntaichte, *pt.part.* Forfeited. Na h-oighreachdan *a.*, *the forfeited estates.*
†arg, *s.m.* Champion. 2 Chief, commander. 3 Learning. 4 Ark, ship. †*a.*** White.
argair,** *s.m.* Plunderer. 2 Destroyer.
†——, *v.a.* Keep, herd.
†argam, see airg, *v.*
argarrach, -aich, see agarach.
†àrglorach, see àrd-ghlorach.
†argnach, -aich, *s.m.* Robber—*a.* Loud, mighty.
†argnadh, -aidh, *s.m.* Robbery. 2** Prey. 3 Ingenuity.
†argnoir, see argnach.
†argthoir, -e, -ean, *s.m.* Destroyer. 2 Plunderer.
†arguin, *v.* Lay waste. *s.f.* Argument.
†————te, *a.* Argumentative.
arguinn, *v.a.* Argue, dispute, wrangle.
————, *s.f.* Argument.
†———— -iomlan, *s.f.* Syllogism.
————each, *a.* Dialectical.
————eachd,** *s.f.* Argumentation.
————ear,** *s.m.* Discusser.
————iche,** *s.m.* Arguer.
argumaid,** *s. f. ind.* Argument, motive, reason. Le h-argumaidibh, *with arguments.*
————each,** *a.* Argumentative.
————ich,* *v.n.* Argue, reason. 2 Foil.
———— -ribidh, *s.f.* Dilemma.
†arigh,** *s.pl.* Chiefs.
†arinn,** *s.f.* Friendship.
a rìs, *adv.* see a rithist.
a rithis, *adv.* Again. 2 Second time, another time. (In some parts of the Southern Highlands they say *a rithistich.*)
†arladh, *s.m.* Kindling.
arlain, see earlain.
arlas, -ais, see airleas.
àrlas, -ais, -an, see fàrlus.
†àrleag, -eig, see àirleag.
————ach, see àirleagach.
ar leam, *v.defect.* Methinks, methought.
ar leom, see ar leam.
bànaich, *v. a.* & *n.* Whiten, make pale, bleach. 2 Grow pale. 3**Make waste or vacant.
bànaiche, -ean, *s.m.* The outer of two ploughing horses.
bànaidh, *a.* Sallow, pale.
banail, -e, *a.* Modest, womanly, feminine, delicate. 2 Comely, elegant. A bhean bhanail, *his modest wife.*
†banailt, *s. f.* Nurse.
banair, -e, -ean, see mainnir.
ban-àireach, see banarach.
banais, bainnse, *pl.* bainnsean, *s. f.* Wedding-feast. Fear na bainnse, *the bridegroom;* bean na bainnse, *the bride;* culaidh bainnse, *a wedding dress.*
banais-mhagaidh,(JM) *s. f.* Mock wedding. [At one time common in Uist.]

banais-pheighinn,‡‡ *s. f.* Penny wedding.
†banaiteach,** *a.* Serious, grave, sedate.
banal, see banail.
banalachd, *s. f.* Female modesty, behaviour becoming a female.
banalas, see banalachd.
banaltrachd *s. f.* Nursing. 2 Business of a nurse. Mach air *bh.*, *out at nursing.*
banaltradh, -aidh, *s. f.* see banaltrum.
banaltrach,* *v.a.* Nurse.
banaltruim,* *v.a.* Nurse.
banaltrum, -uim, *s f.* Nurse.
banaltrumachd, see banaltrachd.
banaltrumas, ,, ,, ,,
bana-mhaighstir, -ean, *s. f.* Mistress. 2 Female who employs one or more servants. 3 School-mistress.
bana-mhaighstireas, -eis, *s.m.* Rule of a mistress.
bana-mhàlta, *a.* Shamefaced, modest, bashful.
bana-mhàltachd, *s. f.* Shamefacedness, bashfulness, modesty.
bana-mharcaiche, *s. f.* Female rider.
bana-mharcair,** see bana-mharcaiche.
bana-mharcus, -uis, -uisean, *s. f.* Marchioness.
bana-mharsanta.* *s. f.* Female merchant.
bana-mheirleach, *s. f.* Female thief.
bana-mhisgear, *s. f.* Female drunkard.
bana-mhorair, -ean, *s. f.* Lady. 2 Wife of a lord or baronet. 3 Countess.
bana-mhormhair, see bana-mhorair.
bana-mhortair, *s. f.* Murderess.
bana-phrionnsa, *s. f.* Princess.
†ban-ara, *s. f.* Maid-servant.
banarach, -aich, *s. f.* Dairymaid, milkmaid.
banarachas, -ais, *s.m.* Office of a dairymaid or milkmaid.
ban-asal, -ail, *s. f.* She-ass. (*asal boirionn.*)
banasgal, see †ban-gal.
banas-taighe, *s. f.* Female occupations, housewifery.
banbh, bainbh, *s.m.* Land unploughed for a year. †2 Pig.
banbhan, see banbh.
bàn-bhroilleach, *a.* White-bosomed. Còmhnuidh nam bàn-bhroilleach òigh, *the dwelling of the white-bosomed maids.*
ban-bhusdraich, see bana-bhusdraich.
banc, -ainc, -an, *s.m.* see bailc.
banc, -a, *pl.* -an, & -anuan, *s.m.* Gaelic spelling of *bank*, (*taigh-réidh*, *bailc.*)
bancach, see bailceach.
bancaid, see bangaid.
bancair, *s.m.* Gaelic spelling of *banker.*
ban-chag, ban-charaid, ban-chèard, } see bana-ch—.
ban-chéile, see bean-chéile.
ban-cheileadair, ban-chliamhuinn, †ban-chliaraiche, ban-chòcaire, ban-chocaireachd ban-choigle, ban-choigreach, †ban-chointeach, ban-chòmhdhalta, ban-chompanach, ban-chompanas, †ban-chonganta, } see bana-ch—.
bàn-chraicneach, -eiche, *a.* White-skinned, fair-skinned.
ban-chruitear, see bana-chruitear.
bàn-chruthach, *a.* Pale-complexioned, pale, wan.
bàn-chu, -choin, *s.m.* White dog. 2‡‡Illustrious hero.
†bàn-chuir, *s. f. ind.* Sea-sickness where no eructation is produced.
ban-chuisleanaiche, see bana-ch—.
ban-churadair, ban-churaidh, } see bana-ch—.
†banda, *a.* Female, feminine, modest.
bandachd, *s. f. contr.* for baindeachd.
bandaidh, *a.* see baindidh.
————eachd, see baindeachd.
ban-dalta, -achan, *s. f.* Foster-daughter.
ban-dalta-baistidh, *s. f.* God-daughter.
bàn-dhearg, *a.* Pink.
ban-dia, *gen.s.* bain-dé, *pl.* -dée & -diathan, *s.f.* Goddess. A' bhan-dia a ni am bogha-frois, *the goddess that forms the rainbow* ; ach mar an ceudna gu'n cuirear teampull na ban-dé móire Diana an neo-phrìs, *but also that the temple of the great goddess Diana should be despised.*
ban-diabhol, -oil, *s.f.* Female devil, or fury.
ban-diùc, -an, *s.f.* Duchess.
ban-draoidh, see ban-druidh.
ban-druidh, *s.f.* Enchantress, sorceress.
ban-drùncair, see bana-mhisgear.
ban-dubhairiche, *s.f.* Dowager.
†ban-duileamhuin,‡‡ *s.f.* Goddess.
ban-éigneachadh, -aidh,** *s.m.* Rape.
ban-fhàidh, -e, -ean, *s.f.* Prophetess. Agus ghlac Miriam, a' bhan-fhàidh, tiompan 'na làimh, *and Miriam the prophetess took a timbrel in her hand.*
†ban-fheadanach, -aiche, *s.f.* Female piper. 2 Female who plays any wind instrument.
ban-fhigheach, -iche, -ichean, *s.f.* Female weaver. 2 Female who knits. [Pronounced *baineach.*]
ban-fhigheadair, see ban-fhigheach.
ban-fhigheadaireachd, *s.f.ind.* Work or occupation of a female weaver.
ban-fhiosaiche, -chean, *s.f.* Fortune-teller. 2 Prophetess. 3 Gipsy.
ban-fhlath, -aith, -ean, *s.f.* Chief's wife. 2 Heroine. 3**pl.* Ladies.
ban-fhluasg, *s.m.ind.* see ban-fhluasgadh.
ban-fhluasgach, *a.* Menstrual.
ban-fhluasgadh, -aidh, *s.m.* Menstrual courses.
ban-fhuadach, -aich, *s.m.* Fornication.
————d, *s. f. ind.* Rape. 2 Forcibly carrying off a woman.
ban-fhuaighealachd, *s. f.* Sewing, business of a sempstress or milliner, millinery. [Pronounced *banalachd.*]
ban-fhuaighealaiche, -ean, *s. f.* Sempstress, milliner. [Pronounced *banalaiche.*]
ban-fhuineadair, *s.f.* Female baker. 2 Female cook.
bang,* *s. f. ind.* Drum. A' toirt fuaim á *b.*, *making a drum-beat masterly.*
†bang,‡‡ *s.m.* Nut. 2 The touch. 3 Hinderance. 4 Reaping.
†————, *v.a.* Bind, obtain a promise.
bangadh, -aidh, *s.m.* Binding, promise.
bangaid, Gaelic spelling of *banquet.*
————each,** *a.* Banqueting. 2 Fond of banqueting.
————eachd, *s.f.ind.* Continued banqueting.
ban-ghaisgeach, see bana-ghaisgeach.
†banghal, *s.m.* Female heroism.
bàn-gheal,‡‡ -ile, *a.* Milk-white, dead white.
bàn-ghlas, *comp.* bàin-ghlaise, *a.* Pale, wan, ashy (colour.)
ban-ghoistidh, see bana-ghoistidh.
ban-ghrùdair, see bana-ghrùdair.
bàn-ghucach, -aich, *s. f.* The small-pox.
ban-iarla, -iarlan, *s. f.* Countess.
ban-iasg,(AF) *s. f.* Female or spawning fish.
————air, -e, -ean, *s. f.* Fisherwoman.

ban-ifrinneach, *s. f.* Fury, turbulent, raging woman.
ban-iofarnach, see ban-ifrinneach.
ban-iompair,‡‡ *s. f.* Empress.
ban-iutharnach, *s. f.* see ban-ifrinneach.
ban-laoch, -laoich, *s.f.* Heroine. 2 Amazon. 3 Virago.
ban-léigh, -e, -ean, *s. f.* Female physician.
ban-leòghann, *s. f.* Lioness.
ban-leòmhann, see ban-leòghann.
bàn-leus, -leois, *s.m* Thin white cloud.
ban-lighich, -e, -ean, *s. f.* Female doctor.
†bàn-mhac, *s.m.* Son-in-law.
ban-mhaighstir, ——eachd, ——eas, ban-mharcaiche, ban-mharcus, } see bana-mh——.
†bàn-mhathair, *s. f.* Mother-in-law.
ban-mhorair, see bana-mhorair.
ban-mhortair, see bana-mhortair.
bann, bainne [& boinne] *pl.* bannan, banntan [& boinn,] *dat.pl.* bannaibh&-taibh,*s.m.* Belt, girth, sash. 2 Bond, bill. 3 Tie, key-stone. 4 Hinge. 5 Band, as of a shirt or any article of clothing. 5**Band of men. 6 Band of music. 7 Chain, fetter,cord. 8 Bann. 9**Interdict. 10 Proclamation. 11 Sling. 12** Death. 13‡‡ Ball. 14**Marching, journeying. 15 Brace in writing (——) Bann an doruis, *the door-hinge* ; théid mis' am bannaibh dhuit, *I can assure you* ; na boinn a b'àill leo iadhadh oirnn, *the cords with which they would wish to surround us* ; cuir boinn anns a' bhalla, *put key-stones in the wall ;* a' ceangal bhann mu sguaban, *binding sheaves*; a' fuaigheal bhann, *sewing bands* ; le banntaibh daingeann, *with firm bands ;* bannan bhur cuinge, *the bonds of your yoke.*
bann,* *v.a.* Bind, tie, band. 2 Fix with key-stones, Balla air a dheagh bhannadh, *a wall well secured with key-stones.*
bann,** *a.* High.
†banna, *s.m.pl.* Band, troop.
†bannach, *a.* Active. 2 Expert. 3 Crafty. 4‡‡ Actual.
†-——, *s.m.* Crafty person. 2 *in ridicule* Fox. 3 see bonnach.
†-——d, *s. f.* Craftiness, deceit.
bannag, -aig, *s.f.* New-year's gift. 2 Treat given to one on his first visit on New-year's day. 3 New-year's cake. 4‡‡ Yule cake. 5 Corn-fan. 5(AH) Ball used in shinty. Là nam bannag, *the day before Christmas Day* ; oidhche nam bannag, *the night before Christmas* ; Mo *bh.* ort ! *a method of asking a New-year's cake ;* is mairg a rachadh air a *bh.*, agus a thcann-shàth aige-fhéin, *'twere pitiful to go begging bannocks, with plenty of one's own.*
Bannag,(AC) *s.f.ind.* The Eucharist.
†bannair,‡‡ *s.m.* Ingrafter.
bannal, -ail, -an, *s.m.* Assemblage. 2 Bad company. 3 Troop, band, covey. 4 Crowd of women. 5 Gathering, collection. Am *b.* uchd-ruadh, *the red-breasted covey.*
——ach, *a.* In companies, troops or crowds.
——as,** -ais, *s.m.* Association.
—— dannsaidh,** *s.m.* Ball.
bann-amh'cha,(AH) *s.f.* Neck-band of a shirt.
ban-naomh, -naoimh, *s.f.* Female saint. 2 Nun. 3 Saintly female.
bannas, -ais, *s.m.* Roof of the mouth.
bann-bhràghad, -aid, -ean, *s.m.* Cravat, neck-tie. 2 (AH) Front band of a woollen or cotton shirt, extending from the neck downwards and containing the front button-holes.
bann-bhràighe,** *s.m.* Cape.
baun-cèirde, -an-, *s.m.* Deed of Indenture.
bann-cheangail, *v.a.* Bind by bond, article.
——————, bannan-, *s. m.* Obligatory bond, cautionary bond.
banndair, see banntair.
banndalach, *a* Foppish.
bann-duirn, bannan-, *s. m.* Wrist-band. *B. léine, the wrist-band of a shirt.*
ban-nigh,(AC) *s. f.* Water-wraith.
bann-sonlaid, *s.m.* Bill.
bann-tàmh, *s. m.* Cubit. 2 Handcuff. 3‡‡ Fathom. Aon *bh.*, *one cubit.*
bann-muineal,** *s.m.* Collar.
†bannrach, *s.m.* see banrach.
†bannsach, -aich, -aichean, *s.m.* Arrow. 2 Any sharp-pointed missile weapon.
bann-sgrìobhadh, *s.m.* Indenture.
†bann-shampla, *s.m.* Example.
bann-saoirseach, see bann-saor.
bann-saor, *a.* Free by law, licensed, authorized.
——————sachd, *s. f.* Condition of being free by law or bond, freedom from obligation.
——————sadh, -aidh, *s.m.* Freedom or liberty sanctioned by law or bond, manumission.
——————saich, *v.a.* License, make free.
bann-seilbhe, *s. f.* Deed of infeftment.
bann-sorn, -oirn, *s. m.* Kind of griddle or baking stove.
banntach, -aich, -aichean, *s. f.* Hinge. 2 Bond, obligation.
banntaich,** *v.a.* Article, bind.
banntair,** -ean, *s.m.* Covenanter, drawer up of bills or bonds, contractor.
——————eachd,** *s. f.* Covenant-making, confederacy.
bann-taisbeanaidh, s.m. Bond of appearance, bail-bond.
bann-tarsuing, *s.m.* Bend *in heraldry* (representing a shoulder-belt.)
banntrach, see bantrach.
——————as, see bantrachas.
ban-ogha, *s. f.* Grand-daughter. Ban-ogha 'n ogha, *the grand-son's grand-daughter* ; ban-ogha 'n iar ogha, (nighinn mhic, [*or* nighinn nighinn]an iar ogha), *the great-grand-son's grand-daughter.*

19. Bann-tarsuing.

ban-òglach, -aich,*s. f.* Female servant, maid-servant, hand-maiden. 2 Maiden. 3 Female slave. Do bhan-òglaich, *thy maidens.*
banoglach, see ban-òglach.
ban-oidhre, see ban-oighre.
ban-oighre, -oighrean, *s. f.* Heiress.
——————achd, *s. f.* Estate that goes to heirs female.
ban-oirchisiche,** *s.f.* Benefactress.
ban-òranaiche,** *s.f.* Chantress.
ban-phrionnsa, see bana-phrionnsa.
†banrach, -aich, *s.m.* Fold for sheep, pen. 2 Cow-house. 3‡‡Shift, smock.
†banraich, *v.a.* Pen, shut up.
ban-ridir, -e, -ean, *s. f.* Baroness, wife of a knight or baronet.
ban-righ, *s. f.* Queen. Màiri, ban-rìgh na h-Alba, *Mary, Queen of Scotland* ; *b.* Bhreatuinn, *the Queen of Great Britain.*
ban-righinn, -righinnean, *s. f.* Queen. Port na ban-righinn, *Queensferry, in the Firth of Forth.*
bànrinn, see ban-righinn.
banscar, see bansear.
ban-sealgair, -e, -ean, *s. f.* Huntress.
ban-sear, ban-searrach, } (AF) *s. f.* Filly.
ban-seirbhiseach, *s. f.* Female servant.

†bansgal, -ail, -alan, *s. f.* Aged female, often applied as a term of reproach. 2(AC) Unmarried woman. 3(AC) Masculine woman, amazon. 4(AC) Whale, leviathan.
†————, *a.* Effeminate, womanish.
bansglach, see ban-òglach.
bàu-sgoth,** *s.m.* Son-in-law.
ban-searrach, -aich, *s. f.* Mare-foal.
ban-sith, *s. f.* Female fairy. It was believed by the Highlanders of old that the wailings of this being were frequently heard before the death of a chieftain. She seldom made her appearance, but when she did, it was in a green mantle with dishevelled hair.
ban-sniomhaiche, -ean, *s. f.* Spinster.
ban-solaraiche, -ean, *s. f.* Cateress.
†ban-spiorag, -aig, -agan, *s. f.* Sparrow-hawk.
ban-stiùbhart, -airt, -an, *s. f.* Housekeeper.
————————achd, *s. f.* Office or business of a housekeeper.
†bauta, *s. f.* Niece.
bàu-talamh,†‡ -mhainn, *s.m.* Lea ground.
ban-tighearn, *s. f.* see baintighearna.
————————ail, *a.* see baintighearnail (in appendix.)
bantrach, -aich, -aichean, *s. f.* Widow. 2 *s.m.* Widower. Do *bh.* mar eun tiamhaidh, *thy widow like a lonely bird;* is olc a' bhantrach a' phìob, *the bagpipe is a poor widow* (suggestive of the improvidence of pipers); is *b.* i, *she is a widow;* is *b.* e, *he is a widower.*
————as, -ais, *s.m.* Widowhood. 2 Living in widowhood.
†————d, *s. f. ind.* Company of women.
ban-traill, -e, -ean, *s. f.* Female slave, bondmaid. 2 Maid-servant. Ceud-ghin na bantràille, *the first-born of the bond-maid.*
ban-t eabhach, see bantrach.
ban-tuathanach, -aich, -aichean, *s. f.* Female who farms. 2 Farmer's wife. 3 Peasant's wife.
————————as, -ais, *s.m.* Agriculture done by, or under the direction of, a female.
ban-tuathanaich, *gen. sing.* of ban-tuathanach.
————————ean, *n. pl.* of „ „
†bànughadh, *s.m.* Waxing pale.
bao', see baobh & baoth.
baobach,* *s. f.* Panic, terrible fright. 2 Female easily frightened.
————,* *a.* Panic-struck, terribly afraid.
baobair,* -e, -ean, *s.m.* Panic-struck man. 2 Man easily frightened.
baobh, -aoibh, baobhan, *s. f.* Wizard. 2 Wicked mischievous female, who invokes a curse or some evil on others. 3 Foolish, disagreeable female. 4 She-spirit supposed to haunt rivers. Cainneam agus aoiream a' *bh.* a rinn an t-òran, *let me satirize and lampoon the furious woman that made the song;* eadar a' bhaobh is a' bhuarach, *a dilemma—referring to the superstition that a blow from a "buarach" renders childless;* gheibh baobh a guidhe ged nach fhaigh a h-anam tròcair, *a wicked woman will get her wish though her soul get no mercy.*
————achd, *s. f.* Conduct of a mischievous, foolish or wicked woman. 2**Croaking of a raven.
————ag, *dimin.* of baobh.
————aidh, see baobhail.
————ail, -e, *a.* Wicked. 2 Savage, fierce, mad, wild, furious. 3 Foolish. 4 Destructive. 5**Fearful. 6††Pertaining to a wizard or hag. Dearg nam feachd *b.*, *Dargo of destructive hosts;* buillean trom, *b.*, *heavy fearful blows.*
————aileachd, *s. f. ind.* Madness, wildness, furiousness. 2 Destructiveness, direfulness. 3**Fearfulness.
————alachd, see baobhaileachd.
————anta, *a.* Elfish.
baodh, see baoth.
baodhail, *a.* see baoghalta.
baodhaire, see baothaire.
————achd, see baothaireachd.
baodhaiste,†† *s.m.* Hardship, trouble. 2 Rough usage or fatigue through bad weather.
————achadh, see baodhaiste.
baodhaistich,* *v.a.* Drench, give a miserable appearance. 2 Spoil one's clothes in bad weather.—*Isles.*
baodhan, *s.m.* see baoghan, & baothan.
————ach, see baoghanach & baothanach.
baodhannach,(AF) *s.m.* Elk, moose deer.
†baodrod, *s.m.* Scolding.
baogadh, -aidh, *s.m.* Sudden start.
baogaid,* *s. f.* Whim, caprice.
————each,* *a.* Whimsical, capricious, odd, fanciful.
————each,* *s. f.* Fanciful, whimsical female.
————eachd,* *s. f.* Whimsicality, fancifulness, oddity, capriciousness.
baogh, -aoigh, see baobh.
————air, see baothair.
baoghal, -ail, *s.m.* Peril, danger. 2 Crisis. 3 Matter of consequence from its bad effects. 4(AH) Lull in a storm. 5(AH) Favourable opportunity. Uisge-beatha baoghal, *whiskey four times distilled;* fear an t-saoghail fhada, cha bhi *b.* chuige, *nothing will cut short the life of the long liver.*
————ach, -aiche, *a.* Wild, furious, destructive. 2 Perilous, dangerous. 3**Adventurous. Roimh na gaothaibh *b.*, *before the perilous winds;* lag ri uair *bh.*, *weak in the hour of danger;* is *b.* am buille, *perilous is the blow.*
————achd, *s. f.* Danger, hazard.
————lan, -ain, *s.m.* Foolish fellow, cuddy, silly blockhead.
————lanachd, *s. f.* Behaviour of a stupid fellow, foolishness, stupidity.
————ta, *a.* Foolish, credulous, silly, idiotical, simple. Creididh an duine baoghalta, *the simple shall believe.*
————tachd, *s. f. ind.* Foolishness, credulousness, silliness, simpleness, idiocy.
baoghan, -ain, *s.m.* Anything bulky, or 2 Jolly. 3 Calf. 4 Young fool. Baoghan an cois gach bò, *each cow followed by a calf.*
————ach,** -aiche, *a.* Like a calf, of, or belonging to, a calf.
baoghlach, *a.* see baoghalach.
baoghlair,** *s.m.* Adventurer.
baoghlan, -ain, see baoghallan.
————achd, see baoghallanachd.
baogram,‡ -aim, *s.m.* Flighty emotion.
†baoil, *s. f.* Water. 2‡‡Madness.
————eag, *s. f.* Blaeberry.
baoireadh, -aidh, *s.m.* Foolish talk.
baois, *s. f.* Concupiscence, lust. 2 Levity, idle talk. 3 Madness.
————each, -siche, *a.* Lewd, lascivious, lustful. 2 Giddy.
————eachd, *s. f. ind.* Concupiscence, lust, lasciviousness,. 2 Levity. 3 Madness. Luchd baoiseachd, *lewd people.*
————eid, see boiseid.
baoisealachd, see baoiseachd.
baoiseil, *a.* see baoiseach.
baoisg, *v.n.* see boillsg.
baoisge, see boillsge.
baoisgeach, see boillsgeach.
baoisgeadh, see boillsgeadh.
baoisgeil, *a.* see boillsgeil.
baoisleach, -eich, *s.m.* House of revelry or riot. 2 Brothel. 3 Frequenter of brothels.
————d, see baoiseachd.

baoisteach, see baoisleach.
baoisteadh, see baoisleachd.
baoit,* *s. f.* Giddy, foolish female. 2 (JM) Bait.—*Lewis.*
baoite, see baghte.
baoiteadh, (AH) *s.m.* Spell of activity. 2 Act of making progress with a task or work.
baoiteag, -eige, *s. f.* see boiteag. 2 Bait for fishing.
———— -dhrùchda, *s. f.* Brandling.
baoith, *a.* see baoth.
baoithe, *s. f.* Airiness, foolishness, giddiness, lightness, levity. 2 Youthfulness.
———, *comp.* of baoth.
baol,* *s.m.* Approximation, nearness in doing anything.
baol,* *v.n.* Approach, or come near doing anything. Cha bhaol e air, *it will not come near it.*
baolach, see baoghalach.
baolum, -uim, *s. m.* Nearness. Théid mi 'shealg, is gheibh mi baolum ort, gar (ged) am marbh, *I shall go a-hunting, and will get near enough to master you although dead—Duanaire, p. 101.*
baor,(AC) *s.m.* (?beur) Sharp. Thig na baor, *the sharp will come.*
†baos, *s.m.* Fornication, lewdness. 2 Caprice. 3 Frenzy.
†——, *a.* Capricious, giddy.
——ach,** *a.* Wanton, capricious.
baosganta, -ainte, *a.* see babhsganta.
baosrach, -aich, *s.m.* Madness, fury.
————, -aiche, *a.* Mad, frantic.
baosradh,** -aidh, *s.m.* Vanity.
baoth, -aoithe, *a.* Foolish, simple, unwise, stupid. 2 Profane, wicked. 3 Wild, fierce. 4 Careless, giddy, regardless, unsteady. 5** Dreadful, horrid. 6**Youthful. 7**Vast. 8 **Soft. 9 **Useless. 10**Deaf. 11‡‡Mad. Baoth bheus, *immorality, folly;* baoth chreideamh, *superstition* ; baoth shùgradh, *foolish and profane jesting* ; baoth smuain, *a foolish thought ;* fuaim bhaoth, *a horrid sound* ; cho baoth ri t'airm, *as useless as thine arms* ; an cunnart baoth, *in dreadful danger* ; tional baoth an t-sluaigh, *the vast concourse of the people* ; le sòlas baoth, *with giddy joy*; gheibh bean bhaoth dlùth gun cheannach, ach cha'n fhaigh i inneach, *a silly woman will get the warp without paying, but will not get the woof.* N.G.P.
baothachd, see baothaireachd.
baothail, -e, *a.* see baoth.
baothair, -ean, *s.m.* Simpleton, foolish fellow, idiot. 2**Calf. 3 (AF) Snipe. 4(JM) Foolish *or* immoral talker. Cha leannan *b.* thu, *said of one whose charms are more substantial than personal beauty* ; is tu am baothair ! *what a fool you are !*
baothaireach,‡‡ -aiche, Cullionly.
————d, *s. f.* Talk or conduct of a fool, stupidity, absurdity, foolishness.
baothairean, *n. pl.* of baothair.
baothan, -ain, *s.m.* Young fellow. 2 Blockhead.
————ach, *a.* Foolish, simple, silly. Gu baothanach, *foolishly.*
————achd, *s. f.* Foolishness, simpleness, silliness.
————tas, -ais, *s.m.* Same meanings as baothantachd.
baoth-bhallan, -ain, *s.m.* Fool.
baoth-bharailleach,‡‡ -aiche, *a.* Paradoxical.
baoth-bheus, -an, *s.m.* Immorality, improper conduct, misbehaviour.
————————ach, *a.* Immoral. 2 Dishonest. Gu baoth-bheusach, *immorally.*
————————an, *n.pl.* of baoth-bheus.
baoth-bhriathar,** *s.m.* Blasphemy.
†baoth-chaisgidh, *a.* Riotous.
baoth-cheannach,‡‡ -aiche, *a.* Paradoxical.
baoth-chleasach,‡‡ -aiche, *a.* Pantomime.
baoth-chleasachd, *s. f.* Buffoonery, farce. 2 ††Immodest play.
baoth-chleasaidheachd, see baoth-chleasachd.
baoth-chluich,‡‡ -e, -ean, *s.m.* Farce.
baoth-choltas, -ais, *s.m.* Affectation.
baoth-chreideamh, *s.m.* Superstition. 2 Erroneous opinions in regard to religious matters. 3**Wild creed.
baoth-chreidmheach, *a.* Credulous. 2 Superstitious. 3**Professing a wild creed.
baoth-chreidmhiche, *s.m.* One who professes an extravagant or erroneous creed.
baoth-dhòchas,** *s.m.* Chimera.
baoth-ghlòir, -e,*s. f.* Foolish talk,rant, bombast.
baoth-leum, *s.m.* Fearful or dangerous leap. 2 Prancing, vaulting. 3**Bound.
————————nach, *a.* Wildly leaping, proudly prancing. Each baoth-leumnach, *a proudly prancing horse.*
baoth-ràdh, *s.m.* Foolish or profane expression. 2**Idiotism.
————————ach, *a.* Profane, impious, blasphemous. 2 Given to idle or foolish talking. An teanga baoth-ràdhach, *the profane tongue.*
baoth-shùgrach, *a.* Inclined to profane jesting. 2 Of, or pertaining to, a profane jest.
baoth-shùgradh, -aidh, *s.m.* Profane jesting. 2 Lascivious talk.
baoth-smuain, *s.f.* Foolish thought. 2 Maggot.
†bar, *a.* Expert, excelling.
†bàr, *s.m.* Son.
†bàr, -àir, *s.m.* Learned man. 2 Man. 3 Dart. 4 Bread. 5‡‡Crop, corn. 6‡‡Hero. 7 see bàrr.
†bàr, -àir & bàrach, *s.m.* The sea.
†bara, *v.n.* Go, march.
bara, (? barail) *s.* Thoughts, mind. Is misde baile fear is a' bhara ri falbh, *a township is the worse of a man who intends to leave.* [J.M. gives "bharra," and D.M. "bhrath" for *bhara.*]
bara, *pl.* -achan, *s.m.* Barrow. 2 Bier. †3‡‡Act of going or marching. Bara-rotha, *a wheelbarrow* ; bara-làimhe, *a hand-barrow* ; bara-bocsa, *a box-barrow*; chuir e bara dheth fhéin, *he tumbled himself.*
bàrach, *a.* see barrach.
†bàrach, *gen. sing.* of bàir, *the sea.*
barachdail,** *a.* Rife.
barag, see barrag.
baragan, see bargan.
baraig, see bairig.
barail, -e [& baralach], *pl.* baralaichean, *s.f.* Opinion, conceit. 2 Conjecture, guess. 3 Supposition. 4 Expectation. Tha mi 'm barail, *I suppose ;* ma's math mo bharail-sa, *if I judge aright* ; a réir mo bharaile, *to the best of my belief* ; ciod e do bharail ? *what do you think ?* thoir dhomh do bharail, *give me your opinion* ; is faoin do bharail, *vain is thy expectation* ; thoir barail, *guess.*
————each, *a.* see baralach.
baraill, -e, -ean, *s.m.* Barrel, cask. 2 Barrel of a gun.
baraille, see baraill.
barailte, see baraille.
baraisd, -e, *s.m.* see barraisd.
————each, *a.* see barraisdeach.
baralach, *gen. sing.* of barail.
————, -aiche, *a.* Conjectural. 2 Hypothetical. 3 Opinionative, notional. Ro *bh.* 'na ghnìomh, *very conceited of his own doings.*—

Uist Bards.

———adh, -aidh, *s.m.* Conjecturing, guessing, supposing. A' b—, *pr.pt.* of baralaich.

baralaich, *pr.pt.* a' baralachadh. *v.a.* Guess, conjecture, think, suppose.

†baramhlach, *a.* Censorious.

baramhluich, *v.a.* see baralaich.

†baramhuil, *a.* (see barrail) Excellent.

baran, -ain, *s.m.* Baron.

———ach, *a.* Baronical.

———achd, *s.f.* Barony.

barandach, barandachadh, barandaich, barandail, } see barant—.

barandas, -ais, *s.m.* see barantas.

†barann, -ainn, *s.m.* Degree, step.

———aich, *v.a.* see barantaich.

barant, -an, *s.m.* Support, surety, safeguard. Is tu bu bharant dochais dhomh, *thou wast the surety of my hope.*

———ach, -aiche, *a.* Warranting, warranted, warrantable. 2 Sure, certain, confident, assured.

barantachadh, -aidh, *s.m.* Warranting. 2 Warrant. A' b—, *pr.pt.* of barantaich.

barantadh,** -aidh, *s.m.* Warrant, commission.

barantaich, *pr.pt.* a' barantachadh, *v.a.* Warrant, give privilege. 2 Assure, confirm, make certain.

barantail, -e, *a.* Warrantable, lawful. 2 Reasonable.

barantas, -ais, *s.m.* Commission, warrant. 2 Confidence, security. 3 Authority. 4 Pledge, in pawning. 5** Docket. Barantas-glacaidh, *a warrant to apprehend.*

barasach, see barrasach.

†barath, *s.m.* Lying in wait.

†barba, -uirbe, *s.f.* Severity, passionateness, fierceness.

†bar-baile, see barr-bhalla.

barbair, Gaelic spelling of *barber.*

———eachd (*barber*) *s. f.* Business of a barber or hair-dresser.

barbarra, see borbarra.

bar-bhrigein,‡ see brisgean.

bar-brag,‡‡ -aig *s.m.* Tangle-tops cast ashore in May.

barbrag,§ -aig, *s. f.* Barberry—*berberis vulgaris.*

bar-brisgein, *s.m.* see brisgean.

20. Barbrag.

bàrc, -àirc & bàrca, -annan, *s. f.* Bark, boat, skiff. 4 Barque. 3 Billow. 4 †Book. Chunnacas bàrc, *a skiff was seen;* bàrc bréid-gheal, *a white-sailed boat.*

bàrc, *v.a.* Rush. 2 Burst forth, burst out. 3**Embark.

——ach, -aiche, *a.* Rushing in torrents.

——achadh, see barcachd.

——achd, *s f.* Embarkation.

——adh, -aidh, *s.m.* Rushing or pouring impetuously, as waves. A' b—, *pr.pt.* of bàrc. Muir mnòr a' bàrcadh mu'm cneann, *a huge wave rushing on my head.*

†——aidh,‡‡ *v.n.* Embark.

†bàrc-lann, *s.m.* Library.

bàrd, -aird, *pl.* -aird [bàrda & bàrdan,] *s.m.* Bard, rhymer, poet. Sheinn am bàrd, *the bard sang.* [**Poetry being, in the opinion of the warlike Celts, the likeliest method of perpetuating their bravery, the bards were held by them in the highest veneration. Princes and warriors did not disdain to claim affinity with them. The Celts, being passionately fond of poetry, would listen to no instruction, whether from priest or philosopher, unless it were conveyed in rhymes. Hence the word *bàrd* meant also a priest, philosopher, or teacher of any kind. We often find a bard entrusted with the education of a prince, and about three hundred years ago, a Highland chief had seldom any other instructor. Such was the respect paid to the ancient bards, that, according to Diodorus, the Sicilian, they could put a stop to armies in the heat of battle. After an engagement they raised the song over the deceased, and extolled the heroes who survived.

When a bard appeared in an army, it was either as a herald or ambassador, hence his person and property were sacred in the midst of his enemies and amid their wildest ravages. In earlier times he never bore arms, and Owen asserts that it was unlawful to unsheathe a weapon in his presence. Among the ancient British there were, according to Jones, three orders of bards—the Privardd, (Priomh-bhàrd) or chief bard; the Poswardd, who taught what was set forth by the privardd; and the Arwyddwardd, *i.e.* the ensign bard, or herald-at-arms, who employed himself in genealogy, and in blazoning the arms of princes and nobles, as well as altering them according to their dignity or deserts. Owen observes that their dress was sky-blue, an emblem of peace.

Among the Irish Celts the bards enjoyed many extraordinary privileges. The chief bard was called Filidh, or Ollamh ri dàn, a graduate or doctor in poetry, and had thirty inferior bards as attendants, whilst a bard of the second order had fifteen. The Gael of Scotland was not behind his brother Celts in his veneration for the bards, for they had lands bestowed on them, which became hereditary in their families. A Highland chief retained two bards, who, like those of the Irish, had their retinue of disciples; and though the office did by no means procure the same deep respect as in times of old, yet it was always filled to the utmost. The reasons for the decline of their power will be found under "aois-dàna."]

†bàrd, -àird, -àird & -an, *s.m.* Dyke, fence. 2 Park. 3 Garrison. 4 Corporation.

bàrda, *n. pl.* of bàrd.

bàrdach, *a.* see bàrdail.

bàrdachd, *s. f.* Poetry, rhyming. 2 Satire, lampooning, sarcasm. 3 *rarely* Corporation town. Ged theirinn e cha bhàrdachd e, *though I were to say it, it would be no satire.*

†bardag,**-aig, -an, *s. f.* Box, paunier, hamper.

bàrdail, *a.* Poetical. 2 Satirical.

bàrdainn,—*Islay,* see bàirlinn.

†bàrdal, -ail, *s.m.* Drake.

bàrdalachd, *s. f.* Quantity of poetry. 2 Satire. 3 Unseemly language.

bàrdan, (*dim.* of bàrd) *s.m.* Poetaster.

bàrdas, -ais, *s.m.* Satire, lampoon. 2††Poetry.

bàrd-cluiche, -chluiche, *s.m.* Dramatist.

bàrd-dealbh-cluiche, see bàrd-cluiche.

bàrd-dhàn, *s.m.* Poetry, rhyme.

†barg, *a.* Red-hot.

bargan, -ain, -an, *s.m.* Gaelic spelling of *bargain.* (còrdadh *or* cùmhnant.)

———aich, *v.a.* Make a bargain.

———aiche,** *s.m.* Bargainer.

†barghal, *s.m.* Branches.

bàr-gheal, *a.* see bàrr-gheal.
bàrlag, -aig, -an, *s.f.* Rag, tatter. 2 Person in rags.
———ach, -aiche, *a.* Ragged, tattered, clouted.
bàrlaid,(AC) -e, -ean, *s.f.* see barrlait.
bar-linn, see bàirlinn.
bàrluath, *s.m.* Portion of pipe-music in "ceòl mór" which precedes the *taorluath*. It does not occur in all tunes, but only in those of the "Moladh Màiri" type.
bàr-mhór, see bàrr-mhór.
†barn, -airn, *s.m.* Nobleman. 2 Judge. 3 Battle.
bàrnach, see bàirneach.
bàrnag,** -aig, *s.f.* Summons of removal.
bàrnaig, *pr.pt.* a' bàrnaigeadh, *v.a.* Summon. 2 Warn, give summons of removal.
———eadh, -eidh, *s.m.* Summoning. 2 Warning, summons of removal. A' b—, *pr.pt.* of bàrnaig.
bàrnuigh, (AF) see bàirneag.—*Arran.*
†baroil, see barail.
barpa, -annan, *s.m.* Cairn, supposed to be a memorial of the dead, barrow.
barpail, a. *Monumental. 2**Arrogant.
bàrr, -a, *s.m.* Top, uppermost part of anything. 2 Point, as of a weapon or shoe. 3 Crop of grain, grass, or vegetables. 4 Harvest. 5 Superiority. 6 Suet. 7 Cream, ‡‡fat floating on the surface. 8 Scum. 9**Bread, food. 10 **Acme. 11**Branch. 12**Height, hill. 13 **Head, helmet. 14‡‡Battlement. 15**rarely* son, (see †bàr.) Tha 'n deagh bhàrr aca, *they have an excellent crop;* bàrr na snàthaid, *the point of the needle;* bàrr a bhata, *the end of his staff*; thug sin bàrr air na chuala mi riamh, *that excels everything I ever heard;* a bhàrr air sin, *besides, moreover*; bàrr maise, *superiority in beauty*; mar cheò air bàrraibh nam beann, *like a mist on the tops of the hills;* buntàta a' crathadh o'n bhàrr, *potatoes shaking from the haulms*; cha'n fhàg e bun no bàrr, *he will leave neither root nor branch*; a' chuach leis fo bhàrr, *his cup brimming over*; lion a mach le bàrr is le gucaig e, *pour it out up to the brim*, or *with a head on it*, Dia air bàrr, *God above all,—an invocation used when in great danger or distress.*
barr', see barradh.
bàrr, *v.a.* See bearr.
barra, *s.m. ind.* Spike. 2 Bar. 3 Court of justice.
barra,(JM) see bara.
barra-bhailc, see barr-bhailc.
barra-bhalla, see barr-bhalla.
———dh, see barr-bhalla.
barra-buidhe, *a.* see barr-bhuidhe.
barracaid,†† *s.f.* Pride. 2 Loud talk.
———each, -diche, *a.* Proud, saucy. Gu barracaideach, *proudly.*
———eachd, *s.f.* Pride, sauciness.
barrach, -aich, *s.m.* Top branches of trees, brushwood. 2 Birch. 3 Fine tow ("firsts"—"seconds" are bunnach, "thirds" sgath.) Fo sgàil a' bharraich, *beneath the shade of the branches*; snàthainn barraich, *a thread of tow.*
barrach, -aiche, *a.* High-topped. 2 Pinnacled. 3 Heaped up, as a measure. 4 Heaped over the brim of any dish. 5 Beetling, overtopping. 6 Excessive. Cairt bharrach, *a cart loaded over the brim.*
†barrachad, -aid, *s.m.* Cottage, hut, booth.
barrachadh, (a') *pr. part.* of barraich.
barrachaol, see barrchaol.
barrachas, -ais, *s.m.* see barrachd. 2 see barrchas.
barrachd, *s.f.* Superiority, pre-eminence. 2 Advantage, mastery. 3 Overplus. B'iongantach do ghràdh dhomh-sa, a' toirt barrachd air gràdh nam ban, *thy love for me was wonderful, surpassing the love of women*; barrachd ort-sa, *more than you have*; ma bhitheas barrachd agad, *if you have any surplus*; a bharrachd air sin, *besides that*; chi dithis barrachd air aon fhear, *two will see more than one.*
———ail, -e, *a.* Surpassing, superior. 2 Bold, brave.
———as,‡‡ -ais, *s.m.* see barrachd.
†barra-chust, *s.m.* Pericranium.
barradh, -aidh, *s.m.* Hinderance, obstacle. 2 see bara. A' b—, see bearradh.
barradh, see bàrr. A' suidh air a' bharradh (bhàrr) ud, *sitting on the brow of yonder hill.*
barradh-dhias, -dhéis, see barr-dhias.
barradhriopair, see barr-dhriopair.
barrag, -aig, -an, *s.f.* Posset. 2 Scum, cream. 3 Sudden pain. 4 Grapping, wrestling. 5 Young girl. 6 ‡‡Knot. 7‡‡Rod, switch. †8** Weeds that float on the water. Cha chinn barrag air cuid cait, *cream does not come on a cat's milk.*
barragach, -aiche, *a.* Creamy, frothy.
barraghlach, *s.m.* Tops or branches of trees, brushwood.
barrag-ruadh, -ruaidh, *s.f.* Yellow-horned poppy—*glaucium luteum.* The flower is yellow and not red, although called *ruadh.*

21. Barrag-ruadh.

barrag-uaine, *s.f.* see barraig-uaine.
barra-gùg, see barr-gùg.
barraibh, *dat. pl.* of bàrr.
barraich, *v.a.* Top up, heap, as a measure of grain. 2 Excel, surpass.
barraich,** *a.* Matchless, surpassing, pre-eminent, transcendent.
———te, *a.* Surpassing, excelling. 2 Superior, pre-eminent, matchless. ††3Lofty. *Pt. part.* of barraich, Tipped, topped. 2 Excelled, surpassed. Barraichte mar na seudair, *excellent as the cedars.*
barraidheachd, see barrachd.
bàrraig, *v.a.* see bà'rig.
†barraighin, *s.f.* Mitre.
barraig-uaine,‡ *s.f.* Green scum on stagnant water.—*confervae.*
barrail, -ala, *a.* Excellent, eminent, surpassing. 2 Generous. 2 Gay, sprightly. 4 Transcendant. 5 Genteel. A' mhaighdean bharrail, *the sprightly maiden.*

barrain, *gen. sing.* of barran.
barraisd, -e, *s.m.* Borage,—*borago officinalis.* 2** Green kale.

22. Barraisd.

barraisdeach, *a.* Full of borage. 2 Like borage. 3 Of borage.
bàrraisg,†† -e, -ean, *s.m.* Boaster, braggadocio.
barrall,* see barr-iall.
barramhais, see barr-mhais.
barra-mhanadh, see barr-mhanadh.
bàrr-a'-mhilltich,§ *s.m.* Arrow grass,—*triglochin palustre.*
barra-mhìslein,§ *s. m.* Bird's foot trefoil,—*lotus corniculata.*
†barrambuil, *a.* see barrail.
barran, -ain, -an, *s.m.* Any kind of coping on the top of a wall, as nails, glass, &c. to serve as a fence. 2 Hedge, fence. 3 Top of a rock or mountain. 4**Tip. 5**Crest. 6** Elder tree. 7‡‡ Ragged covering. 8 (J.M.) Bandage tied round the head, i. e. covering the whole head, when sick, especially when suffering from headache. Anns na barranaibh, *in the fences*; fraoch sléibhe mar bharran air, *tipped with mountain heath.*

23. Barr-a'-mhilltich.

———dach, see barantach.

24. Barra-mhìslein.

barrant, see barant.
———ach, see barantach.
———adh, see barantadh.
———as, see barantas.
barr-aotrom,‡‡ -uime, *a.* Nimble, quick.
barra-roc, see barr-roc & barr-staimh.
barras, -ais, *s.m.* Superiority. 2 Residue, surplus. A bharras air sin, *over and above that, moreover.* (see barrachd.)
———ach, -aiche, *a.* Distinguished, excellent, superior. 2 Lofty. 3 Ambitious. 4** Residual. 6††Topped.
barra-sgaoilteach, see barr-sgaoilteach.
barra-thonn, see barr-thonn.
barr-bhailc, -ean, *s.m.* Cornice. 2 Entablature. 3 Constellation.
barr-bhalla, *s.m.* Parapet. 2 Battlement, embrazure, bartizan.
barr-bhàrd, -àird, *s.m.* Chief poet. 2 Poet laureate. 3 Graduate in poetry, also *filidh*, see note under *bàrd.*
———achd, *s.f.* Condition of a poet laureate. 2 Compositions of a poet laureate.
barr-bhile, *s.m.* Cornice.
barr-bhòrd,* *s.m.* Deck of a ship.
barr-brisgein, see brisgean.
barr-buidhe, *a.* Yellow-tipped, yellow-topped. 2 Yellow-haired.
barr-biorach, *s.m.* Cusp.
barr braonan-nan-con,§ *s.m.* Common tormentil *or* septfoil, see leamhnach.
barrbrog, -oig, see barbrag.
barr-caideach, -aiche, *a.* see barra-caideach.
barrchaol, -aoil, *s.m.* Pyramid.
———, *a.* Pyramidical, conical, tapering.
barrchaoin, *a.* Very mild, very gentle. Triùir bhràithre bharrchaoin, *three gentle brothers.*
bàrr-chas, -aise, *a.* Curly-haired.
———, *s.f.* Curly locks.
bàrr-cinn,‡‡ *s.m.* The hair.
barr-cluigeanach, *s.m.* The order *campanulaceæ* of plants.
barr-dearg,§ -eirge, *s.f.* Thrift (plant) see tonn-a'-chladaich. 2(JM) Sea-weed, tangles.
barr-deubhaidh, *s.m.* Battlement.
bàrr-dhealg, -eilg, an, *s.f.* Hair bodkin.
bàrr-dhias, -dhéis, *s.f,* Top of a blade of corn. 2 Blade or point of a sword.
bàrr-dhuine,‡‡ *s.m.* Growing youth.
†barr-dog, *s.m.* Box, pannier, hamper.
barr-dhriopair, *pl.* ean, *s.m.* Butler.
———-———eachd, *s.f.* Employment of a butler.
bàrr-fhionn, *a.* White-headed, white-topped. 2 Fair-headed. Canach barr-fhionn, *white-topped cotton-sedge.*
bàrr-gheal, -ghile, *a.* White-topped.
bàrr-gheug.(AH) *s. f.* Highest and most flourishing branch of a tree. 2 Tall, handsome woman.
bàrr-ghniomh, *s.m.* Work of supererogation. 2 Transcendent exploit.
bàrr-ghniomhach, -aiche, *a.* Superfluous.
bàrr-gruaig,‡‡ *s. f.* The hair.
barr-gùc, -an, *s. f.* Blossom, bloom, most frequently applied to those of leguminous vegetables, as pease, potatoes, &c. see luis meiligeagach. Barr-gùc air a mheuraibh, *a bloom on its branches.*
barr-gùg, see barr-gùc.
barr-iall, -éill, *s. f.* Latchet, shoe-tie, thong. 2‡‡Manacles.
bàrrlait, -e, -ean, *s. f.* Check, hinderance, prevention, suppression.
bàrr-madaidh, (AH) *s.m.* Act of scolding with asperity, as one would scold a dog. Thug e bàrr-madaidh orm, *he scolded me as he would*

a dog.
barr-mhais, -e, -ean, *s. f.* Cornice.
————each, *a.* Having cornices, of, or pertaining to, a cornice.
————ich, *v.a.* Ornament.
barr-mhanadh, -aidh, *s.m.* Destiny. Am fear a bhitheas a bharr-mhanadh a mach, *he whose destiny is cast.*—NGP.
barr-mhór, -oire, *a.* Large-topped. 2 Branchy.
barr-roc,** *s. f.* Sea-weed, tangles.
barr-sgaoil,‡‡ *v.a.* Lavish.
barr-sgaoilteach,** *a.* Capacious.
barr-staimh, *s.m.* Broad leaves on top of sea-girdles. see stamh.
barr-tachair, *s.m.* Crop sprung from seed left on the ground from former harvest.
barr-thonn, *s.m.* High surge. 2 Top of the waves. 3** Surface of the deep. A' siubhal nam barr-thonn, *bounding o'er the surges.*
†barrugal chrann,‡‡ *s.m.* Branches of trees.
bàruig, see bàirig.
baruille, see baraill.
bas, boise [& baise]-an & -a, *s. f.* The palm of the hand. Buailibh 'ur basan uil', a shluaigh ! *clap your hands O all ye people !* bas réidh, *a smooth palm ;* leòis air a bas-aibh, *blisters on her hands ;* bonnach air bois, cha bhruich e is cha loisg, *a cake in the hand will neither cook nor burn—said of the shilly-shally ;* sgailc air bois, *shaking hand upon a bargain.*
bas, -ais, *s. f.* Spoke of a wheel.
bas, -ais, *s.m.* Hollow or concave part of a club.
bàs, -àis, *s. m.* Death. 2**Destruction. Is e rìgh nan uamhas am bàs, *death is the king of terrors ;* cha'n 'eil bàs ach ruaig, *there is no death but defeat ;* faigh bàs, *die, starve ;* gheibh gach ni bàs, *everything shall die ;* droch bhàs ort ! *bad death to you !* (a common form of imprecation) ; guin bàis, *the agony of death ;* dealan bàis, *the lightning of death ;* ma shaltraicheas sluagh air mo bhàs, *if people tread on my death—a poetical substitution of* death *for the* dead body, *which is not apparent to those who blindly infer that* bàs *means* a dead body.
†basa *s.m.* Fate, fortune.
basach, -aiche, *a.* Streaked, variegated.
bàsachadh, -aidh, *s.m.* Expiring, dying, perishing (of animals.) 2 Withering. A b—, *pr. pt.* of bàsaich. A' bàsachadh leis an fhuachd, *dying, withering or starving with cold;* tha e air bàsachadh, *it has died or withered.*
basadh,** -aidh, *s.m.* The rubbing of the thread ends of tape-work, to prevent their running into threads. ("basing".)
bàsaich, *pr. pt.* a' bàsachadh, *v.n.* Die (as an animal), perish. 2 Starve. 3 Wither, as a plant. 4 Grow vapid, as beer. An ni sin a bhàsaicheas leis fhéin, *that which dies of itself.* [Note that "bàsaich" is only used in relation to animals. "Siubhail," "eug," "caochail," or "teasd" is always used when speaking of persons, as, bhàsaich an cù, *the dog died ;* shiubhail an duine, *the man died.* The expression "fhuair an duine bàs" is always used in Scripture for *the man died,* but "fhuair an duine am bàs" would be better Gaelic.]
basaidh, -ean, *s.m.* (bas, *palm*) Gaelic spelling of "bassie"—basin.
bàsail, -e, *a.* Deadly, fatal. 2**Death-like. 3 Mortal. 4 Destructive.
bàs-airm, *gen. sing.* of bàs-arm.
†basal, -ail, *s.m.* Judgment. 2 Judge. 3**Pride, arrogance.
bàsalachd, *s. f. ind.* Mortality. 2 Deadliness.
bàs'ar, see bàsmhor.
basardaich,* *s.m.* Clapping of the hands for joy, acclamation, rejoicing.
bàs-arm, -airm, *s.m.* Deadly weapon.
basart,**-airt,-artan, Gaelic spelling of *bastard.*
†bas-ascanas, *s.m.* Bass in *music.*
basbair, -ean, *s.m.* Fencer, swordsman. Bha thu 'n ad bhasbair còir, *thou wert a noble swordsman.*
basbaireachd, *s. f.* Swordsmanship, fencing.
basbairean, *n.pl.* of basbair.
basbairich,** *v.n.* Parry.
basbhaidh, *a.* Haggish.
bas-bhuail, *v.a.* Applaud by clapping the hands.
bas-bhualadh, -aidh, *s.m.* Clapping or rubbing of hands, from grief or joy.
bàs-bhuille, *s.m.* Death-blow. Fhuair e a bhàs-bhuille, *he received his death-blow.*
†basbruidheach, *a.* Lecherous.
†————d, *s. f.* Lechery, lecherousness.
†basc, *a.* Round. 2 Red, scarlet.
†——ach, -aich, -aichean, *s.m.* Catch-pole, bailiff.
bascaid, -e, -ean, *s. f.* Gaelic spelling of *basket.*
————eachd,†† *a.* Belonging to baskets.
†basc-airm, *s.m.* Circle.
†bascall, -aill, *s.m.* Wild man, savage.
†bascarnach, -aich, *s.m.* Lamentation. 2 ‡‡ Stammering.
†bascart, -airt, *s.m.* Cinnamon. 2**Cinnabar.
†bas-chailc, *s.m.* Ruddle.
bas-charnta,** *a.* Globy, globular.
bàs-chlar, -air, *s.m.* Obituary.
†bas-chriadh, *s.m.* Ruddle.
basdal, -ail, *s.m.* Noise, glitter, gaiety of appearance, show.
————ach, -aiche, *a.* Gay, showy, flashy. 2 Cheering. 'Nuair a thig an gloine basdalach, *when the cheering glass comes round,* òg basdalach, *a gay youth ;* a ribhinn bhuidhe bhasdalaich, *thou yellow-haired showy maid.*
————achd, *s. f. ind.* Showiness, gaiety. Cha 'n fhaca mi a leithid air basdalachd, *I have not seen his equal for showiness.*
basdard, *s.m.* Gaelic spelling of *bastard.*
†basg, *v.a.* Stop, stay.
basgair, *v.n.* Applaud.
basgaird, *v.n.* Applaud.
basgairdeachas, -ais, *s.m.* see basgaireachd.
basgairdeadh, -eidh, *s.m.* Applause. A' b—, *pr. pt.* of basgaird.
basgaire, *s. f. ind.* Applause. 2‡Mourning.
————ach,** *a.* Clapping the hands in the agitation of grief.
————achd, *s. f.* Mournful clapping or wringing of hands. 2 Applause.
basganta, *a.* Warbling, melodious.
basgart,** see bas-cart.
basg-chriadh, *s. f.* Red-lead.
basg-luaidh, *s. f.* Vermillion. 2 Red-lead.
basg-luath, see basg-luaidh.
bàs-guineach,‡‡ -eiche, *a.* Death-darting.
basguir, see basg-luaidh.
bà-shruth,†† *s.m.* Calm stream.
baslach, -aich, -ean, *s.m.* Handful, the full of the two palms placed together. 2 Bunch, cluster.
bàs-lag, *s.m.* Place of execution. [Usually a a pit in which the culprit stood. One is to be seen at Finlarig,—M.M.]
bas-luaidh, *s.m.* Applause, approbation expressed by clapping of hands.
bas-luath, *a.* Ready- or nimble-handed.
bas-mhìn, -e, *a.* Soft-palmed, smooth-handed.
bàsmhoire, *comp.* of bàsmhor.
————achd, *s. f. ind.* see bàsmhorachd.
bàsmhor, -oire, *a.* Mortal, liable to death. 2

Deadly, fatal. An corp bàsmhor, *the mortal body.*

————ach,** *a.* Mortal, liable to death. Tha gach crè bàsmhorach, *every body is liable to death.*

————achd, *s.f.* Mortality, deadliness. 2 **Fatality.

bas-mhol,** *v.n.* Applaud.

————adair,** *s.m.* Applauder.

†basoille, *s.m.* Vassal. 2 Tenant.

basraich, *s.f.* Clapping or wringing of hands in mourning. 2** Shouting, roaring, calling aloud. Is i a' basraich, a' taomadh a h-osnaich air ceò, *and she wailing, pouring her complaint on the mist.*

bàs-shleagh, *s.m.* Deadly spear. Bàs-shleagh nan triath, *the deadly spear of the chiefs.*

bastalach, see basdalach.

bastul, see basdal.

bat, *s.m.* Bath. Bat fìona, *a wine bath* ; bat olaidh, *an oil bath.*

bat, *v.a.* Beat, cudgel.

bat, } *s.m.* Stick, staff, baton, cudgel, bludbata, } geon. Gabh mo bhata, *take my stick ;* ni thu bataichean, *thou shalt make staves.*

bata, *gen. sing.* of bat.

bàta, -aichean, *s.*, *m.* on land, *f.* on sea. Boat, pinnace, barge. Fear bàta, *a boatman* ; bàt' aiseig, *a ferry-boat*; stiùireadair a' bhàta, *the steersman of the boat* ; bàt' iasgaich, *a fishing-boat* ; chuir e a bhàt' air acair, *he brought his boat to anchor.*

NAMES OF PARTS OF A BOAT;— (see illust.) [Roinnean bàta]

A 1 Ceann ùrlair, ceann nan ùrlar,—*Lewis*, Head.
2 Fliuch-bhòrd, Garb.
3 Sgar an droma, sgar an leigeil,—*Lewis*, Rebat.
4 Forra-dhruim, Slip-keel.—*Lewis.* 2 False keel—a second stick nailed to the original keel to restore it to its former thickness, when worn down by continually dragging the boat up and down the beach.

B Sùdh, Clincher, overlap in planks.

C Reang, aisean, Joggled frame.—*Gairloch.*

D Doire, an t-slige, Bent timber.—*Lewis.*

E 1 Claigeann, Stem.
2 Aparan, Apron.
3 Aiseann, reang, rong, rongas, rungas. Reangan—*Sutherland.* Rib.
4 An t-slige, Stem.
5 Tarsann, Breast-hook.
6 Maide sreinge—*Lewis.* Rubbing-piece.
7 Beul mór, ‡‡slat beòil, ‡‡taobh-shlat. Beul stoc—*Islay.* Gunwale.
8 Beul beag ; a' chuairt bheòil,—*Lewis*, Saxboard *or* gunwale strake.
9 Am beul a staigh—*Lewis.* Inside wale.

F 1 As E7 Gunwale.
2 As E6 Rubbing-piece.
3 As E8 Saxboard.
4 Cirean tarsuing, na cirean,—*Lewis*, Coaming.
5 Maide reang,—*Gairloch &c*, ‡‡maide rongais, Taobhan, reangas,—*Lewis*, Stringer.
6 ùrlar, Flat floor.
7 Limber.
8 Leud iochdair, bulg, na sgiathan, slat-an-builg; maide builg—*Lewis*, Bilge-piece *or* bilge-keel.
9 Druim, eàirlin, Kelson.
10 As A4 Keel.

G 1 Saidh-thoisich. Bior dubh, claigionn toisich,—*Gairloch, Lewis, &c.* Stem-post.
2 Coileir, tarsann. Cuairt thoisich.—*Gairloch. &c.*, a' chuairt bheag—*Lewis* Breasthook, brace-stick.
3 As F5 Stringer.
4 As F6 Flat floor.
5 Fiodhraich tharsuing, Cross timbers.
6 As F9 Kelson.
7 As A4 Keel.
8 Fliuch-bhòrd, gearr-bhòrd, Keelboard *or* garboard.
9 Lunn chas—*Lewis*, Foot-waling.
10 As F5 Stringer.
11 As F8 Bilge-piece *or* bilge-keel.
12 Cuairtean—*Gairloch.* bòrd (*pl.* bùird), stràc, (*pl.* stràcan)—(AH.) Strakes.
13 As E8 Saxboard.
14 As E6 Rubbing-piece.
15 As E7 Gunwale.
16 Ceann roinge ; ceanna chnàmhan—*Lewis*, Head *or* rib.

H Slat an t-siùil mhóir, slat-shiùil, an t-slat ladhrach, Gaff.
1 Gobhlag.—*Lewis.* Clipt.
2 Giall, Cheek *or* jaw.
3 Na roithleanan, Trucks.
4 Na buill mhóra, Main halyards.
5 Na bàrran, na bideinean, Peaks.
6 Ceann an còpa' ghleididh, Guy end.
7 Ball an t-siùil àird, ball sgòid an t-siùil mhullaich, Top-sail sheet.
8 Cùird uam bàrra, Peak-lines.

I Geamaun, Gammoning-iron.

K 1 Stoc, Stock of bowsprit.
2 Geamann, Knighthead.
3 As G1 Stem-post.
4 Leabaidh a' chroinn-spreòid, Bed of bowsprit.
5 Maid' a' chroinn spreòid, Bitt.
6 Maide tarsuinn, Cross-bitt.

L Slatag sgòid, Bumkin.

M 1 Crann spreòid, crann dall‡‡, crann uisge, Bowsprit.
2 ? Bobstay purchase.
3 ? Bobstay.
4 ? Triangline.
5 Beart a' chroinn spreòid, Bowsprit shroud.
6 Maidean a' chroinn-spreòid, Bitts.
7 Stàdh an àrd-chroinn, Top-mast stay.

N 1 Saidh-thoisich, bior dubh, Stem-post.
2 Aparan-thoisich, Inner stem-post.
3 As A4
4 Lìonadh-toisich, Deadwood in bow.

25. Saidh thoisich. 26. Saidh dheiridh.

O 1 Saidh-dheiridh, bior dubh, Claigionn deiridh,—*Gairloch, Lewis, &c.* Stern-post.
2 Aparan-deiridh, Inner stern-post.
3 Lìonadh-deiridh, an t-àr, earr, Deadwood in stern.
4 Druim, Keel.
6 Toll na stiùireach. Rudder-band.
7 Iarunn na stiùireach, am brod iosal, *and when in the position of* O 6, am brod àrd, Pintle. (6 & 7 together are called in Eng., "rudder-irons" or "rudder-bands," in Gaelic "ceanglaichean na



27. Roinnean båta.



28. Acfhuinnean bàta.

stiùireach," or "bannan na stiùireach.") The Ness (Lewis)boats have the "brods" on the rudder and the bands on the stern-post, but the herring-boats have the "brods" on the stern-post and the bands on the rudder.



29. Cùird agus tarruingean.

NAMES OF SHEETS (Cùird *no* buill nan seòl) AND HALYARDS (Tarruingean.)

1 ? Topping-lift.
2 Tarruingean bhratach, Peakline *or* signal halyards.
3 ? Peaks.
4 ? Throats.
5 ? Tricing-line.
6 Tarruingean an t-siùil thoisich, Fore-sail halyards.
7 Tarruingean an t-siùil spreòid, Jib halyards.
8 ? Spinnaker after-guy *or* spinnaker boom.
9 ? Jibstay *or* jib outhaul.
10 ? Fore spinnaker guy.
11 ? Spinnaker and top-mast fore-sail halyards.
12 Tarruing an àrd-shiùil. Top-sail halyard.
13 Sgòd an t-siùil mheadhoin, ball, sgòd, sgòid. Main sheet.
14 Sgòd an t-siùil-thoisich, Fore sheet.
15 Sgòd an t-siùil spreòid, sgód an t-siùil chinn, Jib sheet.
16 Crochadair na cearb, Reef pendant.
16a ? Top-mast staysail sheets.
17 Cluas an t-siùil mhullaich, cluas an t-

siùil àird, Topsail tack.
18 Sgòd an t-siùil mhullaich, sgòd an t-siùil àird, Top sail sheet.
Ball stadha, Guy (a rope to steady any suspended weight.)

NAMES OF FITTINGS (acfhuinnean) OF BOAT. —see illustrations.—

1 Cnag-grabaidh, dealg-bhacaidh, putan, —Sny *or* toggle (a short bar of wood tapering from the middle to each end, placed in an eye at the end of a rope, to keep the end from passing through a loop or knot, especially in a flag.)
2 Dealg cheangail, dealg snaime, Belaying pin.
3, 4 Geadha,—Boat-hook.
5 (?) Spor Thumb-cleat *or* spurs.
6, 7, 8 Greimiche, {Wooden-, Metal-, Patent-} cavil *or* cleat.
9, 10 Greimiche, Cleat.
11 Cromag sgòid, dubhan na sgòid, Sheet clip.
12 Post ceangail, Bollard.
13 Cromag, Clip.
14 Cromag chumail, {Clip-hook, sail-hook.
15 Bacan dùinidh, {Cliphook.
16 Slachdan bàta, Davits.
17 Dìonadair, Pudding fend-off.
18 ,, chas-saibh, Sawdust fend-off.
19 ,, leathrach, Leather ,,
20 ,, ròpa, Rope fend-off.
21, 22 ? Fairleads.
23 ? Paddle boat-hook.
24 Ràc, Traveller.
25 ? Springhank.
26 Iarna, Hank.
27 ? Hawse-pipe.
28 Udalan, udlan; carrachan—*Lewis*, Swivel.
29 Bior iaruinn, Marline-spike.
30 Biordainge, Pricker.
31 As 28 Swivel.
32 Ailbheag, failbhe, Ring-bolt.
33 ? Eye-bolt.
34 (?)Sgrobha sinidh. Wire stretcher *or* sett-screw.
35 ? Thimble.
36 (?)Geimhle, Shackle.
37 ? Stretcher guides.
38 Sìneadair, Stretcher.
39 Bac, Thole, (oar-cleats.)
Baca bhràghad, the fore cleats.
Baca meadhon, the middle cleats.
Baca h-amar, the quarter cleats.
39a Apran, bac, Sheath on gunwale to prevent wearing by the oars.
39b Putagan, bac, bacal, urcag, uracagan. Cnagan, (cnag thoisich & cnag dheiridh)—*Lewis*. Thole-pins.
——————achd, *s.f. ind.* Garrulity, talkativeness, loquacity, petulance. Is ann ort tha a' bhéileanachd ! *how you do prate !*
beileich,* *v.a.* Muzzle, stop impertinent talk.
beilgeag, (AF) *s.f.* Small trout.
†beille,** -achan, *s.f.* Kettle, caldron.
béilleach, *a.* Blubber-lipped, having thick lips.
——————achas, -ais, see beilleachd.
——————achd, *s.f.* Deformity of blubber-lips.
beilleag, -eig, -an, *s.f.* Rhind, outer covering, especially of a birch-tree.
beillean,** *s.m.* Contumely, reproach.
beilt,** -e, Gaelic spelling of *belt.*
†beim,‡‡ *s.m.* Tribe, stock, generation. 2 Help. 3 Blemish, spot. 4 Oppression, reproach. 5 Gaelic spelling of *beam.* 6 *gen. sing.* of beum.
béim-cheap, -chip, *s.m.* Whipping-post.
béime, *gen.sing.* of beum.
béimeach, -eiche, *a.* see beumach.
†beimis, *for* bitheamaid (let us be.)
béimneach, -eiche, *a.* Talkative, loquacious.
†beimnead,‡‡ -eid, *s.m.* Furious smiter.
béin, *gen.sing.* of bian. Clogaid béin an ruadhbhuic, *a helmet of roe-buck's skin.*
beinc, see being.
†beinc, *s.f.* Separation, partition, disjunction.
†beine, *s.m.* Champion. 2 Evening.
beinean, -ein, *s.f.* Little woman.
being, -e, -eannan, *s.f.* Bench. 2 Side bench or plank of a bed. 3**Bank.—*Islay.*
—————— -bhreith,‡‡ -e- -ean-breith, *s.f.* Bar of judgment.
beinge, *Uist* for being.
beingich,** *v.a.* Bench.
beingidh,* *s.f.* see being.
beinn, *s.f. irreg.* Mountain, hill. 2 Pinnacle. 3**Bin. 4‡‡Head, top, high place. Declined thus :—

Nom.Sing.	beinn,	*Plur.*	beanntan,
Gen.	beinne,		beann,
Dat.	beinn,		beanntan,
Voc.	a bheinn !		a bheannta !

Mar an ceò thall air a' bheinn, *as the distant mist on the hill.*
beinne, *gen.sing.* of beinn.
beinneach, *a.* Full of mountains or hills.
beinneagaich,** *v.n.* Carol.
beinneal,* -eil, *s.m.* Binding of a sheaf of corn.
beinnean, -ein, *s.m.* Little hill. 2 see binnein.
beinnse,** Gaelic spelling of bench.
beir, *v.irr.* Take hold. 2 Bring forth, bear, produce. 3 Get out of sight with. 4*†Give. 5**

Overtake. 6**Carry. Conjugated thus—
Active Voice—
IND.*past.* rug mi, &c., *I, &c. bore* or *bare.*
,, *fut.* beiridh mi, &c., *I, &c. shall bear.*
INTERR.*past,* (an ? nach ? cha) d'rug mi,&c.
,, *fut.* (am b— ? nach b—, cha bh—) beir mi, &c.
SUBJUNC. *past,* (ged) bheirinn, *(though) I would bear*; (ged) bheireadh tu, *(though) thou wouldst bear;*(ged)bheireadh e,*(though) he would bear*; (ged) bheireamaid, *(though) we would bear*; (ged) bheireadh sibh, iad, *(though) you, they would bear.*
,, *fut.* (ma) bheireas mi, &c., *(if) I,&c. shall bear.*
IMPER. *1st. per. sing.* beiream, *let me bear.*
INFIN. A bhreith, [a bheirsinn,] *to bear.*
PRES.PART. a' breith, [a' beirsinn] *bearing.*
Passive Voice—
IND.*past,* rugadh mi, &c., *I, &c. was born.*
,, *fut.* beirear mi, &c.. *I, &c. shall be born.*
INTERR.*past,* (an ? nach ? cha) d'rugadh mi, &c., *was I, &c. (not) born ?*
,, *fut.* (am b—? nach b—? cha bh—)beirear mi, &c., *shall I, &c. (not) be born ?*
SUBJ.*pust,* (ged) bheirteadh mi, &c., (*though*) *I, &c. should be born.*
,, *fut.* (ma) bheirear mi, &c., (*if*) *I, &c. shall be borne, &c.*
PAST PART. beirte, *born.*
Agus beiridh tu mac, *and thou shalt bear a son*; agus beiridh i mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air, *and she shall bring forth a son, and thou shalt call his name Jesus*; agus rug e air, *and he overtook him*; beir uam e ! beir uam e ! *away with him ! away with him !* mur beirear duine a rithist, *unless a man be born again*; beir air an uan, *catch (lay hold of) the lamb*; 'nuair a chi thu bean oileanach beir oirre, mur beir thus' oirre, beiridh fear eile oirre, *when you see an accomplished lady (female) take her, if you do not wed her another will*; fhuair mi fios bho phiuthar dhomh nach beirinn beò oirre, *I heard from my sister that I shall scarce find her alive.* Beir in combination with the prep. *air,* means "overtake, take hold of." [For additional uses of *beir* see under ¡*breith.*]

†beirbheis, *s.f.* Anniversary, feast, vigil.
béire, *s.f.* Bitterness.
beiream, *1st. p. sing. imp.* of beir.
beiridh, *fut. aff. act.* of beir.
beirm, -e, *s.f.* Barm, yeast, ferment.
——each,** *a.* Barmy.
beirn, see bearn.
——each, see bearnach.
†beirr-sgian, *s.f.* Razor.
beirsinn, *s.m.* Bringing forth, producing, 2 (combined with *air*) Catching. A' b—, *pres. part.* of beir.
beirt, see beart.
†——,*s.f.* Burden. 2 Two persons. 3 Help, assistance.
beirte, *past part.* of beir. Born, borne, brought forth.
beirteach,¦ ¦see beartach.
†beirtean, -ein, *s.m.* Little burden.
beirteas, see beartas.
beirtich, see beartaich.
†beis, *s.f.* Marshy ground.
——eil,** *s.f.* Shelf.
†——gne, *s.f.* Peace, quiet.
béist, -e, -ean, *s.f.* Beast, monster. 2 Beast of prey. 3**Wretch. A' tuiteam an strì na béiste, *falling in contest with the monster*; chuir droch bhéist as da, *an evil beast hath devoured him*; béistean doirbh, *oppressive wretches.*
—— -dà-liunn,‖ *s.f.* Tapeworm.
—— -donn,* see béist-dubh.
—— -dubh, -uibhe, *s.f.* Otter.
——eag,* *s.f.* Earthworm.
——ealachd, *s.f.* Brutality, beastliness.
——ean, -ein, *s.m.* *Dim.* of béist. Little beast. 2 *n.pl.* of béist.
——eil, -e, *a.* Beastly, bestial, like a beast.
—— -mhaol, -mhaoil, *s.f.* Seal, sea-calf.

39. Beitein.

40. Beith bheag.

beitein,§ *s.m.* Mat-grass *or* moor-grass—*nardus stricta.*

41. Beith.

beith, -e, *s.f.* First letter of the old Gaelic alphabet. 2 Birch tree—*betula alba.* 'Sa bheith chùbhraidh, *in the fragrant birch.* ¦Badge of Clan Buchanan.
—— bheag,¦ *s.f.* Dwarf birch—*betula nana.*
—— charraigeach,¦ *s.f.* Knotty birch—*betula verrucosa.*
—— chluasach,¦ *s.f.* see beith dubhach. *Rannoch, Breadalbane, &c.*
—— dubhach,§ *s.f.* Weeping birch—*betula pendula.*
—— dubh-chasach, Knotty birch. see beith charraigeach.
——each, *a.* Of, or belonging to birch trees.
beitheach, see beathach.
†beitheamhain, *pl.* of beach.
†beith-éigneachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Rape.
beithir, beathrach, beithrichean[& beathraichean,] *s.m.* Bear, *prov.* 2 Serpent. 3 Any wild beast. 4 Thunder-bolt 5 Large skate. 6(AC) Lightning.
——,** *a.* Wild, destructive, savage.
†beith, luis, nuin, The Ogham Chraobh or old Gaelic alphabet. This is the Gaelic equivalent of the English expression "A,B,C" for alphabet, the words *beith,luis,nuin,*being the names of what were formerly the first three letters of the Gaelic alphabet.
beith-na-measa,¦ *s.f.* (*lit.* the fruiting birch) Beech-tree. see craobh fhaidhbhile.
†beitin, see beitean.
beitir, -e, *a.* Tidy, neat, clean.
bel-ain, ? The circle of Bel or of the sun.
†bemis, *for* bhitheamaid(we should have been.)
†ben,** *s.f.* Wain, chariot.
benedin,§ Common avens. see machall coille.
beò, *a.* Alive, living. 2 Quick, lively, sprightly. Am beò e ? *is he alive ?* tha e gu math

beò, *he is pretty lively*; air gaoith chithear suinn nach beò, *on the wind are seen heroes that are dead*; ma bhitheas mi beò, *if I live*; mar is beò mise, deir an Tighearna, *as I live, saith the Lord*; am bheil e beò? *is he alive?* am beò dhuit, a Dheirg? *are you alive, Dargo?* thoir beò, *bring alive;* gu ma fada beò an righ! *long live the king!* am feadh is beò mi, *while I live*; cho cinnteach 's a tha thu beò, *as sure as you are alive*; chuir e a' chlach mhuilinn a bheò bheum bhàrr na sorchain, *he put the millstone with one tremendous effort off the support*; thilg i i féin beò slàu air a bhroilleach, *she threw herself in one tremendous leap on his breast*; is beò na h-eoin ged nach seabhagan uil' iad, *the birds manage to live, though they be not all hawks.*

beò,* *s.m.* Life-time. 2 The living. 3†Cattle. 4 Living flesh. B'àluinn thu ri d' bheò, *thou wert handsome when alive*; chaidh an tarrang 'sa bheò, *the nail penetrated the living flesh*; cha'n fhaic thu ri d' bheò e, *you shall never see him*; am beò is am marbh, *the living and the dead*; an tìr nam *b.*, *in the land of the living.*

beò-airgideach,‡‡ *a.* Mercurial.

beò-airgiod, *s.m.* see airgiod beò.

beòchan, -ain, *s.m.* Small fire. *B.* teine, *a small flickering fire.*

———ta, -ainte, a. Vigorous, lively, sprightly.

———tachd, *s.f.ind.* Vigorousness, liveliness, sprightliness.

†beochomhan, *s.m.* Warren.

beodha, see beòthail.

———ch,
———chadh,
———chain,
} see beòthachadh.

———ich, see beòthaich.

———il, see beòthail.

beodhalachd, see beòthalachd.

beodhanta, see beòthail & beòchanta.

———chd, see beòthalachd.

beò-dhealachadh, -aidh, *s.m.* Separation with life.

— -dhùil, -e, -ean, *s.f.* Living creature.

— -eachdaireachd,** *s.f.* Biography.

— -eachdraiche, -ean, *s.m.* Biographer.

— -eachdraidh. *s.f.* Biography.

———iche, see beò-eachdraiche.

— fhàl, -àil, -àilean, *s.m.* Enclosure.

beò-fhradharc, -airc, *s.m.* Quick sight, clear sight, lively view.

———ach, -aiche, *a.* Quick-sighted, clear-sighted.

— ghaineamh, -eimh, *s.f.* Quicksand.

— ghlac, *v.a.* Take alive. 2 Take prisoner alive. Bheò-ghlac iad e, *they took him alive.*

— ghrìosach, -aich, *s.f.* Hot embers.

— iarraidh, *s.m.* Inspection. 2 Aspiration.

beòil, *gen. sing.* of beul. Làn *b.* de bhiadh is làn baile de nàire, *a mouthful of meat and a townful of shame.*

†beoilean, see béilean.

†beoill,** *s.f.* Fatness.

beò-ìobairt, -e, -ean, *s.f.* Living sacrifice.

beòir, -e & beòrach, *s.f.* Beer, ale. 2(AC) Spruce, spruce beer. 3(AG) Black beer as distinguished from ale—*Reay Country.* *B.* chaol, *small beer*; *b.* làidir, *strong beer*; gloine beòrach, *a glass of beer*; beòir dhubh, *black beer.*

beol, -oil, *s.m.* see beul. †2 Robber.

——ach, *a.* Talkative, loquacious.

——ach,* *s.f.* (‡beò+luathach) Ashes with living embers, hot ashes.

——ach, -aich, *s.m.* (‡beò+-lach of òglach) Livelyyouth. 2 Hero.

——adas, see beòlaideas.

——aiche, *s.m.* Chronicler. 2 Talkative person.

beòlaideas, -eis, *s.m.* Oral tradition.

beò-laoch, see beolach.

beò-leatromach, *a.* Quick with child.

beoll,(AC) *s.m.* Fire, glowing fire, embers.

——ag, (AC) *s.f.* Bright little flame.

beò-luath, -luaithre, *s.f.* Hot ashes or embers

beolum, -uim, *s.m.* Scold. 2 Ridicule. 3 ‡‡Censoriousness.

†beòsach, -aiche, *a.* Bright, luminous, glittering. 2 Brisk. 3 Trim, spruce, dapper.

†beòsaich, *v.a.* Beautify, adorn, deck out. 2 Make spruce or tidy.

beò-sgar,** *v.a.* Divorce.

———adh, -aidh, *s.m.* Divorce. 2 Separation during life.

beò-shlàinte, *s.f.* Life-rent, livelihood. 2††Life-time. Tha a *b.* aice dheth, *she has a life-rent of it;* ridir *b.*, *a knight bachelor.*

———ach, *a.* Of, or pertaining to a life-rent. 2‡‡Fabulous.

beothach, -aich, see beathach.

beòthachadh, -aidh, *s.m.* Re-animating, quickening, refreshment. 2 Kindling. 3 Enlivening. 4‡‡ Sparks or coals by which a fire is kindled. A' b—, *pr.pt.* of beòthaich.

———ail, *a.* see beòthail. 2*Having a livening or quickening influence.

———air,** *s.m.* Reviver. 2 Kindler.

———an,* *s.m.* see beòchan.

beothachan-feòir, see beathachan-feòir.

beòthachan-teine,‡‡ *s.m.* Little fire.

———d, *s.f.* Courage, vigour.

†beòthadh, -aidh, *s.m.* Stimulating, urging on.

beòthaibh, *dat.pl.* of beò, *s.*

beòthaich, *gen.sing.* of beòthach.

———, *v.a.* Kindle, light. 2 Re-animate, arouse, revive, quicken. Is tric a *bh.* srad bheag teine mór, *a little spark has often kindled a conflagration.*

———idh, *fut.aff.act.* of beòthaich.

———te, *past part.* of beòthaich. Quickened, animated, enlivened. 2 Kindled.

beòthail, -e, *a.* Vigorous, active, lively. 2 Vital. 3 Courageous, intrepid. 4** Fervent, zealous. Tha iad beòthail, *they are lively*; beòthail 'n ur spioraid, *fervent in your spirit.*

beòthalachd, *s.f.* Liveliness, smartness, agility. 2 Vigour, vitality. 3**Acuteness.

beòthalas, see beòthalachd.

beòthan-teine, see beòthachan-teine.

beò-thorrach, *a.* Quick with child, ready to conceive.

beò-thuisleach, *a.* Viviparous.

†bes, *conj.* And.

†betearlagh, *s.m.* Ancient law.

beth, see beith.

betis, see biatas.

beuban, -ain, -anan, *s.m.* Anything mangled or spoiled.

———achadh, -aidh, *s.m.* Mangling, bruising, maltreating, spoiling. Fhuair e a bheubanachadh, *he got maltreated.* A' b—, *pr.part.* beubanaich.

beubanachd, *s.f.* Mangling, bruising, tearing, maltreatment. 2**Carnage.

beubanaich, *pr. part.* a' beubanachadh, *v. a.* Mangle, bruise, maltreat, tear. 5**Bedaub. 3‡‡Destroy.

———te, *past part.* Torn, mangled, bruised, maltreated, spoiled.

beuc, *s.m.* Roar, bellow, yell, outcry. 2 Noise, clamour.

——, *pr. part.* a' beucaich & a' bencail, *v.n.* Roar, bellow, make a noise. as the sea.

beucach, -aiche, *a.* Roaring, bellowing. 2 Noisy, clamorous. 3 Apt to roar or bellow. *B.* dubhlaidh, *roaring and dark;* muir *bh.* fo ghaoith a' strì ; *the roaring main contending with the winds.*

beucaich, *s.f.* Roaring, loud noise, roar. 2 Yelling, bellowing A' b—, *pr.part.* of beuc. Beacaich do thonn, *the roaring of thy waves* ; ciod a' bheucaich a th' ort ? *what are you roaring at ?*

beucaidh, *fut. aff. a.* of beuc.

beucail, *s.f.* Roaring, yelling, dismal crying.

beucair, -ean, *s.m.* Roarer.

beuchd, see beuc.

beuchdaich, see beucaich.

beuchdail, see beucail.

beuchdair, see beucair.

beuc-shruth, *s.m.* Roaring stream. 2 Cataract.

beud, -an, *s.m.* Loss, injury, harm, pity. 2 Defect, blemish. 3 Distress. 4 Fate. 5 Blow. 6 Action, evil deed, infamy. 7 Vice. 8 Mischief. 9 Nothing. 10** Gloom. 11‡‡ Fruit. Cha'n 'eil beud air, *there is nothing the matter with him;* is mór am beud e, *it is a great pity* ; cha d'éirich beud dha, *no harm has happened to him* ; duan guu bheud, *a poem without blemish* ; cha d'fhulaing e beud, *he sustained no loss* ; druidear beul nam beud, *the mouth of iniquity shall be stopped* ; cha bhi beud ort, *nothing shall be wrong with you* ; 'aodann fo bheud, *his visage under a gloom* ; faiceam mo bheud, *let me see my fate.*

——ach, -aiche, *a.* Hurtful, iniquitous. 2 Blemished. 3 Mournful, dismal. 4**Guilty. 5**Fatal, 6**Gloomy. Is beudach borb am buille, *fatal and fierce is the blow* ; am fear a bhitheas beudach e fhéin, cha sguir e dh'éigneachadh chàich, *he that is guilty himself tries to involve others.*

——achd, *s.f.ind.* Hurtfulness, iniquity, harm. 2 Mournfulness, dismalness.

——ag, -aig, -an, *s.f.* Trifling, idling, tattling little woman, gossip. 2**Lying woman.

——agach, *a.* Gossipping, trifling. 2 Lying.

——agan, *n.pl.* of beudag.

beudaich, *pr.part.* a' beudachadh, *v.a.* Harm. injure, hurt, wrong.

beud-fhacal, -ail, *s.m.* Taunting word or expression.

beud-fhaclach, *a.* Foul-mouthed, opprobrious, taunting. 2 Contumelious. 3 Scornful.

†beud-fhoireobhadh, *s.m.* Commentary,

beugadh, see biogadh. A dh'fhàg mo ghrua'ch air beugadh, *that left my cheeks smarting—Oran an t-saighdeir, p. 66* in *an Duanaire.*

beul, *gen. sing. & n.pl.* beòil, *s.m.* Mouth. 2 Opening, aperture, orifice. 3 Approach, nearness. Is tobar beatha beul an fhìrein, *the mouth of a righteous man is a well of life;* beul an là, *the dawn of day* ; beul na h-oidhche, *dusk of the evening* ; an taobh beòil, *the fore part, front;* beul ri, *near, about;* beul ri tri miosan, *about three months;* beul an làin, *high-water mark;* beul a bhi deas, *nearly ready, nearly done* ; boinne am beul na gaoithe, a *sign of rain* (*lit.* a drop in the wind's mouth) ; is mairg do'n bheul-iochd sùil a' choimhich, *one must be in a bad way if a stranger's eye is full of pity for him* ; cha b' urrainn mi beul thoirt dha, *I cannot touch* (*taste*) *it* ; o bheul na tuinne gu feur gorm, *from the margin of the sea to green crops* ; leaghaidh a' chòir am beul an anfhainn, *a good cause suffers in the mouth of the incompetent.*

beulach, -aiche, *a.* Fair-spoken. 2 Plausible. 3 Prating. 4 Flattering. 5 Fawning. 6** Large-mouthed. 7** Mouthed.

————as, -ais, *s.f.* Artful speaking. 2 Prating, babbling.

beulag, -aig, -an, *s.f.* Fore-tooth (—back tooth or grinder is *clàrag* or *cùlag.*) 2 Gap, fissure. 3(AC) Person in front of another on horseback.

beulaibh,†† *s.m.* Front, foreside. 2 Presence. Beulaibh an taighe, *the front of the house* ; air mo bheulaibh, *in my presence ;* cuir air a bheulaibh e, *put it before him* ; ma tha dad agad air mo bheulaibh, *if you have anything you wish me to do* ; cha b' uan sin air beulaibh òisge, *that is no lamb in comparison with a yearling*—N.G.P. [if applied to a woman, this apparently means that that was not her first production, or that she was far advanced in years before she produced anything.—JM] tha siod air mo bheulaibh, *I have yet to do that.*

beulais,** *s.f.* Prating, babbling.

————each,** *a.* Argute.

beul-aithris, *s.f.* Oral representation or tradition. *B.* nan seanair, *the tradition of the elders.*

beulan, -ain, *s.m.* Little mouth. 2 Orifice.

beulan, *s.f.* see beulanach.

————ach, -aiche, *a.* Fair-spoken, inclined to flatter.

————ach, -aich, *s.f.* Of two waves on the sea this is the nearer to the speaker. 2 Bridle-bit.

beulanaich,†† *pr. part.* a' beulanachadh, *v. a.* Allure with words.

beulannach,‡‡ -aich, see beulanach.

beulaobh, *s.m.* Front, foreside. 2 Presence. "beulaibh" is the more correct form.

beulas, -ais, *s.f.* Prattling, babbling. 2 Quibble.

beul-a-staigh, *s.m.* Inside wale of a boat. see bàta, E9 p. 73 and illust.

beul-àtha, -ain, *s.m.* Ford, shallow part of a river.

beul-a-theach, *s.m.* Band of a pair of trousers, —N.G.P.

beul beag, *s.m.* Saxboard of a boat, see bàta, E8, p. 73.

beul-bhac,** -aic, *s.m.* Bridle-bit.

beul-binn, *s.m.* Nightingale, see spideag. 2AC Long-tailed duck.

beul-bochd, *s.m.* Pleading of poverty.

beul-bòidheach,(AH) *s.m.* Flattering mouth blandishment, fawning. wheedling, sycophancy.

beul brèagh, *s.m.* Flattering mouth. 2 Flattery.

beul-chainnt, -e, *s.f.* Oral speech.

————each, -eiche, *a.* Talkative, loquacious, garrulous.

beulchair, -e, *a.* Fair-spoken, flattering, smooth worded. 2 **Communicative.

————eachd, *s.f.* Pleasing loquacity.

beul-chòmhrag,‡‡ -aig, -an, *s.m.* Daggers-drawing.

beul-chràbhach, -aiche, *a.* Lip-religious, hypocritical, canting.

beul-chràbhadh, -aidh, *s.m.* Lip-religion, cant, hypocrisy.

beul-dearg, -eirge, *a.* Red-lipped.

beul-dhraoidheachd, *s. f.* Incantation, enchantment.

beul-dhruid, *v.a.* Silence, shut the mouth.

†beul-fharagadh, see beul-fhothraghadh.

beul-fharsuing, -e, *a.* Wide-mouthed.

†beul-fhothraghadh, *s.m.* Gargarism.

beul-ghràdh, -aidh, *s.m.* Lip-love, flattery, dissimulation.

beul-maothain, *s.m.* The sloat of the throat.

2‡‡Pit of the stomach.
†beulmhach, see beulanach.
beul-mheillireadh, -eidh, *s.m.* Officiousness, flattery, fawning, soothing.
beul-mór, -óir, *s.m.* Wide mouth. 2 Bung-hole. 3 Gunwale of a boat or ship, see bàta E7 p.74 for illust.
beul-oideas, -eis, *s.m.* Tradition, oral tradition.
beul-oilean, -ein, *s.m.* Oral teaching, tradition.
beul-phurgaid, -ean, *s.f.* Gargle.
————-each, *a.* Gargling. 2 Of, or belonging to, a gargle.
————-eachd, *s.f.* Gargarization.
beul-ràdh, -aidh, *s.m.* Proverb, phrase, by-word. 2 Dialect. 3 Speech.
beul-ràidhteach, -eiche, *a.* Renowned, celebrated, famous. 2 ‡Talkative.
beul sìos ort ! *int.* A form of malediction. (*lit* may you be down in the mouth.)
beul-snaipe, *s.m.* Flint socket of a gun-lock, dog-head.
beul-stoc,* *s.m.* Gunwale of a boat—*Islay*, see bàta E7, p. 74 for illust.
beul-thaobh, see beulaibh.
beum, *gen.* beuma [& béime] *pl.* -an, -annan, *s.m.* Stroke, blow. 2 Wound. 3 Gash, cut. 4(AC) Handful of corn cut at one stroke of the reaping-hook. 5 Taunt, sarcasm, insult, reproach. 6 Stream. 7 Torrent. 8 Knell. 9 Misfortune. 10**Gap. Gach cath 's na bhuail mi beum, *every battle in which I struck a blow* ; cha ruig thu leas beum a thoirt dhomh, *you need not taunt* or *gibe me* ; chuir e beum air an stiùir, *he gave the rudder a vigorous turn* ; mo chuislean mar bheum, *my veins like a torrent*; bhrùchd iad a mach a dh' aon bheum, *they poured forward in one body.*
beum, *pr. part.* a' beumadh, *v. a.* Smite. 2 Cleave. 3 Strike, as a bell. 4 Toll. 5 Taunt, reproach, vilify, cut, make a cutting remark, utter a sarcasm or criticism. 6‡‡Sound, resound. O'n bheum na cluig, *since the bells have tolled.*
beumach, -aiche, *a.* Full of gaps. 2 Destructive. 3 Taunting, sarcastic, cutting. 4 Wounding. 5 Tart. 6**Reproachful, depraved. 7 ‡‡Resounding. Mar theine bheumach, *like a destructive fire ;* aineolach, beumach, *ignorant and sarcastic* ; bilean beumach, *reproachful lips* ; builean cothromach, beumach, *well aimed, destructive blows.*
beumadh, -aidh, *s.m.* Striking. 2 Resounding, tolling. 3 Cleaving, cutting. 4 Reproaching, vilifying. A' b—, *pr.part.* of beum. Beumadh sheòl, *furling of sails* ; beumadh chlag, *the tolling of bells* ; an dubh-bhàs 'g am beumadh 'n an ruaig, *gloomy death smiting them in their flight* ; teine-athair a' beumadh nan neòil, *lightning cleaving the clouds.*
beumair,** *s.m.* Biter.
beumannach, *a.* see beumach.
beum-cheap,** -chip, *s.f.* Whipping-stock.
beum-cluig,** -an-cluig, *s.m.* Knell.
beum-gréine,** *s.m.* Coup-de-soleil.
beumnach, *a.* see beumach.
————d,‡‡ *s.f.ind.* Invection.
beum-sgéithe, *s.m.* Striking the shield, the old method of sounding an alarm or challenge. 2* Severe sarcasm, sly insinuation.—*Islay.* Le *b.* ghlaodh iad còmhrag, *with a blow on the shield they called to battle* ; bhuail Treunmor *b.*, *T. sounded an alarm.*
beum-sice, *s.m.* ‖Rupture. 2‡‡Disorder in the coating of the viscera.
beum-sléibhe, *s.m.* Mountain torrent, violent sudden stream caused by rain, or the bursting of a thunder-cloud, "spate."
beum-soluis, *s.m.* Beam of light. 2**Sunbeam. Feuch am beum-soluis caol ud, *behold yon small beam of light.*
beum-sùl, *s.m.* Influence of the evil-eye. Optical delusion. 3 Coup d'œil. 4‡‡Disease in the eyes.
beum-taire, *s.m.* Fling.
beum-tuathal,‡‡ *s.m.* Blow or thrust in the wrong direction.
†beur, *v.a.* see beir.
beur, -éire, *s.m.* Point, pinnacle. Beur àrd, *a lofty pinnacle.*
beur, béire, *a.* Shrill, sonorous. 2 Loud-lunged, giving a loud or shrill laugh. 3 Genteel. 4 Well spoken, eloquent. 5 Clean, sharp. 6‡‡ Prickled. 7‡‡Indented. 8 *fig.* Witty, sarcastic. 9‡Sharp, pointed. Fir bheur, *genteel men*; troimh bhearna beur nan neul, *through the fissures of the clouds.*
beura,(AC) *a.* see beur.
———chd, *s.f.ind.* Shrillness, sharpness.
beuradair,‡‡ see beurradair.
beuran, -ain, *s.m.* Witty, prating, garrulous little fellow.
beurla, *s.f.ind.* Speech, language. 2 The English language. Gnàth-bheurla na h-Eireann, *the vernacular dialect of the Anglo-Irish.*
Beurla Albannach, *s.f.* Anglo-Scottish.
Beurlach, *a.* Of, or belonging to, the English language. 2*Well versed in the English language.
Beurlachd,‡‡ *s.f.ind.* Anglicism.
Beurla leathann, *s.f.* Broad Scots.
beurla na Féinne, *s.f.* Fingalian or military Gaelic. 2 Lawyers' Gaelic.
beurla nam filidh,‡‡ *s.f.* Poetical language.
beurla nan deagharsan,‡‡ *s.m.* Historical dialect.
Beurl' an Taoibh dheis,‡‡ *s.f.* Broad Scots.
Beurla Shasunnach, *s.f.* English as spoken in England.
beurla theibide,‡‡ *s.f.* Medical dialect.
beurl' eagair,‡‡ *s.f.* Technical language.
beurra, *a.* see beur.
———ch,* *s.f.* Prating female.
———ch, *a.* Witty, eloquent.
———chd,* *s.f.ind.* Eloquence, wit, waggery.
———dair, -ean, *s.m.* Satirist, wit, wag.
———daireachd,†† *s.f.ind.* Satire.
———dh-theine, *s.f.* see beur-theine.
beurtha, *a.* see beur.
beur-theine, *s.f.* Bright fire. 2 Falling star, meteor. 3 Name of a star on the boss of a warrior's shield—*Ossian.*
beus, -a, -an, *s.f.* Moral qualities or manners, whether good or bad, virtue. 2 Behaviour, deeds, custom, conduct. 3 Amiability. 4 Bass viol. Bean nan deagh bheus, *a virtuous woman* ; fo bheus, *quiet, on one's good behaviour ;* fo dheagh bheus, *under a good character ;* fo dhroch bheus, *under a bad character*; aithnichear leanabh air 'bheus, *a child is known by his manners*; rìgh nam beusa mòra, *the king of lofty manners* ; gheibh thu beus is gnàth na dùthcha, *you shall get what the use and wont of the country sanction—Islay*; beus na tuath air am bithear is e a nithear, *the customs of your associates you will follow* ; beus an àite far am bithear is e a nithear, *the use and wont of the place you dwell in you will conform with* ; tonnan fo bheus, *waves at peace* ; deagh bheusan, *good morals* ; droch bheusan, *bad morals* ; beus na dh'fhalbh, *the deeds (conduct) of the departed.*
†beus, *s.m.* Trade. 2 Art. 3 Rent, revenue, tax. 4 Fornication. 5 Bottle. 6††Belly.
———ach, -aiche, *a.* Well-behaved, well-bred,

2 Modest, bashful. 3 Virtuous, chaste, moral, opposite of vicious. 4**Gentle. Mar aiteal beusach, *like a gentle breeze.*

beusachd, *s.f.* Good behaviour, moral rectitude, inoffensive conduct. 2 Manners, morals. 3 **Bashfulness.

beusaichead, -eid, *s.m.* Degree of moral purity or modesty.

beusail, see beusach.

beusalachd, see beusachd.

beusan, *n.pl.* of beus.

beus-ghrinn,‡‡ -e, *s.m.* Good behaviour.

beusmhor,** *a.* Bashful.

————achd,** *s.f.ind.* Bashfulness.

beus-oide,‡‡ *s.m.* Moralist.

beutail, *s.f.* Cattle, herds. 2 Cow.

b'fhearr, (*for* bu fhearr) Were better, was better. B'fhearr leam, *I wish, I would prefer*; b'fhearr dhomh, dhuit, dha, &c., *it were better for me, you, him, &c.*

bh, For words beginning with *bh* not appearing below, see under *b*.

bh', (*for* bha) Used before a word beginning with a vowel, as, an duine a bh'ann, *whoever it was, the man that was,* (in composition) ; is e Beurla a bh'aice féin air an fhuaim a bh' ann, *whatever the queer noise was that she made, she herself called it English* (*sarcastic.*)

bha, *past ind.* of bì. Was, wert, were.

†bhàbhair, *v.* Ye were.

†bhàdar, *v.* They were.

bhàirnis,‡‡ Gaelic spelling of *varnish.*

†bhàmar, *v.* We were.

bhan, *adv.* see a bhàn.

bhaoth, see baoth.

†bhaoi, see bha.

†bhar, *poss.pron.* see bhur.

bhàrr, *prep.* (formerly de bhàrr) From, from off. 2 Down from. Bhàrr aghaidh na talmhuinn, *from the surface of the earth* ; theirinn i bhàrr a' chamhuil, *she alighted from the camel;* bhàrr do chos, *from off thy feet* ; *2. come to grief as regards worldly matters* ; a bhàrr air sin, *besides that ;* bhàrr an rathaid, *off the way*; bhàrr a leapach, *off his bed, from his bed*; bhàrr na cìche, *weaned* ; 'n uair a bha teine ris an taigh, chunnaic e toit bhàrr a taighe, *when the house was on fire, he saw smoke coming from her house* ; thig uair bhàrr fad' an là (air a' mhios seo), *the day will be an hour shorter* (*this month*) [gaining is *tighinn ann*]; fhuair iad bhàrr an turuis, *they reached the end of their journey ;* chuir na breacain sealladh brèagh bhàrr na cuideachd, *the tartans gave the company a grand appearance* (*lit.* put a beautiful appearance from off the company. [Always followed by the Genitive case.]

bhàrr, *s.* see bàrr.

bhàrr,†† (a bhàrr) *adv.* Moreover.

bharrachd, *prep.* see a bharrachd.

bhatas, *v.* see bì.

bheairt, see beart.

bheil? see am bheil? *and* bì.

†bheileam ? (*for* am bheil mi ?) Am I ? Am bheileam féin am aonar *? am I left alone ?*

bheir, *fut.aff.* of tabhair *or* thoir. Cò e a bheir còmhrag *? who will give battle ?* bheir mise ort sin a dheanamh, *I will make you do that* ; bheir mi ort gu'm faithnich thu e, *I will let you know it*—make you smart for it ; is math an long a bheir a mach an caladh as an d'fhalbh i, *a good ship—that which gains the port whence she sailed* (a remark sometimes made by ministers of the "Auld Kirk" when they see or hear of seceders returning to their own communion. An Aulder Kirk might use the saying with even greater effect.)

bheireamaid, *1st. per. pl. past subj.* of beir. We would bear.

bheireamaid, *1st. per. pl. past subj.* of tabhair. We would give.

bheirear, *fut. pass.* of beir. Shall be born.

————, *fut. pass.* of tabhair. Shall be given.

bheirinn, *1st. per. sing. past subj.* of beir. I would bear.

————, *1st. per. sing. past subj.* of tabhair. I would give.

bheirteadh, *past subj. pass.* of beir. (Ged) bheirteadh e, (*though*) *he were born.*

bheirteadh, *past subj. pass.* of tabhair. Is impersonal and requires a prepositional pronoun after it thus, (ged) bheirteadh dhomh (e), (*though*) (*it*) *were given to me.*

bhi, *neg.fut.* of bì. Cha bhi mi, *I shall not be.*

†bhias, see bhitheas.

†bhid, (*for* bha iad) They were.

†bhim, (*for* bha mi) I was.

bhicar, -air, *s.m.* Gaelic spelling of *vicar.*

bhiodh, see bhitheadh.

†bhiom, (*for* bha mi) I was.

bhios, see bhitheas.

bhiotailt, *s.f.* see biotailt.

bhiotar, see bhithear.

bhith, (a) *infin.* of bì, To be.

bhitheadh, *2nd. & 3rd. per. sing. and pl.* of bì. Should be, would be.

†bhitheam, (*for* bha mi) I was.

bhithear, *fut. subj. impers.* of bì. (If) (it) shall be. [Preceded by a subj. particle as ma.]

bhitheas, *fut.subj.* of bì. (If) shall or will be. [Preceded by a subj. particle as ma.]

bhithinn, *1st. per. sing. past subj.* of bì. (If) I should be, (if) I would be. [Preceded by a subj. particle, as, ma. (ma bhithinn *but* na'm bithinn.)]

bho, *prep.* Another form of "o" which is the better of the two. Often written in conjunction with the personal pronouns thus :—

*1st.sing.*bhuam, *from me, pl.* bhuainn, *from us*
2nd. bhuat, *from thee,* bhuaibh, *from you*
3rd.m. bhuaith, *from him,*bhuapa, (*m. & f.*)
f. bhuaipe, *from her, from them.*

The forms under *o* are preferable to these. [Dr. Gillies says— "The *p* of (bhuaipe or) uaipe, now used for the fem. form of the 3rd per. sing. is both phonetically and historically wrong. The form "uaithe" is fem. in structure, and analogous to *leithe* and *rithe*, and its use as a masculine prep. pronoun is grossly incorrect. Uaidh (or bhuaidh) is the correct modern form of Old Gaelic *uad*, from him." Dr. G. is literally right, although custom is against him, and "bhuaipe" *from her*, being a firmly established form, both in speaking and writing, it is never likely to be altered in the Highlands. To substitute *bhuaithe* for *bhuaipe* now would cause unnecessary confusion, but *bhuaidh* for him, could be used as easily as *bhuaith* or *bhuaithe*. Were the Gaelic language taught in all the schools in the Highlands, popular mistakes like this would never get a hold.] "Bho" is used after a vowel or vowel sound, also when it begins a sentence ; "o" is used after a pronounced consonant according to choice. —D.M. ‡‡ says "bho" in the best dialects. * says "bho" is used in all the Isles.

bhobagan, see bobau.

bhòbh ! *int.* O dear ! strange !

†bholam, Gaelic spelling of *volume.*

bhò'n dé, *adv.* see air bhò'n dé.

bhos, see a bhos.

bhuaibh, see uaibh.

bhuaidh, see uaith.

bhuainn, see uainn.

bhuaipe, *prep.pron.* (bho) From her.
bhuaith, see bho. Tha e 'tighinn bhuaith, *he is recovering*; tha e 'dol bhuaith, *he is getting worse.*
bhuam, see uam.
bhuapa, see uapa.
bhuat, see uat.
†bhui, see bha.
†bhuil, see bheil.
bhur, *poss. pron.* Your. Gu'm fosglar bhur sùilean, *that your eyes shall be opened;* spiorad bhur n-inntinn, *the spirit of your minds.* Often contracted *'ur*, [Takes *n-* after it when followed by a word beginning with a vowel.]
bi, *irreg. v.* Be, exist. Conjugated thus :—
IND. *pres.* tha mi, &c., *I am, &c.*
,, *past*, bha mi, &c., *I was, &c.*
,, *fut.* bithidh mi, &c., *I shall be, &c.*
INTERR. *pres.*,am bheil mi ? &c., *am I ? &c.*
(mur) 'eil mi. &c., *(if) I am (not) &c.*
nach 'eil mi ? &c., *am I not ? &c.*
cha'n 'eil mi, &c., *I am not, &c.*
,, *past*(an ? nach ? cha, mur) robh mi, &c., *was I (not) &c.*
,, (am ? nach ? cha bh—, mur) bi mi, &c., *(shall ?) I (not) be, &c.*
SUBJUNC. *pres.*,(ma) bhitheas mi,&c.,*(if)I be.*
,, *past*, (na'n) robh mi *or* (na'm) bithinn, *(if) I were* ; (na'n) robh thu, e, sibh, iad, *or* (na'm) bitheadh tu, e, sibh, iad, *(if) thou wert, (if) he, you, they were* ; (na'n) robh sinn, *or* (na'm) bitheamaid, *(if) we were.*
IMPER. *1 sing.* bitheam, *let me be, pl.* bitheamaid, *let us be ; 2 sing.* bi, *be thou, pl.* bithibh, *be ye* ; *3 sing.* bitheadh e, *let him be* ; *pl.* bitheadh iad, *let them be.*
INFIN. a bhith, *to be.*
PRES. PART. bith, *being.*
☞BHEIL is often used subjunctively as, Tha iad ag ràdh gu'm bheil *they say it is so.*
IMPERSONAL forms of verb Bì.

	Pres.	*Past.*	*Future.*
Ind.	thatar.	bhatar.	bitear.
,,	thathar.	bha har.	bithear.
,,	thathas.	bhathas.	bitheas.
Interr.	(am)beilear?	(an)robhar?	am bitear?
,,	(am)beileas?	(an)robhas?	(am)b teas?
,,	nach'eilear?	nach robhar?	nach bitear?
,,	nach'eileas?	nach robhas?	nach biteas?
Subj.	(ma) thatar.	bhatar.	bithear.

The past subjunctive form *bitеadh* is used impersonally, as, n'am bitеadh a' togail an taighe, *if the people had been building the the house* ; thatar ag radh gu'm bheil a' bhanrìghinn a' tighinn do dh'Alba, *it is said that the Queen is coming to Scotland.* Tha, gu dearbh, *yes, indeed* ; bithidh iad an sin, *they shall be there* ; is dubh na mnathan ris nach bìtear, *dark are the dames that none will flirt with*—N.G.P.; tha 'n t-àm agam a bhith tarruing, *it is time for me to be moving.*

[Bì, when used in expressing the name or profession pertaining to objects, must be followed by the prep. *ann*, joined with a possessive pronoun of the same number and person, as the person or thing whose name, trade, or condition is mentioned ; as, tha mi 'nam (ann mo) shaor, *I am a carpenter* (*lit.* in my [state of being a] carpenter) ; bha sinn 'nar (ann ar) coigrich 'san tìr, *we were strangers in the land* ; tha Ceit 'na (ann a) banaltrum, *Kate is a nurse ;* bithidh Seumas 'na dheagh sgoilear, *James will be a good scholar.*
†bi, *gen.* of beò.
b'i, (*for* bu i) It was she. 2 It was. Am b'i a bha sìod ? *was it she that was yonder ?*
biacaich, see beucaich.
biacail, see beucail.
biacair, see beucair.
biachar, see biadhchar.
b'iad, (*for* bu iad) They were. B'iad am feasgar agus a' mhaduinn an ceud là, *the evening and the morning were the first day.*
biadh, *pr. part.* a' biadhadh, *v.a.* Feed, nourish, maintain. 2 Fatten. Gu'm biadhar e ann am fearann duin' eile, *that it shall be fed in another man's field (land) ;* biadh orra e, *dole it out in small equal quantities* (as short provisions.)
biadh, *gen.* bidh [béidh & bithidh] *pl.* biadhan [& bidheanna,] *s.m.* Meat, food victuals, diet, provision. 2** Fodder, provender. B., is aodach, *food and clothing*; dhuibh-se bithidh e mar bhiadh, *to you it shall be for food.*
biadhach,** *a.* Alimental.
——————adh,** -aidh, *s.m.* Alimentation.
biadhadh, -aidh, *s.m.* Feeding, nourishing. 2 Fattening. 3 Doling out piecemeal. 4 Feed, victuals, meat, provender. A' b—, (†† gives biathadh) *pr. part.* of biadh.
biadhaid,* *s.m.* see biadh-lann.
biadhar, *a.* Alimentary.
biadh-briste,** *s.m.* Fragments. 2 Crumbled food.

42. Biadh an t-sionaidh.

biadh an t-sionaidh, *s. m.* White or pink sedum—*sedum anglicum.*
biadhchar, -aire, *a.* Fruitful, 2 Substantial. 3 Affording substance. 4 Esculent. Sìol biadhchar, *productive corn, corn that produces a large quantity of meal.*
——————achd, *s. f.* Abundance of provision, substance. 2 *Productiveness.
biadh-chluan, -ain, *s.m.* Kitchen. (place to cook in, not condiment.)
biadhchor, see biadhchar.
biadh eòinein, *s.m.* Woodsorrel, see seamrag.
biadh eun,‡‡ see b— eòinein.
biadh feasgair,** *s.m.* Supper, evening meal.
biadh-lann, -lainn, *s.m.* Pantry.
biadh luibh,** *s.m.* Salad.
biadh lus, -luis, *s.m.* Salad.
biadh maduinn,** *s.m.* Breakfast.
biadh-nan-eòinein, see b— -eòinein.
biadh-nòin,** *s.m.* Luncheon, mid-day meal.
biadh-sholar, -air, *s.m.* Pabulation.
biadh-siubhail,(AG)*s.m.* Provisions for the way.
biadhta, *past part.* of biadh. Fed, nourished. Damh biadhta, *a stalled or fed ox.*
biadhtach, -aich, -aichean, *s.m.* Grazier. 2 Farmer. 3 Hospitable farmer, hospitable person. 4 Host, hostess—*Islay.* 5 Kitchen. 6 (AC) Raven. 7(AF) Glutton. 8**Order of Irish tenants who procured provisions for the nobles. Tha e 'na dheagh bhiadhtach, *he is a liberal host.*
——————d,** *s. f. ind.* Hospitality. Is bochd a' bhiadhtachd seo, *this is a poor entertainment.*
biadhtaich, *v.a.* Share, impart, divide food.
——————e, *s.m.* see biadhtach.
biadh-thaigh,** *s.m.* Eating-house.
biagais,(AF) *s. f.* Dogfish.
†biaidh, *for* bithidh.
†biail, *s. f.* Axe, hatchet.
†bial, -ail, *s.m.* Water.
bial, see beul.
——ag, see beulag.
bialanaich, see beulanaich.

bian, *gen.sing.* & *n. pl.* béin, *s.m.* Hide, skin, pelt. 2**Abode. [Generally applied to the skins of wild animals only.] Bian an tulrc, *the boar's hide*; bu ghile a bian na canach sléibhe, *whiter was her skin than mountain sedge*; bian roin, *a seal's skin*; bian béiste duibhe, *an otter's skin*; bian coinein, *a rabbit's skin.*

——adair,* *s.m.* Currier.

—— deasaiche,‡‡ *s.m.* Currier.

—— -dhubh, *a.* Swarthy. 2 Black-skinned.

—— -gheal, *a.* Fair-skinned, white-skinned.

—— leasaiche, -an, *s.m.* Currier, tanner.

†bias, see bitheas.

biasgach, -aiche, (‡biadh+sgathach, *catching at morsels*) *a.* Niggardly, miserly. 2 Catching at trifles.

biasgaire, -ean, *s.m.* Sordid, mean person. 2 ‡‡Glutton.

———achd, *s.f.* Niggardliness. 2‡‡Gluttony.

biast, béiste, -an, *s.f.* See béist. 2 Wretch. 3 Unmannerly child. 4‡‡Worm or screw of a ramrod. 5‡Niggardly person. [*Biast* is not such a strong expression as *béist*. The former might be used in correcting vulgarity or mischief in a child, while the latter would be applied to a drunkard or other disreputable person.—*Argyll.*] Mir á beul bhiastan, *receiving anything from parties who do not wish to part with it* (*lit.* getting a morsel out of the mouth of brats.)

biast, *pr.part.* a' biastadh, *v.a.* Abuse, revile.

———adh, *s.m.* Abusing, reviling. A' b—, *pr. part.* of biast.

biastag, -aig, -au, see béisteag.

biastail, -e, *a.* see béisteal. 2‡‡Churlish, niggardly.

biastalachd, see béistealachd.

biast-donn, see béist-donn.

biast-dubh, see béist-dubh.

biata, see bia 1.

biatach, see biadhtach.

———as,** -ais, *s.m.* Food, victuals, nourishment.

———d, see biadhtachd.

biataiche, see biadhtach.



43. Biatas.

biatas, -ais, *s.m.* Betony. —*beta maritima.* 2 Beetroot. 3 Mangold wurzel.

biath, see biadh.

——achail, see biadhchar.

——achadh, see biadhachadh.

——achd, see biadhtachd.

——adh see biadhadh. 2‡Entice.

——aidh, ‡ see biathainne.

biathainne, *s. f.* Earthworm. 2 Bait.

biathmhor, see biadh-char.

biathsadh, *s.m.* Provision for a journey, viaticum.

bibh, see bithibh.

bibhidh * *s.m.* Very large fire.—*Islay.*

bicas, -ais, *s.m.* see biocas.

bicein,†† -ean, *s.m.* One single grain.

biceir, -ean, *s.m.* Small wooden dish. 2 Drinking-cup. 3 Bottle. 4 Beaker ("bicker".) 5†† "Luggie."

bicheanta, see bitheanta.

———chd, *s.f.* see bitheantas.

†bichearb, -chirb, *s.m.* Mercury, quicksilver.

†bi-cheardach, -aich, *s.m.* Victualling house, tavern.

†bichim, see bichearb.

bichlonta, *a.* & *adv.* see bitheanta.

bichlontas, -ais, *s.m.* see bitheantas.

bi-chùram, -aim, *s.m.* see bith-chùram.

†bid, *s.f.* Hedge, fence.

†bid, *v.a.* Nip, pinch. 2‡‡Nibble.

bid, *pr.part.* a' bidil, *v.a.* Chirp.

bìdeach, -eicne, *a.* Very little. 2 Trifling. 3 Diminutive.

bideachas,‡‡ -ais, *s.m.* Mordacity.

bideachd,* *s.f.* Littleness, smallness.

bideadh, *s.m.* Nipping, pinching. A' b—, *pr. part.* of †bìd.

bìdeag, -eig, -an, *s. f.* Very small portion of anything, bit, fraction. 2 Crumb. 3 Morsel. 4‡‡ Pinching. Bideag chrion, *a little piece.* Chaidh e 'na bhideagan, *it went into fragments.*

———ach, -aiche, *a.* Nipping, pinching.

bidean, -ein, *s.m.* Hedge, fence. 2 see bìdein.

bìdean, see bìdein.

bìdear,‡‡ -eir, -ean, *s.m.* see bìdein.

bideil, see bìdil.

bidein, -ean, *s.m.* Point, summit, pinnacle.

bìdein, -ean,** *s.m.* Chirper, peeper, young bird or fowl. 3 Diminutive person or animal.

———each, -eiche, *a.* Sharp-topped as a hill or rock. 2‡‡ *fig.* Light-headed.

bìdh, *gen. sing.* of biadh.

——, *a.* see bìth.

quiet as a lamb; cho bìdh ri luchaig, *as quiet as a mouse.*

bidh, *for* bithidh, see *v.* bi.

†bidh-cheartach, *s. f.* Tavern.

bìdh, *s. f.* see bìth.

bìdheag,** *s.f.* Bait (on a hook.)

bidheanta, see bitheanta.

———chd, see bitheantachd.

———s, see bitheantas.

bi-dheantas,** *s.m.* Endlessness.

†bidhearg, *a.* Red, unctuous, as fir or pine.

bidhis, -ean, *s. f.* Screw. 2 Vice. (††bithis)

———each, *a.* Like a screw. 2 Spiral.

bìdil, *s. f.* Continual chirping. 2 Shrill sound. 3 Squeak, as of rats, mice, or birds. A' b—, *pr.part.* of bìd.

†bidis, *v.* Were. 2 Let them be.

bidse, *s. f.* Gaelic spelling of *bitch.* 2 Whore.

———ach, *a.* Addicted to whoredom.

———achd, *s. f.* Whoremongering, conduct of a prostitute.

bidsich, *v.n.* Play the whore.

big, *s.m.* & *pr.part.* see bìd.

bìg, *pr.part.* a' bìgil, *v.n.* see bìd.

†big, *a.* Tender.

big ! big ! *int.* Mode of calling to chickens.

big, *n.pl.* of *s.* beag. 2 *gen.sing.m.* of *a.* beag.

bigeach,(AG) *a. dim.* of beag. Very small.

bigeal, see bìdil.

bigean,** *s.m.* Cap, hair lace.

bigeil, see bìdil.

bigein,¶ *s.m.* Rock-pipit. see gabhagan. 2¶ Golden-crested wren, see dreathan a' chinn bhuidhe. 3(AF) Meadow pipit. 4 Any little bird. 5‡ see biceir.

bigein-baintighearna,¶ *s. m.* Mountain linnet or twite.—*Uist.* see riabhag mhonaidh.

bigein Brighde, (AC) (*lit.* St. Bridget's little bird) *s.m.* Linnet.

bigein mór, (AF) *s.m.* Black shore-lark.

bigein-sneachda, (AF) *s.m.* Little snow-bunting.

bigeir, *s.m.* see biceir.

bìg-eun, -eòin, *s.m.* Any small bird.
bìgh, o, *s.f.* see bìth. 2 Pillar, post. Eadar dà bhìgh an doruis, *between the two door-posts.*
bìgh-c..r oibh, -e-e, *s. f.* } see bìth.
bìgheach, -eiche, *a.* }
bìgheanta, see bitheanta.
bìgh-eòin, *s. f.* see bìth-eòin.
bìgh-thalmhuinn, *s. f.* see bìth-thalmhuinn.
†bìgil, see bìdil.
bigirein, see biceir.
†bil, *s. f.* see bile.
†bil, *a.* Good.
bilbheag, -eig, see meilbheag.
bile, -an, *s. f.* Lip. 2 Rim, brim, edge, margin of anything. 3‡‡Cluster of trees. 4‡Leaf, blade, Bheir mo bhilean cliù dhuit, *my lips shall praise thee*; bilean nan sruthan uaigneach, *the margin of the lonely brooks ;* bile na h-aide, *the brim of the hat ;* air a bhil' uachdaraich, *on his upper lip*; ag imeachd air bile na tràighe, *walking on the sea-shore.*
†bile, *s. f.* Mouth. 2 Bird's bill. 3 Blossom. 4 Beard.
bileach, -eiche. *a.* Lipped. 2 Bladed, as grass. 3 Fringed, bordered, edged, welted. 4 Billed, as a bird. 5‡‡ Full of leaflets. Bròg bhileach, *a welted shoe.*
———, -lich, -lichean, *s.m.* Leaf of a tree or herb. 2 Quantity of leaves. 3**Young leafy tree. Bàrr nam bilichean blàthmhor, *the tops of the flourishing green trees.*
bileach-choigeach, -eich, *s.m.* Corn-marigold. see bile-bhuidhe.

44. Bileach-losgainn.

bileach-losgainn, (a' bh—) *s.f.* Burnet—*sanguis orba*
bileag, -eig, -an, *s.f.* Leaflet. 2 Little blade. 3 bag. 4 Leaf of a tree or herb. 5†† Tongue. *B.* fheòir, *a blade of grass* ; bileag chàile, *a blade of colewort.*
bileagach, *a.* see bileach.
————adh, -aidh, *s.m.* Continual licking or sipping in small quantities. A' b—, *pr. part.* of bileagaich.
bileagaich, *pr.part.* a' bileagachadh, *v.a. & n.* Lick up continually or in small drops. 2**Browse.
bileag-an-spuing,§ *s.f.* Colt's foot. see cluas liath.
bileagan-nan-eun,‡‡ *s.f.* Bird leaflets, a sort of acrid plant—*avium foliola.* **Species of wood-sorrel.
bileag-bhàite, *s.f.* Water-lily. see duilleag-bhàite.
bileag-chapuill,§ *s. f.* Red clover, see seamrag-chapuill.
bilean, *n.pl.* of bile.

45. Bilearach.

bileanach,§*s.m.*Sweetsea-grass. see bilearach.
bilearach,§ *s.m.*Sweet sea-grass—*zostera marina.*
bile-bhuidhe, *s. f.* Corn-marigold — *chrysanthemum segetum.*
†bileid, Gaelic spelling of *billet.*
bileil, *a.* Labial. 2 Talkative.
bileineach,†† *s. f.* see bilearach.
bil-fhaclach, *a.* Labial.
bilidh,** (*for* bile.) A bilidh a' cur fàilt' ort, *her lips saluting thee.*
bìlisteir,-e, -ean. *s. m.* Mean beggarly fellow. 2‡Glutton, 3 (*Isles*) Rancid butter or tallow.

46. Bile-bhuidhe.

bìlisteireachd, *s. f.* Mean hankering or searching after food.
†bill, *s.m.* ||Leper. 2‡‡Fool.
†bille, *s. f.* Rag.
†bille, *a.* Mean, weak.
billeachd, *s. f.* Poverty. 2 Raggedness. 3 Weakness.
†billeog, see bileag.
†billian, *s.m.* Little dish.
bi'm, (*for* bithidh mi) I shall be. 2 (*for* bitheam) Let me be.
bi'mid, (*for* bitheamaid) Let us be.
†binbhrianachd, see binn-bhriathrachd.

47. Bile bhuidhe.

bineach, see binneach.
binealta, see finealta.
binid, binnde [& binide] binndean, *s. f.* Cheese-rennet. 2 Stomach of a calf, lamb, or hare.
———each, *a.* Like rennet, of, or belonging to, rennet.
†binigear, *s. f.* Gaelic spelling of *vinegar.* 2 Pickle.
binn, -e, *a.* Melodious, musical, sweet. 2 Shrill. 3 Harmonious. 4‡‡True. An ni nach binn le duine cha chluinn duine, *what a man likes not he hears not* ; is balbh do bheul a bha binn, *mute is thy mouth that was musical* ; is binn leam do cheum, *musical to me is the sound of thy footstep*; bu mhór am beud gu'n rachadh do bheul binn gu bràth fo thalamh, *'twere a pity thy sweet mouth should ever go underground* (said ironically of bad singers. N.G.P. It is not the *i* but the *nn* that is long, except in the far north.
binn, -e, *s. f.* Sentence, judgment, decision, condemnation. 2 Fate. 3**Melody. 4**Hopper of a mill. Thoir binn a mach, *give a decision, pronounce judgment* ; binn an aghaidh droch oibre, *sentence against an evil work* ; faigh binn, *receive sentence.*
†binn, (*for* bha mi.)
binn-bheul, -eòil, *s.m.* Musical, sweet, melodious voice.
————ach, -aiche, *a.* Sweet-voiced, eloqu-

ent.
binn-bhriathrach, -aiche, *a.* Melodious. 2 Eloquent.
————d, *s. f.* Melodiousness. 2 Eloquence.
binn-cheòl, -iùil, *s.m.* Sweet music.
————ach, -aiche, *a.* Melodious, harmonious.
binndeach, *a.* Coagulative, curdling. 2 Apt to coagulate.
————adh, -aidh, *s.m.* Curdling, coagulating. 2*Making cheese. Ballan binndeachaidh, *a cheese-vat.* A' b—, *pr. part.* of binndich.
binndeal, -eil, -an, *s.m.* Head-dress. 2(DM) Forehead cloth.
†binndean, -ein, see binid.
binndich, *pr. pt.* a' binndeachadh, *v.a.* Coagulate, curdle. 2*Make cheese.
————te, *past part.* Curdled, coagulated.
binne,* *s. f.* see binneas.
binne, *comp.* of binn. Is binne do ghuth na'n smeòrach, *sweeter is thy voice than the thrush.*
binneach, -eiche, *a.* Light, light-headed, fanciful. 2 Hilly, pinnacled, mountainous. 3 Pointed. 4**Horned, antlered. 5*High-topped. Eilid bhinneach, *the antlered deer.*
binnead, -eid, *s.m.* Degree of melody, sweetness, or harmoniousness. Is fhearr leam do ghuth na'n smeòrach air binnead, *I prefer thy voice to the thrush for melody.*
binneag, -eig, -an, *s.f.* Chimney-top, chimney-stalk. [In Benbecula and the Uists, a gable without a vent in it, especially one made of turf. One built of stone and lime is generally called *stuadh.*—J.M.]
————ach, -aiche, *a.* Towered, turreted. Ro shnuagh'or, fineant, binneagach, *very good-looking, maidenly, towering.—Oran Chlann Domhnuill nan Eilean,* in *Filidh nam Beann. p. 22.*
binnealach, -aiche, *a.* Melodious, harmonious, chirping.
binnealaich, *s. f.* Chirping of birds.
binnealta, *a.* see finealta. 2‡‡Melodious.
————ch, -aiche, *a.* see finealta.
binnean, -ein, *s.m.* see binnein.
————ach,* *a.* see binneineach.
binnear,** -eir, *s.m.* Hill, pinnacle. 2 Pin, bodkin, hair-pin.
binneas, -eis, *s.m.* Music, harmony, melody. 2 Euphony in *grammar.* A' togail a guth le binneas, *raising her voice with melody.*
binne-bheathach,(AF) *s.m.* Horned beast or animal.
binnein, *s.m.* Pinnacle, apex of a hill. 2 High conical hill. 3 Turret. 4**Bell. Binnein na carraige, *the pinnacle of the rock.*
————each, -eiche, *a.* Acuminated, pinnacled.
†binneochaidh, see beannaichidh.
binn-fhaclach, -aiche, *a.* Melodious, having a sweet-toned voice. 2 Sweet-worded. Eunlaith binn-fhaclach, *melodious birds.*
binn-fhuaim, -e, *s.m.* Sweet sonorous sound.
————each,‡‡ -eiche, *a.* Euphonical.
binn-ghuth, *s.m.* Melodious voice. 2 Sweet tone or note. Mar bhinn-ghuth ealaidh, *like the sweet note of a swan.*
binnid, see binid.
——each, *a.* see binideach.
†binnse, -achan, Gaelic spelling of *bench.*
binnseach,** *a.* Having benches. 2 Like a bench.
binnteach, see binndeach.
————adh, see binndeachadh.
binntean, see binid.
————ach, see binideach.
binntich, see binndich.
biob, *s.m. for* bab—*Perthshire.*
Bioball, see Biobull.
bioban, -ain, *s.m.* Disease in poultry, "pip."
biobhuan, see bith-bhuan.
————tachd, see bith-bhuantachd.
Biobull, -uill, *s.m.* Bible.
————ach, *a.* Biblical.
biocas, -ais, *s.m.* Viscount.
biochar,(AC) *a.* see biadhchar.
bioda, -an, *s.m.* Pointed top. 2 Hill-top. Air chorra bioda, *on tiptoes.*
biod,* *v.a. & n.* Pique, gall, vex. 2 Bicker, canker.
biodach, -aiche, *a.* Sharp-topped, pyramidical.
biodach, see bideach.
biodaich, *v.a.* Bud.



48. Biodag.

biodag, -aig, -an, *s.f.* Dirk. 2 Dagger. Cha mhisd' a thig dhuit am biodag, *no worse does the dirk become thee;* cha do chleachd am bodach biodag, *the fellow was not used to a dirk.*
————ach, *a.* Like a dirk or dagger. 2 Having a dirk or dagger.
————aich, *v.a.* Poniard, wound with a dirk or dagger.
————an, *n.pl.* of biodag.
biodagraich,* *s.* Snick and snee. (fight with knives.)
biodaich,‡‡ *v.a. & n.* Bud.
biodailt, Gaelic form of *victuals.* 2 Spirits—J.G.M.
biodan,* -ain, *s.m.* see biodanach.
————ach, -aiche, *a.* Sharp-topped. 2 Bickering. 3 Cankering. 4**Tattling, prating.
†————ach, -aich, *s.m.* Tattler, prater. 2* Bickering fellow. 3**s.f.* Bickering female.
†biodarnach, -aiche, *a.* Chirping.
biod-chas, *s. f.* Splay-foot.
biod-cheann, -inn, *s.m.* Pointed head.
————ach, -aiche, *a.* Sharp-headed.
biodh, *3rd. pers. sing. imper.* of bi. (Contraction of bitheadh.)
†biodh,** *s.m.* The World.
†biodhanas, -ais, *s.m.* Discord.
†biodhbha, see biùthaidh.
‡————nas, -ais, *s.m.* see biodhanas.
biog, -a, -an, *s.m.* see bìd, *s.m.* 2**s.f.* Start.
——, *v.a.* Gripe, start.
——ach, -aiche, *a.* Apt to start, causing to start. 2 Small, very little.
——adh, -aidh, *s.m.* Starting, palpitation, strong or sudden emotion. 2 Griping. 3 Whim.
biogail, *s. f.* see bìdil.
biogail, -e, *a.* Active, lively, frisky. 2 Apt to start. 3 Neat. 4 Small.
biogantà, *a.* Thrilling, sharp tingling sensation.
biogaran,(AG) *s.f.* Small wooden dish.
biogarra, *a.* Mean, churlish, surly. 2 Censorious. 3‡"Cheepish."
————chd, *s. f.* Meanness, churlishness, inhospitableness.
biog-ghairm, *s. f.* The death-watch.
†biol, *s. f.* Little musical instrument. 2 Violin, fiddle.
biolag,** -aig, *s. f.* Little musical instrument, 2 *in derision,* a person who is fond of singing

or whistling.
———ach, -aiche, *a.* Musical, melodious. 2 Fond of singing or whistling. 3**Blythe.
biolair, -e, -ean, *s. f.* Water-cress—*nasturtium officinalis.* [*Biolair* is applied to all kinds of cresses.]
biolair-an-fhuarain, *s. f.* Fountain cresses.
biolaireach, -eiche, *a.* Abounding in cresses. 2 Of, or belonging to, cresses. Glacag bhiolaireach, *a dell abounding in cresses.*
biolair-Fraing,§ *s. f.* French or garden cress.
biolair-ghriagain,§ *s. f.* Ladies' smock or cuckoo flower. see plùr-na-cubhaig.
biolair-uaine, *s. f.* Green water-cress.
†biolar, -aire, *a.* Neat, fine, dainty, spruce.
biolarach, see biolaireach.
biolasg, -aisg, *s.m.* Prattle, gabble, loquacity.
———ach, -aiche, *a.* Loquacious, prattling.
———adh, -aidh, *s.m.* Loquacity, prattling.
biolur, -uir, *s.m.* Bistort or snake-weed—*polygonum bistorta.*

49. Biolur.

bìom, (contraction of bitheam.
†bion, *adv.* Readily, easily, usually.
bionn,(AC) *a.* Symmetrical, well-featured, beauteous. Is i mo leannan an té bhionn, *my love is the beauteous maid.*
bior, -a, -an, *s.m.* Thorn. 2 Prickle. 3 Small or sharp-pointed stick. 4 Any sharp-pointed thing. 5 Spit. 6 Pin. 7**Goad. 8 **Bodkin. Bior 'nad dhòrn na paisg; *do not squeeze a thorn in thy fist*; a' geurachadh nam bior, *sharpening the goads*; 'nam bioraibh 'n 'ur sùilibh, *as thorns in your eyes* is bior gach srabh 'san oidhche, *every straw is a thorn at night.*—N.G.P.
bior, *pr.pt.* a' bioradh, *v.a.* Prick. 2 Sting. 3 Gall, vex. 4 Goad, spur on.
†bior,*s.m.* Well, fountain. 2 Water.—*a.*‡‡Short.
bior (AH) *s.f.* Sour or angry look. Tha droch bhior air, *he looks very displeased.*
biorach, -aiche, *a.* Sharp-pointed. 2 Piercing. 3 Horned, having branching antlers. 4 Sharp-sighted. †5**Watery. Sùil bhiorach, *a sharp or quick eye*; le d' lannaibh biorach, *with thy pointed swords*; a' gnéigh bhiorach 'na dhéidh, *the branching-antlered herd behind him.*
———, -aich, -aichean, *s. f.* Two-year old heifer. 2 Year old horse or colt. 3(AF)Cow-calf, steer, filly. 4 Ox, bullock. 5 Dog-fish, see gobag 6 Instrument to prevent calves from sucking, [bùthach in Uist.—JM] 7** Boat ‡ see birlinn.



50. Biorag.

bioracas, -ais, -an, *s.m.* Pointedness, sharpness, epigrammatical sharpness.
bioradh, -aidh, *s.m.* Stinging, pricking, piercing. A' b—, *pr. part.* of bior.
biorag, -aig, -an, *s. f.* Tusk or side tooth in the mouth of a horse.
biorag,§ -aig, -an, *s.m.* Dutch rushes or shave grass—*equisetum hyemale.*
biorag-iodain, *s.f.* Bandstickle.
bioragach,** *a.* Aculeated.
bioraich, *v. a.* Sharpen at the point, make pointed. 2 Stare, look steadfastly.
bioraiche, *comp.* of biorach. Sharper, sharpest.

51. Biorag-iodain.

bioraiche, -ean, *s. f.* see bioraich-ead. 2 see biorach, *s.* 3 Sharp, angular person. Bioraiche, mac na h-asail, *a colt the foal of an ass*
bioraichead, *s. m. & f.* Conicalness, pointedness, sharpness, epigrammatical sharpness.
bioraid, see biorraid.
———each, see biorraideach.
†bioraidh.** *s.m.* Bullock. 2(AF) Steer.
biorain, *gen. sing.* of bioran.
bioran, -ain, *s.m.* Stick, staff, little stick. 2 3**Any sharp-pointed thing. †3**Strife. 4** Anguish, vexation. Bioran 'na làimh, *a stick in his hand*: bioran de sgithich, *a twig of whitethorn*; is math cobhair nam bioran le 'chéile, *the union of sticks is helpful.*—N.G.P.
bioranach, -aiche, *a.* Abounding in sticks. 2 Like a stick. 3 Full of prickles.
———.-aich, *s.m.* Pin-cushion. 2‡‡Needle, 3 Troublesome or contentious person.
———an, -ain, *s.m.* Pinmaker.
bioranaich,** *v.a.* Vex.
———e, -chean, see bioranachan.
———te, *a.* Vexed grieved.

52. Bioran-deamhnaidh.

bioran-deamhnaidh, *s.m.* Minnow, pink.
bioran-donais,(AH) *s.m.* Minnow, pink.
bioran-druma,* *s.m.* Drum-stick.
bior-an-iasgair, (AC) } Kingfisher, see
bior-an-uisge,(AC) } biorra-cruidein.
biorar, *s. f.* Cress, see biolair.
bioras, -ais, -an, *s.m.* Water-lily, see duilleag-bhàite.
biorasg, see bior-iasg.
†bior-bhogha, *s.m.* Rain-bow.
bior-bhogha,§ *s.m.* Yellow flag, see bog-uisge.
†bior-bhualan,(AF) *s.m.* Toad. 2 Water serpent.
†bior-bhuasach, -aich, *s.m.* Water serpent. 2 Conger-eel.
bior-chluaiseanach, see bior-chluasach.
bior-chluas, -ais, -an, *s. f.* Sharp-pointed ear, as of a dog when listening eagerly.
bior-chluasach, *a.* Sharp-eared, quick of hearing. 2**Having sharp or pointed ears.
†biorchoil, *s.m.* Instrument for beheading.
bior-chòmhladh, -aidh, *s.f.* Flood-gates,sluice.
biordainge, *s. f.* Pricker, see bàta G1 p. 73.
bior-deighe, *s. f.* Icicle.
†biordhach, *a.* Watery.
bior-dhorus, -dhorsan, *s. f.* Water-sluice.
bior-draoidheachd, *s. f.* Mode of divining by water
bior-dubh, *s.m.* Stem- or stern-post of a ship, see O1 and N1 p. 73.
bior-eidhe, see bior-deighe.
bior-fhaadan, -ain, *s.m.* Water-pipe.
bior-fhiacal, -an-, *s.m.* Tooth-pick.

†bior-fhion, *s.m.* Metheglin, drink made of honey and water boiled and fermented.
bior-fuinn, *s.m.* Landmark, beacon. Bheirinn am bior-fuinn a mach, *I would descry the land-mark.*
biorg, *pr.part.* a' biorgadh, *v.n.* Flow, gush. 2 Twitch suddenly and sorely. 3*Tingle, thrill, feel a tingling sensation. 3††Gall.
———ach, -aiche, *a.* Ecstatic, transporting, rapturous, nervous.
biorgadaich,* *s. f.* Thrilling or tingling sensation.
biorgadh, -aidh, *s.m.* Painful wrench or twist. A' b—, *pr.part.* of biorg. Bhuail biorgadh de'n eagal e, *he was thrilled with fear.*
biorgainn,†† -e, *s. f.* Sharp lancinating pain.
biorganta, *a.* Perplexing. 2 Hampering. 3 Vexatious. 4 Thrilling. 5 Galling.
———ch, see biorganta.
———chd, *s. f. ind.* Perplexity. 2 Entanglement. 3 Intricacy. 4*Degree of thrilling, or tingling sensation.
bior-glantachain, *s.m.* Weeding grubber.
bior-greasaidh, *s.m.* Goad, ox-goad. 2‡‡Awl.
biorguinn, see biorgainn.
bior-iaruinn, *s.m.* Marline-spike. see bàta 29 p. 76.
bior-iasg, -èisg, *s.m.* Bait for fishing. 2 Fish with prickles.
bior leacain,§ *s.m.* (*lit.* the pointed hill-side plant.) Juniper. see aitionn.
bior-linn, see bìrlinn.
†bior-mhèin, *s. f.* Ooziness, moisture.
bior-nam-bride, see bearnan-Brìde.
†bior-oir, *s. f.* Water margin.
†bior-phoit, *s. f.* Urn.
†biorra, see biorra-crùidein.
biorra-an-iasgaire, *s.m.* see biorra-crùidein.

53. Biorra-crùidein.

biorra-crùidein,¶ *s.m.* Kingfisher—*alcedo ispida.*
†biorrach. *s. f.* Boat, yawl, skiff. 2‡‡Muzzle.
———dach, -aiche, *a.* see biorach.
———dair, -ean, *s.m.* Tricky fellow, sharper. 2 Petty thief.
biorrach lachan,§ Reed grass, see seasgan.
†biorrag, *s. f.* Soft marshy field or plain.
biorraid, -e, -ean, *s. f.* Helmet. 2 Head-piece. 3 Hat. 4* Cap with a scoop on it. 5 Osier-twig. 7‡‡Cone. 7 *rarely* Strife. Biorraid bu loinntreach snas, *a burnished helmet.*
———each, -eiche, *a.* Conical. 3 Wearing a helmet. 3 Of, or belonging to, a cap. 4 Scooped. 5**High-headed.
biorramaid, *s. f.* Gaelic spelling of *pyramid.*
———each,** *a.* Pyramidical.
†biorran, -ain, *s.m.* Vexation of mind. 2 Top of a small hill.
†———, *v.a.* Distract. 2 Embarrass. 3 Ensnare, entangle.
†———ach, *a.* Distracted.
†———aire, *s.m.* Fomenter of strife.
†bior-ròs,§ *s.m.* White water-lily, see duilleag-bhàite bhàn. 2 Yellow water lily, see duilleag bhàite bhuidhe.
bior-ròslaidh, see bior-ròstaidh.
bior-ròstaidh, *s.m.* Spit.
biorsadh, -aidh, *s.m.* Eager impatience. 2†† Keen wish. 3‡Goading.
biorsamaid,-ean, *s. f.* Roman balance for weighing small quantities. 2 Steel-yard. 3(AH) Term of contempt, applied to a sharp-tongued woman.
bior-shruth, *s.m.* The old bed of a river.
bior-shùil, -ùla, -ùilean, *s. f.* Piercing eye. 2** Quick-sighted eye.
———each, -liche, *a.* Quick-sighted, sharp-sighted. Gabhair *bh.*, *sharp-sighted goats.*
bior-snaois, *s. f.* Beak. 2 Top of the stem of a boat, see bàta, p. 76.
bior-stùc,** *s.m.* Pyramid.
bios, *v.* see bitheas. †2 *s.m.* Silk.
biosa, (*for* bi thusa) sometimes written *bios* and *bi-sa.*
†biosar,** -air, *s.m.* Silk.
biosgach, *a.* Churlish, niggardly.
biosgail, see biosgach.
biosgair, -ean, *s.m.* Scrub.
———eachd,** *s. f.* Scrubbishness, meanness.
biota, *s. f.* Churn. 2 Pitcher. 3‡Vessel.
biota-bhùirn,(AG) *s.f.* Water-pitcher
biotailt, *s.m.* Gaelic spelling of *victuals.* 2 Grain of all kinds.
———each, -eiche, *a.* Abounding in victuals, or grain.
biotais, see biatas.
†bioth, *s m.* The world. 2 Being.
†biothanach, *s.m.* Thief.
†bioth-bhuaine, see bith-bhuantachd.
bìr, *s.m.* Alarm note of the solan geese when attacked at night. 2† see bior.
bireid, see biride.
†bir-fhion, see bior-fhion.
biriche,** *s.m.* see biorach, *s.*
birichean, *s.m.* Conoid.
†biride,(AF) *s. f.* Breeding cow. 2**Shrew.
bìrlinn, -ean, *s. f.* Galley. 2 Barge, pleasure boat.
———each, *a.* Abounding in galleys or barges.
†birread, see biorraid.
†birt, *s. f.* Hilt, haft, handle. 2‡‡Castle, fortified place.
†birt, *pl.* of beart, Loads, bundles.
birtich, *v.a.* Kindle, excite, stir up. Birtich an teine, *poke the fire.*
†bis, *s. f.* Buffet, box, slap.
b' ise, (*for* bu ise) It was she.
biseach,** -sich, *s. f.* Crisis of a disease.
biseach, -eich, } see piseach.
———d, }
bisidh, Gaelic spelling of *busy.*
biteag,** -eig, -an, *s. f.* see bìdeag.
biteig, *gen. sing.* of biteag.
bith, *s. f. ind.* Life, existence, being, living. 2 The world. 3‡‡Creature.
†bith, *s. f. ind.* Custom, habit. 2‡‡Order, law. 3 Wound. 4 Blow. 5 Contest. 6 Woman.
bìth, -e, *s. f.* Glue, gum. 2 Bird-lime. 3 Resin. 4 Tar, bitumen. 5 Pith. 6 Caulking.
bìth, *a.* Quiet, peaceable, tranquil, calm. 2 Coy. Bi bìth, *be quiet*; cho bith ri uan, *as*
bith-, *prepositive particle* signifying *ever-, always,* as bith-bhuan, *everlasting.*
†bithbheanach, see biothanach.
†bithbheanta, *a.* Stolen.
bith-bheò, *a.* Everliving. 2 Everlasting. 3** Perennial. 4**Evergreen.
bith-bhreun,(DM) see bith-bhreunach.
bith-bhreunach,** *s.m.* Assafœtida.
bith-bhriathrach, -aiche, *a.* Talkative, loquacious, babbling.
———d, *s. f. ind.* Loquacity.
bith-bhrìgh, *s. f.* Essence. 2 Life-blood.

bith-bhuan, *a.* Everlasting, eternal, immortal. 2 Perpetual.
————tachd, *s. f. ind.* Eternity, perpetuity.
bith-chainnt, *s. f.* Babblement, senseless ill-timed prate.
bith-chraoibh, -e-e, Gum of trees.
bith-chùram, -aim, *s.m.* Anxiety, continual care or solicitude. 2‡‡Worldly care.
————ach, *a.* Extremely careful.
bith-dheanamh, -aimh, *s.m.* Continual acting.
bith-dheanta, see bitheanta.
————s, see bitheantas.
†bithe, *gen. sing.* of bith.
†bithe,** *a.* Female, of, or belonging to, the female sex.
bitheach, -eiche, *a.* Bituminous.
bitheadh, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of bì. Let [him, her, or it]be. Bitheadh e oho math 's a thogras o, *let him be ever so good.*
bitheag,(AC) *s. f.* Life.
bitheam, *1st. pers. sing. imp.* of bì. Let me be.
†bitheamhnaoh, see biothanach.
†bitheamhnanta, *a.* Thievish.
bìthean,** *s.m.* Bait.
bitheanach,* *a.* see bitheantà.
bitheanta, *a.* Frequent, continual. 2 Common. 3 Numerous.
bitheanta, *a.* Glutinous, viscous, tenacious, ropy.
————chd,‡‡ *s. f. ind.* Adhesiveness.
bitheantachd,* see bitheantas.
bitheantas, -ais, *s.m.* Frequently happening. 2**Frequency, commonness. 3**Common occurrence. Am *b., frequently, generally.*
bithear, *fut. impers.* of bì. [It] shall be. [ex. under the word "beus."]
bitheara, see bitheanta.
bitheas, *fut. subj.* of bì. see bhitheas.
bìth-eòin, *s.f.* Bird-lime.
bith-gheal,(AC) *a.* Beauteous. A Bhrìghde bhith-ghil ! *thou beauteous Bridget !*
bith-ghràbhadh, -aidh, *s.m.* Cosmography, description of the world.
bithibh, *2nd. pers. pl. imp.* of bì. Be ye. Bithibh coimeas do cheud, *be a match for a hundred.*
bithid, *for* bithidh iad.
bithidh, *fut. ind.* of bì. Shall or will be.
bithidh, *gen. sing.* of biadh.
bithis, see bidhis. 2‡‡Female
bith-labhairt, *s. f.* Talkativeness. 2 Prattling, perpetual talking.
bith-rè, *s. f. ind.* Life-time.
bith-shìor, *a.* see bith-shiorruidh.
bith-shiorruidh, *a.* Eternal, everlasting.
bìth-thalmhuinn, *s.f.* Bitumen.
†bitiorra, *a.* Cheerful, blythe.
bitis, see biatas.
bitse, see bidse.
——ach, see bidseach.
——achd, see bidseachd.
bitsich, see bidsich.
biu,(AC) *a.* see beò.
biùdhas, -ais, see biùthas.
biùg, *s.m.* Difficulty in speech. Cha d'thubhairt i biùg, *she said nothing.*
biùgadh, -aidh, see biogadh.
biùidh, see biùthaidh.
†biùthaidh, -ean, *s.m.* Hero, champion. 2 Foe. 3 Army.
biùthannas, -ais, *s.m.* Enmity.
biùthantas, see biùthas.
biùthas, -ais, *s.m.* Fame, glory, reputation. 2 Good or bad report. 3* Defamation of the worst kind.
biùthasach,* *a.* Defamatory, libellous in the highest degree.
biùthasachd,* *s.f.* Defamation.
†blà, *s.m.* Town, village. 2 Piety, devotion. 3 Green field. 4 Cry, shout. 5 Offspring. 6 Praise.
†blà, *v.a.* Be it enacted.
†blà, *a.* Yellow. 2 Healthy, well. 3 Safe. 4 see blàth.
blabaran, -ain, *s.m.* Stammerer, stutterer.
blabhdach, -aiche, *a.* see bladach.
blabhdair, see bladair & bladaireachd.
————eachd, see bladaireachd.
blac,(AC) *s.m.* Cream. (P bliochd)
†blachd, *s. f.* Word.
blad, -aid, *s.m.* Mouth. 2 Foul or abusive mouth. 3*Wide mouth. 4**Dirty mouth. 5 (AF)Wolf.
——ach, -aiche, *a.* Garrulous. 2 Abusive. 3 Wide-mouthed. 4**Foul-mouthed. 5 Guttural.
——ach,* *s. f.* Female with a large mouth.
bladaidh,(AG) *s.m.* Flatterer.
bladair, -e, -ean, *s.m.* Flatterer. 2 Babbler. 3 Sycophant. 4 Blockhead. 5 Wide mouth. 6(AF)Wolf. 7‡‡Coward. 8**One of the followers of a Highland chieftain.
——, -air, *s.m.* see blanndar.
——eachd, *s. f.* Flattery. 2 Sycophancy. 3 Babbling. 4 Yelling, howling. 5 Cowardice.
bladairt,* *s.m.* see bladaireachd.
bladar,** -air, *s.m.* Flattery. 2 Hypocrisy, dissimulation.
——ach,** *a.* Flattering, coaxing.
bladh, -aidh, *s.m.* Essence. 2 Juice. 3 Substance. 4 Meaning. 5 ‡‡Flattery. 6 Energy. 7 Fame, renown. 8 Garland. 9 ‡‡Shout. 10 Praise. 11 Blow. 12* Pith. 13 see blàth. Is buaine bladh na saoghal, *renown is more lasting than life*—N.G.P.
†bladh, *a* Smooth. 2 Soft.
†——, *s.m.* see bloigh.
†——, *v.* see bloighich.
blàdhach, *a.* see blàthmhor.
——, -aich, *s.m.* see blàthach.
†bladhachd, *s. f.* Crushing, smashing. 2 Crumbling, breaking into pieces.
bladhail, -e, *a.* [‡bladh, *pith*] Strong, forcible, energetic, sappy, pithy, substantial.
bladhair, -ean, *s.m.* see bladair. 2‡‡Blast. 3 (bladh, 7)‡Boaster.
†——, *v.n.* Boast.
——, -e, *a.* Important, momentous, expressive. 2 Substantial. 3 Significant.
————eachd, see blaghaireachd & bladaireachd.
bladhan, see blaoghan.
bladhantas, see blaghaireachd & bladaireachd.
bladhar, see bladair. 2* Substantial, full of meaning, substance, or importance.
bladhastair, -ean, see blaomastair.
————eachd, see blaomastaireachd.
bladh-leabhair, *s.m.* Contents of a book.
bladh-leasgaidh, see blàth-fhleasg.
bladhm, -a, -annan, see blaom.
bladhmadaich, -e, see blaomadaich.
bladhmadh, see blaomadh.
bladhmag, -aig, -an, see blaomag.
†bladhmaich, *s.* Fame, commendation, praise.
bladhmair, -ean, see blaomair.
————eachd, see blaomadaich.
bladhmannach, -aich, -ean, see blaomannach.
bladhmastair, -e, -ean, see blaomastair.
————eachd, see blaomastaireachd.
bladh-shùgh, *s.m.* Elixir.
blad-shròuach, -aiche, *a.* Flat-nosed.
blad-spàgach, *a.* Flat-footed, plain-soled.
†blagaireachd, *s. f.* Blast. 2 Boasting, bluttering, bravado.

blagh, -aigh, see bladh.
†——, *v.a.* Puff, blow. Gaelic spelling of Sc. *blaw*.
blàghach,** *a.* Effectual. 2 Famous, renowned.
——, *s.* see blàthach.
blaghair,** -ean, *s.m.* Blast, puff. 2 Blustering wind. 3 Blusterer, boaster.
——eachd,** *s.f.* Blustering. 2 Boasting. 3 Bravado.
blaghan,(AF) -ain, *s.m.* Whiting, pollack (fish.)
blaghantach, -aiche, *a.* Boastful, blustering.
blaghastair, see bladhastair.
blaghmhanach, -aich, *s.m.* Blustering fellow.
†blai, *s.f.* The womb.
blaidh, -e, -ean, see bloigh.
blaidh-lìn, see braith-lìn.
blaigh, *s.f.* see bloigh.
——deach, *s.f. & a.* bloigheach.
blaighdeachadh, -aidh, *s.m. & pr.part.* see bloigheachadh.
——deachas, see bloigheachas.
blaighdich, see bloighich.
blaigh-lìn, see braith-lìn.
†blainic, see blonag.
†——each, see blonagach.
blais, *pr. part.* a' blasad [& a' blasadh,††] *v.a.* Taste, try by the mouth. 2 Sip. 3 Relish. 'Nuair a bhlais e am fìon, *when he tasted the wine*.
blais-bheum, *s.m.* Blasphemy. 2 Taunt, reproach. 3 Infamy.
——ach, -aiche, *a.* Blasphemous, given to blaspheme.
blaiseagail, *s.m.* / blaiseagraich, } see blaiseamachd.
blaiseamachd,* *s.f.* Smacking with the lips. A' b—, *pr.pt.* of blaiseamaich.
blaiseamaich, *pr. part.* a' blaiseamachd, *v.a.* Smack with the lips. 2 Taste, try.
blaisidh, *fut. aff. act.* of blais.
blàiteachadh, -aidh, *s.m.* Warming. 2 Hatching. 3 Fomenting. 4 Cherishing. 5 Feeling affection for. A' b—, *pr.pt.* of blàitich. A' blàiteachadh nan uighean breaca, *hatching the spotted eggs*.
†blàith, *v.a.* Smoothe, plane, level, polish.
†——, *a.* Smooth, plain, level.
†blaith, *s.* Blossom.
blàithe, *comp.* of *a.* blàth. Warmer, softer, smoother. Warmest, softest, smoothest. Nighean 'bu bhlàithe sùil, *a maid of softest eye*.
blàitheach, / blàitheanach, } ** *a.* Bloomy.
blàithean, -ein, *s.m. dim.* of blàth. Little blossom. 2 *pl.* of blàth. Blossoms.
†blaitheasach, *a.* Smoothed, polished.
blàith-fhleasg, -eisg, -an, *s.f.* see blàth-fhleasg.
——aidh, see blàth-fhleasg.
blàithin, -e, -ean, see blàithean.
blàith-leac, -ic, *s.f.* Polished flag, smooth stone. 2‡‡Pumice-stone.
†blaithmheul,‡‡ *s.f.* Sea-monster.
blàithteachadh, -aidh, *s.m.* see blàiteachadh.
blàitich, *pr.part.* a' blàiteachadh, *v.a.* Warm, heat, hatch. 2 Foment. 3 Cherish.
blanag, see blonag.
——ach, see blonagach.
†blànc,‡‡ *s.m.* Farthing. 2 *properly* Plack (⅓d.)
†blannda, *a.* Gentle, meek, mild.
blanndaidh, *s.m.* Rotten egg.
——, *a.* Rotten, stinking. 2 Stale, as milk. Ubh blanndaidh, *a rotten egg*.
blanndair, *s.m. & a.* see blanndaidh.
blanndar, -air, *s.m.* Cajoling, flattery. 2 Dissimmulation. 3 Hypocrisy. 4 "Blarney."
blaoc, -oic, see blaoch.
†blaoch, *s.f.* Whale.
†blaodh, -aoidh, *s.m.* Shout, loud calling. 2 Breath.
blaodh, *pr.pt.* a' blaodhaich, *v.n.* Cry, shout.
blaodhag, -aig, -an, *s.f.* Noisy female.
blaodhaich, *s.f.* Cry. A' b—, *pr. pt.* of blaodh, Crying.
blaodh-eun, *s.m.* Bird-call.
blaodhmanach, -aiche, *a.* Imprudent, indiscreet. 2 Contemptible. 3 Foolish. 4 Blustering.
†blaodhrach, see blaoghagach.
blaoghagach, -aiche, *a.* Noisy, clamorous.
blaoghan, -ain, *s.m.* The fawn's cry. 2‡Calf's cry. 3 see blaghan. [†† says bladhan.]
blaom,* *v.a.* Stare with the greatest surprise, as when taken unawares. 2 Start.
——, -a, -annan, *s. m.* Flirt. 2 Start. 3 Boast, brag. 4 Blunder.
——adaich, -e, *s. f.* Giddy starting. 2 Stupid outcry. 3 Boasting, bragging. 4 Flirting. 5 Blundering. 6*Habit of staring foolishly.
——adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Foolish excitement. 2 Flush. 3 Loud, senseless talking. 4* Wonderful stare. 5 Starting. 6††Whim. Thug e blaomadh le a dhà shùil, *he stared with both eyes*. A' b—, *pr. part.* of blaom.
blaomag, -aig, -an, *s. f.* Blundering stupid woman.
blaomair, -ean, *s.m.* Blusterer, bragger, swaggerer. 2 Eccentric person. 3*Fellow that stares like a fool. 4*Nonsensical talk.
——eachd, see blaomadaich.
blaomannach, -aiche, *a.* Inconstant, irresolute, variable. 2 Talking incoherently or inconsistently.
——, -aich, *s.m.* Swaggerer, boasting fellow.
blaomastair, -ean, *s.m.* Stupid fellow, dolt, blockhead. 2 Blusterer, bully.
——eachd, *s. f. ind.* Stupid blundering.
†blaor, -aoir, *s.m.* Cry, shout.
†——, *v.n.* Cry.
†blaosg, *s.m.* The skull. 2 see plaosg.
blàr, *gen. sing.* -àir, *n.pl.* -àir, -a, & -an, *s.m.* Plain, field. 2 Ground, floor. 3 White spot on the face of animals, (chiefly applied to cows and horses.) 4*Cow with a white spot on its face. 5 Green. 6 Battle. 7 Battlefield. 8 Peat moss, marsh. An ceud bhlàr a chuir iad, *the first battle they fought* ; a' dol sìos do'n bhlàr, *going down to the battle-field*; fraoch nam blàr, *the rage of battle* ; a muigh air a' bhlàr, *out on the plain* ; 'na shìneadh air a' bhlàr, *stretched on the ground* or *on the floor* ; chaidh e feadh a' bhlàir, *it spilled on the ground* ; sgeadaichear na blàir, *the plains shall be adorned* ; réidh a' bhlàir, *the plain of battle*; thoir am blàr ort ! *away with you !* tha blàr 'na h-aodann, *she (the cow) has a white spot on her forehead*; o'n bhlàr gu 'bhàrr, *from the ground to its top*.
blàr, -àire, *a.* White-faced, having a white forehead (applied to cows and horses.) An t-each blàr, *the white-faced horse*.
blàr,(AH) *v.a.* Chip timber roughly with an axe or adze. 2 Hew a stone slightly.
——adh, -aidh, *s.m.* Blaze, rough chipping of wood. 2AH Rough hewing of stone.
——ag, -aig, -an, *s. f.* White-faced cow or mare. 2**White spot on the face of cattle. An gobhal na blàraig, *between the legs of the white-faced cow*.
——an, -ain, *s.m. dim.* of blàr. Little plain field. 2 Small level spot. 3 Glade. 4†† Little moss.
——as, -ais, -an, *s.m.* White spot on the face of an animal.

blàr-chaob,(AH) *s.m.* Snow-ball fight.
—— -fhlathachd.(AH) *s.m.* Confusion, chaos.
—— -fola,(AH) *s.m.* Place where cattle used to be bled annually.
—— -gealachaidh, *s.m.* Bleaching-field.
—— iachd, see blàr-fhiathachd.
—— -mòine, *s.m.* Peat-moss.
—— -mòna,†† see blàr-mòine.
blas, -ais, *s.m.* Taste. 2 Savour. 3 Flavour. 4 Relish. 5 Particle, the least part. 6 Experience. Am bheil blas air gealagan uibhe ? *is there any taste in the white of an egg ?* cia mìs leam blas do bhriathran ! *how sweet are thy words to my taste !* is don' am blas a th' air, *it has a bad taste* ; cha'n 'eil blas dheth an seo, *there is not a particle of it here* ; tha blas na meal' air do phògan, *thy kisses taste of honey* (*lit.* the taste of honey is on thy kisses);do bheul air blas an t-siucair, *thy lips are as sweet as sugar* ; is fheàrr blas an teine na blas na gainne, *better the taste of fire than the taste of want*—said when food is served very hot ; an déidh na h-uile blas(d), *after all 's said and done.*
blàs, -àis, see blàths.
——achd, *s.f. ind.* Tasting, act of tasting.
——ad, -aid, *s.m.* Tasting, act of tasting. 2 Bit. 2 Drop. Gun am blasad, *without tasting them.* A' b—, *pr.pt.* of blais. [Cha chuala mi blasad dheth—*for* cha chuala mi guth dheth—*lit. I have not heard a taste of it* ; *I have heard nothing of it—Sleat, Skye.* J.M.]
——adh, -aidh, *s.m.* Tasting, act of tasting. A' b—, *pr.pt.* of blais.
——ardaich,* s. *f.* Smacking with the lips. 2 Tasting with a relish.
blasbheum,** *gen.sing.* -bhéim, see blais-bheum.
——————ach,** -aiche, *a.* see blais-bheumach.
blasd, see blas.
blasda, *a.* Delicious, savoury, tasty. 2 Well-tasted. 3 Tasteful. 4* Agreeable. 5 Eloquent. 6**Seasoned. Dean dhomh biadh blasda, *make me savoury meat*; briathran blasda, *eloquent* or *agreeable words.*
blasdachd, *s. f.* Sweetness, savouriness. 2 Tastefulness. 3*Agreeableness.
blasdag, *s. f.* Sweet-mouthed female.
blasd'or, see blasda.
†blasgaoin, s. *f.* Skull.
blasmhoire, *comp.* of blasmhor. More or most sweet.
——————achd, *s. f.* Sweetness. 2 Tastefulness.
——————ad, -eid, *s.m.* Increase of sweetness or savouriness. A' dol am blasmhoiread, *growing more and more savoury.*
blasmhor, -oire, *a.* Savoury, tasty. 2 Sweet. 3 Tasteful.
blas-phòg, -oig, -an, *s. f.* Sweet kiss.
blàtaich, see blàitich.
blàth, -aith, -a, *s.m.* Flower, blossom. 2 Bloom. 3 Foliage. 4 Colour, hue. 5 Fruit. 6 Effect, consequence. 7 Mark, stain. 8 Form, manner. 9 Devotion. 10 Praise. 11 ‡‡Green field. 12‡‡Sea. 13 see blàdh.—Ged nach toir an crann-fige uaith blàth, *although the fig-tree shall not blossom ;* fo làn bhlàth, *in full bloom ;* thig e 'mach mar bhlàth, *he shall come out as a flower* ; bithidh a bhlàth ort, *the* (lit. *its*) *effects will be seen in your case* ; is léir a' bhlàth ort, *the* (lit. *its*) *consequences are obvious in your case* ; daraig a's guirme blàth, *an oak of the greenest foliage ;* blàth a dh'fhuirich air na cupaichean, *the stain that remained on the cups* ; blàth nan deur mu'n tig an dìle, *the drops show by their appearance that a flood is coming* ; blàth fearra-dhris 's a' choilleig, *the hue of the briar-rose in the bud.*
blàth, -àithe, *a.* Warm. 2 Warm-hearted. 3 Pleasant, kind. 4 Affectionate. 5** *rarely* White, clean. Is blàth anail na màthar, *warm is the mother's breath ;* tha e glé bhlàth, *he is affectionate enough* ; smuainte blàth a steach, *warm* (*tender* or *pleasant*) *thoughts within* ; gu bog, blàth, *snug and warm.*
blàthach, -aich, *s. f.* Buttermilk. Deoch blàthaich, *a drink of buttermilk.*
————,** *a.* Efflorescent, flowery.
————adh, -aidh, *s.m.* Warming, fomenting. 2 Cherishing. 3 Hatching. A' b—. *pr.part.* of blàthaich.
————ail,** *a.* Efflorescent, flowery.
†blàthadh, *s.m.* Smoothness. 2 Politeness.
blàthaich, *pr.part.* a' blàthachadh, *v.a.* Warm, foment. 2 Cherish. 3 Hatch. 4**Air. 5** Flower, as a plant. [*thig fo bhlàth* is better.] 6**Polish, smoothe.
————te, *pt. part.* of blàthaich. Warmed, fomented, &c.
blàthaid, *comp. of a.* blàth.
blàth-aigneach,* *a.* Enthusiastic.
†blàthaile, *s.m.* Mark of a wound.
blàthan, -ain, *s.m.* Small flower. 2††Twig.
————ach, *a.* see blàthmhor.
blàthas, -ais, see blàths.
blàth-bhriathrach, -aiche, *a.* Gentle, kind in speech. 2 Mild, affectionate.
—— -buidhe,‡ *s.m.* Dandelion, see bearnan-Brìde.
—— -chainnteach, see blàth-bhriathrach.
—— -chridheach,** *a.* Tender-hearted, affectionate.
—— -fhleasg, -an, *s. f.* Garland *or* wreath of flowers.
—— -fhleasgadh, see blàth-fhleasg.
†blàth-leig, *s. f.* Pumice-stone.
blàth-leighis, *s.m.* Any medicinal plant.
—— -mhaiseach, *a.* In the bloom of beauty.
blath-mhial,(AF) *s.m.* see †bleidh-mhiol.
blàthmhor, -oire, *a.* Blossomy, flowery.
blàth-mhor, -oire, *a.* Warm.
blàth-nam-bodach, -a-, *s.m.* Red poppy, see meilbheag.
—— -obair, -oibre, -richean, *s. f.* Embroidery, variegated needlework.
—— -oibreachadh, -aidh, *s.m.* Embroidering.
—— -oibrich, *pr, part.* a' blàth-oibreachadh, *v.a.* Embroider.
blàths, -àiths, *s.m.* Warmth, heat. 2 Kindliness, affectionate disposition. Thig tlùs agus blàths, *mildness and warmth shall come.*
blàths-inntinn,* *s.m.* Enthusiasm.
†bleachd, see bliochd. 2 Cows.
————air,-ean, *s.m.* Soothing flattering fellow.
————aireachd, *s. f.* Flattery, soothing, cajoling.
bleagh, (‡‡bleaghan) *v.a.* Milk, draw milk. Is ann as a ceann a bhleaghar a' bhò, *you milk a cow just as you feed her* (*lit.* it is from her *head that a cow is milked.* see bleoghainn.
bleaghan, -ain, *s.m.* Dibble used for digging in sand for shell-fish ; also for planting kale. 2 ‡Worthless tool.
bleaghainn, *v.a.* see bleoghainn.
bleanach,(AF) *s. f.* Full-faced cow.
†bleasghanach,** *a.* Emulgent.
bleath, *v.a.*
————ach, -aiche, *a.* } see bleith—.
—— -ghlùineach, -eiche, }
†————mhor, *a.* Fruitful, productive, prolific.
bleid, -e, *s. f.* Impertinence. 2 Requesting, soliciting. 3 Cajoling. 4**Larceny. 5**Envy. 6

spite. 7 Adulation. 8*Importunity.
bleid-chuirm,** *s. f.* Junket.
——each, see bleideil.
——ealachd, see bleidireachd.
——ear,** -eir, *s.m.* see bleidir.
——eil, -e, *a.* Impertinent, troublesome, teazing. 2** Pilfering, thievish. 3** Invidious, spiteful. 4* Begging in a sly way. Fear dubh dàna, fear bàn bleideil, *a black-haired man is bold, a fair-haired man impertinent.*
†bleidh, -e, *s. f.* Cup, goblet.
†——ir, see bladair.
†——mhiol, *s. f.* Whale.
bleidich, *v.a.* Intrude.
bleidir, -e, -ean, *s.m.* Beggar, teazing petitioner. 2 Impertinent fellow. 3 Coward. 4** Pilferer. 5(AF)Wolf. Urram a' bhleidire do'n stràcair, *the sneak's deference to the swaggerer.*
bleidir,¶ *s.m.* Buzzard, see clamhan.
——,* *v.n.* Beg in a genteel way, importune. 2 Tease, trouble.
——each, *a.* Obtrusive.
——eachd, *s. f.* Begging, beggary, solicitation. 2 Impertinence. 3 Obtrusion, intrusion. 4**Thievishness. 5*Importunity. *B.* mholaidh, *impertinent praise.*
bleidir-molach,¶ *s.m.* Rough-legged buzzard—*buteo lagopus.*
—— -riabhach,¶ *s.m.* Honey-buzzard, see clamhan.
—— -tonach,¶ see b— -molach.
†blein, *s. f.* Harbour for boats.
bleith, *pr.pt.* a' bleith, *v.a.* Grind, pulverize. 2 Make meal. Gabh na clachan-muilinn agus bleith min, *take the mill-stones and grind meal.*
bleith, -e, *s.f.* Grinding, pulverizing. A' b—, *pr. pt.* of bleith. Luchd bleith, *grinders, millers.*
——each, -eiche, *a.* Grinding, that grindeth.
——eadh, -eidh, *s.m.* Grinding, pulverizing.
—— -ghluineach, *a.* In-kneed, knock-kneed.
—— -mhiol, see bleidh-mhiol.
——te, *past pt.* of bleith. Ground.
bleodhainn, see bleoghainn.
bleodhan, -ain, *s.m.* Wheel-barrow.
bleodhann, see bleoghann.
bleoghainn, *pr.pt.* a' bleoghann, *v.a.* Milk.
bleoghann, *s. f.* Milking. 2 Act of milking. A' bleoghann a' chruidh, *mi'king the cows*; cuman bleoghainn, *a milk-pail.* A' b—, *pr. part.* of bleoghainn.
bleomhnach,** *s.m.* Sniveller.
bleth, see bleith.
——,(AF) Whale.
†bleun, -a, *s.m.* see blian.
bliadhna, *pl.* -chan, [& -ichean] *s. f.* Year, the space of a year. Eadarseo agus ceann bliadhna, *within a year* ; an ceann bliadhna, *in a year's time;* Bliadhn' a' Phrionnsa, *the common name among Highlanders for 1745-6* (*lit.* the Prince's year) ; bliadhna Chuilfhodair, *the year in which the Battle of Culloden was fought (1746)* ; am bliadhna, *this year ;* a' bhliadhna ùr, *the New Year ;* a' bhliadhn' an àm seo, (bliadhna roimh 'n àm seo- D.M.) *this time last year.* [Generally used in the singular after numerals followed by the plural of other nouns, as, còig bliadhna, *5 years.*]
bliadhnach, -aich, -aichean, *s. m.* Yearling, year-old beast. 2 see blianach.
——, -aiche, *a.* Miserable.
——as,** -ais, *s.m.* Annuity.
—.—ail, see bliadhnail
bliadhna-chàin,** *s. f.* Annuity.
bliadhnachd,* see bliadhna-chàin.
bliadhnail, *a.* Yearly, annual.
bliadhna-leum, *s. f.* Leap-year.
blialum, -uim, *s.m.* Confused speech, stammering.
blian, *pr.part.* a' blianadh, *v. a.* Bask in the sun—*Skye.* 2AC Blanch.
——, -a, *a.* Lean, starved, wanting flesh. 2 Meagre. 3 Insipid.
——, -iain, [& **blein] *s.m.* Flank, groin, belly. Làimh ris a' bhlian, *near the flank.*
——ach, *a.* Miserable. Is blianach Nollaig gun sneachd, *miserable is the snowless Christmas.*
——ach, -aich, -aichean, *s. f* Meagre, tough or lean carcase. 2 Slow, inactive person. 3AC Fish, bird, or beast that has died from want or disease. 4 Exhausted land, or land covered with drift-sand.—*Uist.* 5‡Lean flesh. Leanaidh blianach ris na sràbhan, *lean flesh cleaves to straw,*—said of worthless people who adhere to one another
——adh, -aidh, *s.m.* Basking. A' b—, *pr.part.* of blian.
blianag, (J.M.) *s.f.* Green level spot of land. Is minic a bha sùil-chruthaich air bhadhnag bhòidhich, *a quagmire is often seen on a bonny green level spot*—applied to people whose character looked fair at a distance. A person walking or riding across the country might be tempted to cross the *blianag*, but would soon find himself in a quagmire.
bligh, see bleagh.
†blimh, *s.f.* Spittle. 2 Froth of a dead body.
†blin,‡‡ *s. f.* Eyelashes of a corpse.
blincean,**-ein, *s.m.* Torch, flambeau. 2 Blink.
blinn, see blimh.
blioch,§ see bliochan.
†blioch, *s.f.* see blaoch.
bliochan,*** *s.m.* Corn marigold, see bile bhuidhe.
bliochan,(McL & D., & §) -ain, *s.m.* Bog asphodel, or yellow marsh asphodel,—*narthecium ossifragum.* (illust. 54.)
bliochd, *s. f. ind.* Milk. 2 Milkiness. 3 Produce of cows. 4** Profit arising from selling milk, dairy produce. 5 AC Skimmed milk, sour milk, milk that has lost any of its original character. 6 AC Whey when in the curd. 7 AF Kine giving milk.
——ach, -aiche, *a.* Milky, lacteal. 2 Milk-producing, giving plenty of milk. Chinn an spréidh gu bliochdach, *the cattle became teeming with milk* ; an coire bliochdach, *the milk-producing dell.*
——ar, *a.* see bliochdach.
——arachd,** see bliochdmhorachd.
——as, -ais, *s.m.* Tendency to milk, lactescence.
bliochd-foch dan, *s.m.* Corn milk-plant, see bliochd fochain.

54. Bliochan.

55. Bliochd-fochain.

bliochd-fochain,‖ *s.m.* Corn milk-plant—*sonch*

us arvensis. (illust. 55.)
bliochd-fothannan, Cow milk-plant, see bliochd fochain.
bliochdmhor, see bliochdach.
————achd, *s. f. ind.* Abundance of milk, milkiness.
bliogh, see bleagh.
blionach, -aich, see blianach.
blìonadh,‡ -aidh, *s.m.* Basking.—*Isles.*
†bliosan, -ain, *s.m.* Artichoke, see farrusgag.

56. Bliotsan.

bliotsan,§ *s.m.* Wall lettuce — *lactuca muralis.* Very rare in the Highlands.
blob, *a.* see blobach.
——ach, -aiche, *a.* Blubber-lipped, thick-lipped.
——achd,** *s.f.ind.* Deformity of blubber-lips.
†blobaran, -ain, *s.m.* Stammerer. 2** Blubber-lipped person.
†bloc, *a.* Round, orbicular.
†bloc, bluic, *s.m.* see ploc.
blocadh,** s. *m.* Crack, (noise.)
blocan, -ain, *s.m.* *dim.* of bloc, (for ploc) 2 AF see blaghan.
†blochbharr, *v.a.* Turn in a lathe.
†blochd, *s.* see bliochd.
†blodh, see bloigh.
†blodh, *v.* see bloighdich.
†blodhaire, *s.m.* Battery.
blog, see blocan.
bloide, (*for* bloighdean.)
bloidean ,, ,,
bloidh, see bloigh.
bloigh, -e, -ean, *s.f.* Half or part of anything. 2 see bloighd. Bloigh 'nan cadal, *some asleep.*
bloighd, -ean *&* -ichean, *s.f.* see bloigh. 2 Fragment, splinter. 3 **Share, portion. A shleagh 'na bloighdibh, *his spear in splinters.*
————eachadh, -aidh, *s.m.* Halving, dividing, breaking in pieces. A' b—, *pr.pt.* of bloighdich.
————eachas, -ais, *s. f* Act of dividing
————eag, -eig, -an, *s.f* Little fragment or splinter.
————ean, *pl.* of bloigh. Fragments, splinters.
————ear,** -eir, *s.m.* Battery. 2 Place from which an attack is made.
bloighdich, *pr.pt.* a' bloighdeachadh, *v.a.* Divide, break in pieces, cut asunder
bloighdichean, *pl.* of bloigh.
bloigheach,*a.* In pieces,in halves. 2††Divisible.
————, *s.f.* Part, portion, instalment.
bloigheachadh, -aidh, *s.m. & pr. part.* see bloighdeachadh.
bloigheachas, -ais, see bloighdeachas.
bloigheag, see bloighdeag.
bloigheil, *a.* see bloigheach.
bloighich, *pr.pt.* a' bloigheadh, see bloighdich.
bloing,** *s.f.* Bubble.
bloinigeach,* *a.* Plump, soft, fat.
bloinigean, *s.m.* Any plant with curled or crisped leaves.
————-ghàraidh, *s. m.* Spinach—*spinacia oleracea.*
bloinigein,†† *s.m.* Plump, fat child.
blòmas, -ais, *s.m.* Ostentation, pomp.
————ach, -aiche, *a.* Boastful. 2 Fond of show, ostentatious.
blonag, -aig, *s.f.* Fat, suet, lard.
————ach, -aiche, *a.* Full of suet. 2 Greasy. 3 Abounding in fat.
————aich,** *v.a.* Lard.
blonag-rotha, *s.f.* Coom on a wheel.
†blor, -oir, *s.m.* Noise, loud noise. 2 Voice.
†——ach, -aiche, *a.* Clamorous, noisy.
†——ach, -aich, *s.m.* Clamorous noisy fellow.
†——achan, -ain, *s.m.* see blorach.
†blos, *a.* Manifest, open, plain.
†blosg, *v n.* Sound a horn or trumpet. 2 Explode.
blosg, *s.m.* Congregation. 2‡‡Light.
————ach, -aich, *s.m.* Clown, rustic.
†blosgadh,**-aidh, *s.m.* Congregation. 2 Sound, report.
†blosgair, -ean, *s.m.* Collector.
†blosg-mhaor, Crier at court. 2 Collector.
†blot, *s.m.* Cave, den, cavern.
†blotach, *s.m.* **Cave, den. 2 Cave-dweller.
†blotach,** *a* Full of dens or caverns. 2 Like a den or cavern.
blubach,†† *a.* Stammering.
†bluch, *s.m.* Fatness.
†bluirc, *s.m.* Crumb, crumbs, fragment, fragments.
†bluirid, *a.* Pinched.
blunag, see blonag.
†blusar, -air, *s.m.* Tumult, outcry, noise.
bo ! *int.* Bo ! bo ! word to excite terror in children.
bo ! bo ! *int.* Strange ! wonderful !
bó, *s. f irreg.* Cow. 2**rarely* fawn. Declined thus :—

	Sing.	Plur.
Nom.	bó,	bà,
Gen.	bà,[1] *or* boin	bó
Dat.	boin[2] *or* bó,	bà,
Voc.	a bhó !	

[[1] Correct form of *Gen.* bà, [2] of *Dat.* boin, —J.M.]
bó adhairceach, *a horned cow.*
bó-alluidh, *buffalo.*
bó bhailg-fhionn, *white-bellied cow.*
bó bhainne, *milch-cow.*
bó bhreac, *spotted cow.*
bó bhiadhta,(AG) "*mart,*" *for killing.*
bó cheann-fhionn, *white-faced cow.*
bó chais-fhionn, *white-footed cow.*
bó dhruim-fhionn, *white-backed cow.*
bó ghamhna,(AF) *farrow cow.*
bó gheamhraidh, *winter* "*mart.*"
bó ghlas, *grey cow.*
bó laoigh, *cow in calf.*
bó liath,** *grey cow,*—grey with age.
bó mhaol, *cow without horns. 2 Polled cow.*
bó riabhach, *brindled cow.*
bó sheasg,*cow not giving milk. 2 Barren cow.*
Is minic a bha rath air aona bhó na caillich, *the old woman's only cow has often been lucky.* [Many of the Hebridean blessings and charms for cattle begin "an t-eòlas a rinn Calum-cille dh'aona bhó na caillich," *the charm given by St. Columba for the old woman's only cow.*] Ciùin ris a' bhó is garbh ris an each, *gentle to the cow and harsh to the horse*—supposed to be the proper treatment; dh'fhalbh e leis a bhoin,(JM) *he departed with the cow*; bhuail e am bata air a' bhoin, *he struck the cow with the staff.*
boag, -aig, -an, see bodhag.
bó-alluidh, *s. f.* Buffalo. 2AF Furious ox.
bob, AF *s.m.* Worm, caterpillar destructive to bushes, &c.
bobag,†† -aig, *s.m.* Boy, chum. [Used chiefly in the Vocative case,—a bhobaig! a bhobagain !] 2 Fool—*Caraid nan Gàidheal.*
bobaidh,(AG) *s.m.* "Papa."—*Suth'd.*
boban, -ain, *s.m.* Term of affection for a boy. 2††Godfather, term of contempt. 3 "Papa."
boban,‡ -ain, *s.m.* Bobbin.
†bobeloth, Gaelic alphabet.

†bobgurnach, *s.m.* Blast.
bobh, -a, *s.m.* Fright.
bó-bhainne,(AF) *s. f.* Milch-cow.
†bó-bhaith, *s. f.* Cow slaughter.
†bobhdach, *s.m.* Pimp.
†bobhdag, *s.m.* Bawd.
bobhlaireachd, *s. f. ind.* Bowling.
bobhstair, -e, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *bolster.* (adhart.)
bo ! bo ! ** *int.* Strange ! wonderful !
bobug, see boban.
boc, *s.m.* Deceit, fraud. 2 Blow, box, stroke.
boc, buic, *s.m.* Buck, roe-buck. 2 He-goat. 3AF Entire horse. 4**term of *ridicule* for a fop. Boc-earb, *roe-buck* ; fichead boc, *twenty bucks.*
boc, *pr.part.* a' bocadh, *v.n.* Leap or skip, as a deer or roe.
bòc, *pr.part.* a' bòcadh, *v.n.* Swell, blister. 2** Bloat, puff. 3 Grow turgid. 4* Inflame.
bòc, -a, -an, *s.m.* Pimple, pustule.
bocach, -aiche, *a.* Like a roe-buck. 2 Abounding in roe-bucks. A' Bhealltuinn bhocach, *roe-producing May.*
bòcach, -aiche, *a.* Bluff.
bocadh, -aidh, *s.m.* Skipping, as a deer. 2** Discussion. A' b—, *pr.part.* of boc.
bòcadh, -aidh, *s.m.* Eruption, blister, swelling. 2 Frown. A' b—, *pr.part.* of bòc.
bocaid, *s. f.* Whelk.
†bocaide, †bocaidean,** } *s. f. pl.* Studs or bosses of a shield.
bòcaidh, -ean, *s.m.* Terrifying object.
——— -fhàileag,(AG) *s.f.* Wild rose-berry
bocail, *s. f. ind.* Skipping. 2 Of, or pertaining to, a roe-buck. 3**Ostentation.
bocain, -ein, see boicionn.
bó-cainneal, see bó-choinneal.
bocam ort ! †† *int.* Threat to children.
bòcan, -ain, *s. m.* Hobgoblin, sprite, spectre. 2 Terrifying object, apparition. 3 Larva of insects. 4**Bugbear.
bòcan,†† -annan, *s.m.* Pimple, pustule.
bocan, -ain, *s.m.* see bacan. 2 see bochdan-bearrach. 3 Little buck.
†bocan, *v.a.* Bend, make crooked.
bocanach, -aiche, *a.* Hooked, bent. 2†† Of, or belonging to, little bucks.
bocan-bearrach, see caochag.
bocan-biorach,‡‡ see caochag.
bocan-loin,¶ *s.m.* Snipe, see gabhar-athair.
bocan-rocais, (JGM) *s.m.* Scarecrow.
boc-Bealltuinn,(AF) *s.m.* Wild or unmanageable entire horse, said to be wilder about midsummer.
boc-caol,(AC) *s.m.* (*lit.* a slim buck) Roe-buck.
boc-cluigeineach,(JGM) *s.m.* Bell-wether.
boc-earba, buic-, *s.m.* Roe-buck. Cho luath ri boc-earba, *as swift as a roe.*
boc-guabhar, boc-ghobhar, } see boc-goibhre.
boc-goibhre, buic-, *s.m.* He-goat.
boc glas,(AF) *s.m.* Large dog-fish. 2 Shark.
boch,* *s.m.* Great happiness or joy, rejoicing, ecstacy.—*Isles.*
——, *v.* see boc.
—— ! *int.* Hey day !
bochail, -chala, *a.* Lively, animated. 2 Nimble. 3 Proud, strutting. 4 Showy, ostentatious. 5 Happy, overjoyed.
bochalachd, *s.f.ind.* Liveliness, animation. 2 Pride or dress. 3 Joy, extreme happiness.
bochan, -ain, *s.m.* see bothan. 2(AH) Vain, affected, impudent person.
———achd, (AH) *s.f.ind.* Vanity in dress or manners. 2 Affectation. 5 Folly. 4 Impudence.
———ta, *a.* Turgent.
bòchar,(JM) *s.m.* Mud, as of a cattle fold late in harvest, when the ground is turned into soft mud by the feet of the cattle.
———ach. *a.* Full of mud.
bòchd, *v.n.* see bòc. 2‡‡Bud, spring.
†bochd, *v.a.* see bochdainnich.
bochd, -a, *a.* Poor. 2 Needy. 3 Wretched. 4 Sick, sickly. 5 Sad. 3 Lean, lank. 7 Dear. Ni làmh na leisge bochd, *the hand of laziness maketh poor* ; tha neach ann a leigeas air a bhith bochd, *there is such that pretends to be poor* ; is bochd an gnothach e, *it is a sad affair* ; is bochd nach d'fhuair sinn e, *it is a pity we did not get it* ; an duine bochd ! *the dear creature !* is bochd a thachair dha, *sadly it happened to him* ; tha e gu bochd, *he is sick* ; crodh bochd, *lean cattle* ; is fheàrr a bhith bochd na bhith breugach, *better be poor than false* ; leaghaidh am bròn am bochd anam, (*or* an t-anam bochd), *sorrow melts the miserable.*
bochd, -a, [AC *gen. sing. & n.pl.—Isles.*] *s.m.* The poor, the parish poor. 2 Poor person. Coinnichidh am beartach agus am bochd a chéile, *the rich and poor meet together;* cuid de bhochdaibh na tìre, *some of the poor of the land* ; a' roinn airgiod nam bochd, *distributing the poor's funds* ; am bochd is an nochd, *the poor and the naked*; treabhadh nam bochd, *the tillage of the poor.* [Declined like boc, *buck* in Barra, &c. Is misde na buic a bhi lionar, *the poor are the worse of being numerous* ; na beirt a' dol a suas, na buic a' dol a sios, *the rich going up, the poor going down.*—AC]
†bochd,‡‡ *s.m.* Breach. 2 Fire. 3 Reaping, cutting down.
bòchdadh, see bòcadh.
bòchdail,‡‡ -e, *a.* Tumid, turgid.
bochdainn, *s.f.ind.* Poverty. 2 Trouble. 3 Mischief. 4 Bad luck. 5** Mishap. 6 The Devil. Chuir sin e gus a' bhochdainn, *that reduced him to poverty* ; thàinig e gu bochdainn, *he was reduced to extreme poverty* ; is ann air-san a tha blàth na bochdainn, *he has every sign of extreme poverty about him* ; thig am misgear agus an geòcair gu bochdainn, *the drunkard and the glutton shall come to poverty;* chaidh a' bhochdainn uile ort a nis, *you are in a sad plight now*; thàinig bochdainn an rathad an teaghlaich, *the family was visited with affliction,* or *sickness* ; ciod a' bhochdainn a rug ort ? *what the mischief came over you ?* mar a tha a' bhochdainn an dàn dhomh, *as my bad luck would have it* ; mar a bha a' bhochdainn ann, *as bad luck would have it* ; ann am bochdainn, *in trouble* ; gu'n gabh a' bhochdainn thu ! *plague take you !* teagaisg na bochdainn ! *what a preposterous idea !* leth na bochdainn ! *what a remarkable, dreadful thing !*
bochdainneach,** *a.* Causing trouble, poverty, or misery.
———d, *s.f.* Same meanings as bochdainn.
bochdainnich, *v.a.* Impoverish, make poor, cause poverty.
bòchdan, see bòcan.
bochdan, *n.pl.* of s. bochd. 2 see caochag.
bochdan-bearrach, -aich, ——— -beucach, -aich, ——— -biorrach, -aich, } see caochag.
bochdas, -ais, *s.m.* Poverty, indigence. 2‡‡ Leanness. Bochdas agus beartas, *poverty and riches.*
bochdrach,** -aich, *s.m.* Beggar.
bochduinn, see bochdainn.

†bochnadh, -aidh, *s.f.* The sea, narrow sea, strait. 2 Mouth of a river.
bó-choilleag, *s. f.* Pastoral, rural dialogue. (Gaelic spelling of *bucolic.*)
bó-choinneal,§ *s.f.* Mullein (*lit.* cow's candle) see cuingeal Muire.
†bocht, *s.m.* see †bochd.
boch-thonn, -thuinne, *pl.* -thonnan, *s.f.* Surge, billow, swelling wave.
boch-thonnan, *n.pl.* of boch-thonn.
boch-thuinne, *gen.sing.* of boch-thonn.
bòchuin, (AC) *s. f.* The sea, ocean. 2 Ripple at the bow of a moving boat.
bòchuin, (AC) *s.f.* Swelling, bursting, protruding.
———— -Muire,(AC) *s.f.* (*lit.* the swelling of Mary.) Month of May.
boc-roin, *s.m.* Prawn. 2 Shrimp
boc-ruadh,(AC) *s.m.* (*lit.* red buck) Roebuck.
bocsa, *pl.* -aichean, *s.m.* Box, coffer, trunk, little chest. 2‡‡Blow. Bara bocsa, *a rimmed barrow.*
bocsa,§ *s.m.* Box-tree or plant, see aigh-ban.
bocsach, *a.* Boxen.
————an,‡‡ -ain, *s.m.* (*dim.* of bocsa.) Casket.
bocsadh, -aidh, *s.m.* Boxing.
boc-saic,¶ *s.m.* Snipe, see gobhar-athair
bocsaich, *v a.* Beat, thump, pelt, cuff, buffet.
————ean, *n.pl.* of bocsa.
bocsaid,‡ *s.f.* Thump.
bocsair, -ean, *s.m.* Boxer.
bocsa-na-mionna, *s.m.* Witness-box.
boc-seang, *s.m.* (*lit.* slender buck) Roebuck.
bòcta, *a.* Blown.
bòc-thonn,†† *s.f.* Swelling wave.
————ach,†† *a.* Belonging to swelling waves.
bocum ort ! *int.* see bocaim ort !
bod,‡‡ *s.m.* Mentula, membrum virile. 2 Tail.
boda, (AF) *s.m.* Redshank (bird.)
bodach, -aich, *s.m.* Old *or* churlish man. 2 Rustic, countryman. 3 Sorry fellow. 4 Meanness of spirit, niggardliness. 5 Mutchkin, liquid measure a little less than imperial pint. 6 Spectre. 7 Cod-fish. 8 AF Lesser seal. 9‡‡Familiar term in addressing a youth. 10(JM) *originally* married man without family. Cha'n 'eil e 'na bhodach, *he is not a churl*; bodach uisge-beatha, *a mutchkin of whisky* (half a bottle—the mean man would grudge to buy a whole one. It was "biatach a' bhotuil," the man who divided the bottle among his friends that was praised of old.JM) beiridh na bodaich ort, *the bogies will lay hold of you*; is e a chuireadh am bodach á fear a bhitheadh teann, *it (whisky) would drive meanness out of a miser or churl*; sliob bodach is sgròbaidh e thu, buail bodach is thig e gu 'd làimh, *stroke a churl and he will scratch you, strike him and he will come to your hand*; bodach leth bhaireach, *the half-goal man, the odd one who has to change sides when his side wins, an individual between two bands of players*; gean a' bhodaich—as a bhroinn, *the churl's suavity—off his stomach*—this seems to mean that the churlish, greedy old man is never pleased except when his belly is well filled with good things; is tric a bha suaib chuthaich air leanabh bodaich, *there was often a touch of madness on an old man's child.*
bodachail, -e, *a.* Churlish, boorish, clownish, inhospitable. 2 Slovenly. 3 Like an old man.
bodachan, -ain, *s.m.* Little old man. 2 *in derision* squat young fellow.
bodachas, -ais, *s.m.* Churlishness. 2 Brutality. 3 Ruggedness of manner.
bodach-dubh,§ *s.m.* Children's name for ribwort in Perthshire and Argyllshire. see slàn lus.
bodach-fhleasgaich, *s.m.* Bachelor.
bodach-Gallda,(AH) *s.m.* Lowland (Scotch) farmer, applied irrespective of age.
bodach-gorm,§ *s.m.* Field scabious. see gille-guirmein.
bodach-nan-claigionn,§ *s.m.* Yellow rattle, see modhalan buidhe.
bodach-oidhche,¶ *s.m.* Tawny owl, see comhachag dhonn.
bodach-rocais,(AH) *s.m.* Scare-caow.
bodach-ruadh, -aich-ruaidh, -aich-ruadha,*s.m.* Cod-fish. 2(JM) Codling.
bodag, -aig, -an, *s. f.* Rage, anger, short fit of passion. 2 Yearling calf. 3 Heifer. 4** Bawd.
bodagac, *s.f.* Heifer that wants bulling.
bodagach, *a.* Apt to fly into a passion. 2 Like a heifer. 3 Like a bawd, wanton.
†————d,** *s.f. ind.* Rage, anger. 2 Rage for copulation, furor interinus.
bod-agh,(AF) *s.m.* Heifer fit for breeding.
bodair, -e, -ean, *s.m.* Debauchee.
bodaireachd,** *s. f.* Fornication.
bodan, -ain, *s.m.* Membrum puerile.

57. Bodan.

58. Bodan-coille.

59. Bodan-dubh.

bodan,§ *s.m.* Lesser reed-mace or cat's tail—*typha augustifolia.*
bodan,§ *s.m.* Cat's tail grass *or* timothy—*phleum pratense.* [This has the same name in Gaelic as *typha augustifolia*, as well as *phleum arenarium* and *phleum alpinum.*]
bodan-coille,§ *s. m.* Wood sanicle—*sanicula europœa.*
bodan-dubh,§ *s. m.* Great reed-mace—*typha latifolia.* 2 Yorkshire sanicle (McL & D) Also called cuigeal-nam-ban-sith, *and* bog bhuine, which is not correct.§
bodan-measgain,§ *s.m.* Bog-violet, see lus-a'-bhainne. 2**Butterwort.
†bodar, see bodhar.
bod-chrann, -ainn, *s.m.* Crupper (in harness.)
bod-dà-bhioran, *s.m.* Year-old hart. 2 Kind of sail in a small boat.
bod-dubh-a'-mhùsgain,(AF) *s.m.* Black-skinned spout-fish, pouter fish. 2 Hose-fish.
bodh, see badh.

bodha,* *s.m.* Rock over which the waves break. 2 Breaker over sunken rocks.
bodhag, -aig, -an, *s.f.* Common sandpiper, sea-lark, see luatharan. 2AF Ringed plover. 3 (AG) The bellow one cow gives when gored by another.
bodhaig, -e, -ean, *s. f.* The human body. 2** Skin of the human body. 3††Person. 4(JM) Hulk of a vessel. Òigh a's gioine bodhaig, *a maid of the fairest skin.*
bodhair, *pr. part.* a' bodhradh, *v. a.* Deafen, stun with noise. Cha mhór nach do bhodhair an t-òglach mi le 'raibheiceil, *the fellow almost stunned me with his roaring;* na bodhair mi le d' dhrabhluinn, *do not stun me with your absurdity.*
bòdhair, -aire, *s.m.* Murrain in cattle.
bodhaire, see buidhre.
bòdhan, -ain, *s.m.* The ham, thigh. 2 Breach, seat. 3 Calf of leg. 4‡‡Breast. 5(JM) Part of the belly of man or beast below the navel, abdomen.
bodhar, buidhre [& bodhaire] *a.* Deaf, dull of hearing. 2 Dull, heavy. Ach mar dhuine bodhar cha chluinn mise, *but as a deaf man I do not hear.*
bodhar, -air, *s.m.* Deaf person. Tha na bodhair a' cluinntinn, *the deaf hear;* cluinnidh am bodhar fuaim an airgid, *a deaf man hears the sound of money;* cò a rinn am bodhar? *who made the deaf?* tha na gèidh bodhar a's t-Fhoghair, *the geese are deaf in autumn* (they do not want to hear.)
———ach, -aiche, *a.* Deafening, stunning with noise.
bodhar-chluasail, -e, *s. f.* Dullness in hearing.
†bodh-arfach,‡‡ *s.m.* Destroying of cows.
bodhar-fhead, -a, *s.f.* Dull, heavy sound, as of whistling wind.
———·———ach, -aiche, *a.* Dull sounding.
bodhar-fhuaim, -e, *s.m.* [& *f.*] Slow, heavy, hollow sound.
———·———neach, -eiche, *a.* Dull sounding.
bodhbh, see bobh.
bó-dhearc,‡ *s.f.* Red whortleberry, cowberry, see lus-nam-braoileag.
bòdhrach,** *a.* Infected with the murrain. Bó bhòdhrach, *a diseased cow.*
bodhrach, see bodhar.
bodhrad,** *s.m.* Degree of deafness.
bodhradh, -aidh, *s.m.* Deafening, stunning with noise. Tha mi air mo bhodhradh leat, *you stun me with your noise* or *importunity.* A' b—, *pr.part.* of bodhair.
†boel, *s.f.* Pith of any stalk.
bog,** buig, *s.m.* Marsh, fen, swampy ground.
bog, buige, *a.* Soft. 2 Boggy. 3 Tender. 4 Silly, foolish. 5 Moist, damp. 6 Mellow. 7 Spiritless. 8**Sweet or soft sounding. 9** Timid, effeminate. A ciabh bhog, *her soft hair;* a' Bhealltuinn bhog, *moist* [*showery*] *May;* 'fhir bhuig! *O effeminate man!* le 'ribheid bhuig, *with his soft-sounding reed;* brisidh an theangadh bog an cneadh, *a smooth tongue softens a wound;* brisidh an teanga bhog an cnàimh, *the smooth tongue breaks the bone;* àite bog, *a place where a person or animal is apt to sink;* cha'n 'eil ann ach duine bog, *he is only a chicken-hearted fellow;* gu bog blàth, *snug and warm;* cridhe bog, *a tender heart;* dh'fhalbh e gu bog, balbh, bodhar, *he sneaked away quietly, without a word, tail between legs.*
bog, *pr. part.* a' bogadh, [— a' bogadan & a' bogail] *v.a.* Dip, steep. 2 Move, agitate. 3 Bob. 4 Wag. 5†† see bogaich. Tha'n cù a' bogadh 'earbaill, *the dog wags his tail;* is fhearr an cù a bhogas 'earbaill na'n cu a chuireas dreang air, *better is the dog that wags his tail than the dog that snarls;* 'nuair a bhogadh an dram air, *when the whisky would excite him;* bhogainn anns an allt e, *I would dip him in the burn.*
bogach,** -aich, -aichean, *s.m.* Swamp, quagmire.
bogachadh, -aidh, *s.m.* Softening. 2 Making tender or mellow. 3*Steeping. 4**Making effeminate. 5**Softening into tears. A' b—, *pr.part.* of bogaich. Softening, making timid, &c.
bogachan,¶ *s.m.* Wheat-ear, see brù-gheal.
bogachan,¶ *s.m.* Water-ouzel, see gobha-uisge.
bogadach,** -aich, *s.m.* see bogadaich.
bogadaich, -e, *s.f.* Waving. 2 Shaking. 3 Tremor from heat of passion or impatience. 4** Continued or frequent bobbing, bobbing gesture. 5** Gesture. Anns a' bhogadaich, *bobbing.*
bogadan, -ain, *s.m.* Shaking. 2 Wagging. 3 Bobbing. 4 Waving. 5 Floating, heaving. 6** Fellow who walks with a foppish gait, *in derision.* Tha a' chraobh a' bogadan, *the tree waves.* A' b—, *pr.part.* of bog.
bogadanaich, *s.f.* Continued shaking, wagging, or bobbing.
bogadh, -aidh, *s.m.* Softening, mollifying. 2 Steeping, dipping. 3* Moistening. 4* State of sticking fast in the mire. 5 Wagging, bobbing. 6**Softness, tenderness. 7**Mellowness. Chaidh a' bhó am bogadh, *the cow stuck fast in the mire;* a' bogadh 'earbaill, *wagging his tail;* is mithich a bhith 'bogadh nan gad, *it is time to be steeping the withes,* (This saying meant "it is time to be going," and applied to the time when withes of osier, &c. were used for fastenings of harness. These would become dry and brittle if laid by for a time, and would require steeping for a while before taking to horse.—N.G.P.) A' b—, *pr. part.* of bog.
bogadh-leo, *s.m.* Bumpkin.
bogag,‡‡ -aig, -an, *s.f.* Frost-bitten potato.
bog-a'-ghiogain,** see bog-ghiogan.
bogaich, *pr.part.* a' bogachadh, *v.a. & n.* Soften. 2 Mellow 3 Moisten. 4 Effeminate. 5 Soften or melt into tears. 6 Steep. Bogaich an leathar, *steep the leather.* see bog.
———ear, *fut. pass.* of bogaich. Shall or will be softened.
———idh, *fut.aff. a.* of bogaich. Shall or will soften.
———te, *past part.* of bogaich. Softened, made soft. 2*Moistened.
bogail (a') (AH) *pr.pt.* Bowing, bobbing. A' bogail is a' beiceadh, *bowing and scraping.*
bogainn,* *s.m.* see bogan.
bog-a-loireag, *s.m.* Term of contempt for a long shore sailor.—N.G.P.
bogalta, *a.* Moist, wet, softish, watery.
———chd, *s.f* Tendency to softness or moisture.
bogan, -ain, *s.m.* Anything soft. 2 Egg in embryo. 3 Quagmire, marsh. 4**rarely* Bacon.
boganach, -aich, *s.m.* Simple fellow 2 Bumpkin, booby. 3 Coward. 4‡‡Vegetable frequently used by coopers. Is minig a thàinig boganach á blàthaich, *buttermilk has often bred bumpkins.*
———, (AF) *s.m.* Young puffin. 2 Any young bird.
———d, *s. f.* Softness. 2 Behaviour of a bumpkin.
bog-an-lochain, *s.m.* ¶Water-ouzel, see gobha-uisge. 2(AF) Wheat-ear see brù-gheal.

bog-an-lòin,(AF) *s.m.* Snipe, sandpiper, see cròman-lòin.
bogar, *a.* see bog. 2** Balmy, balsamic. 3** Buttery. 4 Healing.
bogarsaich,* *s.f.* Waving, wagging, bobbing.
bog-bheulach, -aiche, *a.* Soft-mouthed. 2 Mild, kind.
————as, -ais. *s.m.* Soft or timid speaking.
————d, *s.f.* see bog-bheulachas.
bog-bhuine, *s.f.* Bulrush(McL & D, **, & *) This name should not be applied to the reed-mace or cat's-tail—§.
bog-chridheach, -eiche, *a.* Faint-hearted, cowardly, chicken-hearted.

60. Bog-ghiogan.

bog-ghiogan,§ -ain, *s.m.* Sow-thistle, milk-thistle—*sonchus oleraceus.*
bog-ghluasad, -aid, *s.m.* Floating, soft movement.
bog-ghluasdachd, *s. f.* see bog-ghluasad.
†bogh, *v.a.* Bend as a bow.
bogha, -chan, *s.m.* Bow. 2 Bow, bend. 3 Arch. 4 Vault. 5 Rock sunk at sea ("blinder.") 6 Wave called a "heaver. Tha bogh' air, *it has a bend ;* bogha na drochaide, *the arch of the bridge ;* tha bogha mòr air a' bhalla, *the wall has a great bow or bulge* ; mar bhogh' air ghleus, *like a bow on the stretch* ; tha bogh' air a' ghéig, *the branch has a bend in it* ; chuir e 'bhogh' air lagh, *he bent his bow* ; fir bhogha, *archers.*
bogha,* *pr.part.* a' boghadh, *v.a.* Bow, bend.
——— -braoin, *s.m.* Rainbow. Mar *b.* a' soillseachadh, *as a rainbow shining.*
——— -cath, *s.m.* Battle-bow.
——— -cogaidh, -achan-, *s.m.* Battle-bow.
boghadair, -e, -ean, *s.m.* Archer, bowman.
————eachd, *s.f.* Archery.
boghadh, (a') *pr. part.* of bogha.
bogha-drochaide, -achan-, *s.m.* Arch of a bridge.
bogha-fidhle, *s.m.* Bow of a fiddle.
bogha-froise, *s.m.* Rainbow.
boghaich,** *v.a.* Arch.
————te, *past part.* of boghaich. Arched.
boghainn,* *s.f.* The human body. 2 Person. Is ciatach a' bhoghainn duine e, *he is a handsome person ;* nach ann aige a tha a' bhoghainn ! *what a handsome body he has !*
bó-ghamhna, *s.f.* Farrow cow.
bogha-mucag,(AC) *s.m.* Blue hyacinth.
boghan, -ain, *s.m.* see bòdhan.
————, (*for* boghachan, *pl.* of bogha.)
boghar, see bodhar.
bogha-saighde, -achan-, *s.m.* Archer's bow.
boghata,* *a.* Vaulted.
bogha-uisge, *s.m.* Rainbow. 2§ Iris, see seilisdeir.
bòghsdair, *s.m.* Gaelic spelling of *bolster.*
boghta,(DU) *s.m.* Swathe of mown hay or corn.
†boghtainn, *s.f.* Building. 2 Roof, vault.
boghun,** -uin, *s.m.* see bàbhun.
boglach, -aich, -aichean, *s.f.* Quagmire, marsh, morass, bog, swamp. 2 Barrow.
bog-ladhrach, -aiche, *a.* Having soft hoofs or claws.
boglag, *s.f.* Softy.
boglainn, -e, *s.f.* see boglach.
bog-luachair,§ *gen. sing.* -e, & -chrach, *s.f.* Bulrush. see luachair ghòbhlach.
bog-luasgach, -aiche, *a.* Floating, softly moving, waving.
bog-luibh, see bog-lus.
bogluinneach,** *a.* Flabby.
————d,** Flabbiness.

61. Bog-lus.

62. Bog-uisge.

bog-lus,§ *s.m.* Ox-tongue—*helminthia echioides.* [Not *senecio palludocis* as O'Reilly says] 2 Bugloss, see lus teang' an daimh. 3 Viper's bugloss, see lus na nathrach.
bog mhuine,§ Bulrush, see luachair-ghòbhlach.
bogsa, *pl.* -an, -achan, see bocsa.
bogsach, *a.* see bocsach.
bog-uisge,§ *s.m.* Yellow flag or iris—*iris pseudacorus.* [Corruption of *bogh'-uisge.*]
†bogun, *s.m.* Bacon.
†bogur, *s.m.* see bagradh. 2 *q.* see bagair.
†bogus, *for* am fagus.
bòguS, -uis, *s.m.* (& *f.*) Timber moth. 2 Bug.
bòichead, see bòidhichead.
boicheal, -eil, *s.m.* Bottle. Boicheal bainne, *a bottle of milk.—Sutherland.*
boiceanach,**-aich, *s.m.* Small boy of 14 years of age.
boiceann,* *s.m.* see boicionn.
————ach, see boicineach.
————aich, see boicionnaich.
†boichdè, *s.f.* see bochdainn.
boicineach,‖ -eich, *s.f.* Smallpox—*Suth'd.* 2* Shingles, herpes.—*Lewis.* [Preceded by the article *a'*.] 3‡‡see boiceanach.
boicionn, -an, *s.m.* Goat-skin. 2** Hide, skin of any kind.
————aich, *s.m.* Peltmonger.
boicneach,†† *a.* Of, or belonging to, goat-skins.
————adh, -aidh, *s.m.* Thumping or beating a person. 2* Belabouring furiously till the skin blisters. 3** Thrashing. A' b—, *pr.part.* of boicnich.
boicnich, *pr. part.* a' boicneachadh, *v.a.* Skin. 2 Beat, belabour, flog. 3* Chastise till the skin blisters.
bòid, -e, -ean, *s. f.* Vow, solemn promise. 2 Oath, swearing. Bòid ciaraig ris na fearaibh, is bòid nam fear ri ciaraig, *the swarthy maid's vow against the men, and the men's vow against her—never to marry one of them.*
†——, *v.n.* Vow.
boid,** *s.m.* Bottle. 2** *a.* Neat, trim.
†boideach, *a.* Tolerable.
bòideach, -eiche, *a.* Pertaining to a vow. 2 Like a vow.
boideachan,** -ain, *s.m.* Bodkin.
†boideal, *s.m.* Pudding.
bòidean, *n. pl.* of bòid. Bòidean baistidh, *baptismal vows.*
†boideis, *s.m.* Drunkenness.
†boidh, *a.* Neat, tidy, trim, spruce.
bòidhche, *comp.* of *a.* bòidheach.
bòidhche, } see bòidhichead.
bòidhchead, }

†boidhe, see buidhe.
bòidheach, *comp.* bòidhche, *a.* Pretty, beautiful, fair, handsome, comely. 2 Neat. Is ise a's bòidhche. *she is the most beautiful;* cha dean a' ghlòir bhòidheach an t-amadan sàthach, *fine words fill not a fool's belly.*
bòidheachd,* see bòidhichead.
boidheag, *for* buidheag. see lasair-choille.
————an, see buidheagan.
bòidheam,‡‡ *s.m.* Flattery.
†boidheasach, *s.f.* Yellow jaundice.
bòidhiche, see bòidhichead.
bòidhichead, -eid, *s.f.* Beauty, increase of beauty, degree of beauty, handsomeness, elegance. Cha toir a' bhòidhichead goil air a' phoit, *beauty will not boil the pot;* is e do bhòidhichead a leòn mi, *it is thy beauty that has wounded me.*
bòidhicheas,** -eis, *s.m.* Beauty, comeliness. Cha'n e a mheud a *bh.*, *bulk is not beauty.*
†boidhlia, *s.f.* Puddle.
†boidhmhios, *for* buidhe mhìos. (July.)
boidhre, see buidhre.
boidhread, see buidhre.
bòidich, *v. a.* Promise solemnly, vow, swear. 2 Curse. Bhòidich thu bòid do'n Tighearna, *thou hast vowed a vow unto the Lord.*
boidirein, -ein, -ean, *s.m.* Fat, short man.
†boid-reult, *s.f.* Tailed star, comet.
boidsear,* -eir, -earan, *s.m.* Gaelic spelling of *botcher.* 2 Blockhead, stupid fellow.
————achd,* *s.f.ind.* Stupidity, conduct of a blockhead.
†boigbheulachd, *s. f. ind.* Stuttering, stammering.
boige, see buige.
boigean,** *s.m.* Sniveller
bòigear,¶ *s.m* Puffin, ducker, see budhaigir.
†boigeun, see boigrean.
†boigh, *s.f.* Teat, dug. 2**Udder.
†boighe, see buidhe.
bòigheach, see bòidheach.
†boigrean,** -ein, *s.m.* Bulrush, see luachair ghòbhlach. 2 Flummery. 3 Anything flabby.
————ach,** *a.* Abounding in bulrushes. 2 Like a bulrush. 3 Like flummery. 4 Flabby.
————,** -aich, *s.m.* Place where bulrushes grow
†boigshibhin, see boigrean.
boil, see boile.
boil-aighir, *s.m.* Over-joy.
boile, *s.f.ind.* Madness, rage, fury, passion, frenzy. 2 see buil. C'arson a ghabh na cinnich boile? *why did the heathen rage?* a chridhe laiste le boile chatha, *his soul highly inflamed with the fury of battle;* tha e air bhoile, *he is in a great passion;* fear na boile, *the passionate man;* is ann orra sud a bha bhoile! *how mad those people were!*
boileach,** *a.* Apt to fly into a rage, furious. 2 see buileach.
boile (air) *adv.* Mad, raging, distracted.
boile-cuthaich,‡‡ *s.f.ind.* Mania.
boilg, see builg. 2 Bubble. 3 Husks of seeds.
†boilgbhiast, *s.f.* Bellyworm.
†boilgein, see balgan.
bòilich, *s.f.* Idle talk. 2 Vain boasting. 3 Blustering, bombast. 4 Telling lies. 6 Flirtation. 7(DU) Talk of a person whose mind is wandering, as in a fever. 8* Ostentation. Tha e cho làn de bhòilich 's a tha 'n t-ubh de bhiadh, *he is as full of romancing as the egg is of meat (substance);* thoir thairis de d' bhòilich, *stop your romancing.*
boilisg, *s.* Prattling.
†boill, -e, *s.f.* Knob, boss.
†boill-fhada, *for* buill-fhada. Long limbed.
†boillrinn, *s.f.* Ring, circle.
boillsg, -e, -ean, *s m.* Gleam, glare, flash. 2 Effulgence, glitter. 3**Peep. Fo bhoillsg an là, *in the effulgence of day.*
————, *v. n.* Gleam, shine, flash, glitter. 2 Radiate. 3**Peep, look.
————each, -eiche, *a.* Glittering, gleaming, beaming, shining, blazing. 2 Sparkling. 3 **Peeping.
————eachd, *s.f.ind.* Brightness, refulgence. 2* Gaudiness.
————eadh, -eidh, -eidhean, *s. m.* Shining, gleaming, glittering, glaring, flashing, effulgence. 2 Cheering, rousing, lively. 3 Fond of dress, gaudy. A' b—, *pr. part.* of boillsg. Is math an comharra air an t-side shamhraidh, boillsgeadh dearg 'bhi as na soluis fad air falbh, *a good sign of summer weather, when the far away lights have a reddish gleam;* a' boillsgeadh air an t-sliabh, *shining on the mountain.*
†boillsgean, *v.a.* Make round or bulky.
————, -ein, *s.m.* Focus or centre of a fire. 2‡‡Navel. 3 see buillsgean. 4**Mountain.
boillsgeanachd,‡‡ *s.f.ind.* Bulging out.
boillsgeanta, *a.* see boillsgeach.
————chd, see boillsgeachd.
boillsgeil, *a.* Dazzling, flashing, shining, luminous.
†boilrinn, *s.f.* Ring.
boin, *gen.* [*dat.*—JM] *sing.* of bó,
†boineadh, -eidh, *s.m.* Running issue, scrofulous sore. 2 Sprouting, budding.
†boinean, *s.m.* Bud, sprout.
boineanta, see boinneanta.
boineid, -e, -ean, *s.f.* Bonnet. Boineid bhallach, boineid chath-dath, *a tartan bonnet;* is i a' bhoineid bhiorach a ni an gille smiorail, *the cocked bonnet makes the smart lad.* [Boineid is *m.* in Suth'd; boineid biorach, *a Glengarry bonnet.*—AG]
———— -an-losgainn, *s.f.* Brown boletus—*boletus bovinus.* §Also applied to other species of this genus. 2§Puff-ball, see caochag.
————each, *a.* Having bonnets.
————ich,** *v.* Cap.
boineid mhór, *s.f. In Islay* something similar to "struileag," an imaginary boat which was sent from one to another, rhyme accompanying it. It was never sent to a friend, and no one cared to keep it long, if he could not make a verse himself, he must get someone else to make one for him, as it could not be passed on by any other means.—*An t-Eileanach.*
boineid-smachain, *s.f.* Mushroom,—*Aberfeldy,* see balg-losgainn.
boinich,(AC) *v,n.* Vow. Boinichidh mi do Mhoire, *I will vow to Mary.*
boinn, *n.pl.* of bann
boinne, *gen.sing.* of bann
boinne, -achan, [& boinnean—DU] *s.f* Drop of any liquid. 2††Current. Gach boinne, *every drop;* cha'n 'eil boinn' agam, *I have not a drop;* boinne fola, *a drop of blood;* 2 *a name for a woman.*
boinne,‡‡ *adv.* On a sudden.
boinneach,‡‡ -eiche, *a.* Sprouting. 2 Dropping.
boinneadh,‡‡ -eidh, *s.f.* Budding, sprouting. 2 Running sore.
boinneag,** -eig, -eagan, *s.f.* Cake. 2(DU) Small drop.
boinnealaich, -e, *s.f.* Dropping of rain previous to a shower.
boinneanta, *a.* Mild, gentle. 2 Stout. 3 Handsome. 4 Healthy. 5 Well-built.

boinneantachd, *s.f.* Mildness, gentleness. 2 Firmness. 3 Stoutness. 4*Handsomeness.
boinneartaich, see boinnealaich.
boinne-bàn, *s.f.* Acrospire.
boinne-fola ‖ *s.m.* Spotted persicaria. see gluineach mhór. 2‡‡Fair one, beauty.
boinne-liath,(DU) *s.f.* Foreshot, first drops of whisky distilled.
boinne-tàig, *s.f.* Rain-drop.
†boir, *s.m.* Elephant.
boirb, -e, *s.f.* see buirbe. 2‡‡Brow of a ridge.
boirb-bhriathrach, see borb-bhriathrach.
boirbeachd, see buirbe.
boirche, *s.f.* Elk. 2 Buffalo. 3 Thick edge.
boir-chriadh, *s.f.* Certain species of clay.
boirdheach,** *a.* Hyperborean.
†boire,** *s.f.* Hole.
boireal, -eil, -an, *s.m.* Small augur, whimble. 2 Joiner's brace.
boiream,* -eim, *s.m.* Rumour, surmise. 2 Creating hubbub—*Islay.*
———ail,* *a.* Spreading, as a rumour or surmise. 2 Creating great interest.
boireann, see boirionn.
———ach, see boirionnach.
boireanta, *a.* Effeminate. 2 Feminine in *gram.*
boirg,* *s.m.* Little screwed-up mouth.
boirgeach,* -aich, *s.f.* Prating female.
———,* -aiche, *a.* Having a prating mouth.
boirgire,* *s.m.* Fellow with a little screwed up mouth. 2 Tattler.
boiriche, *s.m.* Rising ground, bank.
boirinn,** *s.* Buttock.
boirionn, *a.* Female, of, or belonging to, a female, feminine.
———ach, *a.* see boirionn.
———ach, -aich, *s.m.* Female, woman. *B.* bòidheach, *a pretty woman ;* firionnach is boirionnach, *a male and a female ;* boirionnach eireachdail, *a handsome female.*
boirionnachd, *s.f.ind.* } Muliebrity, woman-
boirionnas, -ais, *s.m.* } hood, effeminacy. 2 **Adultress.
bois, -e, -ean, *gen. sing.* of bos.
boisceall, -eill, *s.m. & f.* Wild man or woman. 2 Hind, deer. 3 Cowardice.
———, -eill, *a.* Uncivilized. Thog thu oirnn gu'n robh sinn boisceall, *you have reported of us that we are savage.*
boiseachd, *s.f.* Palmistry.
boiseag,-eig,-an, *s.f.* Box or slap on the cheek. 2**Slap with the palm of the hand. 3**Little palm. 4††Handful. 5*Palmful of water. Boiseag uisge, *a handful of water.*
———achadh, -aidh, *s.m.* Boxing or slapping on the cheek.
———an, (JM) -ain, *s.m.* Coddle.
boisean,‡‡ see basaidh.
boisean-ionnlaid,‡‡ *s.m.* Washing-basin.
†boiseid, -e, -ean, *s.f.* Belt, girdle.
bòiseid, -e, -ean, *s.f.* Purse, budget.
boisg, *v.n.* see boillsg.
boisge, *s.f.* see boillsgeadh & boillsgeachd.
———ach, *a.* see boillsgeach.
boisgealachd, see boillsgeadh & boillsgeachd.
boisgeanta, see boillsgeach.
———chd, see boillsgeadh.
boisgeil, see boillsgeil.
bois-ghaire, see bas-ghaire.
boisileag,(AC) *s.f.* Palmful. 2 Small palmful of water.
boisteadh,** *s.m.* Tincture.
boiteach, *s.f.* Swampy ground.
boiteadh,‡‡ *s.m.* Boiled food for horses.
boit,‡ *s.f.* Taste for. *prov.*
boiteag, -eig, -an, *s.f.* Cauldron. 2 White worm in dung. 3 Earthworm.
boiteal, -eil, *s.m.* see boitean.
———, -eil, *s.m.* Pride, haughtiness,arrogance.
———ach, -aiche, *a.* Proud, haughty, presumptuous, arrogant.
———aich, see boiteanaich.
boitean, -ein, -eanan, *s.m.* Bundle or wisp of straw or hay. 2(AC) Bottle, pottle. A' call nam boitean, a' cruinneachadh nan sop,*losing the bundles, gathering the wisps.*
———ach, *a.* In wisps or bundles, as hay or straw.
———achadh, (a') *pr. part.* Making straw or hay into bundles.
———aich,* *pr. pt.* a' boiteanachadh, *v.a.* Make into bundles or wisps.
——— mearbhail,** *s.m.* Jack-o'-lantern.
boith,* *s.f.* (*for* both) Cottage, hut.
boitidh ! boitidh !* *int.* Call to a pig.—*Skye & Suth'd.*
boitig, *s.* Carriage, see p. 76.
†bol,** *s.m.* Poet. 2 Art, skill. 3 Cow.
bòl,‡ -òil, *s.m.* Bowl, cup. 2**Crater.
bol, *pr. part.* a' boladh, *v.a.* Smell, scent.
†bolachd, *s.f.ind.* Poetry
boladh, -aidh, *s.m.* Smell, stink, savour. Cha 'n ioghnadh boladh an sgadain a bhi de'n t-soitheach 'sam bi e, *it is no wonder that the herring vessel smells of herring.*—N.G.P.
bòlaich, *s.* Loud speaking. 2(DU)Bombast.
bó-làn,(AF) *s.f.* Full-grown cow.
bó-laan, -a, *s.m.* Cow-house, byre. 2 Fold. 3 ‡‡Ox-stall.
bolanta, *a.* Excellent, consummate, fine, exquisite. Gu bolanta, *exquisitely.*
———chd, *s.f.* Perfection. 2 Exquisiteness.
bó-laoigh, *s.f.* Cow with calf. 2 Milch cow.
bolb, -uilb, *s.m.* Species of worm or caterpillar destructive to bushes.
bolg, -uilg, *s.f.* see balg.
——,‡ *v.n.* see balgaich.
——ach, -aiche, *a.* see balgach.
——ach, -aich, *s.f.* see balgach.
bolgam, -aim, see balgam.
bolgan,* -ain, *s.m.* see balgan. 2**Frock.
bolgan-béiceach, see caochag.
bolgan-beucan,* see caochag.
bolg-an-t-solair, see balg-solair.
bolg-dhubh, -chuibhe, *a.* see balg-dhubh.
bolg-luachair,‖ *s.f.* Bulrush, see luachair ghòbhlach.
bolg-saighead, see balg-shaighde.
—— -séididh, *s.m.* see balg-séididh.
—— -solair, *s.m.* see balg-solair.
†bolguidh, *for* builg.
†boll, *s.m.* Boss of a bridle or gorget.
bolla, *pl.* -chan, [& -ichean,**] *s.m.* Net-, or anchor buoy. 2 Boll (measure of 16 pecks.) 3 ***rarely* Bowl, goblet. Bolla mine, *a boll of meal ;* bolla buntata, *a boll of potatoes.* [*B.* is used in the singular after numerals which otherwise govern the plural.]
bolladh, see bolla.
†bollag,** -aig, *s.f.* Shell. 2 Skull, top of the head. 3 Heifer. 4 (AF)Bullock.
bollan,(AG) *s.m.* Small tub.
bolla-stiùraidh,** *s.m.* Buoy.
†bollog, see ballag.
†bollsair,** *s.m.* Citer, crier. 2 Antiquary. 3 ‡‡Teacher, doctor.
bollsg,* *v.n.* Bluster, babble.
——ach,* *a.* Blustering, boasting.
——ach,* *s.f.* Blustering curious female.
†bollsgair, *v.n.* Proclaim.
† ———, -ean, *s.m.* Antiquary. 2 Herald crier at court. 3 Boaster, blusterer. 2*Bullying fellow.
† ——— -bùird, *s.m.* Grand carver.

bollsgaireachd,* *s.f.* Habit of blustering or swaggering.
bollsganta,* *a.* Blustering, swaggering, bullying.
bolstar, Gaelic spelling of *bolster.*
bolt, built, *s.m.* see balt.
†——adh, *s.f.* Bolt, bar.
——anach, *a.* Rank, olefactory.
†——anas, -ais, *s.m.* Smell, odour, perfume.
†——nigh, *v.a.* Smell.
boltrach, -aich, *s.m.* Scent, smell, odour, perfume. 2 Volume or bolt of smoke, fire, ashes, &c. Oladh agus boltrach, *oil and perfume.*
———, -aiche, *a.* Scented. 2‡‡Smelling, scenting.
———ail, *a.* see boltrach.
———an, -ain, *s.m.* Scent-bottle. 2 Perfume. 3 Nosegay. 4 Spikenard. 5 Perfumer.
———as, -ais, *s.m.* Perfumery. 2 Fragrance. 3††Scent-bottle. 4††Nosegay.
boltraich,** *v.n.* Smell, scent, perfume, aromatize. †2**Chafe. Bholtraich e boladh, *he smelt a smell.*
———te, *past pt.* Aromatized.
†boltrunnachadh,-aidh,*s.m.* Scenting, smelling.
†bolunta, *a.* Refined. 2 Excellent, fine, exquisite.
boma, *s.m.* Bomb.
bomach,†† *a.* Of, or pertaining to, a bomb.
†bomadair, *s.f.* Vomit.
†boman, *v.n.* Boast, vaunt, brag. 2 Exalt.
———,** ain, *s.m.* Boast, bounce.
———ach, *a.* Boasting, vaunting, blustering.
———ach,** *s.m.* Boasting or blustering fellow.
———achd, *s.f.ind.* Habit of bragging, boasting, vaunting or blustering.
bomannach,‡‡ -aiche, *a.* Spotted, chequered.
†bomluchd, *s.f.* Cow and profit.
bonaid, see boineid.
boncait,** -ean, *s.m.* Balk.
bonn, -uinn, *pl.* -uinn & bonnan, *s.m.* Heel. 2 Sole. 3 Foundation, found of house. 4 Pedestal, bottom, base, socket. 5 Coin. 6 Boom of a sail. 7‡‡Good, advantage. 8 Tyre of a cycle. Bonn na bròige, *the sole of the shoe;* cha'n 'eil mi bonn ann ad eisimeil, *I am not the least in your reverence, I do not care a straw for you;* fichead bonn, *twenty sockets;* fichead bonn airgid, *twenty pieces of silver;* bonn na beinne, *the base of the mountain;* fo bhonnaibh 'ur cas, *under the soles of your feet;* bonn leth-chruin, *a half-crown piece;* thug iad na buinn asda, *they took to their heels;* rothan aig gach bonn, *wheels at every base;* a chù ri a bhonn, *his dog at his heels;* á larach nam bonn, *instanter;* thug e buinn dì, *he took to his heels.*
†bonn, *a.* Good.
bonnach, -aich, *s.m.* Cake. (Scot. *bannock.*) Mar is miannaich brù bruichear bonnach, *as the stomach craves the scone is toasted.* [Bannach in *Suth'd*—AG.]
———air, -ean,*s.m.* Wandering greedy beggar.
———aireachd, *s.f.ind.* Practice of a wandering glutton.
———an, -ain, *s.m.* Little cake. 2 That part of a spade on which the foot presses.
bonnach an t-sodail,(AH) (*lit.* the cake of flattery) Dh'ith thu bonnach an t-sodail, *you have eaten the cake of flattery*—said to a child when it manifests an undue amount of friendship for anyone.
bonnach-boise,(AC) *s.m.* Cake made on the palm of the hand.
bonnach-cloiche,(AH) *s.m.* Thick oat-meal cake made on the palm of the hand, and not baked on a griddle but in an upright position before a fire.
bonnag, -aig, -an, *s.f.* Jump, spring. 2 Sole of a shoe. 3 see bannag. 4(DU) Little cake. 'Dol air bhonnaig, *going out as guisers on New Year's eve.*
———ach, *a.* Leaping, bounding, jumping.
bonn-a-h-ochd, *s.m.* Piece of eight (the Spanish *peso duro* or "hard dollar."
†bonnaidhe, *for* buinn.
bonnail, *a.* see borrail.
†bonnainne, *s.m.* Footman, lacquey. 2 Bittern, see corra-ghrian.
†bonnamh, *s.m.* Tribe, family.
bonna-mine,(AF) Bittern, see corra-ghrian.
bonnan, -ain, *s.m.* Little sole. †2 (AF) Bittern, see corra-ghrian.
———ach(AC)*s.m.* Short, stout, well-set man.
bonnan-buidhe,(AF) *s.m.* Heron, see corra-ghlas. 2 Crane, see corra-mhonaidh.
———leana, }
———liona, } (AF) see corra-ghlas.
bonnanta, *a.* see bunanta.
bonn-a-sè, *pl.* buinn- & bonnacha-, *s.m.* Halfpenny sterling (*lit.* a piece of six, *i.e.* six *peighinn* or Scots pence.)
bonn-a-sia, buinn- & bonnacha-, see bonn-a-sè.
bonn-bog, *s.m.* Cushion-tyre (of a cycle.)
bonn'chan, -ain, see bonnachan.
bonnchart, -airt, -an, *s.m.* Balk, land between two ridges.
bonn-chasach, -aiche, *a.* Stout, strong-legged.
bonn-chumadair, -e, -ean, *s.m.* Shoe-last.
bonn-cruaidh, *s.m.* Solid tyre (of a cycle.)
bonn-crùin,†† *s.m.* Crown piece.
bonn-dubh, *s.m.* Heel—*Lewis & Suth'd.* At a' bhuinn-duibh agus bàs an aona mhic, *the swelling of the heel and the death of the only son—equally painful and difficult to bear;* losgadh buinn-duibh, losgadh gu cnàimh, *burning in the heel, burning to the bone* (expressive of the agony of a sore heel.—NGP.
bonn-mhall, *a.* Steady, firm, constant.
bonnsach, -aich, -aichean, *s.f.* Dart, spear, javelin.
bonnsach,(DU) *a.* Steady, firm.
bonnsachd, *s.f. ind.* Leaping, springing, jumping, vaulting.
bonnsaich, *v.n.* Spring, dart, bounce.
bonnsair,** *s.m.* Thrower.
bonn-shuidheachadh, -aidh, *s.m.* Establishing. 2 Getting a firm footing.
bonn-shuidhich, *v.a.* Establish, found. 2 Get or give a firm holding.
bonntach,-aich, *s.f.* The thickest part of a hide, used for shoe-soles.
†bor, *a.* Illustrious, high, noble. 2 Proud. 3 Ostentatious.
†bor, *s.m.* Swelling, pride.
boraisd, see barraisd.
†borb, -uirb, *s.m.* Tyrant, oppressor.
borb,* *v.a.* Enflame, swell.‡‡ 2 Get enraged. Bhorb a chas, *his foot enflamed;* bhorb i 'na aghaidh, *she got enraged against him.*
borb, buirbe, *a.* Fierce, furious, violent. 2 Passionate, raging. 3 Outrageous. 4 Strong. 5 Savage. 6 Turbulent. 7 Cruel. 8 Rude, ignorant. 9‡‡Haughty, proud. O'n iorguill bhorb, *from the fierce contest;* tha 'm fuaim mar an geamhradh borb, *their sound is like the boisterous winter;* nochd an sluagh borb caoimhneas dhuinn, *the barbarous people showed us kindness;* is borb an duin' e, *he is a passionate man;* tha 'n t-amadan borb, *the fool is raging.*
†borba, see borbas.
borbachd, *s.f.ind.* Fierceness, furiousness. 2

Barbarity. 3*Cruelty.
borbadh, -aidh, *s.m.* Raging, swelling. 2 Fierceness. 3 Haughtiness. 4 Enflaming. 5*Enraging, getting furious. Also used for buirbe. A' b—, *pr.pt.* of borb.
borbarra, *a.* Barbarous, wild, fierce, untamed, uncivilized. Gu *b.*, *barbarously.*
borbas, -ais, *s.m.* Strictness 2 Severity. 3 Rigour. 4 Sharpness. 5 Churlishness. 6 Fierceness.
borb-bhriathar,** *s.m.* Barbarism.
borb-bhriathrach, -aiche, *a.* Speaking fiercely or rudely. 2 Vain glorious. 3*Furious.
borb-choigreach,‡‡ -ich, *s.m.* Foreigner.
borbhan, -ain, *s. m.* Murmur, low sound. 2 Purling of a stream. 3**Humming, grumbling, any continued low sound. 4‡‡Noise of a tempest, or 5†† of small stones falling. 'S fhada bhuam fhéin Bealach a' bhorbhain, *far from me is "the defile of murmuring" (name of a place in Trotternish, Skye.)*
———ach, -aiche, *a.* Deep, grave, bass.
———ach,** -aich, *s.m.* Bass in *music.*
———achd, *s.f.ind.* Deepness or bassness of sound.
———aich, *s.f.* Murmuring, grumbling, muttering. 2 Gurgling. Ciod a' *bh.* a th' ort? *what are you grumbling about?*
borbnachadh, -aidh, *s.m.* Incitement, encouragement, instigation. 2 Impulse. 3 Swelling with rage. A' b—, *pr.pt.* of borbnaich.
borbnaich, *pr.pt.* a' borbnachadh, *v. a. & n.* Impel. 2 Heave with anger or indignation. 3 *Enrage. 4††Fester.
borb-ràdh,** *s.m.* Barbarism.
borb-smachdail, *a.* Arbitrary, imperious.
bòrc, *pr.pt.* a' bòrcadh, *v.n.* Spring, sprout, bud. 2 Blossom. 3 Swell. 4 Burst.
——ach, -aiche, *a.* Springing, sprouting, budding. 2 Swelling. 3**Tall. 4††Strutting.
——adh, -aidh, *s,m.* Springing, sprouting, budding. 2 Swelling. A' b—, *pr. part.* of bòrc.
bòrd, bùird, *s.m.* Table. 2 Plank, board, deal. 3 Board (directors or managers of company&c) 4 Boarding. Air bhòrd, *boarded, as a boarder ;* air bòrd, *on board (a ship)* ; cuir air bòrd, *put on board* ; mu 'n bhòrd, *about the table* ; aig ceann a' bhùird, *at the head of the table ;* sgoil-bhùird, *boarding-school ;* sgoil a' Bhùird, *a Board-school* ; tha e fo 'n bhòrd, *he is dead* ; bòrd dà-dhuilleig, *a two-leaved table;* bòrd beulaibh, *the starboard of a ship* ; bòrd cùlaibh, *the port of a ship* ; cuir air 'bhòrd, *board him, send him to a boarding-house ;* cha 'n e am bòrd a theirig dhuit ach am beagan fearainn, *you did not fail because the mould-board gave way, but because the land was too small ;* am bòrd mór uaine, see below.
bòrd, *v.a. & n.* Tack. 2 Board (as a ship.) *Bh.* iad an long, *they boarded the ship.*
bòrdadh, -aidh; *s.m.* Tacking, as a vessel at sea. A' b—, *pr.pt.* of bòrd.
bòrdaich, *v.a.* Plank.
bòrdair, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of **boarder and of ‡‡border.
bòrdaireachd, *s.f.ind.* see bòrdadh.
bòrd-beulaibh, *s.m.* Starboard side of a ship.
—— -chluich, *s. pl.* Billiards—*Forbes' G.Gr.*
—— -cluiche, *s.m.* Billiard-table.
—— -cùlaibh, *s.m.* Port side of a ship.
—— -luathaidh, *s.m.* Waulking-table.
—— -luinge, *s.m.* Deck of a ship.
—— -mór (am), am Bòrd mór Uaine, *s.m.* The Board of Green Cloth, the highest court of appeal. Théid mise gu lagh leis, agus mur faigh mi ceartas cha stad mi gus an ruig mi am Bòrd Uaine an Lunnainn, *I'll go to law with him, and should I not get justice, I will not rest till I bring my case before the Board of Green Cloth in London.*
—— -na-cise, *s.m.* Board of customs or excise.
—— -uachdair,(AH) *s. m.* Lid of a chest or coffin.
—— -uaine, *s.m.* The green table,board of green cloth.
—— -uisge,** *s.m.* Flood-gate.
—— -ùrchrainn, *s.m.* Mould-board of a plough, (bòrd-urchair—* ; bòrd ùrach—AM)
†borg, *s.m.* Tower. 2 Village. 3 House.
borlanachd,†† *s.f.* Compulsory labour for a landlord.
bòrlum, -uim, *s.m.* Sudden evacuation. 2 Strip of arable land. 3 Ridge, acclivity. 4 Royal castle lands in the Highlands. 5‖ Sudden flux of vomiting.
†boroimh, *s.f.* Tribute of cattle.
†borr, -a, *s.m.* Knob. 2 Bunch. 3 Grandeur, pride. 4 Greatness, majesty. 5 Swelling tumour. 6 Curled upper lip. 7 Blubber lip. 8‡‡Elephant.
†borr, *a.* Great, noble. 2 Haughty. 3 Splendid, grand.
†borr, *v.a. & n.* Swell. 2 Become big and proud. 3 Scent, as a dog. 4**Bully. 5**Swagger. 6**Parch.
borrach, -aich, *s.m.* †Great, haughty, or proud man. 2 Projecting bank.
borrach,§ -aich, *s.m.* Mat-grass or moor-grass —*Skye*, see beitein. 2 Borage, see barraisd. 3 Sweet meadow-grass, see mislean.‖
———, *a.* Blubber-lipped. 2††Bullying.
†borracha, *s.m.* Bladder.
borrachas, -ais, *s.f.* Boasting, bullying. 2 Bravado. 3††Blubber-lips.
borradh, -aidh, *s.m.* Swelling. 2 Bravadoing. 3 Parching. 4 Scent, smell—*Skye.* 5††File of soldiers.
†———ach, *a.* Parched. 2 Valiant.
borraidh, *s.f.* Borage, see barraisd.
borrail, -e, *a.* Swaggering, boastful, haughty, proud.
borraileachd, *s. f.* Pride.
borraisd, *s.m.* Borage, see barraisd.
†borral, *s.m.* Brace, pair.
———achd,** *s.f.* see borraileachd.
borran, -ain, *s.m.* Haunch, buttock. 2 Little blubber-lip. 3‡‡see borrach. 4‡‡Anger.
borras, -ais, *s.m.* Protuberance, prominence. 2††Blubber-lip. 3‡‡Solder.
———ach, -aiche, *a.* Blubber-lipped.
borr-fhuaim, *s.m.* Low murmuring noise.
borrghanta, *a.* Swelled, bloated. 2 Pompous. 3 Turgid. 4††Fierce.
borr-shuil, *s.f.* Full round eye.
———each, -eiche, *a.* Full-eyed,round-eyed. 2(AM) Sulky—*Uist.*
†borr-thoradh, *s. m.* Grandeur, magnificence, majesty.
†borruin, see borran.
†borsa,** *s.m.* Purse.
†borsair,** *s.m.* Purser. 2 Bursar.
borsadh,** *s.m.* Bourse.
bos, boise, boisean, *s.f.* see bas.
†bos, *a.* Certain. 2 Abject, low, mean, vile, of low origin.
bos (AH) *a.* Hollow, emitting a hollow sound.
bosag, -aig,-an, *s.f.* Slap on the cheek or mouth. 2 Handful.
———achadh, -aidh, see boiseagachadh.
†bosan, *s. m.* Purse.
bosarguin, *s. f.* †Destruction. 2†† Clapping the hands in grief.
bos-bhuail, see bas-bhuail.
bos-bhualadh, -aidh, *s.m.* see bas-bhualadh.

bòsd, *s.m.* see bocsa.
bòsd, *v.n.* Boast, vaunt.
——, -a, *s.m.* Boast, pride, boasting language. 2 Vain-glory. Am bòsd gun fheum, *the useless boast.*
——ail, -e, *a.* Vaunting, boasting, boastful. 2 Vain. Luchd *b.*, *boasters.*
——air, -e, -ean, *s.m.* Swaggerer, blusterer. 2 Bully. 3 Turbulent noisy fellow.
——alachd,* *s.f.* Boastfulness, vain-glory, swaggering. 2 Romance.
bosdan, -ain, *s.m.* Small box. 2**Basket. 3 (AM) Child's coffin—*Uist.*
bosghaird, see basgaird.
————eachas, see basgairdeachas.
————eadh, *s.m.* & *pr. pt.* see basgairdeadh.
bos-ghaire, see bas-gaire.
boslach, see baslach. 2‡‡Fire. 3‡‡Vault.
bos-luadh, see bas-luaidh.
bos-luaidh, see bas-luaidh.
bos-luath, *a.* see bas-luath.
†————, *s.f.* see bas-luaidh.
bos-mhìn, see bas-mhìn.
————each, *a.* see bas-mhìn.
bosraich, *s.f.* see basraich. 2**Shouting, roaring. 3**Squall, high wind. Mar bhosraich geamhraidh, *like the loud winter gale.*
bòstail, see bòsdail.
bos-uaill, see bas-uaill (appendix)
bòt, -òit, *s.m.* see bòtuinn.
bòt, -a, -an, *s.f.* Vote. **v.n.* Vote.
bot, -a, -achan, *s.m.* Mound. 2 Bothy, house. 3*River bank.
bot, *s.m.* see bod.
†botach, *s.f.* Reedy bog, fen. see bothach.
bòtach, *a.* Wearing boots, booted. Gu sporach, *b.*, *spurred and booted.*
bòtaich,** *v.n.* Boot.
bòtaidh, -ean, *s.f.* Wooden vessel of the size of half an anker (5 or 6 gals.)
†botaigear, -eir, -an, *s.m.* Fork.
bòtair ** -ean, *s.m.* Bootmaker.
bòtais,‡‡ *s.f.* see bòtuinn.
botal, -ail, see botul.
——aich, see botulaich.
†——lach, -aiche, *a.* Violent, furious, turbulent, outrageous.
both, *s.m.ind.* Perturbation. 2 Furious agitation. 3 Declamation. 4 Vehement action of body. A' cur nam both dheth, *in great agitation.*
†both, -a, -an, *s.m.* Cottage, hut, tent, bower, bothie, *now* butt. 2‡‡Shade. 3*Plash.
bothach,** -aich, *s.f.* Marsh, quagmire.
————, -aiche, *a.* Full of tents or cottages.
bothadh,(AG) -aidh, *s.m.* Startling. Chuir e bothadh orm, *he startled me.*
bothag,¶ -aig, *s.f.* Ringed plover, see trileachan-tràighe. 2 see bothan. 3 see bodhag.
——ach,†† *a.* Abounding in huts or booths.
bó-thaigh, -e, -ean, *s.m.* see bàthaich.
bothaireachd,** *s.f.* Prey.
bothan, -ain, *s.m.* Cottage, hut, tent, booth, bower, bothie. Bothan am fasgadh nam fuar-bheann, *a hut in the shelter of the bleak mountains*; rinn e bothain d' a spréidh, *he made booths for his cattle*; mar bhothan a ni am fear-coimhead, *as a booth that the watchman makes*; cha chuir mi bothan air, *I will not conceal it—Uist* (J.M.)
————ach,‡‡ *a.* Bowery, belonging to a cottage.
bothan-àiridhe,(DU) *s.m.* The sheiling.
bothan-faire, *s.m.* Sentry-box.
bòthar,(JM) -air, *s.m.* Soft mud. Rinn iad bòthar dheth, *they made soft mud of it.*
†bothar, -air, -airean, *s.m.* Lane, road, street, avenue, alley, passage.
————, *a.* see bodhar.
botrachan, *s.m.* see bod-chrann.
botrumaid, -e, -ean, *s.f.* Slattern, drab, slut, trull, slovenly woman.
————each, *a.* Drabbish, sluttish.
bòtuinn, -e, -ean, *s.f.* Boot.
————each, *a.* Booted. 2 Thick-legged.
————eachadh, -aidh, *s.m.* Booting.
————ich, *v.a.* Boot, put on boots.
botul, -uil, *s.m.* Gaelic spelling of *bottle.*
——ach, †† *a.* Having bottles. 2 Bottled.
——aich, *pr.pt.* a' botulachadh, *v.a.* Bottle, put into bottles.
————te, *past part.* Bottled.
botulair, see buidealair.
botulan,‡‡ -ain, -an, *s.m.* Small bottle.
botus,‖ -uis, *s.m.* Belly-worm.

63. Botus-each.

botus-each,(D.M.) -uis-, *s.m.* Horse-bot—*gasterophilus equi*,—(an intestinal worm.) [Ill. 63 does not represent *creithleag-nan-each*, which lives on blood of animals, but the fly of botus-each, which does not take any food while in the fly form. It is often called *creithleag* in error. see creithleag.]
bó-ursainn,(AF) *s.f.* Her best cow always taken by the proprietor of old from a newly-made widow.



64. Brà.

65. An dòigh air a' bhrà oibreachadh.

brà, *gen.* bràthan, *pl.* bràthntan, *s.f.* Quern,

handmill. 2†Brow. 3 (AC) Anything round anything that has no end. Is fheairrde brà a breacadh gun a briseadh, *a quern is the better of being picked but not broken*; bonnach bràthan, *a round bannock*; liabag bràthan, *a round flounder.*

We are indebted to Mr. D. Murray (of Lewis) Aberdeen, for the following names of

PARTS OF A QUERN :—

1 A' chlach iochdarach, a' bhrà iosal, *or* a' chlach bhuinn, *the nether stone.*
2 A' chlach uachdarach, *or* a' bhrà àrd, *the upper stone.*
1 & 2 Clachan na bràthan, *the stones.*
3 An dual, *Eye-bar, the cross stick in "eye."*
4 Am mialair, *The bearer, the stick on which the upper stone rests.*
5 An t-aotroman, *Bearing-gear, the stick or wedge that lightens the pressure of the stone on the grain.*
6 An sgonnan, *the handle, by means of which the quern is turned.*
7 Sùil na bràthan, *the eye.*
8 Fiacail, *th tooth.*
9 Bannas, *gum* } The lower side of upper
10 Carbad, *jaw* } stone, and upper side of lower stone.
11 Leth-bhann, leth-bhuinn, *In gear.* A' cur na bràthan air a leth-bhuinn, *putting the mill in working order.* i. e. making one stone to fit the other and to revolve with equal weight on both sides. Chaidh i de a leth-bhann, *it is off one side of the nether* or *sole stone.*
12 Sasag, *large round vessel made of straw, 9in. high and 4ft. in diameter, for holding the meal before sieving.*
13 An loban, *straw vessel smaller than sasag, for keeping the roughest portion of the meal* (garbhann.)
14 An rùsgan, a vessel for holding the husks (cathadh.)
15 Cisean-bafair, a vessel made of sea-bent, from which the quern is fed with one hand while being turned with the other. [Cìsean-mùrain—DM]
16 Craiclonn-bràthan, *Skin spread on the ground under the quern to keep the meal from going on the floor*—"Fionn."

Nos. 12, 13, 14, & 15 are all narrower at the bottom than at the mouth, something after the fashion of a zinc pail. [see muileann.]

braban,§ *s.m.* Purple mealie-grass, see bunglas.
brabhd,* *s.f.* Bandy-leg. 2(CR) Big, clumsy person or thing.
———ach,* *a.* Bandy-legged.
———ach,* *s.f.* Bandy-legged female.
———adh, -aidh, *s.m.* Idle talk, bravado.
brabhdair, *s.m.* Noisy, talkative fellow. 2 Blusterer. 3 Bully. 4 Bandy-legged man.
————eachd, *s.f.* Blustering language, bravado. 2 Swaggering, loud talk. 3 Haughtiness, insolence.
brabhd-chasach, *a.* Bow-legged.
brabhtalachd, see brabhdaireachd.
†brac, -aic, *s.m.* Arm. 2 Shop. 3 *s.f.* Harrow.
‡brac, *v.a. & n.* Break, as with a harrow. 2 Embrace.
brac, AC *a.* Rich, as milk.
bràc, (AC) *s.m.* Curve, curve of a wave immediately before breaking. 2 Bellow, roar of a stag. 3 Branch, applied to antlers of a deer. 4 Reindeer, red deer, fallow deer, deer in general. Ceud bràc bruaill an t-samhraidh, *a hundred reindeer intractable in summer.*
†braca, *s.m.* Breaker, harrow.
bracach, -aiche, *a.* Greyish, white and black.
†bracadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Cabin. 2 Harrow.
bracaille,** -an, *s.f.* Bracelet. 2 Sleeve.
bracairneach, *a.* Greyish, dusky. Mart *b.*, *a black and white faced cow.*
bracan,** -ain, *s.m.* †Broth. 2 Gauntlet, glove. 3 Handcuff.
brach, *s.m.* Bear. 2(AF) Dog. 3**Lippitude.
brach, *pr. pt.* a' brachadh, *v.a. & n.* Ferment, malt. 2‡‡Rot.
bràch, *a.* (Gu bràch, *adv.*) see bràth.
†brach, -aich, *s.m.* Pimple.
bracha, *gen sing.* of braich.
brachach, see brachadh.
brachadair, -e. -ean, *s.m.* Maltman.
brachadh, -aidh, *s.m.* Fermenting, fermentation, malting. 2 Tainting, rotting, putrefying. Grùthan na h-earba gun bhrachadh, *the roe's liver untainted* –N.G.P. A' b—, *pr. pt.* of brach.
brachag, -aig, -an, *s.f.* Pustule. 2‖Stye. 3 Ophthalmia, soreness of the eyes. 4 see brachadh.
————acb, -aiche, *a.* Pimply. 2 Ophthalmic
brachan, -ain, *s.m.* Anything fermented, leaven. 2 Putrefaction. 3*Rubbish.
bràchd, (AC) *s.f.* Putrescence, putrefaction. 2 Effervescence, fermentation. 3 see brùchd.
————, (AC) *a.* Fat, rich. 2 Generous.
†brachd, *s.f.* Drop. 2 Sap, juice. 3 Increase of riches. 4 Reaping, mowing. 5**Hatred.
brachd,* see brachan.
————ach, -aiche, *a.* Substantial, solid, firm.
————ag, -aig, -an, *s.f.* Drab, slut.
brachdlig,(AM) *s.m.* Vile fellow.
brà-cheò, *s.m.* see bràth-cheò.
brach-shuileach, -eiche, *a.* Blear-eyed.
————————d, *s.f.ind.* Blear-eyedness.
braclach, see broclach.
bracuirneach, -eiche, *a,* see bracairneach.
bradach, -aiche, *a.* Thievish. 2 Stolen. 3 Roguish. Measar e mar ni *b.*, *it shall be reckoned as stolen goods*; tha thu cho breugach 's a tha 'n luch cho bradach, *you are as untruthful as the mouse is thievish.*
————,** -aich, *s.m.* Thief.
bradag, -aig, -an, *s.f.* Thievish woman. 2 Term of familiarity used for checking a female. 3 Sly young girl. Ceisd bradaig air breugaig, *ask the thief if I be a liar.*
——— -chàil,** *s.f.* Cabbage-worm.
bradaiche,** -ean, *s.m.* Thief, robber.
bradaidh, *s.m.ind.* Thief, robber. 2 Familiar term of reproof. 3‡‡Rogue. 4 The Devil (*N. High's.*) Saoilidh bradaidh nam bruach gur gadaichean uile càch, *the thief of the braes thinks all others thieves.*
————eachd, see bradalachd.
bradalach, *a.* Thievish. 2 Haughty. Gu *b.*, *haughtily.*
————d, *s.f.ind.* Theft. 2 Pride, arrogance, haughtiness. 3*Trickiness.
bradan, -ain, *s.m.* Salmon 2 Swelling on the skin, ridgy tumour on the surface of the body.
———ach, -aiche, *a.* Full of salmon. 2†† Full of swellings.
——— -bacach, AC (*lit.* halting salmon) *s. m.* Sturgeon.
——— -bràthan, AC (*lit.* round *or* quern-like salmon) *s.m.* Turbot.
——— -breitninn, AC *s. m.* The salmon of knowledge touched by Fionn.
——— -cearr, } (*lit.* left-sided or broad sal-
——— -geàrr, } mon) AC *s.m.* Sturgeon.
——— -leathann, AC (*lit.* broad salmon) *s.m.* Sturgeon. 2AF Halibut. 3 Turbot.—*West of Ross* (CR.)
——— -sligeach, *s.m.* Mullet.

bràdh, see brà.
†——,‡ see bràth.
bradh, *v.a.* Oppress.
bradhadair, -ean, *s.m.* Kindling, fire-wood, fuel. 2 Large fire—*Skye.*
bradhan,** *s.m.* Chatwood.
†bradh-rudh, *s.m.* Ambush.
braduidh, see bradaidh.
†brafal, (brath+foille) *s.m.* Deceit.
brag,(CR) *s.m.* Herd of deer, group of stags or hinds—*A thole.*
brag,* *v.n.* Be infected with an epidemic or contagion.
bragàd** -àid, -an, *s.m.* Gaelic spelling of *brigade.*
bragàdach,** *a.* In brigades.
bragainn,** *s.f.* Bragging, boasting, vaunting. Thòisich e air bragainn, *he began to vaunt.*
————,** *v.n.* Brag, boast. 2 Flourish.
bragair, *s. m.* ‡Leaves of the sea-girdles. 2** Braggadoccio. *In Uist* the seaweed cast ashore in summer, and of which kelp was made—(JM.)
bragaire,§ *s.m.* Barberry (plant)—*Lewis.* 2 (AH)"Topper," an animal belonging to either flock or fold on which its owner bestows exceptional attention in order that it may excel all specimens of its class in the neighbourhood. Rinn thu bragaire de'n ghamhainn ruadh, *you have made a topper of the red stirk.*
————achd, *s. f.* Empty pride, pride above merit, vain-glory, boasting.
bragh, -a, *s.m.* Burst, explosion. 2‡Peal.
———, *a.* see brac.
———achail,** *a.* Purulent.
bràghad, -aid, -an, *s.m.* Neck, throat, windpipe. 2**Back. 3‡‡Breast and upper parts of the body. Lagan a' bhràghaid, *the hollow at the upper part of the breast* ; a bràghad gu sèimh a' soillseachadh, *her neck shining softly* ; rùisgidh brù bràghad, *the belly will strip the neck ;* losgadh bràghad, *the heartburn.*
———, *gen. sing.* of bràighe.
———ach, *a.* Of, or belonging to, a neck or throat, jugular. 2**Having a long neck.
———aich, -e, *s.f.* Crackling, bursting, as in drying of grain. 2 Noise.
braghadh, *s.m.* Purulence. 2 Gore. 3 see bragh. 4‡‡see bràghad.
braghairt, *s.f.* Truss, bundle.
†bragha-ruigheach, see bragha-ruighidh.
†bragha-ruighidh, *s.f.* Gibbet.
bragsaidh, *s.f.* "Braxy," disease among sheep.
†braic, *s.m.* Mouth.
braiceas, -eis, *s.f.* Gaelic spelling of *breakfast.*
braich, bracha, *s.f.* Malt, fermented grain. Àth-bhracha, *a malt-kiln ;* muileann-bracha, *a malt-mill.*
†———, *s.m.* Stag. 2 Buffalo. 3AF Wolf. 4AF Badger.
†braicheam,-eim,*s.m.* Pack-saddle, pannel. 2** Horse-collar.
———eadh, *s.m.* Malting.
†———eamh, *s.m.* see †braich.
———eamhaill, ———eann, ———eas. -eis, } see †braich.
†braicmhias, *s.m.* see braiceas.
†braicne, *s.m.* Cat.
bràid, -e, -ean, *s.f.* Horse-collar, brecham. 2*Collar round a thief's neck.—*Islay.* 3 see bràghad. 4 see bràighe. 5 Mountain, mountainous country. Bràid-chluaisein, *hames* ; bràid phaib, *a horse-collar made of coarse flax.*
braid, -e, *s.f.* Theft. Luchd braid, *thieves* ; saor o bhraid is o antlachd, *free from theft or bad behaviour.*
bràidean, -ein, *s.m.* Little horse-collar. 2 Calf's collar. 3 Thievish fellow.
bràidh, see bràigh.
braidhe,** *s.* Blast, bounce, knack, clap.
braidhin,** *s.f.* see brà.
braidhleag, -ig, -an, see braoileag.
————ach, *a.* see braoileagach.
braidseal, -eil, -an, *s.m.* Hill used as a beacon. *This word is now used for a large fire of any kind, particularly in times of rejoicing. 2 Volley. 3 Broadside, scolding. 'S ann agaibh a tha 'm *b.* ciataich ! *what a fine blazing fire you have !* an ceud *bh.* a leig iad, *the first volley they fired* ; 's iad sud a fhuair am *b., what a scolding they got !*
braigeil,(CR) *a.* Vain, uplifted.—*Arran.*
bràigh,-e, *pl.* dean, & -de, *s. m.(& f.)* Hostage, pledge. 2 Prisoner. Bràighde-gill, *pledges.*
braigh, -e, -dean, *s.m.* Loud report, loud crack or clap. 2 Heavy stroke. 3 Monosyllable. Leig an gunna braigh as, *the gun made a loud report.*
bràigh,* *v.a.* Give a crackling sound, as wood burning, crackle, burst, explode, crash.
bràigh, *gen.sing.*-e & bràghad, *pl.* bràigheachan, *s.m.* The upper part of any thing or place. 2 **Upland country. 3 Cable. 4**see bràghad. 5 see bràid. 6(AH) Chief (upper 3rd. part of shield in *heraldry.*) Bràigh a' chuirp, *the upper part of the breast*; bràigh dùthcha, *the higher parts of a district* ; Bràigh Lochabair, *the braes* (*lit.* upper part) *of Lochaber ;* bràigh an taighe, *the top of the house* ; bràigh a' chroinn, *the mast-head*; bràigh a' ghlinne, *the head of the glen* ; bràigh na leapach, *the top of the bed*; réiteach bràighe, *expectoration* (*lit.* a clearing of the chest,) do bhràigh bhàn, *thy fair bosom* : bràigh na stairsnich, *landing on a staircase.*



63.Bràigh.

bràigh-chrann, *s.m.* Top-mast.
bràighde, *pl.* of bràigh.
————ach, aich, -ichean, *s.f.* Horse-collar.
braighdeachd, *s f. ind.* see braighdeanas.
bràighdean, *pl.* of bràigh.
bràighdean, -ein, -an, *s.m.* see bràidean.
————as, -ais, *s.m.* Bondage, captivity, slavery. Am bràighdeanas, *in captivity.*
†braighdinneach, *a.* Able to obtain or procure.
bràighe, see bràigh. 2‡‡ Means of obtaining.
————ach, -aich, *s.m.* Highlander, mountaineer, specially one belonging to the Braes of Lochaber.
bràigheach,** *a.* Having a long neck. 2 Having a handsome neck. 3 Of, or belonging to, a neck. 4 Uplandish.
braigheach, *a.* Giving a loud report. 2 Explosive.
braigheachan, -ain, -an, *s.m.* Little cable.
braigneachd, *s. m.* Confinement, constraint, imprisonment.
bràighead, -eid, see bràghad.
bràigheadh, *s.m.* Report, explosion, crackling. 2 Blow.
bràigheall,(AF) see broigheal.
†braighean, *s.f.* Debate.
bràigheardaich, *s.f.* Crackling. 2 Blustering, swaggering
bràigh-ghill, *s.m.* The goal, ascendant or pre-eminence. Thug thu bràigh-ghill air na chuala mi riamh, *you surpass everything I ever heard;* tha sin a' toirt bràigh-ghill air a h-uile ni, *that excels everything* ; fhuair e *b.* ort gun taing dhuit, *he got the ascendant in defiance of you.*
bràighid, see bràid.
braighirt,** *s. f.* Bundle.

†braigh-ioslaid, *s.f.* Collar.
bràigh-leab,* *s.m.* The wood roof of a house, sarking.
braighleach,* —*Lewis*, see broilleach.
braighleag, see braoileag.
braighlich,* *v.a.* Make a noise. 2 Crackle. 3 Bluster, swagger.
braighlich,* *s.f.* Noise, crackling. 2 Blustering, swaggering.
bràigh-sheol,* *s.m.* Top-sail.
bràigh-shlat,* *s.m.* Top-sail yard.
braight,* see braidseal.
braightseal,* see braidseal.
†brail, *v.n.* Dismiss. 2 Refuse, reject, slight. 3 Feel.
braile, -ean *s.f.* Heavy rain. 2 Violent sudden eruption. 3 Burst of indignation.
braileadh, -eidh, see braile.
brai'-lìn, see bràith-lìn.
brailis, *s.f.* Wort of ale or beer.
braim, brama, bramannan, [*gen. pl. in Uist* bràm] *s.m.* Crepitus ventris. Mar tha gille mór nam braim, cha'n fhuirich e thall 's cha'n fhuirich e bhos, *like the ne'er-do-weel, he will stay nowhere.*
braimneach, -eiche, *a.* Addicted to f—g.
†brain, *s.m.* Chieftain. 2 Naval commander, captain of a ship. 3 Front, beginning.
†brain, *s.f.* see broinn. 2 see brà.
†——, *a.* Big, bulky. 2 Abundant, extensive.
†——each, -eich, *s.m.* see brain.
†——each, -eiche, *a.* see brain.
braineach,**-nich, *s.m.* Prow of a ship.
brainn, branna, (*for* broinn) see brù. 2* Bulging.
†brais, -e, *a.* see bras. 2‡‡ Jocose. 3 *rarely* Fabulous, inventive.
brais,* *s.f.* Fit, convulsion. Tha na braisean tric, *the fits return often.*
bràisd, see bràist.
bràisdeach, see bràisteach.
braise, *s.f.ind.* Rashness, boldness, impetuosity, fervour, ardour. 2 Wantonness. 3 Rapidity. 4‡‡Fit of sickness. see braisead. *B.* fola is feòla, (*lit.* heat of blood and flesh) *youthful impetuosity.*
braiseachd, see braise.
braisead, -eid, *s. f.* Degree of forwardness, boldness, rashness, impetuousness, fervour, ardour, wantonness. 2 Rapidity.
†braiseagnach, *s.f.* Unjust accusation.
braisealachd, *s.f.ind.* see braisead.
braiseil, -e, *a.* Keen, bold, fervid, impetuous, forward.
braiseineachd, see braisead.
braisiche,(JM) *s.m.* A man of 60 or 70 years of age. I have heard a young woman in Lewis asking for her father of another person say, "am faca tu am braisiche againn ?"
braisionlach,† see braiseagnach.
braisleach, *s.m.* †Full-formed, bulky man. 2 Fat middle-aged man.
†braislead, *s.f.* Gaelic spelling of *bracelet.*
brais-sgeul, -eoil, *s.m.* Feigned narrative, fable, romance.
bràist, -e, *pl.* -ean & -eachan, *s.f.* Brooch. 2** Bracelet. (see illust. 67.)
——each,†† *a.* Abounding in brooches, pertaining to a brooch.
——eachan, -ain, -an, *s.m.* Little brooch.
braistich, *v.a.* Brooch.
†braith, *v.a.* Inspect, oversee.
bràith-bheartach, -aiche, *a.* Vain-glorious, conceited.
†braithcheam, *s.m.* Stag. 2 Wild ox.
braithean, *pl.* of brath.
†braitheoir, *s.m.* Overseer, inspector.



67. Bràistean Gàidhealach.

braith-lìn, *s.f.* Linen sheet, linen cloth.
braithlis, -e, see brailis.
bràithre, *pl.* of bràthair.
——achas, -ais, *s.m.* Brotherhood. 2 Partnership. Cha bhi bràithreachas mu mhnaoi no mu fhearann, *there is no partnership in women or land.*
——achd, see bràithrealachd.
†——ag -eig, *s.f.* Paternal aunt.
——alachd, *s.f.* Brotherhood, brotherly attachment, brotherlinsss, fraternity, unanimity, harmony.
——an, *pl.* of bràthair.
——ich,(DU) *v.a.* Admit to brotherhood (e.g. masonic.). Tha e air a bhràithreachadh, *he has been admitted a brother craftsman.*
——il, -e, *a.* Brotherly. 2 Affectionate. Gràdh bràithreil, *brotherly love;* agus nach do chuimhnich iad an coimh-cheangal bràithreil, *and that they have not remembered the brotherly contract.*
brallach, (AF) *s.m.* Shell-fish.
bram, see braim.
brama, *gen. sing.* of braim.
brama, *a.* Unpolite, uncivilized, boorish. 2‡‡ Unlucky.
bramach, -aich, see bromach.
bramadaich, *s.f.ind.* State of being swelling, blowing up. 2 Repletion.
bramair,** *s.m.* Flatulent fellow, one addicted to f—g. 2 Unpolished fellow, noisy fellow, boor.
braman,‡ -ain, *s.m.* Misadventure. 2 The Devil. 3**Crupper. 4**Croup.
——ach, *a.* see brama.
——ach, -aich, *s. m.* Noisy fellow, boorish fellow.
——achd,** *s.f.ind.* Noisiness, boorishness. 2 Sulkiness.
——nan, *pl.* of braim.
——ta,** *a.* Boorish, unpolished. 2 Sulky.
bramartaich, *s.f.* Frequent f—g, habit of f—g.
bramasag, -aig, -an, *s.f.* Prickly head of a thistle (burdock.) 2‡Cloth-burr. 3 Flatulence. 4 Disaster, betokened by eating the first bread of the season without butter.
bramsag, see bramasag.
†bran, *a.* Poor. 2‡Black.
Bran, -ain, *s.m.* Mountain stream, name of several rivers in the Highlands. 2 Name of

Fionn's dog. 3**Husks of corn, bran. †4 Raven. †5 Rook.
†branar, *s.m.* Fallow ground.
†brancas, see brangas.
†brandair, see branndair.
brandal, ,, ,,
††brandubhan, -ain, *s.m.* Spider's web. 2(AF) Spider.
bran-fhitheach,(AF) -ich, *s.m.* Raven. 2 Rook.
brang, -aing, *s.m.* Horse's halter. 2‡ Slip of wood in the head-stall of a horse's halter resting on the jaw. 3 Horse's collar.
———ach, -aiche, *a.* Snarling, growling. 2 Grinning.

68. Brangas.

———as, -ais, *s.m.* Scold's bridle, used for scolding women in the old days. [It was made of iron, came down over the nose in front and kept their chins from wagging.] 2 Padlock. 3‡‡Halter.
†bran-ghaire, *s.m.* Corpse left in the open air.
brangus, see brangas.
†brann, -ainn, *s.m.* Firebrand, burning coal 2 Woman.
branna, *gen.* of brainn, (*for* bronn) see brù.
———ch, *a.* see bronnach.
———ch, *s.f.* see bronnach.
———ire, *s.m.* see bronnaire.
†brannamh, -aimh, *s.m.* Coat of mail. 2‡‡ Chess-man.
branndaidh, *s.f.* Gaelic spelling of *brandy*. Is mairg a dh'òladh branndaidh! *pity him who would drink brandy!* (*instead of whisky.*)
branndair, -e, -ean, *s.m.* Gridiron.
———each,†† *a.* Pertaining to a gridiron, abounding in gridirons.
brannduidh, see branndaidh.
†brannrach, -aich, *s.m.* Border of a country. 2 ‡‡Pen, fold.
†brannradh, *s.m.* Trivet, pot.
†brannumh, see †brannamh.
branorgain, (AF) *s.m.* Raven. 2 Crow.
†braoch, *s.m.* Confines or border of a country.
braodag,(CR) *s.f.* Huff. Ghabh e braodag, *he took the huff.*
braodhlach, -aich, see braoilich.
braoghal, -il, *s.m.* see breitheal.
———aich, *s.f.ind.* see braoilich.
†braoi, *s.pl.* Eyebrows.
braoidhlich,†† see braoilich.
†braoighill, *v.n.* Crack, crumble.
†———e, *s.f.* Crack, flaw. 2 Heavy shower.
braoileadh, -eidh, -ean, *s. m.* Great noise, bounce. 2‡‡Furious burst of indignation. 3 ‡‡Crack, flaw.
braoileag, -eig, -an, *s.f.* Whortleberry. 2 Bilberry. 3 Cranberry—*Lochaber.* 4 Called by Cameron(?) lus-nam-braoileag, which see. 5 Small pieces of dried peat—*Argyll.*
———ach, *a.* Abounding in whortleberries, &c. Do leacan *b.*, *thy rocks abounding in whortleberries.*
———an, *pl.* of braoileag.
——— -nan-con,** -eig-, -an-, *s.f.* Red bearberry,? see grainnseag. 2**Dogberry, see caor-chon.
braoilich, *s.f.* Loud noise, rattling sound. 2 Violent burst of indignation. Ciod a' bhraoilich a tha 'n sud? *what noise is that?* ciod a' *bh.* a th' ort? *why do you make such a noise?*
braoim, see braim.
braoisg, -e, *s.f.* Grin, gape. 2 Distortion of the mouth, as in contempt. 3 *Yawn. Chuir e *b.* air, *he grinned.*
braoisgeach, -eiche, *a.* Grinning, gaping. 2 Toothless. 3 Broken-edged. 4** Having a a distorted mouth. Fear braoisgeach, *a man with a distorted mouth;* a bhodaich bhraoisgich! *you grinning old man!* an claidheamh braoisgeach, *the broken-edged sword.*
———,* *s.f.* Female with broken teeth. 2 Grinning female.
braoisgean, -ein, *s.m.* Toothless person. 2 One who grins. 3 One with a distorted mouth.
———achd. *s.f.* Habit of grinning.
braoisgeil, *s.f.ind.* Idiotic laughter. 2*Prattling.
braoisgire,* *s.m.* Grinning fellow. 2 One that distorts his mouth in contempt.
braolaid, -e, *s.f.* Raving, dreaming.
braon, -aoin, *s.m.* Drop. 2 Drizzle. 3 Rain. 4 Shower. 5 Dew. Gach braon d' a fhuil, *every drop of his blood;* le braonaibh na h-oidhche, *with the drops of night;* braon nan sìon, *the drizzling of the blast;* bogha nam braon, *the rainbow,* (am bogha-braoin—*Perthshire.*)
braon, *v.a.* & *n.* Drop. 2 Distil. 3 Drizzle.
braonach, -aiche, *a.* Showery, drizzly, rainy, dewy, dropping. 'Sa mhadainn bhraonaich, *in the dewy morn;* an duibhre braonach, *the dewy gloaming.*
———d, *s.f.* Continual drizzling, constant dropping, genial showers, showery weather.
braonan, -ain, *s.m.* The bud of a brier. 2 see braonan-bhuachaille.
———ach,†† *a.* Abounding in earth-nuts, of an earth-nut.
——— -bachlaig,? -ain-, *s.m.* Tormentil or potentil, see leamhnach. 2 Earth-nut, see braonan-bhuachaille.
——— -bhuachaille,§ -ain-, *s.m.* Earth-nut—*bunium flexuosum.*
——— -fraoich,? -ain-, *s.m.* Common tormentil, see leamhnach.
——— -nan-con, *s. m.* Dog-carmillion—*tormentilla erecta.*
braon-bogha,‡‡ -achan-, *s.m.* Rainbow.
——— -dhealt, *s. f.* Heavy dew. *B.* na maidne, *the heavy dew of morn.*
braos, -aois, see braoisg. †2 Prosperity, increase. †3 Lie, romance.
†——ach, -aiche, *a.* see braoisgeach.
——dail,** see braoisgeil.
braosgail, see braoisgeil.
bras, braise, *a.* Rash, impetuous. 2 Keen, active. 3 Bold, intrepid, daring. 4 Brisk, quick, sudden. 5 Hasty. 6 Wanton. 7 Inconsiderate. 8 Ardent, incautious. Bras le d' bheul, *rash with thy tongue (mouth);* each bras, *a mettlesome horse;* bras bhuilleach, *ready in dealing blows;* mar steud-shruth bras, *like an impetuous torrent;* ag ràdh ri 'mhic bhrasa, *saying to his impetuous sons.*
†bras, *s.f.* Hat.
brasach,** *a.* Nimble, lively, sudden.
†bras-asgnaidhe,‡‡ *s.m.* Sophist.
brasailt, *s.f.* Panegyric. 2 Eulogy.
brasaire-bùird, *s.m.* Sycophant, one who subsists by flattery.
bras-bhuilleach, -eiche, *a.* Ready in dealing blows, quick in action, incautious.

bras-bhuinne, *s.f.* Torrent. 2 Strong current. 3 Stormy sea. 4 Whirlpool.
bras-chaoin, -e, *a.* Quick and pleasant.
†bras-chomadh, see †bras-chuma.
bras-chòmhrag, -aig, -an, *s.m.* Ardent fighting. 2 Tilts, tournaments.
†bras-chum, *v.a.* Counterfeit.
†————adh, *s.m.* Counterfeiting.
†bras-fhalt, *s.m.* Hair of the head.
brasgan, -ain, *s.m.* see prasgan.
bras-ghabhail, *s.f.* Quick burning.
bras-ghaille, see bras-ghalladh.
†bras-ghalladh, *s.m.* Declamation.
bras-ghallaimh, see bras-ghalladh.
bras-ghaoir, -e, *s f.* Quick loud noise.
†bras-ghruag, (cas-ghruag) *s.f.* Curled lock, curled hair.
brasguil, see brais-sgeul.
†bras-luidhe, *s.m.* Perjury. Luchd-bras-luidhe, *perjured persons.*
bras-sgeul, -sgeòil, see brais-sgeul.
bras-stròiceadh,‡‡ -eidh, *s.m.* Violent tearing.
†brat,** *s.m.* Judgment.
brat, *gen. sing.* -a, [& brait] *pl.* bratan, *s. m.* Covering, mantle, cloak. 2 Veil. 3 Coverlet, bed-cover, counterpane. 4**Blanket. 5 Curtain. 6*Hair-cloth for a kiln. 7 Apron—*Islay.* 8 Rag. Crochaidh tu am brat, *thou shalt hang the veil* ; agus ghabh iad brat, *and they took a garment* ; brat na h-oidhche, *the mantle of night.*
bratach, -aich, -aichean, *s. f.* Banner, flag, colours, ensign. Bratach shìth, *the fairy flag*, now in Dunvegan Castle, and said to have been brought by the parson of Harris from Constantinople at the time of the Crusades ; a' bhratach mhór aig rìgh nan lann, *the great banner of the king of swords*; bratach àlainn righ nam magh, *the beauteous banner of the king of the plains.*
————, *a.* see bradach.
————ag, -aig, -an, *s.f.* Banneret, pennant.
————ail,‡‡ -e, Bannered.
————d,** *s.f. ind.* Entertainment.
bratag, -aig, -agan, *s. f.* The rough or hairy caterpillar. 2**Rag. 3**Impudent girl. 4**Canker.
————ach, -aiche, *a.* Abounding with hairy caterpillars.
brataich, *v.a.* Kindle, rouse, ferment, excite.
brat-bròin, *s.m.* Mort-cloth.
brat-chasach,** *a.* Bow-legged.
brat-dhearg, *a.* Red-veiled, covered or decked with red.
brat-dìona, *s.m.* Awning.
brat-dubhar, *s.m.* Awning.
brat-falaich,* *s.m.* Cloak. 2**Blind man. Mar bhrat-falach do'n dall, *as a cloak for the blind.*
brat-gnùise, *s.m.* Veil for the face.
†brath, *s.m.* Residue, remnant. 2 Fragment.
brath, -a, *s.m.* Knowledge, notice, informing, information. 2 Treachery, advantage by unfair means, betraying, spying. 3 Treason. 4**Spy. 5 Intention, design. 6 see bràth. 7 Pursuit of information. 7**Expectation. 8 Opinion, idea, guess. 9**Mass, lump. 10**Lie. 11**Dependance. 12 see brà. Am bheil brath aige ? *has he any information ? does he know ?* tha a mhiann air brath a dheanamh ort, *he means to betray you*, or *inform against you* ; ghabh e brath orm, *he took the advantage of me ;* bi air brath, *be in pursuit of information ;* am bheil brath agad c'àit' am bheil e ? *have you any idea where he is ?* 's ann a tha brath amadain agad air, *you take the advantage of him as though he were a fool* ; an d' fhuair thu a bhrath ? *did you get any information of him ?* 's ann aig Dia tha brath, *God alone knows ;* tha e air bhrath, *he is to be found* ; cha bhi am bàrd air bhrath, *the bard shall not be found ;* gun bhrath furtachd, *without expectation of relief* ; cia mar a gheibh sinn brath mar a dh'éireas dhuit ? *how shall we get information of what happens to you ?*
brath, *pr. part.* a' brathadh, *v. a.* Betray. 2 Deceive. 3 Spy. 4 Suppose, guess. 5 Inform against. 6**Design, intend. 7**Entertain an opinion. Brathaidh iad a chéile, *they shall betray one another* ; esan a bhrath e, *he that betrayed him;* a' brath tighinn, *intending to come ;* bha e a' brath mo bhualadh, *he was about to strike me.*
bràth, -a, *s. m.* Judgment. 2 Destruction. [The sense *conflagration* given in the dictionaries is due to Druidic theorisings and is imaginary.—‡] Gu là a' bhràth cha'n éirich Calum, *Malcolm shall not rise again till the day of judgment ;* na tréig mi gu buileach no gu bràth, *do not forsake me utterly nor for ever ;* seachd bliadhna roimh 'n bhràth thig a' mhuir air Eirinn ré aon-thràth, *seven years before the day of judgment the sea at one tide shall cover Ireland ;* cha ghluais e gu cruadal gu bràth, (pron. *gu brach*) *he shall never move to the perils (of war.)*
bràth, *gen.sing.* bràthan, see brà.
bratha, *gen.sing.* of brath.
†brathach, *a.* Constant, continual.
brathadair, -ean, *s.m.* Betrayer, informer. 2 Knave. 3 Traitor. 4 Kindling, ††great fire. 5 Fuel.
brathadh, -aidh, *s.m.* Betraying, spying, informing. 2 Treachery. Luchd brathaidh, *spies.* A' b—, *pr.part.* of brath.
brathaidh, *fut.aff.a.* of brath. Shall betray, &c.
bràthair, *gen.* bràthar, *pl.* bràithrean, (& -re) *s.m.* Brother. Is lag gualainn gun bhràthair, *feeble is the arm of him who has no brother.*
———— -altruim, *s.m.* Foster-brother.
———— -athar, *s.m.* Paternal uncle. Bràthair m'athar, *my paternal uncle.*
———— -bochd, *s.m.* Friar. 2 Poor brother, lay-capuchin.
———— -céile, *s.m.* Brother-in-law, wife's or husband's brother.
———— -céirde,‡‡ *s.m.* Brother-craftsman.
————eachd, see bràithreileachd.
————eachas, } see bràithreachas.
————ealachd, }
————ean, *n.pl.* of bràthair.
————eil, -e, *a.* see bràithaireil.
———— -màthar, *s.m.* Maternal uncle. Bràthair mo mhàthar, *my maternal uncle.*
———— -mhort, *s.m.* Fratricide.
———— -suiridhe,‡‡ *s.m.* Rival lover.
bràthan, *gen.sing. & n. pl.* of brà.
bràthar, *gen. sing.* of bràthair.
bràth-cheò, *s.m,* Bewilderment. Chaidh e 'na *bh., he got bewildered.*
brath-foille, *s.m.* Intention of betraying. 2 Unfair dealing. 3 Unawares. 4*Disguise.
brath-gabhail, *s.m.* Consideration, forethought. 2(AH) Close application. 3(AH) Determined effort. An làn a' tighinn a staigh cho bras air na faodhlaichean gu'n robh feum air brath-gabhail mu'm faigheadh duine thairis orra, *the tide coming in so briskly upon the sandy hollows, that one had to exercise prompt deliberation in making his way over them.*
brath-lìn, see braith-lìn.
bràth-losgadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Furious burning.
brat-làimh,** *s.f.* Hand-towel.
brat-leapach, *s. m.* Counterpane, bed-cover, quilt.

brat-lìn, see braith-lìn.
brat-nasg,‡‡ *s.m.* Brooch, skewer.
brat-roinn, *s.m.* Dividing cloth, partition veil.
brat-sgàile, see brat-gnùise.
brat-spéilidh, *s.m.* Swaddling-cloth.
brat-ùrlair, *s.m.* Carpet.
†bratalian,** Gaelic form of *battalion.*
†bre, *s.m.* Hill, headland.
breab, -a, -an, *s.m.* Kick. 2 Prance. 3 Spurn. 4 Start. 5(AM) Anger—*Reay Country.* Chuir e breab orm, *he made me angry;* bhuail e breab air, *he gave him a kick.*
———, *v.a.* Kick. 2 Spurn. 3 Prance. 4 Stamp with the foot. 5 Reject. 6 Start.
———ach, -aiche, *a.* Apt to kick or prance. 2 Elastic. Each breabach, bròdach, *a prancing strong-hoofed horse.*
———adaich, *s.f.ind.* Kicking. 2 Prancing, bounding. 3 Starting. 4 Stamping.
breabadair, -ean, *s.m.* Weaver. 2 One who kicks. [In Uist "breabadaireachd" was considered the lowest possible calling in which a man could take part. People seemed even ashamed to mention the word "breabadair." They used to say "breabadair, le cead na cuideachd,' *(a weaver, with the company's permission)*; breabadair nan casan loisgt', *the burnt-legged weaver (used as a term of contempt.)*
———————eachd, *s.f.ind.* Trade of a weaver. 2 **Habit of kicking or stamping.
———————ean, *n.pl.* of breabadair.
breabadh, -aidh, *s.m.* Kick, kicking. 2 Prancing, prance. 3 Bounding. 4 Starting. 5 Stamping, stamp of the foot. 6**Spurning. A' b—, *pr.pt.* of breab.
breabail, -e, *s.f.* Kicking. 2 Prancing. 3 Spurning. 4 Stamping. 5 Gurgling noise. Tha na sruthan ri breabail, *the streamlets are gurgling.*
breabain, *gen.sing.* of breaban.
breabair, -smògach, } (AF) *s.m.* Spider.
breaban, -ain, -an, *s.m.* Piece on a shoe-sole. 2 Heel-piece—*Islay.* 3‡‡ Patch on the sole within. 4‡‡Any small piece of leather. 5** Patch on tip of a shoe. 6(DU) Any patch hanging on to, or connected with anything. Di-luain a' bhreabain, *the Monday of chastisement,* when boys were whacked with the sole of a shoe. They were very apt to get into mischief on Sunday, and their parents did not like to chastise them till Monday.
breabanach, -aiche, *a.* Kicking. 2 Prancing. 3 Abounding in shoe-patches. 4‡‡Spurning. 5 Jerking.
———————d,‡‡ *s.f.* Botchery.
breabanaiche, -ean, *s.m.* Shoe-maker. 2 Cobbler.
breaban-deiridh,‡‡ *s.m.* Heel-piece for a shoe.
——— -toisich, *s.m.* Fore-sole for a shoe.
breabartaich,** *s.f.* Jerking. 2 Kicking. 3 Prancing. 4 Spurning.
breac, brice, *a.* Spotted, speckled, chequered, piebald. 2 Marked with small-pox. Breac le neòineanaibh, *chequered with daisies*; each breac, *a piebald horse*; bò bhreac, *a pieba d cow*; fear breac, *a man pitted with the small-pox*; cù breac, *a spotted dog.*
breac, bric, *s.m.* Trout. 2 Salmon-trout. 3** Salmon. 4**rarely* Badger. 5 **Wolf.
breac, brice, *s.f.* The small-pox. [Preceded by the article a' (*bh*—)] 2**Any spotted appearance.
breac, *pr.pt.* a' breacadh, *v.a.* Carve. 2 Chequer. 3 Speckle. 4 Embroider. 5 Set or pick a millstone. 6 Engrave. 7 Cover with flecking. 8‡‡Mix. 9‡‡ Cover with freckles. 10 (DU) Cut turf with a spade preparatory to turning the sod.
———ach,‡‡ -aich, *s.m.* Art or act of fishing for trout.
———ach, -aiche, *a.* Abounding in trout. 2 Pock-marked.
breac-a'-chrnidh, *s.f.* ‖Vaccination. 2 Cow-pox.
breacadan-buidhe-nan-allt,(CR) *s.m.* Yellow wagtail—*West of Ross.* see breacan-buidhe.
breacadh, -aidh, *s.m* Spotting, chequering. 2 Carving. 3 Engraving. 4 Embroidering, ornamenting. 5 Picking a mill-stone. 6 Getting freckled. 7 Getting black and white. 8(DU) Breaking the surface of the ground with any sharp instrument. A' b—, *pr.part.* of breac.
——————— -muiltein, see breac-a'-mhuiltein.
——————— -rionnaich, *s.m.* Dappled sky.
——————— -seunain, see breac-sheunain.
——————— -sianain, see breac-sheunain.
——————— -teine, *s.m.* Shin freckles.
breacag,-aig, -an, *s.f.* Small thin cake. 2 Scone. 3 Pancake. Breacagan neo-ghoirtichte, *unleavened cakes.*
breacaich, *v.a.* Carve. 2 Engrave. 3**Bedrop. 6**Spot, chequer.
———————te, *past pt.* Mixed. 2 Chequered, spotted. 3 Carved. 4 Engraved.
breacain, *gen.sing. & n. pl.* of breacan.
breacair, -e, -ean, *s.m.* Graver (engraving tool.) 2 Engraver (person.)
———————eachd, *s.f.* Employment of an engraver. 2 Chequering, chequer work.
breac-a'-mneanaidh,‡‡ *s.f.* Freckles on the face.
breac-a'-mhuiltein, see breac-a'-mhuiltein.



69. Breac-a'-mhuiltein.

breac-a'-mhuiltein, *s.m.* Dappled sky, kind of clouds known as *cirro-cumulus.*
breacan, -ain, *pl.* -an, [& **-ain] *s.m.* Highland plaid. 2 Tartan. Parti-coloured cloth was used by the Celts from the earliest times but the variety of colours in the *breacan* was greater or less, according to the rank of the wearer. That of the ancient kings had seven colours, that of the druids six, and that of the nobles four. In the days of Martin the tartans seemed to be used to distinguish the inhabitants of different districts, and not the members of different families as at present. He expressly says that the inhabitants of the various islands were not all dressed alike, but that the setts and colours of the various tartans varied from isle to isle. As he does not mention the use of a special pattern by each family, it would appear that such a distinction is a modern one, and taken from the ancient custom of a tartan for each district, the family or clan originally most numerous in each part eventually adopting as their distinctive clan tartan the tartan of such district. Martin's information was not obtained on hearsay, he was born in Skye and reared in the midst of Highland customs.
breacanach, *a.* Tartan. 2 Plaided. Aodach breacanach, *tartan clothes.*
breacanach-féilidh, *s.m.* Belted plaid. This



70. *Breacan singilte mu dhuine.* 70. *Breacan dicbailt uime.*

is the original garb of the Highlanders, and formed the chief part of their costume. The *breacan* in its simple form is now seldom used. It consisted of a plain piece of tartan, two yards in width, and four or six in length. In dressing, this was carefully plaited in the middle, of a breadth suitable to the size of the wearer, and sufficient to extend from one side around his back to the other, leaving as much at each end as would cover the front of the body, overlapping each other. The plaid being thus prepared, was firmly bound round the loins with a leathern belt, in such a manner that the lower side fell down to the middle of the knee-joint and then, while there were the foldings behind, the cloth was double in front. The upper part was then fastened on the left shoulder with a large brooch or pin, so as to display to the best advantage the tastefulness of the arrangement, the two ends being sometimes suffered to hang down, but that on the right side, which was necessarily the longer, was more usually tucked under the belt.—*Logan.*

breacanach, *a.* Plaided, dressed in plaids or tartans.

breac-an-anmoich, *adv.* Rather late, latish.

71. *Breacan-baintighearna.*

breacan-baintighearna,¶ *s.m.* Grey wagtail—*motacilla boarula.*

breacan-beithe,¶ *s.m.* Chaffinch—*fringilla cœlebs.* 2 Linnet (McL & D.) 3AF Green lint white. 4††Species of grass.

72. *Breacan-beithe.*

73. *Breacan-buidhe.*

breacan-buidhe,¶ *s.m.* Yellow wagtail—*motacilla flava.* 2(AF) White, grey, or pied wagtail, see breac-an-t-sil.

74. *Breacan-glas.*

breacan-glas,¶ *s.m.* Spotted fly-catcher—*muscicapa grisola.*

breacan-sgiobalt,¶ *s.m.* Spotted fly-catcher, see breacan-glas.

75. *Breac-an-t-sil.*

breac-an-t-sil,¶ *s.m.* White, grey, or pied wagtail,—*motacilla Yarrelii.* 2 Chaffinch (McL & D., 2nd. Part.)

breacarsaich,* *s.f.* Twilight. 2 Middle state, especially of health.

breac-beachdaidh, see breac-beadaidh.

76. *Breac-beadaidh.*

breac-beadaidh, *s.m.* Loach.

breac-bhallach, -aich, *a.* Spotted, speckled.

breac-bhoiceannach,* *s. f.* Herpes, shingles—*Bute, Cowal & Lochfyneside.*

breac-ceanndac,(AF) *s.m.* Turbot.

breac-chreideamh, *s.m.* Mixed religion.
breac-deamhainn, *s. m.* —*Islay*, see bioran-deamhnaidh.
breac-dhearg, *a.* Spotted with red and some other colour. An tarbh breac-dhearg, *the red and white bull.*

17. Breac-feusagach.

breac-feusagach, *s.m.* Barbel.
breac-fhrangach, *s.f.* The venereal, pox. [Preceded by the article *a'* (*bh*—.)
breac-geal, *s.m.* Salmon-trout.
†breachaoidh, *s.* Indifference.
†breachd, *s.m.* Doubt.
†breachdan, *s.m.* Wheat. 2 Custard. 3 Fresh butter. 4** Fresh meat. 5 see breacan.
breac-iteach,-eiche, *a.* Having spotted feathers. Glacagan nan eun breac-iteach, *the dells of the spotted birds.*
breac-iteag,** -eig, *s.f.* Spotted or speckled feather.
breac-laogh, -aoigh, *s.m.* Fawn. 2 Speckled calf.
————ach, *a.* Abounding in fawns or spotted calves.
breac-liath, *a.* Greyish.
breac-lion, -lin, -liontan [& **-liontaichean] Trout-net. 2 Drag-net. 3 Landing-net.
breac-luirgneach, *a.* Shin-freckled.
breac-mhac,(AF) Magpie, see pioghaid.
breac-mhara, (AF) *s.m.* Mackerel. 2 Roach.
breac-mhuc, *s.m.* Magpie, see pioghaid.
breac-mhuilinn,** see breac-a'-mhuiltein.
breacnachadh, -aidh, *s.m.* Chequering, spotting. 2 Mingling. 3 Embroidery. 4 Variegating. A' b—, *pr.pt.* of breacnaich.
breacnaich, *pr.part.* a' breacnachadh, *v.a.* Chequer. 2 Mix. 3 Make spotted. 4 Embroider.
————te, *a., & past pt.* of breacnaich. Chequered. 2 Made spotted. 3 Parti-coloured. 4 Embroidered.
breac-nam-bò,* *s.f.* Cow-pox.
breac-òtraich,‖ *s.f.* Chicken-pox. [Preceded by the article *a'*.]
breac-rionnaich, see breacadh-rionnaich.
breac-seunain, see breac-sheunain.
breac-shean, *a.* Oldish.
breac-sheunain,‖ *s.f.* Freckles. [Preceded by the article *a'*.]
breac-shith, *s.f.* ‖Chicken-pox. 2 Nettle-rash. 3 Livid spots on the skin of a dying person, 4 Hives (McL & D.) [Preceded by the article *a'*.]
breac-shoillsich, *v. n,* Shine faintly. 2 Glimmer as the twilight.
breac-sholus, -uis, *s.m.* Twilight. 2**Daybreak. 3‡‡Glimmer.
breacta, *past pt.* of breac. Spotted, chequered. 2 Embroidered. 3 Carved. 4 Picked, as a mill-stone.
†breac-ughach,‡‡ *a.* Full of spotted eggs.
breacuich, see breacaich.
†bread, -eid, *s.m.* Breach.
†breadh, see brèagh.
————achd, see brèaghachd.
————as, see brèaghad.
brèag, -éig, *s.f., & v.* see breug.
————ach, -aiche, *a.* see breugach.
————adair, *s.m.* see breugadair.
†brèagadh, see breugadh.
brèagag, see breugag.
brèagaire, -e, -ean, *s.m.* breugaire.
brèagan, see breugan.
†brèagarsaidh, *s.f.* Imagination.
brèag-chràbhadh, *s.m.* see breug-chràbhadh.
brèagh, -a, *a.* Fine. 2 Well-dressed. 3 Splendid. 4 Good-looking. 5 Pretty. 6 Beautiful. 7 Surprising. 8 Showy. 9 Pleasant. 10 Specious. Nighean bhrèagh, *a handsome young woman;* là brèagh, *a fine day;* is brèagh nach d'thàinig thu dhachaidh an àm, *it is surprising you did not come home in time* ; gu brèagh anmoch, *pretty late in the evening*; cia brèagh a snuadh ! *how splendid her appearance !* 'nuair a labhras e gu brèagh, *when he speaks fair* ; trì nithean brèagha : long fo sheòl, craobh fo bhlàth, duine naomh air leabaidh a bhàis, *three beautiful things : a ship under sail, a tree in bloom, a holy man on his death-bed.*
————achd, *s.f.* Finery. 2 Prettiness. 3 Ornament. 4 Showiness. 5 Elegance. 6** Speciousness. A bhrèaghachd, *his ornaments.*
brèaghad, -aid, *s.m.* Beauty. 2 Attire. 3 Ornament. 4 Finery. 5**Showiness.
————aich, *v.a.* Adorn, ornament, embellish. 2 Accomplish.
————aichte,** *past pt.* Accomplished.
†breaghaidh, *s.m.* Enthusiast.
brèaghas, -ais, *s.m.* Finery, ornaments, showiness, gaudiness.
†breaghaslach,** -aich, *s.m.* see breisleach.
†breaghaslaich, see breislich.
brèaghchaid,* *s. f.* Degree of beauty. 2 Superiority in beauty.
†breag-luigh, *v.n.* Forswear, perjure.
†breagnuich, *v.a.* see breugnaich.
brèaghoire, see breugaire.
†breall, -eill, *s.m.* Knob. 2 Knob at either end of the sticks of a flail. 3‡Glans mentulæ. 3**Phymosis.
breallach,(AF) *s.m.* Small hose-fish. 2 (AM) Large cockle-shell.
breallach,** *a.* Having a phymosis, of, or relating to a phymosis.
breallan,** -ain, *s.m.* Vessel.
———— -dubh,‖ *s.m.* Crowberry, see lus-na-fionnaig.
breamain, *gen.sing. & n. pl.* of breaman.
breaman, -ain, -an, *s.m.* Tail of a sheep or goat. 2 Backside, rump. 3* Train. Barr a' bhreamain, *the tip of the tail.*
————ach, -aiche, *a.* Tailed. 2 Like a tail. 3 Of, or belonging to a tail or train.
———— -fuilteach,‖ *s.m.* Piles.
breamas, -ais, *s.m.* Mischief. 2 Mishap, mischance. 3 Fatality. 4‡The Devil. 5*Blunder. Dh'éirich am breamas dhuit, *mischief has happened to you* ; cha leighis aithreach-

as breamas, *repentance cannot remedy a blunder*; ri breamas, *at mischief*.
breamasach, -aiche, *a.* Unfortunate, unlucky. 2 Fatal. 3 Ruinous. 4 Bungling, blundering.
————d, *s.f.* Fatality. 2 Misfortune. 3 Unfortunate state or condition. 4**Liability to mischance.
breamasag, see bramasag.
brèan, -éin, *s. & a.* see breun.
brèanach, brèanadh, brèanan, } see breun—.
†breangal, see brionglaid.
brèantag, brèantas, } see breun—.
†breas, *s.m.* Prince, 2**King. 3 Potentate. 4 Voice. 5 Loud noise, sound.
†———, *v.a.* Reign.
breas, *a.* Illustrious, eminent, great.
———ail,** *a.* Princely, mighty.
†breas-aontaidh, *s.m* The royal assent.
†breas-chathair,-thrach,-thraichean,*s.f.* Throne.
†breas-cholbh, -an, *s.m.* Sceptre.
†breasda, *a.* Principal. 2 Quick. 3 Lively, smart.
†breaslang,** *s.m.* Deceit.
†breas-lann, -ainn, *s.f.* Palace. 2 Court of justice.
†breas-oirchiste, *s.f.* Royal treasury.
†breas-ròd, *s.m.* King's road. Cha'n 'eil breas-ròd gu cé-mheas, *there is no royal road to (easy way to learn) geometry.*
breath, -an, *s.f.* Row, rank, layer, stratum. 2 Flake. 3 Also used for *breith*. 4**Couch. Tri breathan, *three rows.*
†breath,** *a.* Clean, pure, bright. 2 Innocent.
breathach, *a.* In ranks, in rows. 2**Judicial, critical. 3 see breitheach.
breathal, -ail, *s.m.* see breitheal.
————ach, *a.* see breithealach.
————aich, *v.a.* see breithealaich.
breathamh, see breitheamh.
breathanas,* *s.m.* see breitheanas.
breathas,* -ais, *s.m.* Frenzy, extreme fury, flaming wrath. 2††Infatuation. Tha e air bhreathas, *he is frantic*; tha breathas a' chuthaich air, *he is in a frenzy.*
breathnach,** *a.* Judiciary.
————adh,* *s.m.* see breithneachadh.
breathnaich,*v.a.* see breithnich.
†breathnas, *s.m.* Bodkin, skewer. 2 Clasp. 3 Tongue of a buckle.
breice,** (breac) *s.f.* Spots, spottedness, maculation. A bhreice, *his (the leopard's) spottedness.*
†breichneoras, *s.m.* Sculpture.
bréid,* *v.a.* Spread peats—*North High's.* 2‡‡ Wear or deck with the *bréid*, or matron's badge. 3‡‡Patch.
——, -e, -ean, *s.m.* Kerchief, napkin. 2 Sail. 3 Patch, piece of cloth of any kind. 4 Woman's head-dress, consisting of a square of fine linen pinned round the head, and fastened with cords of silk or pins of silver or gold, donned by a woman the morning after her marriage, and regarded as the badge of wifehood. 5(DU) Rag, clout.
bréid-air-tòin, *s.f.* Hen-harrier, ring-tail hawk, mouse-hawk.—*circus cyaneus.*
bréid-an-crannaig,AC *s.m.* "Kertch on props."
bréid bàn,AC *s.m.* White kertch.
bréid beannach,(AC) *s.m.* "Pinnacled kertch."
bréid-broige,‡‡ *s.m.* Shoe-patch.
bréid-bronn, *s.m.* Apron.
bréid-cuailein,AC *s.m.* Hair kertch.
bréid cuimir nan crùn,AC *s.m.* Shapely kertch of the crowns. Bréid cuimir nan tri crùin, *the shapely kertch of the three crowns.*
bréideach, -eiche, *a.* Like a kerchief. 2 Ragged, tattered. 3‡‡Of, or belonging to cloth of any kind. 4**Like a woman's head-dress. 5**White-spreading. Ar siùil *bh., our white-spreading sails.*
————, -ich, *s.f.* (*lit.* woman with the *bréid*) Married woman, matron. Bha mi 'nam bhréidich, 'nam ghruagaich is 'nam bhantraich 'san aon àm, *I was a married woman, a virgin and a widow at the same time.*
bréideachag,AC see bréideag.
bréideadh, -idh, *s.m.* Dressing of the head. 2 Attiring, clothing. 3 Adjusting the badge of matron. 4 Patching.
bréideag, AC *s.f.* (*lit.* Little woman of the *bréid*) Wife.
bréidean, -ein, -einean, *s.m.* Little rag. 2 Clout 3 Coif. 4 Web of frieze.
bréidean, *n.pl.* of bréid.
bréidear,‡‡ -eir, -an, *s.m.* Botcher.
bréid geal, *s.m.* White head-dress.
bréid-gheal, -ile, *a.* White-sailed. 2 Having a white handkerchief or napkin. Boirionnach *b., a female with a white head-dress*; laingeas bréid-gheal, crannach,*a white-sailed, high-masted ship.*
bréidich, *v.a.* Patch.
bréid-shoithichean, *s.m.* Dish-clout.
bréid-uchd, *s.m.* Stomacher. 2 Bib.
†breife, †breifne, } ‡‡s. Finger-, or-toe-nail. 2 Hole.
†breifneach, *a.* Full of holes.
†————, *s.m.* Rustic, boor.
bréig, *s.f.* ——, *v.a.* } see breug.
†——, *s.m.* Rustic, boor.
bréig-chiabh, see breug-chiabh.
————adair, -e, -ean, see breug-ch——.
bréige, *gen.sing.* of breug. Beul na bréige, *the lying mouth.*
bréige, *s.f.* see breug.
†breigeadh, -eidh, *s.m.* Violating, abusing.
bréig-fhios, -a, *s.m.* see breug-fhios.
————ach, *a.* see breug-fhiosach.
†bréignich, *s.m.* Fiction.
bréig-riochdaich, see breug-riochdaich.
†breileach, see braoilich.
†breileadh, see braoileadh.
breill, *gen.sing.* of breall.
breilleis, *s.f.* Delirium, raving.
————each, *a.* Delirious. 2 Causing delirium.
————eachd, *s.f.* Deliriousness. 2 Liability to delirium. 3 Giddiness.
breim, see braim.
bréin, *gen.sing.* of breun.
bréine, *comp.* of breun.
———,* *s.f.* Turbulence, turbulent disposition. 3**Stink. Thig a bhréine a nios, *his stink shall ascend.*
bréineachd, see breunachd.
bréineadh, see breunadh.
bréineag, see breunag.
bréinean, see breunan.
———— -brothach, -aich, *s.m.* Ox-eye, see neòinean mór. [Preceded by the article *am.*]
bréinid, see breunaid.
†breis, *s.f.* Tear. 2‡‡Distilling.
†breis, *v.a.* see bris.
breiseachan,** -ain, *s.m.* Still.
†breisg, see brisg.
†———te, *a.* Moved, provoked.
†breisi, *a.* Dropping.
†breisin, *s.f.* War-cry.
breisleach, -ich, *s.m.* Dream. 2 Abashment. 3 Confusion. 4‖Delirium, raving. 5‡Nightmare, Chuir e 'm breislich mi, *he quite confounded*

me ; chaidh mi a'm bhreislich, *I was confounded.*

breisleachadh, -aidh, see breisleach.

————ail, -e, *a.* Confusing. 2 Delirious. 3 Causing delirium.

breislich, *pr. pt.* a' breisleachadh, *v.n.* Rave, talk irrationally. 2 Confuse, confound.

†breismion, *s.m.* Writ, mandamus, royal mandate.

breith, *s. f.* Judgment, sentence, decision. 2 Row, rank. 3 Layer. 4 Birth, descent. 5 Interpretation, signification. 6 Bearing, carrying. 7 Penance. 8 Overtaking. 9** Opinion. 10** Censure. 11** Confidence. Breith air a' phobull bheir thu, *thou shalt judge the people* ; tha Dia ann a tha 'toirt breith air an talamh, *there is a God that judgeth the earth* ; na h-aingidh anns a' bhreith, *the wicked in judgment*; ciod is breith de 'm bhruadair ? *what is the interpretation of my dream ?* thoir breith air mo bhruadair, *interpret my dream* ; a' dol air seacharan o 'm breith, *going astray from their birth* ; o bhreith gu bàs, *from birth to death* ; bithidh breith luath lochdach, *a hasty or faulty judgment will be hurtful.*

breith, (*i.e.* thoir breith) *v.n.* Judge, sentence.

breith (a') *pr.part.* of beir. A' breith air làimh orm, *seizing me by the hand ;* cha b' fhad' bha sinn a' breith orra, *we soon overtook them* ; a' breith air a chéile, *seizing each other* ; tha i a' breith cloinne, *she is bearing children* ; a' breith uighean, *laying eggs* ; a' breith searraich, *casting a foal*; a' breith laoigh, *calving*; a' breith uain, *yeaning* ; a' breith uircean, *farrowing ;* a' breith chuileanan, *whelping*; a' breith phiseag, *kittening.* [For additional examples see under *beir.*]

breith-air-eiginn,†† *s.m.* Violence, deforcement. rapine. 2*Child scarcely alive when born.

breith-buidheachais, *s. f.* Thanksgiving. Agus air *b., and after giving thanks.*

breith-dhìtidh,** *s.f.* Sentence of condemnation.

breith-dhligheachd,‡‡ *s.f.* Legitimacy.

breitheach, *a.* Judicial, critical. 2 Exact, accurate.

breitheadaireachd, *s.f.* Interpretation, as of dreams, &c.

breitheal, -il, *s.m.* Confusion, as of mind, 2 Astonishment. 3*Delirium, raving. 4**Terror. 5**Turmoil.

breithealach, *a.* Causing confusion. 2 Apt to be confused. 3 Causing terror.

breithealaich, *v.n.* Hurry. 2 Confuse the mind;

————,** *s.f.* Confusion of mind, flurry.

breitheamh, -eimh, *pl.* -a -an & -nan, *s.m.* Judge. 2 Umpire. 2**Judgment, decision, sentence (more usually *breitheanas.*) Nach dean breitheamh na talmhainn uile ceartas ? *shall not the judge of all the earth do right ?*

breitheamhnas, see breitheanas.

breitheanas, -ais, -an, *s.f.* Judgment, decision, sentence. 2 Faculty of judging. 3 Sudden calamity. Thàinig breathanas ort, *a judgment came upon you*; is firinn breitheanais an Tighearna, *the judgments of the Lord are true*; là a' bhreitheanais, *the day of judgment.*

breitheanasach, *a.* Retributive, as a just judgment.

breitheantach, -aiche, *a.* Judicious, prudent. 2 Skilful. 3 Judicial.

breith-fhéillteachd, *s.f.* Birthday solemnity.

†breithiontair, *s.m.* Fuller.

breith-là, -làithean, *s.m.* Birthday.

breithneach, *a.* Imaginative.

breithneachadh, -aidh, *s.m.* Apprehension. 2 Conception, imagination. 3** Way of thinking, idea. 4‡‡Art or faculty of judging. 5‡‡Interpretation. *B.* aisling, *the interpretation of a dream*; a dh' aon bhreithneachadh, *of one way of thinking.*

breithnich, *pr.part.* a' breithneachadh, *v.a.&n.* Conceive, apprehend, imagine, suppose. 2 Judge, opine. 3††Interpret, explain.

breith-réite, *s.f.* Arbitration.

——— -thabhairteach,‡‡ -eiche, *a.* Judicatory.

breitich, *v.n.* Swear.

†breitireachd, *s.f.* Interpretation.

breo, *v.n.* see breoth.

†breò, *s.m.* Fire, flame. †*a.* see brèagh.

breoc,* *v.a.* Patch.

breocaich, *v.a.* Botch, patch.

breòcail, *pr.part.* a' breòcladh, *v. a.* Patch put together.

†breoch, *s.m.* see bruach.

breòchaid, -e, -ean, *s.f.* Any fragile, tender, or brittle thing.

breochail, (a') AO *pr.part.* Drivelling.

breòchdail, see breòcail.

breòchdlair,†† see breòclair.

breò-chlach, *s.f.* Flint.

breò-choire, *s.m.* Warming-pan.

breò-chual, *s.f.* Funeral pile, bonfire.

breòcladh, -aidh, *s.m.* Clumsy patching. A' b—, *pr.pt.* of breòcail.

breòclaid,‡ *s.f.* Sickly person.

breòclair, -e, -ean, *s.m.* Mender, botcher, patcher.

breodh, see breoth.

———adh, see breothadh.

breò-dhruidheachd, *s.f.* Pyromancy.

breòg, -òig, *s.f.* Leveret.

†breòg, *a.* Feeble, weak, sickly.

†breòg, *v.a.* Pound, bruise. 2 Bake.

†breògach, -aich, -aichean, *s.m.* Baker.

†breògadh, -aidh, *s. m.* Crushing, bruising, pounding.

breògh, *v.n.* see breòth.

†breòghas, see brìoghas.

†breòghasach, see brìoghasach.

breòig, (AH) *s.f.* Feeble, weak, sickly person. 2 Fragile vessel of any description.

breòillean, -ein, *s.m.* Darnel, rye-grass—*lolium perenne* and *temulentum.*

breòilleanach, *a.* Abounding in darnel or rye-grass. 2 Like darnel or rye-grass.

breòinn, (AF) *s.* Cat.

breòite, *a.* Infirm, frail, weak, feeble, sickly, tender. 2**Slender. 3**Bruised. 4‡‡Rotten, putrid. Ged tha mi breòite, *though I be infirm* ; tha mi breòite, tinn, *I am weak and sickly.*

breòiteachd, *s.f.* Infirmity, frailty, weakness, debility. 2 Sickliness. 3**Slenderness. 4‡‡ Rottenness.

breòlaid, -e, -ean, *s.f.* Dotage. 2 ‖Debility. 3 Delirium.

breòlaideach, -eiche, *a.* Delirious, raving. 2 Doting.

breòlamas,‡‡ -ais, *s.m.* Confusion.

†breòn, -òin, *s.m.* Blemish, blur, spot.

†———, *v.a.* Blur, spot, stain. 2 Efface.

breoth, *pr.part.* a' breothadh, *v.a. & n.* Rot, corrupt, putrefy. 2 Bruise, crush. 3 Maim.

breothadh, -aidh, *s.m.* Putrefaction, corruption, putrefying. 2 Wounding, maiming. 3 Bruising, crushing. 4**Decay, consumption. 5**Wound. 6**Crush, bruise. A' b—, *pr.pt.* of breoth.

breothag,(DU) -aig, *s.m.* [*& f.*] Fat, corpulent, middle-aged person.

†breothan, -ain, *s.m.* Wheat.

†bret,** *a.* High.

breth, see breith.

breuban, see breaban.
breug, bréige, breugan *gen.pl.* breug, *s.f.* Lie, falsehood. Saor m' anam o bhilean nam breug, *deliver mysoul from lying lips;* fhuaradh 'sa bhréig e, *he was found out in a lie ;* gheall Dia do nach comasach breug a dheanamh, *God, who cannot lie, promised.*
breug, *pr.part.* a' breugadh, *v.a.* Soothe,amuse. 2 Flatter. 3 Pacify. 4 Cajole. 5 Entice. Breug am pàisde, *pacify* or *soothe the child ;* breug leat e, *cajole him away with you ;* 'g a bhreugadh mar gu'm bitheadh leanabh ann, *cajoling him as though he were a child ;* ma bhreugas peacaich thu, *if sinners entice thee.*
———ach, -aiche, *a.* Lying, false, deceitful. 2 **Flattering,cajoling,soothing. 3**Deceived. Is breugach thu an diugh, *you are deceiving today ;* tha e cho breugach 's a tha an cat cho bradach, *he is as much a liar as the cat is a thief* [an emphatic way of saying a man is a liar] ; tha e breugach, *he is untruthful* ; nach breugach thu ! *how much you lie !* also *you don't mean it !*
———ach,* *s.f.* Lying female.
———achan, *s.m.* Plaything.
———achd,‡‡ *s.f.* Illusiveness.
———adaire, -ean, *s.m.* see breugaire.
———adaireachd, see breugaireachd.
———adan, see breugachan.
———adh, -aidh, *s. m.* Cajoling, flattering, soothing, lulling, amusing. 2* Caressing.
———ag, -aig, -an, *s.f.* Little lie. 2 Lying female.
———aich, *v. n.* Belie, falsify, give the lie. 2 Disprove. 3 Gainsay. Bhreugaich e mi, *he belied me* ; breugaich e, *belie him ;* ged éignichear an sean-fhacal cha bhreugaichear e, *though the proverb be gainsaid it cannot be disproved.* [also breugnaich.]
breugaiche,** *s.m.* Same meaning as *breugaire.*
breugaire, -an, *s.m.* Liar. Is fhearr duine bochd na breugaire, *a poor man is better than a liar* ; éisdidh am breugaire teang' an aimhleis, *the liar listens to a corrupt tongue ;* is fheairrde breugaire fianuis, *a liar is the better of a witness.*
breugaireachd, *s.f.* Practice of lying. 2 of contradicting. 3 Vice of lying.
breugan, -ain, -an,‡‡ *s.m.* Child's toy.
———, *n. pl.* of breug.
breug-chiabh, -an, *s. f.* Wig, peruke.
———————adair, -e, -ean, *s.m.* Wig-maker.
breug-chràbhach, *a.* Hypocritical, deceitful.
breug-chràbhadh, -aidh, *s.m.* Hypocrisy, dissembling. 2 False devotion.
breug-fhàidheachd, *s. f.* False prophesying.
breug-fhios, -a, *s.m.* Enthusiasm, fanaticism.
———————ach, *a.* Enthusiastic.
breuglachadh, -aidh, *s.m.* Fore-swearing, perjuring. 2 Falsifying, gainsaying. A' b—, *pr.part.* of breuglaich.
breuglaich, *pr.part.* a' breuglachadh, *v.a.* Perjure, forswear, gainsay, belie.
———————te, *past pt.* Forsworn, perjured. 2 Gainsaid. 3 Falsified.
breugnachadh, -aidh, *s.m.* Falsifying. 2 Belying, gainsaying. 3 Contradicting. A' b—, *pr. pt.* of breugnaich.
breugnachair,** -e, -ean, *s.m.* Gainsayer.
breugnaich, *pr.part.* a' breugnachadh, *v.a.* Belie, falsify, gainsay, disprove. 2 Contradict. Bhreugnaich e mi, *he belied me.* [also breugaich.
———————, *s. f.* Same meanings as breugnachadh. Thug e a' bhreugnaich dhomh, *he belied me.*
breugnaichidh, *fut. aff. a.* of breugnaich.
breugnaichte, *past part.* of ,,
breug-riochd, *s.m.* Disguise. 2‡‡Spectre.
breug-riochdair,* *s.m.* Pretender, disguiser. 2 Traitor.
breun, bréine, *a.* Stinking, fœtid, putrid. 2 Filthy, loathsome, nasty, corrupt. 3* Bold, indelicate, as a female. 4 Of a turbulent, boisterous disposition. 5**Clumsy. 6‡‡Beastly, brutal. Bainne breun, *soured milk*—(AC); o'n òtrach bhreun, *from the stinking dunghill.*
———, *v.a.* Become corrupt. 2 Stink.
———, *s. f.* Stench. 2 Corruption.
———ach,* *s. f.* Turbulent immodest female.
———ach,** -aiche, *a.* Stinking. 2 Nasty. 3 Surly.
breunachd, *s. f.* Corruption, rottenness. 2 Becoming rotten. Stench, stink, bad smell. 4 Degree of turbulence. 5* Indelicacy.
breunad, -aid, *s.m.* see breunachd. 2 A' b—, *pr. pt.* of breun.
breunadh, see breunachd.
breunag, -aig, -an, *s. f.* Dirty female, slattern, drab. 2 Turbulent female. 3††Sulky woman. 4(JM) Lying woman. Aontachadh brionnaig le breunaig, *the flattering woman agreeing with the lying woman*—a common saying in the Outer Hebrides when two bad characters conspire to prove a point or to hide a fault.
breunaid, *s. f.* Stink, putrid smell.
breunair, *s.m.* Turbulent man.
breunan, -ain, *s.m.* Dirty fellow. 2 Dunghill. 3 Any stinking thing. 4 Surly ill-tempered fellow. 5‡‡Inhospitable man.
†breunan, *v.n.* Stink.
breunan-brothach,**-aich,*s.m.* The great daisy. 2(JM) Dirty fellow given to sullen anger, a bad description of anyone.
breun-bhith,** *s. f.* Assafœtida.
†breun-chrann, *s.m.* Kind of tree.
breun-fheòcullan,(AF) *s.m.* Foumart,fulimart, see feòcullan.
breun-ladhrach, -aiche, *a.* Rotten- or stinking-toed.
breuntachd,‡‡ *s. f.* see breunachd.
breuntag,** -aig, -an, *s. f.* Filthy drab.
breuntas, -ais, *s.m.* Filth. 2 Stink. 3 Putrefaction. 4 Any loathsome smell.
breun-ubhal,§ *s. m.* Prickly buckthorn, see ramh-droighinn.
†bri, *adv. & prep.* Near to.
†brì, *s. f.* Anger. 2 Word. 3 Effort. 4 Rising ground. 5 Dignity. 6 Honour. 7 see brigh.
†bria, *s.m.* Town.
†briadh, *s. f.* Remnant.
briadha, see brèagh.
———chd, see brèaghachd.
———d, -aid, see brèaghad.
———ich, see brèaghaich.
———s, -ais, *s. f.* see brèaghachd.
briag, see breug.
briagh, see brèagh.
†briagh, *s.m.* Wound, mortal wound.
briaghachd, see brèaghachd.
briaghas, -ais, *s.m.* see brèaghas.
briaghchaid, see brèaghad.
brian, -ain, *s.m.* Word. 2 Composition. 3** Warrant. 4**Author. 5 (AC) Angel, archangel, god, divinity, *hence* god of evil. 6(AC) Term of exclamation, a bhriain ! *thou god !* cha luidh Brian leam, *Satan shall not lie down with me.* [** says brian is †]
†———ach, *a.* Fair-spoken. 2 Full of speeches, specious, prosing.
†brianna, *s.m.* Author. 2 Composition. 3 Warrant.
†———, *pl.* Pieces.

brian-sgaradh, -aidh, *s.m.* Cranny, chink, cleft.
briantadh, -aidh, *s.m.* Bream. [see illust. 78.]



78. Briantadh.

†briar, *s.m.* Pin, prickle. [? Eng. *brier.*]
bri'ar, see brighmhor.
briarach, *a.* Thorny, prickly.
briathar, -air, *pl.* briathra & briathran, *s.m.* Word. 2 Saying. 3 Assertion. 4 Oath. 5 Verb. 6 *rarely* Victory, conquest. Air mo bhriathar, *upon my word.*
briathar, *v.* see briathraich,
briathra, *n.pl.* of briathar.
briathrach, -aiche, *a.* Wordy, verbose, talkative, loquacious. 2 Verbal. Ni thu am fear tosdach briathrach, *you make the silent man talkative.*
————adh, -aidh, *s.m.* Wording. 2 Swearing. 3 Stating.
————an, -ain, -an, *s.m.* see briathradair.
————as, -ais, *s.m.* Eloquence. 2 Elocution. 3 Verbosity. 4 Oratory, rhetoric. 5‡‡ Phraseology. 6*Wit.
briathradair, *s.m* *Dictionary, lexicon. 2**Asserter.
————————eachd,* *s.f.* Lexicography, lexicographer's work.
briathradan,* -ain, see briathradair.
briathraich, *pr. pt,* a' briathrachadh, *v. a.* Affirm, maintain, assert. 2 Dictate. 3 Swear to. 4 Set down in words.
briathrail, -e, *a.* Verbal. 2††Verbose. Eadar-theangachadh briathrail, *a verbal translation.*
brìb, *pr.pt.* a' brìbeadh, *v.a.* Bribe, suborn.
brìb, -e, *pl.* [-ean &] ††-eachan, *s.f.* Bribe. 2 Small sum of money—*Islay.* 3 Driblet. 4 Item. Am bheil thu am brath a' bhrìb sin a phàigheadh ? *are you going to pay that trifling sum ?* brìb nach do ghabh, *who has not taken a bribe.*
brìbeadh, -eidh, *s.m.* Bribing, bribery. A' b—, *pr. pt.* of brìb.
bribear,** Gaelic spelling of *briber.*
bribearachd, *s. f.* Bribery, venality.
bribeil,(AM) *a.* Mean. Duine brìbeil, *a mean man.*
brì-bheadagan,‡‡ -ain, *s.m.* Word-pedant.
bribid,(JM) *s.f.* Small debt. Tha bribidean fhiach aige a muigh, *he has small debts out* i. e. *against people.*
bric, *gen sing. & n.pl* of breac. (*s.m.*)
bric-dhearg,** *s.* Ruddock.
brice, *gen.sing.* of breac, (*s.f.*)
brice, *comp.* of *a.* breac.
brice, *s.f.* Spottedness.
brice, *s. f.* Gaelic spelling of *brick.*
bricear, -e, -ean, *s.m.* Brickmaker.
bricein, -ein, *s.m.* Sprat. 2 Small trout.
bricein-, *prefix* attached to certain names of animals, derived from *breac.* [also breacan-]
bricein-baintighearna, see breacan-baintighearna.
bricein-beithe, see breacan-beithe.
bricein-buidhe, see breacan-buidhe.

79. Bricein-caorainn.

bricein-caorainn,¶ *s.m.* Mountain finch,—*fringilla, montifringilla.*
bricein-dubh,¦ *s.m.* Baldmoney, (plant) see muilceann.
bric-liath, *a.* Greyish.
bric-shòrn, -ùirn, *s.m.* Brick-kiln.
†brìd,** -ide, *s. f.* Bridle.
brìde, *s. f.* see fride.
†brideach, -dich, -dichean,** *s.f.*[& *m.*] Dwarf. 2 Bride. 3 Virgin. 4**Grub. Cha bhrideach air an fhàich e, *he is not a dwarf on the battle-field ;* carraig Phaidean aig na brìdich, *Padeen's rock in the possession of the dwarfs*—a common saying in Tiree when the weak get possession of what by right belongs to the strong—J.M.
†————ail, *a.* Dwarfish. 2 Like a virgin. 3 Bridal, like a bride.
brideag, -eig, -an, *s. f.* Part of the jaw. 2 Little woman.
Brideag,** -eig, *s. f.* Image of St. Bridget, used on that saint's eve by unmarried girls, with a view to discover their future husbands.
brìdean, *s. f.*(bird) see gille-brìde.
brìdein, see brìd-eun.
brìd-eun, -eoin, *s.m.* Oyster-catcher *or* sea-piet, see gille-brìde. Cho luath ri brìd-eun 'san tràigh, *as swift as a sea-piet on the shore.*
brìg,* *s.f.* Heap, pile.
——,* *v.a.* Pile, build as a stack of peats.
——eadh, *s.m.* Stacking. A' b—, *pr. pt.* of brìg. A' brìgeadh na mòna, *building the peat-stack —Mull.*
brigean, see briogais.
brìgh, *s. f.* Essence. 2 Substance. 3 Wealth. 4 Sap, juice, pith. 5 Elixir. 6 Vigour. 7 Strength, virtue. 8 Value. 9 Effect, avail, benefit. 10 Juice of meat. 11 Meaning, interpretation. 12 Energy. 13**Relish. 14** Capacity. 15**rarely* Tomb. 16**Miracle. 17 ‡‡Mountain. 18**Valour. 19**Price. Chaill na h-ùbhlan am brìgh, *the apples lost their sap* ; mairt-fheoil gun bhrìgh, *beef without substance ;* craobh gun bhrìgh, *a sapless tree* ; briathran gun bhrìgh, *words without meaning;* innis dhomh brìgh mo bhruadair, *tell me the interpretation of my dream* ; a' caitheadh mo bhrìgh, *dissolving my substance* ; is deacair brìgh do sgeòil, *sad is the substance of thy tale;* b'e seo bu bhrìgh d' an dàn, *this was the*

burden of their song; caithidh cumha gun bhrìgh, *mourning consumes without avail;* do bhrìgh, a bhrìgh, *by virtue of, because;* thubhair triath Eireann bu mhòr bhrìgh, *said Ireland's chief of great energy;* ged gheibhinn brìgh Eireann, *though I were to get the wealth of Ireland;* innis da ar brìgh, *tell him our strength.*

brìgh'ar, *a.* see brìghmhor.

brìgh-àrd, *s.f.* Definition (in *gram.*)

brìgh-chainnt,** *s. f.* Argument.

brìgheal, see brighealachd.

brìghealachd, *s. f.* Substance, substantiality. 2 Vigorousness. 3 Juiciness, pithiness, virtue. 4 State of being full of meaning.

brìgheamh,* see breitheamh.

brìgheil, -e, *a.* see brìghmhor.

brìghich, *v.n.* Strengthen, confirm. 2 Establish.

†brighide, *s.f.* Hostage, pledge, security.

brìghinn,* *s. f.* Seasoning. 2 Any fat. 3 Dainties, delicacies. †4 see bruidheann.

———eachadh,* *s.m.* Act of seasoning. 2 Act of feeding on dainties or delicacies.

brìghmhoire, *comp.* of brìghmhor.

———achd,** *s. f.* Substantialness. 2 Juiciness. 3 Vigorousness.

brìghmhor, -oire, *a.* Energetic. 2 Sappy, juicy. 3 Substantial, solid, real. 4 Efficacious, effective, effectual. 5 Full of meaning.

brìgh-sgrìobhaidh,** *s. f.* Argument.

brìgh-tharruing, *s. f.* Abstraction.

brigis, see briogais.

brill, see breall.

brillean,** -ein, *s.m.* The clitoris.

———ach, *a.* Lewd.

brilleineach, *a.* see brilleanach.

brimin-bodaich, *s.m.* Mean, shabby old man. [‡ *for* breimein, a side form of *braman.*]

†brin, *s. f.* Dream, reverie.

†brindeal, *s.m.* Picture.

†brin-dealan, *s.m.* Frontlet.

†brindealbhadair, *s.m.* Painter. 2 Sculptor.

†brindealbhadh, *s.m.* Painting, sculpture, limning, pourtraying. 2 Disguising.

†brinneach, *s. f.* Hag, old woman. 2**Mother.

†brinnichte, *a.* Hag-ridden.

brìob, *v.a.* see brìb.

-——, -a, -an, *s. f.* see brìb.

-——achd, see brìbearachd.

brìobadh, see brìbeadh.

brìobair, see brìbear.

———eachd,* see brìbearachd.

†briochd, *s. f.* Wound. 2 Art. 3 Trade. 4 Secrecy. 5 Witchcraft. 6 Colour, complexion. 7 Beauty.

†briochdaic, *s.f.* Amulet.

brìodail, *pr.part.* a' brìodal & brìodaladh, *v.a.* Caress, flatter, coax, court. 2**Tattle.

brìodal, -ail, *s.m.* Caressing, acts of fondness, expressions of tenderness, soft words, kind speeches, endearing attentions. 2 Flattery. 3 Language and manner of lovers, courting. Do bhrìodal cùil, *thy secret flattery.* A' b—, *pr.part.* of brìodail.

brìodalach, -aiche, *a.* Caressing, fondling. 2 Flattering, inclined to flatter or cajole. 3** Tattling.

brìodalachd, *s. f.* Tattling. 2 Propensity to flatter. 3††Caressing. 4‡‡Amorousness.

brìodaladh, -aidh, *s.m.* Caressing. 2 Cajoling, flattering. 3 Tattling. A' b—, *pr. part.* of brìodail. 'G am brìodaladh, *caressing them.*

brìodalaiche, *s. m.* Flatterer, cajoler. 2** Tattler. 3††Caresser.

———, *comp.* of brìodalach.

brìodalair,** *s.m.* Dallier.

briodha, see brèagh.

briog, *v.a.* Cut round, hack. 2 Thrust, stab, Gaelic spelling of *prick.* 3††Restrain.

-——, *s.m.* Confinement. 2 Restraint.

-——ach, -aiche, *a.* Mean, miserly, avaricious. 2 Spiritless.

-——achd,* see briogadaich.

briogadaich, *s. f.* Avarice, meanness, sordidness. 2 Ludicrousness, affected capering. 3 ‡‡Hacking, cutting.

briogadh, -aidh, *s.m.* Act of stabbing or thrusting.

briogaid, *s. f.* Elderly woman. 2 Morose old female. Esan a phòsas briogaid, *he who marries a morose old female.*

-———each,* *a.* Elderly. 2 Like a little or morose female.

briogaire, -an, *s. m.* Miser, mean shabby fellow, churl.

-———achd, *s. f.* Sordidness, avarice. 2 Want of spirit.

buadhachas, -ais, *s.m.* Attainment of superiority. 2 Gaining of victories. 3††Luck. 4** Victory, triumph.

buadhaich, *pr.pt.* a' buadhachadh, *v. a. & n.* Conquer, overthrow, subdue, subject. 2 Prevail. 3 Triumph.

buadhaiche, -an, *s.m.* Conqueror, champion, victor. 2**Tribute. Gheibh am buadhaiche e, *the conqueror shall receive it.*

buadhail, -ala, *a.* Victorious, triumphant. 2 Lucky, fortunate.

buadhair,-ean,*s.m.* Conqueror,champion,victor.

buadhairt,** -ean, *s.f.* Hardship, trouble.

buadhal, s. see buathal.

†————, *a.* Victorious.

————achd, *s.f.ind.* Superiority. 2 Conquest. 3 Flourishing condition, prosperity. 4*Ascendant. 5‡‡Nature. 6††Luck. Am buadhalachd, *in prosperity.*

buadhannan, *pl.* of buadh.

buadhar, -aire, *a.* see buadhmhor.

buadhar, -air, *s.m.* Adjective in *grammar.*

†buadharg, *s.m.* Victorious champion.

†buadharrtha, *a.* see †buaidheirthe.

buadhas, -ais, *s.m.* Victory, conquest. 2 Succession of victories.

†buadh-dharg, see †buadharg.

buadh-fhacal, *s.m.* Adjective, epithet, qualifying term.

buadh-fhaclach, -aiche, *a.* Triumphant in speech, expressions, or words.

buadhghallan, -ain, *s.m.* Ragweed, ragwort.

buadhghallan buidhe,§ *s.m.* Yellow ragwort, —*senecio Jacobæa.*

87. *Buadhghallan buidhe.*

buadh-ghuth,*s.m.* Triumphant shouting. 2 Clamour.
†buadhlain, *s.m.* Judge.
buadhlan-buidhe, see buadhghallan buidhe.
buadhmhoire, *comp.* of *a.* buadhmhor.
————achd, see buadhalach.d.
buadhmhor, -oire, *a.* Victorious, triumphant, successful.
————achd,** *s. f. ind.* Insuperableness.
†buaf, *s.m.* Toad. 2 Any ugly venomous creature.
†buaia, *s.m.* Serpent.
†buafach, *a.* Virulent.
†————d, *s.f.* Poison.
†buafadh, *s.m.* Poisoning.
†buafair, -e, -ean, *s.m.* Viper, adder.
†buafan, *s.m.* Snake.
buaf-athair, see buaf-nathair.
buaf-bheist,(AF) *s.m.* Toad. 2 Adder.
buaf-mathair, see buaf-nathair.
†buaf-nathair, *s.f.* Adder.
†buag, -aig, -an, *s.f.* Spigot, plug. 2 see buaidh. [** says *s.m.*]
†buagair, *s.m.* Faucet, pipe inserted in a vessel to give vent to the liquor, and stopped up by a peg or spigot.
†buagair, *v.a.* Tap, broach, as a cask. 2 Pierce.
buaghach, *a.* see buadhach.
buaghair, -ean, *s.m.* Cow-herd, herd 2 Shepherd. Thachair orra *b.* bhó, *a cow-herd met them.*
buaghal, see buathal.
buaghallan, -ain, *s.m.* see buadhghallan.
————-buidhe, see buadhghallan-buidhe.
buagharra, *a.* Grieved, vexed. 2 Vexatious, oppressive. 3††Sulky. 4††Boisterous. Mios buagharra, *an oppressive month.*
buaic, -e, -ean, *s.f.* Wick of a candle, lamp, or torch. 2††Tallow. 3‡‡Pinnacle. 4** *rarely* Wave. 5 for buac. 6(DU) Dirt lying thick anywhere.
———, *pl.* of buac. Bleaching lees.
———each, *a.* Of, or connected with, a wick. 2 Having a wick. 3 Giddy, thoughtless. 4 Fluctuating.
buaicean, *n.pl.* of buaic.
buaicean,** -ein, -ean, *s.m.* Veil. 2 Lappet. 3 Ltitle wick. 4‡‡Odd laughable little boy. 5(AM) Untidy fellow.
†buaiceis, *s.f.* Small wick.
buaichd, -e, -ean, *s.f.* see buac. 2 see buaic.
———, *v.a.* Anoint, besmear, rub over with dung, mud, or oil.
buaichdein, *s.m.* see buaicean.
———-iall, *s.m.* Piece of unmelted tallow with which brogue-makers rub the thong they sew with. [It used to be in a leather case in the shape of a horn, tied over the left palm, so as to be handy for sticking the awl into when making shoes.—JM]
†buaicin, see buaicean.
†———, *v.a.* Blindfold.
buaicneach,‖ *s.f.* Smallpox—*Suth'd.* [Always preceded by the article *a' bh*—.]
———, *a.* Skinny, tough.
†buaid,** *s.* Lamp.
buaidh, -e, *n. pl.* -ean -dheanan *s.f.* Victory, conquest, success. Thugadh buaidh 'nam fhianuis 'sa bhlàr, *victory was obtained in my presence on the battle-field;* faigh *no* thoir buaidh, *obtain the victory* or *conquer;* bhuidhinn iad buaidh 'sa chòmh-stri, *they gained the victory in the strife;* beannachd do t' anam is buaidh, *a blessing to your soul and success;* ma gheibh sibh buaidh, *if you obtain the victory;* buaidh-chaithream,*a triumphant shout;* a' deanamh buaidh-chaithrein, *triumphing;* buaidh leat, *success to you;* buaidh no bàs, *conquest or death*—motto of the MacDougalls; gheibh thu bhuam buaidh cnuic agus còdhalach, *thou shalt get for me victory over hills and opposition.—Duanaire, p. 124.*
buaidh,** *v.a.* Conquer, overcome. [Takes *air*, simple or compounded after it, as *b.* orra, *conquer them.*—"thoir buaidh orra" is a more usual expression.]
buaidh-chairm, see buaidh-chaithream.
buaidh-chairt, *s.f.* Trump at cards.
buaidh-chaithream, *s. m.* Triumphant shout. 2 Song of triumph. 3**Triumph.
————————ach, -aiche, *a.* Triumphant, uttering triumphant shouts.
buaidh-chraobh,§ *s.f.* Spurge laurel—*daphne laureola.* Badge of the MacLarens.

88. *Buaidh-chraobh.*

†buaidheal, see buabhall 3 & 4.
buaidheam, -eim, *s.m.* Fits of inconstancy or unsteadiness.
————ach, *a.* Giddy, volatile, unsteady.
†buaidhean, see buidheann.
buaidhear, *s.m.* see buaidh-fhear.
————achd,* *s. f. ind.* Triumph, victory, coming off victoriously.
†buaidheart, -eirt, *s.m.* Tumult,confusion.
†buaidheirthe, *a.* Disturbed, agitated. 2 Possessed.
buaidh-fhear, -fhir, *s.m.* Conqueror.
buaidh-fhacal, *s.m.* see buadh-fhacal.
buaidh-ghàir,-e, *s.f.* Shout of victory or triumph.
————each,‖*a.* Like a shout of triumph. 2 Triumphant.
————eachdaich,** *s.f.* Continued shout of triumph.
buaidh-ghuth, *s.m.* Voice of victory, shout of triumph.
†buaidhirt,‡‡ *s.f.* Tumult. 2 Crosses, afflictions.
buaidh-làrach, *s.m.* Decisive victory, gaining of the field, conquest. Buaidh-làrach anns gach strì, *victory in every battle.*
†buaidhr, *v.a.* see buair.
†————eadair, see buaireadair.
†————eadh, see buaireadh.
†buaif-bhiast, *s.f.* see buaf-bheist.
†buaifeach, *a.* Angry, fretting.
†buaific, see buaifig.
†buaifig, *s.f.* Antidote.
†buaig, *s.f.* Cup, chalice.
buaigh, see buaidh.
†————eal, -ean, *s.f.* see buabhall (3‡& 4)'
buail, *pr. part.* a' bualadh, *v.a.* Strike, beat smite, thrash. 2 Thresh, as corn; beetle, a

lint. 3 Thrust. 4 Strike up, as a tune. 5 Attack. 6 Belabour. 7 Knock, as at a door. 8** Touch at, or land at. 9 Proceed. 10 Rush, used to describe rapid motion. 11 Win, as a game at shinty, football, &c. Bhuail e mi, *he struck me*; tha iad a' bualadh 'san t-sabhal, *they are threshing in the barn*; tha iad a' bualadh an lìn, *they are beetling the lint*; bhuail iad oirnn, *they attacked us*; bhuail chuige Dearg, *Dargo rushed on towards him*; bhuail iad chun na beinne, *they rushed towards the mountain*; bhuail e 'chruaidh 'na taobh, *he thrust his steel into her side*; buailibh clàrsach, *strike up the harp*; an ceud fhear a bhuail an tir, *the first man that touched the land*; bhuail iad chuu a chèile, *they attacked each other*; bhuail iad chun a' chladaich, *they rushed towards the shore*; buail au dorus, *knock at the door*; buailidh e bròg ort fhéin fhathast, *he will hurt yourself yet* (*lit.* strike a shoe on you); buail as, *thrash off*; bhuail am pathadh mi, *I became thirsty*; bhuail e air cleasachd, *he began to play*; bhuail na coin air cobhartaich, *the dogs found prey*; bhuail mi chugam fo m' asgall e, *I tucked it under my arm*; bhuail mi mo chuaille 'nam dhorn, *I seized my staff in my hand*; bhuail mi bàir, *I won a game*.

† buail, *s.f.* Step, degree.

buail-a'-chnag,(AF) *s.* Balm-cricket.

buaile, *pl.* buailtean, *s. f.* Fold for sheep or black cattle. 2 Herd or number of cattle. 3 **Stall. 4**Dairy. 5(AM) Circle, halo. Tha buaile mu 'n ghealaich, *there is a circle round the moon*; a' bhó a's miosa 'sa bhuaile, *the worst cow in the fold*; buailtean spréidhe, *herds of cattle*; bà 'sna buailtibh, *cows in the folds*.

†buaileach, -lichean, *s.f.* Ox-stall, stall. 2** Fold.

————, *a.* Of, or belonging to, a fold.

————an,** -ain, *s.m.* (buaile) Milker of cows. 2 Place where cows are milked.

buaileadair,** *s.m.* Assailant, assailer.

buaileag,* *s.f.* Circlet. 2(DU) Small circular enclosure.

———— -thimchioll, *s.f.* see bualagan-timchioll.

buailear, *fut. pass.* of buail, Shall be struck. 2 used impersonally, as, buailear suas leam, *I proceeded upwards*.

†buail-ghlas, *s.f.* Mill-pond.

buailidh,** *s.f.* Dairy, milk-house. 2 Stall. 3 Fold. A steach do 'n bhuailidh, *into the milking-house*.

buail-sa, (*for* buail thusa) Strike thou.

†buailt,** *s.f.* Cabin. 2 Locker. 3 Niche.

buailte, *past pt.* of buail. Struck, threshed,&c. Cha bhi bail air fodar buailte, *threshed corn is not spared*.

----ach, -tiche, *a.* Liable to, subject to. 2 Obnoxious to. 3 Apt to strike or thrash. 4 Exposed to. 5 Quarrelsome. 6**Amenable. Buailteach do iomadh cunnart, *exposed to many dangers*; cha'n 'eil e 'na dhuine buailteach, *he is not a quarrelsome fellow*; gun a bhith buailteach, *not given to striking*; buailteach do chìs, *liable to tax*; gu mireagach, buailteach, *playfully beating*.

buailteach, -eich, -eichean, *s. m.* Summer booth or hut for shielings. 2**Dairy-house.

————d,‡‡ *s.f.* Aptness, tendency.

†————an, -ain, *s.m.* Flying camp.

buailtean, *n.pl.* of buaile.

----------, -ein, -einean, *s.m.* Flail. 2 Supple, that part of a flail which strikes the corn. 3 see bualan. 4 One stick used in threshing corn, similar to a carpet-beater.

buailtear, *s.m.* Thresher. 2**Racket for tennis. 3(AF) Thresher (fish.) 4 see buailtean. 5 Any instrument for striking or beating.

†buain, *s.f.* Equality. 2 Deprivation.

buain, *gen.* buana, *dat.* buain, *s. f.* Reaping, cutting down, as of corn, mowing, harvest. 2‡‡Value. A' dol chun na buana, *going to the reaping*; a' bhuain-eòrna, *the barley-harvest*; àm na buana, *harvest-time*; tha làrach buain fhòid air an athar, *there is a mark of turf-clearing on the sky*, i. e. there will be a good day to-morrow; deireadh buana, *harvest-home*; ge b'e nach cuir 'san là fhuar, cha bhuain 'san là theth, *he that sows not on a cold day shall not reap on a hot one*. A' b—, *pr.pt.* of buain.

buain, *pr.pt.* a' buain, [& a' buaineadh] *v.a.* Mow, reap, cut down. 2 Shear. 3 Pluck. pull, tear by the root. 4**Engage. A' buain na mòna, *cutting peats*; a' buain shlat, *cutting twigs*; a' buain chnò, *gathering nuts*; cha bhuain thu gu buileach, *thou shalt not wholly reap*; buain a' chraobh seo, *cut down this tree*; a' buain na h-àraich, *cutting down* [*the files*] *of battle*; buainidh aon fhacal ceud, *one sharp, bitter word may provoke a hundred retorts*, or *one word may start a conversation which will extend to a hundred words*.

buaine, *comp.* of *a.* buan. More or most enduring. Daraig a's buaine dreach, *an oak of hardiest form*.

buaine, *s. f.* Perpetuity, durability, lastingness, continuance. 2 Hardiness. Buaine an ni seo, *the durability of this thing*.

buaineachd, *s.f.* see buaine.

buainead, -eid,*s.f.* Degree of durability, or stability, durableness. 2 Hardiness.

buaineadh,**-nidh, *s.m.* Reaping, cutting down. 2 Enjoying, as the fruits of one's labour. A' b—, *pr.pt.* of buain. "Muinntir a' bhuainidh," is given by ** for *the reapars*, but "muinntir na buana" is the correct form.

————, *3rd. sing.* & *pl.* of buain.

buainear, *fut. pass.* of buain.

buainiche, -ean, *s.m.* & *f.* Reaper, shearer. Ri taobh nam buainichean, *alongside the reapers*.

buainte, *past part.* of buain. Shorn, reaped. 2 **Torn up by the root. 3**Hewn down.

†buaintear, -eir, -earan, *s.m.* see buanaiche.

buair, *gen. sing.* of buar.

----------, *pr.pt.* a' buaireadh. *v.a.* Tempt, allure. 2 Provoke, vex, annoy. 3 Disturb, distract. 4 Madden. 5 Alarm. 6 Make muddy, as water. 'Nuair a bhuair bhur n-aithrichean mi, *when your fathers tempted me*; bhuair thu an t-uisge, *you have made the water muddy*.

buair, *s.f.* Rage.

buaire', see buaireadh.

buaireadair, -ean, *s.m.* Tempter. 2 Disturber, one who vexes or troubles. Air teachd do 'n bhuaireadair, *when the tempter came*.

buaireadh, -ridh, -ridhean, *s. m.* Temptation, tempting. 2 Trouble. 3 Disturbance. 4 Annoyance, aggrievance. 5 Severe trial. 6 Maddening. 7 Distraction. 8‡‡Passion, rage. A' b—, *pr.pt.* of buair. Mar ann an là a' bhuairidh anns an fhàsach, *as in the day of temptation in the wilderness*; chum a buaireadh, *to tempt her*; air a bhuaireadh, *tempted*.

buaireanta, *a.* Tempting, enticing, trying. 2 Inflaming. 3 Annoying, hence, proovcative of strife. Duine *b.*, *a quarrelsome fellow*.

buairear,** *s.m.* Kindler.

buaireas, -eis, -an, *s.m.* Tumult, confusion. 2 Anxiety, trouble. ‡3 Confusion of mind. 4 Ferment. 5‡‡Dismay, terror. Fo bhuaireas,

troubled, annoyed ; a' cur buaireis am measg nan daoine, *creating a disturbance amongst the people*; fion a' bhuaireis, *the wine that disturbs the mind.*

buaireasach, -aiche, *a.* Turbulent, raging. 2 Stormy, tumultuous. 3 Furious, fierce. 4 Inflaming. 5 Anxious. 6 Provoking. 7‡‡Dismaying. Deoch bhuaireasach, *drink that inflames* ; duine buaireasach, *a man that annoys, a tumultuous fellow* ; geamhradh buaireasach, *a stormy winter.*

————d, *s.f.* Turbulence. 2 Storminess, tumultuousness. 3 Fierceness.

buaireasaiche, *comp.* of *a.* buaireasach.

buairte, *a. & past part.* of buair. Distracted, troubled. 2 Infuriated, enraged. 3 Tempted. 4 Stormy. 5 Made muddy, as water. 6 Disturbed, confused.

buait,** -e, -ean, *s.f.* Lantern.

bual, *s.m.* see buabhall.

†——, *s.m.* Remedy. 2 Physic. 3**Water. 4 ‡‡Urine.

bualachd, *s.f.* Drove of cattle.

bualadach,** *a.* Percutient.

†bualadh, *s.m.* see †bual.

bualadh, -aidh, *s.m.* Striking, beating, knocking. 2 Threshing. 3 Battle. Bualadh nan laoch, *the battle of heroes* ; bualadh arbhair, *threshing of corn* ; "bualadh a mach" *a repetition of the first measure in* ceòl-mór. A' b—, *pr. pt.* of buail.

bualagan-timchioll,‖ *s.m.* Ringworm.

bualaidh, -ean, *s.f.* Cow-stall.

†bualainle. *s.f.* Sea-lark. 2(AF)Wagtail.

89. Bualan.

bualan,§ *s.m.* Groundsel—*senecio vulgaris.*

†bualchomhla, *s.f.* Sluice.

†bualchrannach,*s.m.* Float,raft.

bualghas, -ais, *s.m.* Mill-pond.

†buall,‖ *s.m.* Healing.

buallachd, *s.f.* see bualachd.

bualtair, see buailtear.

bualtrach,-aich, *s.m.* Cow-dung.

buamasdair, see buamastair.

buamastair, *s.m.* One who talks boisterously. 2 Vain boaster. 3 Dolt, pompous blockhead, booby. 4 Sudden attack—*W. Isles*, probably from "buathan." The general idea expressed by this word in W. Isles is one having a mental defect.—J.M.

buamastaireachd, *s. f.* Boisterous talking. 2 Vain boasting. [Not used in senses 1 or 2 in W. Isles, but to signify the conduct or condition of one somewhat mentally deficient.—J.M.] Ri *b.*, *talking boisterously.*

buan, buaine, *a.* Lasting, durable. 2 Long, tedious. 3 Hardy, tough. Cruaidh mar an fhraoch, buan mar a' ghiuthas, *hard as heather, lasting as pine* : rathad buan, *a tedious way;* cead buan, *a long farewell;* bodach buan, *a tough* or *hardy old man.*

†buan, *a.* Good, harmonious.

†buan, -aine, *s. f.* Nurse.

buana, *gen.sing.* of buain.

†buana, *s.m.* Hewer. 2 Reaper.

buanachadh, -aidh, *s.m.* Continuing, continuance. 2 Persevering, perseverance. 3 Obtaining. A' b—, *pr.part.* of buanaich. 'N am brosnachadh nach 'eil mo shùil a' buanachadh ? *in their provocation doth not mine eye continue ?*

buanachail,‡‡ -e, *a.* Perseverant.

buanachas,‡‡ -ais, *s.m.* Perseverance.

buanachd, *s.f.* Reaping. 2 Erroneously used for buannachd.

buanachdach, -aiche, *a.* see buannachd.

buanachdail, -e, *a.* see buannachdail.

buanaich, *pr.part.* a' buanachd & buanachadh, *v.a. & n.* Last, abide. 2 Persevere. 3 Endure, continue. 4 Erroneously used for buannaich.

buanaiche, -an, *s.m.* Reaper, shearer.

buanaichidh, *fut. aff. a.* of buanaich. Shall last, shall persevere.

buanaichte, *pt.part.* of buanaich.

buanas, -ais, *s.m.* Perpetuity, durability, long continuance, duration. 2††Perseverance.

buan-chuimhne, *s.f.* Lasting remembrance, memorial, chronicle. 2 Retentive memory.

————————ach, see buan-chuimhneachail.

————————achail, -e, *or* -ala, *a.* Having a retentive memory. 2 That is long remembered.

buan-dhùrachd,** *s.f.* Assiduity.

————————ach,** -aiche, *a.* Assiduous.

buan-ghàirdeachas, -ais, *s.m.* Continual or perpetual rejoicing.

buan-mhair, *v.n.* Last long, endure.

buan-mhaireachduinn, *s.m.* Enduring, continuing long, everlastingness, continuance, perpetuity. 2 Perseverance.

buan-mhaireannach, -aiche, *a.* Everlasting, durable, perpetual, perennial.

————————————d, *s.f.* Perpetuity, durability, eternity.

buan-mharthannach, see buan-mhaireannach.

buan-mheal, *v.a.* Enjoy for ever.

buann,(CR) *pl.* buanntaich, *s.m.* Child—*Perthshire.*

†buanna, -chan, *s.m.* Billeted soldier. 2* Billet master. 3 Idler, straggler. 4‡Mercenary. Sè buannachan deug MhicDhomhnuill, *MacDonald of the Isles' sixteen billet-masters.*

buannachail, *a.* see buannachdail.

buannachas,* *s.f.* Free quarters for soldiers in place of rent.

buannachd, *s.f.* Gain, profit, acquisition. 2 **Acquirement. 3** Availableness. 4 for buaineachd, see buaine. 5 Emolument. 6 Erroneously used for buanachd. Ni gun *bh.*, *a profitless thing.* A' b—, *pr.pt.* of buannaich.

————ach, -aiche, *a.* Profitable.

————ail, -e, *a.* Profitable, emolumentary. 2 Available. 3 Useful. 4 Gratis, as a billet.

buannaich, *pr.pt.* a' buannachd, [& †buannachadh] *v.a.* Gain,profit, win, acquire. *Bh.* iad cliù, *they won renown.*

buannaiche, *s.m.* One who enjoys. 2 Winner.

buannaichte, *past part.* of ,buannaich.

buan-sheas, *pr. part.* a' buan-sheasamh, *v. n.* Persevere. 2††Stand steady.

————amh, *s.m.* Persevering. 2 Standing for ever. A' b—, *pr.pt.* of buan-sheas.

————mhach, -aiche, *a.* Firmly-footed. 2 Constant, lasting, perpetual, stable.

————mhachd, *s.f.* Constancy. 2 Perseverance, continuance, firmness, durability, stability.

buantas, -ais, see buanas.

†buan-thosgach, *a.* Strong-tusked.

†buanuigh, *gen.* of buana.

buar, -air, *s.m.* Cattle, oxen. 2 Herd of cattle. Buair air buailibh, *herds in the folds.*

buarach, -aich, -aichean, *s.f.* Cow-fetter, shackle bound round the hind legs of cows when being milked. 2‡‡Stomach of limpet. 3‡‡ Slovenly, spiritless fellow. 4**Cow-spaniel.

buarach,** -aich, *s.m.* Early feeding of cows. 2 Rising to feed cows.

†buarach, *a.* Early.

buarachan, -ain, *s.m.* Cow-herd.

buarach-bhaoibh, *s.f.* Lamprey. 2 Kind of eel, supposed to inhabit rivers and to possess

magical powers.
buarach-na-baoibh, see buarach-bhaoibh.
buart, see buairte.
†buas, -ais, *s.m.* Belly. 2 Breach. 3 Rout. 4 Trade. 5 Art.
†——ach, *a.* Abounding in cattle.
†——ach, *s.f.* Bluebottle (plant)
†buasair,‡‡ *s.m.* Diaphragm.
buath, -uaith, *s.f.* Rage, madness, frenzy, fury. 2 Mad frolic. Tha buath air, *he is in a rage.*
———ach, -aiche, *a.* Subject to fits of madness. 2 Apt to become enraged.
———adh, -aidh, *s.m.* Mad fit, fury. 2 Wild ramble. 3 Mad frolic. 4 Impetuousness, rushing.
———al, -ail, *s.m.* (AH) Stall in a byre or stable. 2†*Boose. Dh'amais e air deagh bhuathal, *he has found a snug berth.*
†buatham, -aim, -an *s.m.* Bittern.
buatham,(J.M.) -aim, *s.m.* Sudden attack. *B.* doill, *the sudden and furious way in which a blind man would attack anyone who offended him.*
buathar,** -air, *s.m.* Affidavit.
buatharra,(JM) *a.* Impetuously raging. Duine *b., a man of impetuous rage.*
bùb, *pr.part.* a' bùbail, *v.n.* Bellow, roar. 2* Blubber, as a child. 3 Weep in a most melancholy way.
bùb, -a, *s.m.* Roar, bellow, yell. Leig e bùb as, *he uttered a roar*
——ail, -e, -ean, *s.f.* Roaring, bellowing, yelling, blubbering, continued bellowing. 2 Lamenting. A' b ,*pr. part.* of bùb. Ciod a' *bh.* a th' ort? *what are you bellowing for?* Bùbail tairbh, *the roaring of a bull.*
bùbaire, *s.m.* *Person that blubbers. 2(AF) Common bittern, see corra-ghrian.
———achd, *s.f.* Blubbering.
bùban, -ain, *s.m.* Coxcomb.
———ach, -aiche, *a.* Coxcomical, like, or pertaining to, a coxcomb.
———achd, *s.f.ind.* Behaviour of a coxcomb.
bùbarsaich, *s.f.* see bùbaireachd.
bùc,** *s.m.* Size, bulk.
bucach, -aich, *s.m* Boy. *prov.*
bucach, *a.* See bùcail.
bucaid, -ean, *s.f.* Pimple, pustule. 2 Boss of a shield. 3 Blotch. 4 Gaelic spelling of *bucket.*
†bucaide, *s.f.* Palm. 2 Knob.
bucaideach, *a* Pimply, full of pimples, causing pimples. 2 Like a bucket. 3**Booming. Sgiath *bh., a booming shield.*
bùcail,** *a.* Bulky, sizeable.
bùcaill, *gen.sing. & n. pl.* of bucall.
bucain, see bucaid.
bùcall, -aill, *pl.* -aill & -an, *s.m.* Buckle. Bùcaill airgid, *silver buckles.*
———ach, *a.* Buckled, having buckles, wearing buckles. Bròg an *b., buckled shoes.*
bucar,** *a.* Compact.
bucas, see bocsa.
buchainn,(AC) *s.m.* Swelling. Mios buchainn, *the month of swelling, month of bursting forth (May); called also* buchainn Muire, *the swelling of Mary*; buchainn buidhe Mhoire nam buadh, *the yellow swelling month of Mary of the graces*; buchainn Bealltainn, *the swelling of Beltane*; buchainn buidhe Bealtainn, *the yellow swelling of Beltane.*
———, *a.* Melodious. 2 Warbling. 3††Nestling.
———each, *a.* see buchainn, *a.*
buchallach, *a.* Nestling in the woods. 2†† Melodious.
bùchd, *s.m.* Cover of a book. 2 see bùc.
bùchdail,†† *a.* see bùcail.
———ach, *a.* see bùcail.
buchthuinn, see buchainn.
buchuinn, see buchainn.
bucla, see bùcall.
buclach,‡‡ *a.* Buckled.
buclaich, *v.a.* Buckle up. 2 Tuck up. 3 Trim.
———te, *past part.* of buclaich.
bucsa, see bocsa & aigh-bàn.
bucull, see bùcall.
———ach, see bùcallach.
†bud, *s.m.* see †budh.
bùd, see pùt.
bùdach, see pùtach.
budagoc, *s.m.* Snipe. 2 Woodcock.
†budh, see bu.
†budh, *s.m.* The world. 2 Breach. 3 Rout.
budhag, -aig, -an, *s.f.* Bundle of straw.
budhaigir, -e, -ean, *s.m.* Puffin or coulterneb, see fachach.
†budhail, *s.m.* Place, residence.
budhailt, -e, -ean, *s.m.* Recess on the inside of a cottage wall, wall-"press."
budragoc, see budagoc.
bùdraid, see butarrais.
bùdrais, see butarrais.
bugair, for budhaigir.
bugan,** -an, *s.m.* Unlaid egg.
†bugh, *s.m.* Fear. 2 Leek. 3 see briseadh.
bugha, *s.m.* (CR) Green spot by a stream, side form of "bogha," *a bow*, such spots being made bow-shaped by the windings of the stream.—*Skye.* 2† see bugh.
ughall,* -aill, *s.m.* Pot-hook.
bugsa, see bocsa & aigh-bàn.
†buibiollan, *s.m.* Coxcomb.
buic, *gen.sing. & n.pl.* of boc.
†buicead, *s.m.* Mouthful.
buicean, -ein, *s.m.* Young buck or roe. 2 Little buck or roe. 3 Pimple. 4** Bubble. Buicein bhinneach, *the high-headed young roes.*
———ach, *a.* Like a young buck or hart. 2 Of, or belonging to, a young buck or hart. 3 Pimply.
——— -darach,* *s.m.* Nutgall. [With the article *am.*]
buicein, see buicean.
———each, see buiceanach.
buiceis, *s.f.ind.* Sporting, as of a buck.
———each, -eiche, *a.* Sportive, frisky.
†buich, *s.f.* Breach.
buichd,(AC) *gen.sing. & n.pl.* of bochd.—*Isles.* [Not used between Sound of Barra and Butt of Lewis—J.M.]
†buichin, *s.m.* see buicean.
buid, *gen.sing. & n.pl.* of bod.
buideal, -eil, *s.m.* Cask. 2 Anker. 3 Bottle. 4‡‡Surly person. Mar bhuideal anns an toit, *as a bottle in the smoke.*
———aich, -ean, *s. f.* Blaze of fire. 'Na bhuidealaich, *on fire*; 's ann an sin a tha a' bhuidealaich! *what a conflagration is there!* chaidh e 'na bhuidealaich, *it blazed.*
buidealair, *s.m.* Butler.
buidealaireachd, *s. f.* Butlership, business or occupation of a butler. Chum a *bh., to his butlership.*
†buidh, *a.* Grateful, thankful.
†buidhe, *s.f.* Thanks. Mo bhuidhe ri Dia, *my thanks to God*, a short expressive grace after meat, common in some parts of the Highlands. [Now buidheachas—‡]
buidhe,‡ *part.* of necessity, Glad to, had to
buidhe, *a.* Yellow, golden. 2 Grateful. 3 Agreeable. 4††Lucky. Grian bhuidhe, *a golden sun*; falt buidhe, *yellow hair*; bu bhuidhe leat a dheanamh, *you were glad to do it*; is buidhe

dhuit, *it is fortunate for you*; bu bhuidhe leis na rùisg itheadh, *he would fain eat the husks.*

buidhe, *s.m.ind.* Yellow colour.

buidheach,‖ -ich, *s.f.* The jaundice. [Preceded by the article *a' bh.*]

————, -eiche, *a.* Thankful. 2 Well-pleased, satisfied, satiated, content. Cha'n 'eil e buidheach dhiom, *he is displeased with me*; bi buidheach, *be thankful*; bu chòir dhuit a bhith buidheach, *you should be thankful*; tha mi buidheach air son sin, *I am pleased at that*; cha'n fhaigh thu sin co dhiubh' thutheas tu buidheach no diomb ich, *you will not receive that, whether you are satisfied or otherwise.*

buidheachan-bó-blioch, *s. m.* Cowslip, see muisean.

†buidheachar,‖ *s.* Dr. Gillies says—" A disease that played havoc in Ireland about the middle of the 7th. cent. I have not been able to form any opinion as to its identity. The root of the word is evidently bude (buidhe) *yellow*, as in our buidheach, *jaundice*, or *yellow disease*. The disease was evidently epidemic and violent, and it would apply to yellow fever with exactness, if we knew that disease to have been, or to have been possible as, an epidemic in this climate."

buidheachas, -ais, *s.m.* Thanksgiving, thanks, gratitude, acknowledgement. 2 Grace after food. 3 State of being bought but the bargain not concluded, in abeyance. Thoir buidheachas, *give thanks*; buidheachas do Dhia, *thanks be to God;* fo bhuidheachas, ann am buidheachas, *in abeyance*; taing is buidheachas, *many thanks*; buidheachas an fhogharaidh, *harvest thanksgiving.*

†buidheachd, *s.f.* Piety.

buidhead, -eid, *s.f.* Degree of yellowness. A' fàs am buidhead, *growing more and more yellow.*

buidheag, -eig, -an, *s.f.* Goldfinch. 2 Linnet. 3 Any small bird of a yellowish colour. 4 Any yellow flower. 5 Yellow seaweed. 6**Daisy. 7**Lily 8**Cow of a yellowish colour. Gheibh sinn a' bhuidheag 'san lòn, *we shall find the daisy in the meadow.*

90. Buidheag.

buidheag,§ -eig, -an, *s.f.* Creeping crowfoot (*ranunculus repens.*

buidheagach, *s. m.* see feamainn bhuidhe *and* feamainn bhoigainn.

buidheagan, *nom. pl.* of buidheag.

————, -ain, *s. m.* Yolk of an egg.

buidheag-an-arbhair,§*s.f.* Scentless May-weed — *matricaria inodora.*

buidheag-an-t-samhraidh, *s. f.* Corn-marigold, see bile-bhuidhe. 2 Buttercup. see cearban.

91. Buidheag-an-arbhair.

buidheag-bhealaidh,¶ -eig-, *pl.* buidheagan-bealaidh, *s.f.* Yellow-hammer—*emberiza citrinella.* A beautiful bird, but of very evil repute in Highland superstitions. 2‡‡Yellow bunting—*emberiza alba.*

buidheag-bhuachair, see buidheag-bhealaidh. 2‡‡Yellow-hammer—*cenchrymus bellonii.*

buidheag-shearbh, *s.f.* Camomile, see camomhail.

buidhean, -ain, *s.m.* see buidheag. 2 see buidheag-bhealaidh.

buidheann, [-einn &] buidhne, *pl.* buidhnean

92. Buidheag-bhealaidh.

[& buidhnichean], *s. f.* Company, troop, band, party. 2**Rulers. Buidheann shaighdearan, *a company of soldiers*; rinn na Caldéich tri buidhnean, *the Chaldeans formed three bands*; tha mi a' faicinn buidhne, *I see a company.*

†buidheannach, *a.* Agminal.

buidhean-na-coille, *s.f.* Goldhammer. *Yellow-hammer* according to ‡‡, which gives "buidhnein-na-coille." 2 ¶Woodpecker, see lasair-coille. 3 Bullfinch, see corcan-coille.

†buidheannail, *a.* Agminal.

buidhean-nan-ingean,§ *s. m.* Sea-spurge—*euphorbia paralias.*

buidhe-bhàn, *a.* Buff (colour.)

†buidhe-Chonnaill,‖ see †buidheachar.

buidhe-dhonn, *a.* Auburn (colour.)

buidhe-nan-ingean, see buidhean-nan-ingean.

buidhe-ruadh, *a.* Bay (colour.) 2** Auburn. Falt buidhe-ruadh, *auburn hair.*

buidhe-shoilleir, *a.* Amber (colour.) 2 Fallow.

93. Buidhean-nan-ingean.

buidhinn, buidhne, *s.f.* Gain, profit, emolument. 2*Quarrying of stones. Is don' a' *bh.* air na clachan sin, *how badly those stones are quarried*; is beag do bhuidhinn dheth, *your profit of it is little.*

————, *pr pt.* a' buidhinn, *v.a.* Gain, get profit, win, acquire. 2 Conquer. 3 Quarry. *Bh.* sinn bàir, *we won a game*; buidhnibh saorsa, *gain liberty.*

buidhinneach,* *s.f.* Quarry for stones, &c.

buidhleis,(AF) *s. f.* Black or rock gobie.

†buidhlia, *s.m.* Puddle.

buidh-liath, *a.* Pale yellow (in colour.)

buidh-mhios, *s.m.* (*lit.* the yellow month) July.

buidhne, *gen.sing.* of buidheann & of buidhinn.

buidhneach. -eiche, *a.* Victorious, successful. 2 Numerous. 3 In bands or companies. 4 Acquiring, gainful, profitable. Na laoich *bh.* mhòra, *the high-minded victorious heroes.*

————, -ich, -ichean, *s.f.* Band, company, troop, party. 'Uile bhuidhnichean, *all his bands.*

————,‖ *s.f.* see buidheach. *Suth'd.*

buidhneachd, *s. f.* Victoriousness, successfulness. 2 Gain, profit. 3 Aggrandizement.

buidhnich, *pr.part.* a' buidhneachadh, *v.a.* Arrange into companies or parties. 2 ‡‡Impeople.

buidhnichean, *n.pl.* of buidheann.

buidhnichte, *past pt.* of buidhnich. Arranged or drawn into companies or parties.

buidhnidh, *fut. aff. a.* of buidhinn. Shall or will win, &c.

buidhre, *s.f.* Deafness.

————, *comp.* of bodhar. More or most deaf. Cluinnidh tu air a' chluais a's buidhre e, *you will hear it in the deafest ear.*

buidileir,†† -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *butler*.
————eachd,†† *s.f.* Office of a butler.
buidire,(AC) *s.m.* Witling. Bheir *b.* breith ach co a bheir ceartas ? *a witling may give judgment but who will give justice ?*
buidseach, see buitseach.
————as, see buitseachas.
————d, *s.f.* see buitseachas.
buidseir, *s.m.* Great grey shrike *or* butcher-bird, see pioghaid ghlas. 2 Gaelic spelling of *butcher*.
buig-bhuinne, see bog-bhuine.
buige, *s.f.* Softness. 2 Humidity. 3 Effeminacy.
———, *comp.* of bog. Softer, softest. 2 Smoother, smoothest.
buigeachas,** -ais, *s.m.* Tenderness, pity, compassion. Gun ath-thruas gun *bh.*, *without compassion or pity*.
buigead, -eid, *s.m.* Degree of softness, &c.
buigean, -ein, *s.m.* Soft, effeminate, unmanly fellow.
————ach, see buigean.
buigileag, *s.f.* Bog, soft place, quagmire. 2 Anything very soft. 3 Crab after casting its shell. 4†† Coward, soft unmanly fellow. *B.* bhuntàta, *a soft, wet potato*.
buiginn,†† -e, *s.f.* Morass, marshy ground.
buigire, *s.* see budhaigir. *St. Kilda.*
buigleach, -ich, *s.m.* } see buigileag.
buigleag, *s.f.* }
buiglinu, *s.f.* see buigileag.
buigneach, -eich, *s.f.* Bulrushes. 2 Generally any acquatic weeds or plants. 3 Quagmire.
†buig-shibhin, *s.f.* see bog-bhuine.
†buigsin, *s.m.* Little box.
†buil, see boil.
buil, -e, *s.f.* Completion, perfection. 2 Consequence, effect, issue, end, conclusion. 3 Success. 4 Application, use. 5‡‡ Advantage, improvement. Bithidh a' *bh.* dhuit, *the consequence must be obvious in your case ;* bheir thu a' bhuil, *you will reap the consequences* ; bithidh sin air bhuil, *that will come to pass* ; is léir a' bhuil, *the result is obvious ;* buil gach aon taisbein, *the effect of every vision* ; tha a' bhuil sin air, *the effect of that is obvious on him* ; an rud a nithear gu ceart, chithear a bhuil, *when a thing is properly done, the result will be seen ;* a thoirt gu *b.* 'fhacal, *to complete his word* ; a bheir a dhroch innleachdan gu buil, *who will bring his evil devices to pass ;* dean deagh bhuil dheth, *make good use of it* ; buil cheart a dheanamh dheth, *to make proper use of it* ; gu buil, (*adv.*) *above* ; ni gun bhuil, *a useless thing* ; tha a' bhuil air, tha a' bhlàth air, *the mark is on it*, or *it is like it*—a remark often used when good counsel is condemned, and one comes to grief because of the neglect, or it may be reversed to show that foolish counsel was not heeded, and the end justified the means adopted.
buileach, *a.* Complete, whole, total, entire. [Another form of baileach—‡]
————, (gu) *adv.* Completely, wholly, utterly, altogether. Glanaidh e gu ro bhuileach, *he shall thoroughly purge;* na tréig mi gu buileach, *do not forsake me altogether ;* cha bhuain thu gu buileach, *thou shalt not wholly reap* ; is buileach a dh'fhairtlich e ort, *it has completely defied you* ; is buileach a chaidh thu a dholaidh, *you are completely ruined* ; gu bileach, buileach, *pick and crumb*.
————adh, -aidh, *s.m.* Bestowing, giving. 2 Assignment. 3 Improving. 4 Finishing completely. 5**Presentation, as of a church living. 6‡‡Treatment, usage. A' *b.* ort, *bestowing on you* ; chaidh a *bh.* gu mór, *he was much abused ;* nach ann air tha 'm buileachadh ? *is he not badly used ?* —*Suth'd ;* buileachadh math, *a good use* ; droch bhuileachadh, *a bad use*. A' b—, *pr.pt.* of builich.
buileachas,** -ais, *s.m.* Frugality.
†buileamhuil, *a.* Raging, mad.
buileann, see builionn.
————ach, see builionnach.
bùileasg, -eisg, see bùlas.
buileastair, -e, -eau, *s.m.* see bulaistear.
builg, *gen. sing. & n. pl.* of balg. 2‡‡Bellows. 3‡‡Seeds of herbs.
———, *s.f.* Distemper among cattle through heat or want of water.
builg,* *v.a.* see baig & balgaich. 2* *v.n.* Rise, as a fish in the water, rise to the fly.
————each, *s.m.* Knobbed seaweed, see feamainn bhalgainn.
————eadh, *s.m.* Bubbling up, as water beginning to boil. 2 Blistering.
builgeag, *s.f.* see balgan.
————ach, *a.* see builgeanach.
builgean, -ein, -an, *s.m.* Blister. 2 Pimple. 3 Bubble, bell on liquor. 4 Little bag, bladder. 5**Bellows. 6(AF) Puffin. Mar bhriseadh builgein, *like the bursting of a bubble*.
————ach, -eiche, *a.* Full of blisters, pimples, pustules, or bladders.
builgeanta, *a.* Fat and small, as a dog.—Gael. Soc. of Inv'ss, xv, 53.
†builgeas, *s.f.* see builgleas.
————ach, -aiche, *a.* Spotted.
builgein, -e, -ean, see builgean.
————each, -eihhe, *a.* Full of pustules, blisters or small bubbles.
builgeun, (AF) *s.m.* Puffin, see fachach.
†builghionn, *s.f.* see builionn.
†builgleas, *s.f.* Blister.
†————ach, *a.* Spotted. 2 Blistered.
builich, *pr.pt.* a' buileachadh, *v.a.* Grant, bestow, present. 2 Administer, manage. 3 Spend, dispose of. 4 Improve. 5 Finish completely. 6‡‡Treat or use one well or ill. Gach ni a bhuilich Dia ort, *everything God hath bestown on thee* ; *b.* an là, *finish the day completely ; b.* an ùine, *improve the time*.
———te, *past pt.* of builich. Assigned, &c.
†builid, *for* (am) bheil iad ?
builionn, -inn, -an, *s.f.* Loaf of bread or sugar.
————ach, -aich, *s.m.* Baker.
————ach, -aiche, *a.* Full of loaves.
————aiche, *s.m.* see builiounach.
buill, *gen. sing. & n. pl.* of ball.
buill-bheirt, *s.pl.* Tackling, instruments.
buille, *pl.* -an & annan, *s.f.* Blow, stroke, strike, knock. Buille air son buille, *blow for blow* ; fead am builleannan, *the noise of their blows*; buille thall 's a bhos, mar gu'm bitheadh duine a' marbhadh radanan, *a hit here and there, like a man killing rats*—often applied by worthy "Moderates" in the North to the Catechists' style of preaching.
builleach, -eiche, *a.* That gives blows. 2 Prone to give blows or to strike, percutient.
————as, -ais, *s.f.* Act or habit of striking. 2**Boxing 3 Bruising.
builleanach, *a.* Striking, giving blows. Sàthach builleanach, *giving thrusts and blows*.
builleasg, -eisg, *s.m.* see bùlas.
buille-choilleag, *s.f.* Blow given to the ball in playing shinty, sending it beyond the goal and winning the game.
buillis, see buidhleis.
buillsgean, -ein, -an, *s.m.* Middle, centre. 2 Focus. 3 Core. *B.* [illegible]airge, *the midst of the sea* ; am buillsgean an teine, *in the cen-*

tre of the fire; *b* srutha, *the vortex of a stream.*
buillsgean, see buillsgean.
built, *gen.sing. & n.pl.* of balt.
†buime, *s.f.* see muime.
buinealair, buimilear, } *s.m.* see bumailear.
†buimpis, *s.m.* Pump.
buin, *pr.part.* a' buntuinn, *v.a. & n.* Belong to. 2 Interfere, meddle with. 3 Treat with, deal with. 4 Take away, tear from. 5 Touch, handle. 6 Be related to. Na *b.* da sin, *do yot touch that* ; buinidh iad d' a chéile, *they are related to each other* ; 's ann do Dhia a bhuineas slàinte, *to God belongs salvation* ; *b.* gu caoimhneil ri m' ghaol, *deal gently with my love* ; cò dha a bhuineas seo? *to whom does this belong?* cha bhuin e dhuit-se, *it does not belong to you* ; an rud nach buin duit, na buin da, *do not meddle with what does not concern you.* [The Irish *beanaim* is from the *v.* bean, *touch* ; the Scottish Gaelic, which has the idea of relationship or origin (cha *bh.* e dhomh, *he is not related to me*) seems to confuse *bean* and *bun*, stock.—‡]
†buinchios, *s.f.* Pension.
buindeal, see buiunseal.
buine,** *s.f.* Set-off, in basket-making. 2 The thick welt or border finishing any wicker-work. †3 (*s.m.* McL & D) Tap, spigot.
†buineadhach, -aiche, *a.* Warlike. 2 Powerful.
†buinean, *s.m.* Shoot, twig, branch.
†———a, *a.* see boirionn.
buinidh, *fut.aff.act.* of buin. Shall or will belong, &c.
buinig, *v.a.* Conquer, obtain by conquest. buinigear buaidh le foighidinn, *victory is won by patience.*
———, *s.f.* Superiority.
buinn, *gen.sing. & n.pl.* of bonn.
bùinne,* *s.m.* Statue, bust. 2 One who stands stock-still. Is tu am bùinne, *you stand stock-still, like a statue.*
buinne, -achan, *s.f.* Border, hem, selvage. 2 Spout, cataract. 3 Rapid current, stream. 4 Strong tide. 5 Confluence. 6 Pool in a river. 7‡‡Drop. 8‡‡Tap, spigot. 9** Billow. 10 *rarely* Sprout, twig. 11**Ulcer, boil. Air *b.* reidh, *on a smooth stream* ; buinnean àrda, *lofty billows.*
·———ach, -ich, *s.f.* Looseness, diarrhœa, flux, dysentry. [Preceded by the article *a' bh.*]
·———ach, *a.* Contemptible, abominable. Duine buinneach, *a contemptible person.*
———·——— -mhór, *s.f.* Cholera-morbus. [Precededby the article *a' bh.*] 2§ Osier-twig, see fìneamhuin.
———ag, -eig, -an, *s.f.* Twig. 2 Germ. 3 Sprout. 4††Docken. 5 Young maiden. 6 Familiar term in addressing a female. 7 Sole of a shoe. 8‡‡Hem, border. 9‡‡Sorrel shoot. Cha chuir e *b.* air a bhròg an, *it will not sole his shoes.*
†buinneamh, -imh, *s.m.* Effusion.
buinnean,**-ein, *s.m.* Shoot, young twig.
buinnean-beò, (AF) *s. m.* Sea animalculæ, phosphorescence.
buinnean-leana, *s.m.* Bittern, see corra-ghrian.
buinne-beò, *s.m.* Beginning of the flow of a spring-tide.
buinne-shruth,** *s.f.* Precipitous stream. 2 Cascade. 3 Rapid tide way. Mar bhuinne-shruth reamhairt (reothairt), *like a spring-tide stream.*
buinnig, *v.a.* & *s.f.* see buidhinn.
———each, *a.* see buidhneach.
———eachd, *s.f.* see buidhneachd.
buinnir, ·ean, *s.m.* see bonnair (appendix.)
buinnse,** Gaelic spelling of *bunch.*
———al, -eil, *s.m.* Ream of paper. 2 Truss. 3 Bunch.
buinnteach, *a.* Causing looseness of the bowels.
———, -eich, *s.m.* One troubled with a flux, one who is habitually troubled with looseness. 2 Leather for shoe-soles, the thickest part of the hide.
buinnteachd, *s.f.* Flux, dysentery, habitual looseness of the bowels.
buintear, -eir, -eirean, *s.m.* Dunce.
buintinn, *s.m.* & *pr.part.* see buntuinn.
bùir, *pr. part.* a' bùirich [& bùireadh] *v. n.* Roar, bellow, as a deer or bull.
buirbe, *s.f.* Barbarity, barbarism. 2 Fierceness, wrath, anger, rage, savageness. 3 Severity. 4 Cruelty. 5 Turbulence. 6 Boisterousness. Gun gheilt no buirbe, *without fear or wrath*; mharbh sibh iad le buirbe, *you killed them in a rage.*
———, *gen. sing. f.*, and *comp.* of borb.
———achd, *s.f.* same meanings as buirbe.
buirbean, -ein, *pl.* -einean, *s.m.* ‖Cancer. 2†† Savage.
———ach,** *a.* Cancerous.
———achadh,** *s.m.* Canceration.
bùird, *gen.sing. & n.pl.* of bòrd.
bùirdeasach, -aich, *s.m.* Freeman of a city or town. 2 Burgess. 3 Merchant, shop-keeper. 4 Citizen. 5 Boarder. 6 Idler. Bùirdeasaich sgiathach nan speur, *the winged inhabitants of the skies.*
bùire, *s.m.* see bùireadh.
·———adh, *s.m.* Wailing, loud weeping, burst of grief. 2 Roaring, bellowing, braying. 3 Rutting. 4*Rutting-place. Poll bùiridh, *the rutting-place of deer*, see dàmhair. Bhris uaipe bùire, *she broke a loud burst of grief.*
†buireadh, -ridh, *s.m.* Gore. 2 Pus, corrupt matter.
bùireadh, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of bùir.
buirean, -ein, *s.m.* Roar, bellow, as of a deer. 2 Loud noise. 3(AF) Bittern (*lit.* lowing bird) see corra-ghrian. An fhairg' a' teachd le *b.*, *the sea coming with a noise.*
———ach, -aiche, *a.* Roaring, bellowing, noisy, ‡‡mugient.
bùireinich, *s.f.ind.* see bùireadh.
bùirgeiseach, see bùirdeiseach.
buirich, *s.f.* Roaring, as a bull, bellowing. 2 Wailing. 4**Growling. 3 Loud lament. 5 Low murmur.
·———, *pr.part*, a' bùrach [& a' bùrachadh] *v.a.* Dig, delve. 2 *v.n.* **Howl, roar, make a loud lament.
·———e, *s.m.* Mattock, pickaxe. 2 Hoe. 3 Spade. 4 Dibble. 5 One who delves or digs. 6(AF) Bittern (lowing bird) see corra-ghrian.
———·—idh, *fut.aff.a.* of bùirich.
bùiridh, *gen.sing.* of bùireadh.
bùirleadh, -idh, *s.m.* Language of folly or ridicule.
bùirling, *s.f.* see birlinn.
bùirn, *gen.sing.* of bùrn.
bùirseach, -ich, *s.f.* Deluge of rain. 2‡ Rousing fire—*Hebrides.*
bùirte, *s.f.* Gibe, taunt. 2 Sarcasm. 3 Witticism, repartee.
buis,** *s.f.* Kit.
†buiscean, -ein, *s.m.* Thigh, haunch. 2 Thigh-armour.
buisdear, (DU) *s.m.* Wizard. 2 Wicked fellow.
buisdreach, see buitseach.
———·—d, see buitseachd.
buiseal, *s.m.* Bushel.
buisean, -ein, -an, *s.m.* (*dim.* of bus) Little mouth.

buisein, see buisean.
buisgean, -ein, *s.m.* see builisgean.
buisgiun,** *s.* Buttock.
buisinn-iall,* *s.m.* see buaichdein-iall.
buisneachd,‡‡ see buitseachd.
———ach,‡‡ *a.* Incantory.
†bùiste, -an & -achan, *s.m.* Pouch, pocket, scrip.
†buistin, *s.m.* Fustian.
buistreachd, see buitseachd.
buit, *a. Badenoch* for buitidh. 2 "Fugy" as a fowl, see pùt.
†buite, *s.m.* Firebrand.
bùiteach, -ich, -ean, *s.f.* see buidealaich. 2 ‡‡*s.m.* Threat.—*Suth'd.*
†buitealach, *a.* Fierce. *s.f.* see buidealaich.
buitnre, see buidhre.
bùitich, *v.a.* Threaten.—*Suth'd.*
buitidh, -e, *a.* Bashful.
†buitse,** *s.f.* Icicle.
buitseach, -ich, -ichean, *s.m. & f.* Wizard. 2 Witch. Is *b.* e, *he is a wizard* ; is *b* i, *she is a witch.*
———-as, -ais, *s.m.* Witchcraft, sorcery, magic.
———-d, *s.f.* Witchcraft, sorcery, enchantment.
†buitsear, -eir, *s.m.* Gaelic spelling of *butcher.* 2 Butcher-bird, see pioghaid ghlas.
†———achd, *s. f.* see feòladaireachd. Ag ionnsachadh na *b.*, *learning the butchery business.*
buitseir, see buitsear.
†bul, *s.m.* Manner, fashion, mode.
bul,* *s.m.* see bùlas.
bula, *s.m.* †Bowl. 2 see bùlas.
bulag. see pulag.
bulaistear, see bulastair.
bùlas, -ais, *s.m.* Pot-hook. 2 see †bùlos.
bulastair,†† -ean, *s.m.* Sloe, bullace.—*prunus insititia.* 2 Potato seed.
bulbhag, (balbhag) } (CR) Boulder—*Perthsh.*
bulbhag-cloiche, }
bulg, *v.n.* (balg) Bulge—*Perthshire.*
bulg, builg, *s.m.* Ship's bilge-piece, (see bàta F8, p. 73.) 2 Ship's hold. 3 Convexity. 3 see balg
——ach, *a.* see balgach. 2 Convex, bulging out. 3 Capacious. Ceud srian bulgach, *a hundred capacious bridles.*
bulgaich, *v.a.* see balgaich.
bulgan, see builgean.
bulla, *s.m.* Bowl. 2 Ball. 3 Bubble. 4 Pope's bull.
†——ch, *a.* Globular, like a globe,. ball or bubble.
†——ch, *s.m.* Connor (fish.)
†bùlos,‡‡ *s.m.* Prune.
bulta, (AF) *s.m.* Colt.
bumailear, -an. *s.m.* Bungler.
———ach,‡‡ -aiche, *a.* Loggerheaded.
———achd, *s.f.ind.* Bungling, clumsiness, inexpertness, awkwardness.
bumalair, see bumailear.
bun, *pl.* buin & bunan, *s.m.* Root,stock,stump. 2 Bottom, base, foundation, foot. 3 Socket. 4 Mouth of a river. 5 Squat. short person or animal. 6 Dependence, trust, confidence. 7 Affiance. 8‡‡Care, charge, keeping. Bun os cionn, *upside down ;* b. na craoibhe *the root of the tree ; b.* na beinne, *the bottom of the hill* ; *b.* na h-altrach. *the foot of the altar* ; spion as a bhuin e, *root it out* ; na dean bun á gairdean feòla, *place no confidence in an arm of flesh* ; dean bun á Dia, *place your confidence in God* ; cha'n fhàg e bun no bàrr, *he will leave neither root nor branch* ; am bun an taighe, *taking care of the house*; am bun nan caorach, *tending the sheep ;* asad rinn ar sinnsearan bun, *in thee our ancestors placed their confidence* ; bun eich, *an old stump of a horse ;* bun na cìob, *the root of the mountain grass* ; bun balaich, *a stout squat fellow ; b.* a dhà sgéithe, *the sockets of his two wings* ; *b.* an earbaill, *the rump.*
bun,(AF) *s.m.* Northern diver, see muir-bhuachaill.
——abhas, -ais, *s.m.* Element. 2††Buttock.
——abhasach, *a.* Elemental. 2††Pertaining to a buttock.
——ach, -aich, *s.f.* Coarse tow. 2 Tare of flax. 3 Sturdy little person. 4 Cutch, roots of wool to be shaken out of the tufts. 5 Radical, *in politics.*
——ach, -aiche, *a.* Clumsy, not handsome. 2 Squat,short,stumpy. 3**Sturdy. 4††Radical, of, or pertaining to, a root. 5**Chopping.
——achadh, -aidh, *s.m.* Establishing,founding, settling. 2 Taking root. A' b—, *pr. part.* of bunaich.
——achainnt, *s.f.* Etymology.
bunachar, -air. -an, *s.m.* Foundation. 2 Base, bottom. 3 Root. 4 Authority. 5 Etymology. 6*Dependence, confidence, trust.—*Islay.* 7**Radix. Na dean *b.* sam bith á sin, *place no confidence in that* ; cha'n 'eil *b.* eil' agam, *I have nothing else to depend on—Islay*; O 'bh. luaisgidh an talamh, *the earth shall quake from its foundation.*
bunachas, -ais, *s.m.* Foundation, root, principle. 2 Etymology. 3 Authenticity, authority. Faclair bunachais, *an etymological dictionary.*
———ach, *a.* Authentic. 2 Well-founded. 3 Etymological. 4 Radical. 5††Fundamental.
bunadas, -ais, *s.m.* see bunadh.
bunadh, -aidh, *s.m.* Origin, stock. 2 Root, foundation. 3††Habitation.
†bunadhas,** -ais, *s.m.* Institution.
†———ach,** *a.* Institutionary.
bunaich, *pr.pt.* a' buanachadh *v.a.* Found, establish,make firm. 2 Take root. 3 Depend on.
———te, *a. & past pt.* Established, founded, rooted.
bunaideach, *a.* see bunaiteach.
———d, *s.f.* see bunaiteachd.
bunaidh, *s.m.* Habitation. Gu bunaidh, *for ever.*
bunail, *a.* Radical.
———t, *s.f.* }
———teach, *a.* }
———teachd, *s.f.* } see bunait——.
———teas, *s.m.* }
bunain,‡‡ *s.pl.* Stubble.
bunait, -e, -ean. *s.m.* Steadiness, constancy. 2 Basis, sure foundation. 3 Inflexibility, firmness. 4 Perseverance. 5‡‡Dwelling. Bunaitean an domhain, *the foundations of the earth.*
———each, -eiche, *a.* Steady, grounded, fixed, stable. steadfast, immovable. 2** Authentic. 3**see banaiteach.
———eachadh, -aidh, *s.m.* Founding, establishing. A' b—, *pr.part.* of bunaitich.
———eachd, *s.f.* Steadiness. firmness, constancy. 2 Inflexibility. 3 Safety.
———eas, -eis, *s.m.* Same meanings as bunaiteachd.
———ich, *pr. pt.* a' bunaiteachadh, *v.a.* Found, establish. 2 Inherit. 3 Possess. 4 Fix an abode. 5* Inhabit.
bunamas, -ais, *s.m.* see bunntamas.
bunamhas,* -ais, *s.m.* see bun-mhàs.
———achd,** *s.f.* Radicality.

bunan, (*pl.* of bun) Stubble.
bunan, -ain, *s.m.* (*dim.* of bun) Little root or stump. 2‡‡Stubble root.
bunanta, -ainte, *a.* Strong, stout, steady, sturdy, firm. 2 Well-set, having a good bottom or foundation. 3††Constant, steadfast.
————chd, *s.f.* Firmness, steadiness. 2 Sturdiness.
bunasach, -aiche, *a.* Firm, solid, steady. 2‡‡ Well-founded. 3 Authentic. 4 Stout.
bun-bhean, (declined like *bean*) *s.f.* Female of discreet years.
bun-bhuachaill,¶*s.m.* Northern diver, see muir-bhuachaill.
bunchailleach, -eich, *s.f.* Old woman.
bunchar, -air, -an, *s.m.* bunachar.
bun-chiall, -chéill, *s.f.* Moral having a concealed meaning.
————ach, -aiche, *a.* Concealing a moral, as a fable.
†bun-chìs, *s.f.* Chief rent, tribute paid to a monarch. 2 Pension.
————each,** *a.* Pensionary.
bun-chì-ear,** *s.m.* Pensioner.
†bun-chìsiche, -an, *s.m.* Pensioner.
bun-chùis, -e, -ean, *s.f.* First cause.
bun-chuisleach, -lichean, *s.f.* Foot-stalk.
bun-dearg,(AC) *s.m.* Red swelling (disease in cattle.)
bun-dubh, -uibh, *s.m.* That part of a root which is underground and comes up by pulling. 2 Lowest tiers of sheaves in a corn-stack. 3DU Roots of bracken, used as thatch for houses or corn-stacks.
†bundun, *s. m.* Foundation. 2‡‡Fundament. 3 Blunder.
†————ach, *a.* Ungainly.
bun-feam,(AC) } see bun-feann.
bun-feamainn, }
bun-feann, *s.m.* Tail, root of the rump.
bun-feòir, *s.m.* Hay-stubble, orts.
bun-fhàth, -a, *s.m.* Primary cause.
bunglas,¶ -ais, *s.m.* Purple mealie-grass—*molinia cærulea.*
bun-luchd,*s.pl.* Original inhabitants,aborigines.
bun-mhàs, -ais, *s.m.* Buttock.
————ach, *a.* Having large buttocks. 2 Of, or belonging to, the buttocks. 3 Strong in the bottom.
†bunn, *s.m.* Work.
bunna,(AF) *s.m.* Northern diver, see muir-bhuachaill.
bunna-bhuachaill,¶ *s. m.* Great auk, see gearra-bhail. 2 Northern diver—*W. Isles* (1M) see muir-bhuachaill.
bunnachar-bac,(AC) *s.m.* The horizon. 2(AH) Eaves of a thatched house.
bunnachas,(AH) -ais, *s.m* Stability.
bunnan, -ain, *s. m.* Bittern. 2 (AF) Black beetle, crawler.
bùnndaist, -e, -ean, *s.m.* Fee, wage, perquisite, bounty. 2††Thrashing. 3††Grassum. 4‡‡ Weaver's fee, paid in kind.
bùnnlum, -uim, *s.m.* Steadiness, solidity. 2 Self-command.
————ach, -aiche, *a.* Solid, steady.
bun-nòs, -nòis, *s.m.* Old custom.
bùnnsach, -aich, -aichean, *s.f.* Rod. 2 Osier twig, (see fineamhuin.) 3 Place where osiers grow. 4 Sudden rush.
bùnnsag, -aig, -an, *s.f.* see bùnnsach.
————ach, *a.* Twiggy.
bùnnsaidh, -e, *a.* Firm, solid, strong, having a good bottom.
bunntair,(AC) *s.m.* Foundation of a house.
bùnntam, -aim, *s.f.* Solidity, steadiness, sedateness.

————ach, -aiche, *a.* Shrewd, sensible. 2 Steady, sedate.
————as,-ais, *s.m.* Deep discernment,shrewdness. 2 Quickness of comprehension. 3 Solidity, steadiness.
bun-os-ceann, *adv.* Upside down, topsy-turvy.
bun-os-cionn, see bun-os-ceann.
bun-rannsachadh,** *s.m.* Analysis.
bun-rannsachail,** *a.* Analytical.
bun-rannsaich, *v.a.* Analyze.
bùnsach, *s.f.* see bunnsach.
bùnsag, see bùnnsach.
bùnsaidh, see bùnnsaidh.
buntais,** *s.pl.* Perquisites.
buntàta, *s.m.* (*s. & pl.*) Potato, potatoes—*solanum tuberosum.* Tha am buntàta bruich, *the potatoes are boiled.*
————-tachair, *s. pl.* Potatoes left in the ground during winter.
————-talmhuinn, DU see buntàta-tachair.
buntuinn, (a) *pr.pt.* of buin. Belonging to, meddling with, touching, taking away. 2†† Dealing. A' *b.* ris gu nàimhdeil, *persecuting him.*
————eas,** *s.m.* Adjunct, appendage, appurtenance, concomitant. 2 (AH) Blood or family relationship.
†bunudhasach, *a.* see bunasach.
†bùr, -uir, *s.m.* Boor, clown, boorish person. 2 Swelling of anger. 3‡‡Sot.
†bùr, *poss.pron.* (now bhur) Your.
bura-bhuachaill,¶ *s. m.* Northern diver, see muir-bhuachaill.
bùrach, -aich, *s.m.* Searching or turning up the earth, delving, digging. †2 Exploit. †3 File of soldiers. †4 Swelling, tumour, sore.
caogail, -e, *s.f.* Winking, squinting.
caogair, -ean, *s.m.* Blinkard.
caogluidheachd,‡‡ *s.f.* see caochlaideachd.
caog-shuil, -shul, *s.f.* Eye that winks. 2 Squint-eye.
caog-shuileach, -eiche, *a.* Winking, blinking. 2 Squint-eyed.
caoi, (AF) see caolag.
†caoi, see caoidh. 2 Ways and means.
caoibean, (AC) *s.m.* The first five or six inches of warp uncrossed by the weft at the beginning of the web, thrum.
†caoich, *a.* Blind of an eye.
†———e, *s f* see caoichead.
†———ead, *s.f.* Blindness.
caoichealachd, *s.f.ind.* Noisy, turbulent, obstreperous or clamorous mirth.
caoicheil, -e, *a.* Mad, insane. 2 Abounding in noisy merriment.
caoideag, *s.f.* see cuiteag.
caoidh, -e, *s.f.* Lamentation, weeping, wailing, mourning. 2 Lament, wail, moan. 3**Decency. A' c—, *pr.pt.* of caoidh.
caoidh, *pr.pt.* a' caoidh, *v.n.* Lament, mourn, bewail, weep, wail. Cha chaoidh am prìosanach, *the prisoner shall not mourn.*
caoidh-chòmhradh, -aidh, *s.m.* Mournful expressions. 2 Wailing voice. Dh'fhàilnich a *c.-ch, her wailing voice ceased.*
caoidh-chòradh, see caoidh-chòmhradh.
caoidheach, -eiche, *a.* Mournful, wailing, weeping.
caoidheadh, -idh, *s.m.* Mourning, wailing, lamenting, deploring. A' c—, *pr.pt.* of caoidh. Turlach a' c.a chloinne, *Turlach lamenting for his children.*
caoidheag, see caoineag.
caoidhear,** *s.m.* Bemoaner.
————an, -ain, *s.m.* Wailing. 2 Low murmuring sound. 3 Mournful voice.
————anach.†† *a.* Mournful, plaintive.
caoidh-ghuth, *s.m.* Plaintive voice.
caoidh-ràn, -àin, s.m. Moaning.
caoidhrean, -ein, *s.m.* see caoirean.
caoil, *gen. sing. & n. pl.* of caol.
caoil,†† -ean, *s.m.* Twigs, wands.
caoile, *comp.* of caol.
——, *s.f.ind.* Leanness. 2 Smallness. 3 Attenuation. 4 Narrowness. 5 Dearth, want of fodder for cattle. 6 ‖Starvation. 7**Trouble. 8**Destruction 9**Distemper among sheep and goats. 10‡‡Waist. Fhuair e bàs leis a' chaoile, *he died of starvation* ; crodh leis a' chaoile, *the cattle starving for want of fodder.* [In senses 5. 6, & 9, it is preceded by the article, *a' ch—.*]
caoilead, -eid, *s. m.* Smallness, slenderness, leanness. 2 Fineness, as of linen or yarn, 3 Progression in leanness. A' dol an caoilead, *getting leaner and leaner.*
caoilich †† *pr.pt.* a' caoileachadh, *v.n.* Make slender, attenuate.
†caoille, *s.f.* Land.
caoillean, -ein, caoilleanan, *s.m.* Small twig or osier used in wicker-work.
caoiltean, *pl* of caol, *s.*
caoimh, *a.* see caomh.
caoimh, *gen. sing. m.* of caomh.
caoimhe, *comp.* of caomh.
———ach, -aich, *s.m.* see caomhach.
———ach, -eiche, *a.* Kind, polite, friendly.
———achan, -ain, *s.m.* Entertainer. 2 Hospitable person. 3 Beloved person.
———achas, *s.m.* Society. 2 Social love. 3 Hospitality.
caoimhne *s.f.* see caoimhneas. Caoimhneort, *be gentle, be affable.*
caoimhneag, see caomhnag.
caoimhnealachd, *s.f.* Kindness, benevolence, affability. 2 Courteousness. 3 Agreeableness to the touch.
caoimhnealas, -ais, *s.m.* see caoimhneas and caoimhnealachd.
caoimhneas, -eis, *s.m.* Kindness, mildness, affability. 2* Kind turn. Dean *c.* dhomh, *show kindness to me.*
————ach, -aiche, *a.* Kind, mild, affable. 2 Benevolent.
caoimhneil, -e, *a.* Mild, kind, courteous, genial, gentle, favourable, affable, lenient. 2 Friendly. 3 Obliging. 4 Affectionate. Coltach ris a' Chuan-an-Iar, mar is crosd' i 's ann a's caoimhneile, *like the Western sea, the wilder the kinder*—this is literally true, for the more unsettled the sea, the larger are the quantities of drift-ware and wreckage cast ashore ; an samhradh caoimhneil, *the genial summer;* gu caoimhneil, *kindly.*
caoimh-sgiath, -sgéith, -an, *s.f.* Shield.
†caoimhtheach, *s.m.* Inmate, bed-fellow, lodger.
caoimhtheachas, -ais, see caoimheachas.
†caoimhtheachd, *s.f.* Protection. 2 County.
†caoimin, *s.f.* Eyebright (plant.) 2 The murrain.
†———each, *s.f.* Common for cattle.
caoin, *pr. part.* a' caoineadh, *v.a.* & *n.* Weep, wail, deplore. 2 Howl. 3 Regret. Cha chaoin òighean, *virgins shall not weep.*
——, -e, *a.* Kind, mild, pleasant, gentle, tender. 2 Delightful. 3 Dry, seasoned, as hay, sheaf-corn, &c. 4 **Smooth, smoothly polished. 5 ** Soft, mellow. 6** Lowly.

Mar aisling *ch., like a pleasant dream* ; caoin-chnàmh, *a polished bone*; a' taghadh chlacha caoin, *choosing smooth stones* ; caoin-sian, *a gentle shower.*

caoin, -e, *s.f.* The exterior surface of cloth, vulgarly called the "right" side 2 Rind. 3 Kindness. 4 Sward. Caoin uaine, *green sward* ; bhris e caoin an leathrach, *he broke the surface of the leather* ; caoin is as-caoin an aodaich, *the "right" and "wrong" side of the cloth*; chuir mi caoin air as-caoin, *I got into a great rage.*

caoin-air-ascaoin, *adv.* Inside out.

caoin-chaithlinn, *s.f.* Name of a star.

caoin-cheann,‡ *s.m.* Cotton-sedge (plant), see canach.

caoin-chronachadh,‡ *s.m.* Admonition.

caoin-chronaich,* *v.a.* Admonish.

caoine, *comp.* of caoin.

†caoineach, -ich, *s.m.* Stubble. 2 Moss, see còinneach.

caoineachadh, -aidh, *s.m.* Drying, as of hay, exposure to the sun's heat for the purpose of drying. A' c—, *pr.part.* of caoinich. A' caoineachadh na saidhe, *drying the hay.*

caoineachag, see caoineag.

†caoineachan, -ain, *s.m.* Polisher of stone.

caoineachas, -ais, *s.m.* Peace, mildness, tranquility. 2 see caoinmhneas.

caoineadh, -idh, *s.m.* Weeping, crying, lamentation. 2**Wailing, howling. A' c—, *pr pt.* of caoin.

caoineag,(AC) [*lit.* weeper] *s.f.* Naiad who foretells the death of, and weeps for those slain in battle.

caoinear,* *s.m*, Sheer indifference.

————ach,* *a.* Indifferent, careless.

caoineas,** -eis, *s.m.* Lamenting.

†caoineasgar, -air, *s.m.* Fort. 2**Garrison.

caoineis,* *s.m.* Taking off, gibing, jeering.

————each,* *a.* Indifferent, apt to gibe or take off.

————eachd,* *s f.* Assumed indifference, fastidiousness, foolish pride.

caoin-gheal, *a.* White and soft. Do chanach caoin-gheal, *thy soft white mountain-down.*

caoinich, *pr.part.* a' caoineachadh, *v.a.* Dry, expose to dry, season. 2 Make smooth.

†caoinich, *s.f.* Cotton.

caoin-iochdach, -aiche, *a.* Compassionate.

caoinleach,** -lich, *s.m.* Corn-stubble.

caoin-luholadh,‡‡ -aidh, -aidhean, *s.m.* Blandation.

caoin-shuarach, -aiche, *a.* Indifferent, careless.

————————d, *s.f.ind.* Indifference, carelessness.

caointeach, -eiche, *a.* Sad, sorrowful, mournful, melancholy, whining. Bha 'acain caointeach, *his moan was mournful* ; *c.* fad na h-oidhche, *mournful all the night.*

————-—, -tich, *s.m.* Mourner, whiner.

————-—,* *s.f.* Female fairy or water-kelpie, whose particular province it was to warn the members of her favourite clans of the approach of death, by weeping and wailing opposite the kitchen-door.

caointeachag, see caoineag.

caointeachan, *s m.* see caointeach, *s.m.*

caointeag, (AC) see caoineag.

caoir, -e, -ean, *s. f.* Firebrand. 2 Blaze of fire, fiercely burning, accompanied by noise. 3 Rapid torrent. 4 Foam with sparks of fire in it, as in a stormy sea, phosphorescence. 5‡‡ Coal. 6** Gleams, flames, flashes. 7** Thunderbolt. 8 (AF) see caora. 9†† Red-hot iron. Na tonnan 'nan caoir, *the waves like flame ;* a' choille 'na caoiribh, *the wood in flames*; caoir dhealan, *gleams of lightning ;* a' mhuir 'na caoiribh geala, *the sea in white foam*; slios na beinne 'na aon chaoir gheal, *the hill-side one mass of white foam* (because the rain had so increased the rivulets.)

caoi-ràn, see caoidh-ràn.

caoir-bianag,(MMcD) *s.f.* Phosphorence, gleam in the sea. 2 Effulgence thrown off by decaying fish.

caoir-chon,‡ Guelder-rose, see céir-iocan.

caoir-dhris, -e, *s.f.* Thicket of thorns or brambles.

caoireach, *a.* Sparkling, gleaming, flashing, flaming. 2**Fiery, impetuous. 3 Flagrant.

caoireag, -eig, -eagan, *s.f.* Small dry peat. 2 Small piece of coal. 3 Small peat or piece of coal on fire. Cha tuit caoireag á cliabh falamh, *fuel will not fall from an empty creel.*

————ach, *a.* Full of dry peats or small pieces of coal. 2**Crumbled, like peat or coal.

caoireall, see caireal.

caoirean, -ein, -reanan, *s. m.* Plaintive song, plaintive sound. 2 Soft sound, purling sound. 3 Wailing, mournful voice. 4** Murmur, moan. 5**Cooing of a dove. 6**Brawl. 7 see caoireag. *C.* na coille, *the murmur of the wood ;* ri sìor-chaoirean, *making a continual plaintive sound, wailing.*

————ach, *a.* Moaning, murmuring, gurgling, purling. 2**Brawling

————achd, *s.f.* Frequent or continued murmuring or moaning, purling noise.

caoir-gheal, -ghile, *a.* Glowing hot, bright flaming, white-hot, heated to incandescence. 2** Emitting sparks.

————-—,(AH) *s.* White crest of waves in a gale.

caoiribh, see caoraibh.

caoirich, see caoraich.

†caoirin, *s.f.* Little sheep. 2 Little berry.

caoirin-leana, *s. f.* Marsh or dwarf valerian—*valeriana dioica.*



113. Caoirin-leana.

†caoirl, *v.a.* Beat with a club.

caoir-lasair, -lasrach, -lasraichean, *s.f.* Flaming coal. 2 Sparkling flame.

†caoirle, *s.m.* Club.

†caoirleachd, *s.f.* Tossing or driving with clubs.

caoirnean,-ein,-ean, *s.m.* Globule of sheep or goats' dung. 2‡‡ Drop of any liquid

caoir-sholus, -uis, *s.m.* Gleaming light. 2 Effulgence.

caoirtheach, -eiche, *a.* Fiery, impetuous. 2 Sparkling, gleaming. Sruth *c.* bho chruaich nam beann, *a fiery stream from the brow of the mountains.*

caoir-teine, AC) *s.f.* Fire sparkles, blaze of fire. 2 Firebrand. Tha 'n duine 'na chaoire dearg a teine, *the man is in red sparkles of fire.*

caoir-theinntidh,** *s.f.* Thunderbolt.

†caois, *s.f.* Farrow pig, young pig. 2 Furrow.

†caoiseachan, -ain, *s.m.* Swine-herd.

†caoitein, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *kitten.*

†caoithearan, -ain, see caoidhearan.

caol, caoile, *a.* Small, slender, thin, lean, lank, attenuated, narrow. 2**-thrill-toned. Dh' fhighinn breacan a bhiodh caol dhuit, *I would weave tartan for you that would suit you well;* ceòl caol, *shrill high-tone music ;* is caol an teud as nach seinn e, *it is a slender string that he cannot take a tune from.*

caol,caoil, *pl.* caoiltean, *s.m.* [& -aoil,] Narrow strait, sound, firth. 2**Narrow part of a ri-

ver. 3**Smaller part of anything. 4 (AC) Osiers. 5‡‡Pile. Fo chaol nam marbh, *under the pile of the dead ;* a' seòladh troimh na caoiltean, *sailing through the straits ;* caol an droma. *the small of the back;* caol an dùirn, *the wrist;* caol na coise, *the ankle ;* ceangail a chaoil, *bind him hand and foot ;* an taigh caol, *the narrow house (grave) ;* caol a' chalpa, *the small of the leg.* "Caol ri caol," a rule observed by most writers of Gaelic. It prescribes that the vowels which flank any consonant, should, if narrow on one side, be narrow on the other also, as: buailteach *(liable)* not buailtach ; oillteil, *(shocking)* not oilltail. Grinne caoil, *a bundle of osiers.*

caol-abhainn,** *s.f.* Narrow river.

caolach,** -aich, *s.m.* Wattles.

caolach, *s.f.* Fairy flax. 2 Worst part of corn.

———— -aifrinn, *s.m.* Prayer - or mass-bell.

————adh, -aidh, *s.m.* Act of making small, thin, or slender.

†caoladh-adhbhair, -ean, *s.m.* Less cause.

caolag, } (AF) *s.f.* Cuckoo, see
———— -riabhaich, } cubhag.

caolaich, *pr.part.* a' caolachadh, *v. a.* Make or grow small or slender. 2 Attenuate. 3 Diminish, lessen. 4 Taper. Caolaichidh tu a chasan, *thou wilt make his legs slender.*

————te, *past part.* Made slender.

caolan, -ain, *s.m.* Small gut, tripe, entrail. *C.* -cait, *cat-gut.*

————ach, *a.* Like guts, of, or belonging to a gut, made of guts. 2 Intestinal.

caolas, -ais, -an, *s. m.* Firth. 2 Strait. 3 **Ferry. Snàmhaiche a' chaolais, *the swimmer of the strait.*

caol-chasach, -aiche, *a.* Having small or slender legs. 2 Slim-footed.

caol-chòmhnuidh, *s.f.* Narrow abode, grave.

caol-chorpach, -aiche, *a.* Slender-bodied.

caol-chromadh, -aidh, *s,m.* Narrow curve. *C.* na gealaiche, *the narrow curve of the moon.*

caol-chruth, -an, *s.m.* Slender form.

————————ach, -aiche, *a.* Slender-formed.

caol-dearrsa, *s.f.* Name of a star.

†caol-fail, *s.f.* (caol, *slender* + fàil, *spite, malice*) Nettle, see deanntag.

caol-fairge, *s.m.* Strait, firth, narrow part of the sea.

caol-ghealach,** -aiche, *s.f.* The New Moon. 2 The Old Moon. A' chaol-ghealach troimh neul, *the new moon (seen) through a cloud.*

caol-ghleann,** -ghlinn, *s.m.* Narrow valley, glen. Air astar an caol-ghleann, *travelling in the narrow valley.*

caol-ghlòireach, see caol-ghuthach.

caol-ghlòrach, see caol-ghuthach.

caol-ghruagach,** *a.* Thin-maned. Each caol-ghruagach, *a thin-maned horse.*

caol-ghuth,** *s.m.* Shrill voice.

————————ach, -aiche, *a.* Shrill, having a shrill voice.

caol-mhala, *pl.* mhalaichean, *s.f.* Finely-arched and narrow eyebrow.

————————ch, -aiche, *a.* Having narrow eyebrows.

†caol-mhaor, *s.m.* Apparitor.

†caol-mhìosachan, *s.m.* Purging flax.

caol-mhìosachan,§ *s.m.* Fairy flax, see lìon na mna-sìth.

caol-mhuingeach, -aiche, *a.* Small or narrow maned.

caol-pheirceallach,† *a.* Chapless.

caol-shrath, -a, -an, *s.m.* Narrow plain, strath, or valley.

caol-thearnadh, (AH) *s.m.* Narrow escape.

caomh, caoimh, *s.m.* Friend. 2 Beloved object. 3 Kindness, friendship, hospitality. 4** *rarely* Feast. An tog mi mo shiùil 's gun chaomh am fagus? *shall I hoist my sails without a friend being near ?* caomh mo theach, *the hospitality of my house.*

caomh, *v.a.* see caomhain.

†caomh, *s.m.* The follicle or seed-vessel which some fruits and flowers have over them.

caomh, -a [& caoimhe,] *a.* Kind, meek, gentle, mild, tender. 2 Dear, beloved. 3‡‡ Handsome. †4‡‡Noble. Labhair e gu caomh ris a' ghruagaich, *he spoke kindly to the damsel;* cha chaomh leam e, *I do not like him.*

†caomh, *a.* Little.

†caomha, *s.f.* Skill. 2 Knowledge. 3 Poetry, versification.

caomhach, -aich, *s.m.* Friend, bosom friend. 2 Associate. 3 Bed-fellow. 4**Stranger. Gun mhac gun *ch., without son or friend.*

----————as,* -ais, *s.m.* Chambering, sensuality, dalliance.

caomhachd,†† see caomhachdas.

----————as, -ais *s. m.* Affection, sociality, kindness.

caomhag, -aig, -an, *s.f.* Mildly-tempered, kind female. 2 Affectionate girl. 3(DU) Form of addressing a female. A chaomhag ! *my lassie!*

caomhaich, *pr.pt.* a' caomhachadh, *v.a.* Cherish, fondle. 2††Pacify, sooth.

†caomhaidh, *s.m.* Man expert in feats of arms.

caomhail, -e, *a.* see caoimhneil.

caomhain, *pr.part.* a' caomhnadh, *v.a.* Spare, protect, save. 2 Reserve. 3** Economize. *C.* gus am màireach e, *save it till to-morrow;* na *c.* e, *do not spare it.*

caomhainn, see caomhain.

caombalach, -aiche, *a.* Kindly, of a mild, gentle disposition or manner.

————————d, *s.f.* Kindness, affability, gentleness. 2††Mildness. Lagh na *c.*, *the law of kindness.*

caomhan, -ain, *s.m.* Noble, affable, kind, friendly man. 2 Beloved person. 3 Friend. †4 Nobleman. A chaomhain ! *my dear sir !*

————ach, -aich, *s.m.* Friend, companion.

----————ach, -aiche, *a.* Mild, merciful, benevolent.

----————tach, -aiche, *a.* Saving, frugal, economical. 2**Protecting. 3* Stingy.

————tachd, *s.f.ind.* Frugality, economy. 2 Parsimony, saving disposition.

†caomhchladh, see caochladh.

†————————ach, see caochlaideach.

caomh-chridhe, -eachan, *s.m.* Tender or affectionate heart.

————————ach, *a.* Tender-hearted, kind, affectionate.

caomh-chruth, *s.m.* Slender form or person, as of a female.

————————ach, -aiche, *a.* Slenderly formed.

†caomhdha, *s.m.* Poetry, versification.

caomh-ghràdh, -ghràidh, *s. m.* Tender mercy, compassionate kindness.

caomh-lasair, -lasrach, -lasraichean, *s.f.* Pleasing flame.

caomh-leus, -eòis, *s.f.* Pleasant blaze.

†caomhna, see caomhan.

caomhnach, -aich, *s.m.* Friend. 2 Feeder.

----————, -aiche, see caomhantach.

caomhnadh, -aidh, *s.m.* Economy, saving, sparing, parsimony, frugality. 2* Reserving. 3**rarely* Protection. A' c—, *pr. part.* of caomhain. Dean *c.*, *spare* ; *c.* math air a' bheagan Beurla agus a' Ghalltachd gu léir romhainn ! *use your little English sparingly with the whole of the Lowlands before us !*

†caomhnam, *v.a.* I spare, save, reserve.
†caomhnasgar, *s.m.* Defence.
caomh-shrath, -a, -an, *s.m.* Pleasant valley.
caomhuinn, see caomhain.
†caon, caoin, *s.m.* Resemblance.
†caon, *v.a.* Resemble. 2 Refer.
caon,** *v.a.* Conceal.
†caonaran, -ain, see aonaran.
caon-bhuidhe, *s.f.* Gratitude.
†caon-dùrachd, *s.m.* Love, devotion.
caonnag, -aig, -an, *s.f.* Fight, skirmish, fray, squabble. 2** Boxing match. 3**Nest of wild bees. Daoine nach d' rinn caonnag, *men who fought not*; dheanadh thu caonnag ri d' dhà lurgainn, *you would quarrel with your own two shins.*
caonnagach, -aiche, *a.* Fond of fighting or boxing. 2 Riotous, quarrelsome.
†caonta, *a.* Private.
caonntach, -aiche, *a.* see caomhantach.
————d, see caomhantachd.
caor, *gen.* caoire, *dat.* caoir, *pl.* caoran, see caoir.
caor, -a [& caoir**], -an, *s.f.* The berry of the rowan or mountain ash. 2(AC) Any red berries, or red bodies of a globular form. 3 see caoir.
caora, *s.f. irreg.* Sheep. 2 (*in derision*) Sheepish person. Declined thus:—

Nom. Sing.	caora,	*pl.*	caoraich.
Gen.	caorach,[caoire‡‡ caoir,**]		caorach.
Dat.	caora,		caoraibh.
Voc.	a chaora !		a chaoraich !

Am bun nan caorach, *looking after the sheep*; o chrò nan caorach, *from the sheep-fold.*

NAMES OF SHEEP AT DIFFERENT AGES :—
[*G.* is for Gaelic name ; *S.* for Eng. name in Scotland ; *E.* for Eng. name in England.]
MALE & FEMALE before weaning —
G. uan,(*s.m.* —*never s.f.*)*S & E lamb.*
uan firionn, *a male lamb* ; uan boirionn, *a female lamb.*
FEMALE, after weaning till 1st shearing :
G. òthaisg. Ciora, uan—*Lewis.* 2 (If it had a lamb), fiar-òthaisg, *a crooked hogg.* the lamb being called, uan na fiar-òthaisg. If small or inferior, òthaisg is called, seot. *S.& E. ewe-teg, ewe-hogg.*
after 1st shearing :
G. caora bhliadhnach. Tiaraineach, òthaisg bhoirionn—*Lewis.* 2 (If with lamb), òthaisg, the lamb being called, uan òthaisge. *S. gimmer, E. gimmer, theave.*
after 1st. shearing, if not put to ram :—
G. Dionag.
after 2nd shearing, if with lamb :—
G. caora uain. Dà bhliadhnach—*Lewis. S. twinter* ; *E. two-shear ewe.*
after 2nd shearing, if not with lamb :—
G. caora sheisg, *S. barren twinter*; *E. two-shear ewe.*
after 2nd shearing, if not put to ram :—
G. Dà bhliadhnach seasg. Caora-chiatain, (MMcD)—*Lewis. S. eild gimmer ; E. two-shear ewe.*
after 3rd shearing :—
G. Tri bhliadhnach. In *Lewis* if barren, *crogais* ; if with lamb, *caora uain. S. winter ewe* ; *E. three-shear ewe.*
after 4th shearing :—
G. crog,(AH) *S. aged ewe, three winter ewe.*
when ceasing to give milk :—
G. caora sheasg, *S. yeld ewe.*
when taken from the breeding flock, regardless of age:—
G. crog,(AH) *S. draft ewe.*
when taken from the breeding flock as unfit to breed from :—
G. crog, *S. draft gimmer.*
MALE (not castrated.)
from weaning till first shearing :—
G. uan reithe, *S. up-hogg* ; *E. hogg, hogget, hoggerel, tup teg.*
after 1st shearing :—
G. reithe, bhadhnach reithe. Aona bhliadhnach reithe,—*Lorn.* Tiaraineach, tiaraincach rùid,(MMcD)—*Lewis. S. dinmont tup ; E. shearling, dimmont tup, one shear tup.*
after 2nd shearing :—
G. dà bhliadhnach reithe. Dà bhliadhnach rùid,—*Lewis. S. two shear tup*; *E. two shear ram,*
after 3rd shearing :—
G. Tri bhliadhnach reithe, seann reithe(AH.) Rùd, seann rùd.—*Lewis. S. aged tup* ; *E. three shear ram.*
after 4th shearing :—
G. Seann reithe, ceithir bhliadhnach reithe. Ceithir bhliadhnach rùid, seann rùd—*—Lewis. E. four shear ram.*
MALE (castrated.)
from weaning till first shearing :—
G. Uan firionn, uan spothta—*Lewis.* Òthaisg fhirionn, (*s.f.*)—*Lorn. S. he-teg, wether hogg* : *E. wether teg.*
after first shearing :—
G. Bliadhnach mult, Òthaisg fhirionn, tiaraineach mult—*Lewis.* Còig ràitheach mult,(JM)—*Skye.* Sè ràitheach muilt, (spelt according to local pronunciation) bliadhnach muilt, (*lit.* yearling of a wether—DM) *after 1st. Hallowe'en O.S. —Lorn. S. dimmont* ; *E. shear hogg, wether hogg.*
after 2nd shearing :—
G. mult,—*Lorn.* Dà bhliadhnach mult—*Lewis. S. two shear wether* ; *E. two tooth wether.*
after 3rd shearing :—
G. Tri bhliadhnach mult—*Lewis. S. wether*; *E. three tooth wether.*
after 4th shearing :—
G. ceithir bhliadhnach mult—*Lewis. E. four tooth wether.*

Sheep are often described in LORN as :—
Aona bhliadhnach caoire, *one yearling of a sheep* ; dà bhliadhnach caoire, *two yearling of a sheep*, &c.

In LEWIS, after 3rd. shearing, the females are generally named according to the number of times they have lambed, till the 7th. or 8th. lamb, when they are called *seann chaora*, and are taken away to be killed. The castrated male after 4th. shearing, is called *ceithir bhliadhnach mult* to *seachd* or *ochd bhliadhnach mult*, when they become useless for wool &c. In Ness, and neighbourhood, the uncastrated male is called *rùda* after 2nd. shearing for the rest of its life.

In PERTHSHIRE the following are the most usual names :—Uan boirionn, uan firionn, uan reithe, *till Nov. 11 then* òthaisg bhoirionn, òthaisg fhirionn, òthaisg reithe, *then* bliadhnach mult, dionag, reithe. Ath-dionag, *3-year old*; caora ceithir bhliadhnach, *4-year old*; crog, *cast ewe*; sè raitheach, *six-quarter old gimmer*; deat, *unshorn year-old sheep or wether.*

OTHER NAMES:—
caora bhainne, *milk ewe.*
caora bheannach, *4-horned sheep of Uist &*

St. *Kilda.*
caora bhrogach,(MMcD) *Speckled or spotted sheep.*
caora càraid, *sheep with twins.*
caora cheaslach, *coarse woolled sheep.*
caora cheannan (ceann-fhionn) *white-faced sheep.*
caora chileach, *piebald or speckled sheep.—Lewis.*
caora dhubh, *black sheep.*
caora dhubh-cheannach, *black-faced or Highland sheep.*
caora gheal, (AH) *white sheep, in contradistinction to the smeared or dipp'd members of a flock.*
caora mhaol, (*lit. hornless*) *Cheviot sheep.*
caora mholach, *heavy fleeced sheep.*
caora Nollaig, *fat sheep for butcher at Xmas.*
caora reamhar, *fat sheep for butcher.*
caora Shasunnach, *English sheep.*
caora sheasg, *a yeld sheep.*
caora uain, *a breeding sheep.*
ceireag, see ciora.
ceireagan, see ciora. Crò nan ceireagan, (from old *port-a-beul.*)
ciora, *pet ewe-hogg or sheep.*
cireag, see ciora.
ciridh, see ciora.
crog,(AH) *cast ewe, age depending on breed and kind of pasture.*
crog,‡‡ *sheep past bearing.*
deata, *year-old unshorn ewe hogg.*
dìonag, *do. after first shearing.* 2‡‡ 2-year old sheep or goat.
feirmige, *ram with one of its testicles wanting.—Lewis.*
leth uan, *twin lamb.*
reige, *ridgling.*
rige, *ram only partly castrated.—Lewis.*
reithe studhach, see rùda studhach.
rùdan, -ain, -an, *little ram, ridgling.*
rùda studhach, *ram with short tail.—Lewis.*
sagart—*Lewis*, see feirmige.
sùgan, *pet lamb.*

†caora (*for* caoran) Bunches of berries. 2 Grapes
caora-bada-miann,§ *s.f.* Stone-bramble—*rubus saxatilis.*
caora-beanach, (AF) see under caora.
caora-bheanan, for caora-bheanach.
caorach, *gen. sing. & gen. pl.* of caora.
caorachd,** *s.f.* Stock of sheep. 2 Sheep. 3 Cattle. 4 Sheepishness.
caora-dhromain, *s.f.* Elder berry.
caora-feannaig, -aig, -an, *s.f.* Crowberry, see lus-na-feannaig.
caora-feullain,* *s.f.* Ivy berry.
caora-fiadhag, see caora-feannaig.
caora-fithich,†† see lus-na-feannaig.
caorag,** -aig, -an, *s. f.* Small dry peat, dry clod or turf.
caorag-lèana,§ *s. f.* (*lit.* marsh spark) Ragged-robin, see currachd-na-cubhaig.
caoraibh, *dat.pl.* of caora.
caoraich, *n. & dat. pl.* of caora.
caora-mhadaidh, see caor-chon.
caoran, -ain,-an, *s.m.* Third or bottom row of peat cut from a bank with the "toirsgian"—*Lewis* (M. McD.) 2 Dry clod. 3(DU) Small shoal or school of fish, as haddock, &c. 4 Fragment of peat. 5 Ember.

114. Caora-bada-miann.

caora mnaol chàn,(AH) *s.f.* (*lit.* white Cheviot sheep) Skittish, timid, poor-spirited person, milk-sop.
caoran, *n. pl.* of caor.
caorann, see caorunn.
caora-staoin, *for* caor-aitinn, see aitionn.
caor-bheirteach, *a.* Producing berries, rich in berries.
caor-chon,§ *s.f.* Dog-berry—*viburnum opulus.* 2 Guelder rose. 3 Water elder.
caor-dhromain, see caora-dhromain.
caor-feannaig, see lus-na-feannaig.
caor-gheal,** see caoir-gheal.
†caor-lann, *s.m.* Sheep-fold.
caornag, -aige, *s f.* Wild hive. 2 see caonnag.
caor-thalmhuinn, see caorunn-thalmhuinn.
caor-theine, see caoir-theine.
caor-theinntidh,** see caoir-theinntidh.

115. Caor-chon.

caorthuinn, *for* caoruinn. 2 Sometimes used for the *nom.* caorunn.
caorunn, -uinn, *pl.* -uinn & -uinnean. *s. m.* Mountain-ash or rowan tree. 2 ‡‡Wood of the mountain-ash tree. [The berry is called *caor*, and the tree *caorunn*. In *Gairloch*, &c., *caorunn* is the berry, and *craobh-chaoruinn* is the tree—DU.]
caorunn-caoich, -uinn-, *pl.* -uinn- & -eun-, *s.m.* Species of cranberry supposed to be poisonous.
caorunn-talmhuinn, *s.m.* Earth nut. 2 Wild strawberry.
caoth,** *s.m.* Shower.
caothach,‖ -aich, see cuthach.
caothach-dan-cearc, *s.* Henbane, see gafann.
caothail(AF) *s.f.* (*lit.* wailer) Long-tailed duck, see eun-buchainn.
†caothruadh, *s.f.* Mildew.
†cap, -a, *s.m.* Cup. 2 *rarely* Cart. 3 Tumbrel. 4 Mouth. 5 Old person.
càpa, *pl.* -chan, *s.m.* Cap. 2 Top.
†capaireadh, *s.m.* Capering, cutting capers.
capalan-a'-chinn-mhóir, *s.m.* Kind of fish.
capall, see capull.
†capan, -ain, *s.m.* Little cup.
capar, -air, -airean, *s.m.* Caper, kind of pickle.
†capat,** -ait, *s.m.* Head.
cap-dheudach, -aiche, *a.* see cab-dheudach.

116. Capull-coille.

capar-coille, see capull-coille.
†capa-fhlaich, -fhlaith, *s.m.* Commander-in-chief.
capull, -uill, *s.m.* Mare. 2 *in some places* Horse. 3 Colt. [*Formerly* horse broken to the bit.]
capull-abhainn, *s.m.* Hippopotamus.
capull-coille, -uill-, *s.m.* †Capercaillie great cock of the wood—*tetrao urogallus.* (illust. on p. 166.)
capull-lin, -uill-lìn, *s.m.* Lint-beetle.
càr, caire, *a. 1st comp.* cara, Friendly. 2 Related to.
càr, -àir, *s.m.* Friend. 2 Relation. 3 *Mossy plain, fen. Mar chanach càr, *like the moss cotton*; gu'n cluinn mi mo chàra, *that I may hear my friend*; bi 'nad chàra do 'n righ, *be an ally to the king.*
car, *prep.* During, for, whilst, near about, in reference to time. Car tiota, *for a moment*; car oidhche, *for the space of a night*; car uair, *for a time, sometimes*; car mìosa, *for a month*; car greis, *for a while*; car ùine bhig, *for a little while.*
car, cuir, *s.m.* Twist, bend, turn. 2 Winding, meandering, as of a stream. 3 Trick, fraud. 4 Way, course. 5 Bar of music. 6 Motion, movement. 7 Revolution. 8 Case, *in grammar.* 9*String of beads, pearls, &c. 10 Contact, neighbourhood. 11 Direction. 12 Throw. 13 Circular motion. 14**Care. 15‡‡Plait, fold. An *c.* a bhitheas 'san t-seann mhaide, is diocair a thoirt as, *it is impossible to straighten the twist that is in the old stick*; gach car a th' ann is cleas, *all his wiles and tricks*; thug e an car asam, *he cheated me*; car a' mhuiltein, *a somersault*; tuug thu mo char is mo leth-char asam, *you have cheated me in earnest, to all intents and purposes*; na cuir car dheth, *do not overturn it*; gun aon char a chuir dheth, *without moving it*; car cuneap, *a string of beads*; car neamhnuidean, *a string of pearls*; thoir an car as, *cheat him*: thoir car mu'n cuairt, *take a turn round*; tha car eile an adhare an daimh, *there is a nother bend in the bullock's horn*; car eil' air ruidul' a' bhodaich, *another turn in the old man's reel*—this saying, and the one before it are often used when anything unexpected happens; théid sinn an car seo, *we will go this way*; car an aghaidh cuir, *twist against turn, diamond cut diamond*; gille nan car, *an artful dodger*; cha robh car ach car gu call, *everything that was done made matters worse*; a' cur nan car dheth, *dancing, very busy*; cha robh car air an t-saoghal a b'fhearr leam seach &c., *there was nothing in the world I was so fond of as &c.*
†càr, *s.m.* Cart, car, raft for carrying things on, 2 see càrr.
†càr, *s.m.* Care. 2 Jaw. 3 Fish. 4 Stone. 5** Scab, mange, itch. 6**Chariot.
†car, *a.* Brittle.
car,** *a.* see carach.
càra, *a., comp.* of càr, *akin.* Bu chàra dhuit t' obair a dheanamh, *it would better become you to do your work.*—J.G.M.
†cara, *s.m.* (ceathramh) Leg, haunch. 2 Jaw, hog's cheek.
càra, *for* càr, *friend.*
carach, -aiche, *a.* Cunning, sly, wily, tricking, deceiving. 2 Meandering, whirling, circling, winding, turning. 3 Changeable, unstable. 4 Acute. 5**see carrach. Tha 'n saoghal seo *c., this world is deceitful*; fear *c., a deceitful person*; cho *c.* ris a' mhadadh ruadh, *as wily as the fox*; am measg osnaich *ch., amid the circling breeze*; am fear a bhitheas *c.* 'sa bhaile seo, bithidh e *c.* 'sa bhaile ud thall, *he that is tricky in this town will be tricky over there too.*
caruchadh, -aidh, *s.m.* Moving, stirring, motion, movement. A' c—, *pr.pt.* of caraich. Carachadh céille, *insanity*; oiteag a' *c.* an duillich, *a breeze stirring the leaves.*
càrachadh.** -aidh *s.m.* Act of burying.
carachail,‡‡ -e, *a.* Motory.
carachair,** *s.m.* Motor, mover.
caruchd, *s.f.ind.* Wrestling. 2 Sparring. 3 Deceitfulness. 4 see carachadh. *C.* an t-saoghail seo, *the deceitfulness of this world.*
carachdach, -aiche, *a.* Athletic. 2 Of, or belonging to wrestling.
carachdaich, -e, *s.f.* Wrestling.
†carach-ullamh, *s.m.* Upper garment.
caracin,‖ see cairgein.
†caradach, see cairdeach.
càradh, -aidh. *s.m.* Mending, repairing, adjusting. 2 Usage or treatment, whether good or bad. 3 Condition. 4 Cheating, deceiving. 5**Way, course, direction. 6**Abuse. 7** Turn, winding, twist. Fear-càradh a' bheum, *the repairer of the breach*; is truagh mo chàradh, *sad is my condition*; is don' an càradh a dh fhàg thu air, *you have left him in a sad condition*; an duine a's miosa càradh, *the man of worst condition.* A' c—, *pr.pt.* of càraich, 2 *pr.pt.* of càir. "Making", as of a bed. Tha i 'càradh na leapa, *she is "making"* or *shaking up the bed.*
caraibh, (*dat. pl.* of car) An caraibh a chéile, *in contact, in grips*; aom 'nan caraibh, *bend in their direction*; an caraibh a bhroclainn, *in the direction of his den*; gach ni a thig 'ad charaibh, *everything that comes near you*; an caraibh a chéile, *in contact with each other.*
caraiceach.** -eiche, *a.* Hairy. 2 Eager, keen.
caraiceag.** -eig, -an, *s.f.* Pancake.
caraich, *pr. part.* a' carachadh & a' carachdainn, *v.a.* Move, stir. 2 Remove. 3 see car. Na *c.* e, *do not move it*; cha *ch.* thu as a seo, *you shall not move out of this*; *ch.* iad, *they moved*; mar a charaicheas iolair a nead, *as an eagle stirreth up her nest.*
———e, *a., comp.* of carach.
———e, -an, *s.m.* Wrestler. 2 Tumbler. 3 Sharper. 4**Pugilist.
———te, *past part.* of caraich.
caraid, *dat.* caraid, *pl.* càirdean, *s. m.* Male friend or relation. 2**Cousin. Mo dheadh charaid, *my dear friend*; caraid, mac piuthar athar, *cousin, the son of a father's sister.*
càraid, -e, -ean, *s. f.* Pair, couple, brace. 2 Twins. 3 Married couple. 4‡‡Defence. 'Nan càraidibh, *two by two*; càraid each, *a pair of horses*; càraid-rann, *a couplet*; càraid na maoslich, *roes that are twins.*
———each, *a.* Paired. 2 In couples or braces.
†caraidheach, *a.* Wrestling. 2 Of, or belonging to wrestling. 3 Debating.
†———d, *s.f. ind.* Debate, dispute. 2 Wrangling, wrestling.
càraidich, *pr.part.* a' càraideachadh, *v.a.* Couple, join together in couples or pairs.
caraid-nan-Gàidheal, (AF) *s.m.* Gannet (bird) see tabhs.
†caraigh, see caraich.
càr-aingeal, -eil [& -gil,] *pl.*-glean [& -gle] *s.m.* Guardian angel.
carainnean, *s.pl.* Refuse of threshed barley.
car air char, *adv.* see car mu char.
caraist, *s.f.* ‡Catechism. 2** see cairbhist.
caraiste, see cairbhist.
†———ach, -eich, *s.m.* Carrier.
caramasg, -aisg, *s.f.* Contest. 2 Confusion.
cara-meala, see carra-meille.
càramh, -aimh, see càradh.

caramh, *adv.* see caraidh.
cara-mhil-a' choin,‡ *s.* Common tormentil, see braonan-fraoich.
cara-mhill, *s.* Mandrake.
car-a'-mhuiltein, *s.m.* Somersault.
†caran, -ain, *s.m.* Crown of the head.
càran,(CR) *s.m.* Beloved person, darling.(*dim.* of càr, *friend, relation.*)
caran-creige, *s.f.* Sand eel, conger eel. 2(AF) Shrimp, prawn. 3(AF)Stickleback. 4 Only applied to the shoemaker fish in *Lochalsh, Western Isles &c.*, and not to the conger-eel.
carantach, *a.* see carthannach.
————d, *s.f.* see carthannachd.
carantas, -ais, *s.m.* see carthannas.
caranuich, *v.a.* Separate. 2 Stir up.
†caras, -ais, *s.m.* First-rate ship.
carasan, -ain, *s.m.* Hawking.
————aich, *s.* ,,
†carb, cairbe, -an, *s. f.* Basket. 2 Chariot, (cairb.) 3**Plank. 4**Ship.
carbad, -aid, -an, *s.m.* Chariot, coach, chaise. 2 Waggon. 3 Litter. 4 Bier. 5 Any pleasure vehicle. 6 The jaw, upper or lower. 7 Jaw of a quern. Àraon *c.* agus marc-shluagh, *both chariot and horseman*; buail am bàrach air a' charbad, agus buail am balgair air an t-sròin, *strike the clown on the jaw and the dog on the nose*; *c* cogaidh, *a war-chariot*; fiacal carbaid. *jaw-* or *cheek-tooth*; *c.* uachdar, *the upper jaw*; *c.* iochdar, *the lower jaw*; *c.* màlaidh, *a mail coach.*‡‡
carbadach,‡‡ -aiche, *a.* Jawed.
————d,‡‡ *s.f.* Aurigation.
carbadair, -ean, *s. m.* Charioteer, driver, coachman.
————eachd, *s.f.* Business of a charioteer or coachman.
carbad-farraidh, *s.m.* Fly.
carbad-smùide,* *s.m.* Railway carriage.
carbair, see corbair.
†carbal, *s.m.* Roof of the mouth.
†carban, -ain, *s.m.* Unlucky person.
†carbanach, -aich, see carbhanach.
car beag, *adv.* Rather little.
†carbh, -airbh, *s.f.* see cairb. 2(AF)Carp (fish.)
carbh,* *v.a.* Gaelic spelling of *carve.*
carbhaidh, *s.f.* Caraway—*Carum carui.*
carbhaig, see carbh.
carbhainn, see carbhaidh.
carbhair, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *carver.* 2 Engraver, sculptor.
————eachd, *s.f.* Carving, occupation of a carver. 2 Engraving. 3 Mangling, mutilating. 4 Massacring.
carbhaist, *s. f.* Heriot. 2 **Drubbing.
carbhan,** -ain, -anan,*s.m.* Little ship. 2 Carp.
————ach,*s.m.*Sea bream. 2††Carp.


117. Carbhaidh.

†carbhanach, -aich, *s.m.* Master of a ship.
carbhanach-uisge, *s. m.* Carp,—*cyprinus carpio.* (illust. 118.) 2 (AF) Fresh-water bream.
†Carbhas, -ais, *s.m.* Lent, see Carghus. 2 Intemperance.
†car-bhodach, -aich, *s.m.* Clown. 2 Sailor.
car-bhriathar,** *s.m.* Antiphrasis.
car-bhriathrach,** *a.* Antiphrastic.
†carboir, -e, -ean, *s.m.* Coachman.
carbuncul, -uil, *s.m.* see carmhogal.
†carc, cairc, *s.m.* Care, anxiety.
carc,(AC) *v.a.* Put in a cell. Cha charcar mi, *I shall not be put in a cell.*
carcair, -e, -ean, *s. m.* Prison. 2 Coffer. 3 Sink or sewer in a byre.
carcais, -e, -ean, see cairbh.
carcaiseach, -aich, *s.m.* Carcase, see cairbh.
carcar,** see carcair.
†carchaill, *v.a.* Destroy. 2 Abuse.

118. Carbhanach-uisge.

car-chuileag,(AF) *s.f.* Humming or singing fly.
càrd, -a [& càird], -an, *s.f.* Wool-card. 2 English gallon or four Scots pints. 3 see càrt.
càrd, *pr.part.* a' càrdadh, *v.a.* Card wool, cotton or flax.
càrdadh, -aidh, *s.m.* Process or act of carding wool &c.
†cardaigh, *s.f.* Flesh.
càrdair, *s.m.* Carder or teazer of wool &c.
————eachd, *s.f.* Employment of a carder or comber. Ris a' *ch., at the wool-combing trade.*
càrd-eich,* *s.m.* Currycomb.
car fada, *adv.* Rather long.
car-fhacal, -ail, *pl.* -fhaclan [& -ail],*s.m.* Quibble, prevarication. 2 Antiphrasis. 3 Double entendre. 4 Pun.
car-fhaclach, *a.* Quibbling. 2 Prevaricating. 3 Antiphrastic. 4 Disposed to quibble, prevaricate or pun.
car-fhaclaiche, *s.m.* Quibbler. 2 Prevaricator. 3 Punster.
†cargair, *v.n.* Congratulate.
Carghus, -uis, *s.m.* Lent [Preceded by the article *an.*] 2‡ Torment. An deireadh a' Charghuis, *at the end of Lent.*
Carghusach, *a.* Lenten, quadragesimal.
†carla, -ai, carlan, *s.m.* Wool-card.
†càrlach, -aich, *s.m.* Cart-load.
†————an, -ain, *s.m.* Carder or comber of wool.
càrlag, -aig, -an, *s.f.* Lock or tuft of wool.
carlag,(AF) *s.f.* Black guillemot, see calltag.
càrlagach, *a.* Like a tuft of wool. 2 Of tufts of wool.
†carlair, -ean, *s.m.* Carder.
†carlamh, *a.* Excellent.
càrlas, -ais, *s.m.* Excellence.
carmasg, see caramasg.
carmhanach, see carbhanach.
†carmhogal, *s.m.* Carbuncle (stone.)
†————ach,** *a.* Carbuncular.
car mu char, *adv.* Round and round. 2 Over

and over. Thuit e car mu char leis a' bhruthaich, *he fell down the slope, turning over and over.*

†carn, cairn, *s.m.* Quern, handmill for grinding corn.

†càrn, càrna, *s.f.* Flesh. 2 Booty.

càrn, càirn [& cùirn], *s.m.* Cairn, heap or pile of stones loosely thrown together. 2 Peat-barrow. 3 Rock. 4 Sledge, car. [Cairns and barrows are very numerous in the Highlands, Ireland and Wales, as well as parts of Norway, Sweden, and other Continental countries, and there are a few in America. Some of them measure 300 ft. in circumference at the base and 20 ft. in height. They consist of loose stones, and the whole is in the shape of a cone. In many instances where they have been opened, they contained sepulchral urns, which show that they were memorials of the dead. Many of these piles consist entirely of earth, and this gave rise to the opinion that stone cairns were intended for malefactors, while those of earth were for the victorious and brave. We learn from ancient authors that malefactors were buried under heaps of stone, and it was a common practice among the Druids to erect cairns on spots where criminals had been burnt. Hence "fear air chàrn" means an outlaw, "tha e air a' chàrn," *he is an outlaw.* Is oil leam nach robh do luath fo chàrn, *I do wish your ashes under a cairn;* b' fhearr leam a bhi fo chàrn, *I had rather be under a cairn, (i. e.* be punished as an outlaw.) The ceremony in later times was continued in the Highlands, but its meaning was altered. A sudden death was *bàs gun sagart*, and the dead person's soul was believed to be in the hottest part of purgatory, so every passer by was expected to put a stone on the cairn and to pray for the repose of the soul of the departed—hence the saying "cuiridh mi clach 'nad chàrn," *I will add a stone to your cairn*, which betokens a friendly intention and means that one's remembrance shall be kept alive. When the remains of anyone were carried a long distance for interment, and the bearers had to take some rest on the way, a cairn was put up there also, and those who passed by were expected of their charity to put a stone on it, and pray for the soul of the deceased. Cairns are still frequently erected to mark the spot in which a funeral has rested, and on whatever spot a person is found dead, a few stones are immediately put together.—**]

O iomall nan càrn, *from the edge of the rocks.*

càrn, càirn [& cùirn], *s.m.* Horning. [The Gaelic seems a confusion between *còrn*, horn, Eng. *horn, put to the horn*, and *càrn*—‡]

†càrn, *s.m.* Province.

carn, *pr.part.* a' càrnadh, *v.a.* Heap, pile, accumulate, throw together. A' carnadh airgid, *accumulating wealth ;* chàrnadh le Daorghlas an t-seilg, *the game was piled up by D.*; ged chàrn e airgiod, *though he accumulate silver.*

carnabuan,(AF) *s.m.* Beetle. also ceardabhan.

càrnach, -aich, *s.m.* Heathen priest. 2 Stony ground. 3 Quarry. [Used as the names of several places having a stony or rocky situation.]

———,** -aiche, *a.* Rocky, stony. 2 Like a cairn, abounding in cairns. 3 Shelvy.

càrnadh, -aidh, *s.m.* Heaping, piling up, accumulating. 2**Riddance. A' c—, *pr. part.* of càrn.

càrnag, -aig, -an, *s.f.* Sand-eel found under stones on sea shore. 2 Conger-eel—*Lochalsh.* 3 AF) She-terrier.

càrnaid, *s. f. ind.* Carnation. 2 Cochineal. 3 *Flesh-colour. 4 Certain tint of red, much used in the Highlands.

———ich,* *v.a.* Incarnatine.

†carnal, -ail, *s.f.* Mole *or* small heap of stones.

carnan,(AF) *s.m.* Cockroach. (cearnan)

càrnan, -ain, -an, *s. m.* Little cairn. 2 Any small heap of stones.

———aich, *s pl.* Highlanders. 2 Inhabitants of any rocky or mountainous country.

càrnan-caochaig, see càrnan-caochain.

càrnan-caochain, *s.m.* Mole-hill.

càrn-aolaich,** *s m.* Dunghill.

càrn-cuimhne, *s.m.* Monument.

càrn-eaglais, *s.m.* Excommunication.

car-neamhnuidean, *s.m.* String of pearls.

càrn-slaodaidh,* *s.m.* Hurdle, drag, sledge.

càrn-slaoid,* see càrn-slaodaidh.

càrnta, *a. & past part.* of càrn. Heaped, piled up, accumulated.

càrr, càrra, *s.f.* Itch, mange. 2 Any crustaceous roughness on the skin. 3 The curl in potatoes. 4 Rocky shelf, projecting part of a rock. 5 Scald. 6* Scurvy. 7* Leprosy. 8* Dray, chariot, sledge. 9 Flesh of a whale or seal—*Heb ides.* 10‖ Scabbiness. 11 Bran. 12(AC) Flesh, coarse flesh.

Duine aig am bheil c., *a man that has the scurvy* ; plàigh na càrra, *the plague of leprosy;* each anns a' chàrr, *a horse in the dray* or *sledge;* o chàrr monaidh, *from a mountain rock.*

càrr,** càirr, *s.m.* Bog, fen, morass, moss. 2 Spear. 3 (AC) Udder. 4 (AC) Shingle on mountain tops. Mar chanach càrr, *like the moss cotton.*

†carra, *pl.* -chan, *s.m.* see carragh.

carrach, -aiche, *a.* Itchy, mangy, scorbutic. 2 Stony, rocky. 3 Of uneven surface. 4 Cross-tempered. 5 Crustaceous, as potatoes. 6** Curvated.

carrachag, -an, *s.m.* Shell-fish that grows on the lowest part of a rock.

carrachan, -ain, -an, *s. m.* Shoemaker fish. 2 Frog-fish, chub, or ‡cobbler. 3 Wild liquorice root. 4 AF Small angler *or* devil-fish. 5 Swivel—*Lewis*, see bàta No. 28 p. 76. 6* Little old-fashioned fellow. 7(DU) Group, small crowd

———-cnuacach, *s.m.* see carran-creige.

carrachd,** *s.f.* Ascendancy.

carradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Forming of scab or scurvy. 2**see carragh.

carragh, -aigh, -aighean, *s.f.* Rock. 2 Pillar. 3 Erect stone. 4 Monument. Far an d'ung thu a' *c., where you anointed the monument ;* a thamhaisg nan carragh ! *O spectre of the rocks !* carragh nan tonn, *the rock of the waves*; carragh salainn, *a pillar of salt.*

———ach,‡‡ *a.* Monumental.

———ail,‡‡ *a.* Monumental.

carraicean, -ein, -ceanan, *s.m.* see carra-meille. 2††Knotty stick. 3††Thick man.

carraich, *v.a.* Crust.

carra d, -e, *s.f.* Conflict, strife, riot. 2 Distress, trouble, grief. 3* Fatigue and anguish from watching a sick person. *C.* nan sian, *the conflict of the elements* ; le *c.* ghéir, *with sore fatigue.*

carraideach, -diche, *a.* Troublesome, turbulent, quarrelsome. 2* Fatigued with watching a sick person. 3 Grieved and fatigued. 4 *Afflicting. 5‡‡Distressful, vexatious. 6**

Conflicting.
carraideach, -eich, *s.m.* Turbulent, quarrelsome person.
————d, *s.f.* Fatigue.
†carraidhin, *s.f.* see carraighin.
carraig, -e [& cairge,] -ean, *s.f.* Rock, cliff. 2 Pinnacle. 3 Rock jutting into the sea, serving as a quay or fishing station. 4 Knot of wood. 5‡‡Timber ball used in club playing. 6(AF)Cockroach. 7*Headland. *C.* mo neart; *the rock of my strength*; mar thuinn mu *ch.*, *as waves round a rock.*
————each, -eiche, *a.* Rocky, abounding in rocks or cliffs, of or belonging to a rock or cliff. 2**Rugged.
carraigeag, -eig, -an, *s.f.* Sort of pancake.
carraigean, -ein, -eanan, *s.m.* Knot of wood. 2††see cairgein.
carraigeineach, -eiche, *a.* Knotty, as timber. 2††Rocky.
carraighin,** *s.* Thick part of butter-milk.
carraigneach, -eiche, *a.* see carraigeach.
carraid,§ Gaelic spelling of *carrot*, see curran.
carra-meille,‡ *s.* Wild liquorice, wild pease, heath pease, §tuberous bitter vetch—*orobus tuberosus.*
carran, -ain, *s.m.* Spurrey, a weed growing among corn, see cluain-lin. 2§ Scurvy grass, see am maraich.
————, -ain, *s.m.* Shrimp. 2 Prawn. 3(AF) Angler-fish. 4‡‡Sillabub. 5 *rarely*[see corran. 6(AF) Field-bug.
————ach, see carthannach.
————achaich,(AF) *s.f.* Carp.
————achd, see carthannachd.
————buidhe, *s.m.* Charlock.
carran-creige, *s.m.* Lump-fish. 2 Conger-eel. 3 Sea-porcupine (fish.) 4**Shrimp, prawn.
carrannachd, see carthannachd.
carrantach, see carthannach.
————d, see carthannachd.
carrantas, -ais, *s.m.* see carthannas.
carrasan, -ain, *s.m.* Hoarseness. 2 Wheezing in the throat. 3‖ Catarrh. Casd is *c.*, *a cough and hoarseness*; *c.* a' bhais, *death-rattle.*
————ach, *a.* Hoarse. 2 Wheezing.
————aich, *s.f.* Continued wheezing in the throat. 2 Catarrh. 3 Effects of a catarrh.
†càrr-fhiadh, -fhéidh, *s.m.* see cair-fhiadh.
carr-fhiodh, -a, *s.m.* Knot in timber.
carroid, *s.f.* see carraid.
carrs,(AC) *s.* Buttercup, see cearban.
carrsan, see carrasan.
————ach, see carrasanach.
carrtha, see carragh.
————nas,‡‡ -ais, *s.m.* Kindliness. see carthannas.
carruchadh, -aidh, see carachadh.
carruich, see caraich.
†carruidhe, *s.f.* Scabbedness.
carruig, -e, -ean, *s.f.* see carraig.
carruigeag, see carraigeag.
cars, *s.f.* Gaelic spelling of *carse*, (level fertile tract of country.)
càrsan, -ain, *s.m.* see carrasan.
————ach, -eiche, *a.* see carrasanach.
car-shuil, -shul, *s.f.* Rolling eye.
————each, *a.* Having rolling eyes.
c'ar son? *adv.* Why? for what? wherefore? C'ar son a ghabh na cinnich boil? *why did the heathen rage?*
càrt, càirt, *pl.* -an [& -àirt],*s.f.* Quart. 2 One fourth part of any measure, as of a peck or a yard. 3 Lippy. †4 Cart.
cart, *v.a.* see cairt.
——ach, *gen.* of cairt.
——adh, -aidh, *s.m.* Act of cleansing any place of mire, as a stable or byre. 2 Tanning of leather. 3 Barking of trees. A' c—, *pr.part.* of cairt.
cartair, see cairtear.
cartan, -ain, -an, *s.m.* Sleek brown insect that eats into the flesh, flesh-worm(AF.) 2*Heath-mite. 3‡‡ Sour-tempered, crabbed person. 4 Cattle-bot—*œstrus bovis.* 5 Crab [Gadelicised form of *partan.*]

119. Cartan (4)

————ach, -aiche, *a.* Quarrelsome, ill-tempered.
cartaran, -ain, *s.m.* One-fourth of a stone, (measure for butter, &c.)
carthadh, -aidh, *s.m.* see carragh.
carthan, -ain, *s.m.* Charity, friendship, affection. 2**Prawn. Luchd-carthain, *charitable people.*
————ach, see carthannach.
————achd, see carthannachd.
carthannach, -aiche, *a.* Kind, charitable, affectionate, friendly. 2*Polite.
————d, *s.f.ind.* Charity, friendship, affection, tenderness. 2* Politeness. Blàths is *c.*, *warmth and friendship.*
carthannas, -ais, *s.m.* Same meanings as carthannachd, *C.* fuar, *cold friendship.*
carthanta,* *a.* see carthannach.
————chd,* see carthannachd.
carthuinnich, *v.a.* Separate. part,put asunder. 2 Dwell in a cave. 3 Riddle, winnow.
cart-iùil, see cairt-iùil.
cart-làir,§ *s.* Common tormentil, see braonan-fraoich.
car-tuathal, -ail, *s. m.* Wrong turn. 2 Turn to the left, or contrary to the sun's course. 3 Ill-chance, mishap. 4 Unprosperous course. This term is said by some to have had its origin in Druidical superstition. On certain occasions they moved three times round their stony circles or temples. In performing this ceremony they kept the circle on the right (car-deise) and consequently moved from E. to W., this was called the prosperous course. The car-tuathal, or moving with the circle on the left, was deemed fatal or unprosperous, being contrary to the course of the sun. Car-tuathal t' aimhleis ort! *the left-about unlucky turn to you!*
car uair, *adv.* Sometimes.
carruchadh, -aidh, see carachadh.
caruibh, *adv.* Beside, near. [*Generally* 'an caraibh.]
caruich, *v.a.* see caraich.
caruill, see caireal.
car ùine, *adv.* For a time.
caruinnean, see carainnean.
†caruinnich, *v.* see carthuinnich. 2‡Winnow.
†carull, *s.m.* see caireal.
cas, *gen.* coise, *dat.* cois, *pl.* casan, *s.f.* Foot. 2 Leg. 3 Shaft, haft, handle. 4 Stem. 5 Stalk. 6 Ply or plait in thread. 7 Curl. 8 Wrinkle. 9**Money. Taobh do choise, *the side of your foot*; cas na sgéine *the handle of the knife*; cas an ùird, *the shaft of the hammer*; aig cois na beinne, *at the foot of the hill*; glan ceann do chasan, *wash your*

feet ; glan do chasan, *wash your legs* (or *your feet*); cas a' falbh agus cas a' fuireachd, *one foot going and the other foot staying*, —said of one who is undecided ; fo chasaibh nan an-laoich, *under the feet of ruthless warriors.*

†cas, *s.f.* Case. 2 Hair of the head.

cas, caise, *a.* Steep. 2 Wreathed, curled, twisted. 3 Sudden, quick, rapid 4 Hasty, irritable. 5 Rash, passionate. 6 Headlong, abrupt, eager 7‡‡Wrinkled. Duine cas, *a passionate man* ; sruth *c.*, *a headlong stream, an impetuous current* ; cas air a chéile, *close upon each other* ; bruthach *c.*, aonach *c.*, a *steep* or *headlong acclivity* ; cas gu còmhraig, *eager for battle* ; cùl fainneach, cas, *curled, wreathed hair* ; cas-thalt, *curled locks* : gu *c.*, *quickly.*

cas, *pr.part.* a' casadh, *v.a.* Gape. 2 Gnash. 3 Turn against. 4 Be angry with. 5 Oppose, thwart. 6 Curl, frizzle. 7 Fire or cast, as a stone. 8* Approach. 9 Brandish. 10** Wreathe, twist, bend. 11**Climb. 12‡‡Shoot out the lip in insult or derision. 13‡‡ Stop, hesitate. 14‡‡ Become wrinkled. 15‡‡Wind, wind up. Cas an t-sreang, *twist the string*; chas e m' a làimh e, *he twisted it about his hand* ; chas e 'fhiaclan, *he gnashed his teeth*; chas e 'bheul, *he gaped with his mouth*; a' casadh air a' bhaile, *approaching the town*; chas e ris, *he was enraged against him*; chas e 'shleagh, *he brandished his spear* ; chas e braoisg air, *he screwed up a grimace* ; chas iad oirre, *they closed upon her.*

càs, -àis, -an, *s. m.* Difficulty, emergency, hardship. 2 Plague. 3 Distress. 4 Case. 5 Trying or difficult situation, dilemma, predicament. 6**Anxiety. 7 Respect. 8** *rarely* Fear, pity. 9**Appetite. 10**Misfortune, evil event. Bha e an càs gu'n tigeadh tu, *he was anxious that you would come* ;anns gach càs, *in every emergency*; cha'n e sin an càs, *that is not the difficulty*; cha 'n e an càs e, *it is no difficulty* ; 's ann dhuit is léir mo chàs, *it is thou that seest my distress*; an càs air, *eager for him* or *it.*

†casach, -aich, *s.f.* Ascent.

casach, -aiche, *a.* Having feet. 2 Many-footed. 3‡‡Corrugant. Gu *c.*, làmhach, *exerting legs and hands.*

casach,* -aich, *s.f.* Outlet of a lake. 2 Ford. 3 Hook-line.

casachain-gréine,(AH) *s.m.pl.* Long shafts of light radiating from the sun, and betokening unsettled weather.

†casachdaich, see casadaich.

†casachdaighe,*s.f.* Coltsfoot, see gallan-greannchair.

†casachdas, see casadaich.

casa-corrach, *s.f.* see cas-chorrach.

casad, -aid, *s.m.* ‖Cough. 2 see caisead.

———,* *v.n.* see casadaich.

———ach, -aicne, *a.* Coughing, ill of a cough. 2 Causing a cough. Am mios *c.*, *the cough producing month.*

casadadh,** -aidh,*s.m.* Coughing, act of coughing. 2 Cough.

casadaich, *pr.part.* a' casadaich, *v.n.* Cough.

————, *s.f.ind.* Cough. 2 Act or habit of coughing. 3* Gripes in cattle, making them strike their belly with their feet. 4‡‡Cold,or any disease causing a cough. Ciod a' chasadaich a th' ort ? *why do you cough so ?*

casadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Grinning, gaping. 2 Gnashing. 3 Turning against, opposing. 4 Corrugation, wrinkle. 5**Brandishing. 6**Wreathing, twisting, curling. 7** Climbing. 8*Approaching. Sleagh a' *c.* 'n a làimh, *a spear brandishing in his hand.* A' *c*—, *pr. part.* of cas.

casa-fheannag, *pl.* Crow's feet. 2 "Crow's-foot" stitching. Fuaigheal chasa-feannag, *the angular stitching on blanket selvidges known as "herring-boning."*

casag, -aig, -an, *s f.* Long coat, cassock, as opposed to a short coat or jacket. Luchd nan casag, *Scottish Lowlanders.*

———ach, *a.* Wearing a long coat. 2 Of, or belonging to, long coats.

———aiche, *s.m.* Man with a long or skirted coat.

——— -mharcachd,‡‡ *s.f.* Riding-coat.

casa-gearra, see casa-goirid.

casa-gòbhlach, *a.* & *adv.* Astride.

casa-goirid, *s.pl.* Short spatter-dashes, spats.

casa-gòrach,(DU) see cas-chorrach.

casaid, -e, -ean, *s.f.* Complaint, accusation, grumbling. 2‡Suit-at-law. Dean casaid, *complain;* na gabh casaid, *receive not an accusation.*

———, see casaidich.

———each, -eiche, *a.* Apt to complain, accuse, or grumble, complaining, accusing.

———eachadh, -aidh, *s.m.* Arraignment.

———eachd, *s.f.* Complaining, proneness to make complaints.

casaidich, *pr. pt.* a' casaideachadh [& a' casaidich,] *v.a.* Accuse, arraign, lodge a complaint. Ch. e orm, *he accused me.*

————e, -an, *s.m.* Accuser, complainant. 2 Grumbler.

casair, -e, -ean, *s.f.* Sea-drift. 2 Phosphoric light proceeding from old wood when in the dark. see teine-sionnachain.

†casair, casrach, *s.m.* Thorn. 2 Clasp, buckle. 3 Slaughter, carnage. 4 Shower, hail.

casan, -ain, -an, *s.m.* The supporting beam of a house-top. 2 Path, road. 3 Name given to the Parallel roads in GlenRoy. 4††Treadles of a loom. 5‡‡Prickle. 6†† Post or stick in the inside of a wall. Taigh chasan(AH), *a house built of wattle-work.*

casan, *n. pl.* of cas.

———ach, -aiche, *a.* Having foot-paths, like a foot-path. 2 Parallel in *grammar* (‖.)

casan-cairbe,‡‡ *s.pl.* (*lit.* chariot spokes) Sun's rays as seen breaking through masses of watery clouds. Called "casan cainbe," *hempen legs* in *Uist.*

——— -cama, *s.pl.* Bow-legs.

——— -corrach, *pl.* of cas-chorrach.

——— -e nain,‡‡ *s.pl.* (*lit.* little bird's feet) Shoots from a hazel stump.

——— -làbhach, *s.pl.* Pigeon toes, (feet having the toes turned inwards.)

——— -lùgach, *s.pl.* In-knees, knock-knees.

——— -spagach, *s. pl.* Splay-feet (flat feet having the toes turned outwards)

cas-an-teannachaidh,(AH) *s.f.* In roping a house after thatching, the side of the loop or rope which is to be tightened and secured.

cas-an-uain,‡ *s.f.* Kidney vetch, see meòir Muire.

casan-uchd,** *s. m.* see caisean-uchd. 2 Knee-strap,—*MacFarlane's Vocab.*

cas-aodannach, -aiche, *a.* Wrinkled-faced.

†casar, *s.m.* Little hammer. 2 see cabhsair.

†———nach, *s.f.* Lightning.

†casbanach, -aiche, *a.* Side by side, parallel.

cas-bhacaig, *s.f.* see camachag.

†cas-bhairneach, *s.f.* see bairneach

cas-bhàrd, -bhàird, *s.m.* Satirist.

————achd, *s.f.ind.* Satire, invective, lampooning.

————ail, *a.* Satirical.

cas-bheag,(AH) *s.f.* One of the fore-legs of a young dog, which is tied up to its neck in order to impede the animal's movements. Air an cois bhig 'san tarsuinn, (in reference to the words in a printer's proof) *with the letters upside down and obliquely set*, or *out of the straight line* (technically known as "not ranging.")

cas-bheairt,
cas-bheart,
cas-bheirt, } *s.f.* see cais-bheart.

cas-bhonnach,** -aich, *a.* Antipodal.

cas-bhonnaich, *s.* Antipodes.

cas-bhrat, -ait, -an, *s.m.* Carpet. 2(MM)Mat.

cas-bhriathar, -air, *s.m.* Hasty, unguarded, or cross expression, intemperate language.

cas-bhriathrach, *a.* Hasty, or intemperate in speech.

cas-bhuidhe, *a.* Having yellow feet. 2 Having curled yellow hair. Cuach fhalt cas-bhuidhe, *curled yellow hair.*

†cas-cailliche, *s.f.* Shaft of a fir-torch.

†cascar, *s.m.* Cup.

cas-chaibe,†† see cas-dhireach. 2 *for* cas-chrom in *Gairloch, &c.*

†cas-chailliche, see †cas-cailliche.

cas-cheum, *s.m.* Foot-path. 2 Steep, or difficult way. 3**Stride, long pace. Cas-cheum nan gann, *a great stride.*

————ach, aiche, *a.* Steep. 2 Difficult to pace. 3**Striding. 4**Having a foot-path.

cas-chiabh, -an, *s.f.* Curled lock, ringlet.

————ach, -aiche, *a.* Having curled locks. 2 Tressy.

cas-chlùd, *s.m.* Door-mat.

cas-choirbeil,†† *s.f.* Roof couple, couple-legs.

cas-choisgeach, -eiche, *a.* Antipestilential.

cas-chorrach, -aich. *pl.*casan-corrach, *s.f.* Stilt.

cas-chreag, -an, *s.f.* Steep rock.

————ach, *a.* Abounding in steep rocks.



120. Cas-chrom.

cas-chrom, cois-chruim, *s.f.* The crooked spade. an implement of tillage peculiar to the Highlands, used for turning the ground where a plough cannot work on account of the stony ground. It is of great antiquity, and is described as follows by Armstrong. "It is very inexpeditious in comparison with the plough, eight men being necessary to dig as much with it in one day as a horse would plough in the same time. It is chiefly used for tillage, and consists of a crooked piece of wood, the lower end somewhat thick, about two-and-a-half feet in length, pretty straight, and armed a the end with iron made thin and square to cut the earth. The upper end of this instrument is called the shaft, and the lower, the head. The shaft above the crook is pretty straight, being six feet long, and tapering upwards to the end which is slender. Just below the crook or angle, there must be a hole wherein a strong peg must be fixed, for the workman's right foot in order to push the instrument into the earth; while in the meantime, standing on his left foot, and holding the shaft firmly in both hands, when he has in this manner driven the head far enough into the earth, with one bend of his body he raises the clod by the iron-headed part of the instrument, making use of the heel or hind part of the head as a fulcrum. In so doing, he turns it over always towards the left hand and then proceeds to push for another clod in the same form. To see six or eight men all at work with this instrument, standing all on one leg and pushing with the other, would be a curious sight to a stranger. With all its disadvantages, the cas-chrom is, of all instruments, the fittest for turning up the ground in the country, for among so many rocks a plough can do little or nothing, and where there are no rocks, the earth is generally so marshy that cattle are not able to pass over it without sinking in deeply." It is of pretty general use in the Western Isles, one man being able to turn over more ground with it in a day than four are able to do with a common spade.

Peg of cas-chrom, *sgonnan.*

caschuing, -e, -ean, *s.f.* Anti-asthmatic.

cas-cùirn, *s.f.* Draught-tree or tram of a car or sledge.

casd, *s.m.* see casad. An triugh-chasd; *the whooping-cough.*

——, *v.a. & n.* see casadaich.

†casda, *a.* see casadach.

casdach, *a.* see casadach.

casdadh, -aidh, see casadadh.

casdaich, see casadaich.

cas-dhìreach, *s.m.* Straight delving spade used in the Hebrides.

cas-dhubh, *s.f.* Stem of the mircean (kind of seaweed.)

†cas-dlaoi,‡‡ *s.f.* Curled hair.

cas-dubh, -uibhe, *a.* Having black legs or feet.

————, -uibh, *s.m.* [& *f.*] Black-legged wild goose

cas-fa-chrann, *s.* Honeysuckle—*Skye*, see uill-eaun.

cas-fhionn, *a.* White-footed, as of cattle. see cais-fhionn. Bha i *c.*, *she was white-footed.*



121. Cas-dhìreach.

cas-fhliuch, *a.* Wet-foot. Gille cas-fhliuch, *a member of a Highland chief's retinue who carried his master over streams, fetched home water, &c.*

casg, -a, *s.m.* see cosg, *s.m.*

casg, *v.a.* see caisg.

Càsg,
Càsga, } *gen. sing.* of Càisg.

casgach, *a.* see coisgeach.

casgach,(AF) -aich, *s.m.* Red-shank, see camghlas.

casgadair, *s.m.* see cosgadair.

casgadh, -aidh, *s.m. & pr.part.* see cosgadh.

casgaidh, see cosgaidh.

casgair, *pr. part.* a' casgairt [& a' casgradh] *v.a.* Slay, slaughter, butcher, massacre. 2 Mangle. Cò a chasgras an torc? *who will slay the boar?*

————t, *s.f.ind.* Slaughtering, butchering,

massacring,slaughter,massacre. 2 Triumph, rejoicing. A' c—, *pr.part.* of casgair. Casgairt ort ! *may death take you !*
casgan-long,(AF) -ain-, *s.m.* Black guillemot, see calltag.
casgarrach, -aich, *s.m.* Kite. 2 Sanguinary person. 3 Conqueror.
cas-ghaosaid,(DU) *s.f.* Plaited horse-hair attached to a hook.
cas-ghruagach, -aiche, *a.* Curly-haired.
càsgoil,* *s.f.* Dilemma, predicament. 'An càsgoil, *in a dilemma—Islay.*
casgrach, -aiche, *a.* Slaughtering, massacring. 2 Of, or belonging to, slaughter. 3 Destructive. 4 Sanguinary. 5 Victorious. 6††Mangling.
————d, *s.f.ind.* Victory, triumph.
casgradh, -aidh, *s.m.* Same meanings as casgairt. A' c—, *pr.pt.* of casgair. Mheasadh sinn mar chaoraich chum a' chasgraidh, *we were esteemed as sheep for the slaughter.*
casgraiche, -an, *s.m.* Queller. 2 Conqueror. 3 Slaughterer. 4 Sanguinary person.
casgrair, *s.m.* see casgraiche.
casg-thuiteamas,‡‡ -ais, *s.f.* Anti-apoplectic.
casguirt, see casgairt.
†casla, *s f.* Frizzled wool.
†caslach, -aich, *s.m.* Children. 2 Clan, tribe.
caslachdan,** -ain, *s.m.* I agery.
casladh,** -aidh, *s.m.* Frizzled wool.
†cas laoidh, *s.f.* see cas-dlaoi.
cas-leapa, *s.f.* Bedpost.
cas-leathann, *a.* Broad-footed, web-footed.
cas-lighe, -an, *s.f.* Water of a ford that is rapid. 2 Act of folding.
cas-lom, *a.* Bare-footed. 2 Bare-legged. Caslom, ceann-lom, *bare-footed and bare-headed.*
cas-luath, -luaithe, *a.* Swift-footed.
cas-lùbach, -aiche, *a.* Thickly-curled.
cas-maighiche,§ *s.f.* Hare's foot clover—*trifolium arvense.*
cas-mu-seach, *adv.* Heads and thraws
cas-nàbuidh, -ean, *s.m.* Walking companion.
casnaid, *s.f.* Split wood, chips.
cas-na-tùrnaig,§ *s.f.* Charlock, wild mustard, see maragbhuidhe.
caspanach, *a.* Parallel.
†casrach, *s.f.* see casgairt.
cas-rop,‡‡ -an, *s.m.* Stirrup.
cas-ruisg, *v.a.* Make bare the feet or legs, put off one's shoes and stockings.
————, *a.* see cas-ruisgte.
————each, *a.* see cas-ruisgte.
————te, *a.* Bare-footed. 2 Bare-legged. Lomnochd is cas-ruisgte, *naked and bare-footed.*
†cassal, *s.m.* Storm.
cas-shligh'e, -an, *s.f.* Foot-path.
cas-stòl, -stoil, *s.m.* Foot-stool.
†cast, *a.* Pure, chaste, undefiled.
casta, *a.* see caiste.
castan, -ain, -an, *s.m.* Chestnut.
castaran, -ain, *s.m.* see cartaran.
casteurbhan, *s.f.* Chicory, succory.
castreaghainn, *s.f.* Straw on which grain is laid to be kiln-dried.
†casuigh, *a.* Headlong.
casur,** *s.m.* Knocker.
cas-urla, see cas-urladh.
cas-urlach, -aich, *a.* Having curls, curly-locked. T' òr-chùl 'na shlamagan cas-urlach, *your yellow hair in curled tresses.*

122. Cas-maighiche.

cas-urladh, -aidh, *s.m.* Curled lock, ringlet.
cat, cait, *s.m.* Cat. Faodaidh cat amharc air an rìgh, *a cat may look at the king.*
cata, -n, *s.m.* Sheep-cot.
†càta, càtan, *s.m.* see cata.
càtachadh, -aidh, *s.m.* Taming, domesticating, soothing. A' c—, *pr.pt.* of càtaich.
catadh, see càtachadh.
càtadh, -aidh, *s.m.* see càtachadh.
catag, -aige, -an, *s.f.* Potato-cellar.
————ach,l-aiche,*a.* Abounding in potato-stores, Of, or belonging to, a potato-store.
càtaich, *pr.pt.* a' càtachadh, *v.a.* Tame, domesticate, soothe. 2**Honour, reverence.
————te, *past pt.* of càtaich. Tamed, domesticated.
càtaidh,** *v.a.* Domify.
†càtaidh, *s f.* Generosity, nobility.
†————,** *a.* Generous, noble.
catail,** *a.* Cattish, cross, crabbed.
catalach *s m* Sleepy person. 'Nuair a thèid crodh a' bhaile dìosg, 'san ann a ni *c.* càise, *not until the milch cows have run dry, does the sleepy-headed person think of making cheese.* [It appears to mean that a "sleepy-head" would neglect the opportunity of making cheese while the cows were giving a plentiful supply of milk, and that only when that supely ceased would he think of making cheese. The word *c.* may be intended for cadalaiche, *sleeper* or *procrastinator.*]
catanach, -aiche, *a.* see caiteineach.
catas, -ais, -an, *s.m.* see caiteas.
cat-cinn,(AC)*s.m.* Catkin; inflorescence on trees and shrubs. 2 Spots in the hair of animals.
cat-cnaige,* *s.m.* Mouse-trap.
†cat-crainn, -oinn, *s.m.* Rat-trap.
cat-criadhaich,(DU) *s.m.* Plaster made of clay or gravel and straw or chaff, laid on partitions. The partition consisted of upright posts closely interwoven with straw- or twig-ropes.
cat-cuthaich, (AF) *s.m.* Wild cat.
cat-dubh, *s.m.* Black cat (fi h)—*Lewis.*
cat-fiadhaich, *s.m.* Wild cat.
cath, -a, -an [& annan], *s.m.* Battle, fight, struggle, contest. 2 Company of soldiers. 3 Battalion. 4 Army. Chuir iad cath {air, ris,} *they struggled against him*; n'an teichinn fhéin o 'n chath, *should I myself flee from the battle;* 'gar feitheamh le seachd cathan, *awaiting us with seven companies.*
cath, *pr.pt.* a' cathadh, *v.n.* Fight, carry on war. 2 Contend, strive. 3 Drift, as snow.
càth, *v a.* Riddle, winnow, sift, fan.
càth, càtha [& càithe] *gen.pl.* càthunn(DU) *s.f.* Seeds, husks of corn. 2 Bran, pollards. 3** Chaff. Poca càthunn, *a bag of husks.*
cath, *adv.* Continually.
——a, *s.m.* see cadha.
——ach, -aiche, *a.* Warlike, of, or pertaining to war, fighting.
càthach, *a.* Chaffy.
——ach, -aich, *s.m.* Warrior, soldier, champion. Seachd cathaich, *seven warriors.*
càthach, *a.* Chaffy. 2††Husky, seedy.
cathachadh, -aidh, *s.m.* Fighting, act of fighting, battling. 2 Struggling, striving, trying. 3 Tempting, provoking. A' c—, *pr. pt.* of cathaich. A chur cathachaidh, *to provoke.*
cathachail, -e, *a.* Militant.
càthadh, -aidh, *s.m.* Winnowing, riddling, sifting. 2 Breach. 3 Defile. 4‡‡ Provocation. A' càthadh 'san t-sabhal, *winnowing in the barn.* A' c—, *pr.pt.* of càth.
cathadh, -aidh, *s.m.* Snow-drift, snow driven

about by the wind. 2 Sea-drift. Tha cur agus *c.* ann, *it is snowing and drifting*; thig ioma-chathadh, *a whirling drift shall come*; dorus cathadh, *middle door of a kitchen passage.*

———ach,** *a.* Drifty, like a drift, of, or be longing to, a drift.

cathadh-cuir,** *s.m.* Falling snow.

——— -fairge, *s.m.* Sea-drift, spray, spindrift.

——— -làir, (AC) *s.m.* Ground-drift.

——— -uara, *s.m.* see c—fairge.

——— -sian,(AC) *s.m.* Visible storm of rain, white sheet of rain.

cathag, -aig, -an, *s.f.* Jackdaw—¶*corvus gladarius.*

123. Cathag.

cathagach, *a.* Abounding in jackdaws. 2 Of, or like, a jackdaw.

cathag-dhearg chasach,¶ *s.f.* Chough, or red-legged crow—*fregilus graculus.*

124. Cathag-dhearg chasach.

†cathaghadh, -aidh, *s.m.* see cathachadh.

cathaich, *pr.part.* a' cathachadh, *v. a.* Fight, engage, carry on war. 2 ††Strive. 3‡‡Tempt, try,prove,provoke. 4 Accuse. 5 see cothaich.

cathair, cathrach, cathraichean, *s.f.* Chair, seat, bench, throne. 2 Town, city. 3 Fortified city. 4 Gig. 5**Bed of any garden stuff. 6**Stock of colewort or cabbage. 7**Plot. 8 **Sentinel. 9**see càthar. An creamh 'na chathraichean, *gentian in plots or beds*; each na cathrach, *the gig horse.*

†cathair, *s.m.* Guard, sentinel, warder.

càthair, *gen.sing.* of càthar.

cathair-bhreitheanais, *s.f.* Tribunal, judgment seat. Air a' chathair-bhreitheanais, *on the judgment seat.*

cathair-easbuig, *s.f.* Cathedral. 2††Episcopal chair.

cathairiche, -an, *s.m.* Citizen.

cathair-iomchair, -thrach-, -thraichean-, *s. f.* Sedan chair.

cathair-rìgh, see cathair-rìoghail. Chi gach sùil a chathair-rìgh, *every eye shall see his throne.*

cathair-rìoghail, -thrach-, -thraichean-, *s. f.* Throne.

cathair-shuidhe,-thrach-,-thraichean-, *s.f.* Seat.

cathair-thalmhuinn,¶ *s.f.* Yarrow, see lus-chosgadh-na-fola.

cath air-thalmhunda, see c— -thalmhuinn.

†cathais, *s.f.* see caithris.

cathalseach, *a.* Brave, stout. 2 Warlike. 3 Noisy, clamorous. 4**Quick. Gu *c.*, *bravely.*

cathal, *v.a.* see callaich.

———,(AF) (bird) see cathail.

———adh, -aidh, *s.m.* & *pr. pt.* of cathal, see callachadh.

———ta, *a* & *past pt.* of cathal, see callaichte.

cathamh,** *s.* see cathadh.

cathan,* *s.m.* Yarn on the warping machine.

———,¶ -ain, *s.m.* Bernicle goose, a species of goose having a black bill—*anser leucopsis.*



125. Cathan.

cathan, *n.pl.* of cath.

———ach, -aiche. *a.* see cathach.

——— -aodaich, *s.m.* Web.

càthar, -air, *s.m.* Mossy, soft ground, boggy ground. 2‡Dry part of a peat-moss. O chàthar 's o chruaich, *from marsh and from mountain.*

càthar, *a.* Husky, seedy, full of seeds or husks. 2 Mossy, soft. Gu gleann càthair, *to a mossy glen.*

cathara, see catharra.

càtharach, -aiche, *a.* Mossy, spongy, boggy, as in hilly ground.

†catharnas, -ais, *s.m.* see carthannas.

catharra, *a.* Strenuous. 2 Fighting bravely or resolutely. 3††Militant. 4‡‡Civil. 5 Reformed. An creideamh *c.*, *the Reformed (Protestant) religion*; cath *c.*, *a civil battle*; creideamh *c.*, *militant faith*; an Eaglais *c.*, *the Church militant.*

———chd, *s.f.ind.* Resolution, bravery.

†cath-bhàrr, *s.m.* Helmet, headpiece. Bhris e an cath bhàrr, *he broke the helmet.*

†cath-bharun, -uin, *s.m.* Commander, officer.

càth-bhruich, -e, *s.f.* see càbhruich.

càth-bhruith, see càbhruich.

cath-bhuadhach,-aiche, *a.* Victorious, triumphant in battle.

cath-bhuidheann,-dhinn, -dhnichean,*s.f.* Party, company or battalion of soldiers.

cath-bhuidhneach, *a.* Regimental.

cath-chrith, -e, *s.f.* Impatience for fighting.

cath-eun, (bird) see cathan.

——— leadain, see cathan.

cath-fhear, -fhir, *s.m.* Warrior, hero, champion.

cath-labhar,†† *s.m.* Inciting speech. 2 Loud and angry talk.

cath-labhradh, -aidh, -aidhean, *s. m.* The speech of a general before or after a battle.

†cathlach, *a.* see catholach.

cathlach-dearg,¶ *s. m.* Corn-poppy—*papaver rheas.* (see illust. No. *126*)

cath-làgain,** *s.m.* Corn seeds, of the juice of which the Lowlanders make flummery.

cath-làrach, -aich, -aichean, *s.f.* Field of battle.

cathlum, *s.m.* see calum.

126. Cathlach-dearg.

cathlunn, *s.m.* see calum.
cath-mharcach, -aichean, *s.m.* Cavalry soldier, dragoon.
cath-mheal,(AF) *s.m.* Charger, war-horse.
cath-mhileadh, -mhilidh, *s.m.* Military commander. 2 Officer of high rank. 3 Field-officer.
càthmhor, -oire, *a.* Chaffy, husky. 'S e am foghar gaothmhor a ni an coirce càthmhor, *it is the windy harvest that makes the oats husky.*
†cathoir, see caithearr.
catholach, *a.* Catholic, universal.
cathrach, *gen. sing.* of cathair.
———,** *a.* Boggy.
cathraichean, *n.pl.* of cathair.
†cathraigheoir, *s.m.* see cathairiche.
cath-reim, -e, *s.f.* see caithream.
cathu } (AC) *s.m.* Offensive smell, especial-
cathudh } ly from fish newly salted, or from skate when long taken.
†cathughadh, *s.m.* see cathachadh.
cat-luch, cait-, *s.m.* Mouse-trap.
cat-luibh, *s.f.* Cudwort, cudweed, see luibh-a'-chait.
———each, *a.* Abounding in cudweed.
cat-mhara, (AF) Catfish, sea-cat, sea-devil, wolf-fish. 2 Fishing frog, angler—*lophias piscatorius.*
†càtoil, -e, *a.* Luxurious, faring sumptuously.
catran,* -ain, *s.m.* The fourth part of a stone of butter, cheese, wool, &c.—*Islay.*
†ca-tràth, *adv.* When ? at what time ?
c' e, *pron. interr. sing.& pl.* Who ? what ? (*for* co e ? *or* cia e ?) Who is he ? what is it ? Also adverbially, (*let me see it.*) C' e do làmh, *give me*, or *reach hither your hand.* see cia. c' e mar, erroneously used for cia mar ? *how ?* c' e fàth ? *why ? how ?*
cè, cèithe, *s.m.* Cream.
cé, *s.m. & f.* Spouse. *(contr.* for céile.*)*
cé, *s.m.ind.* The earth, the world, see cruinne-cé.
cé, *s.* Night. 2 Pier.
ceaba, ceibe, ceabannan, *s.m.* The iron part of a spade or other implement for digging or turning over the ground. 2 Old-fashioned kind of spade.—*Islay,* (see illust. 127.) 3 see caibe.
ceabag,(DU) *s.f.* Cheese.
ceabain, *s.m.* Gaelic spelling of *cabin.*
ceaba-sìthe, *s.m.* Fairy-stone.
ceabhachdach,** *a.* Arch. 2 Crafty, disingenuous.
ceabhachdair,** *s.m.* Bubbler. 2 Knave, prevaricator.
———eachd,** *s.m.* Disingenuousness, imposture, prevarication.
cèabhar, -air, -an, *s.m.* Light breeze, gentle breeze. 2*State of being slightly intoxicated. 3(AC) Sky, cloud, upper clouds.
ceabhcach, see ceabhachdach.
ceach ! *int.* Expression of dislike, disgust, antipathy, abhorrence of filth, or other disagreeable object.

127. Ceaba (2.)

†ceach, *a. for* gach.
†———ail, *v.a.* Dig, excavate. 2**Hackle. 3** Destroy.
†———aing, *a.* Hard to march, inaccessible.
†———air, *s.f.* Dirt, filth. 2 Penury.
ceacharra, *a.* Dirty, sordid, scurfy, mean, sorry, worthless, stingy. 2(AC) Obstreporous, unmanageable, headstrong. 3††Cowardly. 4 (AH) Simple, gullible, inept, vacant. Cha robh e cho c., *he was not so green* or *so silly*; duine *c., a headstrong man.*
———chd, *s. f. ind.* Dirtiness, meanness, worthlessness.
———n, -ain, *s.m.* Worthless, pusillanimous person.
———nach, -aich, *s.m.* see ceacharran.
†ceachd, *s.f.* see cumhachd.
†———lach, -aich, *s.m.* Coal-black.
ceachladh, -aidh, *s.m.* Digging. A' c—, *pr. pt.* of ceachail.
ceachrach,** *a.* Dirty, filthy. 2 Penurious, stingy.
———d,** *s. f.* Dirtiness, filthiness. 2 Penuriousness, stinginess.
†ceacht, *s.m.* Power. 2 The circle of sciences. 3 Instruction, lesson.
ceachtadair,** *s.m.* Lecturer.
cead, *s.m.ind.* Leave, permission, license. 2 Farewell, adieu. Iarr cead, *ask liberty* or *leave*; gun do chead a' gabhail, *without asking your permission;* an d' fhuair thu cead ? *have you got leave ?* thoir dhomh *c., give me permission*; thoir a chead dha, *set him about his business*; *c.* dol dhachaidh,*permission to go home*; *c.* fuireachd, *leave to remain*; gun *ch., without leave*; gabhaidh mi mo *ch.* dhiot, *I will take my leave of you*; *c.* buan, *a long adieu* : leig *c.* dhiot ! *enough of you !* ; gun a chuir 'nam chead, *without asking me first* ; tha mo chead aige ! *I am very glad he is doing so, well done he* !
†cèad, see ceud.
ceadach, *a.* Talkative, forward.
†———, -aich, *s.m.* Coarse cloth. 2 Veil. 3 Mantle.
ceadachadh, -aidh, *s. m.* Allowing, permitting, permission, granting, liberty. 2 Dismissing. 3(AH) Perplexity, bewilderment, "nut to crack." Tha e 'cur *c.* orm cia mar a fhuair e an t-airgiod, *it perplexes me how he obtained the money.* A' c—, *pr. pt.* of ceadaich.
ceadachail, -e, *a.* Permissive, lawful, allowable.
ceadachas,‡‡ -ais, see cead.
ceadachd, *s.f.ind.* see ceadachadh.
ceadaich, *pr.pt.* a' ceadachadh, *v.a. & n.* Allow, permit, let, grant, give permission. 2 Dismiss. [This verb has the prep. *do*, simple or compounded, construed with it in its first sense, as, ceadaich do t' òglach, *permit thy servant.*]
———idh, *fut. aff. act.* of ceadaich.
———te, *a. & past pt.* of ceadaich. Permitted, suffered, lawful. Am bheil e *c.* ? *is it lawful ?*
†ceadal, *s.m.* Story, narrative. 2 Malicious report. 3 Singing. 4‡‡Education.
ceadalach, *a.* Malicious, as a story. 2††Crazy.

3†† Subject to fits of sickness.
ceadalaiche, *s.m.* One who raises malicious stories.
céadamas,‡‡ -ais, *s.m.* (ceud+amas) First finding.
————, *adv.* In the first place.
ceadan, -ain, -an, *s.m.* Bunch, lock as of wool. 2††Burden.
céadaoin, -e, *s.f.* see ciadaoin.
cead-bhileach, -lich, *s.f.* see ceud-bhileach.
cead-fadh, -aidh, -an, see ceud-fath.
————ach, *a.* see ceud-fathach
†ceadfaidheas, -eis, *s.m.* Sensuality, voluptuousness.
ceadha, -dhan, *s.m.* Share-beam, the part of a plough on which the share is fixed. 2 see ceithe.
ceadhal, -ail, *a.* Blistered, full of sores.
†ceadhraoidheachd, *s.f.* Geomancy, art of divining by figures.
†cead-lomaidh, see ceud-lomaidh.
ceadna, see ceudna.
†ceadoir, *s.f.* see ceud-uair.
†cead-thomalt, -aiit, *s.m.* see ceud-lomaidh.
†cead-thuisneadh, *s.m.* Firstling, firstborn.
†cead-thus, -uis, *s.m.* Principle, element.
ceaduichte, *x. & past pt.* see ceadaichte.
ceafan,‡ -ain, *s.m.* Frivolous person.
cèaird, -e, -ean, *s.f.* Trade, profession, occupation. 2 Handicraft. 3 Art, skill. Ciod e 's ceàird dhuit ? *what is your occupation ?* cha'n uaisle duine na a *ch., a man is not higher than his trade.*
————, *gen.sing. & n. pl.* of ceàrd.
————each, -eiche, *a.* Professional. 2 Having a trade. 3 Expert, dexterous, ingenious. Is an-uasal mac an uasail mur bi e *c., without parts the son of a noble is mean.*
ceairdealachd, see cèardalachd.
ceairdeal, see cèardail.
ceairidh,(AC) *s.f.* Cirrus clouds.
ceairsle, -ean, *s.f.* see ceirsle.
————ach, *a.* see ceirsleach.
ceairslich, see ceirslich.
†ceal, *a.* False.
†ceal, *v.a.* Eat. 2 see ceil.
ceal, -a, -an [& -aichean,] *s.m.* Concealment. 2 Forgetfulness. 3 Stupor, torpor. 4 Stupidity. 5 Expression of countenance. 6 Hue or colour. 7(AC) Cliff, ridge. 8(AC) End, finish, completion. 9**Powder. 10‡‡Socket. 11 Muliebre pudendum. 12(AH) State of being lost in thought, preoccupied, or abstracted. Is bochd an *c.* a th' ort, *what a miserable expression of countenance you have* ; na cealaichean, *the cliffs*; cuir *c.* air, *put an end to it.*
ceal, (AC) *a.* Same, similar.
†ceal, -a, *s.m.* Death. 2 Heaven. 3 Use. 4 Joint. 5 Fine flour. 6 Covering. 7 Sickness. 8 Prophecy.
cealach, -aich, -aichean, *s.m.* Fire-place of a kiln. *C.* na h-àth, *the fire-place of the kiln.*
————adh, } *s.m.* see ceileadh. 2 Eating.
cealadh, }
cealaich, *v. a. Perthsh.* for ceil. 2 Eat. A chealaich m' aran, *who ate my bread.*
————te, *past pt.* of cealaich.
cealaideach,* *s. m.* [*& f.*] Miserable-looking person.
cealair, see ceallair.
ceal-chobhair, -e, -ean, *s.f.* Sanctuary, asylum.
cèaldair, *s.m.* The Z-like instrument used by housewives for forming hanks of yarn. [also called *crois-iarna.*] 2(AG) Gnarled old fellow of slow movements.—*Suth'd.*
ceal-fhuath, -fhuatha, -an, *s.m.* Private grudge.
cealg, ceilge, *dat.* ceilg, *s.f.* Hypocrisy, deceit, treachery. 2 Malice. Spiorad ceilge, *the spirit of deceit.*
——, *v.a.* Beguile, deceive.
cealgach, -aiche, *a.* Crafty, cunning. 2 Hypocritical, treacherous, deceitful, false. 3 **Malicious. Tha 'n cridhe *c., the heart is deceitful.*
cealgadair, -e, -ean, *s.m.* see cealgair.
————eachd, *s.f.* see cealgaireachd.
cealgadh, -aidh, *s.m.* Alluring, deceiving. A' c—, *pr.pt.* of cealg.
cealgaich, see cealaich.
cealgaiche, -an, *s.m.* see cealgair.
————, *comp.* of *a.* cealgach.
cealgair, -ean, *s.m.* Hypocrite, deceiver, rogue, cheat, traitor. Bàsaichidh dòchas a' *ch., the hope of the hypocrite shall perish.*
————eachd, *s.f.ind.* Hypocrisy, fraud, deceit, treachery. Bithibh air bhur faicill o thaois ghoirt nam Pharasach, eadhon *c., beware ye of the leaven of the Pharisees, even hypocrisy*; ri *c., practising deceit.*
†cealg-aonadh, *s.m.* Dissimulation.
cealg-chòrdadh, -aidh, *s.m.* Collusion for fraudulent purposes. 2 Private understanding.
†ceal-uidhe,‡‡ see cealgaiche.
ceall, *s.f.* Mast-step.
†ceall, cille [& **cealla] *dat. sing.* cill, *n.pl.* cilltean, *s.f.* Cell. 2 Church. 3†† Burying-place.
ceal ,‖ *s.f.* Stupor.
†ceallach, -aich, *s.m.* War. 2 Contention, strife. 3 Churchman. 4 Monk. 5 *provin.* Peat-cart, creel placed on a sledge to carry peats, manure, &c. 6**Contention.
†ceallada, *s.m.* Custody.
ceallaich, see ciallaich.
ceallair, -ean, *s.m.* Superior of a monastery. 2 ††Cellarer. 3 ††Talker.
ceall-ghoid, -e, *s.f.* Sacrilege.
†ceallmhuin, *s.f.* Oracle, prophecy.
cealloir, see ceallair.
———— -òlach, *s. m.* Mean or nasty person.
†ceall-phort, -uirt, *s.m.* Cathedral church.
ceall-shlad, shlaid, *s.f.* Sacrilege. 2**Simony.
ceall-shlod, see ceall-shlad.
†cealltair, *s.m.* Spear. 2 Cause. 3 Castle.
†ceal-stol, *s.m.* Close stool.
†cealt, *s.m.* Apparel, clothes, garments, dress.
cealt, (AF) *s.* Kelt (fish.)
——ar, -aire, *s.* Thick broad-cloth, generally of a grey colour. *provin.* 2(DU) Web of any kind of cloth.
†cealt-mhuinnleir, *s.m.* Fuller.
†ceamar ? see ciamar ?
†cean, -e, *s.m.* Love, favour, fondness. 2 Desire. 3 Fault, crime. 4**Elegance. 5‡‡Debt. Tha mo *ch.* air an òg-mhnaoi, *my love is for the virgin.* [same as cion.]
ceana ? *adv.* (*for* c' ionad, cia an t-ionad ?) Whither ? 2 see cheana, *and* a cheana. 3‡‡ Even. 4 Lo, already.
†céana, see ceudna.
ceanail, -e, *a.* Mild, kind, loving. 2 Civil, well-bred. 3 Elegant. 4**Faulty. 5**Fond.
†ceanair, *a.* Hundred.
ceanal, -ail, *s.m.* Kindness, mildness. 2 Politeness, gentility. 3 Elegance. 4††Pleasantry, merriment. 5**Fondness. Beul a' cheanail, *the mouth of mildness.*
ceanalta, -ailte, *a.* Kind, mild, amiable. 2 Polite, genteel. 3 Handsome, comely, fair, clean, seemly. 4 Auspicious. 5†† Humoursome. Gille *c., a handsome lad.*
ceanaltachd, *s.f.ind.* } Kindness, mildness,
ceanaltas, -ais, *s.m.* } urbanity, complaisance. 2 Handsomeness, comeliness. 3 Polite-

ness.
ceanann, *a.* see ceann-fhionn.
†cean-aois *s.f.* Old age.
céandachd, *s.f.ind.* see ceudnachd.
ceandail,(AF) *s.pl.* Lice.
cean-fhionn, see ceann-fhionn.
†ceau-fidhne, see ceann-feadhna.
cean-folaidh, see cion-falaich.
ceangail, *pr.pt.* a' ceangal [& ceangladh,] *v.a* Bind, tie, fasten. 2 Fetter. 3 Article, as an apprentice. 4**Tighten. 5** Oblige. 6** Restrain. Ceangail teann is faigh tearuint, *fast bind fast find.*
————te, *a. & pt.pt.* of ceangail. Bound, confined, restrained, tied, fastened. 2**Obliged, compelled.
————teach,** *a.* Astringent.
————teachd-cuim,‖ *s.f.* Constipation.
ceangal, -ail, *pl.* -ail [-laichean & ceangaltaicheau], *s.m.* Tie knot, bond, fetter, ligature, bandage, fastening. 2 Restraint. 3 Obligation. 4 Binding. Act of binding. 6**Articulation. Fo cheangal aig duine sam bith, *under restraint to any man;* am fear a cheanglas 's e a shiùbhlas, *he that ties (his bundle) fast can walk without stopping*; ceanglaichean pòsaidh, *marriage-bonds, betrothal*; ceangal nam mionn, *the obligation of oaths*; A' c—, *pr.pt.* of ceangail.
ceangalach, -aiche, *a.* see ceangaltach.
ceangal-pòsaidh, *s.m.* Betrothal. Ni thu ceangal-pòsaidh, *thou shalt betrothe a wife.*
ceangaltach, -aich, *a.* Binding. 2 Connecting. 3 Obligatory, obliging.
ceangaltaichean,* *n.pl.* of ceangal.
ceangaltas, -ais, *s.m.* Tying, binding, fastening. 2††Obligation.
ceanglach, see ceangailteach.
————an, -ain, -an, *s.m.* Bundle, truss, bale. *C.* airgid, *a bundle of silver.*
ceangladair,** *s.m.* Binder.
ceangladh, -aidh, *s.m,* Same meanings as ceangal. A c—, *pr.pt.* of ceangail.
ceanglaiche, -an, *s.m.* Binder.
————an, *n.pl.* of ceanglaiche, & ceangal.
ceanglaidh, *fut.aff.a.* of ceangail.
ceanglair,** *s.m.* Binder.
ceanglar, *fut. pass.* of ceangail.
ceanionn, see ceann-fhionn.
ceann, cinn, *s.m.* Head. 2 Point. 3 Hilt. 4 Top. 5 End. 6 Chief, commander. 7 Headland, promontory. 8 Extremity, limit. 9 Period, expiration. 10*Genius, ingenuity. 11* Attention. 12 Head of yarn (4 to 6 cuts or hanks.) 13**Harvest-home. 14(AH) Head of a plough, on which sock is fixed. Thog tuinn an cinn, *waves reared their heads*; sleagh a's géire ceann, *a spear of the sharpest point*; *c.* nan laoch, *the chief of the heroes*; an *c.* bliadhna, *at the expiration of a year*; mu cheannaibh nan crann, *about the tops of the trees;* bi 'nad *ch.* mhath dha, *be kind (good) to him*; 'na dhroch *ch.* dhuit, *very bad for you*; is dona an *c.* sin dhuit, *that is against your health;* bha e 'na dhroch *ch.* dha, *he behaved very ill to him;* a' dol air cheann ghnothaich, *going on business;* cha'n 'eil an droch *ch.* aige, *he is not destitute of genius;* air *ch.* dha tighinn dhachaidh, *preparatory to his coming home*; an *c.* a sè deug, *at long last*; 'an *c.* a chéile, *mixed, assembled*; 's ann agad a tha an ceann ! *how shrewd you are !* shiubhail mi Ile bho *ch.* gu *c., I walked from one extremity of Islay to the other;* na cuir *c.* 'na leithid sin, *do not attempt such a thing;* thoir an ceann dheth, *behead him* ; a chur *c.* air strì, *to conclude the strife;* àm a bheir ar n-àmhghar gu *c., a time that will bring our troubles to a close*; *c.* na ciche, *the nipple;* an *c.* tiotaimh, *in a little while;* an *c.* tacain, *in a little while;* *c.* nan lann, *the hilt of the swords;* ciod e an *c.* a rinn e dhuit ? *what attention did he show you ?* gus an liath do cheann, *till you are grey-headed*; liath thu mo *ch.*, *your conduct has turned my hair grey;* ghabh e 'n saoghal m' a *ch., he took the range of the wide world*; os ceann an athair, *above the firmament* ; an *c.* shìos, *the farthest off extremity*; an *c.* a bhos, *the nearest extremity;* an *c.* shuas, *the upper extremity*; air mo cheann, *awaiting me*; os do *ch., above your head, over you;* air a' cheann thall, *at long last.*
ceanna-bhàrd, *s.m.* Head bard.
ceannabhard, *s.m.* see ceannard.
ceanna-bhàrr,†† *s.m.* Head-dress, hat, cap.
ceanna-bheart, -eirt, -an, *s.f.* Covering for the head. 2††Helmet.
ceanna-bhiorach,†† *a.* Conical, pointed at the top.
ceanna-bhrat,††-ait,*s.m.* Head-dress. 2 Canopy.
ceannach, -aich, *s. m.* Hire, price, wages. 2 Purchase, purchasing, buying. 3**Bargain. 4 Reward. 5 Bribe. 6**Covenant. 7 Enough. Ceannach geal 'nuair a thig an sneachd, *a white present when the snow comes* [meaning that markets will be cheap]; bu *c.* leam t' ugh air do ghloc, *your egg is dear for so much cackling ;* is *c.* ort an gnothach, *you bother me too much about the business*; tha *c.* agad air, *you have had enough of it, it is a bother to you,* or *you will pay dearly for it.* A' c—, *pr.pt.* of ceannaich.
————achd, see ceannachd.
————adh, -aidh, *s.m.* Buying. 2 Act of buying. 3 Purchase. A' c—, *pr.pt.* of ceannaich.
————air,** see ceannaiche.
ceannachd, *s.f.ind.* Commerce, trade. 2 Merchandise. 3**Buying, purchase. Agus ni sibh ceannachd 'san tìr, *and ye shall trade in the land ;* oir 's fhearr a *c.* na *c.* airgid, *for her merchandise is better than the merchandise of silver.*
ceannachdair, -e, -ean, see ceannaiche.
ceannachdrach, -aich, *s.m.* Upper part of the throat.
ceann-a'-chnac, *s.m.* Thwart-brace of a boat—*Lochbroom.* see p. 76.
ceanna-chnàmhan, *s.m.* Head or ribs of boat see bàta, G 16, p.73.
ceann-achra, *s.m.* Epiphany.
ceann-a'-chraidh, *s.m.* Thwart-brace of boat—*Lewis, &c.* see p. 76.
ceann-adhairt, *s. m.* Pillow. 2 Bed-head. Cnamhadh a' chinn-adhairt, *a curtain lecture.*
ceannag, -aige, -an, *s.f.* Wisp. 2††Head-rig.
ceann-aghaidh, *s. f.* Forehead. 2 Countenance, physiognomy.
ceannaich, *pr.pt.* a' ceannach [& a' ceannachadh] *v .a.* Buy, purchase. 2*Redeem. 3 Traffic. A cheannaich sinn cho daor, *which we purchased so dearly.*
ceannaich,** -aiche, *s.f.* Strife. 2 Contention for supremacy or superiority.
ceannaiche, -an, *s.m.* Purchaser. 2 Shopkeeper. 3 Merchant, trader, whether buyer or seller. 4 Pedlar.
ceannaichte, *past part.* of ceannaich, Bought.
†ceannaide, *s.m.* see ceannaiche.
†ceann'aidh, see ceann-aghaidh.
ceann-aimsir, cinn-, *s.m.* Date, epoch, era. 2 Term, period.
ceann-aimsreach (JM) *s.m.* Term-day.
ceannair,** -ean, *s.m.* Driver, goadsman, 2** Leader of plough-horses.

ceannairc, -e, *s.f.* Rebellion, sedition, mutiny, insubordination. 2**Conspiracy. 3 Perverseness. 4‡ Turbulence. [*C.* has no *pl.*] Làn ceannairc, *full of rebellion.*

————,** *v.n.* Rebel, mutiny.

————each, -eiche, *a.* Rebellious, seditious, insubordinate, mutinous. 2 Perverse. 3 Turbulent.

Daoine dall agus c., *blind and rebellious men.*

————eas, -eis, *s.m.* Proneness to rebel. 2 Insubordinateness. 3††Sedition.

————ich, *v.a.* see ceannairgich.

ceann-air-chrith,§ *s. m.* Quaking grass, see conan.

ceannaird, *gen.sing.* of ceannard.

ceannaire, -an, *s.m.* see ceannair. 2 see geannair.

————achd, *s.f.ind.* Occupation of a goadsman. 2 of leading horses when ploughing.

ceannairge, *s.f.* see ceannairc.

————ach, *a.* see ceannairceach.

————achadh, -aidh, *s. m.* Contention, strife. 2 Rebelling. A' c—, *pr.pt.* of ceannairgich.

ceannairgich, *v.n.* Rebel, contend, revolt.

ceann-airm, *s.m.* General, head of an army.

ceannamhăg,(DU) *s.f.* Part at end of a field where the horses turn in ploughing (*lit.* end-rig)—*W. of Ross.*

ceannamhagan, *s.pl.* Scraps of grass adjacent to growing corn.—*Suth'd.*

ceannamhaide,(AH) *s.m.* Couple-leg in roof of a house.

ceann-aobhair, -e, -ean, *s.m.* Prime cause, first cause.

ceann-aodach, -aich, *s. m.* Head-dress. 2** Mitre. 3**Turban.

ceannarra,(AC) *a.* Strong-headed.

ceannarach, *s.m.pl.* Scraps of grass adjacent to growing corn—*Argyll.*

ceannard, -aird, -an, *s.m.* Chief, chieftain, leader, commander-in-chief.

ceann-àrd, -àirde, *a.* High-headed.

ceannardach, -aiche, *a.* Commanding, ambitious, arrogant, proud, imperious, dictatorial. 2 Confident, dogmatical, influential. 3‡‡ High-headed.

————d, *s.f.ind.* Arrogance, pride, imperiousness, ambition. 2 Superiority, chieftainship.

ceannardas, -ais, *s.m.* see ceannas.

ceann-armailt, *s.m.* General, commander of an army.

ceannas, -ais, *s.m.* Superiority. 2 Chieftainship. 3 Haughtiness, superciliousness, arrogance, forwardness, imperiousness. 4 The upper hand. 5**Ambition. 6 Vaunting.

————ach, -aiche, *a.* Superior. 2 Ambitious, aspiring. 3 Authoritative, commanding. 4 **Haughty. 5**Headstrong.

————achd, *s.f.ind.* Superiority. 2 Ambition. 3 Haughtiness, imperiousness. 4‡‡Despotism.

———— -cinnidh, *s.m.* Chieftainship.

———— -feadhna, *s. m.* Chieftainship of a clan or tribe.

———— -fine, see c— -cinnidh.

ceannasg, -aisg, -an, *s. m.* †The forehead. 2 Coif, hair lace. 3**Cap. 4**Headstall. 5 Band. 6**Government, ruling.

†ceannath, *s.m.* Bargain, agreement.

ceann-bàn-a'-mhonaidh,§ *s. m.* Cotton-sedge, see canach.

ceann-barrach, -aich, *s.m.* Jack-fish, pike.

ceann-beag, *gen.* cinn-bhig, *n.pl.* cinn-bheaga, *s.m.* Sheaf out of each shock as cottagers' wages. 2 Certain proportion of crop, dressed in harvest in order to ascertain the probable quantity of the whole, generally called a "proof."

ceann-bhàrr, -a, -an, *s.m.* [*& f.*] Hat, bonnet, cap, any male head-dress. Ceann-bhàrr easbuig, *bishop's mitre.*

ceann-bheairteach, *a.* ceann-bheartach.

ceann-bheart, -bheairt, *pl.* -an [cinn-bheairt & cinn-bheartan,]*s.m.* Helmet, head-piece.

————ach, *a.* Wearing or having a helmet or head-piece.

ceann-bheirteach, see ceann-bheartach.

ceann-bhiorach, -aiche, *a.* Conical, pointed at the head.

————, -aich, *s.m.* see ceann-biorach.

ceann-bhrat, -ait, *s.m.* Canopy.

ceann-bhriathar, -air, -thran, *s.m.* Adverb.

ceann-bhriathrach, *a.* Adverbial.

ceann-bhriathrail, see c— -bhriathrach.

ceann-bhroit, *(for* ceann-bhrait) *gen. sing.* of ceann-bhrat.

†ceann-bhurgaid, see ceann-phurgaid.

†ceann-bhurgair, *s.m.* Burgomaster.

†ceann-biorach, *s.m.* Prow of a ship, generally called "ceann-caol."

ceann-biorach-na-doinionn, (AH) see ceann-biorach-na-stoirm.

ceann-biorach-na-stoirm, (AH) *s. m.* Stormy petrel—*cellaria pelagica.*

ceann-buidhne, cinn-bhuidhne, *s. m.* Captain of a company or party.

ceann-caol, *pl.* cinn-chaola, *s.m.* Prow of a ship. 2 Tapering or smaller extremity of anything, distinguished from "ceann-garbh," the thicker extremity. 3‡‡ The head, in contra-distinction to the lower extremities. 4(AH) The legs in contra-distinction to the head. Seas air do cheann-caol, *stand upon thy head;* tha duine a tha mach air a cheann-caol fad an là feumach air fois 'nuair a thig e dhachaidh, *a man who is out on his legs all day requires rest on coming home.*

ceann-carach,‡‡ *s.m.* Jack (tool.)

ceann-chàrr,** *s.m.* Dandriff.

ceann-chathair, -thrach, -thraichean, *s.f.* Metropolis.

ceann-cheòladair, -e, -ean, *s.m.* Chief musician.

ceann-cheud, *s.m.* Centurion.

ceann-chlaon, *a.* Headlong. 2 Steep.

ceann-chnag,(DU) see ceann-tobhta 1.

ceann-choire, -ean, *s.f.* Capital offence.

†ceann-chunn, *s.m.* Goad.

ceann-ciuneil, see ceann-cinnidh.

ceann-cinnidh, *s.m.* Chief, chieftain, head of a clan, chief of a tribe.

ceann-còmhraidh, cinn-chòmhraidh, *s.m.* Topic, subject of discourse.

ceann-connspoid, cinn-chonnspoid, *s.m.* Topic of debate.

ceann-criche, cinn-chrìche, *s.m.* Goal, end of a journey.

ceann-dàn, -dàna, *a.* Pertinacious, stubborn, headstrong.

————adas, -ais, *s.m.* Pertinacity, stubbornness, obstinacy.

ceann-dearg, -eirge, *s.m.* Red-start, red-pole—¶*phœnicura ruticilla.* [** gives *motacilla phœnicurus.*] see illust. 128. 2‡‡Redness of an evening sky.

ceann-deargan,¶ *s. m.* Redstart, see ceann-dearg. 2 Common redpole, see deargan-seilich. 3 (AH) High dawn, redness of a morning sky betokening unsettled weather.

ceann-deiridh, *s.m.* Quarter-deck.

ceann-dubh, -uibhe, *a.* Black-headed, black-haired.

ceann-dubh,¶ *s.m.* Black-cap—*curruca atricapilla.* 2 Marsh-titmouse—*parus palustris.* 3

(AF) Black red-start.

128. Ceann-dearg.

129. Ceann-dubh (1)

130. Ceann-dubh (2)

ceann-dubhag, see ceann-dubh.
ceann-dubhan, *s.m.* Black-headed gull, see faoileag.
ceann-dubh-fraoich,(AF) *s.m.* Reed-bunting, see gealag-dubh-cheannach.
ceann-éideadh,-idh, *s.m.* Head-dress. 2 Turban. 3**Mitre.
ceann-eudach, see ceann-aodach.
ceann-fàth, ceann-fàtha [& cinn-fàth] *s.m.* see cion-fàth.
ceann-feachd, cinn-fheachd, *s. m.* see ceann-feadhna 2.
ceann-feadhna, cinn-fheadhna, *s. m.* Chief. 2 Captain, leader, commander, general.
————chd,** *s.f.* Captainship.
ceann-feadhnas, -ais, see ceannas-feadhna.
ceann-feodhna,** see ceann-feadhna.
ceann-fhacal, -ail, *s.m.* Adverb.
ceann-fhiodh, -a, *s.m.* Roof timber, rafters.
ceann-fhionn, *a.* White-headed, white-faced, as a cow or sheep. 2 Bald. 3 Grayish.
————,**s.m.& f.* Name given to a white-headed or white-faced cow.
ceann-fine, cinn-fhine, *s.m.* Chieftain, head of a clan, chief. Chaill iad ceann-fine no dhà, *they lost a chieftain or two.*
ceann-fineacha,** *s.m.* Head of a clan or tribe, head of a nation.
ceann-finid,(AH) *s.m.* Consummation, culmination, finish, conclusion.
ceann-fiodha, *s.m.* End of a ship timber.
†ceann-fuirt, (*for* ceannaird) Chiefs, leaders.
†ceann-ghalar, -air, *s.f.* Any disorder of the head, *dolor capitis*‖. 2**Dandriff, scales on the head.
————ach, *a.* Subject to diseases of the head. 2 Subject to dandriff.
ceann-gharbh, -airbhe, *a.* Thick-headed. 2 Rough- or ragged-headed.
ceann-garbh,†† *s.m.* Thick end.
ceann-gheal, -ile, *a.* White-topped, white-headed.
ceann-ghlas, -aise, *a.* Grey-headed.
ceann-ghorm, -uirme, *a.* Blue-headed.
ceann-ghràbh, *s.m.* Motto. 2 Superscription, title.
————adh, see ceann-ghràbh.
ceann-ìleach, -ìlich, *s.m.* Sword-hilt of a shape peculiar to those manufactured in Islay.
ceann-iùil, cinn-, *s.m.* Guide, leader of the way. 2**Chieftain.
ceann-labhairt,‡‡ *s.m.* Eloquence. 2 Topic of discussion.
ceann'-làidir, see ceann-làidir.
ceann-làidir, *a.* Headstrong, stubborn, opinionative. Tha i *c., she is headstrong.*
————eachd, *s.f.ind.* Stubbornness, obstinacy. 2 Opinionativeness. 3**Stiffness.
ceann-liath, -léithe, *a.* Grey-headed. 2 Grey-haired.
ceann-litir,ceann-litreach, ceann-litrichean, *s.f.* Capital letter.
ceann-lom, *a.* Bare-headed. Mo nighean mhiog-shuileach cheann-lom, *my smirking bare-headed maid.*
ceann-maide, ceann-mhaide, *s.m.* Block, block-head.
ceann-mathain, *s.f.* Name of a star.
ceann-mathon, see c— -mathain.
ceann-mhàg, -àige, ceann-mhàga, *s.m.* Head-ridge in a ploughed field.
ceann-molach, *s.m.* Tufted dun bird, see cur-racag.
ceann-muinchill,‡‡ cinn-mhuinichill, *s.m.* Cuff.
ceann-nan-sìth-mhaor, *s.m.* The Lyon-king-at-arms.
ceann-paib, *s.m.* Tow-head. Chuir thu ceann-paib air mu dheireadh, *you have put a tow-head on it at last.* [MacIntosh in *Gaelic Proverbs* says, "said of those who destroy all the good they have done by an ill-deed."]
ceann-phollan, -ain, -an, *s.m* Tadpole.
ceann-phort, ceann-phuirt, *s.m.* Head port.
————, *pl*, cinn-phuirt, *s.m.* ‡‡Founder, author. 2 Director of a choir.
ceann-phurgaid, *pl.* ceann-phurgaidean, *s. f.* Gargarism, gargle.
ceann-pluic,** *s.m.* Block, blockhead.
ceann-puist, *s.m.* Chapiter, capital of a pillar.
ceann-ràcain, cinn-ràcain, *s.m.* Rake-head. 2 *prov.* Small portion of land.
ceannrach, -aich, -aichean, *s. m.* Halter. 2 Horse-collar. 3 Tether. 4 Snare. 5 Fillet. 6‡Bridle.
†ceannragh, *s.m.* Head-stall, halter.
ceannraig, *s.m.* see ceannrach.
†ceann-reiteachadh, -aidh, *s.m.* Propitiation.
ceann-riabhach, -aiche, *a.* Brindled in the head.
ceann-roinge, *s.* Head or rib of a boat, see bàta G16, p. 73.
ceann-ruadh, -aidhe, *a.* Red-headed or red haired.
ceann-ruadh, *s.m.* Celandine *or* swallow-wort. [Preceded by the article *an.*] The flower is yellow and not red, although called *ruadh* in Gaelic. see illust. 131.
ceannruisgeach, see ceannruisgte.
ceannruisgte, *a.* Bare-headed.
ceannruitheach, -eiche, *a.* Headlong, precipitate, rash.
ceannsa, see ceannsach.
ceannsach, -aiche, *a.* Continent, temperate. 2 Mild, gentle. 3**Bashful. 4 Under authority, subordinate.

131. Ceann-uidh.

ceannsachadh, -aidh. *s.m.* Subduing, commanding, taming. 2 Keeping under authority, 3 Reducing, subjugation, subjection. A' c—, *pr.pt.* of ceannsaich.

ceannsachd, *s.f.* Temperance, continence. 2 Mildness, gentleness. 3 Authority, government. 4 Subordination, condition of being kept under. 5**Docility, meekness. Le c., *with meekness.*

ceannsaich, *pr. part.* a' ceannsachadh, *v. a.* Quell, tame, subdue, conquer, train, discipline, keep under.

———-——ear, *fut. pass.* of ceannsaich.

————-—idh, *fut. aff.* of ceannsaich.

————-—te, *past part.* of ceannsaich. Quelled, subdued, conqu red, disciplined, tamed.

ceannsaidh,** *a.* Clement.

ceannsal, -ail, *s m.* Rule, government, sway, authority 2*Subjection. Fo cheannsal, *subjected* ; do m' *ch.* géillibh, *yield (ye) to my authority.*

-————ach, -aiche, *a.* Authoritative, commanding. 2 Fit for rule. 3 Prone to rule or govern. 4 Swaying. 5 **Active. 6**Supreme. Ceannard *c., a commanding chief.*

-————ach, -aich, *s.m.* Commander, active leader. An *c.* mileanta, *the brave commander.*

———-—achd, *s.f.ind.* Rule, government, sway. 2 Supremacy. 3**Authoritativeness. 4 Tyranny.

ceannsaladh, -aidh, *s.m.* Dominion.

ceannsalaiche, -an, *s.m.* Conqueror, governor, subduer. 2**Overbearing man.

ceannsgal. -ail, *s.m.* see ceannsal.

————-—ach, *a. & s.m.* see ceannsalach.

ceann-sgalpan, -ain, *s.m.* see ceann-ghalar.

ceann-sgriobh, see ceann-sgrìobhadh.

————————adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Motto. 2 Title, subject of writing.

————————aichean, *n.pl.* of ceann-sgrìobh.

ceann-sgur, -a, cinn-sgur, *s.m.* Period, full stop in *gram.* 2††End.

ceann-smuid, *s.m.* Tadpole.

ceann-sìthe, cinn-shithe, *s.m.* Peace-maker. 2 ††Membrum virile.

ceann-snaodh,(AC) cinn-, *s.m.* Head of band of carol-singers who used to go about at Christmas-time.

ceann-spreadhach, -aiche, *a.* Headstrong.

ceann-stuaidh, -e, -ean, *s.m.* Arch. 2 Gable top or head.

ceann-suic, -e, cinn-shuic, *s.m.* Share-beam, the part of a plough to which the share is fixed.

ceann suidhe, cinn-suidhe, *s.m.* President.

ceann-taigne, cinn-taighe, *s.m.* Chieftain. 2 Head of a family. 3 Master of a house or household.

————-——achd,‡‡ *s.f.* Chieftainship.

ceann-àird, *s.m.* Bard.

†ceanntar, *s.m.* Hundred. 2‡‡Side of a country.

ceann-teagaisg, cinn-theagaisg, *s. m.* Text, subject of discourse.

ceann-teurma,(AH) *s. m.* Death-stroke, accident or act of carelessness which results, sooner or later, in the death of a person involved therein.

ceann-tìre, cinn-tìre, *s.m.* Headland, promontory (*lit.* land's end.) 2 Peninsula.

ceann-tobar, *s.m.* Well-cover. 2 Mother spring.

ceann-tobhta, cinn-thobhta, *s.m.* Knee of timber in a vessel, which connects the bench with the gunwale, thwart-brace. 2 Bench-head. 3††Beam-end.

ceann-toiseach luinge, *s.m.* Prow or fore part of a ship.

ceann-treun, -a, *a.* Obstinate, headstrong, self-conceited, foolhardy.

ceann-trom, -truime, *a.* Drowsy, sluggish, heavy-headed, dull.

ceann-troman,(AF) *s.m.* Gurnet, gurnard.(fish)

ceann-uaisgineach, -eiche, *a.* Rash, incautious.

ceann-uallach, -aiche, *a.* Proud, haughty, vain, ostentatious, silly.

ceann-ubhall, cinn-ubhaill, *s.m.* The bowl,ball, or globe on the top of a pillar.

ceann-uidhe, cinn-uidhe, *s.m.* End of a journey, goal, terminus, destination. 2 Hospitable landlord. 3 Dwelling-place. 4**Stage. Ceann-uidhe na bàigh, *the dwelling-place of mercy*; ceann-uidhe na féille, *the head stage of hospitality.*

ceannuigheachd, *prov. for* ceannachd.

ceann-ùr, *s.m.* Paragraph in *grammar* (¶.)

ceann-ùrlair, see under bàta, A1, p. 73.

ceannus, see ceannas.

†ceansal, see ceannsal.

ceap, cip, *pl.* cip ceapa & ceapan, *s.m.* Block. 2 Shoemaker's last. 3 Top, as of a hill. 4 Stocks. 5 Trap, snare. 6 Sign set up, as a rallying point in time of battle. 7 Cap. 8* Clog or stumbling block on a beast's foot. 9 Sort of sofa or couch formed of peats, placed between the fire and the bed in the *bothan-àiridh*, and used as a seat. 10 Nave of a wheel. 11**Head. Leag iad *c.*, *they laid a snare* ; peanas a' chip, *the punishment of the stocks*: ceap nam mór chruach, *the top of the lofty hills.*

ceap, *pr.pt.* a' ceapadh, *v.a.* Catch, stop, intercept, obstruct, keep. Ceap e, *intercept him.*

ceapach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, stumps or trunks of trees, or lasts.

†-————, -aich, *s.m.* Tillage plot of land. 2** *s.f.* Decayed wood.

ceapadh, -aidh, *s.m.* Intercepting, catching or stopping, a flying or falling body, whether animate or inanimate. 2 Act of lasting, binding, or fettering. 3* Carping. A' c—, *pr.part.* of ceap. A' *c.* chuileag, *catching flies*; bithidh e cho math dhuit an cothrom sin a cheapadh, *it will be as well for you to make the most of that opportunity.*

———— -rann,‡‡ *s.m.* Scanning.

ciùbhrach, -aiche, see ciùbhran. Frasan a thig 'nan c., *showers that come in drizzle.*
ciùbhragaich, *s.f.* see ciùbhran.
ciùbhran, *s.m.* Small drizzling rain.
ciuch, *s.m.* Pass.
ciuchach,(AC) *a.* Plaintive.
ciuchair, *a.* Beautiful. 2 Dimpling.
ciùcharan, -ain, *s. m.* Low-voiced, plaintive lamentation.
†ciuchlaith, *v.a.* Hear.
ciùcran,†‡ see ciùcharan.
ciud-siorraig.(DC) *s.f.* The modern wool-winder with an arrangement of toothed wheels, worked by the revolving winder and with a spring which makes a sound when the number of threads forming a "cut" is wound on the rim of the winder-wheel—*Uist.*
ciùil, *gen.sing.* of ceòl.
†ciùileabhar, *s.m.* Greyhound.
ciùin, -e, *a.* Calm, gentle, meek, mild, amiable. 2 Smooth, agreeable to the touch. 3 Unruffled, placid, peaceful, quiet, composed. Agus bha 'n duine Maois ro ch., *and the man Moses was very meek;* feasgar c., *a still evening;* aodach c., *smooth cloth,* [McA says *North* after this, but "aodach mìn" is the correct expression]; cha ch. e, *he is not mild.*
ciùin, *pr.pt.* a' ciùineadh, *v.a.* see ciùnich.
ciùine, *s.f.ind.* Mildness, gentleness, meekness. 2 Calmness, peacefulness, tranquillity. 3 Quietness, repose. 4**Smoothness. 5** Gentle gale. C. mhór, *a great calm.*
———, *comp.* of ciùin. More or most calm.
———ach,** *a.* Assuasive.
———achadh, -aidh, *s.m.* Appeasing, quieting, calming, pacifying, assuagement. A' c—, *pr pt.* of ciùnich.
———achail,** *a.* Appeasable.
———achair,** *s.m.* Appeaser.
———achd, see ciùineas.
———ad, -eid, *s.f.* Degree of calmness. 2 Increase of calmness or smoothness. A' dol an c., *increasing in calmness.*
———adair,** *s.m* Calmer.
———as, -eis, *s.m.* Calmness, quietness, mildness, meekness. 2 Gentleness. 3 Smoothness. 4 Composure.
ciùnich, *pr.pt.* a' ciùineachadh, *v.a.* Appease, calm, still, pacify, assuage. Ch. e iad, *he stilled them;* ciùnichidh tiodhlac, *a gift will pacify.*
ciùnichte, *past pt.* of ciùnich. Pacified, appeased, calmed.
†ciùird, *prov.* for cèaird. 2 *gen. sing. & n. pl.* of cèaird. 3 Covering.
†ciùirinich, *v.a.* Cover.
†ciùirt, *s.f.* Rag.
†———,** *v.a.* Tatter.
ciùirteach, -eiche, *a.* see ciùrrail.
ciùlan,** *s.m.* Murmur.
———ach,** *a.* Murmuring.
ciulcharan,(CR) *s. m.* Warbling, singing of birds.—*West of Ross-shire.*
†ciumhas, -an, *s.m.* Border, selvidge, "list" of cloth.
†———ach, *a.* Having a border or selvidge.
ciùnachair,** see ciùineachair.
ciùnadair, see ciùineadair.
†ciùnas, see ciùineas.
ciùr, see ciùrr.
†ciùr, *s.m.* Merchant.
†ciùra, *a.* Marketable, merchantable.
ciùrach, -aich, *s.f.* see ciùbhran. 2**Querimoniousness.
———dan,** see ciùlan.
———danach,** *a* Murmuring.
———danaich, see ciùrach 2.
ciùrair, *s.m.* Gaelic spelling of *curer.*
ciùran,†† -ain, *s.m* Drizzling rain. *also* ciùbhran. (sgiùran—*Argyll.*)
———ach,†† *a.* Rainy.
ciùrlan, see ciùlan.
———ach,** see ciùlanach.
———achd, see ciùlan.
ciùrr, *pr. pt.* a' ciùrradh, *v.a.* Hurt, torture, agonize. 2††Harm, injure, blemish. 3 Put to pain, smart. 4 Cause loss or damage.
———ach,** see ciùrrail.
ciùrradair, -e, -ean, *s.m.* Tormentor, one who hurts or pains.
ciùrradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Hurt, injury, wound. 2 Act of hurting or wounding. 3 Aggrieving. 4**Blemish. A' c—, *pr. pt.* of ciùrr. Chum mo ch., *to my harm;* fhuair e 'ch., *he got himself hurt.*
ciùrraidh,** *a.* Hurtful, destructive. A' ghaillionn ch., *the destructive storm.*
ciùrrail, *a.* Hurtful, destructive, injurious, causing damage or grief, torturing. 2 Bad. 3‡‡Wounding. 4‡‡Ragged. Ana-mhiann c., *a hurtful lust.*
ciùrram,** *s.m.* see ciùrr.
———ach, -aiche, *a.* Hurtful. 2 Maimed, lamed. 3 Lame. 4 Maiming. An t-sleagh ch., *the destructive spear.*
———ach, -aich, *s.m.* Maimed or lame person.
ciùrramaich,** *v.a.* Damage.
ciùrrta, *a. & past pt.* of ciùrr. Hurt, wounded. injured. 2 Blemished. 3 **Offended. Is c. tha mo chridhe, *wounded is my heart.*
ciùrrteach,†† see ciùrrail.
†ciùrrtha, *a.* Bought, purchased.
†———mach, see ciorramach.
ciùrtach, *a.* see ciùrrail.
———d,‡‡ *s.f.* Offensiveness.
ciuthrach,(AF) *s.m.* Red-head (bird.)
†ciùthramach, *a.* see ciorramach.
†ciùthramaich, *v.a.* Maim. 2 Mutilate.
†clab, *a.* Thick.
clab, -aib, -an, *s.m.* Open mouth, gaping garrulous mouth. 2 Thick-lipped mouth (a ludicrous familiar term.) 3**Lip. 4**Gonorrhœa or any venereal affection. 5(AF) Frog-fish, angler. 'S ann ort a tha 'n clab, *how talkative you are*—said to a chatterer; an dorus air clab a' chraois, *the door wide open.*
——ach, -aiche, *a.* Thick-lipped. 2 Open-mouthed. 3 Wide-mouthed. 4 Garrulous.
——ach, *s.f.* see clabag.
clàbadair,* see clàbaraiche.
claba-dubaidh, (AF) Cockles, clams.
clabag, -aig, -an, *s. f.* Garrulous female. 2 Thick-lipped female. 3 Large-mouthed female. (cliob—*Argyll.*) 4**Scoff.
clabair, -ean, *s.m.* Babbler, loud disagreeable talker, prater.
———, *gen.sing.* of clabar.
———eachd, *s.f.ind.* Babbling, tattling, vice of tattling.
claban, -ain, -aineau, *s. m.* Mill-clapper. 2 clack. 3††Paddle. 4††Rattle.
claban,‡ -ain, *s.m.* Top of the head, brain-pan. 2 Balance—*MacL.*
claban-uaireadair,* *s.m.* Balance of a clock.
clabar,†† -air, -an, *s.m.* Mill-clapper. 2**Clack.
clàbar, -air, *s. m.* Filth, dirt, nastiness. 2 Mire, mud, clay. 3 Puddle. 4**Kennel. C. cré, *miry clay;* c. an t-sràid, *the mire of the street.*
———ach, -aiche, *a.* Dirty, filthy, nasty. 2 Miry

clàbarachd, *s. f.* Dirtiness, filthiness, nastiness. 2 Miriness.
clàbaraich,‡‡ *v.a.* Bedraggle.
clàbaraiche, *s.m.* Scavenger.
clabaran,** *s.m.* Patten.
clabarsach,(DC) *a.* Hashing—applied to work requiring exertion and strength—*Uist.*
clabastair, -e, -ean, *s.m.* Brawler, babbler.
———— -ciocharain, see clab-ciocharain.
clab-ciocharain,*pl* -an-ciocharain,*s.m.* Frog-fish. —*Uist.* [griasaiche—*Skye ;* mac-iàmhaich —*Argyll.*]
clab-dubh,* *pl*, claba-dubha, *s.m.* Mussel (fish.) 2 Phola (shell-fish), the "chubby doo" of the Firth of Clyde.
†clabh, see claimh.
†clabhair, *s.m.* Mead.
clabhais-feach,¶ *s.m.* Red-shank (bird) see cam-ghlas.
clàbhdain, *s.pl.* see clàdain. 2**Stilts.
clabhdan, -ain, *s.m.* Clamp. 2 see clàdan.
clabhrachan,** -ain, *s.m.* Babbler.
†clabhsail, *a.* Systematic, quiet, tranquil.
†clàbhuin, *s.m.* see clàmhuinn.
clabog, -oig, -an, *s.f.* Good bargain, great bargain. 2 see clabag.
†clabsal, -ail, *s.m.* Column of a page.
clab-sgàin, -e, -tean, *s.m.* Open-mouthed noisy fellow.
†clab-sholus,** -uis, *s.m.* Twilight.
clabstair, *s.m.* Clatterer.
†clabstur, *s.m.* Cloister.
clach, cloiche, *dat.* cloich, *pl.* clachan, *s.f.* Stone. 2 **Pebble. 3**Rock. 4 Stone weight (14 lb.) 5** Monument. 6* *Testicle. 7* Goggle-eye—*Islay.* C. olainn, *a stone-weight of wool* ; clachan an cliù, *the memorials of their fame* ; c. na sùla, *the apple of the eye* ; is fhearr a' chlach na 'bhi gun mhathachadh, *better stones than no manure.*
———, *pr. pt.* a' clachadh, *v. a.* Stone, strike with stones. 2 Kill by stoning.
clach-a'-bhoisgein, *s.f.* Putting-stone—*Cowal.*
clachach, -aiche, *a.* Stony, rocky, pebbly.
clachaidh, *fut. aff. a.* of clach. Shall stone.
clach-ailm, *s.f.* Alum stone.
clachair, *pl.* -ean, *s.m.* Mason, stone-builder. A' chlach a dhiùlt na clachairean, *the stone which the builders rejected*; c. Samhraidh, diol deirc Geamhraidh, *mason in summer, beggar in winter.*
clachaireach,‡‡ -eiche, *a.* Masonic.
————d,‡‡ *s.f.ind.* Masonry, occupation of a mason, stone-building. 2*Architecture. Ris a' ch., *at the masonry business.*
clachairich,‡‡ *v.a.* Build.
clachan, *n.pl.* of clach.
————, -ain, -an, *s.m.* Village or hamlet in which there is a parish church, inn, and smithy. 2**Church. 3**Churchyard, burying-place. 4**Druidical circle composed of stones raised on end. 5* Stepping-stones. Didòmhnuich 'dol do 'n ch., *on Sunday going to church ;* baile chlachain, *a name given to a parish village because it contains the parish church, &c.*
clachan-ghadhair, *s.m.* Early orchis, see mothùrach.
clachar, *fut. pass.* of clach.
clacharan, -ain, -an, *s.m.* Pavement. 2 Stepping stones across a river, or in boggy ground.
————,¶ *s.m.* Wheatear, 2 Stonechat, see cloichirean
clacharra, *a.* Set with stones. 2 Goggle-eyed.
clach-bhalg, -bhuilg, -an, *s.m.* Originally a bag with stones in it to scare off birds or horses by rattling. 2 Now applied to any description of rattle, such as those formerly used by the police.
clach-bhannag,(AC) *s.f.* Bannock-stone, the stone against which the cake is supported before the fire.
clach-bhleath, see c— -bhleith.
clach-bhleith, *pl.* -an-bleith, *s.f.* Grindstone, whetstone. 2 Dram before meals particularly breakfast.
clach-bhlionain, (DC) *Argyll* for clach-bhleith.
clach-bhogha, *s.m.* Catapult.
clach-bholg, see clach-bhalg.
clach-bhriseach,‖ *s.m.* (lit. stone breaker) Saxifraga,—*saxifraga.*
clach-bhuadhach, -aich, *pl.* clacha-buadhach, *s.f.* Precious stone, gem, amulet, charm.
clach-bhuaidh, see clach-bhuadhach.
clach bhuinn, *s.f.* Nether stone of mill.
clach-bràth, *s.f.* Judgment stone. 2 Rocking-stone, an immense spherical mass of rock, so situated that the least touch can rock it in one certain direction, but which cannot be made to move in any other by all the force that can be applied to it. Such stones were once frequent in Britain. There are stones in Iona called *na clachan-bràth.* They are within the precincts of the burial-ground, and are placed on the pedestals of a cross, and have been, according to Pennant, the supports of a tomb. It is believed by some that the world's end will not come till the stone on which they stand is worn through.
clach-buaidh, see clach-bhuadhach.
clach-cheangail, *s.f.* Key-stone.
clach-chinn, *pl.* clachan-cinn, *s.f.* Head-stone. 2 Copestone. 3 Upright grave-stone.
clach-chnotaidh, (DC) *Argyll* for clach-chnotainn.
clach-chnotainn, *s.f.* Hollowed stone into which barley is put and beaten with a mallet, until freed from the husks. [Generally called *cnotag*, mortar.
clach-chreadha, *pl.* -an-creadha, *s. f.* Brick. Deanamaid clachan-creadha, *let us make bricks.*
clach-chrìche, *pl.* -an-crìche, *s.f.* March-stone, landmark.
clach-chrocaidh, clach-chrotaidh, clach-chrotainn, } see clach-chnotainn.
clach-chrùbain, *pl.* -an-crùbain, *s. f.* Amulet supposed to cure rheumatic complaints; species of gryphites.
clach-chuarsgaidh, *pl.* -an-cuarsgaidh, *s.f.* Stone roller.
clach-chuimhneachan, -an-cuimhneachan, *s.f.* Monument.
clach-dhealbh,‡‡ *s.* Stone statue.
clach-dheanadach,‡‡ -aiche, *a.* Lapidific.
clach-dhearg, *s.f.* Keel, ruddle.
clach-dhualadair,‡‡ *s.m.* Stone-cutter.
clach-dhùnaidh,‡‡ *s.f.* Keystone of an arch.
clach-éiteig, *s.f.* Alabaster. 2(DC) Quartz.
clach-fhàisneachd,‡‡ *s.f.ind.* Lithomancy.
clach-fhaobhair, *s.f.* Hone, whetstone.
clach-fhaobhrach, see clach-fhaobhair.
clach-fhuail,‖ *pl.* -an-fuail, *s.f.* Gravel-stone, stones ejected with urine.
clach-ghaireil, *s.f.* Freestone.
clach-gheurachaidh, *pl.* -an-geurachaidh, *s.f.* Hone, whetstone.
clach-ghineadach, -aiche, *a.* Lapidific.
clach-ghineamhuinn,‡‡ *s.f.* Lapidification,
clach-ghlaisidh,‡‡ *s.f.* Keystone of an arch.
clach-ghleusaidh,(MMcD) *s.f.* Grindstone, hone, whetstone—*Lewis.*
clach-ghorm,(AH) *s. f.* Lunar caustic, fused

crystals of nitrate of silver.
clach-ghoireil, see clach-ghaireil.
clach-ghràbhadh, -aidh, *s.m.* Lithography.
clach-ghràin, *s.f.* Granite.
clach-ghraineil, see clach-ghràin.
clach-ghuail, *s.f.* Sea-coal. 2 Shale.
clach-ghuiteir, *pl.*-an-guiteir, *s.f.* Gutter-stone.
clach-glùin-a'-choilich, *s.f.* Amulet supposed to cure sundry distempers. [*lit.* the cock-knee stone, so called from the notion that it is obtained from the knee of a cock. It is only a common pebble.]
clach-inne, *s.f.* Gutter-stone.
clach-iochdarach, *s.f.* Nether mill-stone, see brà, p. 112.
clach-iolaire,* *s.f.* Aetites.
clach-iùil, *pl.* -an-iùil, *s.f.* Loadstone, magnet.
———— -dhealanach, *s.f.* Electro-magnet.
clach-leanraidh, *s.f. Perthshire* for clach-liobhaidh.
clach-léig, *pl.* -an-léig, *s.f.* Precious stone, gem.
clach-lìobhaidh, *pl.* -an-lìobhaidh, *s.f.* Grind-stone. 2 Smoothing-stone, polishing-stone.
clach-lìobhair, see clach-lìobhaidh.
clach-lìobharain, see clach-lìobhaidh.
clach-lìonraith, *pl.* -an-lìonraith, *s.f.* Rolling whet-stone.
clach-loisgeach, *s.f.* Caustic.
clach-luachmhor, *s.f.* Precious stone, gem.
clach-mhara, *s.f.* Aqua marina (stone.)
clach-mheallain, *pl.* -an-meallain, *s.f.* Hail-stone. 2 singular used *collectively*, Hail.
clach-mhile, *s.f.* Mile-stone.
clach-mhineachadh, -aidh, *s.m.* Smoothing or polishing of stones.
clach-mhineachair, *s. m.* Lapidary, stone polisher.
clachmhor, -oire, *a.* Stony.
clach-mhuilinn, *pl.* -an-muilinn, *s.f.* Mill-stone.
clach-mhullaich, *pl.* -an-mullaich, *s. f.* Top-stone, abacus, copestone.
clach mu'n cuairt, (DC) *Uist* for clach-bhleith.
clach-na-cineamhuinn, *s.f.* The fatal stone, the stone on which the ancient Caledonian kings were inaugurated. So called from an old belief that wherever the stone remained one of the Scottish race should reign.
clach-nam-buadh,* *s.f.* The philosopher's stone.
clach-na-sùla, *s. f.* The apple or pupil of the eye.
clach-nearaidh,** -an-nearaidh, *s.f.* Grinding-stone.
clach-neirt, *pl.* -an-neirt, *s. f.* Putting-stone, (*lit.* stone of strength.)
clach-oisinn, -an-oisinn, *s.f.* Corner-stone.
clach-raineach,‡ *s. m.* Polypody—*polypodium vulgare.*

147. *Clach-raineach.*

clachran,** *s.m.* Pier, landing-place. 2 Stepping-stones in water, or on watery ground.
clach-sgrioban,-an-sgrioban, (DJM) *s. f.* Weight for hand fishing-line.
clach-sgriobhadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Lithography.
clach-shloc, -shluic, -shlocan, *s.m.* Stone quarry. O na clach-shlocaibh,*from the stone quarries.*
clach-shnaidheadair, -ean, *s.m.* Hewer or dresser of stone. 2 Engraver (stone) 3 Sculptor.
clach-shneachd, cloiche-, clachan- s. *f.* Hail-stone, hail. Le c. chruaidh, *with hard hail*
clach-shneachdaidh, see clach-shneachd.
clach-shreathail, *s.f.* Freestone, ashlar.
clach-shùil, -shùla, -ean, *s.m.* Pearl eye. 2 Eye of an infant gazing with pleasure at any object.
————each, -eiche, *a.* Having pearl eyes.
clach-smior, *pl.* -an-smiora, *s.f.* Emery.
clach-spor,(AH) *s.f.* Flint.
clach-tabhuill,** *s.f.* Sling-stone.
clach-thàirnge, *s.f.* Loadstone.
clach-theine, *pl.* -an-teine, *s.f.* Flint (stone.)
clach-thochailt, *pl.* -thochailtean, *s.f.* Stone quarry.
————iche, -an, *s.m.* Quarrier.
clach-thogalaich, (AH) *s. f.* Stone used in weight-lifting contests.
clach-thomhais, *pl.* -an-tomhais, *s.f.* Weight Clachan-tomhais cearta, *just weights.*
clach-thuislidh, *pl.* -an-tuislidh, *s.f.* Stumbling block, rock of offence.
clach-uachdarach, *s.f.* Upper stone of mill.
clach-uasal, *pl.* -an-uasal, *s.f.* Precious stone.
clach-ultaich,(Fionn) *s f.* Lift-stone, *i.e.* what a man could lift. "Clach ultaich Iain Ghairbh MhicIlleChaluim Raasaidh" is at Duntuilm, Skye, and is said to weigh about a ton.
clach-ùrlair,(AH) *pl.* -an-ù—, *s.f.* Paving-stone.
clàd, -a, -an, *s.f.* Wool-comb. 2††Mud scraper. 3 Wool hackle.
clàd,†† *pr. pt.* a' clàdadh, *v.a.* Card wool.
cladach, -aich, -ean, *s.m.* Shore, beach, coast, stony beach. 2* Anything scattered. 3** Sandy plain. 4†† Channel of a river. 5†† Death, destruction. Cha suaicheantas còrr air cladach, *a heron on the shore is no odd thing ;* 'sa chladach fhcamainn, *in the sea-weed shore, i. e.* that part of the shore where seaweed can be gathered.
†clàdach, -aich, *s,m.* Clay, mire.
cladachail,‡‡ -e, *a.* Beachy.
cladach leis, (AH) *s.m.* Lee shore.
clàdadh, -aidh, *s.m.* Combing of wool. 2 Hackling of wool. A' c—, *pr.pt.* of clàd.
clàdain,(AH) *s.pl.* Oar-cleets, see bàta, p. 76.
clàdaire, -an, *s.m.* Wool-comber.
clàdan, -ain, -an, *s. m.* Burr. 2 Flake of snow. 3†† Prickly seed-case of burdock. 4‡ Thing that sticks.
———ach,* *a.* Like burrs. 2 Flaky.
clad-chasach,** *a.* Duck-legged.
cladh,* *pr.pt.* a' cladh, *v.a. & n.* Spawn, as a fish. Tha na bradain a' cladh, *the salmon are spawning.*
cladh, -a [& claidh**], *s.m.* Spawn. 2 Act of spawning. 3 Burying-place. 4 Mound, dyke. 5 Trench. 6 Hollow between two waves. 7** *rarely* Wool-comb. C. a' chùlthuinn, *the back wave hollow.*
cladh-abhainn,** *s.f.* Canal.
———ach, -aich, *s. m.* Digging, delving. 2 Poking. A' c—, *pr.pt.* of cladhaich. A' c. fo 'n bhruaich, (*the river*) *undermining the bank.*
———achadh,** -aidh, *s.m.* Digging. 2 Burying. A' c—, *pr.pt.* of cladhaich. An tulach uaine a' c., *in the green mound a-digging.*
cladhaich, *pr.pt.* a' cladhach & a' cladhachadh, *v.a.* Dig, delve. 2* Poke.
cladhaire, -an, *s. m.* Coward, poltroon. †2 Hero. †3One superintending the burying of soldiers in an army. 4 Grave-digger. 5** Rogue. Ni robh còta dubh air cealgair no còta dearg air cladhair, *may black coat (of minister) never cover hypocrite, nor red coat (of soldier) coward* ; cha teich ach c., *none but a coward will flee.*
cladhaireach, *a.* Cowardly, timorous. 2**

Roguish.
cladhaireachd, *s.f.* Cowardice, cowardliness. 2 Roguery.
cladhan,(AH) -ain, *s.m.* Channel, very shallow stream.
cladharra, *a.* see cladhaireach.
cladh-dùdaidh, *pl.* -an-dùdaidh, *s.m.* Roaring billow.
†cladhe, *s.f.* Genealogy.
cladh-nàire, *s.m.* Modesty, bashfulness.
cladh-shruth,** *s.m.* Canal.
cladh-uisge, see cladh-shruth.
cladrach,* *s.m.* Anything scattered.
cladraich,* *v.a.* Scatter.
clàduinn, see clàd.
clag, cluig, *s.m.* Bell. 2* Crash. 3 Clock. 4 **Loud talk. 5**Mill-clapper. Cluig nan each, *the bells of the horses*; freasdail an c., *answer the bell.*
——, *pr.pt.* a' clagadh, *v.a.* Sound, as a bell. 2 Make a noise.
——ach, -aiche, *a.* Like a bell. 2 Abounding in bells.
——adair,** *s.m.* Bell-founder.
clagadh, -aidh, *s.m.* Ringing, chiming as of a bell. A' c—, *pr.pt.* of clag.
clag-àite, *s.m.* Belfry. 2 Steeple.
clagan, -ain, *s.m.* Little bell. 2 Hand-bell.
———ach,†† -aiche, *a.* Pertaining to small bells or hand-bells.
clagarnach, -aich, *s m.* Loud noise.
clagarsaich, *s.f.* Clashing noise. 2 Dangling, waving.
†clagartas, -ais, see clagharthas.
clagas,** *s.m.* Belfry.
clag-chumach, *a.* Bell-shaped.
clag-ciùil, *pl.* cluig-chiùil, *s.m.* Music bell.
clagh, see cladh.
claghann, see claon.
clagharra, *a.* Sluggish. 2 Slovenly. Gu c., *sluggishly.*
†clagharthas, *s.m.* Sluggishness 2 Slovenliness.
clag-ionad, see clag-lann.
clag-làimh, cluig-làimh, *s.m.* Hand-bell.
clag-lann, clag-lainn, *s.f.* Belfry. 2 Steeple.
clag-mheur, *pl.* cluig-mheòir, *s.f.* Finger of a clock, (not a watch) also làmh-uaireadair.
clag-smàlaidh,* *s.f.* Curfew.
clag-thaigh, -ean, *s.m.* see claig-theach.
†clagun, -uin, *s.m.* Flagon. 2 Lid.
clagunn, *prov.* for claigeann.
†claibin, *s.m.* Tap, spigot.
†claicheach, *s.f.* Church steeple.
clàideag, -eig, -an, *s.f.* Lock, wreath, ringlet. 2 Erroneously used for clàidheag.
———ach,†† -aiche, *a.* Pertaining to locks or ringlets.
claideau,* *s.m.* Absurd hammering at anything. 2 Dangling.
claideart,(AH) *s. f.* Toil, strain, drudgery, fatigue.
†claidh, *v.a.* Dig. see cladhaich.
†claidhe, *s.m.* Burial.
claidheach, see claidheamhach.
clàidheag, -eig, -an, *s.f.* Last handful of corn cut on the ground,*better* maighdeann-bhuana.
claidheamh, -eimh, *pl.* claidhean [claidhmhnean *claidhmhichean & **cloidhean] *s. m.* Sword. 2 That part of a spinning-wheel which connects the footboard and crank. C. caol, *a small sword, rapier*; c. crom, *a sabre, a scimitar*; c. mór, *a broad-sword, claymore*; c. cùil, *a back-sword*; c. leathann, *a broadsword;* c. dà-làimh, *a two-handed sword,* properly c. mór. Cha'n 'eil fios ciod an c. a bhitheas 'san truaill gus an tàirnear e, *it is not known what (kind of) a sword is in the sheath till it is drawn*; seasamh claidheimh, *standing on one's head*—children in school see who can stand longest on their heads—cò a's fearr a sheasas air an ceann.—*Fionn.*

PARTS OF A SWORD:
1 Lann *blade.*
2 Truaill, *sheath.*
3 Bàrr, rann, *point.*
4 Dòrn-chuir, dòrn-bheirt, ceann, *hilt.*
Ceann-aisneach, *a basket-hilt;* ceann-Ileach, *an "Islay"-hilt.*
Crambaid, *ferrule on sheath.*

148. Claidheamh-mór.



149. Claidheamh-dà-làimh.

claidheamhach, -eiche. *a.* Full of swords. 2 Of, or belonging to, a sword.
claidheamhail, -e, *a.* Ensiform, having the shape or appearance of a sword.
claidheamhair, -e, -ean, *s.m.* Swordsman. 2 Fencer.
————eachd, *s.f.ind.* Swordsmanship 2 Fencing.
claidhean, *n.pl.* of claidheamh. *prov.*
————, *dim.* of claidheamh.*s.m.* Little sword, scymitar, bilboe.
clàidhean,‡ *s.m.* Bolt or latch of a door.
———— -doruis, *s.m,* Bolt or bar of a door.
claidheil,** see claidheamhail.
claidreach, *a.* Harassing, fatiguing. 2 Damaging, shattering. 3††Deafening.
claidreadh, -ridh, *s. m.* Shattering. 2 Damaging through toil or fatigue. A' c— *pr.pt* of claidrich

claidrich, *pr.pt.* a' claidreadh, *v. a.* Shatter. 2 Damage. 3 Harass. fatigue. 4†† Deafen.
claig, -e, -ean, *s.f.* Indentation. 2 Dimple.
———each, -ich, *s.m.* see claig-theach.
†claigeag, -eig, *s.f.* Deceit.
claigeann, see claigionn. 2 Head of a rudder, see under rudder, p. 78.
———ach, see claigionnach.
claigionn, -inn, *pl.* claignean, *s. m.* Skull. 2* Scalp. 3 Best field of arable land on a farm. Bhrist e 'ch., *he broke his skull* ; àrd mo ch., *at the top of my voice.*
———,(AH) Stem of a boat, see bàta E1, p. 73.
claigionnach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, a skull, abounding in skulls.
——— ——, -aich, *s.m* Head-stall of a halter. 2 *Best arable land of a district. C. sréine, *headstall of a bridle.*
claigionnachd, *s.f.* Craniology.
claigionnaiche, *s.m.* Craniologist. [** says *s.f.*]
claigionn-deiridh, Stern-post, see O 1, p. 73.
——— -srathrach,‡‡ *s. m.* Timbers of girth-saddle.
——— -stiùrach, *s.m.* Helm-top.
——— -toisich, Stem-post of boat, G 1. p 74.
claig-theach, -an, *s.m.* Steeple, belfry.
†claime,‖ *s.f.* Scabies, leprosy.
claimh, -e, see cloimh.
claimheach, eiche, *a.* see cloimheach.
claimh-each, -eich, *s.m.* Farcy.
claimhean, *s.m.* ‡see clàidhean 2††Latch.
claimh-leighiseach,‡‡ -eiche, *a* Antiscorbutical.
claimhseach,‡‡ -eiche, *a.* Mangy, scorbutic.
———,-ich,-ichean, *s.f.* Scorbutic female.
†clain, *s.f.* Engendering. 2 Children.
clainn,) (for cloinne) *gen.* of clann. 2 Used
clainne,) *prov.* as nominative.
clàir, *gen.sing. & n.pl.* of clàr. Boards, staves, tables. 2* Lids.
†clàir, *pr.pt.* a' clàireadh, *v.a.* Divide, partition.
†clàir-bheul, (clàr-beòil) *s.m.* Lid, cover.
†clàireach, *a.* see clàrach.
†clàireadh,-idh, *s.m.* Division, disjunction, releasing, separating. A' c—, *pr.pt.* of clàir.
†clàirein, *s.m.* Cripple.
clàireineach, -neich, -neichean, *s.m.* Cripple. 2 Dwarf.
———, -neiche, *a.* Broad-bottomed. 2 Flat-nosed.
clàir-eudannach, -aiche, *a.* see clàr-aodannach.
clàir-fhiacaill, -fhiaclan, see clàr-fhiacaill.
clàir-fhiaclach, -aiche, *a.* see clàr-fhiaclach.
clàiridh, -e, -ean, see clàraidh.
†clàirin, see †clàirein.
clàirinn,(DU) see clàirinneach 2.
clàirinneach,** -eiche, *a.* Decrepit. 2 Marbled, mottled, marked with spots of various colours or shades.—D.C.
clàir-ionngach, -aiche, *a.* Broad-nailed.
†clàirneach, *a.* Crippled.
clàirseach, -ich, -ean, see clàrsach.
clàirseir, -ean, see clàrsair.
†clàirthe, *past part.* of clàir.
clais, -e, -ean, *s.f.* Furrow. 2 Gutter. 3 Streak, stripe, mark. 4 Pit. 5 Ditch. 6 Hollow, groove. 7 (AH) "Finish," in a ploughed rigg Gach c. 'na ghnùis, *every furrow in his face* ; anns na claisibh, *in the gutters*; c.-bhlàir, *a trench;* sruth-ch., *a channel.*
clais, *pr.part.* a' claiseadh, *v.a.* see claisich.
†clais, -e, *s.f.* Class.
clais-alpaidh, *s.f.* Mortice.
clais-bhlàir, *s.f.* Trench.
†claischeadal, *s.m.* Psalm-singing.
clàisdeachd, *s.f.ind.* Hearing, sense of hearing. 2 Listening, hearkening. Ann am ch., *in my hearing*; chaill e a ch., *he lost his sense of hearing.*
clais-dhìonaidh, *s.f.* Fortifying trench.
clàisdinn, see claistinn.
claise,** *s.f.* Avoidance.
claiseach, *a.* Furrowed, trenched, full of ditches or hollows. 2 Grooved, fluted. 3 Striped, streaked.
†claiseach, -ich, -ichean, *s.m.* Sword. 2‡‡ Rifle.
claiseadh, *vr.pt.* of clais.
claiseag, *s f.* Rindle.
claisich, *pr.part.* a' claiseadh, *v.a.* Furrow, flute. 2 Dig, trench.
———te, *past part.* of claisich.
claisire,* *s.m.* Trencher.
clais-locair, *s.f.* Mortice-plane.
claisneach,** *a.* Auditory.
———d, see claisdeachd.
claisniche,** *s.m.* Auditor.
claist, *pr.part.* a' claistinn, [& claisteachd] *v.a.* Hearken.
claisteachd, *s.f.* see claisdeachd.
claist-eòlas, see claist-iùil.
claistine, *s.f.* see claistinn.
claistinn, *s.f.* Hearing, listening, hearkening. A' c—, *pr.pt.* of claist.
claistinneach,** *a.* Auditory.
claist-iùil, *s.m.* Diacoustics.
clàiteach, *s.m.* see clàiteachd.
———d,†† *s.f.* Gentle rain—*Arran.*
clàiteag, (AH) *s.f.* Snowflake.
†claithe, *s.f.* Jest, game, ridicule, sport. 2 Genealogical table.
clambar, -air, *s. m.* Wrangling, clamour. 2 Scramble, scuffle. 3 Evil report, private slander. 4 *Litigiousness. 5** Wrestling, struggling. Ri c., *struggling or wrestling.*
———ach, -aiche, *a.* Litigious, wrangling, slandering.
clambrach, see clambarach.
†clamh, *s.m.* Leper. 2 see cloimh.
†———ach, -aiche, *a.* see cloimheach.
clàmhainn, see clàmhuinn.
———·—each, see clàmhuinneach.
clamhair, *v.a.* see clamhar.
clamhaire,(MMcD) *s. m.* Greedy, rapacious, grasping person—*Lewis.*

150 Clamhan.

clamhan, -ain, -an, *s.m.* Buzzard,—*buteo vulgaris.* 2**Kite. Am fang agus an c., *the vulture and the kite ;* cha d' thàinig eun glan riamh á nead a' chlamhin, *a clean bird never came from a kite's nest.*
clamhan-fionn.¶ *s.m.* Hen-harrier, see bréid-

air-tòin.
clamhan gèarr,(AF) *s.m.* Broad buzzard.
clamhan-gobhlach,¶ *n.pl.* -ain-gh—,*s.m.* Kite, or salmon-tailed gled—*milvus vulgaris.*
clamhan-loin,¶ *s.m.* Marsh harrier—*circus ru-, is.*
clamhan-luch,¶ *s.m.* Montague's harrier—*circus Montagui.* 2 Hen-harrier, see breid air-tòin.
clamhan-nan-cearc, (MMcD) *s.m.* Hen-harrier, —*Lewis.*
clamhan-nan-luch, see clamhan-luch.
clamhan-riabhach,¶ *s.m.* Honey-buzzard—*pernis apivorus.*

151. Clamhan-riabhach.

clamhan-ruadh,¶ *s. m.* Kestrel—*falco tinnunculus.*

152. Clamhan-ruadh.

clamhar, *v.a.* Scratch by shrugging.
———ach, *a.* Shrugging. 2 Prone to shrug. 3 Litigious. 4 Wrangling.
clamhas, -ais, see clamhras.
———ail,* *a* Brawling, clattering.
clamhrach, *a.* see cloimheach.
clamhradh, -aidh, *s. m.* Shrugging, act of shrugging. 2 Scratching by shrugging.
clamhras, -ais,*s.m.* Brawling, chiding, clamour, scolding, altercation. 2 *Unfounded report. 3** Brawl, scold. 4* Clatter.
clamhsa, *pl.* -chan [& -aichean] *s. m.* Alley, narrow lane, little court, entry, close, passage [** gives clamhsadh.]
†clàmhuin, *s.f.* Sleet.
clàmhuinn, *s.m.* Sleet. Sneachd is c. air gach tom, *snow and sleet on every hillock*; ris a' ch,, *showering sleet.*
———each, *a.* Sleety.
clampar, -air, *s.m.* see clambar. 2‡‡Injury.
———ach, -aiche, see clambarach.
clamras, -ais, see clamhras.
†clanach, *s.f.* Virtue. 2 Fruitful persons.
clann, *gen.* cloinne [clainn, clanna & clainne] *collective s.f.* Offspring, children. 2 Descendants. 3**Clan, tribe. C. bheaga, *little children*; cleas na cloinne bige, *the manner of little children*; Clann Mhuirich, *the MacPhersons.* Clann Dòmhnuill, *the MacDonalds*; Clann-an-toisich, *the MacIntoshes*; c. dìolain, *bastard children*; c. an cloinne, *their children's children*; a ch. nan sonn, *ye descendants of heroes*, thoir seo do 'n chloinn, *give this to the children.* [C. is followed by the adjective in the plural when in nominative case, but in the singular when in other cases. It aspirates a proper name following except one beginning with D. It is preceded by the article in the singular. "Donald's children", may be either "clann Dòmhnuill", with the emphasis on *clann*, or "clann Dhomhnuill" with the emphasis on *Dhòmhnuill.* Clan Donald has the emphasis on "Dòmhnuill." "Donald's children" is generally "clann Domhnuill" in the Gairloch district, and "clann Dhòmhnuill" in Lorn.
clann, -a, -an, *s.f.* Lock of hair. 'Na clannaibh, *in curls, in ringlets.*
clannach, -aiche, *a.* Fruitful, prolific. 2 Hanging in locks, curled. 3 Bushy, clustering, crowding. 4 Luxuriant. Anna ch., *Ann with the many ringlets.*
clannadh, -aidh, *s.m.* Thrusting. 2 Blast, puff. †3* Interment. 4**Child's portion.
clannaich,* *v.n.* Beget children.
clannail, -e, *a.* see clannach.
Clann-an-oistir,** *s. pl.* Ostuarii, doorkeepers to the monastery of Iona. The first of the family came over from Ireland with "Colum Cille," but causing the displeasure of that saint, he invoked a curse on him, by which it was decreed that never more than five of his clan should exist at the same time. Accordingly, when a sixth was born one of the five was to look for death, which always happened until the race was extinguished. A female who died about the middle of the 18th. century, in Iona, was the last person who could trace a lineage to the doorkeepers of this monastery.
†clannar, *a.* Shining, sleek. 2 Hanging in locks or clusters. 3 see clannmhor.
clannmhor, -oire, *a.* Having issue, prolific, fruitful.
†claochladh, see caochladh.
†claochloid, *v. a.* Exchange.
claodhaire, see cladhaire.
———achd, see cladhaireachd.
†claoi, see claoidh.
†claoicheadh, see cladhach.
claoidh, *s.f.* Pain, affliction. [does not mean Sorrow, as given by McL & D—CR] 2 Vexation. 3 Anguish, torment. 4 Defeat. 5* Fatigue, excessive fatigue. 6‡‡Desolation, destruction, consumption. 7* Fagging, fainting. A' c—, *pr. pt.* of claoidh. Gu bràth cha'n fhaicear c., *sorrow shall never be seen.*
claoidh, *pr.part.* a' claoidh & a' claoidheadh, *v.a.* Vex, annoy, harass, trouble. 2 Afflict, torment. 3 Defeat, overthrow. 4 Mortify. 5 Oppress. 6 Exhaust, fag, fatigue. 7** Wound. 8**Consume, overcome. 9**Dazzle. Mar a chlaoidheas teine coillteach, *as fire overcomes wood*; claoidhibh 'ur buill, *mortify your members*; a' claoidh fradhairc, *dazzling the sight:* na c. m' fhacal, *do not contradict me.*
claoidheach, -eiche, *a.* Vexing, annoying. 2 Tormenting, afflictive, painful, troublesome. 3 Harassing, tiresome, overcoming, exhausting. 4**Defeating, overthrowing. 5*Spending.
———d,** *s.f.ind.* Distress, vexation, annoyance, mortification. 2 Continued or frequent distress, continued vexation or annoyance. 3 Fagging, exhaustion.
claoidheadair,* *s.m.* Tormentor.
claoidheadh, -idh, *s.m.* Wearying out, act of frequently oppressing, tormenting, harassing, afflicting, mortifying, or paining. 2 †

comforting, conquering. 3**Overthrow. A' c—, *pr. part* of claoidh.
†claoidheamh, see claidheamh.
claoidhear,** *s.m.* Afflicter.
†claoidheir, *s.m.* see cladhair.
claoidhte, *past part.* of claoidh. Defeated, overpowered, overwhelmed, conquered. 2 Harassed, wearied out, exhausted. 3 Afflicted, distressed, tormented.
———ach, *a.* see claoidheach.
———achd,* *s.f.* see claoidh, *s.*
claoine, *s.f.* Obliquity, squintness. 2(DU) Obtuseness, stupidity.
———ad, see claoine.
claoin-leathad, *s.m.* Sloping hill.
claoiu-leid, *s.m.* see claoin-leathad.
claoin-leud, see claoin-leathad.
claointe, *a. & past part.* of claon. Bent. 2 Sloping.
claon, -aoine, *a.* Squint, squint-eyed. 2 Inclining, oblique. 3 Winding, meandering. 4 Perverse. 5 Partial, prone to. 6 Uneven, unequal. 7**Moving obliquely or aslant. 8 (DU) Stupid, dense. Fear c., *a man that squints*; nithean c., *perverse things.*
———, *pr. part.* a' claonadh, *v. a.* Incline. 2 Go aside, depart, pervert, move aslant or obliquely, make awry. 3 Squint. 4 Decline. 5 Go wrong, rebel. Linne a tha claon 'sa ghleann, *a pool that is transverse in the glen*; ch. iad uile, *they all went aside*; mar a' ghrian a tha 'claonadh 'sa ghleann, *as the sun that moves aslant in the glen*; sùil ch., *a squint eye.*
†claon, *s.m.* Partiality.
———ad,** -aid, *s.m.* Proclivity.
———adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Inclination, bending, bend. 2 Squinting. 3 Turning aside. 4 Moving aslant or obliquely. 5** Declining, squinting. 6**Oblique motion, as of the descending sun. Mar sgàile a' c. sìos, *like a shadow declining.* A' c—, *pr. pt.* of claon.
———ag, -aig, -an, *s.f.* Cunning deceitful woman.
———aire, (DU) *s.m.* Stupid fellow, used of a person whose wits are considered to be less sharp than the normal.
———aireachd, *s.f.ind.* Partiality. 2††Inclination.
claon-aontachd,‡‡ *s.f.ind.* Assentation.
claon-àrd, -àirde, -an, *s.m.* Inclining steep.
claon-bhàigh, *s.f.* Partiality, bias, prejudice.
———eil, *a.* Partial.
claon-bhòrd, -bhùird, *s. m.* Sloping table. 2 Desk. 3 Inclined plane.
claon-bhreith, -e, -ean, *s.f.* Prejudice, partiality. 2 Unjust judgment, unfair decision.
———each, -eiche, *a.* Partial, unjust in judging or deciding.
———eachd,‡‡ *s.f.* Partiality.
claon-bhreitheamh, *s.m.* Partial judge.
claon-chòmhnard, -aird, *s.m.* Inclined plane.
claon-mharbh, *pr.pt.* a' claon-mharbhadh, *v.a.* Mortify.
———adh, -aidh, *s.m.* Mortification. A' c—, *pr.pt* of claon-mharbh.
claon-shuil, -shula, -shuilean, *s.f.* Squint eye.
———eacu,‡‡Squint-eyed.
claor,** *s.m.* Shout.
clap,‖ *s.m.* Gonorrhœa [preceded by the art. *an.*]
——, *v.* English word *clap.*
——ach, -aiche, *a.* Clapping.
——aig, (DU) *v.a.* Gaelic form of *clap.* 2 Embrace.
——ail, see clapartaich.
clapartaich, -e, *s.f.* Act of clapping or flapping with the wings. 2 Fondling, caressing.
clap-ciochrain, (DC) *s.m.* Fishing frog or sea angler—*Uist.*
†clap-snolus, *s.m.* Twilight.
†clàr, *v.a.* Deceive, fable.
clàr,* *pr.pt.* a' clàradh, *v.n.* Maintain, contradict, oppose. 2 (Fionn) Make believe, induce one to believe more than is true. Am bheil thu math air claradh? *are you good at persuading or make believe?* a' c. orm, *contradicting me*; 's ann a tha e a' c. orm, *he stoutly contradicts me.*
clàr, -àir, *pl.* clàir and clàran, *s.m.* Any smooth surface or plane. 2 Stave, *in music.* 3 Stave of a cask. 4 Lid. 5 Trough. 6 Wooden tray or plate. 7 Table, desk. 8 Spoke. 9 Sheet, as of paper. 10 Board, deal, plank. 11(AH) Deck of a ship. 12 Catalogue. 13 see clàrsach. 14††Tablet. Cha togadh e salann bhàrr a' chlàir, *he would not lift salt from the table* —said of a very shy person; clàir cloiche, *tables of stone*; le clàraibh giubhais, *with planks of fir*; clàir umha, *plates of brass.*
clàrach, -aiche, *a.* Bare, bald. 2 Of, or belonging to, staves, boards, or planks. 3**Full of tables or plates. 4**In staves. 5‡‡Floored.
clàrach, -aich, -aichean, *s.f.* Woman of clumsy figure, "broad-built. 2 Floor. 3(AC) Small boat.
†clàradh, -aidh, *s.m.* Familiarity. 2 Dividing. A' c—. *pr.pt.* of clàr.
†clàr-aenach,‖ *a.* see clàr-aodannach.
clàrag, -aig, -an, *s.f.* Fore-tooth. 2 Frame of hand fishing-line. 3** Wattle-work, as in a sledge. 4 (AH) Square-sterned boat. 5†† Broad woman. 7(JM) Crutch—*Tiree.*
clàr-aghaidh,* *s.m.* Frontispiece.
clàraich,*-e, -ean, see clàraidh.
———,‡‡ *v.a.* Planch.
clàraichean,(DC) *s.pl.* The incisor teeth—*Uist.*
clàraidh,** *a.* Dividing. 2 Of deal or plank. 3 Floating. 4 Row of layers. Ùrlar ch., *a deal floor*; leabaidh ch., *a deal bed.*
clàraidh, -ean, *s.f.* Partition. 2 Flooring.
clàr-aineach, *a.* Flat-nosed.
clàr-ainm, -ean, *s.m.* Catalogue.
clar-ainme, see clàr-ainmeachaidh.
clàr-ainmeachaidh, *s.m.* Title-page. 2**Index.
clàr-ainmiche, see clàr-ainmeachaidh.
clàr-amais, *s.m.* Index.
clàran, *n.pl.* of clàr.
clàran,** -ain, *s.m.* Little table. 2 Little plate. 3 Little stave. 4 Little trough. 5 Little deal or plank.
———ach, -aich, (AC) *s.m.* Boatman.
clàr-an-aodainn, see clàr-aodainn.
clàr-aodainn, *s.m.* Front, visage, brow, forehead.
clàr-aodannach, -aiche, *a.* Broad-faced, flat-faced, broad-browed, broad-visaged. [** gives clàr-aodainneach.]
clàr-beòil, *s.m.* Lid. 2‡‡Forepiece.
clàr-bhuideal,** *s.m.* Bottle-rack.
clàr-bualaidh, *s.m.* Printing-press.
clàr-buideal, *s.m.* Stave of a cask. 2**Bottle-rack. Cho tioram ri c., *as dry as a bottle-rack.*
clàrc, *s.m.* Gaelic spelling of *clerk.*
clàr-chairtean,‡‡ *s.m.* Card-table.
clàr-chas, -chois, -chasan, *s.f.* Splay-foot.
———ach, -aiche, *a.* Splay-footed. 2 Duck-legged. 3 Crump-footed.
clàr-chos, see clàr-chas.
clar-ciocharain, see clab.
†clàr-cisteanach, *s.m.* Dresser, kitchen table.
clàr-cuibhle, *s.m.* Spoke of a wheel.
clàr-cùil, *s.m.* Back piece.
clàr-cunntais, -an-, *s.f.* Abacus.
†clàr-dha, *past aff.* of clàr, Divided, parted.
clàr-dhealbh, -a, -an, *s. m.* Painting, sketch

draught, map.
clàr-eudannach, -aiche, see clàr-aodannach.
clar-fadhairt, *s.m.* Smith's trough.
clàr-feòirne, *s.m.* Chess-board, draught-board.
clàr-fhiacaill, -clan, *s.m.* Fore-tooth, butter-tooth.
clar-fhiaclach, *a.* Having large fore-teeth.
clàr-fhuine, see clàr-fuine.
clàr-fodhairt, see clàr-fadhairt.
clàr-fuine, *s.m.* Kneading-trough. 2††Baking-board.
clàr-fuinidh,** see clàr-fuine.
clàr-innse, see clàr-innsidh.
clàr-innsidh, *s. m.* Index, contents of a book. 2**Title-page.
clàr-iomairt, *s.m*, Chess-board, draught-board.
clàr-iongach, see clàir-i—.
clàr-Lochluinneach,(MMcD) *s.m.* Plank hollowed out in centre in form of a trough. Small shallow holes were cut at intervals in the top edges which were for holding salt. The meal of potatoes was poured into the hollow in the centre, round which the family sat at dinner —*Lewis.*
clàr-maide, (DC) *s.m.* Stick laid across a doorway to close up the space between door and floor, and exclude wind, rain, &c—*Barra.*
clàr-malairt,* *s.m.* Counter of a shop.
clàr-mìneachaidh, clàir-, *s.m.* Glossary.
clàr-na-dèarna, *s.m.* Palm of the hand.



153. Clàrsach.

clàrsach,‡ -aich, -aichean, *s.m.* Harp. Cho caoin ri c., *as soft as a harp.*
PARTS OF A HARP :—
1 Amhach, *neck,*
2 Cnagan, *pins,*
3 Com, *chest,*
4 Làmh-chrann, *tree,*
5 Teudan, *strings.*
clàrsach-ùrlar,* *s. f.* Old woman in gentlemen's families, kept for telling stories. 2 Witch.
clàrsaich, *gen. sing.* of clàrsach.
clàrsair, -e, -ean, *s.m.* Harper, minstrel.
————eachd, *s.f.* Harp-music, harping, employment of a harper.
clàr-seòlaidh, *s.m.* Guide-post.
clàr-sgéithe, *s.m.* Field *in heraldry.*
clàr-shithichean, *s.m.* Cupboard, "press."
clàr-tàilisg, *s.m.* Backgammon table.
clàr-thomhais, see clàr-tomhais.
clàr-tomhais, *s.m.* Balance, scale, measure.
clar-uachdair, *s.m.* Lid of a chest or trunk. 2 (AH) Deck of a ship.
†clas, *s.m.* see gleus. 2 *s.f.* see glas.
†clas, clais, *s.m.* Melody. 2 Furrow, pit. 3 see cleas.
clasach,‡‡ *s.f.* see closach.
†clasach, *a.* Crafty. 2 Playful. 3 Fat, fatted. 4**Melodious.
†————d, *s.f.* Craftiness, subtlety.
†clasaiche, *s. m.* Singer.
claspa,‡‡ -an, *s.m.* & *v.a.* Gaelic form of *clasp.*
clàtar, -air, see clàbar 2.
clath-nàire, *s.f.ind.* Bashfulness, shamefacedness, modesty.
†clè, *s.f.ind.* (clì) The left hand. 2 Evil, injury. 3 Disposition.
†—, *a.* Left-handed. 2 Prejudiced, partial.
cleabhaid,** *s.f.* Slap.
cleabhar, (AF) see gleithir.
cleabhar-caoch,(AF) Corn-craik, see trèun-ri-trèun.
cleachd, -an, *s.f.* Ringlet of hair, waving lock, tress. 2 Fillet of combed wool. 3 Habit, custom, practice. 4** Exercise. 5** Plait. 6 Ray of the sun. [** says *s.m.*] Cleachdan na gréine, *the rays of the sun* ; Eilidh nan òr-chleachda, *Helen with the golden locks.*
————, *pr.part.* a' cleachdadh, *v.a. & n.* Accustom, habituate, inure. 2 Practise, use. 3**Acquaint. 4**Plait. C. thu fhéin ris, *inure yourself to it* ; ch. mi a bhi, *I was accustomed to be* ; ch. mi moran dheth 'fhaotainn, *I was accustomed to get much of it.*
————ach, -aiche, *a.* Usual, customary, habitual. 2 Having clustering ringlets or tresses. 3 Waving, flowing, as hair 4**Filleted. 5**Plaited. 6** Accustomed. 7‡‡ Thick, clustering.
cleachdadh,-aidh, *pl.* -aidhean, [cleachdannan, & cleachdainnean,] *s. m.* Custom, practice, use, exercise, habit. 2 Accustoming, inuring. A' c—, *pr. pt.* of cleachd. Is e an cleachdadh a ni teòma, *practice makes perfect.*
cleachdag, -aig, -an, *s.f.* Ringlet, tress.
————ach, *a.* Full of curls, ringlets or tresses. 2**Curled. T' òr-chul cleachdagach, *thy curled golden locks.*
cleachdaidh, see cleachdach.
————eachd, see cleachdalachd.
cleachdail, -e, see cleachdach.
cleachdainn, *a.* see cleachdach.
cleachdainn, -ean, *s. m.* Custom, habit, practice, use and wont. [** gives *s.f.*] Is don' an c. sin, *that is a bad custom ;* deagh ch., *a good custom.*
cleachdalachd, *s.f.* Customableness.
cleachdan, *n. pl.* of cleachd. Do ch., *thy locks.*
cleachdar,** *a.* see cleachdmhor.
cleachdmhor, -oire, *a.* Accustomable.
cleadhdna, see cleachdan.
cleachdta, *a. & past pt.* of cleachd. Accustomed, wont, habituated, inured, trained. 2 **Expert. 3**Plaited. 4**Secondhand. C. ris an olc, *accustomed to do evil* ; c. an cogadh, *expert in war.*
cleachdte, see cleachdta.
cleachduinn, see cleachdainn.
cleachta, see cleachdta.
cleachte, see cleachdta.
cleadhag, *s.f.* see cloitheag.
cleamhna, *gen.* of cliamhuinn.
cleamhnas, ais, *s.m.* Affinity, bethrothal. 2 Friendship, consanguinity, relationship by marriage. 3* Sexual intercourse, carnal connection, copulation. Dean c., *become connected by marriage;* c. am fagus is goisdeachd am fad, *marriage near and gossiping afar.*
†clearadh, -aidh, *s.m.* Familiarity.
clearc, -an, *s.m.* Curl, lock of hair.
————, *a.* Curled. 2 Bright, radiant, shining. 3**Of a bright yellow.
————, *v.a.* Spread, curl, arrange. 2 Make into ringlets.
————ach,* *a.* Curled, in ringlets.
†clear-na-càine, *s.m.* see under cliar.
cleas, -a, -an, *s. m.* Play, trick, craft, feat. 2 Gambol. 3 Feat in legerdemain. 4 Stratagem. 5**Warlike exercise. 6**Deeds, movements. Cuchulainn nan c., *C. full of exploits*; gun ch.. *adv.*) *above-board* ; c. luchd-togail na gamhnaimh, a' faicinn càch a chéile dhachaidh gu latha, *the way of sand-carriers, seeing each other home till daylight* ; air chleas

(AC) *like ;* chithear an t-anam air ch. meall soluis ; *the soul is seen like a bright ball of light.*
cleasach, -aiche, *a.* Playful, sportive. 2 Crafty, full of schemes or tricks. 3 Juggling. 4 Performing feats of valour. 5 Frisky, active, brisk.
cleasachail,‡‡ -e, *a.* Pantomimic.
cleasachd, *s.f.ind.* Play, diversion, pastime, sport, relaxation. 2 Legerdemain, sleight of hand. 3**Strife. 4††Playfulness. 5‡‡ Performing of heroic deeds. 6 Frolicsomeness, friskiness. Ri c., *playing, sporting* ; dh' éirich iad gu c., *they rose up to play ;* c. dhaoine, *the sleights of man ;* droch ch., *foul play.* A' c—, *pr.pt.* of cleasaich.
cleasachdach, -aiche, *a.* Playful, sportive.
cleasachdaich, -e, see cleasachd.
cleasadh, -aidh, *s.m.* Bounding, leaping, sporting, gambolling. Miolchoin a' c. àrd, *greyhounds bounding high.*
cleasaich, *pr.pt.* a' cleasachd, *v.n.* Play, sport, gambol, perform feats of activity, vault, tumble as a rope-dancer.
cleasaiche, -an, *s. m.* Juggler, conjurer. 2 Buffoon. 3 Mountebank. 4 Stage-player, actor. 5* Cunning fellow.
————, *comp.* of cleasach.
cleasaidheachd, *s.f.ind.* see cleasachd.
cleasanach,‡‡ -aiche, *a.* Apish. 2 Wanton.
cleasanta, see cleasach. Gu c., *playfully.*
————chd, see cleasachd.
cleasan-teine, *s.pl.* Fireworks.
cleasmhor,** -oire, *a.* Agile.
cleath, *s. m.* see cleith. †2 Prince chieftain.
———, (for cleith) *pr. pt.* of ceil.
cleatha, *s.f.* Goad. 2 Rib. 3 Stake. 4 Club or clumsy stick. [†† & * give s.m.]
†————ch, -aiche, *a.* Ribbed.
†cleathaireachd, *s.f.ind.* Rusticity. 2 Boldness.
cleathar, *s.m.* Milch-cow.
†cleathard, *a.* Steep, inaccessible.
† ———, *s.m.* Fame, eminence.
cleathar-read, -sed, } see cleathar.
†cleath-chur, *s.f.* Relation by blood. 2 Genealogical line.
†cleathramh, -aimh, *s.m.* Partiality, prejudice.
cleibe, -achan, *s.m.* Instrument used to catch fish and sea-fowl.
cleibeach,(DU) *a.* Clumsy.
cleibean,(DU) *s.m.* Slow, clumsy, awkward fellow.
cleibeire, see cleibean.
cleibeirt, see cleibean.
cléibh, *gen. sing.* of cliabh.
†cléibhin, see cliabhan.
cleibideach, *s.f.* Clumsiness, untidiness. 2 (DU) Tossing. Thàinig e anns a' chleibidich, *he came clumsily*—said of one deformed, of an old person, or cripple ; bha biodag anns a' chleibidich air mac a' bhodaich leibidich, *the awkward fellow's son had his dirk dangling.*
cleid, -e, -ean, *s.f.* see cleit. 2 (AC) Quip, prank, trick, fillip, sharp stroke.
cleide,** *s.f.* Fair.
cleideach, -eiche, see cleiteach.
cleideag, -eig, -an, see cleiteag.
————ach, -aiche, see cleiteach.
cleidh,(AC) *s.* Cot. (cleith)
†cleidhe, *s.f.* Chalice, cup.
cléidhscam,(CR) *s.m.* Wrath, fury.—*West of Ross.* Chuir thu an c. dearg air, *you made him perfectly furious.*
cleig, *v.a.* Dishevel, as hair.
cléir, -e, *s.f.* Clergy. 2 Presbytery. A' ch., *the clergy* (collectively.)
†cléirceach, Old misprint for cléireach.
cléir-chuilbheart, -eirt, -an, *s.f.* Priestcraft.
cléireach, *a.* Clerical. 2 Presbyterian.
cléireach, -ich, *s.m.* Clerk. 2 Clergyman. 3 Writer. 4 Proclaimer of banns. 5 Beadle, church-officer. 6**Precentor. Cha'n 'eil c. no pears'-eaglais ann, *there is neither clerk nor clergyman.*
————ail,** *a.* Clerical.
cléireach-cùirte, *s.m.* Actuary.
cléireachd, *s.f.* Scholarship. 2 Clerkship. 3 Condition of a churchman. 4 Body of churchmen.
cléireanach, -aich, *s.m. prov.* for cliaranach.
cléireil, *a.* Presbyterian. An Eaglais shaor ch., *the Free Presbyterian Church.*
cléirich, *gen. & pl.* of cléireach.
cléir-lagh, *s.* Canon.
cléir-shònaruchadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Ordination.
cléirsinneachd, *s.f.* Clerkship, writing,accountantship. Ris a' ch., *clerking.*
cléir-smachdaichte, *a.* Priest-ridden.
cléirsneachd, see cléirsinneachd.
cléir-uachdaranachd,‡‡ *s.f.ind.* Churchdom.
cleit, -e, -ean, *s.f.* Quill. 2 Feather. 3 Down. 4 Covering of feathers. 5 Rocky eminence. 6 Ridge or reef of sunken rocks—*Islay.* 7 Eaves. 8 Flake, as of snow. 9(AC)Land surrounded by the sea at high-water. 10*Clot. 11(AC) Door-bar.—*Uist.* 12 (AC) Backbone. 13**Penthouse. 14(JM)Cliff on the sea-shore. 15(DU) Gaelic spelling of *cleat*, see bàta, Nos. 6 to 8 p. 75.
[Often appears as a prefix or suffix in names of places, as, Ormacleit, *Orme's ridge ;*] c. na dabhcha, *the ridge of the district ;* c. na comhla, *the bar of the door.*
[McL & D. and ** give "cléit," "cléiteag," &c., but the *e* is short, and "cleit," &c. as given here and by ‡ & †† is correct.—CR. †† gives "cleit" for Nos. 5 & 6, and "cléit" for Nos. 1 & 8, but the accent is omitted by ‡ in both.]
cleite.** *s.f.* Calamus. 2 see cleit.
-——ach, -eiche, *a.* Rocky, craggy. 2 Feathery. 3 Flaky. 4 Clotty. 5 Shaggy.
cleiteadh, -idh, -ean, *s.m.* Ridge of rocks in the sea.
cleiteag, -eig, -an, *s.f.* Small flake, quill, or feather. 2 Small clot. 3**Down. 4**Head of the burdock. 5 (DC) Flake of snow—*Perth & Argyll.* Cho pailt ri cleiteagan sneachd, *as plentiful as flakes of snow.*
————ach, -aiche, *a.* Flaky. 2 Downy. 3 Feathery. 4 Craggy, rocky. 5 Shaggy.
cleitean, -ein, -an, *s.m.* see cleiteag. ‡‡Penthouse. 3 Eaves of a roof.
cleith, -e, -ean, *s. f. & m.* Stake. 2 Goad. 3 Oar. 4 Roof. 5 Post. 6**Residence. 7** Concealment. 8 Skulking, lurking. 9 Secrecy. 10‡‡Hill, eminence. 11 (AC) Waulking board. 12‡ Wattle. 13 Body of anything. A' c—, *pr.pt.* of ceil. An c., *in concealment* ; cha'n 'eil c. air an olc. ach gun a dheanamh, *the only way to conceal evil is not to commit it*; cleithean righinn, *tough oars.*
cléith, *dat.* of cliath.
cleith, *v.a.* see ceil.
cleithe, *pr. pt.* of cleith.
cléithe, *gen.sing.* of cliath.
cleitheach, -eiche, *a.* Private, concealing, clandestine. Gu c., *clandestinely.*
cléitheach,** *a.* Feathery.
————d, *s.f.ind.* Lurking, skulking. 2 Concealment, secrecy.
cleith-inntinn, *s.f.* Mental reservation, dissimulation.

cleithir,(AF) see gleithir.
cleith-luaidh, see cleith-luathaidh.
cleith luathaidh,(AC) *dat. sing.* of cliath-luathaidh.
cleith-mhiosguis, *s.f.* Private grudge.
cleitig, -e, -ean *s.f.* One cow's grass. 2 Croft. 3 Measure of land, containing ⅛ pennyland.
cleitinn, see cleitig.
cléit sgriobhaidh,** *s.f.* Pen.
†clé làmhach, see clì-làmhach.
†cle mhana, *s.f.* Mischief.
cleòbag,(AF) see cliobag.
———ach, see cleòbag.
cleòc, -a, -an [& -annan,] *s.m.* Cloak, mantle. C. nam meanbh bhall ruadh, *a cloak with small red spots.*
cleòc, *v.a.* Cloak, cover with a cloak or mantle, conceal.
-——ach,†† *a.* Mantled, cloaked.
-——an, -ain, -an, *s.m.* Little cloak or mantle. 2**Scarf.
-——anach,†† -aiche, *a.* Of, or pertaining to, a little cloak.
cleòchd, *s. & v.* see cleòc, *s. & v.*
cleòd,(AF) *s.m.* Horse-fly.
cleubach,** *a.* Dilatory.
clì, clìthe, *s.f.* Vigour, strength, force. 2 Power of motion. 3 Ability. 4 Energy, pith. 5 **rarely* the body, ribs. Gun ch., *without power of motion*; duine gun ch., *a man without energy;* chunnaic e a' ghaoth gun ch., *he saw the wind was without force.*
clì, clìthe, *a.* Left-handed, left. 2 Awkward. 3 Slow, feeble. 4 Humble. 5**Strong. 6‡‡ Kind. 7††Clever. 8‡ Wrong. A dh' ionnsuidh na làimhe clìthe, *to the left hand*; air a thaobh clì, *on his left side*; c. 's a' chòmhraig, *lame* or *feeble in the strife;* labhair gu c., *speak wrongly*; dh' éirich thu bhàrr do thaobh clì, *you have risen off your left, or wrong side*—generally applied when one is not getting on well, or has a reference to the idea of being lucky or unlucky; ma théid mi c., *if I go wrong.*
†clì, *s. m.* Successor to an episcopal see. 2 Poet of the third order.
†clia, *s.m.* see crùn-luath.
cliabh, -éibh, *s.m.* The chest, the breast. 2 Kind of basket or hamper used in the Highlands for carrying burdens, and generally slung on each side of a horse, creel. 3 Stay. 4 Strait-jacket, strait-vest of wicker-work for a madman. 5††Cheese-chest. 'S ann a tha 'n t-òlach ann an cliabh, *the fellow is mad*; a' taomadh m' a ch., *pouring it on his chest*; c. gùin, *bodice of a gown*; cliabhan mnà, *stays*; glacadh-cléibh, *rickets.*

PARTS OF A CREEL :—

1 Briagan a' chléibh, taobhaisdean, *holes round the centre.* Mu bhriagan a' chléibh, *about half-full.*
——— -ghlas,(Fionn) *s. f.* Candle made by rolling the refuse of suet (cnàmhag) in a rag,
coinneamh, -imh, -an, *s.f.* Meeting. 2 Assembly, convention. 3 Interview. 4 Facing. 5 Opposing. 6 Assignation. 7‡‡ Supper. 8 Pic-nic party. 9 Party to which everyone brings his own provisions.—*Hebrides.* C. nan càirdean, *the meeting of friends;* rach 'nan coinnimh, *go to meet them*; mu 'ch., *opposite him;* mu 'c., *opposite her ;* cum c., *hold a meeting;* 'sa ch. mhòir, *in the great congregation*; ma tha am barrachd agad mu m' ch., *if you have anything further for me to do—Caraid nan Gàidheal;* cuiridh mi mu d' ch., *I am asking you to do, &c.*

EXPRESSIONS FOR USE AT MEETINGS :—

coinneamh fhollaiseach, *a public meeting.*
coinneamh ghnàthaichte, *a general meeting.*
coinneamh chumanta, *an ordinary meeting.*
coinneamh shòruichte, (c. churamach, *or* c. chomharraichte, c. air leth, c. eugsamhuil) *a special meeting, particular meeting marked*

out for a particular programme.
coinneamh a ghairm (*no* a chumail), *to call* (or *hold*) *a meeting.*
fear-na-cathrach, *the chairman.*
iomarbhaidh, *debate.*
sgriobhadh, *document.*
a riaghladh, *to preside over.*
a' chomhairle, *the committee.*
tha a' Chomhairle 'na suidhe, *the council is sitting.*
a' chathair a ghabhail, *to take the chair.*
rinn e gnìomh fear-cathrach dhuinn, *he filled the chair for us, acted as chairman for us.*
dealachadh, *division for taking a vote.*
fear-iarraidh oifig, *candidate.*
inbhe - dreuchda, còir - dreuchda, urram-dreuchda, *ex-officio rank.*
ball, *a member.*
bha e air a thaghadh mar bhall, *he was admitted a member.*
a chur buill an tairgse (*no* ball 'ainmeachadh), *to propose a member.*
fear-dreuchda, ball-dreuchda, *an ex-officio member.*
lion-comhairle, *quorum.*
lion-gnothaich, *a business quorum.*
is lion-gnothaich còignear, *five shall form a quorum.*
an gearr-sheanachas, *the minutes.*
leughadh an rùnair an gearr-sheanachas, *I call on the secretary to read the minutes.*
leughadh gearr-sheanachas na coinnimh mu dheireadh, agus chaidh a dhearbhadh, *the minutes of the last meeting were read and confirmed.*
am bheil duine sam bith 'cur an aghaidh m' ainm a chur ris a' ghearr-sheanachas? *does anyone object to the minutes being signed?*
iomchar ghnothaich, *procedure.*
dol a mach na buidhne, *proceedings of the company.*
òrdugh na coinnimh, *programme.*
gnàth-imeachd, gnàth-eagair, *routine.*
briseadh gnàth-imeachd, *infraction of routine.*
rùn a chumadh, *to draft a resolution.*
tairgse, *proposal, proposition.*
rùn, *resolution.*
rudanachd, mion-chùis, *minutiae, details.*
mion-fhiosrachd mu gach rudanachd a bhuineas da, *full information of every point concerning it.*
athair an rùin, athair an leasachaidh, *initiator (mover) of a resolution or amendment.*
na'm biodh esan comhla ruinn, b'ann a b' àirde bhiodh gach gnìomh dhuinn, *were he with us, our proceedings had more weight and efficiency.*
aobhar-rùin (rùn *a resolution*; aobhar-rùin, *the makings of a resolution, i.e. a proposal, a motion*) a leasachadh, *to amend a motion.*
aobhar riaghailt agam dhuibh, *I have to propose a rule to you.*
aobhar, ùghdar, còir, gleus } leasachaidh, *proposed amendment.* rùin, *a proposed resolution.* coinnimh, *makings of a meeting (people.)* buill, *materials of a member (i.e. (a prospective member.)*
aobhar iomarbhaidh, *or* còir deasboireachd, *a question for debate.*
tuigear sin as, ged nach deach a labhairt os àrd, *that is implied, understood, though not stated formally.*
aobhar a shaoid 's a shiubhail, *materials for his activity and holding forth.*
tarsnachan, dubh-cheisd, *a debateable question.*
cuspair na h-iomarbhaidh, *the subject of debate.*
rannsachadh ceisde, *to debate a question.*
fear-iomarbhaidh, *debater.*
suidheachadh 'san iomarbhaidh, *order in debate.*
ar sruth-rannsachaidh, *the lines upon which the subject is discussed by us.*
bun agus bàrr na cuspair (an sgeòil), mion agus garbh na cùise, fad agus gearr na cùise, smior a' ghnothaich, *all the substance of the matter.*
an dàil (an luib, fa chomhair, an coinneamh) a' ghnothaich, *in preparation for, in anticipation of the matter.*

——Opening remarks——
a' dol an ceann ar turuis dhuinn,
a' dol an tarruing oibre,
a' teannadh gu feum,
ciod a thèid sinn 'na dhàil an toiseach?
is e is toiseach-gnothaich dhuinn....., *the first business for us to transact is.....*
an ni is toiseach seanachais dhuinn, (an ni a tha an uachdar seanachais dhuinn), *the chief matter or subject of our discussion., the burning question of the occasion.*
faigheamaid fios na firinn agus cur a' ghnothaich, *let us ascertain the truth and the state of affairs.*
bheireamaid ruith air gach cùis, (cuspair, obair, gnothach, *or* aobhar ar saoid 's ar siubhail), *let us treat of, consider everything, our affairs, &c.*
ceisd r'a rannsachadh, *a question yet to be settled.*
[The following sentences bracketed together all mean "what we are engaged about," &c]
ann an los na coinnimh,
'fhad 's a tha sin 'nar taic ('nar cois, 'nar fochair.)
ar ceann-steidh, fath ar turuis.
an fhéill, (an ceaird) air am bheil sinn.
aobhar ar saoid 's ar siubhail.
ann an lorg an aobhair seo.
am bonn (an car) a th' againn ri 'dheanamh
tha ar làmhan 'san taois.
o'n a tha sinn ann an ionad breithneachaidh cò eile a bheir ruith air a chùis duinn? *since we are in the full swing of debate, will some one else hold forth to us on the matter?*
tha mi 'cur air Mgr.... a nis mion agus garbh na cùise 'innseadh dhuinn, breithneachadh cothromach—*or* rannsachadh—a thoirt air a' chuspair, a' chuspair a chur air a ballaibh dhuinn, *I now call on Mr.... to give us a full summary of the matter.*
is math an airidh, agus fear-na-cathrach 'ga iarraidh orm, *certainly, seeing that it is the chairman who wishes me to do so.*
bheir mi dhuibh dlùth-chuir air na cùisean seo, *I will give you a close survey of these things.*
cha dean mi car rannsachaidh air, cha rachainn féin an seilbh na h-oibre, *I will not go into the subject at all, I would not undertake such a thing.*

thar rian, *wandering from the point, out of order.*
riaghailt, *order.*
rian is riaghailt! *order, order!*
cha'n 'eil thu an eiseimeil orduigh no rian, *you have a lordly contempt for order.*
tha 'n gnothach gu riaghailteach uile, *the matter is entirely in order.*

tha 'n gnothach a' dol mu seach oirnn (*or* cha bhuin sin do 'n chùis), *the proceeding is out of order.*

tha e 'dol 'sa mhuileann orm, ('dol mu seach orm, a' fairtleachadh orm, 'gam sharachadh) *it flabbergasts, puzzles, dumfounders, baffles me.*

tha mi 'cur an teagamh riaghailt a' ghnothaich sin, *I rise to a point of order.—i.e. I contest the orderliness of the present remarks.*

cha chuir sin an aghaidh an riaghailt, ach fàgaidh e an riaghailt cho slàn 's a bha e, *that is not against the rule at all, but it leaves the rule as unbroken as ever.*

cha chuspair riaghailt sin idir, *that is not a point of order.*

tha mi 'toirt beum do 'n leasachadh sin, is e tha mi togail dhuibh gur briseadh air riaghailt an leasachadh, *I wish to point out that the wording of the resolution is out of order.*

tha sin as ar gabhail, cha'n 'eil sin 'nar taic, *that is not the subject under discussion.*

cha tiochd sin 'san iomairt-haidh, *that is not within the area of the discussion.*

ma chaidh mi cèarr air mo rùn, cha b' ann do m' dheòin, (eadar dhà naigheachd, chaidh guth thairis air a' chuspair againne), *if I have strayed from my motion, it was not willingly, between two discussions our affair has quite been lost sight of.*

chaidh sinn thar ar siubhail, ar sgeòil, *or* ar gnothuich, *we have wandered from our subject.*

gabh mu chùl do chruidh agus ar cruidh fhéin, *direct speech to the question.*

cha bhi urram-gnothaich againn air a sin, *we shall not deem that to be business;* (leigeamaid troimh na meòir e, *or* gabhamaid ealla ris,) *we shall ignore that.*

[The terms in the next bracket are all requests for relevancy.]

cha'n e sin an fhìor-obair a th'againn an dràsd.

tha cuid dheth sin nach 'eil a thaobh a' gnnothaich againn.

tha sinn an gréim (an sàs) ann an ceisd eile an dràsd.

ann am bun ceisd eile.

cha'n i sin a' cheisd a tha 'nar cois: na biodh ruith coin an dà fhéidh againn.

gabh mu chùl do chruidh.

na-bi againn bhos; is thall.

airgiod thall, airgiod a bhos ! *money there, money here !—money is not the question just now.*

càirdeas fad as aig an dara cheisd ris a' cheisd eile.

is bacadh air rùn sin, *that is blocking the proposal or resolution.*

chuireadh sin caochladh cuir an clò Chaluim, *that would confuse our aims and position.*

chuireadh sin car 'san rùn againn, *that would upset, or alter our proposition or resolution.*

bheireadh sin ar n-anam-fàs asainn, *that will prevent us developing, take away our raison-d'etre.*

na tog mi gus an tuit mi, *do not interrupt unless I go wrong, out of order.*

sin an ni is lugha th' air m' aire, b' fhada bhuaidh sin a ghabhainn, *that is far from my intention.*

anns gach dàimh agus suidheachadh, *in all circumstances and relations, on every occasion.*

anns an riochd sin, *in that connection, relation.*

fuaighte, (an comh-cheangal) ris air dha ghleus, *bound up with it in two ways.*

tha 'n dara ni an eiseimeil aon a chéile, *the two things depend upon, arise out of each other.*

tha leanmhuinn a thaobh-eiginn eadar an dà cheisd, *there is a certain amount of connection between the two things.*

thoir an aon ruith da seo,

deanamaid an dalta (tomhas) ceudna da seo, *treat this in the same way.*

cha'n 'eil sin ann an innleachd na coinnimh, *that is not in the power of the meeting to settle.*

air a shon sin dheth, *as far as that goes, touches the matter.*

air son na rinn sinne, *as far as regards what we did in the matter.*

tha sin agus a roghainn aig a' choinnimh, *the meeting can do so if it please.*

---

tha A.B. a' cur suas, agus C.D. a' cur taic ris gu'm...., *it is moved by A.B., and seconded by C.D. that.....*

tha mi 'tairgse, *I propose.*

tha mi 'cur suas gu'm.., *I beg to move that..*

tha mi 'cur suas an rùin seo,
is e cead-rùin a tha mi 'g iarraidh ort,
bu mhath leam rùn a chur 'nur cead,
I beg to move the following resolution.

tha mi 'cur f' ur comhair, air bhur beulaobh, *or* mu bhur coinneamh, mar leasachadh, gu'm fàgar na facail a leanas a mach, *I move as an amendment, that the following words be omitted.*

tha mi 'cur f' ur comhair, air bhur beulaobh, *or* mu bhur coinneamh, an leasachadh a leanas a chur air an rùn, *I move the following amendment to the motion.*

tha mi 'cur suas leasachaidh mar a leanas, *I move that the motion be amended as follows.*

tha mi 'cuideachadh leis an leasachadh sin, *I second that amendment.*

cha bu ruith leam ach leum gu cuideachadh leis an leasachadh sin, (tha mise a' cuideachadh leis a sin le fàilte—*or* agus beannachd 'na cheann), *I have much pleasure in rising to support the amendment.*

is tu fhéin a th' ann fhathast, is math a fhuaras tu, tha thu air chùl do sgeòil, buaidh leat ; sgailc thu air ! *hear, hear !*

a' cheisd roimhe, *the previous question.*

tagram (*or* iarram) gu'n rachadh a' cheisd a chur a nis, *I beg to move that the question be now put.*

cha leig sinn leò e, *we will not allow them to carry it out.*

cha'n fhaigh thu sin leat, *you will not be able to carry that.*

cha tog sin buannachd dhuinn, *that will not benefit us.*

leasachadh a dhiùltadh, *to reject an amendment.*

rùn a chuir an neo-bhrigh, *to rescind a resolution.*

rùn a dhubhadh as, *to expunge a resolution.*

rùn a dhiùltadh, *to negative a proposition.*

diùltadh (*s.*), diùltach (*a.*), *negative.*

an aghaidh an aobhair, *against the proposition.*

gabhaidh sinn an leasachadh de roghainn air an rùn, *we accept the amendment in preference to the motion.*

cha'n fhaod sinn a mhilleadh, (a sharachadh), *we cannot do better than that.*

iarram cead o 'n chathair an aobhar-rùin a tharruing air ais, a dheòin a' chinn-suidhe

cuirkh mi aobhar mo chuspair air chùl, *I beg to withdraw the motion, with the consent of the chair.*
tha mis agam m' ur coinneamh gu'n glac sioh mar rùn leis na leanas, *I now propose to you that you adopt as a substantive resolution what follows.*
bha an tairgse air a chur an cruth rùin, *the proposal was put in the form of a resolution.*
cuireamaid an dara taobh e, *let us settle it, dispose of it.*
b' e 'n turus gun bhuaidh dhuinn a' chòir a thoirt seachad air a cheasd seo, *it were a great mistake on our part, not to deal justly and fairly with this question.*
cuireamaid seachad seo, *let us dispose,* or *get rid of this.*

---

gheibhear deireadh gach sgeòil a nasguidh, *don't hurry, thrash the matter out at leisure.*
comh-dhunadh na h-iomarbhaidh, cur a' ghlas-ghuib orra, *closure of the debate.*
facal aun ! *hurry up ! finish the discussion; say the final word !*
crà'thamaid an t-slabhruidh-éisdeachd, *call for silence.*
éisd do bheul ! *silence !*
o n a tharla mar seo dhuinn, *since we are so placed, circumstanced.*
leis a h-uile rud a th' ann, *under the circumstances.*
ann a bhi 'togail dhuibh cur na h-iomarbhaigh, (*or* da thaobh na h-iomarbhaigh), *in summing up to you the state, or pros. and cons. of the debate.*
chuala sibh an dà thaobh, 'fheara ! tha a chùis 'nur meinn féin a nis, cuir fo 'r smaointean i, dèan bhur roghainn ris ! *you have now heard both sides of the affair, think well over it and give your decision, for the issue is entirely in your hands.*
gach duine a tha ag aontachadh leis an rùn seo, abradh e "biodh"—an aghaidh sin "na biodh," *all who are in favour of this resolution, say "aye"—to the contrary, "no."* (*or* cò a chuireas leis an rùn seo ? thogadh iad an làmhan, cò tha 'na aghaidh ? thogadh iad an làmhan, *whoever is in favour of this let them hold up their hands; against, hold up their hands.*)
aontachadh iomlan, *unanimous consent.*
taghadh folaichte, *voting by ballot.*
taghadh fosgailte, *open voting.*
taghadh a sheachnadh, *to abstain from voting.*
fear-iarraidh a thaghadh, *to vote for a candidate.*
guth fear-na-cathrach, *casting vote.*
iarram (*or* tagram) comh-àireamh, (leig gu ràdh an taghaidh e), *I demand a poll.*
thatar a' glaodhach taghaidh (*or* comh-àirimh,) *they are demanding, clamouring for a poll.*
iarram (*or* tagram) togail làimhe, *I demand a show of hands.*
taghadh, *act of voting.*
fear-taghaidh, *voter.*
cuir gu toil na coinnimh e, *put it to the vote of the meeting.*
breith fear-na-cathrach, *the decision of the chair.*
cha'n 'eil dol thar breith fear na cathrach, *there is to be no disputing the chairman's ruling.*
cha'n ann 'gad sharachadh, *or* a' cur cosg ort a tha mi, *I do not wish to contradict or stop you,*
dearbhadh (*s.*), dearbhtach (*a.*), *affirmative.*
a' bheag chuid, *the minority.*
a' mhòr chuid, *the majority.*
a' bharrachd, *excess of majority over minority.*
tha e rùnichte, daingnichte, gu'm bitheadh, &c., *resolved that, &c.*
cuirtear mac an rùin seo do...., *let a copy of this resolution be sent to....*
mac-an-ranns achaidh seo, *the upshot of this debate.*
leigear a' chuis fa chomhair an rùnair, bidh esan a' freasdal an deis gach ni, *let the matter be referred, delegated, or entrusted to the secretary—he will attend to everything.*
tha a' choinneamh air a cur fa sgaoil, *the meeting is dissolved.*
sgulreamaid mar tha sinn, *let us stop at this* (*lit. stop as we are.*)
cò chuireas an aghaidh na Gàidhlig gur a bacadh air gnothach i ? *who opposes the use of Gaelic as being a hindrance to business ?*
là na coinnimh a shineadh, *to postpone a meeting.*
tha dàil air a chur 'sa choinnimh gu seachdumo 'n diugh, *the meeting is adjourned till this day week.*
sònruicheamaid là do 'n ath choinnimh le cion agus nach 'eil lion-gnothaich againn, *let us fix a date for next meeting, as we have not a business quorum present.*
sìneadh gu dìlinn (gun chàirde, am feasd, *or* gu suthainn) a chur 'sa choinnimh, *to adjourn the meeting "sine die."*
gnàth-riaghailtean, *standing orders.*
na gnàth-riaghailtean a chur an dàil, *to suspend standing orders.*

☞ In the above list the reader follows the course of an imaginary debate, and the sentences are divided into five sections for facility of reference, thus;—
(1) Names of processes and equivalents for amendments, &c. (2) Opening remarks, dealing in general with the subject of discussion, and calling upon people to speak. (3) Matters of order and relevancy. (4) Amendments, and the putting and withdrawing of same, and requests for the thorough thrashing out of any matter. (5) Closure and summing up, voting, upshot, sending out notices, dissolving and proroguing. [This is the first such list published in Gaelic.]

coinneanach,* -aiche, *a.* Ruttish.
†coinneas, -eis, *s.f.* Ferret. 2(AF) Dog-weasel.
†———ach, *a.* Abounding in, like, of, or belonging to, ferrets, or dog-weasels.
coinngiallach,‡‡ *s.f.* Complaint.
†coinniceir, *s.m.* Rabbit warren or burrow.
coinnich, *pr.pt.* a' coinneachadh, *v.a.* & *n.* Meet, face, oppose, encounter. 2**Stop progress of a person or thing. 3* Assemble. Coinnichidh na daoineach cha choinnich na cnuic, *men meet but the hills do not;* coinnichidh an dà fhacal a chéile, *the two words mean the same thing.*
———te, *past part.* of coinnich, Met, opposed, faced, encountered.
coinnimh, *gen.sing.* of coinneamh.
coinnir, -e, -ean, *s.f.* Pair, brace, couple.
coinnle, see Calluinn. 2 *gen.sing.* of coinneal.
coinnleach, -eiche, *a.* Full of candles. 2 Of, pertaining to, a candle. 3 Like a candle.
———adh, -aidh, *s.m.* Winding of cloth on a stick in order to dress it.
coinnleag, -eig, -an, *s.f.* Oily surface of broth. 2 Fiery sparkling of the eyes.

coinnleagach, -aiche, *a.* Having an oily surface, as broth. 2 Bright, sparkling (of eyes.)
coinnlean, see coinnlein.
———— -bianain, *s.m.* Wild fire, phosphoric light seen in the sea, when agitated by oars in the dark. 2(DC) Infusoria.
coinnlein, -e, -ean, *s.m.* Stalk of grain, especially barley. 2**Bud. 3†† see cuinnean.
————each, -eiche, *a.* Stalky.
coinnleir, -e, -ean, *s.m.* Candlestick. Ann an c., *in a candlestick.*
————each, -eiche, *a.* Of, or pertaining to, a candlestick.
————eachd, *s.f.* Office of holding the candle. 2**Candle-making.
coinnlin, -e, -ean, see coinnlein.
coinnlineach, -eiche, *a.* see coinnleineach.
coinnseanta, *a.* Conscientious. 2 see coguiseach.
coinnseas, -eis, -an, *s.f.* Gaelic spelling of *conscience.*
†coinnsi, *a.* Fit, proper.
coinnspeach, -a, -an [& ††coinnspeich], *s.f.* see connspeach.
†coinnt, *s.f.* Woman.
còinnteach, see còinneach.
†coinntibhe, *s.f.* Gibe, scoff, sneer, expression of scorn.
†coinreachd, -a, *s.m.* Law of the chase.
coin-ròs,§ *s.m.* Dog-rose, see ròs-nan-con.
coinseas, Gaelic spelling of *conscience.*
coinsianaich, *v.n.* Conjure.
coinsias, see coinnseas.
————ach, see coinnseanta.
†coint, see coinnt.
†cointean,** -ein, *s. m.* Contentious man, wrangler. 2 Controversy.
cointeanach,** *a.* Contentious.
————d,** *s.f.* Contentiousness, quarrelsomeness.
co'ionann, see comh-ionann.
————achd, see comh-ionannachd.
†coip, *s.f.* see †coib. 2* Heap of foam or froth.
coip, *gen. sing.* of cop.
coip-gheal, -ile, *a.* see cop-gheal.
còir, -e, *1st. comp.* cora, *a.* Just, honest, virtuous, good. 2 Kind, civil. 3 Decent. 4 Easy-minded. 5**Proper. 6** Near. 7 Pious. 8(AG) Benevolent.—*Reay country.* 9†† Affable. 10(DC) *of animals,* Docile, tame, domesticated. 11 Kind-hearted—*Uist.* Duine c., *a pious person*; ged is olc e, tha e glé ch., *although he is wicked, he is very generous*; an duine c. ! *the worthy man!* is c. dhomh, *I ought* ; bu ch. dha am maille treun, *he ought (would require) to be in strong armour.*
còir, *irreg. s.* declined thus :—

Sing. N. còir,	*Plur. N.* còraichean [còirichean. & còirean,]
G. còrach [& còire]	*G.* còraichean,
D. còir,	*D.* còraichean,
V. a chòir !	*V.* a chòraiche !

Right, justice, equity, probity, integrity. 2 Right, claim, title, charter, 3 see comhair. 4 Authority. 5‡ Share. 6* Franchise. 7** Possession, property. 8**Business. 10**Interest. 11**Custom, usage. Còirichean a' bhaile, *the freedom of the city,* a' cumail na còrach rium, *doing justice to me; maintaining my right, 2 keeping time for me (as in music)*; riun thu a' chòir, *you have acted with propriety*; coirichean an fhearainn, *the charter of the land.* bheir mi dhuit comhairle na còrach, *I will tell you what you should do,* or *what ought to be done*; tog romham air ch. an sgiath, *carry the shield before me as usual*; mar bu ch. dhuit, *as you ought*; le c., *with authority*; tuilleadh na còrach, tuilleadh 'sa ch., *more than the just quantity;* cùis na corach, *the cause of justice;* cumaibh c. riu, *support their right*; tuilleadh 'sa ch.. (*pres,*) tuilleadh 's bu ch., (*past*) *too much.*
coir, *prov.* for cuir.
coir, *gen. sing.* of cor.
coir, *s.m.* Spear. 2 Fault. 3‡‡Musical air.
còir, (an) *adv.* see comhair.
coirb, -e, *a.* Accursed. 2 Perverse, untractable. 3 Vicious. 4‡‡Cross-grained.
coirb *v.a.* Corrupt. 2 Abandon.
coirbeach, *a.* Impious, corrupt, vicious.
coirbeachd, *s.f.ind.* Crossness, perverseness. 2 Hostility. 3 Wickedness, corruptness, lewdness, carnality.
coirbidh,¶ *s.m.* Raven, see fitheach.
còir-bhreith, -e, *s.f.* Birthright.
coirbte, *a.* Accursed. 2 Perverse. 3**Corrupt. 4**Cross. 5**Hostile. 6* Abandoned, vicious. An triath bu ch. colg, *the chief of the most implacable wrath.*
coirbteachd, see coirbeachd.
coirce, *s.m.* Oats—*avena sativa.* C.-nan-speur, *manna.*
coirceach, -eich, *a.* Abounding in oats. 2 Of, or belonging to oats. 3 Made of oats.
coirceag, -eig, -an, *s.m.* Bee-hive made of straw. 2 Tub or dish made of straw, to hold seeds, &c.
coirce-circe, *s.m.* Quaking grass, see conan.
coirce-dubh,§ *s.m.* see coirce-fiadhain. The name "coirce-dubh" is applied to all kinds of oats when black with blight, but especially to *avena strigosa.*
coirce-fiadhain,§ *s. m.* Wild oats—*avena fatua* and *avena pratensis.*
coirceil,†† *a.* see coirceach.
†coircheann, *s.m.* Spindle.
†coir-cheann, *v.a.* Make round at the top.
†coir'-chléireach, -ich, *s.m.* Dishonest clerk.
còird, *v.* see còrd.
————ealaiche, -an, *s.m.* Rope-maker.
còirdean, -ein, *s.m.* Small rope. 2**String.
†còirdeas, -ais, *s.m.* Agreement, coalescence. 2 Reconciliation.
†coirdheabh, *v.a.* Fight with a spear.
còirdte, *a.* & *past part.* Agreed.
coire, *pl.* -annan, *s.f.* Fault, offence, charge. 2 Sin, guilt, crime, harm, wrong, trespass. 3 Defect. 4 Complaint. 5* Blame. 6 Damage. Dean c., *offend*; gach gnè c., *every kind of damage*; mur dean mi t' fhaotainn le còir dhaoine, *if I do not get thee owing to the opposition of men;* c. bàis, *a capital crime*; is iomadh c. a gheibhear air an duine bhochd, *many a fault may be found in a poor man.*
coire, *pl.* -achan, *s.m.* Cauldron, kettle, boiler, vat. 2 Bath (in *weaving.*) Cuir air an c., *put the kettle on (the fire.)*
còire, *pl.* -achan, *s. m.* Circular hollow surrounded by hills. 2 Mountain dell. 3 Whirlpool. [Often erroneously pronounced like the last word.]
†coire, *s.m.* Wherry. 2 Ring. 3 Girdle.
†còire, *s.f.* Raw flesh. 2 Syntax.
coireach, -iche, *a.* Full of circular hollows or dells.
coireach, -iche, *a.* Faulty, at fault. 2 Guilty. 3 Criminal. Is tusa 's c., *it is you who are to blame*; *2 it is you that caused it* (without any disparagement) ; cò air bith is c., is mis' an creanaiche, *whoever is guilty, I am the sufferer*—said by "Seumas a' Ghlinne" at his trial.
coireach, -eich, *s.m.* Defaulter. 2 Guilty per-

son. 3**Aggressor.
coireachadh, -aidh, *s.m.* Blaming, censuring, accusing. 2**Accusation, arraignment. A' c—, *pr.pt.* of coirich.
coireachail, -e, *a.* Apt to blame, censorious.
coireachalachd, *s.f.ind.* Censoriousness.
coireachan, *n.pl.* of coire.
coireachas,‡‡ -ais, *s.m.* Injuriousness.
coireachd, *s.f.ind.* Culpability, blameableness. 2‡‡Honesty.
còiread, -id, *s.f.* Probity. 2 Goodness, kindness. [** gives *s.m.*]
coireadh,** see coire.
coireal,* *s.m.* Loud tone of voice, as of a person scolding or in a passion. 2(JGM) Choir. 3(JGM)Music. 4(DC)Skirling, as of sea-birds.
coireal, -eil, *s.m.* Coral—*corallina officinalis.*
coirealach, *a.* Like coral. 2 Abounding in coral, coralline.
coireall, *s.m.* Quarry.
coireaman,§ -ain, *s.m.* Coriander, see lus-a'-choire.
coireamanach, *a.* Abounding in coriander. 2 Like coriander.
coirean, -ein, -ean, *s.m.* Little circular hollow. 2 Little mountain dell.
còirean, -ein, -ean, *s.m.* Little cauldron.
coirean-coilich, *s.m.* Wild campion.
coirean-muice, *s.m.* Pig-nut.
coireannan, *n.pl.* of coire.
coireineach, -eiche, *a.* Full of little hollows or dells.
†còireiseach, *a.* Important, with an important air.
coire-togalach, -aich, *s.m.* Brewer's cauldron.
còir-ghniomh, -a, -ghniomhran *s. m.* Virtuous action. 2‡‡Satisfaction.
†còiriasach, -aiche, *a.* Important.
coirib,** *v.a.* Corrupt.
coirich, *pr.pt.* a' coireachadh, *v.a.* Blame, find fault with, reprove, reprimand. 2 Arraign.
coirich, *pl.* of coireach. *s.pl.* The guilty.
còirichean,** *s.pl.* Records, title-deeds.
coirichte, *past pt.* of coirich, Blamed, charged, reproved, accused.
†coirigh, *s.m.* Ranges, ranks, enclosures.
coirill, see caireal.
coirioll, -ill, *s.m.* see caireal.
coiriollach, -aiche, see cairealach.
†coirip, *v.a.* Corrupt.
†coirleighte, *a.* Correctly written or read.
†coiripidh, -e, *a.* Corruptible, wicked, impious. Gu c., *wickedly.*
†coiripte, *past pt.* of coirp. Corrupted.
†coiriptheachd, *s.f.ind.* Corruption.
†coirm, *s.f.* Kind of beer or ale used of old by the Gael. 2 Pot companion. 3‡‡ see cuirm.
†coirmeach, *s.m.* Drunkard.
‡coirmeag, -eig, *s.f.* Female gossip.
†coirneach, *s.m.* Kingfisher. 2 Part.
†coirneach, *a.* Cornered, angular.
còirneal, -eil, *s.m.* Colonel in the army. 2‡‡ Cornel tree. 3‡‡Corner.
coirnean,** -ain, *s.m.* Curl.
coirneanach,** *a.* Frizzled, curled.
coirneileir, -ean, *s.m.* Colonel in the army. O 'n chaidh an c. fo thalamh, *since the colonel was buried.*
†coirneineach, -eiche, *a.* see coirneanach.
†còirn-stiall, *s f.* see còrn-stiall.
†coirpeachd, see coirbeachd.
coirpileir, -e, -ean, *s.m.* Corporal.
coirpte, see coirbte.
coir-sgrèachag, *prov.* for corr-sgreuchag.
coirt, *prov.* for cairt.
coirtheach, -eiche, *a.* see coireach.
còirtear, see cairtear.
†coirthigh, *v.a.* Sin. 2 Blame.
†coirthinghadh, see coireachadh.
cois, *dat.sing.* of cas.
còis, *gen.sing.* of còs.
cois (an & ri) *s.* Near, beside, by, along with, close by. An cois na mara, *near the sea;* 'na chois, *near him*, or *it* ; 'nan cois, *near them*; an cois nan aibhnichean, *close by the rivers*; ri cois na Mara Ruaidh, *near the Red Sea* ; ceud caora 'nam chois, *a hundred sheep along with me;* bithidh beannachd an c. do shaoithreach, *your labour will be crowned with success.*
cois-bheart, -bheairt, see caisbheart.
coisc, see coisg.
cois-chéimnich, see cois-cheumnaich.
cois-cheum, -éim, -an, *s.m.* Step, pace, stride. 2(DC) Footprint—*Bible.*
cois-cheumnach,** *a.* Stepping, pacing.
cois-cheumnaich, *v.a.* Step along, walk, pace. 2 Measure by pacing.
†coisde, *s.f.* Coach. 2 Jury.
còisdeachd, (comh-éisdeachd) *s.f.* Act of hearkening, listening.
coisdearachd, *s.f.ind.* Coach-driving, business of a coachman.
†coisdear, -an, *s. m.* Coachman.
†còisdear, -an, *s.m.* (comh-éisdear.) Juryman.
coisdeargan, -ain, -an, *s.m.* Red-shank (bird) see cam-ghlas.
coise, *gen.sing.* of cas. Do bhonn a choise, *to the sole of his foot.*
coise,** *s.f.* Coach. *prov.*
coiseachadh, -aidh, *s.m.* Walking. 2 Pedestrianism. A' c—, *pr.pt.* of coisich.
coiseachd, *s.f.ind.* Walking. 2 Pedestrianism. A' c—, *pr.pt.* of coisich. Bheir a Callainn a coiseachd dith, *her Hogmanay will make a cripple of her*—said of a woman much given to visiting her neighhours; cia as a thug thu a' ch ?, *where did you walk from ?*
coiseachdail,‡‡ -e, *a.* Pedestrian.
coiseag, -eig, -an, *s.f. prov.* for cuiseag.
còiseag, -eig, -an, *s.f.* Small nook, snug corner.
———ach, *a.* Snug, warm, sheltered.
†coiseamhan, -ain, *s.m.* Shoemaker.
coisean, *s.m.* Stalk, stem.
———ach, -aiche, *a.* Slender-legged. 2 Having a stalk or stem.
———tach,** -aich, *s.m.* Protector.
cois-éideadh, -idh, -ean, *s.m.* Shoes and stockings, boots, greaves, foot-armour.
coiseineal,** *s.m.* see coisinìol.
†coiseun, see coiseunaich.
†———achadh, *s.m.* Preservation, deliverance. A' c—, *pr.pt.* of coiseunaich.
———aich, *v.a.* Conjure. 2 Bless, consecrate.
†———ta, *past pt.* of coiseun. Protected, defended. 2 Consecrated.
———tach, -aidh, *s.m.* Protector, defender.
coisg, *pr. pt.* a' cosg [a' casg & a' cosgadh] *v.a.* Stop, restrain, wean. 2 Quell, suppress, pacify, quench, extinguish, quiet, staunch, subside. 3 Put an end to. Choisgeadh an teine, *the fire was quenched;* choisgeadh an tuisge, *the water was restrained*; ch. do chathair bho thuiteam, *keep your chair from falling.*
———each, *a.* Quenching, quelling, restraining, staunching.
———eadh, -gidh, *s.m.* see cosgadh.
coisgear, -eir, -an, *s.m.* see cosgair.
coisgear, *fut. pass.* of coisg.
coisgidh, *fut. aff. a.* of coisg.
coisglidh, *a.* Still, quiet. 2 Diligent.
coisgte, *past pt.* of coisg. Quelled, stilled, restrained, pacified, calmed, appeased, quench-

ed, settled, tranquillized, extinguished.
coisich, *pr. pt.* a' coiseachd [& a' coiseachadh], *v.a.* Walk, travel on foot. 2 Move off, depart.
coisiche, -an, *s.m.* Walker, pedestrian. 2 Footman. 3**Traveller. 4††Foot-soldier. Sò mile c., *six thousand foot-soldiers;* a ch. na beinne! *thou traveller of the hill!* saighdear-coisiche, *a foot-soldier.*
†coisin, -e, -ean, *s.m.* Stem, stalk. 2 Defence.
†coisiniol, *s.m.* Gaelic spelling of *cochineal.*
coisinn, *fut.* coisnidh (*sync.* of coisinidh) *pr.pt.* a' cosnadh, *v. a.* Gain, earn, win, obtain, acquire. 2* Deserve. Tha i aig a cosnadh, *she is at service*—this expression in Gaelic is used to signify domestic service, and is not applied to any one working at a skilled trade. In such cases the name of the trade is always mentioned, as, tha e ris a' chlachair-eachd, *he earns his living as a mason;* tha i 'ga chosnadh, *she is earning it.*
coisinn,** *s. f.* Gain, advantage, profit. 2 Earning.
coisinnte, *past part.* of coisinn. Gained, earned, won, obtained, acquired. 2 Expert. Anns gach ceàird tha thu c., *in every trade you are expert.*
coisionta, see coisinnte.
coisiontach, -aiche, *a.* That gains, acquires, or wins.
coisiontair, -ean, *s.m.* Gainer.
coisir, -sre, *s. f.* Choir. 2 Festive party. 3 Wake. 4 Singing of birds. 5 Military band. 6††Party of singers. 7†† Attendants. 8‡ Chorus. 9**Company. 10**Feast.
coisir-chiùil, *s.f.* Choir.
coisireach,‡‡ -eiche, *a.* Choral.
cois-leathann, *a.* Broad-footed.
coisneadh, -aidh, see cosnadh.
coisreach, -ich, *s.f.* Parish feast. 2 Wake. 3 Wedding.
coisreadh, -ridh, -ridhean, see coisir.
coisreagach,** *a.* Bushy, as hair.
coisreagan, -ain, *s.m.* **Consecration. 2(AC) Consecrator. Bana-choisreagan, the woman who leads the singing in the ceremony of consecrating the cloth after waulking.
coisridh, -e, *s. f.* Infantry. 2 Company on foot.
còisridh, -e, *s.f.* **Jovial club. 2**Entertainment. 3**Concert of birds.
coisrig, *pr.pt.* a' coisreagadh, *v. a.* Consecrate, sanctify. 2 Dedicate, as a book. 3**Bless. 4**Anoint. 5**Addict.
coisrigeach, *a.* Consecrative.
coisrigeadh, -dh, *s.m.* Consecrating, act of consecration, sanctifying. 2‡‡Devotedness. 3 **Addiction.
coisrigidh, *fut. aff. a.* of coisrig.
coisrigte, *past pt.* of coisrig. Consecrated, sanctified. 2**Addicted. 3**Anointed. Uisge c., *holy water.*
†coisrioghadh, -aidh, *s.m.* Sanctification.
coisriomhadh, -aidh, *s. m.* Elegant arrangement of feet in verse. 2‡‡Scanning of verse.
coiste, †see cosd. 2 see coisde.
coistear, see coisdear.
————achd, see coisdearachd.
coistre,(AC) *a.* Benign.
coistri, see comh-stri.
coit, -e, -ean [& -eachan] *s. f.* Small fishing boat, canoe. 2 Coracle. 3 Punt. 4 Hut. 5 **Quoit. 6**Dog-hole.
†coit, *s.m.* Word.
coitcheann, -a, *a.* Common, public, communal, general. 2* Exposed to many callers, as a house by the highway. Gu c., *publicly, commonly;* air aithris gu c., *commonly reported.*
coitcheann,(AC) *s.m.* Common grazing.
————ach, -aich, *s.m.* Commoner.
————achd, *s.f.ind.* Community, commonness, generalness. 2 Universality, catholicness.
————as, -ais, *s.m.* Community, state of having things in common. 2 Universality. 3 Exposure. 4* The state of being subject to calling. 5 Public situation, as of a house. 6 Frequency. 7**Co-partnership.
coitcheanta, see coitcheann. Gu c., *adv. commonly.*
coitcheanntachd, see coitcheannachd.
coitcheannas, -ais, see coitcheannas.
coitchionn, -a, see coitcheann.
coitchionnas,* -ais, see coitcheannas.
coite, *s.f.* see coit.
coiteach,‡‡ -ich, *s. m.* Pressing to take anything.
————adh, -aidh, *s.m.* Pressing to take anything. 2* Contending, as in argument. A' c—, *pr. pt.* of coitich.
coitear, -eir, -an, *s.m.* Cottager, cottar. 2‡‡ Boatwright.
coiteireachd, *s.f.ind.* The state of a cottager or cottar.
†coi-teoraiun, *s.m.* Limit, boundary.
†coi-theoran, see coi-teoraiun.
coi'thional, see comh-thional.
coitich, *pr. pt.* a' coiteach [& a' coiteachadh], *v. a.* Press to take anything. 2 Urge an argument, contend, maintain.
coitidh,†† *a.* Common, general.
†coiting, *s.f.* Battle, combat.
‡coitinn, see coiting.
coitinn, *a. prov.* for coitcheann.
†coitit, *s.f.* Awl, bodkin.
col, *v.a.* Hinder, restrain. 2 Prohibit. 3‡‡ Plaster.
col, -a, *s.m.* Impediment, obstacle. 2 Prohibition. 3 Incest. 4 Sin, crime, stain.
còla, see còmhla and còmhlan.
col'ach, see coltach—*Dain Iain Ghobha.*
colach, -aiche, *a.* Forbidden, prohibited. 2 Wicked, impious, incestuous. *More usually* collaidh. 3 *Lewis,* for coltach.
colach,** -aich, *s.m.* Flock-bed.
còlach,** -aich, -aichean, *s.m.* see còmhlach.
còlachadh, see comhlachadh.
colachd, *s.f.ind.* Plastering, daubing.
†coladh, *s.m.* Superfluity.
colag,§ -aig, *s.f.* Cauliflower. 2†† Cutlet of meat, collop. †3(AF) Young cow.
colagag, see colgag.
†colagan,** -ain, *s.m.* Salmon. 2 Salmon-trout.
còlaich, *v.n.* see còmhdhalaich.
colaidh, see collaidh.
————eachd, see collaidheachd.
còlais,** *s.f.* Cabbage.
colaisde, -an, *s.m.* College, academy.
————ach, *a.* Of, or belonging to, a college, collegiate.
†colam,(AF) *s.f.* Young cow.
†colamadh, *s.m.* Mine.
colamaidh, (AF) s. Coal-fish.
colaman, see calman.

176. Colamoir.

colamoir, -ean, *s.m.* Hake, (fish)
còlan, -ain, -an, *s.m.* see còmhlan.

†colan, -ain, *s.f.* Young cow.
colann, *gen.sing.* -ainn [colla & colna], *pl.* collainnean, *s. f.* The body. 2 In good condition of habit or body. 3**Carcase. 4**Flesh. Is mat' a ch., *he is in good condition.*
co'lannachd, see comh-lannachd.
co'lannaireachd, see comh-lannaireachd.
colar,(AF) *s.m.* Dove, see calman.
colbain,** *s.m.* Rope of a ship.
†colbh, see calbh.
colbh, cuilbh, *s.m.* Sceptre. 2 Post, pillar. 3 Plant, stalk. 4* Front of a bed. 5(AC) Wile. 6**Reed. Bho chuilbh an fhir-cheilg, *from the wiles of the deceiver*; c. nam buadh, *the sceptre of victory.*
†colbh, *v.a.* Sprout, shoot.
†colbha, *s.m.* Love, friendship, esteem, regard.
colbhach, -aiche, *a.* Sceptred. 2 Pillared.
colbhaidh, -e, *a.* Having pillars or columns.
colbhairt,** *s.f.* Colewort.
colbh-seòlaidh, *s.m.* Finger-post, sign-post.
†colbtha, *s.m.* see colpa.
†colbthach, see colpach.
co'leagh, see comh-leagh.
colc, -a, -an, *s.m. & f.* Eider-duck.
colca,¶ *s.f.* Great auk, see gearra-bhall.
†colcach, *s.f.* Bed. 2(AF) Eider-duck, see lach Lochlannach.
colcach bheag, ¶ *s.f.* Little auk—*mergulus melanolencous.*

177. Colcach bheag.

†colcaidh, *s.f.* see colcach.
colcair,¶ *s.* Great auk, see gearra-bhall. 2 (AF) Eider-duck, see lach Lochlannach.
coldach, see coltach.
co'leagh, see comh-leagh.
co-leic', (CR) *s.m.* Cuff, slap.
colg, cuilg, *s.m.* Rage, ardour, wrath. 2 Fierce look. 3‡‡Manly hue, cheerful aspect. 4 see calg.
——ach, *a.* Fierce, furious, wrathful. 2 Fretful. 3 Stern. 4 Ardent. 5 see calgach. A shùl ch., *his fierce eye*; mar thanasg 'na leum ch., *like a furiously bounding spectre.*
colgach,¶ *s.m.* Puffin, see fachach.
——d, *s.f.* Prickliness.
colgag, -aig, -an, *s.f.* Forefinger.
colgaiche, *s.f.ind.* Peevishness. 2 Sourness. 3 Fierceness, wildness. 4 Alacrity.
colgaiche, *comp.* of colgach.
colgaichte,** *a. & past pt.* Barbed.
colgail, -e, *a.* Lively, martial, smart, brisk.
colgair,¶ *s.m.* Puffin, see fachach.
†colgan, -ain, -an, *s.m.* Salmon-trout. 2 Salmon.
†colgan,(AF) *s.m.* Dove, see calman.
colganta, see colgail & colgarra.
colgantachd, see colgarrachd.
colgantas, -ais, *s. m.* Briskness, liveliness, smartness. 2††Wildness. 3**Bitterness.
colgaradh,** *a.* see colgarra.
colgarra, *a.* Fierce, stern, angry-looking. 2** Brisk, lively, smart. 3**Bitter, biting, as frost. 4**Freezing. 5**Prickly. Mios c., *a freezing month.*
——chd, *s.f.ind.* Fierceness, sternness. 2 *New year's eve. 3* Absurd hammering at anything.
†colg-bhealaidh, see calg-bhealaidh.
colg-bhruidhinn, *s.m.* Butcher's broom.
colg-chu,-choin, *s.m.* Hound, fierce-looking dog.
colg-raineach,¿ *s.f.* Holly fern—*Breadalbane*, see raineach-cuilinn.
colg-rasgadh, -aiche, see colg-rosgach.
colg-rosach, -aiche, *a.* Having strong eye-lashes. 2**Prickly.
colg-rosgach, -aiche, *a.* Fierce-looking. 2 Lively eyed.
colg-sheòl, -iùil, *a.* Quick moving sail.
colg-throid, *v.a.* Fight with the sword.
†coll, *s.m.* Hazel. 2 Gaelic name of the letter C. 3 Neck. 4 Destruction.
†coll, *v.n.* Sleep.
colla, *gen.sing. (bad)* of colann.
colla,** *s.* Epicurism.
†collach, -aiche, see collaidh.
†——, *s.f.* Fat heifer. 2 Boar. 3 Yearling calf.
collachail, -e, *a.* Boorish.
collachd, see collaidhneachd.
†colladar, *v.* They lodged.
†colladh,** -aidh, *s.m.* Sleep, rest.
collag, see collag-lìn.
†collag-lìn, *s.f.* Earwig.
collag-lìon, see collag-lìn.
collaid, -e, -ean, *s.f.* Clamour, scolding. 2 Loquacity. 3 Quarrelsome woman. 4 *more frequently "cullach"* Heifer of two years old. 5†† Din.
——each, -eiche, *a.* Clamorous, vehement, quarrelsome, loquacious, turbulent.
collaidh, -a, *a.* Sensual, carnal, lewd. 2 Wicked, impious, incestuous. 3 Forbidden, prohibited. Gu c., *carnally.*
collaidheachd, see collaidhneachd.
collaidhneachd, *s.f.ind.* Carnality, lewdness. 2 Incestuousness.
collaidin-bàn, -e-baine, *s.f.* Opium poppy, see codalian.
†collaim, *v.* I sleep.
Collainn, see calluinn.
collainn, -e, -ean, *s.f.* Smart stroke.
——ich, *v.a.* Strike, thresh, thump.
collaire-bothain,(AF) *s.* Cormorant, shag, see sgarbh.
collas, see coltas.
†coll-chnò, *s.f.* Filbert (cnò-challtuinn.)
†coll-choille, *s.f.* Hazle-wood.
coll-leabaidh, ** *s.f.* Bedstead (of hazel.)
collnach,†† -aich, *a.* Incestuous.
†collotach, -aiche, *a.* Soporific.
colltach,** -aich, *s.f.* Fleet, navy.
colluinn, -e, -ean, see calluinn, colann & calltuiun.
†colm, *s.m.* see calman.
colmach,** -aich, *s.m.* Dove-cot, pigeon-house.
colman, see calman.
colman-coille, see calman-coille.
colman-taighe, see calman-taighe.
colmh, cuilmh, see calbh.
colmhuinn,** see colbh.
——each, see colbhach.
colm-lann, -an, *s.m.* see calm-lann.
colna, *gen.sing.* of colann. 2**Temperament.
colnach, -aiche, *a.* Incestuous.
†colog, *s.m.* see colag.
cologag, see colgag.
†colp, -a, *s.m.* Head. 2 Thigh, haunch.
†colpa, *s.m.* Cow, 2 Horse, colt, 3 see calpa.

colpach, -aich, *s.m.* Heifer. 2 Steer. 3 Bullock. 4 Colt. 5(AF) Cow-calf. 6(AF) Cow that has never calved. Bheirear colpaich dhuit, *heifers shall be given to thee.*

†colpach, *s.m.* Duty payable by tenants to landlords—*Martin.*

colpachadh, -aidh, *s.m.* Equalizing cattle stock. This varies in a slight degree in some of the islands, but the following is fairly representative of the whole Outer Hebrides.

1 horse is equal to 8 foals.
" " 4 one-year-old fillies.
" " 2 two-year-old fillies.
" " 1 three-year-old, and 1 one-year-old filly.
" " 2 cows.
1 cow " 8 calves.
" " 4 stirks.
" " 2 two-year-old queys.
" " 1 three-year-old quey & 1 one-year-old stirk.
" " 8 sheep.
" " 12 hoggs.
" " 16 lambs.
" " 16 geese.
2 sheep " 3 one-year-old hoggs.
1 " " 1 two-year-old hogg.

—In *Argyll:*

1 cow is equal to 4 calves.
" 2 stirks.
" 1 two-year-old and calf.
" 1 three-year-old.
" 5 sheep.
" 10 hoggs.
" 20 lambs.

colpach-seamlach,(AF) *s.m.* Uncalved cow.

colpindach, see colpach.

colsach, see coltach.

†colt, -a, *s.m.* Meal, victuals.

coltach, -aiche, *a.* Like, similar. 2 Likely, probable.

coltachail, see coltach.

coltachd, *s.f.* see coltas.

coltair-cheannach,§ Puffin. see fachach.

coltar, -air, *s.m.* Coulter, that part of a plough-iron which cuts the soil.

coltas, -ais, *s. m.* Likeness, resemblance. 2 Likelihood, probability. 3 Appearance. 4 Good-looks. A réir coltais, *in all likelihood;* mar sin bha a choltas, *such was his appearance;* fear do choltais, *a man like thee* ; tha c. millidh air na béistean, *the insects look like doing damage;* tha a choltas sin ort, *you look as if you had,* or *as if you were.*

———achd, see coslachd.

†coltra, *a.* Dark, gloomy.

coltrachan,§ Puffin, see fachach.

178. Coltraiche.

coltraiche, -an, *s.m.* Razor-bill—*alca aorda.*

†coltur, see coltar.

co'luadair, *s.m.* see comh-luadar.

coluaisg, *s.f.* Conquassate.

Coluinn, see Calluinn.

coluinn, see colann.

colum, -uim, *s.m.* see calman.

columan, -ain, *s.m.* see calman.

†columhan, -ain, -an, *s. m.* Pedestal, pillar, prop.

colunn, -uinne [colla & colna,] *pl.* -uinn [& -an,] *s.f.* see colann.

c' om ? for c' uime ?

com, *a.* see coma.

†com, *s.m.* Kindred.

†com, *v.a.* Frame, shape.

com, cuim, *s.m.* The cavity of the chest, the region of the viscera. 2 The trunk of the body. 3** Breast, bosom. 4**Waist. 5** Belly, bowels. 6**Womb. 7**Protection, guard. Corruich a chuim, *the rage of his breast;* chlisg a cridhe 'na com, *her heart started in her bosom* ; tinneas-cuim, *bloody flux;* 2 *any disorder of the intestines.*

coma, *a.* Indifferent, not caring, regardless. Is c. leam thu, *I hate you* ; nach c. leat-sa ? *what is that to you ?* is c. dhomh-sa cò aca, *it is no matter to me* (*which of them*) ; is c. leis an righ Eòghann, agus is c. le E. co dhiù, *the king doesn't like Ewen, but E. doesn't care whether the king likes him or not.*

coma, *conj.* However.

†comach,** -aich, *s.m.* Breach. 2 Defeat. 3 Tax, toll.

†comadair, -ean, *s.m.* Romancer, story-teller.

†————eachd,** *s.f.ind.* Fiction, romancing.

comadh,** *a.* Desirous. 2 Lukewarm.

comaidh, -ean, *s.f.* Mess. 2 Eating together or promiscuously of the same food, particularly if out of the same vessel; bi 'd thosd 's bi 'd chomaidh, *be silent and take your share —ask no questions for conscience' sake;* thoir dhomh c., *give me a share of your food;* gabh c., *take out of the same dish with him;* is sona gach cuid an c., *pleasant is every morsel that is shared.*

comain, -ean, *s. f.* Obligation for favour received. 2**Recompense. 3**Gratuity. Tha mi fada 'nad chomain, *I am much obliged to you;* cha'n 'eil mi 'nad chomain, *I am not obliged to you;* cha b' e do chomain e, *I did not deserve that at your hand;* c. do làimhe féin, *tit for tat;* fo ch. agad-sa, *under obligations to you;* c. an uilc a ni, *reprisals, evil for evil* ; bu ghaol gun ch. mo ghràidh dha-san, *I love him for his own sake, and not for anything he has done for me;* ann an c. nam briathran ceudna, *in much the same words* .or *agreeably to what has been previously said;* seallaidh cù air c., *a dog remembers a favour.*

comaineach,‡‡ -eiche, *a.* Obligatory.

comair,†† -ean, *s.f.* Meeting or confluence of waters.

†comair, *v.a.* Liken, compare.

†comair, *a.* see cuimir.

†comairce, *s.f.* see comraich.

comaith,* *s.f.* see comaidh.

†comallnae,‖ *s.* Dropsy.

†conaltach, *a.* Fulfilled, performed.

†comamar, *s.m.* Comparison.

comanach,** see comanachadh.

comanachadh, -aidh, *s.m.* Sacrament. 2 The celebration of the Lord's Supper. 3 Act of partaking of it. Luchd-comanachaidh, *communicants.* A' c—, *pr.pt.* of comanaich.

comanaich, *pr.pt.* a' comanachadh, *v.a.* Communicate, partake of the Lord's Supper.

comanaiche, -an, *s.m.* Communicant, one who partakes of the Eucharist.
†comar-mionla, *s.m.* Corn-camomile, see minlacha.
comann, -ainn, see comunn.
†comann-searraich, *s.m.* Pilewort (plant.)
comannd, -a, *s.m.* Gaelic spelling of *command.*
comanndair, -ean, *s. m.* Gaelic spelling of *commander.*
commanta,** *s.m.* Captaincy.
†comaoine, see comain & comanachadh.
†comaontoir, -ean, *s.m.* Benefactor.
†comar, -air, -an, *s.m.* Meeting. 2 Confluence of waters, place where two or more waters meet. 3**Help. 4**Nose. 5‡‡Way. 6‡‡Valley.
comarach,** *a.* Confluent. 2 Auxiliary, helpful.
comaradh, -aidh, *s. m.* Anything thrown on the shore. 2 Booty. 3 see comradh.
comarag,(AC) *s.f.* see comraich.
comaraich, *s.f.* see comraich.
comaraich, *pr. part.* a' comarachadh, *v. a.* Protect. 2‡‡ Help.
comarath, *v .n.* Strive.
comarc,** -airc, *s.m.* Part, share.
†comart, *s.m.* Death, killing.
†-———, *v.a.* Kill.
comas, -ais, *s.m.* Power, authority. 2 Ability. 3 License, liberty, permission. 4 Practicability. 5 Virility. 6 Datum. Gun c. ruith, *without power of running*; thoir c. dha, *give him liberty*; orra chomais, *an amulet to deprive a person of his virility.*
———, -ais, *s.m.* Pulse.
———ach, -aiche, *a.* Powerful, able, capable 2 Active. 3 Potential in *gram.* 4*In good worldly circumstances. 5**Effective. Daoine comasach, *effective men.*
———achd,** *s.f.ind.* see comas.
———aiche, *comp.* of comasach.
———dair, -ean, *s.m.* Commissary.
———daireachd, *s.f.* Commissariat, business of a commissary. 2 Commissaryship.
comasg, -aisg, see coimeasg.
———achd, see coimeasgachd.
†comasg-ghnùmh, *s.m.* Confused mass, chaos.
combach, -aich, *s.m. prov.* for companach. 2** Breach. 3**Defeat. Ceud c. do mhnà, *the first companion (husband) of thy wife.*
combaiche, *s.f.* Friendship, companionship.
combaiste, -an, *s.m.* Compass. 2 Circle.
———ach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, a compass.
combanach, see companach.
†combrùghadh, -aidh, *s.m.* Oppression. 2 Contrition.
com-chochlach, -aiche, *a.* Wrapping up the body.
comeirce, *s.f.* given in some Dicts. for coimeirce.
co meud ? see cia meud ?
comh-, *insep. particle.* "Comh-" should always be used before a hyphen, "coimh" only in composition, when first vowel of next syllable is a small one.
†comh, *v.a.* Preserve, keep.
comh-abairt, -ean, *s. f.* Conference, dialogue, conversation.
comhach, -aich, *s.m.* Prize. 2 Prey. 3 Predatory life. 4**Cense.
comhachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Dispute, fight. A' c—, *pr.pt.* of comhaich.
comhachag, -aig, -an, *s.f.* Barn-owl—*strix ulula.* Chualas a' ch. [á creig, *the owl was heard from a rock.*
———— -adharcaiche,¶ *s.f.* Long-eared owl, —*otus vulgaris.*
comhachag-bhàn,¶ *s. f.* Snowy owl—*surnia*

179. Comhachag.

180. C.-adharcaiche.

181. Comhachag-bhàn (1.) nyctea. 2 Barn-owl, see cailleach-oidhche.

182. C.-bheag.

183. C.-chluasach.

comhachag-bheag,¶ *s. f.* Little owl—*noctua passerina.*
comhachag-chluasach,¶ *s.f.* Short-eared owl —*otus brachyotus.*
comhachag-dhonn,¶ *s. f.* Tawny owl—*syrnium* or *ulula stridula.* (*illust. 184.*)
comhachag-gheal, see comhachag-bhàn.
comhachag-mhór,¶ *s.f.* Eagle-owl. see caillleach-oidhche-mhór.
comhachag-mhór,(2) *s. f.* see c— -bhàn.
comhachag-ruadh,¶ *s. f.* see c— -dhonn.
comhachag-shneachdaidh (AF) *s.f.* Snowy owl.
†comhachd, see cumhachd†.
———ach, see cumhachdach.
†comh-acmac, *s.m.* Circuit,

184. Comhaohag-dhonn.

†comh-acmach, see †comh-acmac.
comhad, -aid,-aidean, *s.m.* (comh + fada‡) Comparison, similitude. 2 Elegy. 3**Parable. 4**Two last quatrains of a verse. Gu.c., *arow.*
comhad,** *a.* Equal, even, lineal. 2 Like.
————achd,** *s.f.* Equality.
comhadh, see cumhadh
†comh-agal, -ail, see comh-agalladh.
————-ladh, -aidh, *s.m.* Conference. Ann an taigh comh-agallaidh, *in uncertainty.*
comhaib,* *s.f.* Contention about right.
————,* *v.n.* Contend about rights or time to do something.
comhaich,‡ *pr.pt.* a' comhachadh, *v.n.* Dispute, assert, contend. 2**Collect, gather. 3(DU) Defeat. Chaidh a chomhachadh, *he was defeated.*
————eadh,‡‡ -idh, -an, *s.m.* Competition. 2 Contradiction.
comhaideach,** see coimheadach.
————-d, see coimheadachd.
comhaidh,** *s.m.* Keeper. 2 Reward.
†comhaidhcheas, -eis, see comh-àiteachas.
comhaidich,** *v.n.* see comhaidrich.
comhaidrich,†† *pr.pt.* a' comhaidreachadh, *v.n.* Squire. 2 Convey. 3 Attend.
†comhaightheach, -aich, *a.* see coimheach.
comh-aigne, *s.f.* Similar turn of mind. 2 Similar passion or affection. 3 Fellow-feeling. Duine aig an robh c. ruinne, *a man who had like passions with ourselves.*
————ach, *a.* Having similar passions or affections.
†comhail, -ean, see còmhdhail.
†————, *v.a.* Discharge an office or duty.
†————t, *v.a.* Join.
comhailteach, *a.* Fulfilled, performed, completed.
————-d, *s.f.* Convoy, convoying.
†comhaim, *s.f.* Wife, spouse.
†comh-aimseardha, *a.* } see comh-aimsireil.
comh-aimsireach, }
————-,** -ich, *s.m.* Contemporary.
————d, *s.f. ind.* Concurrence of events happening at the same time.
comh-aimsireil, *a.* Contemporary, coeval.
comh-aimsirich,‡‡ *v.n.* Contemporize.
comh-ainm, -ean, *s. m.* Surname, additional name. 2**Namesake. 3††Anniversary. Is e seo c. là a bhreith, *this is his birthday,* (*lit.* the anniversary of his birth.)
comh-àir, *v.a.* Count, number.
còmhair,** -ean, *s.m.* Dry-stone builder.
†comhair, *s.m.* Certainty, sure sign.
corra-thulchainn,(AH) *s.f.* In roof of a house with sloping gable, the beam extending from middle of end wall to the apex of the nearest couple.
còrr-bheann, *a.* Long-sheeted.
còrr-bheinn, -e, *pl.* -bheanntan, *s.f.* Steep hill.
corr-chagailte, see corra-chagailte.
còrr-cheann, -chinn, *s.m.* Empty head.
————ach, -aiche, *a.* Empty-headed.
còrr-chlaonadh, -aidh, *s.m.* Bias, leaning.
corr-chopag, *s. f.* Water-plantain — *alisma plantago.*
————ach, *a.* Abounding in water-plantains.
corr-fhàd,(MMcD)*s.m.* First or outermost peat cut from a peat-bank.
corr-fhòd, -fhòid, *s.m.* The concluding or outermost furrow of a ridge or field.
corr-ghleus, see cor-ghleus.
————ach, -aiche, *a.* see cor-ghleusach.
————ach, -aich, *s. f.* see cor-ghleusach.

201. Corr-chopag.

corr-ghlùineach, -eiche, *a.* Long-kneed. 2 Having sharp-pointed knees.
corr-ghòbhlach, -aich, *s.m.* Earwig.
còrr-ghrian, see corra-ghritheach.
corrghuil, -e, *s.f.*Murmur, muttering, chirping.
còrrlach, -aich, *s.f.* Coarsely ground meal. 2 Overplus, remainder.
corr-léine, *s.f.* Shirt of armour.
corr-marguidh, see corra-margaidh.
corr-meille, see carra-meille.
corr-mheille, see carra-meille.
còrr-mheur, -mheòir, *s.m.* Odd finger. Cha chuir mi mo ch. air, *I will not touch it.*
†corr-mhiann, *s.f.* Conceit.
corr-mial,(AF) *s.* Gnat. 2 Hornet. 3 Horse-fly.
corr-phàirteach, *a.* Aliquant.
corr-riabhach, see corra-riabhach.
còrr-sgreuchag, -aig, see corra-sgreuchag.
còrr-sgriachag, see corra-sgreuchag.
corr-shùgan, see corra-shùgan.
còrr-shuidhe, *s.* Discumbency.
corr-thulchann, see under taigh.
†corrughadh, -aidh, see carachadh.
corruich, -e, *s.f.* Anger, wrath, ire. 2* Offence. Tha c. air, *he is offended*; na gabh c., *do not be offended*; 'na ch. ghéir, *in his fierce anger.*
————, *v.a.* see caraich.
†corruidhe, see corruighe.
†corruigh, *v.a.* Stir, move.
†corruighe, *s.f.* Trouble, disorder.
†corruigheach, *a.* Moving.
corruil, -e, see coiriall.
corr-urraidh, -ean, *s.m.* Surety.
còrsa, -n (& -chan), *s.m.* Coast, shore. 2**District. 3(MMcD) That part of a sail between the upper reef-points and yard. Air c. na Frainge, *on the coast of France*; air ar còrsaibh, *on our coasts.*
còrsachadh, -aidh, *s.m.* Coasting, cruising. A' c—, *pr.pt.* of còrsaich.
còrsachd,‡‡ *s.f.ind.* Sponginess.
còrsadh, see còrsa.
còrsaich, *v.a & n.* Coast, cruise.
còrsair, -ean, *s.m.* Coaster, cruiser. 2**Pirate, corsair.
————eachd, *s.f.ind.* Cruising, coasting. 2 Piracy.
cor-shiomain, -ain, *s.m.* Twist-handle, (*Scots*, thraw-crook) for making straw-ropes.
†cortas, -ais, *s.m.* Debt.
corthachd,** *s.f.ina.* Lassitude.
†corughadh, -aidh, *s.m.* Armament, armour
còr-urraidh, see corr-urraidh.
cos, coise, *dat.* cois, *pl.* cosan, *s.f.* see cas.
còs, -òis, -an, *s. m.* Hollow, crevice, recess. 2 Cavern, cave, hole. 3* Sponge—*Islay.* C. mo shuain, *the cavern of my rest*; a' leum o 'n còsaibh, *bounding from their holes.*
cosa, (*for* casa) *pl.* of cas.
còsach, -aiche, *a.*Cavernous, abounding in hollows, recesses, or crevices. 2 Snug. 3 Spongy, porous. 4** Bibulous.
cosach, -aiche, *a.* see casach.
còsachd, *s.f.* Sponginess, porousness.
cosag, -aig, -an, see casag.
còsag, -aig, -an, *s.f.* Small crevice, cavern, cave, or cell.
————ach, *a.* Full of holes or crevices. 2 Snug, warm, cosy, sheltered. 3 Spongy.
cosagach, see casagach.
cosa-gòbhlach, see casa-gòbhlach.
còsaiche, *s.f.ind.* see còsaichead.
————ad, -eid, *s.m.* Hollowness. 2 Degree of sponginess.
cosail, -e, *a.* see cosmhail.
†cosain,** *v.a.* Defend, keep off. 2 Preserve. 3 Avouch, maintain.
cosaint,** *s.f.* Reply. 2 Defence. 3 Averment
cosair,** *s.m.* Feast. 2 Bed.
cosalachd, see cosmhalachd.
†cosam, *v.a.* Defend, keep off, preserve.
cosamal, see cosmal.
cò 'sam bith, *comp. rel.* Whoever, whosoever.
cosamhlachadh, -aidh, *s.m.* Allusion, act of alluding, comparing, likening. A' c—, *pr.pt.* of cosamhlaich.
cosamhlachd, see cosmhalachd.
cosamhlaich, see comh-shamhlaich.
————te, *a. & past pt.* of cosamhlaich, see comh-shamhlaichte.
còsan, -ain, -an, *s.m.* Little hollow or crevice. 2**Cell. 3 *n.pl.* of còs.
————ach, -aiche, *a.* Full of little hollows.
cosan,** -ain, *s.m.* Footpath.
————, *n. pl.* of cos, (*for* cas.)
cosanta, *a.* Industrious, diligent. 2**Defended. 3**Perplexed, entangled. 4(AH) Sturdy, vigorous, weatherproof, sound of wind and limb.
cosantach, -aiche, *a.* see cosanta.
————,** -aich, *s.m.* Defender, in a process.
cosar,** -air, *s.m.* Coat, mantle.
cosarach,** *s.pl.* Fetters.
†cosbair, -e, -ean, see cuspair.
cosbheairt, see caisbheart.
coscach,(MMcL) *a.* Spongy.
cos-cheum, -a, -an, see cas-cheum.

cosd, *pr. pt.* a' cosd, *v.n. & a.* Spend, waste, cost, squander. 2 Wear, tear. Có 'tha 'cosd air seo ! *who is paying for this ?* (not *squander*)—*i.e.* leave my affairs alone ; na c. t' airgiod, *do not squander your money.*

cosd, *s.m.* Cost, expense, expenditure, extravagance. A' c—, *pr. pt.* of cosd.

cosdail, -e, *a.* Expensive, extravagant, prodigal, profuse. 2 Dear, costly.

cosdalachd, *s.f.ind.* Expensiveness, costliness. 2** Preciousness, valuableness.

cosdas, -ais, *s.m.* Expense, price, cost, expenditure. 2 Extravagance. Is ionann c. gun chosnadh agus anshocair gun leigheas, *aye spending and never earning is like an incurable disease* ; fear cosdais, *an extravagant man.*

cosdasach, -aiche, *a.* Expensive, costly. 2** Extravagant. 3 Precious, valuable.

————d, same meanings as cosdalachd.

cos-diollaide, *s.m.* Saddle-pillar of a cycle.

†cosd-thaigh, -e, -ean, *s.m.* Inn.

cos-dubh, see cas-dubh.

cosg, *pr.pt.* a' cosg, see cosd.

cosg, *s.m. & pr.pt.* of coisg, see caisg.

cosgach,** *a.* Assuasive. 2 Expensive, wasteful.

cosgadair, -ean, *s.m.* Assuager, mollifier.

cosgadh, -aidh, *s.m.* Quenching, stopping, curbing, staunching, appeasing, restraining. 2 Act of quenching, staunching, ceasing, &c. A c—, *pr.pt.* of coisg. An fhuil a' ruith gun luibh 'ga cosgadh, *the blood flowing and no herb to stop it.*

cosgail, -e (& -ala), *a.* see cosdail.

cosgair, *s.m.* Queller, pacifier.

cosgair, *v.* see casgair.

cosgairt, see casgairt.

cosgar, -air, *s.m.* see casgairt. 2**Triumph, rejoicing.

————ach, -aiche, *a.* see casgrach. 2**Triumphant.

cosgarachd, see casgrachd.

cosgaradh, -aidh, *s.m.* see casgradh.

cosgaraiche,** see casgraiche.

cosgarra, see casgrach.

cosgarrach, *s.* see casgarrach.

————-—, *a.* see casgrach.

cosgas, see cosdas.

cosg-leigheas,** *s.* Antidote.

cosgrach, see casgrach.

cosgradh, see casgradh.

cosgraiche, -an, see casgraiche.

cosguirt, see casgairt.

cosguis, -e, *s.f.* Periodical allowance to servants sent to their houses. 2(MMcL) Expenditure—*Lewis.*

cosgus, -uis, see cosdas. (cosgas—*Uist.*)

còslach, (CR) *a.* Spongy, as bread, peats, or any dry thing.—*W. of Ross-shire.*

coslach, -aiche, see coltach.

coslachd, see cosmhalachd.

coslas, -ais, see coltas. Is fhearr e na a ch., *he is better than his appearance.*

cos-leathann, see cas-leathann.

cos-lom, see cas-lom.

cos-lomnochd, see cas-lom.

cos-luath, see cas-luath.

cosmail, †† -e, *s.f.* Rubbish, refuse of meal, straw, &c.

————each, †† *a.* Worthless.

cosmal,* -ail, *s.m.* Rubbish. *also* cosmail.

cosmhail, -e, *a.* Like, similar, resembling.

cosmhal, see cosmhail.

————achd, *s.f.ind.* Likeness, resemblance. 2 Probability. 3 Comparison. 4 Parable. 5 Appearance. 6 Agreeableness. C. 'nur n-aghaidh, *a proverb against you.*

cosmhalas, -ais, see cosmhalachd.

cosmhuil, see cosmhail.

————achd, see cosmhalachd.

————eadh, -idh, -idhean, see cosamhlachadh.

cosmuil, -o, *s.f.* see cosmal.

cosmul, -uil, see cosmal.

cos-nàbuidh, see cas-nàbuidh.

cosnach, -aich, *s.m.* Labourer, workman, day-labourer. 2 Defendant. 3(CR) Wage-earner, provider (for his own family.) Comharradh an deagh chosnaich, cadal fada ri gaoith mhóir agus a' chlann a chumail a mach o 'n teine, *the mark of the good servant, to sleep long when the wind is high and to keep the children from the fire*—the good servant has everything safely secured before night comes, and thus, having an easy mind, he sleeps soundly, even through a storm, also, he keeps the house well supplied with fuel, so that the fires are big, and the children forced to keep at a safe distance.

cosnachail, ‡‡ -aile, *a.* Peasant.

cosnadh, -aidh, *s.m.* Gaining, earning, act of gaining, getting or winning. 2 State of servitude, occupation and state of a menial. 3 Service, employment, work. 4* Accomplishment. 5**Defence. 6**Preservation. A' c—, *pr. pt.* of coisinn. [see note under coisinn.] Dubh-chosnadh, *outdoor or field-labour, as planting potatoes, spreading peats, &c. ; 2 (WC) working very hard;* is bochd am pòsadh nach fearr na'n dubh-chosnadh, *it is a poor marriage that is not better than field-work*—seldom desirable for women.

cosnaiche, *s.m.* see cosnach.

†cosnamh, -aimh, see cosnadh.

cos-nochdte, *a.* see cas-rùisgte.

cosoil, -e, *a.* see cosmhail.

cosrach, -aich, *s.m.* Slaughter, havoc. 2 Fetters. A deanamh cosraich, *slaughtering.*

cos-rùisgte, see cas-rùisgte.

cos-shlighe, -an, see cas-shlighe.

còs-shruth, -a, -an, *s.m.* Stream running partly underground, or forming hollows in its course.

cos-stòl, -òil, see cas-stòl.

cost, -a, *s.m.* see cosd. 2‡‡ see cosguis.

cost, *v.a. & n.* see cosd.

costach, *a.* see cosdail.

costadhach, see còmhstadhach.

costag, § -aig, *s.f.* Chervil—*anthriscus cerifolium, a. vulgaris,* and *a. temulentum.*

costag a' bhaile gheamhraidh, see costag.

costag-fhladhain, *s.f.* Wild chervil — *chœrophyllum sylvestre.*

costail, -e, *a.* see cosdail.

costalachd, *s.f.* see cosdalachd.

costas, -ais, see cosdas.

co'stri, see comh-stri.

co'strigh, see comh-strì.

co strigheach, -eiche, *a.* see comh-stritheach.

costus, -uis, see cosdas.

costusach, -aiche, *a.* see cosdail.

cos-uisge, *s.f.* Sweet cicely, *202.Costag-fhiadhain* great chervil—*myrrhis odorata.* (illust. 202.)

cosumail, -e, *s.f.* see cosmal.

†cot, -a, -an, *s.m.* Small boat. 2 Part, share, portion.

cot, -a, -achan, *s.m.* Gaelic form of *cottage.*

còta, -aichean, *s.m.* Petticoat. 2 Coat. 3**Covering. 4‡ Alpine lady's mantle (plaut), see

trusgan.
còta-bàn, *s.m.* Flannel petticoat. 2 Groat (*4d.* piece.) 3 Fourpence-land. Leirtheas, *two fourpenny-lands*; ochdamh, *four fourpenny-lands*; ceathramh, *eight fourpenny-lands.*
còta-bior,(DC) *s.m.* Flannel or plaiding petticoat—*Argyll.*
còta biorach dubh, *s. m.* Black tailed coat, "morning coat,"
còta-bhioran,†† -ain, *s.m.* Knitted petticoat.
còta-cathdath, *s.m.* Tartan coat.
còtach,†† *a.* Of, or pertaining to, a coat or petticoat. 2 Coat-wearing.
còta-craicinn, *s.m.* Coat of skins.
còta "croisidh,"(MMcL) *s.m.* Crotchet petticoat.
còta-fada,(AH) *s.m.* Frock-coat.
còta-gearr,(AC) *s.m.* Short coat or doublet like an "Eton" jacket with short cut-away tail. It was made of tartan or scarlet cloth, which was called cath-dath (war colour) or cathdath rioghail (royal war colour.)
còta-glas, *s.m.* Grey coat. Cha tig an c. glas cho math do na h-uile fear, *the grey coat becomes not every man alike.* Mackintosh says, "King James the V's wearing a grey coat when in disguise might probably give rise to this saying.
còta-goirid,** *s.m.* Jacket.
còtaich, *v.a.* Provide with a coat. 2 Cover, envelop.
còtaichean, *pl.* of còta.
†còtaig, *s.f.* Harmony. 2**Good understanding.
còta-mòr, *pl.* còtaichean-móra, *s.m.* Surtout, top-coat, greatcoat.
cotan, -ain, *s.m.* Cotton. 2(MMcL) Small fold for a calf.
còtan, -ain, *s.m.* Little petticoat. 2 Little coat. 3**Little pile. 4**Part, portion.
còtanach,†† *a.* Of, or pertaining to, little-coats.
cotanach,‡‡ -aiche, *a.* Cottony.
còta preasach nighinn an righ, *s. f.* Lady's mantle—*alchemilla vulgaris.* see copan-an-driùchd.
còta-uisge,(AH) *s.m.* Waterproof coat.
†coth, *s.m.* Meat, victuals.
†coth,(AF) *s.m.* Cat.
còthach,(CR) *a.* Spongy, as a decaying turnip, or any wet thing—*W. of Ross-shire.*
cothachadh, -aidh, *s.m.* Earning, support. 2 Dispute, contention. 3 Competition. 4 Obstinacy, pertinacity. 5 see cathachadh. 6 (AH Banter, badinage, sally, repartee, A' c—, *pr.pt.* of cothaich. Is àrd t' iarrtas os cionn na tha 'nam chomas a chothachadh, *your desire is beyond what I am able to satisfy;* ainmich na duilgheasan, leig leam an c., *name the difficulties, let me overcome them;* a' c. riut, *struggling against you.*
cothadh, -aidh, *s. m.* Support, protection. 2 Preservation.

203. Cos-uisge.

204. Cotharach.

co'thaghadh, -aidh, *s.m.* Syntax, proper choice and construction of words.
cothaich, *v.a.* Gain, get, earn, win. 2 Contend, strive. 3 Try, tempt. 4**Debate. 5**Struggle, fight.
cothaiche, -an, *s.m.* Earner. 2 Disputant, contender.
cothaidh,(CR) *a.* Soft, spongy—*Glenmoriston.*
cothan, -ain, *s.m.* Cough. 2 Anhelation. 3 Asthma. 4 Froth. 5 (AH) Decayed, corroded timber. 6‡ Pulp. 7 (DC) Shrine, reliquary box—*Argyll.*
cothanach, -aiche, *a.* Frothy. 2 Asthmatic. 3 (AH) Corroded, decayed.
————d, *s.f.* Frothiness, anhelation.
cothannach, *s.f.* Froth, spray, foam.
cothar, -air, -airean, *s.f.* Coffer.
cothar, -air, *s.m.* see cobhar.
cotharach, -aich, *s.f.* Water scorpion-grass,forget-me-not—*myosotis palustris.*
co'thional, -ail, *s.m.* see comh-thional.
cothlaim, *pr. pt.* a' cothlamadh, *v.a.* Mix together.
cothlamadh, -aidh, *s.m.* Things of different kinds or colours mixed together. 2 Act of mixing together different sorts of wool as black and white. 3 Wool-mixture. A' c—, *pr.pt.* of cothlaim.
†cothlon, -oin, *s.m.* Victuals for a journey.
cothrom, *a.* see cothromach.
cothrom,-uim,-an, *s.m.* Equipoise, equilibrium. 2 Weight, any certain weight. 3 Justice, equal terms, as of combat, fair-play. 4 Comfort. 5 Opportunity. 6 Ability, power. 7 Advantage. 8**Support. 9**Mercy. Ar n-airgiod 'na làn chothrom, *our money in full weight*; far am bi càil bidh c., *where there's a will there's a way*; c. na Féinne, *the Fingalian fair-play*; —i.e. one to one, gaisgeach air gaisgeach agus laoch ri laoch—N.G.P.; a' dol a dh'ionnsuidh a' chothroim, *going to seek justice*;an ceud ch. a gheibh mi, *the first opportunity I get*; tha e an c. math, *he is in comfortable circumstances.*; *2 in good health*—(*Lewis*); fhuair e a h-uile c. d' a mhac, *he got the best education for his son*; cum c. rium, *support me*; c. agus ceart, *justice and equity.*
cothromach, -aiche, *a.* Just, equitable. 2 Upright, honest. 3 Comfortable, in easy circumstances. 4 Weighty. 5*Parallel, equal, even with, level. 6 Of the same size. 7**Firm, firmly situated. 8‡‡ Easily accomplished. 9 Righteous. Athair ch., *O righteous father!* Duine c., *a man in easy circumstances*; *2 influential person*; *3 religious person*; meidhean c., *just weights*; cha'n 'eil an slighe c., *their way is not equal*; calpa cruinn c., *brawns, well rounded and firm.*
————adh, -aidh, *s. m.* Weighing, act of weighing. 2 Poising, balancing. 3 Pondering. 4 Settling, placing on a firm foundation. A' c—, *pr.pt.* of cothromaich. A' c. nam bròg, *paring the shoes.*
cothromachd,‡‡ *s. f. ind.* Appropriateness. 2 Equality.
cothromaich, *pr. pt.* a' cothromachadh, *v. a.* Weigh. 2 Poise. 3 Ponder, consider. 4 Establish, settle. 5* Make even with. 6*Make of the same size. C. na sgleatan, *make the slates of one size.*
cothromaiche, -an, *s. m.* Weight. 2 Balance. 3 Weigher.
cothromaicte, *past pt.* of cothromaich. Weighed. 2 Poised. 3 Measured. An talamh c., *the poised earth.*
còt'-iochdair, còtaichean-, *s.m.* Undercoat. 2 Under-petticoat.
còt'-uachdair, *pl.* còtaichean-, *s. m.* Upper or

outer coat, overcoat.
†cotun, -uin, *s.m.* Coat, coat of mail.
crà (AC) *s.* Blood; *hence* 2 Red.
crà,(CR)*s.m.* Cruive for catching salmon—*W. of Ross-shire.*
cràbhach, -aiche, *a.* Devout, religious, pious, austere, hypocritical.
cràbhach, -aich, *s.m.* see cràbhaiche.
cràbhachd, *s.f.* see cràbhadh.
crabhadair,* *s.m.* Monk. 2 Austere religious devotee, puritan.
cràbhadh, -aidh, *s.m.* Religion. 2 Devotion. 3** Hypocrisy.
cràbhaiche, -an, *s.m.* Devout man, devotee. 2 Worshipper. 3 Hypocrite.
cràbhaichean, *s.pl.* see crabharsaich.
cràbhaidh, -e, *a.* see cràbhach.
cràbhair, see cràbhadair.
crabharsaich,*s.pl.* The smaller articles of household furniture. 2 Small wares.
cràbhat, -an, *s.f.* Gaelic spelling of *cravat.*
cràcach, -aiche, see cròcach. 2(DU) Tousled, curly.
crac, *v.* & *s.* see cnac.
cracail, -e, *s.f.* see cnacail.
cracaire, -an, *s.m.* see cnacair.
———achd, see cnacaireachd.
cracairiche, *s.m.* see cnacair.
cracair-neòil,** *for* cnacair-neoil, *s.m.* Balloon, (in *fireworks.*)
cracan, -ain, *s. m.* Hill-side. 2 Vexation. 3 see cnacail.
cracas,‡ -ais, *s.f.* see cnacaireachd.
crachann, -ainn, *s.m.* see creachann.
crachd, see cnac.
crachdadh, see cnacadh.
cracl dail, see cnacail.
crac-dhamh, (AF) *s.m.* Stag.
crà-chluasach, *a.* (AC) *a.* Red-eared.
crà-chù, (AC) *s.m.* (*lit.* red dog) Fox.
cràdh, *v.a.* see cràidh.
cràdh, -aidh, *s. m.* Pain, anguish, torment, pang. Cùis mo chràidh. *the cause of my anguish* : móran cràidh, *much pain* ; c. cridhe, *mental anguish.*
cràdhadh, -aidh, *s.m.* Act of tormenting, vexing, harassing. 2**Vexation. A' c—, *pr.pt.* of cràidh.
cràdhaich, see cràidh.
———te, see cràidhte.
cràdhair,** *s.m.* Afflicter.
cràdhar, *fut. pass.* of craidh.
crà-dhearg, -dheirge, *a.* Red-footed. 2 Blood-red
cràdh-gheadh,¶ -gheoidh, *s. f* Common sheldrake—*tadorna bellonii.*

205. Crad[illegible]adh.

cràdh-lot, -an, *s.m.* Painful wound. 2 Mental anguish, torment, agony. Cùis mo ch., *the cause of my distress.*
cràdh-lot, *v.a.* Inflict a grievous wound.
———ach, -aiche, *a.* Of, or connected with, a painful wound.
cràdh-shlat,* *s.f.* Sort of pillory or tread-mill, used by the Gael of old. 2 see crádh-lot. A mo ch., ! *alas, my torment !*
crà-dhubh, (AC) *a.* & *s.m.* Dark red.
crà-fhaoileag,(AC) *s.f.* Red gull. 2 (AF)Black-headed sea-gull.
crag, -aige, -an, see creag.
crag, *v.a.* Knock, see cnac.
——, *gen. pl.* of craig.
cràg, -àige, -an, *s.f.* see cròg.
——ach, -aiche, *a.* see cròcach.
cragach, -aiche, *a.* see creagach.
cragadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Collision, knocking, see cnagadh.
†cràgair, *vr.pt.* a' cràgairt, *v.a.* Handle awkwardly or inelegantly.
cràgair, -ean, *s.m.* Pawer. 2 (MMcL) Person with large clumsy hands.
———eachd, *s f.ind.* Act of pawing. 2 Act of handling awkwardly.
cràgairt, *s.f.* Handling awkwardly or indelicately. A' c—, *vr.pt.* of cràgair.
cràgan, *n.pl.* of cràg.
cragan, -ain, -an, see creagan. 2 *n. pl.* of crag. 3‡‡ Little pipkin (earthen vessel.)
———ach, -aiche, *a.* see creaganach.
cràganach, -aich, *s. m.* In-footed or in-toed person. 2**Splay-footed person.
cragan-feannaig,(AF) *s.m.* Sea-urchin. 2 Large periwinkle.
cragan-tràghad,(MMcD) *s.m.* Sea-urchin.
cràg-chasach, *a.* In-footed. 2 Splay-footed.
crà-gheadh, see cràdh-gheadh.
crà-gheal,(AC) *a.* & *s.m.* Light red.
cragmhor, -oirc, *a.* see creaganach.
cràgnadh, -aidh, see cràgairt.
cràic, -e, -ean, *s.f.* see cròic. 2(DU)Tousled, matted head of hair.
cràiceadh, -idh, *s.m.* see cròiceadh.
craiceann, -inn [& -cne], -cnean, *s.m.* Skin. C. caorach, *a sheep-skin;* c. coin, *dog-skin;* c. cait, *cat-skin;* c. bràthan, see under brà.
———aiche, *s.m.* Skinner.
craiceann-fionnaidh,* *s.m.* Fur.
craicionn, see craiceann.
craicionn-fionnaidh, see craiceann-fionnaidh.
craicne, *gen.sing.* of craiceann.
———ach, -eiche, *a.* Of, or belonging to skins.
craicnibh, *dat.pl.* of craiceann.
cràiteach, see cràidhteach.
cràidh, *pr.pt.* a' cràdh, *v.a.* Torment, pain, gall, harass, vex. Rè a làithean uile cràidhear an t-aingidh, *the wicked travaileth with pain (shall be tortured) all his days.*
cràidh, *gen. sing.* of cradh.
craidheal, see creadhal.
craidhleag, -eig, -an, *s.f.* Basket, creel, egg-shaped receptacle for balls of worsted. 2†† Skull.
craidhneach, -ich, -ichean, *s.f.* Skull. 2 Skeleton. 3 Collection of bones. 4 Meagre-looking person, lean, gaunt figure. 5 (MMcL) Anything about to fall to pieces.
craidhneadh, -idh, *s. m.* Drying, decaying. 2 lessening, wearing out.
craidhneag, -eig, -an, *s. f.* Fragment of dried peat. *prov.*
———ach, -aiche, *a.* Full of peat fragments.
craidseach,(DC) *s.m.* Clumsy person, ungainly lout—*Perthshire.*
cràidseag,(DC) *s.f.* Clumsy woman—*Perthshire.*
craigear, -eir, *s.m.* Cricket (game.)
craidhnich, *pr.pt.* a' craidhneachadh, *v.a.* & *n.* Make lean. 2 Grow lean. 3 Tire.
cràidhte, *past pt.* of cràidh. Tormented, pain-

ed, afflicted, galled. 2 Shrunk.
cràidhteach, -eiche, *a.* Tortured, miserable. 2 Afflicting, grievous, painful. 3 Causing affliction, grief, or pain.
———ach,* *v.n.* Ache.
———achd, *s.f.ind.* Vexation, misery, grief. 2 Affliction. 3 Pain.
craig, see creag.
cràlgeach,(AF) *s.m.* Black guillemot. 2 Splay-footed person.
cralgeach, -eiche, *a.* see creagach.
cràigean, *s.m.* Splay-footed person. 2 Frog. 3 (AF) Toad. 4 (AF) Sea-serpent.
———achd, *s.f.* Splay-footedness, gait of a splay-footed person.
craigheach, see cràganach & cràigean.
craighte, *s f.* see croit.
———ar, *s.m.* see croitear.
cràlleag, ‡‡ **-eig, -ean,** *s.f.* see craidhleag.
craimb-iasg,** **-éisg,** *s.m.* Cramp-fish, torpedo.
craimcean,(CR) *s.m.* Little stout man—*Suth'd.*
c. aimh-chadal, see cràmh-chadal.
craimheach, -ich, *s.m.* see cnàimheach.
craimhinn, -ean, *s.m.* Cancer.
craimhseag, see cnaimhseag.
craimneach, -eiche, *a.* Scarred. 2 Rough surfaced. 3 Botched.
craimpiasg,** see craimb-iasg.
craimscean, *for* craimcean.
cràin, -e, -tean, *s.f.* Sow. 2(AF) Litter of pigs. 3(AF)Female of any animal.
craindidh,* *a.* Cross-grained.
cràineag, *s.f.* see gràineag. 2 Urchin.
crainn, *gen.sing. & n.pl.* of crann.
crainn,* *s.f.* The queen of the hive. 2 Ugly old woman—*Islay.* 3 see cràin.
crainngidh, see crainntidh.
crainn-ghridh, -e, *s.f.* Mast-rigging.
crainnseag, -eig, -an, see cnaimhseag.
crainn-seile,** *s.f.* Tough phlegm
crainnteachd, see crainntidheachd.
crainntidh, -e, *a.* Parching,withering,pinching, shrivelling. 2 Piercing. 3 Quick-tempered. 4(WC) Sour-tempered. Tha e 'na dhuine c., *he is a sour-tempered fellow.*
crainntidheachd, *s.f.ind.* Drought. 2 Effect of cold winds.
crainnt-sheile, *s.m.* Tough phlegm.
cràinteach,†† *a.* Of, or pertaining to, sows or pigs.
crait, *s.f., W. of Ross* for croit.
cràite, *a.* see cràidhte.
———ach, see cràidhteach.
———achd, *s.f.* see cràidhteachd.
cràiteag, -eig, -an, *s.f.* Niggardly woman.
cràitheach, -ich, *s.m.* One disabled by wounds or sores.
craithleag, see craidhleag.
craitneag,(AF) Bat (bird.)
cràlad, -aid, *s.m.* Woe, torment. [cràdh-lot]
cràlaidh,* *s.m.* Crawl, crawling, [*from* Eng. crawl.]
crà-leaba, *s.f.* Bier, hearse.
cràlo', see cràdh-lot.
cramag, (AF) *s.f.* Snail.
cramaist,(CR) *s.f.* Crease in cloth caused by folding—*Skye.*
cramasgadh, (CR) *s. m.* Creasing. Air a chramasgadh, *creased—Skye.*
cramb, *or pt.* a' crambadh, *v.a.* Squeeze, press.
cramb, -aimb, *s.f.* Cramp-iron,holdfast, clincher. 2 Knot. 3 Quarrel.
———ach, -aiche, *a.* Griping, clenching. 2 Quarrelsome. 3††Pertaining to clamp-irons.
———adh, -aidh, *s.m.* Quarrel. 2 Holding fast, fixing, clinching. 3 Stiffness of the joints. 4** Knotting.
crambaid, -e, -ean, *s.f.* Metal on the end of a sword-sheath or -stick, ferrule. 2 Cramp. 3 Objection. 4** Buckle, hasp. 5 Hook or catch, by which anything like a buckle is held in place. Gun chrios gun ch., *without belt or buckle.*
cràmh, *v.a.* see cnàmh.
cràmhag, -aige, -an, *s.f.* see cnàmhag. 2‡‡ Dead embers.
cràmhan, -ain, -an, see cnàmhan.
cramhan,** *s.m.* Rebuke, scold. 2††Continued grumbling.
cramharlach, -aich, see cnàmharlach.
cràmh-chadal, (CR) *s.* Slumber, dose—*West of Ross.*
cràmhor, -oire, *a.* see cnàimheach.
†crampa,‡‡ *s.m.* Knot.
crampadh, -aidh, -aidhean, see crambadh.
crampag, -aig, -an, *s.f.* Noose.
crampaid, -e, -ean, see crambaid.
cranachan, see crannachan.
cranag, see crannag.
†cranaiche, *s.m.* Decrepit old man.
crangaid, *s.f.* Crank.



206. Crann Gdidhealach.

crann, [-ainn &] -oinn *s. m.* Plough. 2 Bar, bolt. 3 Tree. 4 Beam. 5 Mast. 6 Shaft. 7 Lot. 8 Measure for fresh herrings (cran.) 9* Chance, risk, ballot. 10* Partiality, side, interest. 11‡‡ Membrum virile. 12 Saltire *in heraldry*—St. Andrew's Cross—the National Badge of Scotland. 13 see crann-arain—*Astron.* Cuir na h-eich 'sa chrann, *yoke the horses in the plough*; cuir an c. air an dorus, *bar or bolt the door*; c. na luinge, *the ship's mast*; thàinig an c. air, *he was chosen by ballot:* cha'n 'eil cuid no c. agad 'sa ghnothach seo,

207. Crann.

you have neither lot nor part in this affair; .ha Dia Iehobhah air mo ch., *the Lord Jehovah is on my side*; cò a bhitheas air do ch. ? *who shall be your friend !* ; ma bhitheas tusa air mo chrann, *if you befriend me*; gabh cuid do chroinn, *take your chance* ; ma 'se sin do ch.,*if that be your lot*: ris a' ch..*at the plough*, *ploughing*; Lebanon nan c., *woody L.*; an c. meadhonach, *the middle bar*; còig croinn, *five bars*; tilg croinn, *cast lots*.

PARTS OF A PLOUGH :—

[A more detailed list will be found under "crann-nan-gad."]

1 Ceann, *head—to which the* soc *is fixed*.
2 U'aidne, *pl.*-an, Corrag-a'-chrainn, *handle*, *stilt*. (AH) Spàg. *pl.* -an, *stilt* ; corrag, *handle*.
3 Urchaill, *furrow-board*,*mould-board*.—(AH) Sgiath.
4 Druide-bòrd, *earth-board*.
5 Earrghas, *mainpiece*.
6 Ceidhe, ceighe, ceadha, ceann-snìc, *share-beam part to which the share is fixed*.—(AH) Druim.
7 Amhach,(AH) Part extending from upper corner of furrow-board to the muzzle-holder.

crann, *pr.pt* a' crannadh, *v.a.* Bar, bolt, barricade, as a door. 2 Wind about a beam, as a web. 3* Shrivel, decay. wear off. 4**Plough. 5††Fit with masts. A' crannadh, *shrivelling*, *dying by inches* : c. an dorus, *bolt the door*.

cranna-eas, *s.pl.* Weaver's treadles.

crannach, -aiche, *a.* Full of trees or masts.

———, -aich, *s.f.* Plough-gear. 2 Dwarfish decrepit person. 3(DC) Rogue—*Argyll*.

crannachan, -ain, -an, *s.m.* Crane, for raising weights. 2 Kind of churn, called also "bite" in *Lewis*. 3 (AF) Beaten milk, a Hallowe'en treat, into which a ring &c. is put.

crannachu, see crann-chu.

crannadh, -aidh, *s.m.* Shrivelling, decaying. 2‖ Withering. 3 Choosing by lots. 4 Winding warp about the beam of a loom. A' c—, *pr.pt.* of crann. A' c. aodaich, *winding cloth about the beam*.

crannadhail,(AC) *s.f* Framework of a coracle. 2 Any skeleton-like, odd contrivance.

crannadh-aodaich, *s.m.* Act of winding the warp about the beam of a loom.

crannag, -aig,-an, *s.f.* Pulpit. 2 Round top of a mast. 3 Cross-trees of a ship. 4 Hamper. 5 Fillet used of old in dressing a woman's hair, snood. 6* Churn. 7 Bar, in *law*. 8‡‡ Mill-clapper. 9‡‡Hollow of a shield. 10‡‡ Kind of wicker or wooden frame suspended over the fire, on which fir-roots used for candles are set to dry. 11(AH) Fortified island in a lake, partly natural and partly artificial. [An ancient artificial islet on Loch Tollie, Poolewe, is called *A' Chrannag*.] 12 Applied to many kinds of wooden structures in Gaeldom. 13 Boat. C. air a stiùradh leis a' ghaoith, *a boat steered by the wind*.

crannaich, *pr.pt.* a' crannachadh, *v.a.* Fit with masts. 2 Bolt, bar.

crannaiche,‡‡ *s.m.* Decrepit old man.

crannaichte, *past pt.* of crannaich. Fitted with masts. 2 Bolted, barred.

crann-aimhreidh, *s. m.* Spindle for twining thread (fearsaid)—*Livingstone's Poems*.

crannair, *s.m.* Plougher.

crann-àirneag,** *s.m.* Sloe-tree.

crann-aisil, *s.m.* Axle-tree.

crannalach, -aiche, -aichean, *s.m.* Carpenter. 2 Wreck, ruins of anything. Chaidh i 'na c., *she went to pieces* (*as a ship*.)

crann-aodaich, *s. m.* Cloth-beam of loom, see under beart-fhigheadaireachd.

crann-àraidh, *s.m.* Plough.

crann-arain, *pl.* croinn-, *s.m.* Plough. ? Baker's bread shovel, thin piece of wood for turning bread on a gridiron. 3 "The Plough" Charles' wain, or the Baker's bread-shovel, —the seven stars in the constellation of the Great Bear.

crann-arbhair, croinn-, *s.m.* Plough, see crann-arain.

crann-àrcain, *s.m.* Cork-tree—*quercus suber*.

crann-àrd, *s.m.* Top-mast.

crann-aruir, see crann-arain.

crannas, -ais, *s.m.* see crannadh.

crann-athair,* *s.m.* *Mull* for crann-arain.

crann beag Gàidhealach, see crann-nan-gad.

crann-beith,** *s.m.* Birch-tree.

crann-bhràid, -ean, *s.m.* Hames.

crann-bocsa, *s.m.* Box-tree.

crann-calltuinn, *s.m.* Hazel-tree.

crann-canaich, *s.m.* Cotton-tree.

crann-caorainn,*s.m.*Wild ash-tree, service-tree.

crann-ceusaidh, croinn-ch—, *s. m.* Gibbet for crucifixion, cross. 2**Crucifix.

crann-ceusda, croinn-ch—, see crann-ceusaidh.

crannchan, -ain, *s.m.* Old crooked stick—*Mac-Fadyen*.

crannchar, -air, -airean, *s.f.* see crannchur.

crann-chu,(AF) -choin, *s.m.* Lap-dog.

crannchuir, *v.a.* Cast lots (*better* tilg croinn.) 2**Ballot.

crannchur, -uir, -an, *s.m.* Casting of lots. 2 Lot, portion, share. 3 Fortune, whether good or evil. 4* Fate, destiny, predestination. 5**Ballot. Bocsa crannchuir, *ballot-box*; paipear crannchuir, *ballot-paper;* Ma 's e sin mo ch., *if that be my fate* ; cuir c., *refer to the ballot* ; gach tuiteamas thig 'na ch., *every occurrence that may fall to his lot*.

crann-coirneil, *s.m.* Cornel-tree,

crann-cosgair, *s.m.* Laurel.

crann-cothromachaidh, *s.m.* see crann-cothromaiche.

crann-cothromaiche, croinn-ch—, *s. m.* Balance-beam.

crann-crithinn,** *s.m.* Aspen-tree. 2 Poplar.

crann-cuilce, croinn-chuilce, *s.m.* Cane.

crann-cuilinn,** *s.m.* Holly-tree, see cuilionn.

crann-cuinnse,** *s.m.* Quince-tree.

crannda, *a.* Decrepit, frail.

———idh, *a.* Excessively cold and withering, as weather in the spring. 2††Frail. 3††Dry, withered.

———idheachd, *s.f.* Cold, withering weather. 2 The withering blast.

crann-dall, croinn-dalla, *s.m.* Bowsprit of a ship.

crann-daraich, *s.m.* Oak-tree.

crann-dealbha, see crann-deilbhe.

crann-deilbhe, croinn-dealbhaidh, *s.m.* Warping frame.

crann-deiridh, croinn-deiridh, *s. m.* Mizzen-mast.

crann-dlù, *s.m.* Warp-beam—*Argyll mainland*

†crann-dòrdain, *s.m.* Sort of music produced by applying the hand to the mouth.

crann-dorais, croinn-, *s.m.* Door-bolt.

crann-dromain,** *s.m.* Bore-tree, elder-tree.

crann-druididh, croinn-d—, *s.m.* Bar, bolt.

crann-dubhan,(AF) *s.m.* Black-headed gull.

crann-dùrdain,** see crann-dòrdain.

crann-eboin,** *s.m.* Ebony-tree.

crann-faidhbhile,§ *s.m.* see craobh-fhaidhbhile

crann-fàisneachd,‡‡ *s.f.* Sorcery.

crann-fèarna, *s.m.* Alder-tree.

crann-fhaoileag,¶ *s. m.* Little gull—*larus mi*

nutus.

208. Crann-fige.

crann-fige, *s.f.* Fig-tree—*ficus carica.*
crann-figis, see crann-fige.
crann-fiodha,(AH) *s.m.* Wooden plough.
crann-fiona, croinn-fhiona, *s.f.* Vine—*vitis vinifera.*
crann-forca, croinn-fhorca, *s.m.* Prong, fork.
crann-fuine,croinn-fh-,*s m.* Baker's rolling-pin.
crann-gafainn,** *s.m.* Henbane.
crann-gaiha, croinn-gh-, *s.m.* Spear-shaft.
crann-ghallchnò,** *s.m.* Walnut-tree.
†crannghail, -e, -ean, *s. f.* Mast-rigging. 2 Mortification. 3 Pulpit. 4 Lattices before the altar. 5 Bow.
crann-ghiuthais,** *s.m.* Fir-tree. 2 Pine. see giuthas.
crann-gràin-ubhal, *s.m.* Pomegranate.
crann-iubhair,** *s.m.* Yew-tree. [Badge of the Frasers.]
crannlach, -aich, *s.f.* Boughs, branches, brushwood. 2(AH) Large, lank, lean man.
————,(CR) *s.m.* Tulchan calf, figure of a calf made of a skin stretched on a frame of wood, used for setting beside cows to induce them to yield their milk—*W. of Ross.*

209. Crann-lach.

crann-lach, -aich, -aichean, *s. f.* Teal—*anus crecca.* 2(AF) Wild duck. 3(AF) Red-breasted merganser.
crann-laoibhreil,§ *s.m.* Laurel. 2**Bay-tree. see craobh-laibhreis.
crann-laoicionn,†† *s.m.* Tulchan calf.
crann-leamhain,** *s.m.* Elm-tree, see craobh-leamhain.
†crann-leathann, *s.m.* Ancient Irish silver coin.
crann-liomain,§ *s.m.* Lemon-tree—*citrus limonum.*
crann-lithe, *s.m.* Carpenter.
crannlochan, -ain, -an, *s.m.* Churn, *prov.*
crann-luch,* *s.m.* Peewit, see adharcan-luachrach.
crann-mhailp, see craobh-mhalpais.
crann-malpais, see craobh-mhalpais.
crann-meadhoin, croinn-mh-, *s.m.* see crann-mór. 2 Pole between two horses in a waggon or coach.
crann-meas,** *s.m.* Fruit-tree.
crann-meidil,§ *s.m.* Medlar-tree.—*mespilus germanica.*
crann-mhaol-dhearc,§ Common mulberry-tree, —*morus nigra.*
crann-mór, croinn-mhóra, *s.m.* Main-mast of a ship. 2 Iron or Lowland plough.—*Lewis.*
crann-mullaich, *s.m.* Top-mast.



210. Crann-nan-gad.

211. Crann-nan-gad (a' seallainn síos air.)

crann-nan-gad, *s. m.* Kind of plough, seldom used now, though at one time common enough, especially in the Western Isles. The parish of Barvas is the only part of Lewis where it is still used. It is usually drawn by one horse, though two can be used. From its construction it is especially suited to the stony ground of the crofts, and its gradual disappearance is a cause of great regret, as there is no other implement, equally convenient to take its place. It possesses a great advantage over the common iron plough, in that, as the point runs along the ground behind the horse, it serves the two-fold purpose of keeping the plough steady, and when the share comes in contact with a stone, by lifting the handle, or *làmh-chrann* upwards like a lever, the share and sock can be lifted clear of the obstruction. The ploughman uses only one hand, and walks on the left side of the implement, instead of behind, as is now usual in ploughing.

PARTS OF CRANN-NAN-GAD :— (see illst. 210 & 211.

1 Làmh-chrann, *handle.*
2 Màs a'chroinn, *rearpiece.*
3 Sròn, *point.* It is shod with iron, and runs along the ground behind the horse.
4 Earrghas, *body* or *mainpiece*, between *màs* and *sròn.*
5 Coltair, *share* (of iron.)
6 Soc, *sock* (of iron.)
7 Ùirthilleach, *the piece of hard wood with iron sheath on it, on which the mould-board rests*, held in by "maide-a'-chroinn-sparraidh," by passing a thong through the mould-board and round the stick; the stick, or " maide-a'-chroinn-sparraidh," being inserted in the "lùbach" of the " ùirthilleach " and pressed below " tarrag-a'-chroinn-sparraidh."
8 Bòrd-ùireach, *mould-board.*—Bòrd (CR.)
9 Maide-a'-chrann-sparraidh, *the stick for holding mould-board* in its place, by one end being fixed in a loop of iron in the "ùirthilleach" called "lùbach na h-ùirthilleach," the other end being pressed below " tarrag-a'-chroinn-sparraidh"—[sparr cruaidh e, *press it hard*—hence the name.]
10 Tarrag-a'-chroinn-sparraidh.
11 Tarrag-mhaide-a'-chroinn-sparraidh, nail to which the bi-forked end of the stick is pressed under.
12 Na goid, *bands of iron* which bind the *màs* and *earrghas* together. [These were originally of withes, hence their name.]
13 An druim mór, *long part of rope by which the plough is drawn.*
14 An druim beag, *short part of rope, which steadies the* sròn.
15 Amall, *main swingle-tree.*
16 Na greallagan, *swingle-trees next the horses* to which the "sliosan" are attached by means of a "lùbach" and "cadhag" to each "slios."
17 Na cadhagan, *iron links* in the form of an S, between swingle-tree and plough, or between two swingle-trees. 2 *Swingle-tree wedges.*
18 Na lùbaichean, *loops* of iron, one on each end and one in the centre of each swingle-tree, in which the "cadhagan" are inserted.
19 Na sliosan, na sìntean, *drag-ropes* or *traces*, on each side of horse, and attached to each end of swingle-trees.—Gearraiseach (*sing.*)—CR.

The following parts are best explained by reference to illustrations 212 & 213.

19a Lùbach na h-ùirthilleach, the part where the lower end of " maide-a'-chroinn-sparraidh " is inserted.
20 Meirgeal, the stick or iron which attaches the sock and "ùirthilleach" to the "màs" by one end being inserted in a hole through the lower end of the "màs" and the other end into "ailean an t-suic" along with the "ùirthilleach."
21 Ailean an t-suic, the space into which the " meirgeal" and " uirthilleach" are put in the sock. The illustration shows them inserted.
22 Òrdag an t-suic, *toe of sock*, which is inserted in a small hole in the point of the share.
Iall, *thong*, which passes through a couple of small holes in the mould-board, and is tied to "maide-a'-chroinn-sparraidh" behind, in order to keep the mould-board steady.
Na géinntean, *wedges*, which tighten the coltair, share and " meirgeal."
Clasan, *iron sole*, fixed on the bottom of the " màs " or rear-piece, to protect it from injury.



212. Crann-nan-gad bho 'n taobh-chùil. | *213. A' sealltainn sios air an t-soc.*

Ill. 210 shows the space called "ailean an t-suic," in the under side of sock (shaded.) It is drawn looking from top or upper part of sock, so that the space may be seen plainly through it, though it would not be seen in actual fact as shown in this sketch.

[We are indebted to Mr. D. Murray, Aberdeen, for many of above terms, and to Mr. M. MacDonald, Stornoway for illustrations and additional information.]

crann-neochdair,** *s.m.* Nectarine-tree.
crann-ola,†† see crann-olaidh.
crann-olaidh,‡ croinn-, *s.f.* Olive-tree—*olea europœa.*
crann-pailm,‡ *s.m.* Date-palm—*phœnix dactylifera.* (see ill. 214.)
†crann-phiosan, *pl.* croinn-, *s.m* Kind of missive weapon.
crann-pice, *pl.* croinn-ph-, *s.m.* Pick-shaft.
crann-reultach, see crann-arain.
crann-riaghailte, *s.m.* Regulator of a watch.
crann-riaslaidh, see crann-ruslaidh.
crann-ristil, see crann-ruslaidh.
crann-ruslaidh, *s.m.* Sort of rude plough, used for paring an uneven surface, by means of a sharpened share and without a coulter, the common plough following in its track. The

214. Crann-pailm.

215. Crann-ruslaidh.

idea of combining ploughshare and coulter in one implement does not appear to have occurred to the agricultural mind when this was in general use, or the roughness of the ground may have made the division of labour necessary.

crann-rustlaidh,‡‡ see crann-ruslaidh.
crann-seilg, *s.m.* Arrow. 2 Hunting-spear.
crann-seilich,** *s.m.* Willow-tree, sallow-tree.
crann-seudair, see crann-sheudair.
crann-seunta, *s.m.* Sacred wood.
crann-sgòide, *pl.* croinn-, *s.m.* Boom.
crann-shaor, *pl.* croinn-shaoir, *s.m.* Carpenter. 2 Mast-wright. 3 Plough-wright.
crann-sheudair,** *s.m.* Cedar-tree—*cedar.*
crann-shlat, -ait, -an, *s.f.* Withered wand.
————ag, *s.f. dim.* of crann-shlat.
crann-shneachda, *s.f.* Laying on of snow. 2 Snow-plough.
crann-siris,‡‡ *s.m.* Cherry-tree.
crann-sitroin,** *s.m.* Citron-tree.
crann-siùil, *pl.* croinn-sh-, *s.m.* Mast. Air bàrr croinn-shiùil, *on the top of a mast.*
crann-sleagh,** *s.m.* Pike-staff.
crann-snàth, *s.m.* Warp-beam in a loom—*Hebrides*, see beart-fhigheadaireachd.
crann-spreòid, *pl.* croinn-s-, *s. m.* Bowsprit.
crann-tabhuill, *pl.* croinn-t-, *s. m.* Sling. 2 Shaft of a sling. Luchd nan c., *the slingers.*
cranntach,(AF) Curlew, see guilbneach.
cranntachan, -ain, *s.m.* Churn-stick.
crann-tachrais, *s.m.* Winding-wheel (for illust. see liaghra.) 2††Reel.
cranntail, -e, *s.pl.* Trees.
crann-tàir, see crann-tàra.
crann-tàirnean, *pl.* of crann-tarrang.
crann-tàra, *pl.* croinn-th-, *s.m.* The gathering beam, a signal formerly used on occasions of insult or impending danger, to summon a clan to arms. It was a piece of wood, half burnt and dipped in blood, in token of the revenge by fire and sword awaiting those clansmen who did not immediately answer the summons. It was handed from one permanently appointed messenger to another, and in this manner the alarm was spread through the largest districts in an incredibly short time. In 1745 the *crann-tàra* traversed the wide district of Breadalbane, upwards of 30 miles, in three hours. 2 Fiery-cross. 3 Fire kindled on an eminence to notify alarm or danger.
crann-tàraidh,†† see crann-tàra.
crann-tarraig, *Uist* for crann-tarrang.
crann-tarrang, *gen.* -tàirnge, *pl.* -tàirnean, *s.f.* Wooden pin or bolt fastening the couples or joists of a house, see under taigh. 2 Tree-nail, wooden pin used in ship-building. 3 Choosing by lots. 4 Lynch-pin. 5 Draught-tree or shaft. 6**Peg.
crann-tarsuinn, *s.m.* Cross-bar. 2 Diameter.
crann-tarnng, crann-tarunn, } see crann-tarrang.
crann-teach, *pl.* croinn-theacha, *s.m.* Arbour.
crann-teannta, see crann-teannachaidh.
crann-teanndaidh,** *s.m.* Calender (for cloth)
crann-teile, *s.m.* Lime-tree.
crann-teannachaidh, *pl.* croinn-th-, *s.m.* Printer's press. 2 Bookbinder's press. 3 Rack-pin.
crann-togalach, *s.m.* Crane, lever.
crann-toisich, *pl.* croinn-th-, *s.m.* Fore-mast.
crann-ton, -oin, *s.f.* Pink stern, sharp bottom.
crann-tuilin,** *s. m.* Holm oak, see craobh-thuilm.
crann-tùise,** *s.m.* Frankincense-tree.
crann-ùbhail, *pl.* croinn-ùbhail, *s.m.* Apple-tree.
crann-uinnsinn,** *s.m* Ash-tree.
crann-uisge, *pl.* croinn-uisge, see crann-spreòid.
craobh, -aoibhe, -an, *s.f.* Tree, bush. 2‡‡Relation. 3 Ear of oats (craobh coirce.) 4(DC) Streaming clouds, rising from the horizon and spreading wide as they ascend to the zenith.—*Uist*, This word (or *crann*) is always prefixed to the names of trees in Gaelic when speaking of growing timber. Meas craoibhe, *the fruit of a tree.*
craobh, -aoibhe, *s.f.* Foam or globules ("bell") on the surface of liquids. Cha chum e c., *it will not retain the foam.* 2**Richness.
craobh, *v. n.* Branch out, sprout, bud, shoot forth, gush out. 2 Propagate. 'Fhuil a' craobhadh mu thalamh, *his blood gushing forth and ramifying.*
craobh-abrain,‡ *s.f.* Laburnum.
craobhach, -aiche, *a.* Woody, wooded, full of trees. 2 Of, or belonging to trees. 3 Having tall trees. 4 Flowing, branching, spreading, rilling, ramifying in ramifying gushes, as blood. 5 Flowing in a branching or forked stream. 'Fhuil ch., *his streaming blood*; mo dhùn c., *my woody hill*; an t-sleagh ch., *the tree-like spear.*
craobhachd, see craobhaidheachd.
craobhadair,** *s.m.* Arborist.
craobhag, -aig, -an, *s. f.* Small tree, bush. 2 Bunch.
————ach,†† *a.* Pertaining to small trees.
craobhaidh, -e, *a.* Nervous. 2 Tender. 3 Shivering.
craobhaidh fuar,(CR) *a.* Piercingly cold, shiveringly cold—*W of Ross-shire.*
craobhaidheachd, *s. f. ind.* Lassitude, infirmity. 2 Tremor, nervousness.
craobh-àirneag,** *s.f.* Sloe-bush.
craobharnach, *s. m.* Shrubbery. 2 Hedge of

thorns, whins, &c.
craobh-bheithe,** *s.f.* Birch-tree.
craobh-bhròin,§ *s.f.* Cypress-tree—*cupressus sempervirens.* [Badge of the MacDougalls.]
craobh-challtuinn,** *s.f.* Hazel-tree, see calltuinn.
craobh-chanaich,** *s.f.* Cotton-tree.
craobh-chaorainn,§ *pl.* -an-, *s.f.* Mountain-ash or rowan-tree, see luis. 2** Service-tree, see craobh-cheòrais.
craobh-cheòrais,ǂ *s. f.* Service-tree—*pyrus torminalis—Perthshire.*

216. Craobh-cheòrais.

craobh-chòinneach, *s.f.* Catling.
craobh-choirneil, *s.f.* Cornel-tree.
craobh-chòmhraig, *pl.* -an-, *s. f.* Hero, [*lit.* branch of war.]
craobh-chosgair, *pl.* -an-, *s. f.* Laurel-tree. 2 Trophy.
craobh-chrithinn, *s. f.* Aspen-tree, see crith-eann.
craobh-chuilinn, *s.f.* Holly-tree, see cuilionn.
craobh-chuinnse,§ *s.f.* Quince-tree,—*pyrus cydonia.*

217. Craobh-chuinnse.

craobh-chuir, *pl.* -an-c-, *s.f.* Planted tree.
craobh-dharaich, *pl.* -an-d-, *s. f.* Oak-tree—*quercus robur.*
craobh-dhearg, -eirge, see crò-dhearg. 2ǂǂRed-streaming.
craobh-ealp,* *v.a.* Ingraft, graft.
————air,* -ean, *s.m.* Grafter.
craobh-eòlas,* *s.m.* see eòlas-chraobh.
craobh-fhaidhbhile,§ *s. f.* Beech-tree —*fagus sylvatica.*
craobh-fhèarna, *s.f.* Alder-tree.
craobh-fhiadhain,ǂ *s.f.* Wayfaring-tree—*viburnum lantana.* (see ill. 218.)
craobh-fhiodhag,ǂ *s. f.* Bird-cherry—*prunus padus.* 2 **Hardberry-tree. (see ill. 219.)
craobh-fhìona, *s.f.* Vine, see crann-fìona.
craobh-geanmchno,ǂ *s.f.* Common chestnut-tree

218. Craobh-fhiadhain.

219. Craobh-fhiodhag.

—*castanea vesca.*
craobh-geanmchno-fhiadhaich,ǂ *s. f.* Horse-chestnut-tree—*æsculus hippocastanum.* [Introduced into Scotland in 1709.]
craobh-ghallchno,§ *s.f.* Walnut tree—*juglans regia.*
craobh-ghinealaiche, *pl.* -an-g-, *s.f.* Genealogical tree.
craobh-ghiuthais, *s.f.* Fir-tree. 2 Pine-tree, see giuthas.
craobh-ghrain-ubhal, *s.f.* Pomegranate.
craobh-iubhair,** *s.f.* Yew-tree.
craobh-laibhreil, see craobh laibhreis.
craobh-laibhreis, *s.f.* Laurel-tree.
craobh-leamhain, *s.f.* Elm-tree.
craobh-learaig, *s.f.* Larch-tree, see learag.
craobh-liath-ghorm,ǂ *s. f.* Lilac-tree—*syringa vulgaris.*
craobh-liomain, *s.f.* Lemon-tree, see crann-liomain.
craobh-mhailp,ǂ see craobh-mhalpais.
craobh-mhalpais,ǂ *s.f.* Common maple-tree—*acer campestris.* (see illust. 220.)
craobh-mhaol-dhearc,** *s. f.* Mulberry-tree, see crann-mhaol-dhearc.
craobh-mheas, *pl.* -an-m-, *s.f.* Fruit-tree. C. a bheir measan, *a fruit-tree that beareth fruit.*
craobh-mheidil, *s.f.* see crann-meidil.
craobh-na-geanmnaichd, *s.f.* Agnus castus.
craobh-nan-smeur,ǂ *s.f.* The "mulberry-tree" of Scripture, supposed to be the aspen (crith-eann.)
craobh-neochdair, *s.f.* Nectarine-tree.
craobh-òmair, *s.f.* Amber-tree.

T

220. Craobh-mhalpais.

craobh-phailm, *s.f.* Palm-tree, see crann-pailm.
craobh-pheurain-fhiadhain,‡ *s.f.* Wild pear-tree, *pyrus communis.*
craobh-phobuill,‡ *s.f.* Poplar-tree—*populus alba.*
craobh-pleantraiun, see craobh-shice.
craobh-sgaoil,* *s.f.* Crawling, sprawling. 2 Torture.
craobh-sgaoil, *pr. pt.* a' craobh-sgaoileadh, *v.a. & n.* Spread abroad, diffuse, propagate. 2 Branch, ramify. 3**Sprout.
craobh-sgaoileadh, -idh, *s. m.* Propagating, publishing, spreading abroad. 2 Branching. 3 Sprouting. A' c—, *pr. pt.* of craobh-sgaoil.
craobh-sgaoilteach, -eiche, *a.* Propagative, publishing. 2 Branching.
craobh-sheanchuis, *pl.* -an-s-, see craobh-ghinealaiche.
craobh-sheilich,*s.f.* Willow-tree. 2 Sallow-tree.
craobh-sheudair,** *s.f.* Cedar-tree.
craobh-shice, *s. f.* Sycamore-tree.—*acer pseudo platanus.* [Badge of Clan Oliphant.]

221. Craobh shice.

craobh-shiris, *s.f.* Cherry-tree—*prunus cerasus.*
craobh-shitroin,‡ *s.f.* Citron-tree—*citrus medica.*
craobh-shlighe,** *s.m.* Avenue.
craobh-theile,§ *s.f.* Lime-tree, linden—*tilia europæa.*
craobh-thuilm,‡ *s.f.* Holm-tree (evergreen oak) *quercus ilex.*
craobh-thuinidh, *pl.* -an-t-, *s.f.* Tree of descent, genealogical tree.
craobh-thuise,** *s.f.* Frankincense-tree.
craobh-uaine-ghiuthais,‡ *s.f.* see craobh-bhròin.
craobh-ubhail,** *s.f.* Apple-tree.
———— -fhiadhain, *s.f.* Wild apple-tree—*pyrus malus.* [Badge of Clan Lamont.]
craobh-ubhlan, see craobh-ubhail.
craobh-uibhear,** *s.f.* see craobh-iubhair.
craobh-uinnsinn, *s.f.* Ash-tree,—*fraxinus excelsior.* [Badge of Clan Menzies, according to some.]
craoim, *v.a. & s.* see creim.
craois, *ye . sing.* of craos.
———each, see craosach.
craoiseag, *s. f.* Whortleberry—*Lochaber,* see cnaimhseag (appx.)
craoisein, -ean, see craosair.
craoit, see croit.
craon, *s.m.* Torture, agony.
craonach,** *a.* Throbbing.
craos, -aois [& -ach], -au, *s.m.* Wide mouth. 2 Ludicrous term for the human mouth. 3 Mouth of a beast, particularly a voracious beast. 4‡ Open mouth. 5 Gluttony, appetite, debauchery. revelry, excess, gross sensuality. Luchd craois, *gluttons* ; a ch. fo chòip, *his mouth covered with foam;* tha 'n dorus air clap a' chraois,*the door is wide open*; cha bhi mi 'to ghearan chraosach, *I will not allow my appetite to dominate me.*
craosach, -aiche, *a.* Gluttonous, voracious. 2 Wide-mouthed. 3**Bibulous.
———, -aich, *s.m.* Spear, dart. Crath do ch., *shake thy spear.*
———, *s.m.* see craosair.
———,* *s.f.* Wide-mouthed female.
———d, *s,f.* Gluttony, greediness, voracity. 2 Sensuality.
———-dhearg, -aich-dheirg,-aichean-dearga, *s.f.* Burning spear.
craosail,(CR) *s.f.* Gaping mouth—*Skye.* 2** Gluttony.
craosair, -ean, *s.m.* Glutton. 2 Epicure. 3 Sensualist. 4 Wide-mouthed fellow. 5** Gaper, 6**Blubber-lipped fellow.
———eachd, see craosachd.
craosal,** -ail, *s.m.* Gluttony. 2 Drunkenness, revelry, excess in eating or drinking. 3 Carousal.
craosan, -ain,-an, *s.m.* see craosair.
craosan,** *n.pl.* of craos. 2 *dim.* of craos.
craos-ghàire,** *s.f.* Horse-laugh.
craos-ghlan, *v.a.* Gargle, cleanse the mouth.
craoslach, -aiche, *s.f.* see craosach.
craosnach, -aich, *s.m.* see craosach, *s.f.*
craos-òl, -òil, *s.m.* Drunkenness.
craos-shlugadh, -aidh, *s.m.* Gormandizing.
craos-shlugair, -ean, *s.m.* Glutton.
craos-shluig, *v.a.* Swallow greedily, gormandize.
crap,‡‡ *v.a.* Crush.
crapadh, see cnapadh.
craparra, *a.* see cnaparra.
crap-lùth, -a, *s.m.* Curl in pipe-music.
crapluich, *v.n.* Fetter, bind.
crapta,‡‡ *past pt.* of crap, Crushed.
crà-rionnach,(AC) *s.* Red mackerel, tunny fish.
†cràs, -àis, -an, *s.m.* Body.
†——ach,** -aiche, *a.* Corpulent, bulky.
†——achd,** *s.f.* Corpulence, bulkiness.
crasagan, *s.pl.* Order of plants known as *crassulaceæ.*
†cràsan, *s.m. dim.* of cràs. Little body.
crasg, *s.f.* Cross. 2 Crutch. 3 Across place. 4 Club (in cards.)
crasgach, -aiche, *a.* Corpulent, bulky. 2 Uncombed. 3 Ill-natured. 4 Lying cross-way. 5* Crawling, or walking, as a person feeling torturing pain. 6* Branching, as stamped cloth. 7**A-kimbo. 8‡‡Clumsy. 9‡‡Slow. 10‡‡Thwart. 11 (MMcL) Going on crutches. 12††Contrariwise.
———d, *s.f.* Crossness.
crasgadh, -aidh, *s.m.* Box, coffer.
crasgag,(CR) *s.f.* Star-fish—*W. of Ross-shire.*
———-thràghad,((JM) *s.f.* Star-fish.

crasgan, -ain, -an, *s.m.* Any object of a cruciform shape
crasgaoil,* *v.a.* & *s.m.* see craobh-sgaoil.
cratach, CR) *s.m.* Back, of a person—*Skye.* 2 Side—*Glen Moriston & W. of Ross.*
cratan, see cnatan.
———ach, see cnatanach.
crath, *v.a. & n.* Shake. 2 Tremble. 3 Quiver. 4 Wave. 5 Brandish. 6 Sprinkle. 7**Churn. C. do cheann, *shake your head* ; ch. e 'bhata, *he flourished his staff;* crath uisg' air, *besprinkle it with water* ; c. ris, *wave to him* ; mar a chrathas na beanntan an crauna, *as the hills shake their woods.*
——ach, -aiche, *a.* Shaking, quivering, brandishing.
——adh, -aidh, *s.m.* Shake. 2 Brandishing. 3 Waving. 4 Act of shaking, brandishing or waving, as trees. 5**Sprinkling. 6**Churning. A' c—, *pr. pt.* of crath. C. bainne, *churning.*
crathaidh, *fut. aff. a.* of crath.
crathanach, -aiche, *a.* see crathach.
crathar, *fut. pass.* of crath.
crath-ghlan, *v.a.* Clean by shaking or shifting.
cràthrach, -aich, -an, *s.f.* Boggy place, marsh.
crè, *s.f.ind.* Clay, dust. †2 Creed. †3 Keel of a ship. 4 see creubh. Fhuair iuthaidh a ch., *an arrow found his breast.*
creabaire,(AF) *s.m.* Gadfly.
creabail, -aill, *s.m.* Garter. see cnèaball.
———ach, *a.* Gartered, having or wearing garters.
———aich,** *v.a.* Fasten with garters, provide with garters.
———aichte, *past.part.* of creabalaich.
creaban,** -ain, *s. m.* see cnèapan.
†creabh, *v.a.* Dun. 2 Gaelic spelling of *crave.*
creabhach, see creubhach.
creabhach,** -aich, *s.m.* Brushwood, dry brushwood.
———, -aiche, *a.* Full of brushwood, dry as brushwood.
creabhag, -aig, -an, *s.f.* The body. 2 Constitution. 3 Young woman. 4**Twig.
creabhaichean,* -ain, *s.m.* Bandy.
creabhaidh,** *a.* Frail, not stout.
creabhar,(AF) *s.m.* Woodcock, see coileach-coille.
creabuill,(DM) -ean, *s.m.* Garter, *prov.*
creacar,** *s.m.* Shrine, vestry.
creach, creiche, -an, *s.f.* Plunder, booty, pillage. 2 Ruin, devastation. 3‡‡Host, army. 4† *for* creag. 5 *rarely* Wave. Mo chreach ! mo chreach ! *my ruin, alas ! and alas !* cha tuig a' bhan-Leòdhasach a c. gus an tig i chum an doruis, *the Lewiswoman never realizes her loss until it comes to her door*—which shows the stolidity of the Lewiswoman. "Creach" is a stronger word than loss, but in this case at any rate, not quite so strong as ruin. Tha mo ch.-sa deanta, *I am done for, as good as dead ;* ag éigheach a c., *shouting that she was ruined ;* a' togail na creiche, *carrying away the plunder.*
creach, *pr. pt.* a' creachadh [& a' creach,] *v.a.* Plunder, spoil, pillage, rob, ruin. 2*Harry a nest, rob birds of their young. Ch. thu mi, *you have ruined me.*
†———, *a.* Blind. 2 Grey.
†———,** creich, *s.f.* Scallop-shell, large ribbed shell-fish. 2 Cockle. 3 Cup.
creachach, -aiche, *a.* Plundering, rapacious. 2 Abounding in scallop-shells, shellfish or 3 Cups.
creachadair, -ean, *s.m.* Plunderer, depredator, freebooter, spoiler, robber. Creachadairean an-iochdmhor, *merciless robbers.*
———eachd, *s.f.* see creachadh.
creachadh, -aidh, *s. m.* Preying, plunder, plundering, spoil. 2 Act of spoiling, plundering or pillaging. 3 Freebooting. 4**Ruining ruin. 5‡‡ Execution on a musical instrument. A' c—, *pr.pt.* of creach. Theab e mo ch., *he had almost ruined me.*
creachag, -aig, -an, *s f.* Cockle, scalloped shell. 2(AF) Mole. 3 Large ribbed shellfish. C. aisneach, *a ribbed cockle.*
———ach, -aiche, *a.* Abounding in ribbed cockles.
creachag-seisreach, see creachag.
creachaidh, *fut. aff. a.* of creach.
creachair, *v.a.* Stigmatize. 2 Mark, scar.
———eas, -eis, *s.m.* Sculpture.
creachan, -ain, -an, *s.m.* Pudding made of calf's entrails. 2**Flask. 3 Ruin on a small scale. 4** Cup.
creachann, -ainn, -an, *s.m.* Rock. 3 Summit of a rock. 3 Mountain. 4 Hard rocky surface without foliage. 5‡‡Stony declivity of a hill. 6**Scallop shell. 7* Large ribbed cockle. Slige-chreachainn, *scallop shell used as a drinking-cup.*
†creachar, -air, *s.m.* Vestry. [**gives creacar.]
†———, *fut. pass.* of creach.
creach-cheilgneach,(AC) *s.m.* Arch-deceiver.
creachd, see creuchd.
creachlach-dearg, *s.m.* Bloody crane's-bill [*lit.* the red wound-healer—*geranium sanguineum.*



222. Creachlach-dearg.

creachta, *past part.* of creach. Spoiled, plundered, ruined, robbed. An creachta an aghaidh an tréin, *the spoiled against the strong.*
crèadh, -a, see crè. Uidhe gach aon chreadha, *the goal of every body*—the grave.
crèadh,(AF) *s.m.* Swan.
creadha, *a.* Clayish, of clay.
†creadhach, *a.* see cneidheach.
creadhadair, *s.m.* Potter.
———eachd, *s.f.* Potter's trade.
creadhal, -ail, *s.m.* †Austerity. 2 see creithleag. 3 see creathall.
†———, -aile, *a.* Religious, worshipping.
creadh-chumadair, -ean, *s.m.* see crè-chumadair.
crèadh-ghlaodh, *s.m.* Lute.
†creadhla, *s.* . see cléir.
creadhn,‡‡ *v.a.* Pain, torment. see crein.
creadhonadh, see creaghonadh.
creadh-thaois,‡‡ *s.f.* Clay for soldering.
†creadradh, -aidh, *s.m.* Chariot.
creafag, -aig, -an, see creubhag.
creag, -eige, -an, *s.f.* Rock, crag. 2 Cliff. 3 Precipice. 4 Quarry. 5 Hill. Taobh na creige, *the side of the precipice ;* bhuail e a ch., *he struck the rock,* thuit mi leis a' chreig, *I fell down the rock* ; bile na creige, *the edge of*

the precipice.
———ach, -aiche, *a.* Rocky, craggy, cliffy. 2** Stony. 3 Lapideous. Air àitibh c., *on stony places.*
creagachas, -ais, *s.m.* } Craggedness.
creagachd, *s.f.ind.* }
creagag, -aig, -an, *s.f.* Conger. 2 Perch—*labrax lupus.* 3 Name of a famous rowing-song or iorram. [Mac Alpine says this never means *conger.*] 4 (AF) Grey plover, rock-goose, shelldrake, see trilleachan. 5 (DU) Little ball of yarn.
creagagach, †† *a.* Pertaining to congers or perch.
creagag-uisge, *s. f.* Freshwater perch—*perca fluviatilis.* 2 (AF) Perch, conger. 3 Black-goby, wrasse, rock-fish.



223. Creagag-uisge. (*1.*)



224. Creagag-uisge. (*3.*)

creagair, ** *s.m.* Grapnel.
creagan,-ain,-an, *s.m. dim.* of creag. Little rock, rocky place. 2 *n. pl.* of creag, rocks, &c.
creaganach, -aich, *a.* Rocky.
creaghonadh, -aidh, *s.m.* Twitching, piercing pain.
creag-shalann, ** -ainn, *s.f.* Saltpetre, nitre. Air ch., *on nitre.*
creag-ùillidh, ** *s.m.* Petroleum.
cream, see creim.
creamadair, see creimeadair.
————eachd, see creimeadaireachd.
creamh, -a, *s.m.* Gentian, see lus-a'-chrùbain. 2 Hart's tongue fern, see creamh-na-muice-fiadhaich. 3 Garlic, see gairgean. 4* Leeks. 5 Elecampane, see aillean. 5 Beer. An c. 'na chathraichibh, *gentian in beds or plots.*
creamhach, *a.* Abounding in, or belonging to, wild garlic or gentian.
crèamhach,†† -aich, *s.m.* see cnàimheach.
creamhachd,†† -a, -an, *s.f.* Stock, stump.
————an, -ain, *s. m.* Root of a tree, stump, block of wood, faggot, clump.
creamh-ghàraidh, *s.m.* Chives, see feuran. 2 Leek.
creamh-mac-féidh, (McL.) *s.m.* Asparagus, see creamh-na-muice-fiadhaich, and aspàrag. 2 Hart's tongue fern. 3 (CR) Elecampane.
creamh-na-muice-fiadhaich, *s.m.* Asparagus—*asparagus officinalis.* (illust. 225.) 2 Hart's tongue fern—*scolopendrium vulgare.* (illust. 226.)
creamh-nan-creag, *s.m.* Rocambole (*lit.* rock garlic)—*allium scorodoprasum.* (illust. 227.)
†creamh-nuall, -nuaill, *s.m.* Noise of carousers.
†crean, *v.a.* Consume, remove.
†crean,** -ein, *s.m.* Purchase. 2 Market-place.

225. Creamh-na-muice-fiadhaich (*1.*)

226. Creamh-na-muice-fiadhaich (*2.*) *227. Creamh-nan-creag.*

crean,* *v. a.* see crein. 2**Consume. 3**Remove.
creanach, *s.m.* see creineach.
————adh, -aidh, *s.m.* see criothnachadh.
creanadh, *pr. pt.* of crean, see creineadh.
creanaich, *v.a.* see criothnaich.
creanaiche, *s.m.* see creineach.
creanaichte, *past part.* of creanaich, see crioth naichte.
creanair, *s.f.* Sedition. 2 Tumult.
†creanait,** -eachan, *s.m.* Market-place.
creanas, -ais, *s.m.* Whetting, hacking of sticks
————, *a.* Handy, "neat-handed."
crè-an-fhùcadair, *s.f.* Fuller's earth.
creangan, *-ain, *s.m.* Deep wound.
crèanluadh, -uaidh, see crunnlùth.
creanta,* *past part.* of crein. Dearly bought or suffered for—*Isles.*
†creapadh,-aidh, *s.m.* see crupadh.
†creapail,** *v.a.* see creapuill.
creapall,-aill, *s.m.* Entangling, stopping, hindering. 2†† Lump, let, hinderance.
creapan,**-ain, *s.m.* Stool, low stool. *Scots* creepie. see cnèapan.
creaplaichte, *past part.* of creapuill. Entangled
creapuill, *v.a.* Stop, hinder, impede.
creapull,** -uill, *s.m.* Garter.
†crear, *s.m.* see criathar.
†crearadh, -aidh, *s.m.* Bending, crooking.
†crearal, ail, *s.m.* Retaining, withholding.
crea-rionnach, see cnàmh-rionnach.
†creas, *s.m.* see crios.
†creas, *a.* Narrow, strait.
creasach,** -aich,-aichean, *s.m.* see craosach.
creasan, -ain, -an, *s.m.* see criosan. 2 Penitent. 3 Faith.
†creasgoin, *v.a.* Wound.
†creasmhuir, -mhara, *s.f.* Strait, arm of the sea.
creat, see cnead.
creatach, see cneadach.
————,** -aich, *s.m.* Hurdle.

creatachan,** -ain, *s.m.* Churning-stick.
creath, see creadh.
———ach, aiche, *s.f.* Underwood. 2 Brushwood, faggots. 3** Pollenger. [** gives *s.m.*, and *gen. sing.* -aich.]
———ail, see creathall.
———air,** -ean, *s.m.* Extortioner. 2 see criathair.
———all, -thlach, [‡‡ -eithle,]*pl.* -thlaichean, ‡ ‡‡ -eithlean, *s.f.* Cradle. 2 Grate. 3 see creithleag.
creathall, -aill, *s.f.* Lamprey.

228. Creathall.

creathar, (AF) *s.m.* Woodcock, see coileach-coille.
†creath-fonn, *s.f.* see crith-fuinn.
creathlach, *gen. sing.* of creathall.
creathlaichean, *n. pl.* of creathall.
creathnachadh, -aidh, *s.m.* see crith. 2** Emotion.
creathnaich, *v.n.* see criothnaich.
creatrach, -aich, -ean, *s.f.* Wilderness.
creatuir, -e, -ean, *s.m.* see creutair.
crè-chuinadair, -ean, *s.m.* Potter.
creic, *pr.pt.* a' creic, *v.a.* Sell, dispose of, barter, exchange.
creiceadair, *s.m.* Seller.
creiceal, *s.m.* Wheeze, caused by breath being impeded by phlegm.
creicealach, *a.* Wheezing.
creicealaich, *v.n.* Wheeze.
———e, *s.m.* Wheezer.
creich, -e, *s.f.* see creach.
creiche, (AF) *s.f.* Selling cattle.
creid, *pr. pt.* a' creidsinn, *v.n.* Believe, feel convinced. 2** Credit. 3** Confide,trust,rely. Cha chreid mi nach...., *I rather think....*
———each, -eiche, *a.* see creidmheach.
———each, -ich, *s.m.* see creidmheach.
creideadh, *s.m.* see creideamh.
creideamh, -eimh, *s.m.* Faith. 2 Religious belief. 3 Tenets of a religious sect or persuasion, creed. 4**Trust, credit, confidence. Is iomadh duine laghach a mhill an c., *religion has spoilt many a nice man*—an old heathen's wail.
creideamh-a'-bhata-bhuidhe, *s.m.* The religion of the yellow stick. A Coll priest of former times was accustomed to drive recalcitrant natives to church by a smart application of his walking stick, those who yielded were thus said to come under "creideamh a' bhata bhuidhe." Another version says Hector, son of Donald Maclean, of Coll, was the one who applied the yellow stick. Hector was laird in 1715, and as the religion of the yellow stick was introduced into Rum in 1726, it is beyond dispute that Hector was the author, or propagator, of it. He was dignified in appearance and stern in manners and could no doubt wield the yellow stick gracefully and with efficiency.
creideamhach, see creidmheach.
creideamh-galar,‖ *s.m.* Religious mania. [*bad.*]
creideas, -eis, *s.m.* Credit, esteem, good repute. 2** Trust, confidence. 3** Belief. Thar c., *incredible.*
———ach, -aiche, *a.* Creditable, accredited. 2 Credited, responsible, respectable, credible, reputable.
creideasachd,** *s.f.* Creditableness, reputableness.
creideasaiche,** *s.m.* Creditor.
creideir,** *s m.* Botcher.
†creidinn, see creim.
———each, see creimeach.
creidhmeadh,-idh, *s.m.* & *pr. pt.* see creimeadh.
———-chire,†† see creimeadh-chire.
creidhm-raineach, *s.f.* Sweet mountain fern—*lastrea oreopetris.* see crim-raineach.
creidimh, *s.m. gen. sing.* of creideamh.
creidmheach, -aiche, *a.* Believing, having faith, faithful.
———, -ich, *s.m.* Believer. C. no ban-ch., *a man or woman that believes.*
creidsin, see creidsinn.
creidsinn, *s.m.* Believing, act of believing. 2 Trusting, confiding. A' c—, *pr. pt.* of creid.
creidte, *past pt.* of creid. Believed. 2 Confirmed.
creig, *dat. sing.* of creag. [Used provincially as the *nom.*]
creige, *gen. sing.* of creag.
creigeag, -eig, see creagag.
creigeir, -e, -ean, *s.m.* see creagair.
creim, *pr. pt.* a' creimeadh [& a' creimeartaich,] *v. a.* Nibble. 2 Crop grass, as cattle. 3 Pick, gnaw, as a bone. 4 Erode. 5 Become scabbed. 6** Chew. 7* Nip. Is lom leac air nach c. thu, *it is a bare stone from which you will pick nothing.*
creim, *s.f.* Nibble. 2 Erosion. 3 Scab, scar. 4 see greim. 5‡‡ Disease.
———each, -elche, *a.* Scabbed, mangy, full of sores. 2 Nibbling.
———rachas,‡‡ -ais, *s.m.* Mordacity.
creimeadair, -e, ean, *s.m.* Picker. 2 Carper, biter, verbal critic. 3 see greimiche.
———eachd, *s.f. ind.* Picking, gnawing, 2 Carping, captious criticism.
creimeadh, -midh, *s.m.* Gnawing, chewing, picking, nipping, nibbling. 2** Erosion. A' c—, *pr. pt.* of creim. A' c. na cire, *chewing the cud.*
creimeadh-chire, *s.m.* Chewing of the cud.
creimeartaich,* *s.f.* Picking. A' c—, *pr.pt.* of creim.
creimneach, -niche, *a.* Knotty surfaced, scarred, blotched, mangy, full of sores, itchy, rough. 2 Nibbling. 3 Carping.
creinn, *pr.pt.* a' creineadh [& a' creineachdainn,] *v.n.* Smart, suffer for. 2 (AC) Quake, tremble. 3 (AC) Upheave, tear up, excavate. Cò a chreinneas air sin? *who shall suffer for that?*
creineach,* *s.m.* Sufferer, loser.
creineachan, -ain, *s.m.* Chastisement. 2 Suffering for past conduct.
creineadh, -idh, *s.m.* Act of suffering for, undergoing punishment. A'c—, *pr. pt.* of crein.
créis, -e, *s. f.* Grease, tallow, fat. 2 Narrow strait. 3 Narrow defile, *cañon.*
créis,†† *pr.pt.* a' créiseadh, *v.a.* Grease.
———each, -iche, *a.* Greasy, daubed with grease or tallow. 2 Squalid.
créiseadh, -idh, *s. m.* Greasing, smearing with fat.
créisean, -ain, -an, *s.m.* Piece of oatcake dipped in fat. 2 see creadhal.
créisidh, *a.* see créis ach.
creithil, -e [& -thlach,] -lichean, *s.f.* see creathall.
†creithir, *s.f.* Cup.
creithire, see gleithir.
creithleag, -eig, -an, *s.f.* Gad-fly, cleg, an insect that torments cattle.
creithleagach, †† *a.* Pertaining to gad-flies.
creithleag-mhór, (DM) *s.f.* Oxfly.
creithleag-nan-each, (DM) *s. f.* Horse-fly,

horse-cleg.
creitionich, see criothnaich.
creòbhar,¶ *s.m.* Woodcock, see coileach-coille.
creodach, (AC) *s.m.* Paralysis of the limbs in horses.
creoithiche,* *s.m.* An invalid person getting better one day, and worse the next.
creòn, *v.n.* Put over or by.
†creon, *a.* see crion.
creònadh,††-aidh, *s.m.* Paining, torturing.
†creòp, *v.a.* Seduce.
†creòpach, -aich, *s.m.* Seducer.
creotachadh,(AH) *s.m.* Torturing, act of inflicting much pain or torture.
creotachd,(AH) *s.f.ind.* Pain. torture.
creoth, *v.a.* Wound, hurt. *Skye.*
creòth,* *s.m.* Wound hurt. *Skye.*
———ach, *a.* Wounding, hurting.
creothar, -air, *s.m.* see coileach-coille.
creòthluinn, *s.f.* Bier. 2 Sickly person—*Islay.*
crespeis, (AF) *s.f.* Whale.
creubh, *v.a.* Crave. 2 Dun.
creubh, [**-a]-eibh, -an, *s.m.* Body, corpse. 2** Clay (crè.) 3** Breast. 4** Being, person. 5 (AF) Animal.
———ach, -aich, *s.f.* see creathach, creubh *and* crè.
———ach, -aich, *s.m.* Pudding made with calf's entrails—*prov.* 2† Withered wood or branches, firewood, dry sticks.
———ach, -aiche, *a.* Infirm—*Lewis.* Bha e 'coiseachd c., *he was walking unsteadily*—as one walking with bare feet on a rough road.
———achan, -ain, -an, see creubbach.
creubhag, -aig, -an, *s.m.* Body, small body. 2 Little woman. 3 Twig. 4 Beloved little female. 5(AH) Boiled chicken, as distinct from its soup. O mo ch., *an exclamation of disappointment or sudden fright.—Lewis.*
creubhaidh, -e, *a.* Delicate in health. 2 Irritable.
creuch, creich, *s.f.* see crè, criadh *and* creubh 2** Mortar.
creuchach, see criadhach.
creucnaidh,** *a.* Clayey.
creuchd, -a, -an, *s.f.* Wound, hurt, sore, scar. A' ch. a bha 'na chliabh, *the wound that was in his breast.*
———, *v.a.* Wound, hurt.
———ach, -aiche, *a.* Wounding, hurtful. 2 Destructive, bloody. 3 Sinful. 4 Full of sores or scabs. Còmhrag c., *a battle full of wounds;* an leòghann c., *the bloody lion.*
———adh, -aidh, *s.m.* Wounding, act of wounding. A' c., *pr. pt.* of creuchd.
———air,* -ean, *s.m.* Invalid.
creuchd-lorg,** *s.f.* Cicatrice.
†creuchd-lorgach, *a.* Full of scars.
creud ? (for ciod ?—cia [cè] rud)
creud, -a, -an, *s.f.* Creed. 2 Belief. Tha barrachd agus a' chreud agus a' phaidir aige, *he knows more than his creed and paternoster* (*i.e.* has had intercourse with the Devil, or is a wizard, or merely, is "knowing.)
creudag,** -aig, -an, *s.f.* see cneutag.
creufag, -aige, -au, *s.f.* see creubhag.
creug, see creag.
creugach, see creagach.
creugan, see creagan.
creumhach, -aich, *s.m.* see cnàimheach.
†creun,** *s.m.* Body. 2 Skull.
creupan,** -ain, *s.m.* see cneapan.
creutair, -ean, *s.m.* (&*f.*) Creature, being, person. 2 Body. An c. truagh, *the poor body.*
creutair-talmhaidh, (AF) *s.m.* Creature.
creuthach, -aich, *s.f.* see creubhach.
creuthachas,(CR) -ais, *s.m.* Disgust. Chuir e c. orm, *it disgusted me, made me shudder—Std.*
crì (poetical for cridhe.)
criabhar, see criathar.
criabus, (AF) *s.m.* Pig.
criabus-mara, (AF) *s.m.* Porpoise.
criach, -a, -an, *s.f.* *prov.* for crioch.
criach, *pr.pt.* a' criachadh, *v.a.* see criochnaich. 2‡‡Propose to one's self.
criachadh, -aidh, *s.m.* see crìochnachadh, 2‡‡ Proposing to one's self, intending. A' c—, *pr. pt.* of criach.
criadh, *gen.* -a, *dat.* criadhaidh, *s.f.* Clay, dust. 2 Body, being. Clàbar c., *miry clay.*
———a, *gen.* of crladh.
———ach, -aiche, *a.* Clayey, earthen, clayish, argillaceous.
———ach, *s.f.* see criadh.
———achd,** *s.f.ind.* Crockery.
———adair, -e, -ean, *s.m.* Potter.
———adaireachd, *s.f.* Potter s trade, pottery. 2 Pottery (place.)
criadh-an-fhùcadair,* see crè-an-fhùcadair.
criadh-aol, -aoil, *s.m.* Mortar.
criadh-cheangail, *v.a.* Cement, lute.
criadh-chlachair,** *s.m.* Bricklayer.
criadh-dhuslach, *s.m.* Brickdust.
criadh-fhear, *s.m.* see criadhadair.
criadh-loisgear,** *s.m.* Brickmaker.
criadh-loisgte, *s.f.* Brick (*lit.* burnt clay.)
criadh-luch, -a [& -aidh,] *s.f.* Mole.
———ag, see criadh-luch.
criadh-mhathachaidh,‡‡ *s. f.* Marl. 2 Earth used as manure.
criadh-reamhar,‡‡ *s f.* Marl.
criadh-thaigh, -e, -ean, *s.m.* Clay house, earthen house. 2 The Grave. Sìth ann ad ch. caol, *peace in thy narrow dwelling of clay—grave.*
criadh-umha, *s.f.* Brass-ore.
crian, see crion.
crianag, see crionag-ghiuthais.
crianta, see crionta.
†criapach, -aiche, *a.* Rough.
criair, *v.a.* see criathair.
criarach, see criathrach.
criaradh, -aidh, see criathradh.
criatach,** see cniatach.
———adh, see cniatachadh.
criataich, see cniataich.
criatag, -aig, see cneutag.
criatair, see cniatair.
criath, -a, *s.f.* see criadh.
———ach, -aiche, *a.* see criadhach.
———air, *pr.pt.* a' criathradh, *v.a.* Sift. 2 Examine minutely. 3 Filter.
———airte, *past pt.* of criathair. Sifted, &c.
criathar, -air, -an [& -thran,] *s.m.* Sieve, riddle, cribble.
criathar, see criathair.
criatharadh, -aidh, see criathradh.
———an, -ain, -an, *s.m.* Little sieve.
——— -meala, *s.m.* Honeycomb.
criathrach, -aich, -aichean, *s.m.* Wilderness. 2 Marshy ground, swamp.
———, -aiche, *a.* Like, of, or belonging to, a sieve or riddle.
———adh, -aidh, *s. m.* Sifting, filtering, minute examination. A' c—, *pr.pt.* of criathraich.
———ail,* *a.* Marshy.
criathradh, -aidh, *s.m.* Sifting, act of sifting. A' c—, *pr. pt.* of criathair. 2* Shrugging.
criathrag,** *s.f.* Filter.
criathraich, *pr.pt.* a' criathrachadh, *v.a.* Sift, examine. 2 Filter.
———te, *a. & past pt.* Sifted, examined.

criathran,** -ain, *s.m., dim.* of criathar. 2 *n. pl.* of criathar.
†crlb, -e, *s.f.* Swiftness, speed. 2 Comb.
crich, *dat. sing.* of crioch.
criche, *gen. sing.* of crioch.
cridhe, *pl.* -achan, *s.m.* Heart. 2**Understanding. 3**Courage. 4‡‡ Centre. 5 ‡‡Kind of buckle. 6 Presumption, courage, cheek, nerve. A chiall mo ch. ! *my dearest dear !* ; a mhic ch. ! *my dear sir !* a nic cridhe, *my dear madam !* ; fuir mo chridhe, *man of my heart* —a common way our forebears had of expressing themselves on meeting a friend they held dear ; air c. do dhearnaidh, *on the middle* (*lit.* heart) *of your palm—W. of Ross-shire* ; cha deas c. misgeach breug, *a drunken soul tells no lies*; nach ann aige tha 'n cridhe ! *how hardened he is !* ; bha mi mar mo chridhe air son sin, *I did my utmost for that*; bha e mar a ch., *he was very keen for* it; is aon an c., *their hearts are one* ; dè a' ch. a bh' agad ! — (i. e. de chridhe a bh' agad,—*a'* is not the article, but what remains of the prep. *de*);*how dare you presume!*; cha'n 'eil a' ch. agad, *you dare not*; cha'n 'eil a' ch. no a dh'anam agad, *you dare not for your life* ; buinidh an gnothach sin do d' ch. féin, *that is a matter for your own consideration*; gun ch,, *without understanding.*
———ach,** -dhich, *s.m.* Hearts, at cards. Aon a' chridhich, *the ace of hearts.*
———ach, -dhiche, *a.* see cridheil.
———achan, -ain, -an, *s.m.* Small brooch or buckle worn at the breast. 2‡‡Little heart.
———ag,** -eig, *s.f.* Mistress, female favourite.
cridhealachd, see cridhealas.
cridhealas, -ais, *s.m.* Cheerfulness, merriness, hilarity, state of being touched with drink. 2* Kind or hearty reception, as by a host.
cridhean, *s.m.* Gallant, favourite. [†† cridhein.]
cridhe-chrionachd, *s.f.* Systole, contraction of the heart.
cridheil, -eile [& -eala,] *a.* Hearty, cheerful. 2 Courageous, bold. 3* Kind. Bha iad c. maille ris,*they were merry with him.*
crileag,†† -eig, *s.f.* Small sprinkling, few grains.
crilein, -e, -ean, *s.m.* Box, small coffer. 2 †† Small creel. 3 Small quantity. 4(AH)Small quantity of any granular substance, as meal, sugar, or salt.
crimeagach,** *a.* (criomag) Carping.
crim-raineach,‖ s. Sweet mountain fern—*aspidium oreopteris.*



229. Crim-raineach.

crìn, -e, *a.* Niggardly.
crìnbhriathrach,* *a.* Silly, talking foolishly.
crìnceanachd,** *s.f.* Humourousness.
crìndreas,** -dris, *s.m.* Bramble.
crìne, *s.f.ind.* Niggardliness, meanness. 2 Withering. 3 Rottenness. 4 Littleness. 5‖ Consumption. Cridhe na crine, *a niggard.*
crine, *comp.* of crion.
-———achd, *s.f.* see crìne.
crinead, -eid, *s.f.* see crìne.
crineam,** -eim, *s.m.* Fall.
†crineamh, -eimh, *s.f.* Fate, destiny.
†-———, *s.m.* Fall.
†-———uin, see crineamh, *s.f.*
crinean, -ein, -an, *s.m.* Miser. [†† gives *n.sing.* crinein, and *n.pl.* crineinean.]
cringeanach,** *a.* Crabbed.
———d,** *s.f.ind.* Crabbedness.
crìnlein, -e, -ean, *s.m.* Small writing desk.
†crinteach, -tiche, *a.* Fretful, anxious.
†criobh, -a, -an, *s.f.* Jest. 2 Trifle.
crìoch, -iche, -an [& -a,] *s.f.* End, limit. 2 Boundary, frontier, land-mark,march, border. 3 Conclusion. 4** Brief. 5**Preferment. 4 Design, intention. 5 Country. 6 Death. 7 ‡‡Copse. Mu na crìochan, *about the borders* ; cuir c. air, *finish it ; 2 kill him ;* tha 'n là a' tighinn gu crìch, *the day is drawing to a close ;* c. deas na gréine, *the Tropic of Capricorn ;* c. m' athar, *my father's boundary*; crìochan ciana, *distant countries.*
———adair, -ean, *s.m.* Borderer. 2 Finisher. 3 Gag-tooth, (coin-chriche.)
———ail,‡‡ -e, *a.* Limitaneous.
———air, *s.m.* Border keeper, margrave.
———alachd, see crìochnachadh.
crìochan, -ain, *s.m.* Strife. 2 Querulous tone. 3 *n.pl.* of crìoch. Na Garbh-chrìochan, *the tract of country lying between Loch Suineart in the South, and Loch Hourn in the N.E.* (*lit.* the rough boundaries.)
crìochar,** *a.* Briery.
crìoch-chaithriseach,‡‡ -eiche, *a.* Limitary.
crìoch-chluiche,** *s.f.* Epilogue, end of a play.
crìochdair,** -ean, see crìochadair.
crìoch-fhradhairc,‡‡ -e, *s.f.* Horizon.
crìochnach, *a.* Come to years of maturity or discretion. 2 Desistive.
crìochnachadh, -aidh, *s.m.* Finishing, completing, concluding. 2 Act of finishing or concluding, completion. A' c—, *pr. pt.* of crìochnaich.
crìochnachair, ** *s.m.* Accomplisher. 2 Closer.
crìochnaich, *pr. pt.* a' crìochnachadh, *v.a.* End, finish, conclude. 2 Fulfil, accomplish. 3 Die. 4 Propose to oneself. Ch. e an raoir, *he died last night.*
———e, -an, *s.m.* Finisher.
———te, *past part.* of crìochnaich. Finished, completed, fulfilled. 2 Mature,perfect. Duine c., *a full grown man.*
crìochnaidheach, -eiche, *a.* Finite. 2 Desistive.
———d, *s.f.ind.* Finitude, finiteness, quality of having an end.
crìochnaigheach, see crìochnaidheach.
———d, see crìochnaidheachd.
crìochnuich, see crìochnaich.
crìochnuigheachd, see crìochnaidheachd.
crìochran,(AF) *s.m.* Stonechat, see cloichearan.
crìoch-sgeòil,** *s.f.* Epilogue, end of a tale.
crìoch-smachd, -a, -an, *s.m.* Government.
criodaich,* *v.a.* see cniadaich.
criodair,** -ean, *s.m.* Fondler.
criodhail, -e [& -dhala] see cridheil.
criodhalachd, *s.f.ind.* see cridhealas.
criodhalas, -ais, see cridhealas.
criodhaltas, -ais, see cridhealas.
criodhar,(AF)*s.m.* Woodcock,see coileach-coille.
†criodhar, -air, -airean, *s.m.* Leech.
criodhdaich,* see cniadaich.
criogag,†† -aig, *s.f.* Very slight knock.
†criol, -a, *s.m.* Chest, coffer, basket.
†———ach, -aich, *s.f.* Repository. Graibh ch., *a repository of archives.*
criom, *pr.pt.* a' criomadh, *v.a.* see creim.
-———achd, *s.f.* see creimeadh.
criomadan, -ain, -an, *s.m.* see criomag.
criomadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of criom, see creimeadh.
criomag, -aige, -an, *s.f.* Small bit of anything, fragment, tatter, shiver, shred, morsel 2** Tit-bit. 3**Mouthful. A' dol 'na chriomagan, *falling to pieces.*

criomagach,†† *a.* In small bits.
———acnadh, -aidh, *s.m.* Reducing to bits or crumbs. 2 Act of pounding or crumbling. A' c—, *pr. pt.* of criomagaich
———aich, *pr. pt.* a' criomagachadh, *v. a.* Crumble, pound. 2 Divide into bits or fragments. 3* Nibble. 4* Tease, gall.
criomagaichte, *past pt.* of criomagaich. Reduced to fragments, pounded, crumbled, torn into pieces.
criomair, -ean, *s.m.* Nibbler, picker, nipper.
†criomairt, -e, *s.f.* Second milk, cream.
crioman, -ain, -an, *s. m.* Bit, morsel, small piece of anything. 2**Crust. 3**Splinter. 4** Mouthful. C. arain, *a piece of bread*; c. crion, *a little bit.*
———ach,‡‡ -aiche, *a.* Piecemeal.
criomb,* *v.a.* see creim.
———air,* -ean, *s.m.* Miser, churl.
———anta,* *a.* Niggardly, mean.
———antachd,* *s.f.* Niggardliness, meanness, want of spirit.
criomchag,** *s.f.* Fault. 2 Invective.
crionman,(AF) *s.m.* Fox. 2 Wolf.
criointhann, see criomhan.
crion,**-a, *s.m.* Spirit in wood produced by heat.
crion, crine, *a.* Little, mean, trifling, diminutive. 2 Niggardly. 3 Dry, withered, parched, shrunk. 4**Decayed. Balach c., *a little boy*; duilleag ch., *a withered leaf*; sior fhàs fuilt, crion fhàs cuirp, *overgrowing of the hair means the undergrowing of the body*—these are some of the signs noted of the progress made in other things as well as in the human body.
crion, *pr. pt.* a' crionadh, *v. a. & n.* Wither, fade, decay. 2 Blast. 3 Repress growth by oppression. 4**Depress 5(AC) see crein.
——ach,** -aiche, *a.* Withered, rotten, as brushwood.
——ach, -aiche, *s.f.* Withered tree. 2 Withered leaves. 3 Brushwood, firewood. 4 Decay. 5 Withering. 6 Term of extreme, personal contempt. 7 Withered branches, firewood. 8**Littleness of mind. 9**Pusillanimous person. 10††Rotten tree. A chrionaich nam Fiann ! *thou disgrace of the Féinne*; cual chrìonaich, *a faggot of firewood.*
crionachadh, -aidh, *s.m.* Withering, decaying, fading. 2 Circumstance of withering, decaying or fading. 3**Blasting or scorching with heat. A' c—, *pr. pt.* of crionaich.
crìonad, -aid, *s.m.* Littleness.
crionadh, see crionachadh. Air c., *withered.*
———, *3rd. sing. & pl. imper.* of crion. C. e, *let it wither.*
crionag-bhuidhe,¶ *s. f.* Golden-crested wren, —*regulus cristatus.*



230. Crionag-bhuidhe. *231. Crionag-ghiuthais.*

crionag-ceann-bhuidhe,(AF) *s. f.* Wren, mite-bird, yellow-headed mite.
crionag-ghiuthais,¶ *s. f.* Willow-wren—*sylviæ trochilus.*
crìonaich, *pr.pt.* a' crionachadh, *v.n.* Wither, decay, fade. 2 Scorch.
crionaidh, *fut. aff. a.* of crionaich. 2 *gen.sing.* of crionadh.
crionaidh, *a.* Withered, decayed. 2 Scorched. 3 Little, pusillanimous.
crion-allt, -uillt, *s.m.* Small rill. 2 Exhausted rill, stream nearly dried up by the sun's heat, stream that dries in summer.
crionan, (AH) -ain, *s.m.* Matter ejected by cows when in heat and before calving.
†crioncain, *v.n.* Strive, contend.
†crioncan, -ain, *s.m.* Strife, tumult. 2 Murmur.
crioncanach,** *a.* Quarrelsome, relating to a quarrel.
———·——adh, see crioncanachd.
———·——d, *s.f.ind.* Striving. 2 Quarrelsomeness, wrangling.
crion-chaith,‡‡ *v.a.* Absume, consume.
crion-chur, -uir, -e, *s.m.* Laying on of snow or small hail.
crionda, *a. prov.* for crionna.
crion-dhuilleach,-ich,*s.m.& f.* Withered foliage.
crion-dhuilleag, -eige, -an, *s.f.* Faded or withered leaf. Thuit e mar ch., *he fell like a withered leaf.*
crion-dris, -e, -ean, *s.f.* Bramble.
crion-fhaoileag,¶ *s. f.* Little gull, see crann-fhaoileag.
crion-fhiodh, -a, *s.m.* Decayed wood.
criodglach,(AH)*s.m.* Culprit. 2 One made to pay a penalty, see creineach.
crionlach, -aich, *s.f.* Brushwood, firewood.
crion-lach, -laich, *s.f.* Teal, see crann-lach.
crion-lus, -uis, -an, *s.m.* Withered herb.
crion-mhial, -a, -an, *s.f.* Wood-louse. wall-louse.
———ach, *a.* Abounding in wood-lice.
crìonna, *a.* Cautious, wise, prudent. 2 Penurious, parsimonious, niggardly. 3 Old, ancient. 4 Advisable. 5 Advised. 6* Attentive to the minutest articles of gain. 7**Discreet. Gu c. glic, *cautious and wise.*
crionnachd, *s.f.ind.* Caution, wisdom, prudence, sagacity. 2 Wit. 3 Penuriousness, sordidness. 4* Minuteness 5**Antiquatedness. 6 **Advisableness. Coimhead c., *regard discretion.*
crionnta, *a.* see crionna.
———chd, *s.f.* see crionnachd.
crionntag,†† -aig, *s.f.* see crìontag.
crion-searg, *v.a.* see crion-shearg.
crion-sgamnauach,** *a.* Asthmatical.
crion-sgolt, see crion-sgoltadh.
crion-sgoltach, -aiche, *a.* Splitting, causing fissures and cracks as in wood.
crion-sgoltadh, -aidh,*s.m.* Fissure in wood caused by heat or age. 2 Crack in any surface caused by heat.
crion-shearg,*v.n.* Wither, decay, fade. 2**Scorch.
crìontach,** -aiche, *a.* Saving, parsimonious, niggardly.
crìontachd,** *s. f.* Parsimony, saving spirit. Cinnidh a' ch., ach théid a' ro-chrìontachd a dhòlaidh, *the saving will increase his store, the too saving will destroy it.*
crìontag, -aige, -an, *s. f.* Sorry or parsimonious female.
crìontaireachd, see crìontachd.
criopag, -aige, -an, *s.f.* Wrinkle, as in the skin 2 Clew of yarn.
———aich, *v.a. & n.* Wrinkle, rimple.
crioplach, see cripleach.
———adh, see cripleachadh.
———d, see cripleachd.
crioplaich, see criplich.
———te, see cripleachta.
criopus,(AF) *s.m.* Stag.
crios, -a, -an [& -achan,] *s.m.* Belt, girdle. 2 Strap. 3 Zone, band. 4 The waist. †5 Sun. C.-claidheimh, *sword-belt*; c.-guaille, *shoulder-belt*; c.-muineil, *neck band*; c.-spéillidh, *sword-*

dlimp-band; tha tlachd tuaighte ri crios na h-oibre, *it is very interesting if done thoroughly*; léine chrios, *body-guard, circle of immediate followers*, cha'n 'eil mo theanga fo d' chrios, *my tongue is not under your girdle.*

·——, *v.a.* Gird, belt, border. 2** Envelop. 3** Bend round.

·——ach, -aiche, *a.* Girdled, belted. 2 Succinct. 3 Like, of, or belonging to, a belt or girdle, 4** Tight. 5** Striped.

·——achadh, -aidh, see crioslachadh.

criosadair, -ean, *s. m.* Belt-maker. 2†† One that belts.

·——·——eachd, *s.f.* Belt-making, occupation of a belt-maker.

criosaich, see crioslaich.

·————te, see crioslaichte.

criosan, -ain, -an, *s.m.* Small belt. 2 Slender waist. 3* Apron.

··———ach,†† *a.* Pertaining to a small belt.

crios-ceangail, *s.m.* Belt, swaddling band.

crios-chomhchululun, see crios-Chuchulainn.

232. Crios-Chuchulainn.

crios-Chuchulainn, *s.m.* Meadow-sweet, queen of the meadow, "my lady's belt,"—*spiræa ulmaria.*

crios-claidheimh, *s.m.* Sword-belt.

Criosd, -a, *s.m.* Christ, Our Saviour.

†criosda, *a.* Swift, quick, nimble, active, smart.

Criosdachd, *s.f.* Christianity. 2 Christendom. 3* Benignity. A' Ch., *Christendom.*

Criosdaidh, -e, -ean, *s.m.* Christian.

·————·—eachd, see Criosdachd.

Criosdail, -e [& -ala,] *a.* Christian, Christian-like.

†criosdal, -ail, *s.m.* Ring of thong or withe.

Criosdalachd, *s.f.ind.* Christian disposition and behaviour.

Criosd-athair, -athar, -thraichean, *s.m.* God-father.

Criosduidh, see Criosdaidh.

·————·——eachd, see Criosdaidheachd.

crios-féile, (AC) *s.m.* Kilt-girdle.

crios-guaille, see crios-guailne.

crios-guailne, *pl.* -an-guailne, *s.m.* Shoulder-belt.

crios-gualann, -ainn, see crios-guailne.

crioslach, -aich, -aichean, *s.f.* Girding of the loins. 2 Bosom-belt, girdle. 3**Border. 4†‡ Apron.

·————adh, -aidh, *s.m.* Girding, belting, tightening. 2 Act of girding, belting or tightening. 3**Bordering. A' c—, *pr.pt.* of crioslaich.

·————an, -ain, (AC) *s.m.* Bag suspended from the "crios" or girdle. C. chnò, *a girdleful of nuts.*

crioslaich, *pr. pt.* a' crioslachadh, *v.a.* Gird the loins. 2 Belt, bind. 3 Tighten. 4 Limit, determine. 5 Border.

·————te, *past pt.* of crioslaich, Girded, belted, bo·girt, bordered.

crioslaich, see crioslaich.

·————te, see crioslaichte.

crios-meadhon-an-t-saoghail, *s.m.* The Equator or equinoctial line (*lit.* the middle belt of the world.)

crios-mhuir, -mhara, *s.f.* Strait, arm of the sea.

crios-muineil, *s.m.* Necklace. 2 Neck-band.

crios-na-gréine, see grian-chrios.

crios-neimhe, *s.m.* The zodiac.

criosolit, *s.f.* Gaelic spelling of *chrysolite.*

crios-pasgaidh, *s m.* Swaddling-band.

crios-pheilear, *s.m.* Bandolier.

criosrachadh, -aidh, see crioslachadh.

criosraich, see crioslaich.

·————te, see crioslaichte. 2 *a.* Succinct.

crios-roinn, *s.m.* Shield divided by bend or band, party per bend in *heraldry.*

crios-spéillidh, *s.m.* Swaddling-band.

crios-tarsainn, *s.m* Shoulder-belt.

criosta, see criosaichte.

criostal -ail, -an, *s.m.* Gaelic spelling of *crystal.* Sruthan criostail, *crystal streamlets.* *233. Crios-roinn.*

·————ach, -aiche, *a.* Transparent, translucent 2 Crystalline.

criot, -a, -achan, *s.f.* Earthen vessel, *prov.*

criotach, *prov.* for cniadach.

criotaich, *prov.* for cniadaich.

†criotaidh, *a.* Earthen, made of clay.

criothach, see critheann.

†crioth-chumadair, -e, -ean, see creadhadair, (cré-chumadair.)

criothnach, -aiche, *a.* see critheach.

·————·———adh, -aidh, see crith.

·————·—ail, *a.* see critheach.

criothnaich, *v. a. & n.* see crith. Shake. 2 Tremble.

†crioth-stabhair, -ean, *s.m.* Potter.

crioth-thalmhuinn, *pl.* -anna-t-, see crith-thalmhuinn.

criothunn, -uinn, *s.m.* see critheann.

cripleach, -ich, *s.m.* Cripple.

·————·—adh, -aidh, *s.m.* Laming, act of laming or crippling. 2 Craziness. A' c—, *pr. pt.* of criplich.

·————d, *s.f.ind.* Lameness, decrepitude.

·————ta, *past pt.* of criplich. Crippled.

criplich,†† *pr.pt.* a' cripleachadh, *v.a.* Make lame, cripple.

criplich, *s.m.* see cripleach.

crislean, *s.pl.* Sinews.

†crislion, -in, see crislean.

crisgein-craisgein,†† *s.m.* Starfish.

crit, -e, -ean, see croit.

†criteagan, -ain, *s.m.* Dwarf.

crith, -e, -ean, *s. f.* Trembling. 2 Tremor—*paralysis agitans.* 3 Fit of ague. [Preceded by the article *a' ch*—] 4 (DU) Shivering, 5 (DU) Disease of sheep. Air chrith, *trembling.*

crith, *pr.pt.* a' crith, *v.n.* Tremble, shake, quiver. An talamh air ch., *the earth trembling*; geilb ch., *trembling from terror;* cuir air ch., *shake, cause to shake.*

crith, -e, *s. f.* Trembling, act of trembling or shaking. A' c—, *pr. pt.* of crith.

crith-chath, -e-, *s.m.* Battle-panic.

crith-cheann, -chinn, *s.m.* Shaking head.

·————·——ach, *a.* Shaking in the head, nodding, paralytic.

crith-cheòl, -chiùil, *s.m.* Warbling. 2 Quavering. 3 Musical trills.

crith-chosg.** *a.* Antiparalytic.

crith-chreideach, -dich, *s. m.* see crith-chreidmheach.

crith-chreideamh, *s.m.* Quakerism.

crith-chreidmheach, -ich, *s.m.* Quaker.

†orith-dhealbhair, see criadhadair.
crith-dhealrach, -aiche, *a.* Radiant.
crith-dhealradh, -aidh, *s.m.* Tremulous radiance.
crithe, *gen.* of crith.
———ach, -aiche, *a.* Shaking, quaking, quivering, aguish.
———ach, -ich, *s.m.* see critheann.
———achadh,** -aidh, *s.m.* Trembling, terror. A' c—, *pr. pt.* of crithich.
critheachan,¶ *s.m.* Wheatear, see brù-gheal.
critheadh,‡‡ -idh, *s.m.* Quaver
crith-eagal, -ail, *s.m.* Astonishment accompanied by extreme terror. 2 Consternation, trembling.
crith-eaglach, -aiche, *a.* Astonishing, dismaying. 2 Terrified, trembling, quaking. 3** Causing extreme terror.
critheanach, -aiche, *a.* Causing or inducing tremors. 2 Aguish. 3(DU) Shaky, insecure. Am fiabhrus c., *ague;* c. air a chasan, *shaky on his feet.*
———d, *s.f.* Aguishness.
critheanaich,†† *s.f.* Trembling, paralysis.
critheann,§ -inn, *s.m.* Aspen-tree—*populus tremula.* 2 Poplar. [With art. *an.*] Badge of Clan Fergusson according to some. Mar ch. 'san t-sìne, *like an aspen in the blast.*
———, *a.* Aspen.
———ach,‡‡ -aiche, *a.* Aspen.
———-chladaich, *s.m.* Erigo (plant.)
crithear, -ir, *s.m.* Spark of fire. 2 Drinking-cup.
crithein,(AF) *s. m.* Common sandpiper, see trilleachan-tràighe.
crith-fheur,§ *s.m.* Quaking grass, see conan.
crith-fhuachd,** *s.f.* Chilliness.
crith-fuinn, *s.f.* Earthquake.
crith-ghalar, -air, *s.m.* Palsy. 2‖Paralysis. †3 Ague.
crithich, *pr.pt.* a' critheachadh *v.n.* see crith.
crithidh, *fut. aff.* a. of crith.
crithionn, -inn, see critheann.
crith-làmh, -làmhan, -an, *s.f.* Trembling hand
———ach, -aiche, *a.* Having trembling hands.
———achd, *s.f.ind.* Trembling of the hands.
crith-mhosgladh, -aidh, *s.m.* Awaking in terror.
crithneachan,(AF) *s.m.* Wheatear, see cloich-earan.
crith-neul, -eòil, *s.m.* Shower.
———ach, -aiche, *a.* Showery.
crithnich, *pr.pt.* a' crineachdainn, *v.n.* see crith.
crith-oillt,** *s.f.* Shudder.
†crithre, *s.pl.* Small sparks from the collision of arms. 2 Small particles of anything.
crith-reodhadh, -aidh, *s.m.* Hoar-frost. 2 Mildew. 3 Blasting mist. 4 Weak ice, frost. Mar dhuilleach 'sa ch., *like leaves in hoar-frost;* na bhithe s c. ann, *if there be mildew.*
crith-reothadh, -aith, see crith-reodhadh.
crith-shùileach, -eiche, *a.* Having tremulous eyes. 2 Dim-sighted. 3 Blear-eyed. 4 Purblind.
crith-snàgadain,(DU) *s. f.* Rattling of teeth against each other through cold or fear.
crith-snàgadan,‖ *s. m.* "The pins and needles." [Preceded by the article *an.*]
crith-thalmhuinn, crithe-t-, *pl.* crithean-t-, *s.f.* Earthquake.
crith-theas, *s.m.* Mirage, the tremulous exhalation observed near the surface of the ground on a hot day.
crith-thinneas, see crith-ghalar.
criudarnach, -aich, *s.m.* The hiccough.
criun,(AF) see crionhan.
cro,(AF) *s.* Pig.
cro, -òtha, -òithean [& -òitean,] *s.m.* Circle. 2 Sheep-cot, pen or fold, wattled fold. 3 Stall. stable. 4 Hut, hovel, cottage. 5 Witchcraft. 6 Eye of a needle. 7 *rarely* Group of children. 8 High wattled cart rim. 9 see cnò. 10 see crodh. 11§ Saffron, see crò-chorcur. 12(AC) †Heart. 13†Death. 14 see grà. 15‡‡ Iron bar. 16**Crop. C. na mòine, *the peat-cart;* crò crodh-bainne, *a fold of milch cows;* a Chriosda Chrò-naomhe, *O Christ of the Holy Blood;* crò chaorach, *a sheep-fold;* cha fail 'sa bhitheas monadh an Ceann-tàil, cha bu Mac-Coinnich gun àl 'sa chrò, *as long as there are moors in Kintail, MacKenzie will not want cattle in the pen*—c. has a double meaning here, being also the name of a place in Kintail, girt with hills, and from which the river Crò is named.
crò, *v.a.* Fold, enclose in a fold. 2 Hem in together.
crò, crotha, *a.* Strait, narrow. 2 Close. 3 see còrdha.
cro'an, -ain, -an, *s.m.* see crodhan.
crobh, -a, *s.m.* Hand. 2** Claw, paw. 3**Hoof. Ge b'e air bith tha thu ag itheadh no ag òl, is léir a bhlàth air t' aghaidh gu'm bheil aghaidh do chrobhan ri d' chraos, *whatever your meat and drink be, it is very clear from your face that your hands and your mouth are good friends*—said by a master to a servant, who protested that she ate nothing but bread and milk.
crobhagan,‡ *s.m.* Handful.
crò-buntàta,(AH) *s.m.* Small enclosure for potatoes.
†crobhall, -uill, *s.m.* Genitalia.
crobhan, see crodhan.
———ach, see crodhanach.
crobh-priachain, *s.f.* The herb Crane's bill.
crobhsag,(CR) *s. f.* Variation of *groiseid—W. of Ross-shire.*
còrbhtach, *a.* Tender-soled.
còrc, *v.a.* Beat, pound, *prov.*
còrc, -òic, -òicean [& -òcan], *s.m.* Deer's antler. 2 Given by ** in error for crog.
croc, see cnoc.
crocach, see cnocach.
còrcach, -aiche, *a.* Branched, antlered. 2 Horny, having large horns.
còrcach††, *s.m.* Spiked instrument to keep calves from sucking.
†crocad, -aid, *s.m.* Barley-broth, pottage.
crocadul,†† -uil, *s.m.* Crocodile.
còrcag,(DU) *s.f.* Crook handle of a stick. 2‡‡ Pothanger.
crocaid,** -ean, *s.f.* Cockernony.
crocaireachd see cnocaireachd.
còrcan, -ain, -an, *s.m.* Crook, hook. 2(MMcD) see mac-an-òg.
crocanach,* -aiche, *a.* Crooked.
crocan-cairt,(MMcD) *s.m.* Implement made of iron with wooden handle, used for digging or dragging the roots of the "cairt-làir" from the ground—*Lewis.*
crocas, -ais, *s.m.* Cork—*Gairloch.*
còrc-cheannach, -aiche, *a.* Antlered, horned. 2 Having branching horns.
còrc-dhearg, -dheirge, *a.* see crà-dhearg.
còrcha, -òich, *s.m.* Saffron, see crò-chorcur. 2 Red-colour. Léine c., *ancient Highland mantle.*
còrcha, *a.* Saffron-coloured, red, crocus.
croch, *pr.pt.* a' crochadh, *v.a. & n.* Hang suspend. 2 Punish by hanging. 3 Depe d. 4 Linger, hover. Ch. iad e, *they hanged him;* c. an còta, *hang the coat.*
còrchach, -aiche, *a.* Saffron-coloured, cornigerous.
crochadach,‡‡ -aiche, *a.* Pensile.

crochadair, -ean, *s.m.* Hangman.
crochadaireachd, *s.f.ind.* Business of a hangman. 2 Hovering or lounging about.
crochadan, -ain, *s.m.* Pendulum. 2 Pendant. 3 Tassel.
crochadas,** -ais, *s.m.* Appendage.
crochadh, -aidh, *s.m.* Hanging. 2 Act of hanging or suspending. 3**Suffocation. 4**Hovering. 5**Grief. A' c—, *pr. pt.* of croch. An c. ris, *depending on it*; c. pòite, *a meal, one potful.*
crochag, -aig, -an, *s.f.* Ear-pendant. 2**Pendulum.
crochaid,** -ean, *s.f.* Frontlet, particular form of dressing a young woman's hair.
crochaire, -an, *s.m.* Villain, (one deserving to be hanged.) 2**Idle fellow. 3**Hangman.
————achd, *s.f.* Villany. 2 Idleness. 3 Lounging.
crochan, -ain, -an, *s.m.* Pothook.
croch-aodach, -aich, *s.m.* Haugings.
crò-chaorach, *s.m.* Sheep-fold.
crochar, -air, -airean, *s.m.* Bier. 2 Horse-litter. 3 Body.
†cro-charb, -airb, -airbean, *s.m.* Bier.
cro-charbad,** -aid, *s.m.* Hearse.
†crocharsach, -aich, *s.m.* Sheep-fold.
croch-bhrat, -ait, -an, *s.m.* Hanging tapestry. 2 **Curtain. 3**Screen. 4**Blind. 5 Drop-scene.
crò-chì -òichde, -òchdan, *s.f.* see cròc, *s.m.*
cr- -d see cnoc.
cròch- -ach, -aiche, *a.* see cròcach.
crochnach, see cnocach.
crochdaid, -aide, -aidean, see crochaid.
crò-chorcur,‡ *s. m.* Saffron crocus, meadow-saffron—*crocus sativus* or *colchicum autumnale.*

231. Crò-chorcur.

crochta, *past pt.* of croch. Hung up, suspended. 2 Hanged.
crò-chuilc,(AF) *s.* Recessed pen, pen in the hollow between two or more hills. 2 Place-name.
crodal, see crotal 4.
cròdan, see cnòdan.
crodh, cruidh, *s.m.* Cattle, especially black cattle. 2 *pl.* Herds. 3 Dowry, portion. 4 The fine imposed by the ancient Scots on one who was guilty of murder. It differed for every man murdered according to his rank. The c. of a king was 1,000 cows, of an earl 140, of a thane (earl's son) 100, of a villain or plebeian 16.
cròdh, *v.* see crò.
cròdh,** fee cròdhan.
cròdh,‡ *s.f.* Saffron crocus, meadow saffron, see cro-chorcur.
cròdha, *gen.*crodhaidh[& croidhe,] *pl.* croidhean, (DU) *s.f.Gairloch & W. of Rossshire* for crudha.
cròdha, -òidhe, *a.* Valiant, heroic, brave. 2** Powerful. 3**Hardy. 4**Active. 5**Clever. 6**Effective. 7††Stout, valorous.
————chd, *s.f.ind.* Valour, bravery, prowess. 2 Hardihood. 3**"Cleverness," activity.
cròdhadh, -aidh, *s.m.* Contraction, act of contracting. 2 Gathering in of corn. 3 Gathering into a fold. 4 Rebuke.
crodhaich, (C R) *s.* Something that adulterates the milk, said locally to be a disease of the shaws of potatoes, when black spots or lumps form and the top falls down—*Suth'd.*
†crodhaiche, -an, *s.m.* Heir.
crodhal,(AC) *a.* Valiant. Micheal c., *valiant M.*
————achd, *s.f.* see cròdhachd.
crodhall, see croghall.
crodhan, -ain, -an[& -ain,] *s.m.* Parted or divided hoof, as of sheep or cows. 2**Paw. 3 **Claw. 4 Clumsy hand. 5 (AF) Piece of wood fixed in or tied to the mouth of a calf like a bit and round the back of the head, to prevent it sucking its mother when following. Reubaidh e an crodhain, *he will tear their claws*; an c. mo làimhe, *in the palm of my hand.*
————ach, -aiche, *a.* Having parted hoofs, cloven-footed. 2 Having claws or paws. 3 Like a claw or hoof. Tarbh c., *a bull that has hoofs.*
crodh-bainne, *s.m.* Milch-cattle.
crodh-caoch,(AF *s.m.* Hornless cows.
crodh-chorcur, see crò-chorcur.
crò-dhearg,** -dheirg, *s.m.* Saffron. 2 Crimson.
————, -dheirge, *a.* see crà-dhearg.
crò-dhìon,(AC) *s.m.* Sanctuary.
crodh-fhionn, see croidh-fhionn.
crodh-gamhnach, *s.m.* Farrow cattle (giving milk, but not with young.)
crodhlainn,‡‡ -e, -ean, *s.f* Decrepit old woman.
crodh-mara,(AC) *s.pl.* Sea cows.
crodh-reic,(AF) *s.m.* Selling stock.
crodh-seasg, *s.m.* Barren cattle.
crodh-sìth,(AF) *s.m.* Fairy cattle, said to have been of a dun colour in *Harris*, and speckled red in *Skye*. Their calves had short ears, as if the upper part had been cut off with a knife and a slit made in the top—corc-chluasach.
crog, -a, *pl.* -achan & -aichean, *s.f.* Aged or effete ewe, sheep past bearing. 2 Three-winter ewe. 3 Draft ewe, draft gimmer.
cròg, -òige, -an, *s.m.* Large or clumsy hand. 2 Clutch. 3 Palm of the hand. 4 Paw. 5** Claw. 6** Fist. Làn mo chròige de 'n òr bhuidhe, *my fist full of the yellow gold.*
crog, -a, -achan, *s.m.* Earthen vessel,crock,jar.
crògach, -aiche, *a.* Having large clumsy hands. 2 Having paws. 3 Like a paw. 4‡‡Clutched.
crogach, -aiche, *a.* Of, connected with, or full of, earthen vessels or crocks.
crògach, *s.f.* Female with large hands.
crogaichean, *pl.* of crog.
crogaid,* *s.f.* Beast having small horns.
cròg air,* *v.a.* Handle awkwardly, bungle.
cròg aire, -an, *s.m.* One who searches or handles awkwardly, bungler. 2* Man having large hands.
————achd, *s.f.ind.* Act of searching or handling awkwardly, or with foul hands or fingers. 2**Pawing.
crogairneach, -nich, *s.m.* Rocky ascent.
crogairsich,* *s.f.* Rough handling. 2 Bungling, spoiling.
crògairt, *s.f.* see cròg aireachd.
crogais, -e, -ean, *s.f.* Barren winter ewe, three-shear ewe—*Lewis.*
crogan, -ain, *pl.* -ain & -an, *s.m.* Pitcher, little earthen dish. 2 Lean, little person. 3*Little horn. 4 Muck-fork, (gràba-crom.) 5(AF) see cragan-feannaig. 6††Twisted and shrivelled branch. C. caillich, *a shrivelled old woman*; c. tràghad, *sea-urchin.*

Croganach, -aiche, *a.* Shrivelled up, scraggy, lean, shrunk. 2††Pertaining to jars or pitchers.
cròg-arsaich, *s.f.* see crògaireachd.
cròghadh, -aidh, see còdhadh.
croghall, -aill, *s.m.* Crocodile. 2 Alligator.
croghall mór,** *s.m.* Alligator.
cròglach, -aich, *s.m.* Handful.
cròg-nachadh, -aidh, *s. m.* Pawing, handling awkwardly or indelicately. 2 Act of pawing or handling indelicately. A' c—, *pr.pt.* of cròg-naich.
cròg-naich, *pr.pt.* a' cròg-nachadh, *v.a.* Handle indelicately or clumsily.
cròg-ri-fraigh, -e, *s.f.* The shadow of a hand upon the wall to frighten children.
croibheal, -eil, *s.m.* see coireal.
cròic, -e, -ean, *s.f.* Deer's antler. 2 Rage. 3 Foam on the surface of spirituous liquors. 4 Skin, hide. 5 ‡Cast sea-weed. 6 Difficulty, hardship, hard task. 7** Venison feast. 8 Sometimes used as the *nom.* case in place of cròc, instead of as its *gen.* Cha ch. sin air, *or* cha ch. air sin, *that is no task to him.*
croic, *gen. sing. & n. pl.* of croc.
·—— ·cheannach, -aiche, *a.* see cròiceach.
·——each, *a.* Rising into foam. 2 Abounding in cast seaweed. 3**Meadowy. 4 see cròcach.
——eadh, -idh, *s.m.* Act of branching out, like horns or antlers.
croich, -e, -ean, *s.f.* Gallows, gibbet. 2**Cross.
cròich, (CR) *s. f.* Difficulty of breathing, as from asthma or from cold. 2 Wheezing—*W. of Ross-shire.*
croicheil,‡‡ -e, *a.* Patibulary, pertaining to a gibbet or gallows.
croicionn, -inn [& -cne,] *pl.* -cnean, see craiceann.
·————ach, see craicneach.
croicne, (for craicne) *gen. sing.* of craiceann.
croicneach, -iche, see craicneach.
croicneag, *s.f.* Integument.
croicnean, see craiceann.
croicnibh, see craicnibh.
cròid, -e, -ean, *s.f.* see cnòid.
——— -beòil, *s.f.* Saxboard, see under bàta, E8, p. 73. 2 Top-stroke, p. 76.

——— -bheag, *s.f.* Brace-stick of a boat, see under bàta, G2, p. 73.

cuairt-chainnt,‡‡ -e, *s.f.* Circumlocution.

———————each,‡‡ -eiche, *a.* Circumlocutory.

cuairt-char,‡‡ -uir, *s.m.* Meander.

cuairt-cladaich,(AC) *s.f.* Shore circuit, a practice prevalent in the Western Isles of going daily round the sea-shore on the chance of picking up flotsam.

cuairt-claidh, (AC) *s.f.* Circuit of the burial-ground.

cuairt-dhurrag,‖ *s.f.* Ringworm. [Preceded by the article *a' ch*—.]

cuairt duine,(AC) *s.f.* Man's time.

cuairteach, -tiche, *a.* Circular, round. 2 Circuitous, circumambient. 3 Ambient. 4 Full of circles. 5**Mazy.

————,‖ -tich, -tichean, *s.f.* Epidemic disorder. [Preceded by the article *a ch*—.] A' ch. sgàrlaid, *scarlet fever—Gairloch & W. of Ross-shire.*

————adh, -aidh, *s.m.* Surrounding. 2 Act of surrounding, encircling, encompassing, or enclosing. 3 Whirling. 4 Circulation. 5 Compass, compassing. 6 Visiting. 7 Tour. 8 Circuit. 9 Circumlocution. 10 Investing. 11 Enclosure. 12 Siege, besieging. 13(AC) Sanctuary. A' c—, *pr.pt.* of cuairtich. C. chaorach, *a general gathering of sheep into a fold.*

cuairteachadh-teaghlaich, (AC) *s. m.* Family worship.—*Ross, Sutherland & Caithness.*

cuairteachas, -ais, *s.f.* Journeying, tour, round of visiting, gossiping.

cuairteag, -eige, -an, *s.f.* Little circle. 2 Round hollow. 3 Little whirlpool. 4 Bird's nest. 5 Fillet in architecture. 6 Wheel. 7 Eddy. 8 Gulf. Eun an fhraoich 'na ch., *the heath-fowl in its nest.*

cuairteagach, -aiche, *a.* Circular, round. 2 Eddying. 3 Globular. 4 Circling. 5 Gulfy. Aitreabh c., *a circular dwelling, a nest.*

cuairteagan, *s.pl.* Fruit of the apple-tree.

cuairteag-shluganach,** *s.f.* Little whirlpool.

cuairt-ealain,‡‡ *s.f.* Cyclopædia.

cuairtean, -ein, *s.m.* Little circle. 2 Little circuit. 3 Maze, labyrinth. 4**Whirlwind. 5 **Eddy. 6 Period in *writing* (.) 7 *n. pl.* of cuairt. 8 Strakes in boat, see bàta, G12, p.73.

cuairteanach,** *a.* see cuairteach.

cuairtear, -eir, -eirean, *s.m.* Tourist, visitant, sojourner, pilgrim.

cuairt-eòlais,‡‡ *s.f.* Cyclopædia.

cuairt-ghaoth, -ghaoithe, -an, *s.f.* Whirlwind, eddying wind. 'Sa chath mar ch., *in battle like a whirlwind.*

cuairtich, *pr. pt.* a' cuairteachadh, *v. a.* Surround, enclose, encompass on all sides, environ, make a circuit. 2 Gather in, collect, as cattle. 3‡‡Fillet, in architecture. 4(WC)Engage, perform. 5(WC) Find—*Lewis.* C. do dhleasdanas, *do your duty* (very imperative); bithidh sinn a' cuairteachadh an aoraidh-theaghlaich, *we shall engage in family worship*; cha bhi mi fada 'ga chuairteachadh, *I shall not be long in finding it.*

cuairtichean,(AC)*s.pl.* Circuiters, men from each of two families taken in rotation, chosen to patrol the townland at night to keep deer and other vermin from the crofters' crops, before the security of tenure recently obtained by them enabled them to erect fences round their holdings.

cuairtiche-sgàrlaid,‖ *s.f.* Scarlet fever. [Preceded by the article *a' ch*—.]

cuairtichte, *past pt.* of cuairtich. Surrounded, enclosed, encompassed on all sides. 2 Collected. 3 Filleted, in architecture.

cuairt-imeachd,** *s.* Circulation.

cuairt-iùl, *s.f.* Cyclopædia.

cuairt-labhairt,‡‡ *s.m.* Circumlocution.

cuairt-labhrach,‡‡ -aiche, *a.* Periphrastic.

cuairt-lin,** s. Circumference.

cuairt-linn, -linntean, *s.f.* Whirlpool.

cuairt-lùb, *s.m.* Circumflex accent in *writing* (à.) 2‡‡Meander.

cuairt-Mhicheil,(AC) *s.f.* Circuit made round burial-grounds on St. Michael's day.

cuairt-ràdh, *s.m.* Circumlocution.

cuairt-shàbh,‡‡ -aibh, -an, *s.m.* Compass-saw.

cuairt-sheòl,** *v.a.* Circumnavigate.

cuairt-shiùbhlach,‡‡ -aiche, *a.* Circumrotary.

cuairt-shlugan, -ain, -an, *s.m.* Whirlpool, eddy, vortex.

cuairt-shluganach, -aiche, *a.* Abounding in whirlpools.

cuairt-shruth, -shruithean, *s. f.* Whirlpool or eddy in a stream. 2 Stream abounding in whirlpools or eddies.

cuairt-shuidheachadh,** *s.m.* Circumposition.

cuairt-thoisich, *s.f.* Brace-stick of a boat, see under bàta, G2, p. 73.

cuairt-tìme,(AC) *s.f.* Time-circuit.

†cuaith, -e, *s.f.* The country.

cual, -uail, -uailtean, *s. f.* Faggot. 2 Burden of sticks. 3 Back-load. 4(AF)Herds, cattle. †5 see gual. C. chonnaidh, *a faggot of firewood*; cleas gille nan c., cual bheag is tighinn tric, *the carriers' motto—little at a time and coming often*; a' ch. chrò, *a door of heather*, always used in the sheep-folds and in the airidhs and in old houses in Gaeldom—cuir a' ch. (*or* a' ghual) 'san dorus, *shut the door*—(WC.) [**gives "an c. chrò, *the sheep fold*," which appears to be incorrect both in gender and meaning.] C. fhraoich, *bundle of heather* of certain dimensions, tied up with ropes made of birch switches (a' bharrach.) The ropes were exactly six feet long with loops at end for tying—(WC.)

cuala, *past interr.* of cluinn. Nach cuala mi? *have I not heard?*; is fada bho 'n a chuala mi.. ., *I have always heard*...., (generally said of a proverb); tha mi far nach cuala mi riamh e, *well, well, I never heard of such a thing!*

cualach,†† -aich, -aichean, *s.m.* Great burden of sticks. 2 Act of gathering sticks. 3 see cuallach.

———, -aiche, *a.* Having many faggots, burdened.

cualag, -aige, -an, *s.f.* Little burden, bundle. 2 Hard task. Cha ch. sin air, *that is no task to him. 2 that were no indignity to him, he took it quite as an ordinary affair.*

cualan,** -ain, *s.m.* Little burden. 2 Faggot. 3 *W. of Ross* for cuileau.

cualas, *past pass.* of cluinn. Was heard. Gus an c. mu 'bhuaidh, *till we have heard of his victory.*

cual-chnàmh,(AH) *s.f.* Anything shattered to very small pieces. Bhuail e a' phoit leis an òrd agus rinn e c. dhi, *he struck the pot with the hammer and smashed it to atoms.*

cuallach, -aich, *s.m.* Herding, tending of cattle 2 Keeper of cattle. 3(AF)Cattle, stock cattle. 4 see cualach. Agus e a' c. na spréidhe, *and he tending the cattle.* A' c—, *pr.pt.* of cuall-

aich.
cuallach, -aich, *s. f.* Corporation, society, fraternity, company. 2 Family.
·————adh, -aidh, *s. m.* Tending of cattle, herding. A' c—, *pr.pt.* of cuallaich.
† ————d, *s.f. ind.* Dependants. 2 Herding. 3 *rarely* Colony.
cuallaich, *pr. pt.* a' cuallach & a' cuallachadh, *v.a.* Tend or herd cattle, *prov.*
·————e,** *s.m.* Keeper of cattle. 2 Society. †3 Companion.
cù-allaidh,(AF) *s.m.* Wolf.
cuallaidheachd, *s.f.* Society.
†cuallas, -ais, *s.m.* Assembly.
†cua-mhargadh, -aidh, *s.m.* Shambles. 2** Flesh-market.
†cuamhor, *a.* Fat, corpulent.
cuan, -ain, cuantan [-uaintean & -uanta,] *s.m.* Sea, ocean, the deep. 2** Large lake. 3** *rarely* Harbour, haven, bay. 4**Deceit. 5** Multitude. 6(AF) Pack of hounds or wolves. An t-àrd-chuan, *the high sea;* air|àrd a' chuain, *on the high seas.*
cuanairt, *s.f.* Pack of hounds.
cuanal, -ail, -an, *s.m.* Company. 2 Band of singers, choir. 3* Group of children living on the best of terms. 4(AC) Flocks, cattle, horses, sheep, goats.
cuanar, -aire, *a.* Soft, calm. 2††Handsome, fine, trim.
cuan-ard, -aird, -an, *s.f.* Stormy, tempestuous sea.
cuan-choire, *pl.* -choireachan, *s.m.* Gulf, whirlpool.
cuanda, see cuanta.
cuan-mara,(AF) *s.m.* Sea-urchin.
cuanmhor,‡‡ see cuannar.
cuanna, see cuannar.
cuanna, *s.m.* Hill.
cuannal, see cuanal.
cuannar, *a.* Handsome, neat, fine, showy, engaging, elegant. 2 Snug, comfortable. Bean bu ch. càil, *a woman of the most engaging temper.*
cù-an-òtraich,(WC) *s.m.* Mongrel dog.
cuanta, *a.* Able. 2 Robust. 3 Handsome, elegant, trim, tight, tidy. 4**Fine, showy, engaging. 5‡‡Prolific.
cuanta, *n.pl.* of cuan.
cuantach, -aich, *s.m.* Seafaring man. 2††Inhabitant of the sea-coast.
·————, -aiche, *a.* Sea-bred.
·————d, *s.f.* Daintiness. 2**Handsomeness, fineness, neatness, tidiness, showiness.
cuantaibh, *dat. pl.* of cuan.
cuantaiche, *s.m.* Rover.
cuantal, -ail, *s.m.* Group. 2 Rapid torrent of language, *prov.*
cuantan, *n. pl.* of cuan.
†cuar, *a.* Crooked, perverse. 2(AC)Venomous.
·————,(AC) -air, -airean, *s.m.* Distress. †2Worm, screw. 3†Flesh. Gach c. agus cunnart, *every distress and danger.*
cuar,†† *pr.pt.* a' cuaradh, *v.a. & n.* Torment. 2 Feel sorely.
†cuara, *s.m.* Vessel.
cuaradh, -aidh, *s.m. prov.* for ciùrradh.
cuarag, -aige, -an, *s.f.* Knapsack. 2††Sock. 3 **Shoe made of untanned leather with hair on.
cuaran, -ain, *s.m.* Sock. 2 Brogue of untanned skin, commonly worn with the hairy side outwards. 3 Sandal. 4 Buskin. 5 Bandage on a wounded finger or toe, finger-stall. 6** Any part of a shoe. 7 Slipper. Feumaidh fear nan cuaran éirigh uair roimh fhear nam bròg, *the man of the sock must rise an hour before the wearer of shoes*—the lacing of the *cuaran* was a tedious affair—N.G.P.
————ach, -aiche, *a.* Socked, of, or belonging to, a sock, brogue or sandal. 2 Wearing hairy brogues. 3 Buskined.
————ta, *a.* Hardy.
cuaras,-ais, *s.m.* Lover. Stocainnean do m' ch., *stockings to my lover.—Lewis.*
cuarsgach, -aiche, *a.* Wrapped, enveloped. 2 Crooked, bent. 3 Round, circular. 4 Twisted, twirled, curled.
cuarsgadh, -aidh, *s.m.* Rolling, act of rolling. A' c—, *pr. pt.* of cuairsg.
cuarsgag,†† -aig, *s.f.* Curve, circle. 2*Eddy. 3* Curl.
————ach,†† *a.* see cuairsgeach.
cuart, see cuairt.
·——ach, *s.m.* Fever. 2 Current.
·——achadh, see cuairteachadh.
cuartachail,** *a.* Ambulatory.
cuartag, -aige, -an, see cuairteag.
————ach, -aiche, see cuairteagach.
cuartaich, see cuairtich.
————,** *s.m.* Farm servant in the Hebrides, whose sole business is to preserve the grass and corn of his employer. His wages are, grass for four cows, and as much arable land as one horse can plough and harrow.
cuartalan, -ain, -an, *s.m.* Turning round, act of turning round circularly, circuit, circuitous route.
cuartan, -ain, -an, *s.m.* Maze, labyrinth.
†cuartughadh, see cuairteachadh.
cuas, -ais, -an, *s.m.* Cave. 2 Any hollow or cavity. 3**Hollow of a tree. Bu ch. e, *it was a cave.* see còs.
——ach,** *a.* Cavernous. 2 Full of hollows or holes. 3 Concave.
——achd,** *s.f.* Hollowness. 2 Subterraneousness. 3 Concavity.
†cuasag, -aige, -an, *s.f.* Bees' nest. 2 Honeycomb in hollow trees. 3 Apple. 4 Egg. 5** Little cave.
cuasan,** -ain, *s.m.* Hole, cavity. 2 *n. pl.* of cuas.
cuat,(AC) *s.m.* Lover, sweetheart, bosom friend.
cùb, -ùib -an & -a, *s.f.* Sledge. 2 Pannier. 3 Box-cart. 4 Coup-cart. 5 Tumbril. 6 Gaelic spelling of *coop.* Fasan ùr ann am measg nam muillear, briseadh nan cùban, *a new fashion among the millers, breaking their carts, barrels, &c.—Duanaire, p. 38.*
cùb, -ùib, *s.m.* see cùbadh.
——, *pr. pt.* a' cùbadh, *v.n.* Crouch,stoop,bend. 2**Yield. 3**Lie down. 4 Shrink from fear. 5 Feel the utmost torment of mind.
——a, -n, *s.m.* Bed.
cùba-chùil, -n-cùil, *s.f.* Bed-chamber.
——ch, -aiche, *a.* Bent. 2 Hollowed. 2 Belonging to sledges or panniers.
——dh, -aidh, *s.m.* Bending. 2 Shrinking for fear. 2**Stooping. 3**Yielding. A' c—, *pr. pt.* of cùb.
cubadh, -aidh, *s.m.* Spelling.
cùbag, -aige, -an, *s.f.* Small pannier.
cùbaid, -e, -ean, *s.f.* Pulpit. 2 Precentor's desk.
·————h, -e, -ean, *s.f. Ross & Suth'd* for cùbaid.
cùbainn, *Lewis* for cùbaid.
cùbair, -ean, *s.m.* Cooper. 2‡‡Black-cock. 3 Shabby, sneaking fellow.
————eachd, *s. f. ind.* Occupation of a cooper. Ris a' ch., *working as a cooper.*
cùbait,** -ean, *s.f.* Gaelic spelling of *cubit.*
cubhag, -aige, -an, Cuckoo. 2 Snipe. 3 Wagtail. 4**in derision,* Person affected with itch. 5(DU) Silly woman. Cuir air ruith na cubhaige, *send on a fool's errand on 1st. April, make an April fool of* ; greim cubhaige, *a piece*



244. Cubhag.

of food to be eaten early, in order not to hear the cuckoo's call on an empty stomach ; chuala mi a' ch. gun bhiadh 'nam bhroinn, *I heard the cuckoo before tasting food*—considered a sign of an unlucky year to follow.

————ach,** *a.* Like a cuckoo, abounding in cuckoos. 2 Crump-footed. The saying "cho clomhach ris a' chubhaig," which means, as full of itch as the cuckoo, should doubtless be "cho clòimheach ris a' chubhaig," *as downy as the cuckoo.*

———— -chluaise, *s.f.* Tell-tale. Ge binn leinn a' chubhag cha bhinn leinn cubhag-chluaise, *we like the cuckoo but not the "ear-cuckoo."*

cubhag-ghliogarach,** *s.f.* Snipe.

cubhaidh, -e, *a.* Decent, fit, becoming, seemly. 2* Hereditary, having a just claim to. 3 **Compatible. Cha bu ch. dhuit, *you had no family right to it;* tha thu mar bu ch. dhuit, *you are just as one would expect (from such parents)* ; mar bu ch. do mhnathan pòsda, *as befitting married women.*

†cubhaidh, *s.f.* Honour.

cubhaidheachd, *s.f.* Seemliness, decentness, fitness, decency. 2** Compatibility. 3**Justness.

†cubhail, *s.m.* Religious habit.

cubhaing, -ean, *s.f. & a.* see cumhang.

†cubhais, *s.f.* Oath. 2 Conscience.

†cubhal, -ail, *s.m.* Religious habit.

cubhann, -ainne, *a. prov.* for cumhang.

cubhar,** -air, *s.m.* Corner. 2 see cobhar. 3 (AF) Hawk, see cabhar.

cubhas,** -ais, *s.m.* Word, promise. 2 Tree, block.

†cubhnachail, see cùba-chùil.

cubhrag,†† -aig, -an, *s.f.* Infant's flannel shawl.

cubhraich,** *v.a.* Aromatize.

————te, *past pt.* Aromatized.

cùbhraidh, -e, *a.* Fragrant, balmy, perfumed. 2 Having a pleasant flavour. Fàile ch. de d' anail, *a fragrant smell off thy breath* ; 'sa bheithe ch., *in the fragrant birch* ; rinn mi mo mo leabadh c., *I have perfumed my bed.*

————eachd, *s.f.ind.* Fragrance, perfume.

cùbhraig,‡ -e, -ean, see cuibhrig.

cùbhrainn, -e, -ean, *s.f.* see cùrainn.

————ich, see cùrainnich.

cuchailte, *s.m.* Seat, residence.

cuchair, *s.m.* Hunter.

cù-chaorach,(AH) *s.m.* Sheep-dog, shepherd's collie.

cù-choille,(AC) coin-ch—, *s.m.* Wolf.

cu-chullain, *s.m.* Yellow bed-straw.

cù-cnàmha,(AF) *s.m.* Louse.

cudag, see cudainn.

cudaig, -e, -ean, see cudainn.

cudainn, -e, -ean, *s. m.* Cuddy, coal-fish till the New Year, saithe, lythe, &c.

cùdainn, -ean, *s.f.* Tub or dish of large size. 2‡ Bowl. 3 Tumbler with round or pointed bottom, to prevent its being set down till quite empty. Clach na cùdainn, *the rocking-stone of Inverness.*

————each,†† *a.* Pertaining to large tubs or dishes.

†cudal, *a.* Bad, wicked.

cudal, *s.m.* see cuiteal.

†cudam,** -aim, *s. m.* Scar on the head. 2 Fault in the hair of the head. 3 Dandriff. C. an t-sléibhe, *the mountain eruption.*

†cudamach, -aiche, *a.* Frail, corruptible. 2 Liable to error, fallible.

cudamachd,** *s.f.ind.* Frailty, fallibility, corruptibleness.

cudamaiseach,** *a.* Epileptic.

cudan, see cudainn.

†cudarman, -ain, *s. m.* The vulgar.

cù-donn, *pl.* coin-donna, *s.m.* Otter, *prov.*

cudrom, see cudthrom.

cudthrom,‡-uim, *s.m.* Weight, heaviness. 2 Burden, load. 3**Importance. Leig do ch. orm, *lean on me.*

————ach, -aiche, *a.* Heavy, ponderous, weighty, burdensome. 2 Important, momentous. 3**Grave, sedate. 4**Just. 'S ann a tha 'n gnothach -sin c., *that is a momentous affair.*

————achd, *s.f.ind.* Weightiness. burdensomeness. 2 Importance, gravity. 3 Weighing.

————aich,‡‡ *v.a.* Poise.

———— -siùdain, *s.m.* Pendulum.

———— -socrachaidh,(AH) *s.m.* Ballast.

cù-dubh,(CR) *s.m.* Blood-hound—*W. of Ross-sh.*

cù-dur,(AF) *s.m.* Otter.

cù-eunaidh,(AF) *s.m.* Pointer. 2 Spaniel. 3 Setter. 4 Retriever.

cù-fada,(AF) *s.m.* Greyhound.

cù-fionn,(AF) -a, *s.m.* Greyhound.

cù-fionn,(AF) *s.m.* Moth.

cù-faol,(AC) *s.m.* Wolf.

cù-fàsach, } (AF) *s.m.* Wolf.
cù-fàsaich, }

cù-feòladair, (AF) *s.m.* Bull-dog. (*lit.* flesher's dog.)

cù-fhind, see cù-fionn.

cugainn, see cugann.

cugallach,(AC) *a.* Precarious, unstable, uncertain. Is c. an t-sealg, *hunting is precarious.*

cugallaidh,(MMcL) *a.* Liable to accidents.

cugann, -ainn, *s.m.* Rich milk. 2 Milk set for cream. 3 Delicacy, kitchen.

cugar,(AC) *s. m.* Male cat, tame or wild. 2 Hero, gallant, champion.

cugarbhad, see cugar. C. mór nan cat, *the chief of the cats.*

cù-gèarr,(AC) *s.m.* Wolf.

cù-ghearraidh,(WC) *s. m.* Critic, backbiter. Nach b'e sin na coin-ghearraidh ! *what backbiters they were!*

cughainneach,** -ich, *s.m.* Mixing together, as of wool.

cughainnaich,** *v.a.* Mix together, as wool. 2 Tighten, circumscribe.

cù-gorm,(AF) *s.m.* Greyhound.

cù-gortach, (AF) *s.m.* Greyhound.

cughann, *a.* see cumhang.

————,** *s.m.* Bay.

————achadh,** *s.m.* Circumscription.

†cugull, -uill, see cochull.

cù-ian, see cù-eunaidh.

cuib, *s.* (AF) Dog. 2 Greyhound. 3**Phial.

†cuibeanach, *a.* Ill-favoured.

cuibh, *s.f.* *Muzzle-bar, splinter. C. mhór, *one for four horses;* gearra ch., *one for two horses—Islay, Lochaber, Cowal & mainland of Argyll.* 2 (AF) Dog, greyhound. 4 see cuidh.

†cuibhe, -an, *s.m.* see cuithe.

cuibhe,‡*a.* see cubhaidh.

————achd, see cubhaidheachd.

cuibheall, see cuidheall.

cuibheas, -eis, *s, m.* Enough, sufficiency. 2*

Moderation. Cha'n 'eil sin 'na ch., *that is beyond all moderation*; cha'n eil thu 'nad ch., *you are not easily dealt with*, (*Scots*, ye'r nae canny); tha c. air a h'uile rud, gu ruig òl a' bhrochain, *there is reason in everything, even in supping porridge.*

cuibheasach, -a'che, *a.* Sufficient. 2 Tolerable, middling, average. 3* Easily dealt with.

————ach, -aich, *s.m.* Moderate person.

————achd, *s.f.* Average. 2††see coibheasachd.

cuibhill, *v.* see cuidheall.

cuibhioll,cuibhle, cuibhlichean & cuibhleachan, *s.f.* see cuidheall.

cuibhle, *pl.* -achan & -ichean, see cuidheall.

--————, *v.* see cuidheall.

--————adh, -leidh, *s.m.* & *pr.pt.* see cuidhleadh.

cuibhleag,(DC) -an, *s.f.* Beam of a kiln—*Uist.*

cuibhlean, see cuidhlean.

cuibhle-mhór,(AF) Moth—*Arran.* 2(CR)Night-jar—*Jura.* [Preceded by the article *a' ch.*]

cuibhlich, *v.a.* see cuidheall.

cuibhlig, *prov.* for cùbhraig.

cuibhne, *pl.* -an & -nichean, *s. f.* Antler of a deer. 2 Dart.

cuibhreach, -rich, -richean, *s. m.* Bond. 2 Chain. 3 Trammel. 4*Harness of a plough-horse. 5**Cover. 6** *as a collective s.*, Slavery. An c. cruaidh, *in hard chains, in slavery*; c. righrean, *the bond of kings.*

———————adh, -aidh, *s.m.* Binding, fettering, act of binding or fettering, bondage. 2 Entangling. 3** Clothing. A' c—, *pr. pt.* of cuibhrich.

cuibhrich, *pr.pt.* a' cuibhreachadh, *v.a.* Bind, fetter, chain, put in bonds or irons. 2 Entangle. 3**Cover.

————te, *past pt.* of cuibhrich. Chained, fettered, bound. 2 Entangled. 3 Covered.

cuibhrig, -e, -ean, *s. m.* Coverlet, plaiden, coarse home-made flannel, quilt. 2††Lid, cover. C. poite, *a wooden pot-lid*; c. bolla, *the wooden covering lid of a buoy*; c. na poite bige am beul na poite móire, *the lid of the little pot in the mouth of the large pot*—said of anything very unsuitable.

cuibhrig, *pr.pt.* a' cuibhrigeadh, *v.a.* Cover, conceal, hide, coat.

————each,†† *a.* Pertaining to a lid, cover or quilt.

————eadh, -gidh, -gidhean, *s.m.* Cover, covering, act of covering. 2 (DC) Bed-cover—*Uist.*

————te, *past pt.* of cuibhrig. Covered, concealed, hidden. 2 Restricted.

cuibhrinn, -ean, *s. f.* see cuibhrionn. 2 see cùrainn.

————eachadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Welt, cover. 2 Binding, act of binding. 3 Welting.

cuibhrionn, -inn, *pl.* -ean &-an, *s.m.* Part, portion. 2 Lot of land. 3 Allotment. 4**Allowance.

cuibhseach, -ich, see cuibheasach.

————d,‡‡ *s.f.ind.* Average, mean.

†cuibhte, *a.* see cubhaidh.

†cuice, *adv.* see chuice.

cuichean,(AH) -ein, *s. m.* Private confidential interview, tête-à-tête.

cuicheanachd, *s. f.* Gentle banter, teasing of lovers, hob-nobbing.

cuid, *irreg. s. f.* Declined thus:—

	Sing.	*Plur.*
Nom.	cuid,	codaichean,
Gen.	codach,	chodaichean,
Dat.	cuid,	codaichean,
Voc.	a chuid !	a chodaiche !

Share, part, some. 2 Victuals, food. 3 Property, effects, means, substance. 4†† Lodging, quarters. 5** The privy parts. 6(AC) Clothes of deceased persons, which become the perquisite of the clergy. Is e seo mo ch.-sa, *this is mine*; a' chuid a's mó, *the greater part*; cuid do chroinn, *your chance, your lot*; mo ch.-sa dheth, *my part of it*; c. oidhche, *a night's entertainment or lodging*; c. an latha, *what serves for a meal of meat*; mo ch. de 'n t-saoghal, *my all*; air son mo chodach-sa dheth, [*better* air mo chuid-sa dheth] *for my part of it*; c. duine chloinne, *the share of one of a family*; cha toir muir no monadh a ch. bho dhuine sona, *dangers by sea or land cannot deprive a fortunate man of his lot*; a ch. mhac, [in *Poolewe* they say, a chuid mac] *his sons*; a c. mac, *her sons*; c. de na daoine, *some of the men*; a' ch. eile, *the other part* or *the rest*; am bheil do làmhan-sa glan? tha mo ch.-sa salach, *are your hands clean? my own are dirty*; b'e a bhi 'buaireadh an Fhreasdail cuid a' chunnart a ghabhail d' a leithid sin a dh' àite, *it were tempting Providence to run such a tremendous risk by going to such a place*; a' pàigheadh cuid fiach na mnà agam, *such is my lot, to pay my wife's debts.* [The peculiar use of *cuid* in the last two examples should be noted, as it is not, as is usual in such a context, associated with possession.] A c. àlaich, *her litter*; a' gharbh ch., *the greater part*; an dà chuid.....agus....., *both.....and.....*

Aon chuid.....no....., *either.....or.....*, [when associated with a negative verb =neither..... nor....] Dara would be impossible in the following examples: 'nuair a chaidh an sgeulachd mu 'n cuairt, cha robh aon ch. aige sgeulachd no òran, *when the tale went round, he had neither tale nor song* (*to give*): nach labhair thu ri Iacob aon chuid math no olc, *that you speak not to Jacob either good or bad*; gu'n d' rinn e aoradh dhaibh, aon ch. do 'n ghréin, no do 'n ghealaich, no do..,*that he worshipped them, either the sun or the moon, or....*; ni 's oillteile na bha i aon ch. do Tholamsan no do Bhreac-ghlun, *more repulsive than she was either to T. or B.*; cha d' fhoghlum e eòlas, air an aon chuid no air a' ch. eile, *he got no learning, either the one way or the other.* ["Aona chuid" which is often met with, is simply the product of a drawling pronunciation.]

An dara cuid....no....., *either .....or .....*; an dara c., bithidh fuath aige do neach aca agus gràdh do 'n fhear eile, no.., *either he will hate the one and love the other, or* ...., an dara c. deanaibh a' chraobh math agus a toradh math, no deanaibh ...., *either make the tree good and its fruit good, or make* ....; 'nuair a tha mi an am bruadair, tha mi an dara c. ri camanachd air an raon, no ri luingearachd air a' chaol, no ri...., *when I dream, I am either playing shinty on the plain, or boating on the narrows, or* ....; éighibh le guth àrd, oir is-dia e ! an dara c. tha e 'beachd-smuainteachadh, no tha e air toir, no...., *cry aloud, for he is a god ! either he is talking, or he is pursuing, or....* [Dara does not associate with a negative verb.]

cuid, *s. indef.* Some, certain number.

——eachadh, -aidh, *s.m.* Help, relief, assistance, aid, act of assisting or helping. A'c—, *pr. pt.* of cuidich.

——eachaidh,** *a.* Auxiliary.

——eachail, -e, *a.* Assisting, helping, auxiliary, supporting. 2 Prone to help.

——eachair,** *s.m.* Auxiliary, helper.

——eachd, *adv.* Also, likewise. 2 Together, in company. 3 In contact. Thàinig esan c., *he*

came too; c. rium, *along with me*; theann i an lomairt c., *she squeezed the fleece together*.

cuideachd, -an, *s.f.ind.* Troop, company, throng. 2 Society, intercourse. 3 Friends, relations. 4**Private company. 'Nam ch., *in my company*; c. shaighdearan, *a company of soldiers*; a ch. a' chruidhe, *my dear people*; bheir e e féin as gach c. le ceòl 's le comaltradh, *he would acquit himself well in any company in music or conversation*; ged a tha e math 'ga thoirt féin á c. tha e motha 's math 'ga chuir féin ann, *though he can acquit himself well in company, he is better at getting himself invited*—he is too forward or cheeky; cha'n ann de 'm ch. thù, *you are not of my flock*—an imitation of the cooing of a pigeon.

————aich, *v.a.* Accompany.

————ail, -e, *a.* Social, entertaining, sociable. 2 Assistant, helpful.

cuideag, -eig, -an, *s.f.* Small portion. 2†† Small effects. 3 Spider. 4(AC) see cuiteag.

————ach, *a.* Proud, haughty.

————achd,** *s.f.* Pride.

————as, -ais, *s.m.* Pride, conceit, forwardness.

cuideam, *prov.* for cudthrom.

————ach, -aiche, *prov.* for cudthromach.

cuidear rium, *prov.* for cuide rium.

cuideil, -deala, *a.* Proud, conceited, forward, vain, prim.

cuide ri, *prep.* With, along with, C. rium, *along with me*; c. riut, *along with thee*; c. ris, *along with him*; c. rithe, *along with her*; c. rinn, *along with us*; c. ribh, *along with you*; c. riu, *along with them*; c. ri chéile, *with each other*.

cuidh,‡ -e, -ein, *s.f.* Enclosure. 2 Cattle-fold, pen—*Barra*. 3 Enclosed field—*Eigg*. 4(DC) Trench, hollow artificially formed as a sheltered place to milk cows in on the grazing ground, and save the trouble of driving them to and from the byre. This word enters largely into place-names—*Uist*.

†cuidhbheach, -eiche, *a.* see cubhaidh.

cuidhe, see cuithe.

†cuidheachd, *s.f.* Decency.



245. Cuidheall-shniomha. (*MMcD*)

cuidheall, -dhill [& cuidhle], -dhleachan, *s.f.* Wheel. 2 Coil. 3** Spinning-wheel, see cuidheall-shniomha. 4**Reel, yarn-windlass. 5**Whirl, whirling, reeling. 6** Cock of hay. 7 Circle. 8 Circular motion. Saor-chuidhleachan, *a wheelwright*.

————, *pr. pt.* a' cuidhleadh, *v.a.* Wheel. 2 Roll. 3 **Whirl, twirl. 4 Hurl. 5 Coil. 6 Gather into cocks, as hay.

————aireachd, *s.f.ind.* Wheeling. 2 Rolling. 3 Spinning.

———— -iarna, *s.f.* Hank-reel.

cuidheall-shniomha, *gen.* cuidhle-, *s.f.* Spinning-wheel.

PARTS OF A SPINNING-WHEEL:— (ill. 245.)

1 Teic, seic,†† *flyer*. Séicle—*Uist*.
2 Maighdeanan, gàirdeanan. *sing.* maighdeag & maideag.
3 Iuchair na ciche, *nave*. [deag & maideag.
4 Rolan, *wheel which turns the flyer*. Rathan—*Poolewe* (WC.)
5 Piorna, [pùirne,] *pirn, reel*.
6 Bann beag, *little band*. [A' bhann bheag, (*s.f.*) in *Poolewe* (WC.)]
7 Dealgan, *spindle*.
8 Cluas na cuidhle, *ears*, rests of leather fixed to maighdeanan, and through which dealgan-an-t-seic revolve. [A' chluasag—*Poolewe* (WC.)
9 Iuchair, *key*.
10 Beairt mheadhon, *bar*.
11 Stoc, *main body*.
12 Com, *body*.
13 Aisnean, aisnichean, *ribs* or *spokes* of large wheel.
14 Iuchair, *pin* for tightening bann beag.



246. Cuidheall-shniomha. (*MMcD*)

Parts as shown in illust. 246:

1 Bann mór, *driving-belt* or *band* of large wheel. [A' bhann mhór (*s.f.*) in *Poolewe* (WC.)]
2 Réim, *rim of large wheel*.
3 Na h-eich, *supports of large wheel*.
4 Maide-siubhail, claidheamh, *connecting-rod*, one end of which is attached to the crank of the large wheel, and the other to the foot-board. An t-amadan—(WC.)
5 Deil, *crank*. Deil is aisil, *crank and axle* of large wheel.
6 Aiseil an-t-seic. *axle of flyer*.
7 Bann beag, *little band*, regulating string to prevent pirn from revolving. [*s.f.—Poolewe.*]

5 Roileinean, *rollers.*
9 Teic, seic, *flyer.*
10 Maighdeanan, gàirdeanan, *supporters of flyer*, resting on beairt-mheadhon.
11 Sùil na cuidhle, *eye*, hole in the axle, through which the unspun wool passes.
12 Clòimh, *wool.*
13 Snàth, *thread* wound on pirn.
14 Beairt mheadhon, *bar* on which the maighdean rests.
15 Stoc, com na cuidhle, maide-buinn, *body.*
16 Iuchair na ciche, key in form of a handle projecting from end of body.
17 Stol-cois, seòl-cois, lobht, *foot-board.* Siolcaise,(JM) ; cleasachan.
18 Casan, *legs.*
19 Cioch, round piece of wood, that attaches the thread-making part to the body.
20 Roth na cuidhle, *flywheel.*
21 Bann-nam-maighdeanan, *cord* tying the tops of the supports (maighdeanan,) and to which the bann beag is attached.
22 Glas, *lock.*
23 Dealgan na teic, *spindle of flyer.*
24 Bior na banna bige, *the tension-key*, for regulating the fineness of the thread (WC.)
25 Fiaclan na teic, *the teeth of the flyer.*
[We are indebted to Mr.D. Murray, Aberdeen, for many of above terms, and to Mr. M. MacDonald, Stornoway, for terms and diagrams.]

cuidhil, see cuidheall.

cuidhle, *gen.sing.* of cuidheall. A' biadhadh na c., *feeding the wheel.*

cuidhleachan, *n.pl.* of cuidheall.

cuidhleadh, -lidh, *s.m.* Wheeling, coiling. A' c—, *pr.pt.* of cuidheall.

cuidhleag,** -eig, -an, *s.f.* Cock of hay.

cuidhlean,** -ein, *s.m.* Little wheel.

cuidhlearachd,** *s.f.* Wheeling, rolling. 2 Hurling. 3 Spinning on a wheel.

cuidhle-mhór,(AF) *s.f.* see cuibhle-mhór.

cuidhlidh, *fut.aff.a.* of cuidhil.

cuidhte, *a. & past pt.* of cuidhtich. Quit, freed, rid of; tha mi cuiteas e (cuidht' agus e) *I have done with him, am free from it.*

cuidhteach, -tiche, *a.* That quits, frees, leaves, abandons, or 2 recompenses.

cuidhteachadh, -aidh, *s.m.* Quitting, parting with, abandoning, leaving. 2 Act of quitting, compensating, repaying. 3 Compensation, recompense. A' c—, *pr. pt.* of cuidhtich.

cuidhteag,(CR) *s.f. W. of Ross* for cuiteag.

cuidhteas, *s.m.* Quittance, receipt.

cuidhtich, *pr.pt.* a' cuidhteachadh, *v.a.* Recompense, restore, repay, requite. 2** Consign. 3 Quit, abandon. 4**Avoid.

————eas, *fut. pass.* of cuidhtich.

————te, *past pt.* of cuidhtich. Left, abandoned, forsaken. 2 Quit of.

cuidich, *pr.pt.* a' cuideachadh, *v. a.* Help, assist, relieve. 2 Countenance, favour. C. has often the *prep.* le, simple or compounded, put after it, as, c. le Seumas, *help James*; c. leam, *help me.*

————e, -an, *s.m.* Helper, assistant.

————idh, *fut. aff. a.* of cuidich.

————te, *past pt.* of cuidich. Helped, assisted, aided.

cuidreach, -riche, *a.* Forcible, powerful. 2 In partnership. 3††Corroborative.

cuidreamach, -aiche, *a.* see cudthromach.

cuid ri, see cuide ri.

cuidridh, *a.* Common.

cuid-roinne, *s.f.* Portion, share, lot.

cuife, -an, *s.f.* Pit. 2 Den.

cuife (CR) *s.m.* Ninny, *Scots*, coof.

——an, *s.m.* see cuife.

cuifean, -ein, *s.m.* Wad of a gun.

†cuig, *s.f.* Counsel, advice. 2 Secret, mystery.

cùig, *a.* see còig.

cùig-bhile, see còig-bhi'each.

cùig-bhileach, see còig-bhileach.

cùig-deug, *a.* see còig-deug.

cùigeadh, *a.* see còigeamh.

c'uige, see chuige.

†cuigead, *adv.* Therefore.

cùigeadh, see còigeamh.

cuigeal, -eil & -alach, *pl.* -an & -aichean, *s. f.* Distaff, hand-rock. 2**Flax put on a distaff. Greim de 'n chuigeil, *hold of the distaff*; c. is fearsaid, *distaff and spindle*; ciuneag, *spindle—Sutherland.*

————ach, -aich, *s.f.* Wool or flax prepared for the distaff. 2 Task in spinning. 3 *gen. sing.* of cuigeal.

————ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, a distaff. 2 Having distaffs or rocks.

———— -an-losgainn,§ *s. f.* Early orchis, see maoth-ùrach.

———— -nam-ban-sìthe,§ *s.f.* Great reed-mace, see bodan-dubh.

———— nan-losgann,§ *s. f.* Great reed-mace, see bodan-dubh. [Not the same as cuigeal-an-losgainn.]

cùigeamh, see còigeamh.

cùigear, see còignear.

cuigeil, *gen.sing.* of cuigeal.

cuigh,(AF) *s.m.* Bird. 2 Cock.

†cùigh, *s.f.* Bed-chamber.

cùignear, see còignear.

cuigse, *s.f.* Whig. Na bha dh' armailt air a chuigse, *what there was of an army turned whiggish—Donnachadh bàn.*

cuigseach, *a.* Whiggish.

————d, *s.f.* Whiggism.

cuil, *s.f.* Fly, (for cuileag.)

cùil, -e, *pl.* -tean [& -ean,] *s.f.* Corner. 2 Niche, nook. 3 Couch. 4 Closet, any retired, obscure or private place. 5** Angle. Mheall thu le d' bhrìodal cùil, *thou didst deceive with thy secret flattery*; cùil-mhòna, *peat-corner*; c. a' chadha, *a corner in the kitchen*; seòmar c., *a back room, an inner chamber.*

cuilbh, *s.f.* Capital.

————ean,(DC) *s. m.* Cup-shaped whirl in a stream or eddy.

cuilbhear, -eir, -an, *s.m.* Gun, fowling-piece, musket. 2**Calibre or bore of a gun. 3(CR) Anything big—*W. of Ross-shire.* C. mór bhoirionnaich, *a very big woman*; c. sgéine, *a carving knife, cleaver*; le 'n cuilbhearan gleusta 'nan làimh, *with their cocked guns in their hands.*

————eart, -eirt, -eartan [& -eirtean,] *s.f.* Wile, trick, deceit, cunning, craft.

————eartach, -aiche, *a.* Deceitful, fraudulent, wily.

————eartachd, *s. f. ind.* Craftiness, wiliness, trickiness, deceitfulness, cunning. 'Nan c. féin, *in their own craftiness.*

————eartaich,‡‡ *v.a.* Juggle.

————eartair,** *s.m.* Artificer.

cuilbheireach, -riche, *a.* Having guns, armed with guns.

cuilc, -e, -ean, *s.f.* Reed, bulrush, cane. 2 Cane to bottom chairs with, cut from the gobhal-luachair. 3(MMcD) Bamboo. Is mór toirm cuilce gun dol troimhpe, *the storm of reeds is loud till you go through them*—more formidable in sound than in reality ; cobhan cuilce, *an ark of bulrushes.*

———— -chrann,§ -chroinn, *s.m.* Sweet flag cane, see cuilc-mhilis.

————each, -ciche, *a.* Reedy, abounding in

reeds or bulrushes.
cuilceach, -eich, *s.m.* Reedy fen. 2 Any place where reeds grow. 3**Crop of reeds. 4** Veil. 5**Hood. 6**Steeple.
———eag,(AF) *s.f.* Reed-warbler.
———ean, *s.m.* see cuilceag.
———earnaeu, -aich, *s.f.* Place where reeds grow.
cuilc-fheur,§ *s.f.* Wood small reed—*calamagrostis epigejos.*
†cuilcheannag, -aig, *s.f.* Bribe.

247.Cuilc-fheur.

248. Cuilc-mhilis.

cuilc-lorg,** *s.f.* Cane.
cuilc-mhilis, -eau-milis, *s.f.* Sweet flag cane—*acorus calamus.*
cùildich,‡‡ *v.a.* Absent, conceal.
cuile, -an [††-ich & -ichean,] *s.f.* The part of a cottage in which the stores are kept, cellar, see cuilidh. 2 Rocky corrie. 3 Meadow or morass with rocky boundaries. 4 (WC) The "but" or the "ben" of a house. Dorus na cuile, *the door of the "ben."*
cuileabannach,(CR) *Suth'd* for guilbneach.
cuileabhar,(AF) *s.m.* Dog, greyhound.
cùileach,** *a.* Angular.
cuileachan, -ain, *s.m.* Deep wicker basket.
cùileachd,** *s.f.* Angularity.
cuileag, -eige, -an, *s.f.* Common fly. 2 Artificial fishing-fly. 3**Gnat. Sgaoth ch., *a swarm of flies.*
———ach, -aiche, *a.* Full of flies. 2 Of, or belonging to, flies. 3**Like a fly. 4**Lively, frisky.
cùileagan, -ain, *s.m.* Private feast, secret treat.
cuileag-an-Frangach, *s.pl.* Cantharides.
———-dhubh,(AF) *s.f.* Beetle.
———-lùn,(AF) *s.f.* Earwig.—*Arran.*
———-shionnachain,** *s.f.* Glow-worm.
———-shnìomhain, -an-s—, *s.f.* Glow-worm.
———-Spainndeach,** *s.f.* Spanish fly, cantharides.
———-theallaich, *s.f.* Cricket, beetle.
cuilean, -ein, -an, *s. m.* Whelp. 2 Puppy. 3 Cub. 4 Leveret. 5 Frequently used for a dog of full growth, or of any age. 6 Darling, term of familiar endearment. 7 Skinflint—*Suth'd.* 8‡‡staple in a wooden lock. 9(AF) Young seal. 10(WC) Small bone in ankle or wrist. 11 see cuilfhionn. Cuileanan na coise, *the small bones in the ankle* ; cluich a' chuilein ris a' mhial-chù, *the puppy's play with the greyhound;* c. na muice-mara.*the whale's whelp*; c. bioraiche, *a young dog-fish.*
———-coin, *s.m.* Puppy, any young dog.
———-leòghainn, *s.m.* Lion's whelp.
———-maighich, *s.m.* Leveret.
———-math-ghamhuinn, *s m.* Bear s cub.
———-muice, *s.m.* Young sow—*Lewis.*
cuileann, -linn, see cuilionn.
———ach, see cuilionnach.
cuilean-ròin, *s.m.* Young seal—*Lewis.*
cuileasg,** -eisg, *s.m.* Jade. 2 Horse.
cuilein, see cuilean.
cuilfhiun, -e, *a.* Handsome, lovely.
cùil-fhionn,** *a.* Fair-haired.
cuilfhionn, *s.* Term of endearment. 'Se 'chuilfhionn, *yes, dear* ; 'n e 'chuilfhionn,*indeed ! is that so ?* ; and an exclamation, O chuilfhionn ! *O dear !*
cuilfhionn, -iun, see cuilionn.
———ach, see cuilionnach.
———-tragha, see cuilionn-tràgha.
———-mara, see cuilionn-tràgha.
cuilg, *gen.sing. & n.pl.* of calg. An aghaidh chuilg, *against inclination.*
———ean, ean, *s.m.* Small beard or awn, as of barley. 2††Prickle. 3‡‡Small bristle.
cuilgearra,** *a.* Sharp-pointed. 2 Prickly. 3 Keen. 4 Spirited.
cuilgein, see cuilgean.
———each, -iche, *a.* Bristly, prickly, full of awns.
cuilg-sruth-eich,§ *s.pl.* Horse's water- or stream-bristles — *equisetum fluviatile, e. palustre, e. ramosum, & e. arvense.* [Illust. is *e. arvense.*]

249.Cuilg-sruth-eich.

†cuiliasca, *s.f.* Hazel rods.
cuilidh, -ean, *s.f.* Cellar. 2 Hollow. 3 Lockfast place, press. 4(AC)Retreat, sanctuary. 5 Treasury. 6 Treasure. Cha bhi e an àird no an ìosal nach faic sùil an Ìlich, cha bhi e an cùil no an cuilidh nach faic sùil a' Mhuilich, *there is nought in height or hollow but the Islayman's eye will see, there is nought in nook or store but the Mullman's eye will see.* [Cùilidh, as given by McL & D., may be due to a supposed connection with *cùil,* whereas the connection in fact is with *cuile.*]
cuilidh, (a chuilidh !) *int.* Call to a dog when its name is not known.
cùilidh-rath,(AC) *s.f.* The sea. (*lit.* the treasury of prosperity.)
cùilidh-Moire,(AC) *s.f.* The sea (*lit.* the treasury of Mary.)
cuilidh-siùchaireachd,(CR) *s.f.* Doing things in a corner, sly work.
cuiliobhair, see cuilbhear.
cuilionn,§ -iunn, *s.m.* Holly —*ilex aquifolium.* 2 ** Elm. Fo chrannaibh chuilinn, *under elms.* 3§Name given in Bible to the Teile or turpentine-tree. [Holly is the badge of the MacMillans.]

250.Cuilionn.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in hollies, or, belonging to hollies. 2** Abounding in elms. 3** Of, like, or belonging to an elm.
———-mara, see cuilionn-tràgha.
———-tràgha,§ *s. m.* Sea-holly—*eryngium maritimum.* [illust. on p. 292.]
†cuiliosal, *a.* Vile, worthless, useless.
cuille,** *s.f.* Calamus. 2 Quill. 3 Black cloth.
cuillean,(DU) see cuinnean.
†cuillear, *s.m.* Quarry.
cuilleasg,** *s. pl.* Hazel rods or twigs.

251. Cuilionn-tràgha.

cuillidh, *s.m.* Horse. Cuir an c. 'san fheun, *put the horse in the cart.—Strathtay.*
cuillsean,** *s. m.* Quill. 2 Quilt or tick of a bed.
cuilm, -e, -ean, *prov.* for cuirm.
———ean, *s.m.* Atom.
cùil-mhionnachadh,** -aidh, see cùl-mhionnachadh.
cùil-mhionnaich, *v.a.* Abjure.
———————te, *past pt.* Abjured.
cùil-mhionnan,** see cùl-mhionnan.
cùil-mhùtaire, *s.m.* Smuggler.
cùil-sheòmar, -air, -raichean, *s.m.* Bed-chamber. 2**Back room.
†cuilt, -e, -ean, *s.f.* Gaelic spelling of *quilt.*
cùilteach, -tiche, *a.* Retired, set apart, obscure, private. 2 Having corners or niches, angular. 3 Dark, dismal. 4**Skulking.
———, -tich, -tichean, *s.f.* Bedroom. 2 Bed. 3 Place having corners, recesses or niches. 4 *Skulker. 5 *rarely* Bakehouse. 6††Cellar. 7 ††Backbone. 8* Skulking female.
cùilteag, -eige, -an, *s.f.* Concealment. 2 Small corner. 3 Whiting, for cuiteag—*W. of Ross.*
cùiltean, *n.pl.* of cùil.
cùiltear, -eir, -eirean, *s.m.* Skulker. 2 Smuggler.
cùilteireachd, *s.f.ind.* Skulking. 2 Low cunning. 3* Smuggling. [** gives cùiltearachd.]
cuilthinn, *a.* see cuilfhinn.
†cuim, *s.f.* Shirt. 2 Feast. 3 Mercy. 4 Protection.
cuim, *gen. sing.* of com, *s.* 2(AC) see guim.
†cuim-dhealbhadh, -aidh, *s.m.* Feigning.
c'uime ? *adv.* (for cia & cò uime ?) For what ? of what ? about whom ? of whom ? why ? wherefore ? C' uim' am b' fhiach leat ? *why should you condescend ?* ; c' uim' a thréig thu mo chluas ? *why hast thou left mine ear ?*
cuimear,** *a.* Brief.
cuimeir, see cuimir.
cuimean, -ein, *s.f.* Cummin (plant.)
cuimeis, see cuimse.
cuimhealta,** *a.* Bruising.
cuimheas,** see cuimse.
———ach, see cuimseach.
cuimhne, *s.f.ind.* Memory, remembrance, recollection. 2** Record, memorial. An c. leat ? *do you remember ?* is c. leam, *I remember ;* cha ch. leam, *I do not remember ;* ma 's. c. leat, *if you recollect* ; ma 's math mo ch., *if I recollect aright* ; a réir c. dhomhsa, *to the best of my recollection* ; cum 'nad ch., *keep in remembrance ;* c. nan gaisgeach a thriall, *the memory of departed heroes* ; cuir an c., *remind ;* leabhar c., *a note-book* ; is fhearr meomhair luchd an tagraidh na c. luchd nam fiach, *the memory of creditors is better than that of debtors.*
———ach, -niche, *a.* see cuimhneachail.
———achadh, -aidh, *s.m.* Remembering, recollecting. 2 Act of remembering, keeping in remembrance. 3**Commemoration. A' c—, *pr.pt.* of cuimhnich.
———achail, -e [& -ala,] *a.* Keeping in mind, mindful, not forgetful. Cò e an duine, gu'm bitheadh thusa c. air ? *what is man, that thou shouldst be mindful of him ?* gu c., *mindfully.*
———achair, see cuimhniche.
———achan, -ain, *s.m.* Memorial. 2 Medal. 3* Token of respect or gratitude. 4**Keepsake. 5**Remembrance. 6**Memorandum. Mar ch. orm-sa, *in remembrance of me.*
———achd,‡‡ *s.f.* Mindfulness.
——— -leidh,** *s.f.* Attire.
cuimhnich, *pr.pt.* a' cuimhneachadh. *v.a. & n.* Remember, bear in mind, recollect, recall to memory.
————e, -an, *s.m.* Recorder, chronicler, remembrancer.
————ear, *fut.pass.* of cuimhnich.
———— -fhear, see cuimhniche.
†cuimide, *s.f.* Appointed time.
†cuimil, *v.a.* Touch, rub.
cuimin, *s.m.* see cuimean. 2 Little coffer or chest. †3 Suburb.
cuimir, -e, *a.* Short, brief, concise. 2 Well-proportioned. 3 Trim, neat, exact, tidy. 4 Handsome, elegant. 5 Equally filling, of exactly the same size.
———eachd, *s.f.ind.* Neatness. 2 Handsomeness. 3 Symmetry. 4 Same size or proportion. 5**Precision.
†cuimleadh, -lidh, *s.m.* Intermeddling. 2 Performance, fulfilling.
cuimreach,** -rich, *s.m.* Assistant.
———d,‡‡ *s.f.ind.* Aim.
cuimrich,* *v.a.* Size, as slates. 2 Pare, as shoes.
cuimrig, *v.a.* see coimrig.
———, -e, -ean, *s.f.* see coimrig.
———each, see coimrigeach.
———eadh, -gidh, see coimrigeadh.
———ich, *v.a.* see coimrig.
———te, see coimrigte.
cuimse, -an, *s.f.* Aim, mark, hit. 2 Moderation, sufficiency, mediocrity, moderate portion. 3 Any measuring instrument. 4(DU) Measure, as for a suit of clothes. Ni gun ch., *a thing without moderation*; dean c. air siod, *aim at that;* tha c. agamsa, *I have sufficiency*; cha'n 'eil c. agad, *you have no moderation ;* ghabh e mo ch., *he took my measure.*
cuimseach, -siche, *a.* Moderate, in a state of mediocrity. 2 Sure of aim, unerring. 3 Indifferent. 4 Mean, little. 5* Befitting, suitable to one's case. 6**Adjusted. Bogha bu ch. beachd, *a bow of sure aim*; sealgair c., *a good hunter, a good shot*; rinn iad c. math, *they did fairly well (at fishing or anything)*; tha e c. gu leòir, *he is moderate enough*; *2 he is but indifferent ;* is c. dhuit sin, *it is but proper that you should be so.*
————adh, -aidh, *s.m.* Aiming, hitting. 2 Adapting. 3 Measuring. 4 Act of aiming, hitting or measuring. A' c—, *pr. pt.* of cuimsich. A' c. air comharradh, *aiming or shooting at a mark.*
————d, *s.f.* see cuimse.
cuimsich, *pr.pt.* a' cuimseachadh. *v. a.* Aim. 2 Hit, as a mark. 3 Fit, adapt. 4††Point. 5‡‡ Bound. C. ris e., *aim it at him* ; ch. na fir-

bhogha e, *the arches hit him.*
cuimsiche, -an, *s.m.* Aimer. 2 Guesser.
cuimsichte, *a. & past pt.* of cuimsich. Well-aimed. 2 Hit after being aimed at. 3 Proportioned, truly guessed.
cuimte, see cumta.
cuin ? *aav.* When ? at what time ? Cuin a dhùisgeas esan o 'shuain ? *when shall he awake from his slumber ?* [Written *cuine* when not followed by a vowel.]
cùin, *v.a.* see cùinn.
——eadh, see cùinneadh.
cuineag, -eige -an, *s.f.* see cuinneag. 2**Copy.
cuineal,(AF) *s.m.* Pig.
———-— -Mhuire,** *s.m.* see cuingeal-Muire.
†cùineas, see ciùineas.
cuing, -e, -ean, *s.f.* Yoke. 2 Bond, obligation. 3 Restraint, hinderance. 4 Stoppage. 5 Captivity. 6 Strait, difficulty. 7 Yoke of a rudder, see rudder 1, p. 78. 8* Asthma. Fo ch. agad-sa, *under your tyrannical sway ;* fo ch. nan coimheach, *under the yoke of strangers*—said of a person in the employment of strangers.
cuing,‖ -e, -ean, *s.f.* Asthma. [Preceded by the art. a' *ch*—.]
cuing-analach, *s.f.* Shortness of breath, asthma. Tha e làn c., *he is quite asthmatic.*
——— -cheangail, *v.a.* Yoke together.
——— -cheangal, -ail, -glaichean, *s. m.* Bond used to fasten a yoke to the neck of an animal. 2 Servitude, bondage.
cuinge, *s.f.ind.* Narrowness. 2 Narrow strait or passage. 3 Distress, difficulty. 4**rarely* Solicitation, entreaty. C. garbhlaich, *a stony narrow channel.*
.———, *comp.* of cumhang.
†———, *s.f.* Solicitation, entreaty.
†———ach, -ich, *s.f.* Pair, couple.
cuingeach, -giche, *a.* Asthmatical.
————-adh, -aidh, *s.m.* Act of abridgment, lessening or straitening. 2 Abridgment.
————-air,** *s.m.* Abridger.
cuingead, -gid, *s.f.* see cuinge.
cuingealach, -aich, *s.f.* Yoke. 2 Straitness, narrowness. A' ch.chleibh, *asthma.*
cuingealach,(DU) *a.* Restricting, restraining.
cuingeal-Muire, *s.f.* Mullein, hog's taper, cow's lungwort, Aaron's rod, Adam's flannel, blanket leaf, Jacob's staff, shepherd's club, torches, or lady's foxglove, —*verbascum thapsus.*

252. Cuingeal-Muire.

cuingeil, *a.* Tyrannical, arbitrary.
Cuingeis, -e, *s.f.* see Caingis.
cuing-fhuail, *s.f.* Strangury.
cuingich, *pr. part.* a' cuingeachadh. *v.a.* Yoke, subjugate. 2 Abridge, lessen, straiten. 3* Tyrannize. 4 ††Hamper.
————-te, *past pt.* of cuingich. Yoked, abridged, straitened.
cuingid, *s.f.* see cuinge.
†cuingir, *s.f.* Couple.
cuingiseach,‡‡ -eiche, *a.* Pentecostal.
cuingleachadh, see caimhleachadh.
†cuingreach, -rich, *s.f.* Cart, waggon.
cùinidear, -eir, -an, *s.m.* see cùinneadair.
cuinn, *gen.sing. & n.pl.* of conn.
cùinn, -e, -tean, *s.f.* Coin. C. òir, *a gold coin.*
———, *pr.pt.* a' cùinneadh, *v.a.* Coin. 2‡‡Forge. 3††Shape, form.
cuinn, -e, *s.f.* see cuinnean.
†cuinne, *s.f.* Corner, angle. 2 Meeting.
cùinneach, -niche, *a.* Of, or abounding in coin.
cùinneadair, *s.m.* Minter.
cùinneadh, -nidh, *s.m.* Coining, act of coining. 2 Coinage. 3 Coin. A' c—, *pr. pt.* of cùinn.
cuinneag, -eige, -an, *s.f.* Small pail. 2 Milk-pail. 3 Bucket to carry water in. (*Scots*,stoup.) 4 Churn. 5 **Barrel, cask. Min ann an cuinneig, *meal in a barrel.*
.————ach, -aiche, *a.* Abounding in, or pertaining to, pails, buckets or churns.
————an, *n. pl.* of cuinneag.
———— -bhleoghainn,(AF) *s.f.* Milking-pail.
———— -bhàirn, *s.f.* Water-pail.
———— -mhighe,** *s.f.* Wild angelica—*angelica sylvestris.*
———— -thuaitheal, *pl.* -an-t—, *s.f.* Whirlpool, vortex.
cuinnean, -ein, -ean, *s. m.* Nostril. Ann an cuinneinibh a shròine, *in his nostrils.*
cuinneineach, -niche, *a.* Having nostrils. 2 Having wide nostrils. 3(AH) Huffy, touchy, susceptible, "thin-skinned."
cùinnich,‡‡ *v.a.* Stamp, coin.
cuinnlein, -ein, see coinnlein & cuinnean.
———-each, -niche, *a.* see coinnleineach & cuinneineach.
cuinnse, -an, *s.f.* Quince.
————ach,†† *a.* Pertaining to quinces.
cuinnsear, -eir, -an,*s.m.* Dagger, sword,poniard. 2 Hanger. A' chorc 'an ionad a' chuinnseir, *the knife in place of the sword*—a sign of peace.
————ach, -raiche, *a.* Armed with swords or daggers.
cuinnseas, see coinnseas.
cuinnseir, -ean, see cuinnsear.
.————each, see cuinnsearach.
cùinnte, *past pt.* of cùinn. Coined, forged. Breug ch., *a false tale.*
cuinseal,** *s.m.* Face. 2 Remembrance.
cùinte, see cùinnte.
cuip, -e, *pl.* -ean & -eachan, *s.f.* Whip. 2 Stratagem, deceit. 3**Foam, froth. [** gives cuipe as *nom.*]
cuip, *gen. sing.* of cop.
cuip, *pr.pt.* a' cuipeadh, *v.a.* Whip, flog, lash.
cuipeach,†† *a.* Pertaining to a whip.
————-an, *n. pl.* of cuip.
cuipeadh, -pidh, *s.m.* Whipping, flogging. 2 Act of whipping or flogging.
cuip-gheal, -ile, *a.* Foamy, white with foam. Muir ch., *a foaming sea.*
cuipinn, Gaelic spelling of *whipping.*
————, *v.* Whip, lash. Derivative of *whipping.*
————te, *past part.* of cuipinn.
cuir, *pr. pt.* a' cur [& a' curadh,**] *v. a.* Put, place. 2 Lay. 3 Send. 4 Invite. 5 Sow. 6 Act upon. 7 Produce an effect. 8 Influence. 9 Tire—*Lewis.* 10* Snow.
Cuir enters into such a number of idiomatic phrases in Gaelic that it has been found necessary to annex a somewhat lengthy list for beginners.
cuir a bhàn, *put down.*
c. a' bhuntàta, *plant the potatoes.*
c. a dh' iarraidh, *send for.*
c. a dholaidh, *spoil, abuse.*
c. a ghul, *set a-crying.*
c. air, *prevail. 2 molest. 3 beach, as a boat.* Cha chuir e air, *it will not annoy him*; c. air laidhe chuige, *make the ship lie-to* ; is beag tha 'cur orm, *I am quite well, all right;* c. an t-eathar air, *beach the boat.*
c. (an sgeul) air a bhallaibh, *tell, relate adequately.*
c. air adhart, *forward, promote.*
c. air aimhreidh, *put wrong.*

c. air ath là, *delay.*
c. air bonnaibh, *describe.* Is deacair domhsa a cur air a bonnaibh, *it is very difficult for me to describe her adequately.*
c. air chois, *institute.* 2 *set on foot.* 3 *erect.* 4 *rouse out of bed.*
c. air chrith, *cause to shake.*
c. air chuimhne, *put in remembrance, remind.*
c. air cùl, *abrogate, put behind, abandon, forget, discard.*
c. àird (air,) *prepare (it.)*
c. air dhòghladh, see c. bho 'n deoghal.
c. air falbh, *put or send away, discharge.*
c. air ghnothach, *send on a message.*
c. air lagh, *prepare, adjust as a bow, cock as a gun.*
c. air leth, *separate, appropriate, set apart.*
c. air mhire, *transport with joy.*
c. air mhisg, *make drunk.*
c. air riaoh, *put to usury.*
c. air sheòl, *put in good tune.*
c. (air,) teicheadh, *put (him) to flight.*
c. air 'thapadh (e,) *encourage (him.)*
†dìobhaidh,** *v.a.* Destroy, ruin.
dìobhaidh,** *a.* Impious. 2 Destructive. 3 Ruinous.
dìobhail, -alach [& -e,] -ean, *s.m.* Loss. 2 Defeat. 3 Destruction, ruin. 4 Mischief,harm, calamity, distress. 5 Pity. 6 Want. 7** Robbery. 8** Profusion. 9**Frenzy. 10** Injury. Thàinig an d., *their destruction came*; d. misnich, *want of courage* ; mo dh. ! *my ruination !* is mór an d., *it is a thousand pities* ; a dh. làimh, *without a hand, with the loss of a hand.*
dìobhaileach, see dìobhalach.
————adh, -aidh, *s.m.* Compensation. A' d—, *pr.pt.* of dìobhailich.
————d, see dìobhalachd.
dìobhailich, *pr.pt.* a' dìobhaileachadh, *v.a.* Impair. 2 Recompense, compensate, make up deficiencies.
dìobhair, *pr.pt.* a' dìobhairt & a' diobhradh, *v.n.* Throw up, vomit.
————t, *s.m.* Vomiting, act of vomiting. A' d—, *pr.pt.* of dìobhair.
dìobhalach, -aiche, *a.* Destructive. 2 Robbed, spoiled, damaged. 3 Profuse. 4 Detrimental. 5 Extravagant. 6 Adverse. 7 Abortive. 8 Ablative. 9 Mischievous, hurtful, pernicious. 10*Heart-rending.
†————, -aich, *s.m.* Ablative case.
————d,** *s.f.* Privation. 2 Robbery. 3 Damage. 4 Destruction. 5 Ablation.
dìobhalaich,‡‡ *v.a.* Impair.
————e, *s.m.* Impairer.
diobhall, *a.* Old, ancient, antique.
diobhanach,** -aich, *s.m.* Outlaw.

———··——, -aiche, *a.* Lawless, unruly.
———··——d, *s.f.ind.* Lawlessness, unruliness.
diobhar,** *s.m.* Disrespect. 2 Omission.
diobhargach, -aiche, *a.* Keen, fierce.
diobhargadh, -aidh, *s.m.* Persecution. 2 Captivity, slavery.
di-bhathadh, -aidh, *s.m.* Destruction.
———··——as,** -ais, *s.m.* Ingratitude.
diobhlach,** *a.* Prodigal.
———··——d, *s.f.* Prodigality.
†diobhladh, *s.m.* Accusing.
†diobhlaiseach, *a.* Prodigal.
diobhlas,** -ais, *s.m.* Prodigality.
†diobhraice, *a.* Warlike. 2 Destructive.
†diobhrath, *v.a.* Discover.
diobhruaineach,(AF) *s.m.* see di-bhruaineach.
†diobhuan, -ain, see diom-buan.
diobhuantachd, see diom-buanachd.
†diobhuidhe, *s.f* Ingratitude.
diobhuidheach,** *a.* Ungrateful, thankless. Gu d., *ungratefully.*
diobhuidheachas, -ais, *s.m.* Ingratitude.
diobhuir,* *pr. pt.* a' diobhairt, see diobhair.
———t, see diobhairt.
diobrach, see diobarach.
———an, see diobarachan.
diobradh, -aidh, *s.m.* Forsaking, abandoning, deserting, failing. 2 Banishing. 3*Extirpating. 4**Banishment. 5 (PM)Lessening.—*Uist.* A' d—, *pr.pt.* of diobair. Cha'n 'eil d. air an uisge, *the rain is not abating.*
diocail, *pr.pt.* a' diocladh, Lower, diminish, assuage. 2 Abate, as rain.
diochain, -e, see di-chuimhne.
diochairt, see di-chairt.
diochanach, see di-chuimhneach.
diochd, -a, *a.* Small.
†diochoisgeach, -iche, *a.* Implacable.
diochrach,** *a.* Diligent, zealous.
†diochron, *a.* Immediate, without time.
†diochuidh, *a.* Small.
diochuimhne, see di-chuimhne.
———·——ach, see di-chuimhneach.
diochuimhnich, see di-chuimhnich.
diocladh, -aidh, *s.m.* Act of lowering, diminishing, assuaging. 2 Abatement. Uisge gun d., *incessant rain.*
diocras,** *s.m.* Inappelancy.
†diocuir, *v.a.* Drive.
†diocuireadh, -idh, *s.m.* Driving, expulsion.
diod,* *s.f.* Drop, spark. [** gives *s.m.*]
——ag, -aig, -an, *s.f.* Sip. 2**Drop of water.
——agach, ** *a.* Guttulous.
‡diodhailin, s. Mote, atom.
†diodhaoineachadh, *s.m.* Depopulation.
†diodhaoineadh, *s.m.* Depopulation.
†diodhma, *s.m.* Fort, fortification.
†diodhnadh, *s.m.* Satisfaction, comfort.
diofhlainn,** *a.* Pale, bloodless.
†diofhulaing, -e, *a.* Intolerable.
diog, -a, *s.m.* Syllable. 2 The least possible effort of speech. 3 Breath. 4 Life. Na h-abair diog, *do not say a syllable*; cha'n 'eil d. ann, *he is breathless*; cha'n 'eil d. innte,—applied to a cow found to be without calf after taking the bull—*Lewis.*
diog, see dige.
——ail, *pr.pt.* a' diogladh, *v.a.* Tickle. 2 Suck closely.
——ailt, -e, *s.f.* Tickling. 2 Terror. 3 Crisis of timerous determination. Cuir d. ann, *tickle him.*
——ailteach, -aiche, *a.* Tickling. 2 Ticklish, difficult, dangerous.
diogair, -e, *a.* Eager, keen, vehement.
diogalach,** *a.* Sucking closely. 2†† see diogailteach.
diogaladh, -aidh, *s.m.* & *pr.pt.* see diogladh.
diogan, -ain, *s.m.* Revenge. 2 Severity. 3 Spite. 4 Grief, sorrow. 5 Cruelty.
diogana, *a.* see dìoganach.
———ch, -aiche, *a.* Fierce. 2 Revengeful, spiteful. 3*Severe. 4*Cruel. Gu d., *revengefully, vindictively.*
———achd, *s.f.* Revenge, spite. 2 Cruelty. 3**Fierceness.
dìogantas, see dìoganach.
dìogantach, see dìoganach.
———·——d, see dìoganachd.
diogar,** *a.* Eager, intent, vehement.
†dìogha, *a.* The worst.
dìoghail, *v. a.* Revenge, avenge, retaliate, repay, requite. 2 (AH) Pay or settle, as in a commercial transaction.
———t, *s. f.* Revenge, vengeance, spite. 2 Grief, sorrow. D. fear na dàlach, *the tardy man's revenge.*
———te, *a.* & *past pt.* of dìoghail. Revenged, avenged, retaliated.
†dìoghais, *a.* High, tall, stately.
dìoghalt, -ailt, see dìoghaltas.
———a, *past pt.* see dìoghailte.
———ach, -aiche, *a.* Revengeful, vindictive. 2**Fond. 3* Requiring much.
——— ach,** -aich, *s.m.* Avenger. 2 Revengeful person. An d. mi-cheart, *the unjust avenger.*
———achd, *s.f.ind.* Revenge, spite. 2 Cruelty.
———aiche, -an, see dìoghaltach.
———air, -ean, *s.m.* Avenger. 2**Revengeful man.
———as, -ais, *s.m.* Vengeance, punishment, revenge, spite. 2 Grief, sorrow. Dean d., *revenge.*
———asach, -aiche, *a.* see dìoghaltach.
†dìoghaun, *a.* Plentiful, not scanty.
dìoghaoth,** -aoithe, *s.m.* Blast in corn.
†dìoghart,** *s.m.* Decollation.
†dìoghbhail, see dìobhail.
dìoghbhalach, *a.* see dìobhalach.
dìoghladair,** *s.m.* Bridle-cutter.
dìoghladair, see dìoghaltair.
——— ———eachd, see dìoghaltachd.
dìoghladh,** -aidh, *s.m.* Avenging, revenging, repaying. 2 Revenge, requital. 3 Injustice. 4(AH) Act of settling or paying, as in a commercial transaction. A' d—, *pr.pt.* of dìoghail.
dìoghlaidh, *fut.aff.a.* of dìoghail. D. coireach no neo-choireach ris, *the guilty or innocent will suffer.*
dìoghlagan,** *s.m.* Weanel, weanling.
dìoghlais,** *s.f.* Abuse, defamation.
dìoghluim, *pr. pt.* a' dìoghlum & a' dìoghlumadh, *v.a.* Glean, cull, gather minutely. 2** Lease. 3**Weed.
dìoghlum, -uim, *s. m.* Gleanings, the thing gleaned or gathered.
———aich, see dìoghluim,
———air,** -ean, *s.m.* Gleaner. 2 Weeder.
dìoghlus,** -uis, *s.m.* Darkness.
dìoghnadh,** -aidh, *s.m.* Contempt.
†dìoghnas, *a.* Rare.
dìoghradh,** -aidh, *s.m.* Moroseness. 2 Rudeness. †3 Hatred.
———a, see dìoghradhach.
———ach, *a.* Morose, rude, unlovely.
†dìoghrais, *adv.* Constantly, frequently.
dìoghraiseach,** *a.* Beloved.
dìoghras,**-ais, *s.m.* Zeal. 2 Uprightness.
———ach,(PM) *a.* Excessively keen.
†dìoghrog,** *v.n.* Belch.
———,** *s.* Eructation.
dìoglach, see diogailteach.
diogladh, -aidh, *s.m.* Tickling, act of tickling or

sucking closely. A' d—, *pr. pt.* of diogail. Seillean a' d. cluarain, *a bee sucking the thistle flower.*

diograis,** *s.f.* Diligence, secret.

diogras,** -ais, *s. m.* Honesty, integrity, uprightness. 2 Zeal.

dìol, *pr.pt.* a' dìol & a' dìoladh, *v.a.* Avenge, revenge. 2 Pay, render. 3 Fill, satisfy. 4 Ransom. 5 Restore, renew. 6 Recompense, requite. 7** Empty. 8**Change. 9 Wean. Dh. thu sin, *you have recompensed that*; d. dhomh, *pay me* ; dìolamaid do 'n iompachan, *let us pay to the penitent* ; dìolaibh a' ghloine gu bonn, *drain the glass to the bottom.*

dìol, -a, *s.m.* Recompense, satisfaction, retribution. 2 Reward, pay, hire. 3 Satiety, sufficiency. 4 Object, end proposed. 5 Fate, destiny. 6 The act of weaning, as a child. 7 *Condition, state. 8 Complement, proportion. 9**Use. 10**Selling. 11**Restitution. Is bòidheach a dh., *he is in a pretty condition* ; tha mo dh. agam-sa, *I have my satisfaction* or *abundance* ; a dh. ùin' aige, *he has plenty of time*; clach càise le a d. de dh' ìm, *a stone of cheese with its complement of butter* ; d.-dèirce, *an object of charity* ; bu dubh a dh., *black was his fate*; chuireadh air d. e, *he was weaned* ; mo dh. mhnatha, *rather too much of a wife for me* ; is mór an d. a th' aige air an uisge, *there is a great continuance of rain*; 'se rinn an d. air, *he gave him an awful mauling.*

† dìol, *a.* Worthy, sufficient.

dìolachd,** *s. f.* Requital. 2 Restoration. 3 Recompense. 4 Satisfaction. 5 Payment. 6 Orphan.

dìoladair, -ean, see dìoghaltair.

———-—eachd, see dìoghaltachd.

diola-deirce, see dìol-dèirce.

dìoladh, -aidh, *s. m.* Paying. 2 Filling, satisfying, requiting, restoring. 3 Payment. 4 Requital. 5 Ransoming. 6 Yielding. 7 Restoring, restitution. 8 Atonement. A' d—, *pr. pt.* of dìol. D. iomlan, *full restitution.*

dioladh-deirce, see dìol-deirce.

——— Pheadair, *s.m.* The fish caught in the Isles on Christmas Day and given to the poor.

†———mhàil, *s.m.* Receipt, discharge.

diolaid, see doillaid.

diolaidh, *fut.aff.a.* of dìol. 2 *gen.sing.* of dìoladh.

———eachd, see dìoghaltachd.

dìolaim, see dìoghluim.

dìolain, -e, *a.* Illegitimate, unlawfully begotten, bastard. Mac d., *an illegitimate son* or *bastard.*

-———each,** *s.m.* Bachelor.

dìolair, -nan, *s.m.* Avenger, restorer, requiter. 2 Rewarder. 3 Amender.

-———eachd, *s.f.ind.* Conduct of an avenger or requiter. 2**Requital. 3**Revengefulness.

diolam, see dìoghluim.

diolamair, see dìoghlumair.

†dìolamhnach, *s.m.* Hireling, soldier.

diolan, see diolain.

———achd, *s.f.* see diolanas.

———as, -ais, *s.m.* Fornication, bastardy, illegitimacy. 2**Celibacy. Rugadh an d. e, *he was born in fornication*; fhuair i urra le d., *she got a child by fornication.*

diolanta, ** *a.* Brave, manly, stout. 2 Generous. 3 Hospitable.

———s,** -ais, *s. m.* Manhood, bravery. 2 Generosity. 3 Hospitality.

dìolar, *fut.pass.* of dìol.

d-o-làrachadh,** -aidh, see dì-làrachadh.

dio-làrachd,** *s. f. ind.* see dì-làrachadh.

dio-làraich,** *v.a.* see dì-làraich.

†diolas, see dìleas.

dio-làthaireachd,‡‡ *s.f.* Absence.

†dìolbhrugh, -a, *s f.* Shop.

†dìolchomhan, -an, *s.m.* Confederacy.

diol-chuan,** -ain, *s.m.* Shop.

diol-dèirce, -an, *s m.* Beggar. 2 Object of charity. 3* Giving of charity.

diolfar, see dìolar.

†dìolg,** *v.a.* Dismiss. 2 Forgive.

———ad, -aid, *s.m.* Forgiveness, remission.

†———adh, -aidh, *s.m.* Dismissal. 2 Forgiveness. 3 Dismissing, forgiving.

†dìolgion, *v.a.* Empty.

diollad, see dìollaid.

———achadh, see diollaideachadh.

dìolladair, -ean, *s.m.* Saddler.

———eachd, see diollaideachd.

dìollaid, -e, -ean, *s.f.* Saddle.

———each, *a.* Of, or pertaining to, saddles.

———eachadh, -aidh, *s.m.* Saddling. A' d--, *pr.pt.* of diollaidich.

———eachd, *s. f. ind.* Saddlery, saddler's business. Ris an d., *at saddle-making.*

———ear, -eir, see dìolladair.

———ich, *pr. pt.* a' dìollaideachadh, *v. a.* Saddle.

†dìolmhannach, *s.m.* see diùlannach.

diolmhaoin,** *s.f.* Alimony.

dìolta, *past pt.* of dìol.

dìolta, *s.m.* Girth.

dioltag, see ialltag.

dìoltair,** *s.m.* Seller.

dìoltair, *s.m.* see dìolladair.

dìol-thuarasdal,** -ail, *s.m.* Reward, recompense, wages.

dìoluim, see dìoghluim.

diolunta, see diùlanta.

———s, see diùlannas.

dìom, *prep. pron.* Of, off or from me. 2 Concerning me. Ghabh e truas dh., *he took pity on me.*

dìom, see diomb.

diom, -a, *s.f.* see diombadh.

diomach, -aiche, *a.* see diombach.

diomadh, -aidh, *s.m.* see diombadh.

diomail, see di-mol.

diomain, -e, *a.* see diom-buan.

diomaladh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see di-moladh.

diomaltair,** *s.m.* Glutton.

diomarag,‡ *s.f.* Clover seed.

diomas, -ais, *s.m.* Pride, arrogance. 2**Defiance.

———ach, -aiche, *a.* Proud, arrogant, bold, haughty, defying. 2**Disrespectful.

diomb, *s.m.* Hatred, disdain, dislike. 2 Indignation, dissatisfaction, offence, resentment, displeasure. Na toill d. duine sam bith, *do not incur the displeasure of any person.*

———ach, -aiche, *a.* Displeased, dissatisfied, discontented. 2* Indignant. 3**Sorrowful, mournful. Gu d., *unthankful;* d. ri m' [*or* de mo] mhàthair, *displeased with my mother.*

———achd, *s.f.ind.* Reluctance. 2* Indignation.

———adh, -aidh, *s. m.* Anger. 2 Discontent, displeasure. 3 Indignation. 4 Offence. 5 Pain. 6**Grief, trouble. 7 Spite. 8 Hatred. Móran diomaidh, *much trouble.*

———aiche, *comp.* of diombach.

diom-bàigh, see di-bàigh.

diombas, -ais, *s.m.* Lasciviousness.

———uadhach, -aiche, see diom-buaidheach.

———uaghail, -ala, *a.* see diom-buadhach.

diom-buaidh, -e, *s.f.* Unsuccessfulness, bad luck, 2‡‡Displeasure. 3** Defeat. 4**Mishap, misfortune. 5 **Crime.

———— each, *a.* Unsuccessful, luckless, unfortunate.

diom-buaineadd, -eid, see diom-buanachd.
diom-buan, -uaine, *a.* Fading, fleeting, transitory, transient, not durable. Is d. gach eas an tir gun eòlas, *the foot is ever moving in the land of strangers*—where there are no friends to visit, the traveller quickly passes.
diom-buanachd, *s. f. ind.* Transitoriness, evanescence, shortness of continuance.
diom-buanas, -ais, see diom-buanachd.
diombuidneach, see diombach.
diom-buil, -e, *s.f.* Prodigality, waste. 2 Profusion. 3* Misapplication. 4 Abuse.
diom-buil, *v.* see diom-builich.
diom-buileach,** *a.* Wasting, extravagant, prodigal, giving without discretion.
————————adh,‡‡ -ridh, *s.m.* Abuse.
diom-builich, *v.a.* Waste, consume. 2 Put to bad use, abuse.
diomgha, *s.f.ind.* see diomb.
diomhagad, *s.m.* Enfranchisement, liberty, freedom.
diomhaidis, see diomhanach.
diomhain, -e, *a.* Idle, lazy. 2 Frivolous, vain, trifling, unavailing, nugatory, useless, to no purpose. Beairt dh., *vain doings* ; iasgair d., *an unsuccessful fisher* ; *2 a bird, see under* iasgair ; gu d., *vainly.*
diomhaineach, -eiche, *a.* Larkish.
diomhair, -e, *a.* see diamhair.
diomhaireach, see diamhair.
diomhaireachd, see diamhaireachd.
diomhaireas, -eis, see diamhaireas.
diomhairich, see diamhairich.
diomhaltas, -ais, *s.m.* Caution, notice.
diomhan, see diomhain.
————ach, -aiche, *a.* Idle, lazy. 2 Vain, in vain. 3**Trifling, frivolous. 4**Nugatory. Is d. dhut teannadh ris, *it is idle* (or *vain*) *for you to attempt it*; caiunt dh., *idle talk*; breugan d., *lying vanities.*
diomhanachd, *s.f.* Inactivity.
diomhanaiche, -an, *s.m.* Idler.
diomhanas, -ais, *s.m.* Vanity, idleness, laziness. 2 Emptiness. Diomhanasan breugach, *lying vanities.*
diomhar, see diamhair.
diomharachd, see diamhaireachd.
diomharan, -ain, see diamharan.
†diomharg, *v.a.* Quench. 2 Suppress.
†diomhothuigheach, -eiche, *a.* Stupid.
†diomhrachd, see diamhaireachd.
†diomhran, -ain, *s.m.* Mystery. 2 Cell.
diomhuinn, see diomhain.
diomol, see di-mol.
————adair, see di-moladair.
————adh, see di-moladh.
————ta, see di-molta.
————tair, see di-moltair.
diomrac, -aic, *s.m.* Temple.
dìon, -a, *s.m.* Shelter, protection, covert, fence. 2 State of being wind and water tight. 3** Second semi-metre or leth-rann of a verse. 4 **Apology. 5 Defence (in law.) Fo dh. do sgéithe, *under covert of thy wing* (or *shield*) ; air son mo dhìona, *for my defence* or *protection*; tha d. 'san taigh, *the house is wind and water tight* ; cum d., *shelter, protect.*
dìon, *pr.pt.* a' dìon & a' dionadh, *v.a.* Defend, protect, shelter, shield, guard, save. D. thu fhèin, *defend yourself* ; d. mi le d' sgéith, *defend me with thy shield.*
dìonach, -aiche, *a.* Close-joined, air-tight, water-tight, water-proof. 2 Safe, secure. 3 Reserved, 4 Sheltered. laid up. Taigh d., *a water-tight house ;* long dh., *a ship without a leak*; àite d., *a sheltered place.*
dìonachadh, -aidh, *s.m.* Tightening, defending. 2 Act of securing, tightening or rendering water-tight. 3**Caution, bail. 4**Sheltering. 5**Security. A' d—, *pr.pt.* of dìonaich.
dìonachas, see dìonachadh
dionachd, *s. f.* Security, shelter. 2 Circumstance of being water-tight.
dionadach, *a.* Preventive.
dionadair, -ean, *s. m.* Protector, defender. 2 Fender. 3 Fend-off, see under bàta, 17—20, p. 76.
dionadh, -aidh, *s.m.* Protecting, defending, sheltering, shielding. 2** Defence, shelter, security. A' d—, *pr.pt.* of dìon.
dionag, -aige, -an, *s.f.* Two-year-old sheep or goat. 2**Hoggerel. 3 Dimmont, see under caora.
dìonaich,†† *v.a.* Make water-tight, caulk. 2 3 Join closely, as a vessel. 4 Shelter. 5 Secure.
dìonaiche, *comp.* of dìonach.
dionaire, see di-nàire.
————ach, see di-nàireach.
dìon-airm, -e, *s.f.* Place of refuge, sanctuary. 2 Depôt.
†dionaisg, see dì-naisg.
dìon-aite, -aiteachan, *s.m.* Place of refuge, shelter, sanctuary.
dìon-amhaiche, *s.m.* Habergeon.
dionasach,** *a.* see dianasach.
dionasgach, see dì-nasgach.
dionasgadh, see dì-nasgadh.
dìon-bhothan,** *s.m.* Cloister.
dìon-bhréid, -ean, *s.m.* Apron.
dìon-chainnt, -ean, *s.f.* Speaking in defence.
dìon-charn,** -chuirn, *s.m.* Fort.
dìon-chòmhla, *s.m.* Aide-de-camp. 2 Officer of life-guards.
dìon-fheachd,** *s.f.* Fencibles.
diong, -a, -an, *s.f.* Hillock. 2 Immoveable object. 3 Worthy. 4 *s.m.* see gliong.
diong, *pr.pt.* a' diongadh, *v.a.* Join. 2 Match, equal, pair. 3 Overcome, conquer. 4 Effect, accomplish. 5 Pay, recompense. Is iomadh ceud a dh. thu, *many a hundred hast thou conquered*; diongam-sa righ Innis-con, *let me match the king of Inniscon*; as a seo cha diongadh e, *out of this he could not drag* ; diongam fear ma dh'fhuiricheas mi, agus fuilingeam teicheadh, *I'll match a man if I stay, and I can suffer a retreat*—N.G.P.
diong, *v.a. & n.* see gliong.
diong, -a, *a.* Worthy. 2* Immoveable.
diongach, -aiche, *a.* Able to accomplish, to match or to overcome, matching. 2**Suitable, proper, meet, worthy.
diongadh, -aidh, *s.m.* Matching, act of matching, overcoming, conquering. 2††Effecting. concurring. A' d—, *pr. pt.* of diong.
diongail,** *a.* Worthy, fit, proper, suitable, fit to bear.
diongail, *s.f.* see gliong.
diongalta, see diongmhalta.
diongaltas, see diongmhaltas.
diongar,(DU) *a.* Persistent, stiff.
dionghair,** *s.f.* Tribute, benevolent succour.
diongmhail, -e, *s.f.* Effect,sufficiency, efficiency.
————, *a.* see diongmhalta.
†diongmhalar, *a.* Worthy.
diongmhalta, *a.* Firm, tight, strong. 2 Perfect, sufficient, substantial. 3 Effective. 4 Worthy, meet, proper, suitable. 5 Completely certain. 6 Able-bodied. 7(AH) Trustworthy, reliable. Seachd cathaich d., *seven able-bodied warriors.*
diongmhaltachd, *s.f.ind.* same meanings as diongmhaltas.
diongmhaltas, -ais, *s.m.* Firmness, tightness. 2 Perfectness, efficiency, sufficiency. 3 State of being fast, fixed or firmly bound.

diongnach, -aiche, *a.* Fortified.
dìon-làthaich, -a-, *s.m.* Mud-guard.
dìon-long-phort,** -uirt, *s.m.* Harbour garrison.
†dìonn, -a, *s.m.* Hill.
dionnal, -ail, -an, see deannal.
†dionnan, -ain, *s.m.* Little hill.
†dìonnsuighe, for dh' ionnsuidh.
dìon-oglachas,** -ais, *s.m.* Heroism.
dìonta, *past pt.* of dìon. Defended, protected.
†dìor, *a.* Meet, proper, decent.
†dìor, *s.m.* Law.
†dìorach, *a.* see dìreach.
dìorachd, *s.f.ind.* Ability, power, capability of performing or enduring. 2‡‡Inveteracy.
†dìorachrach, *a.* Lawless.
†dìorang, *v.n.* Belch.
dirras, see diorras.
diorbhsail, *s.* Snarling of a dog.
†dìorgas, -ais, *s.m.* Uprightness, integrity.
†dìorma, *s.* Troop, crowd.
†dìormach, *a.* In troops, in companies. 2 Crowded. 3 Numerous. 4 Infinite. 5 Unfit to walk.
†dìorna,** *s.* Quantity.
†dìorr, *s.* Spark of life.
diorrais,(CR) *s.f.* Perpetual work, bustle.
dìorras, -ais, *s.m.* Stubbornness, obstinacy. 2 Crossness, irascibility. 3 Vehemence, keenness, enthusiasm. 4* Tenacity, pertinacity. 5 Childish efforts. Am fear a ni d., is iomadh a ni d. ris, *he that is obstinate will often find his match.*
dìorrasach, -aiche, *a.* Stubborn, obstinate. 2 Cross, irascible. 3 Vehement, forward, rash, fierce, keen. 4*Tenacious. 5 Opinionative. 6 Striving in vain.
dìorrasachd, *s.f.* Extreme pertinacity or tenacity. 2**Irascibility, hastiness, rashness, forwardness, fierceness.
diorrasail,(DC) *v.n.* Spatter, hiss, crackle. 2 Nag peevishly.
diorrasan, -ain, *s.m.* Fretful person. 2 Grasshopper. 3 Snarl. Fraoch an diorrasain, *a kind of heather that sparkles when burning,* (called also *fraoch spreadanach.*)
-·————ach, *a.* Irascible. 2 Fretful. 3 Snarling.
——-·——aich, *s.f.* Irascibility. 2 Snarling. 3 **Crackling.
†diorrasg, -aisg, *s.m.* Suddenness. 2 Fierceness. 3**Hastiness of temper. 4 Rashness.
†————ach, -aiche, *a.* Forward. 2 Sudden, rash. 3**Irascible, fierce.
†diorsan, -ain, *s.m.* Bad news.
dioruanach, see di-bhruaineach.
diosd, *v.a. & n.* Jump. 2 Kick with the heels.
diosg, *a.* Barren, dry, applied to a cow that gives no milk.
diosg, -a, -an, *s.m.* Dish, plate, platter. 2†† Any quantity of water or liquor in a dish. 3 (AF) Barren cow. Is bràthair do 'n d. an tuairnear, *the turner is brother to the dish;* chaidh am màrt an d., *the cow has become dry.*
diosg, *v.a. & n.* Creak, as hinges. 2 Gnash, as teeth.
diosgadh, -aidh, *s.m.* State of being barren or dry, not giving milk, as a cow, barrenness, dryness. 2**Grating or squeaking noise.
dìosgaidh-dàsgaidh, (CR) *s.f.* Sucking sound, as made by walking with water in the shoes —*Suth'd.*
diosgail, *s.f.* Creaking noise, as of withes or iron joints when put in motion.
diosgan, -ain, *s.m.* Creaking noise, as of rusty hinges. 2**Grating of the teeth. 3**Gnashing. 4**Crashing. D. air gach maide, *every timber creaking.*
diosganach,(CR) -aich, *s.m.* Boarded-out dipsomaniac—*Skye & Harris.*
diosganaich, *s.m.* see dìosgan.
diosgar,** -air, *s.m.* Mob, rabble.
diosgarnach,** -aich, *s.m.* Mob, rabble. 2 One of a mob.
†diosla, *s.m.* Die.
diosmuig, see dì-smuig.
diosnaidhm, see dì-snaidhm.
diospoireachd, see deasbaireachd.
diot, *s.f.* Gaelic spelling of old pronunciation of *diet.* [*Diot* is restricted to one particular meal (dinner) when not qualified by an adjective, as, d. mhór, *dinner*; d. bheag, *breakfast. Tràth* is applied to any meal.—*W. of Koss.*]
diot, *prep. pron.* From thee, of thee, off thee. Cuir dh. do chòta, *put off your coat.*
diot, see diod. Cha'n 'eil d. ann, *there is not a drop in it.*
diotag, see diodag.
dìoth, see dìth. †2 *v.n.* Die, decay.
dìothachadh, see dìtheachadh.
diothadh,** -aidh, *s.m.* Decaying, dying, withering. 2 Decay. 3 Death. A' d—, *pr. pt.* of dioth.
dìothadh, -aidh, see dìtheachadh.
dìothaich, see dìthich.
diothaireach,** *a.* Emetic.
†diothramh, -reimh, see dìthreabh.
diothruaill, *v.a.* Unsheathe.
†dìothughadh, see dìtheachadh.
diot-mhór, -a-móire, -an-móra, *s.f.* Dinner.
dìpin, -e, -ean, *s.m.* Certain measure of a net, usually a herring-net. 2‡ Deepening in a net.
dìpinn, see dipin.
†Diplinn, -e, see Giblinn.
†dìr, *s.f.* Letters. 2 Pimples.
dìr, *pr. pt.* a' dìreadh, see dìrich.
dirb, see darb.
†dire, *s.f.* Tax, tribute.
dìreach, -iche, *a.* Straight. 2 Perpendicular, upright. 3 Just, right, equitable. 4 Positive, certain. 5 Direct. 6 Frugal. An ni sin tha cam, cha ghabh e deanamh d., *that which is crooked, cannot be made straight*; d. sin, *just that*; is d. Dia, *God is upright*; air ceumaibh d. réidh, *on a straight, plain path*; tha 'dheanadas d., *his work is right*; caol d., d. air adhairt, *straightforward*; d. glan, *exactly so*; d. 'na sheasamh, *standing upright*; dàn d., *verse,* or *metre of a certain class.*
dìreach, *adv.* Directly, exactly so. D. mar a thubhairt thu, *just as you said*; d., *or* seadh d ! *just so!*
†dìreach, *s.m.* Dwarf.
dìreachadh, -aidh, *s.m.* Making straight, becoming straight. A' d—. *pr.pt.* of dìrich.
dìreachan, -ain, *s.m.* Perpendicular.
dìreachas, -ais, *s.m.* Uprightness. 2 Straightness. 3 Honesty. 4 Perpendicularity.
dìreachd,** *v.a.* Geld.
——-·——as,** -ais, *s.m.* Act of gelding.
dìreadh, -idh, *s. m.* Ascending, act of ascending, ascension, mounting, climbing. 2**Direction. 3**Panegyric. 4‡‡Prevailing. A' d—, *pr.pt.* of dìr. A' d. a' bhruthaich, *ascending the brae*; ceò a' d. aonaich, *mist ascending a hill.*
dì-riaghailt,‡‡ *s.f.ind.* Asymmetry.
†dìribe, *a.* Bald.
dìrich, *pr.pt.* a' dìreachadh, *v.a.* Straighten, make straight, even, or perpendicular. 2‡‡ Direct. Am fear nach d. a dhruim, *he that will not be at the trouble of straightening his back.*
dìrich, *pr. pt.* a' dìreadh, Ascend, go up, mount,

climb. 2 Surmount. Cha d. thu am fireach, *thou shalt not climb the steep*; dh. e an carbad, *he mounted the chariot.*
dìriche, *comp.* of dìreach.
dìrichead, *s f.* Erectness. 2 Straightness.
dìrichear, *fut. pass.* of dìrich. Also used impersonally, as d. [leinn] am monadh, *let us ascend the hill.*
dìrichte, *past pt.* of dìrich.
dìrid, *s. f.* Lapwing, see adharcan-luachrach. 2 (MMcD) Puffin—*W. Suth'd.*
†dìrim, *a.* Numerous, plentiful. 2 Great.
†dìrtheach, *s.m.* Feast, solemnization.
dis, -e, *a.* Susceptible of cold, incapable of bearing cold. 2 Delicate, tender. 3 Chill. 4 Miserable. 5 Poor.
Dis,* *s.m.* Celtic deity.
dìs, see dithis.
Di-Sathuirn, *s. m.* Saturday. D. seo chaidh, *last Saturday ;* là Sathuirn, *a Saturday;* thàinig e D. [not *air* D.,] *he came on a Saturday.*
disbeirt,** *a.* Twofold, double.
discir, see disgir.
†discréide,** Gaelic form of *discretion.*
disd, -e, -ean, *s.f.* Mow, rick. 2 Layer of stacked peats or turf. 3 see disinn.
di-se. *emphat.* of di, *prep. pron.*
dise,** *s.f.* Mow, rick.
diseachan, (AH) -ain, *s.m.* Person who is exceptionally susceptible to, or afraid of cold.
disear, *s. m.* Susceptibility to cold, delicateness—*Lewis.*
disgir, -e, *a.* Sudden, fierce, nimble, active. 2 ‡‡Cruel.
dìsinn, dìsne, disnean, *s.m.* Die [*pl.* dice.] 2 Cube. 3 Wedge, as in the shaft of anything. Ag iomairt air dìsnean, *playing at backgammon.*
dis-lann,** *s.m.* Gaming-house.
disle, *comp.* of dìleas.
disle, see dilseachd.
disleach, -iche, *a.* Stormy. 2 Uncouth. 3 Straggling.
disleachadh, (PM) -aidh, *s. m.* Benumbing or overcoming with cold.
disleachd, *s.f.ind.* see dilseachd.
dislead, -eid, see dilseachd.
dislean, *s. pl.* Relatives. 2** see dìsnean.
disleanaiche,** *s.m.* Player of dice. 2 Gambler.
dislein, see dìsnean.
di-sligheach,** *a.* Devious, straggling. 2 Impervious. 3 Immethodical. 4 Uncouth.
dì-smuig, *v.a.* Snuff, as a candle.
dì-snaidhm,** *a.* Smooth, without knots.
disne, *gen, sing.* of dìsinn. [given by †† and ‡ as *nom. sing.*]
disneach, -aiche, *a.* Tesselated, variegated by squares. 2††Abounding in dice or cubes, diced. 3 ‡‡Cubic.
dìsneag, -eig, -an, *s. f.* Little die.
disnean, *pl.* of dìsinn. Dice.
disnean, -ein, *s.m.* Dice-box. [†† gives -ein, as termination of *nom.' sing.*]
dìsnear,** -eir, *s.m.* Dice player.
disnibh, *dat.pl.* of dìsinn. Deud shnaithte mar dh., *teeth polished like dice.*
dìsnich,* *v.n.* Raffle.
dìsread,** -rid, *s.m.* Aspergillum, used at mass to sprinkle holy water on the people.
dist,** *s.f.* Mow, rick. 2 Die. 3 Gaelic spelling of *joist.*
distean,** see disnean.
dìstear,** see dìsnear.
dìt, *pr. pt.* a' diteadh, *v.a.* Condemn. 2 Sentence. 3 Reproach, despise. 4**Surrender. 5††Rebuke. Cò a dhiteas iad ? *who shall condemn them ?* an d. mi air son sin, *reproach me not for that.*
diteach, -eiche, *a.* Accusable.
diteachail, -e, *v.* Libellous.
diteadh, -tidh, -idhean, *s. m.* Sentence, sentencing, judgment, act of condemning, reproaching, condemnation. 2** Surrender. 'S e seo an d. gu'n d' thàinig an solus do 'n t-saoghal, *this is the condemnation that light is come into the world.* A' d—, *pr.pt.* of dìt.
dìteag, see dìdeag.
diteagaich, see dideagaich.
diteam, *1st. pers. sing. pres. aff.* of dìt. I sentence. 2 *for* dìtidh mi, *I will sentence.*
dìtear,** *s.m.* Accuser.
dìth, -e, *s.m.* Want, defect. 2 Failure, deficiency. 3 Destruction. D. céille, *want of sense ;* cha'n 'eil d. air, *he wants for nothing ;* dè tha dh. ort ? *what do you want ?* is mór a tha dh. orm, *I want much;* chuir thu seo a dh. orm, *you deprived me of this ;* is mór tha sin a dh. orm, *I want that very much ;* is beag a tha sin a dh. ort, *you have very little need of that ;* théid iad a dh. orm, *I shall be deprived of them ; 2 they shall become useless to me ;* a dh. fasgaidh, *for want of shelter ;* tha móran a dh., *there is a great deficiency.*
dìth,†† *pr. pt.* a' dìtheadh, *v.n.* Die, perish, wither away. Tuirc nach faodadh airm a dh., *boars that arms may not kill.*
dìth, *prep.pron.* Of, off, *or* from her, *or* it (*f.*)
dith, *pr.pt.* a' ditheadh, *v. a.* Press together, press, squeeze, compress. †2 Suck.
dith,* *pl.* -ean & -eanan, *s. f.* Layer, course, streak. 2 Stratum, vein, as in a mine. D. mu seach, *layer about ;* dithean saille, *layers* or *streaks of fat,* as in beef ; ditheanan luaidh is airgid, *veins of lead and silver.*
dith-armaich, see dì-armaich.
dithbhir, see deifir.
dìth-bhith,†† *s. f.* Annihilation. D. ort ! (an imprecation.)
dìth-bhrògach, see dì-bhrògach.
dìth-chealtair,** *s. m.* Necromantic veil that renders things invisible.
dìth-cheann, see dì-cheann.
dìth-cheannadh, see dì-cheannadh.
dithchioll, see dichioll.
dithchiollach, see dìchiollach.
dithchiollaich, see dìchiollaich.
dìth-chreideamh, see dì-chreideamh.
dìth-chreidmheach, see dì-chreidmheach.
dìth-chuimhne, see dì-chuimhne.
dìth-cnamhaidh, see dì-cnamhaidh.
ditheach, -ich, *s.m.* Beggar. 2 Needy person.
ditheach, -iche, *a.* Empty. 2 Indigent, poor.
ditheachadh, -aidh, *s.m.* Abolition. 2 Destruction, destroying. 3**Causing to cease. 4** Failing. A' d—, *pr. pt.* of dithich.
ditheachail, -e, *a.* Lossful.
ditheadh, -idh, *s.m.* Hoarding up. 2 Concealing. 3 Pressing. 4 Destruction.
dìthean, ‡ -ein, *s. m.* Daisy, darnel. 2 Blossom, any flower, see breòillean. 3††Wild marigold. 4(PJM) Knoll. 5(PJM) Place on top of head towards back, where the hair naturally parts, forming shape of a daisy. Dìthean nan gleann, *the flowers of the valleys.*
dìthean-Abraoin, ‡ *s.m.* Hepatica—*hepatica.*
dìtheanach, -aiche, *a.* Abounding in darnels or flowers, of or belonging to, darnels or flowers. 2††Abounding in corn-marigolds.
dithean-mór, -ein-mhóra, *s.m.* Ox-eye.
dithean-òir, (an)‡ *s.m.* Corn-marigold, see bile-bhuidhe.
dìthean-ùr, *pl.* -eanan-ùra, *s.m.* Fresh flower.
dìth-fhear, ‡‡ -fhir, *s.m.* Bankrupt.
dìthich, *pr.pt.* a' ditheachadh, *v.a. & n.* Destroy,

extirpate, root out, cause to cease, destroy utterly. 2**Fail, cause to fail. 3†† Die, perish. Dìthichidh mi an iomhaighean, *I will root out their images* ; dh. mo chàirdean, *my friends have failed.*

†dìthimh, *s.f.* Heap. (hemp in ‡‡)

†dìthinge, *a.* Dumb, mute.

dìthis, *a.* Two. [Used only of persons, and followed by the *gen. pl.* Erroneously applied to two of anything in some parts.] Thàinig d., *two (persons) came* ; 'nan dìthisean, *in pairs* ; d. fhear, *two men* ; 'nar d., *we two together.*

———each, *a.* Mutual.

dìthisd, see dìthis.

dìth-làrachadh,
dìth-làraich,
dìth-làthaireach,
dìth-làthaireachd,
dìth-làthairich,
} see dì-l—.

dìthleach,** *a.* Forgetful, neglectful.

dìth-luchdaich,* *v.a.* see di-luchdaich.

dìthmeas, see dìmeas.

———dachd, see dìmeasdachd.

dìth-mhill, *v.a.* see dì-mhill.

———eadh, see di-mhilleadh.

———tear, see di-mhilltear.

dìth-mhol, see dì-mol.

dìth-mothachaidh, *s.m.* Inattention. 2 (PM) Want of common sense.

dìthreabh, -eibh, *s.f.* Desert, wilderness. 2 The higher and less cultivated parts of a district. 3**Hermitage. 4**Hermit.

———ach, -aich, *s.m.* Hermit, anchorite, ascetic.

———ach,** *a.* Desert, uncultivated, solitary. 2 Bleak.

———achd,** *s.f.* Bleakness.

dìthreachdach, -aiche, *a.* Lawless, insubordinate. Gu d., *insubordinately.*

dìthreamh, see dìthreabh.

dìth-reodha,(AC) *s.* see dubh-threabha.

dìtidh, *fut. aff. a.* of dìt.

dìtig, *Lewis* for dìrid.

diù, *a.* Worth. 2 Due. 3**see diùbhaidh. Cha d. leam sin, *that is beneath me*—not good enough for me to do.

diu, *adv.* see diugh. †2 Long since.

diù, *s.m.* Long time. 2 see diùbhaidh. 3 (DU) Care. D. nam beathach firionn, *the refuse of male animals* ; is d. teine fearn ùr, is d. duine mi-rùn, is d. dìbhe fìon sean, ach 'se d. an domhain droch bhean, *worst of fuel alder green, worst of human malice keen, worst of drink wine without life, worst of all things a bad wife. Fìon sean* is literally *old wine,* but the Celts certainly knew what was what in wine as in other things—N.G.P.

diubh, *prep. pron.* Of, off or from them. 2 From among them. Cuid dh., *some of them* ; aon dh., *one of them* ; cò dh.? *which of them?*

diùbhaidh, -ean, *s.m.* The refuse, worst. 2 Object of contempt. Roghainn is d., *pick and get the worst* ; cha d. idir e, *it is no object of contempt.*

———, *a.* Low, worthless, abject.

liùbhail, -alach, -ean [& -aichean,] see dìobhail.

———each, *a.* see dìobhalach.

liubhair,** *s.m.* Discrepancy.

liùbhalach, -aiche, see dìobhalach.

———adh, see dìobhalachadh.

liùbhalaich, see dìobhalaich.

liubhar, *s.m.* see diubhras. Cha dean e d. sam bith, *it will make no difference.*

———aich, *v.n.* Contradistinguish.

———aiche,** *s.m.* Distinguisher.

liubhrais, for dìamhaireas. Cha d. eadar dithis no idir eadar triùir, *betwixt two a secret is unsafe, and among three persons it is no secret at all—Sgeulaiche nan caol, p. 133.*

diùbhras, -ais, *s.m.* Difference.

———ach, -aiche, *a.* Differential, making difference. 2 Auricular.

———achd,** *s.f.* Privateness.

diubhsan, *emphat. form* of *prep. pron.* diubh.

diuc, -a, *s.m. & f.* The pip, a sickness in fowls.

diùc, *v.a. & n.* Exclaim, cry out. 2 Approach. 3 Present one's self.

diùc, -an, *s.m.* Duke.

†diùcadh, -aidh, *s. m.* Coming to, presenting one's self.

diùcail, *a.* Ducal.

diùcair, -ean, *s.m.* Bladder or small buoy, used to keep fishing nets at the right depth, ducker.

diuchaidh, -e, *a.* Addled, of no value, what proves useless in corn, eggs, &c.

diuchair,** *v.a.* Drive away, keep off.

diuch-bhlian,(CR) *W. of Ross-sh.* for dubh-bhléin.

diùchd, -an, see diùc.

diùdan, -ain, *s.m.* Giddiness, thoughtlessness. 2 Thoughtless person.

———ach, -aiche, *a.* Giddy, thoughtless, *prov.*

diudhal,** -ail, *s.m.* see dìobhail.

diug ! *inter.* Chuck ! cry to gather fowls. Na h-abair d. a choidhche ris an eun gus an tig e as an ugh, *never say "chuck" to the chick before it is out of the egg.*

diug,** *v.n.* Cluck, cackle.

diugadh,** -aidh, *s.m.* Clucking, as of a hen.

diugan, -ain, *s.m.* Mischance, misfortune.

———ta, *a.* Unfortunate.

diugh, *adv.* " an diugh " to-day. An diugh fhèin, *this very day.*

diugha, *a.* see diùbhaidh.

diughlar, see dìolar.

diùid, -e, *a.* Tender-hearted, flexible, timid. 2 *Fearful, bashful, awkwardly sheepish. Fear gun rud aige, is d. a chéilidh anmoch, *an empty hand makes a long visit unpleasant*—(*lit.* a man having nothing, bashful is his late visit.)

diùid, -e, -ean, *s.m.* Awkward spiritless fellow. 2 Silliness. 3(PM) In *Uist* Bashful, shy, coy, and *not* meanings 1 or 2. Is d. fear na h-eisimeil, *the dependant is timid*—N.G.P.

——, -e, -ean, *s.f.* Pain. 2 Sorrow. †3 Succour.

diuide, *comp.* of diùid.

diùide,* *s.f.* see diùideachd. †2 Continuance.

———ach, -iche, *a.* Sneaking, mean-spirited. 2 Silly, shy, timid, bashful. 3**Tender-hearted. 4**Flexible.

———achd, *s. f. ind.* Bashfulness, backwardness, sneakingness, shyness, timidity, diffidence.

diùididh, -e, *a.* Shamefaced, bashful, shy, timid.

diuir, see deor.

diùireas,** -eis, *s.m.* Any worthless thing. 2 The worst part of anything. Gach d. gu deireadh, *the worst is always reserved till last.*

diul, see deoghail. 2 see dìol.

diùlach,* see diùlannach.

diùlam,(DU) -aim, *s.m.* Sense of shame, modesty, reserve. Duine gun d., *a man without shame.*

diùlannach, -aich, *s.m.* Hero, brave man. 2 Good man. 3**Handsome man. 4** Stout man. 5**Hireling, mercenary. A liuthad d. aiunis, *many a poor youth.*

diùlannas, -ais, *s. m.* Manliness. 2 Activity. 3 Heroism, bravery. 4 Stoutness. 5 Generosity, hospitality.

diùlanta, *a.* Manly. 2 Brave, heroic. 3 Active. 4 Stout, lusty. 5 Generous, hospitable.

———s, see diùlannas.

diulnach, see diùlannach.
diùlnas, see diùlannas.
diult, *pr.pt.* a' diùltadh, *v.a.* Refuse. 2 Misgive, reject, deny, disown. Nach diùltadh strì, *who would not refuse battle*; is teare each a dhiùltas a mhuing, *seldom will a horse refuse his mane.*
——,** *s. m.* Refusal, denial. 2 Negative. Fhuair e an d., *he got a refusal.*
-——ach, *a.* Negative in *grammar.*
-——adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Refusal, denial, act of refusing or denying. 2**Negative. A' d—, *pr.pt.* of diùlt. Is buaine aon d. na dà thabhartas-deug, *one refusal is longer remembered than a dozen offers.*
diùmach, see diombach.
diùmb, see diomb.
diùmbach, see diombach.
diùmhlach, -aich, see diùlannach.
diùmhlannach, -aich, see diùlannach.
diùmhlannas, -ais, see diùlannas.
†diùn, *a.* Gaelic spelling of French *jeune*, young.
diùnach, see deònach.
diunnachadh, -aidh, *s. m.* Walloping, drubbing. A' d—, *pr.pt.* of diunnaich.
diunnaich,* *pr.pt.* a' diunnachadh, *v.a.* Wallop, drub.
diùnlaoch,* -aoith, see diùlannach. Ceum air adhart aig gach d. (diùlannach), *each hero marching forward.*
†diùr,** -a, *a.* Bad. 2 Difficult, hard, dire. Bu d. an gàbhadh, *it was a dire necessity.*
diurasan, see dearrasan.
†diùrn, *v.a.* Drink greedily, gulp. 2 Swallow.
diurnach, -aich, *s.m.* One who drinks or swills.
diùrr,* *s.f.* Vital spark. Cha'n 'eil d. ann, *he is quite dead*; na h-abair d., *say not a wheest.*—P.J.M.
diùrrais,* *s. f.* Secret, mystery. 2(PJM) Desire to bite, as a child when teething. An d., *as a secret.*
———each,* *a.* Secret, private, requiring secrecy.
†diùs, *s.m.* Protection.
diù-san, see diubh-san.
diute, see diutidh.
diutha, *prov.* for diubh.
†diuthach,‖ *s.m.* *Nomen doloris*, produced by rubbing the thighs in travelling.
diùthadh, *a.* see diùbhaidh.
diùthaidh, see diùbhaidh.
†diuthan, see †diuthach.
diutaidh,(DC) *a. Uist* for diùidhidh.
dlagh,*-aigh, *s.m.* Natural order. 2 see dlòth. As a dh., *out of its natural order* or *arrangement.*
dlaigh, *gen. sing.* of dlagh.
dlaimh,** *s.f.* Darkness.
dlaogh, see dlagh.
dlaoi, see dlóth.
dleachd, see reachd.
———air, see reachdadair.
dleas,* -a, -an, *s.m.* Right, due, merit, desert. 2†Office. 3 see dleasnas. Mo dh. fhéin, *my own due* or *right.*
-——,* *a.* Due, deserved, merited, incumbent, in duty bound. Is d. dha sin, *that is due to him*; ma tha sin d. dhut, *if that be due to you*; an d. dhomh sin a dheanamh? *is it incumbent on me to do that?*
-——, *pr. pt.* a' dleasadh, *v.a. & n.* Merit, deserve. 2*Owe, extort. 3* Procure. Na d. ni do dhuine sam bith, *owe no man anything*; dleasaidh airm urram, *arms procure respect.*
-——ail, -ala, *a.* Dutiful.
-——alachd, see dleasnachd.
-——annach, -aiche, *a.* see dleasnach.
-——annas, -ais, see dleasnas.
dleasdanach, see dleasnach.
dleasdanas, see dleasnas.
dleasnach, -aiche, *a.* Dutiful, dutious. 2 Affectionate. 3**Rightful.
dleasnas, -ais, *s.m.* Duty, filial duty. 2 Affection. 3 Obligation. 4**Right. Rinn mi mo dh., *I did my duty*: a réir mo dhleasnais, *according to my duty.*
dligead,** -eid, *s.m.* Separation.
dligh, *v.n.* Owe, be indebted. Ma dhligheas mi ni sam bith, *if I owe anything*; thoir moladh dhasan do 'n dlighear e, *give praise to him to whom it is due*; dlighear mo thaing dha, *my thanks are due to him.*
dlighe, *s.f.ind.* Law, ordinance. 2 Duty. 3 Right, due. 4 Tribute, custom. 5 Perquisite 6 Property. Is e seo mo dh., *this is my due*, le d. cheirt, *with just right.*
———ach, -iche, *a.* Lawful, rightful. 2 Legitimate. 3** Right, due. 4**Dutiful. Oighre d., *a rightful heir*; clann d., *legitimate children*; ma 's d. dhuit sin, *if that be due to you.*
———achail, see dligheil.
———achas, -ais, *s.m.* Duty. 2 Lawful right 3 Absoluteness.
dligheachd-breithe,‡‡ *s.f.* Legitimacy.
dligheadh, -idh, see dlighe.
dlighean-air-leth, *s.m.* By-laws.
dlighear,** *a.* see dligheach.
-———, *fut. pass.* of dligh.
———, -ir, *s.m.* Lawyer. 2 Magistrate, justice of the peace. 3††Creditor.
dligheil, -e & -gheala, *a.* Just. 2 Obedient to law, lawful. 3 Rightful. 4**Skilled in law. 5**Litigious. Duine d., *a litigious man.*
dlighe-thabhairt,‡‡ *s.m.* Legitimation.
†dlighleanuigh, -ean, *s.m.* Lawgiver.
dlightheach, -iche, *a.* see dligheach.
dlisteanach,** *a.* see dligheach.
dlisteanas, see dligheachas.
dlithe, see dlighe.
dlitheach, *a.* see dligheach.
dlithear, see dlighear.
dlò, -tha, -than, *s.f.* see dlòth.
dlochd, -an, *s. m.* Strainer. 2 Colander. 3 Snare.
dlochdair, see dlochd.
dlochdair, *v.a.* Strain, press, squeeze.
dlochdan, see dlochd.
dlodan,** -ain, *s.m.* see dlochd.
dlogh,* *s.m.* Wart. 2 see dlòth.
dloghainn,* *s.f.* Sheaf-corn half thrashed, given to cattle when fodder is scarce.
dlòintibh, *dat. pl.* of dlòth.
†dlomh, *v.n.* Tell. 2 Refuse, deny. 3 Make evident or plain.
†dlomh, *s.m.* Refusal.
dlomhadh,** -aidh, *s.m.* Refusal, denial.
†dlomhaisinn, *s.f.* Destruction.
dlòth, -a & -ann, *dat.* -ainn, *pl.* dlòintean, *s.f.* Handful of corn or grass cut with one stroke of the reaping hook. 2**Lock of hair. D. gruaige, *a lock of hair*; cuid de na dlòthaibh, *some of the handfuls.*
———ach, *a.* Pertaining to, or full of handfuls of corn.
dlù, see dlùth.
dlug,** -uig, *s.f.* Avarice. 2 Penury.
dluigh, see dluigheil.
dluigheachd, *s.f.* Activity, nimbleness.
dluigheil,‡ *a.* Handy, active. 2 Prepared. 3 Tidy, trim, neat. 4††Thrifty.
dluimh, *s.f.* Cloud, darkness. 2 Blaze of fire.
dlùith,* *v.a.* see dlùthaich.
dlùithe, *comp.* of dlùth. More or most fast, or near.
dlùitheachd, *s.f.ind.* Closeness, nearness. 2

Thickness. 3 Quickness, fastness.
dlùitheid, -eid, see dlù-theachd.
dlùitheidh, see dlùthaidh.
dlùithean,** *s.m.* Closet, little study.
————,(PJM) *s.pl.* Relatives.
dlumh,** *s.* Much, plenty.
dlùs, see dluths.
dlùth, -ùithe, *a.* Near, close to, close. 2 Thickly set, dense, tight, confined. 3 Quick. 4** Incessant. 5 Related, nearly connected. 6 **Nimble. Neòil a tha d. mu 'n cuairt, *clouds that are thick around*; uisge trom d., *heavy incessant rain*; a' choille thiugh dh., *the thick close wood*; 'gad phògadh gu d., *kissing thee incessantly*; 's mi 'falbh leam fhéin gu d., *and I walking along communing with myself*, (*in a brown study.*) [*Dlùth* takes after it in government the preposition *air*, *do*, *an* or *ri*, simple or compounded.] Is d. aoibhneas do bhròn, *joy is close upon grief*; d. ri chéile, *close to each other*; d. an dàimh, *nearly related*; d. orm, *near me*; d. air an là, *near daylight*; d. air a chéile, *near* or *close upon each other.*
dlùth, -a, *s.m.* Warp of cloth. Gu leòir de dh. is fuigheal innich, *abundance of warp and remainder of woof*—i. e. enough and to spare, something to go and come upon; gheibh bean bhaoth d. gun cheannach, 's cha'n fhaigh i inneach, *a silly woman will get the warp without paying, but won't get the woof*; d. glic agus inneach gòrach, *said of a person who seems foolish but is really wise.*
dlùth, -ùith, *s.m.* Joining. 2 Enclosure, fence. 3 Cloister.
dlùth, *v. a.* House corn—*Harris & Uist.* 2 see dlùthaich.
dlùthachadh, -aidh, *s.m.* Approaching, act of approaching. 2 Joining, joining closer. 3 Crowding. 4 Contracting. 5**Warping, as of cloth. 6 Knitting. A' d—, *pr. pt.* of dlùthaich.
dlùthachd, see dlùitheachd.
dlùthadh, -aidh, *s.m.* Building of corn-stacks. 2 Housing of corn. 3‡‡ Pounding of clods. 4 see dlùthachadh. A' d—. *pr. pt.* of dlùth.
dlùthaich, *pr. pt.* a' dlùthachadh, *v. a.* Approach, draw near. 2 Join, adhere, join closely together. 3 Warp. 4 Press together, pack together. Dh. iad ris a' bhaile, *they approached the town.*
dlùthaicheadh, see dlùthachadh.
dlùthaichear, *fut. pass.* of dlùthaich.
dlùthaichidh, *fut.aff.a.* of dlùthaich.
dlùthaichte, *a.* & *past pt.* of dlùthaich. Made close, cemented, glued, pressed, joined, compressed, knit.
dlùth-aireach, *a.* Intense.
dlùtnas, -ais, *s. m.* Nearness, closeness, propinquity, neighbourhood. 2(PM) Denseness. D. nan craobh, *the closeness of the trees.*
dlùth-bhailtean,** *s.pl.* Suburbs.
dlùth-bharrach, *s.m.* Brushwood.
dlùth-bheachd, -an, *s.f.* Meditation.
d'ùth-bhuidhneach, -eiche, *a* Close-banded.
dlùth-chàirdeas, *s.m.* Intimacy.
dlùth-charcair, -ean, *s.m.* Labyrinth.
dlùth-cheangail, *v.a.* Bind firmly.
dlùth-cheangladh, -aidh, *s.m.* Binding firmly.
dlùth-chinneas,** *s.m.* Aggeneration.
dlùth-chlòdh, *v*, & *s.m.* Stereotype.
dlùth-dhuilleach, -eiche, *a.* Close-leaved.
dlùth-eòlach,** *a.* Intimate, acquainted, familiar.
dlùth-eòlas, -ais, *s.m.* Intimacy, familiarity.
dlùth-fhàs,** *s.m.* Aggeneration.
dlùth-fheachd, -an, *s.f.* Phalanx.
dlùth-fhraoch,§ *s.m.* Smooth-leaved heath, see fraoch-a'-bhadain.
dlùth-ghleus, -eòis, -an, *s.m.* Gathered form.
dlùth-impidh,‡‡ *s.f.* Adhortation.
dlùth-lean, *pr.pt.* a' dlùth-leanail & -leantuinn, Cleave unto, stick close to, adhere. 2 Follow closely, pursue.
dlùth-leanachd,** *s.f.* Adherence.
dlùth-leanailteachd, *s.f.ind.* Adherence.
dlùth-leanmhuinneach,‡‡ -eiche, *a.* Continuous, dogging.
dlùth-leanmhuinneachd, *s.f.* Continuity.
dlùth-oidhirp, -ean, *s.f.* Assiduity.
dlùth-phreas,** -phris, *pl.* -phris & -phreasan, *s.m.* Thicket. 2 Thick bush.
dlùth-phreasach, ** *a.* Full of thickets or of thick bushes.
dlùth-phreasarnach, *s.m.* Brushwood.
dlùths, dlùiths, see dlùthas.
dlùth-sheanachas,(PM) -ais,*s.m.*Close conversation.
dlùth-shéidrich,** *a.* Asthmatical.
dlùth-stòl, -stòil *s.m.* Close-stool.
dlùth-smuainich,*v.a.* Revolve in mind, consider.
dlùth-smuainteach, -eiche, *a.* Abstracted (in mind only.)
dlùth-spàgach, -aiche, *a.* Palmipede.
dlùth-thàirngeach, -iche, see d— tharruingeach.
dlùth-tharruing, *v.a.* Attract.
dlùth-tharruingeach, -eiche, *a.* Drawing closely. 2 Attractive. 3 Magnetic.
dluth-tharruingeachd,** *s.f.ind.* Magnetism.
dlùth-tharruingeadh,** *s.m.* Attraction.
dlùth-theann, *pr. pt.* a' dlùth-theannadh, *v. a.* Press close upon, draw near. 2**Crowd together, approach in crowds.
dlùth-theannadh, -aidh, *s. m.* Pressing close upon, hard pressing, act of pressing closely. A' d—, *pr.pt.* of dlùth-theann.
†dò, *a.* see dà.
do, *prep.* To (i.e. unto.) [Aspirates word following, and governs the Dative case. It is often *dh'*, or redundantly *do dh'*, or *a dh*, before a word commencing with a vowel. In other cases it is often *a*, or is omitted entirely. Chaidh e dh' Eirinn, [*or* do dh' Eirinn, *or* a dh' Eirinn,] *he went to Ireland*; chaidh iad a Phort-rìgh, *or* chaidh iad Phort-rìgh, *they went to Portree.*

Do is joined with the personal pronouns thus :—domh, *to me*; duit, *to thee*; da, *to him*; di, *to her*; duinn, *to us*; duibh, *to you*; doibh, *to them.* These prepositional pronouns are generally aspirated.

dubh-dhorcha,‡‡ -dhuirche, *a.* Pitchy.
————————das, -ais, *s.m.* Pitchiness, pitchy darkness.
dubh-dhruim,†† -dhroma, *s.f.* Dark surface. 2 Dark height. 3 Black back. 4 Black ridge. D. na mara, *the dark surface of the sea.*
dubh-eun,** *s.m.* Diver (bird.)
————ach(AF) *s. m.* Razor-bill, see coltraiche.
dubh-fhacal, -ail -fhaclan, *s.m.* Riddle, puzzle, enigma, parable, dark saying. 2 Bad expression.
dubh-fhaclach, -aiche, *a.* Obscure, enigmatical.
dubh-fhàd, *s.m.* Second or lowest peat—*Suth'd.*
dubh-fhalt,** -fhuilt, *s.m.* Black hair.
dubh-fhaoileann,(AF) Large gull.
dubh-fhiamhach, -aiche, *a.* Blackish.
dubh-fhiodh,§ Ebony—*diospyros ebenus.*
dubh-fhuathaich,‡‡ *v.a.* Loathe.
dubh-ghalar, -air, -an, *s.m.* Looseness, disease in cattle, see dubh-thuil.
Dubh-Ghall, -aill,*s.m.*[*&*f.*] Lowlander,foreigner. 2 Dane. 3††Real Lowlander. 4 *in contempt* Mean-spirited fellow.
dubh-ghlac, -aic, -an, *s.f.* Dark valley. [†† gives dubh-ghlaic as *nom.*]
dubh-ghlas, -aise, *a.* Dark grey, dark drab.
dubh-ghleann,** -ghlinn, *s.m.* Gloomy vale.
dubh-ghnosach,** *a.* Black-mouthed.
dubh-ghnuiseach, -eiche, *a.* Black-faced.
dubh-ghorm, -ghuirme, *a.* Dark blue, black and blue.
dubh-ghormadh,** -aidh, *s. m.* Making dark blue, making black and blue, generally applied to change of colour through cold.
dubh-ghràin, -e, *s.f.* Abhorrence, extreme disgust.
————ealachd,** *s.f.* Abhorrence, abomination.
————eil, -eala, *a.* Abhorring, extremely disgusting.
————ich,* *v.a.* Detest, abhor.
dubh-ghruaim, -e, *s.f.* Dark frown.
dubh-ghruamach, *a.* Dark-frowning.
dubh-là, -laithean, *s.m.* Mournful day, day of temptation or trial. Cumaibh an d. air chuimhne, *keep the mournful day in mind.*
Dùbhlach, -aich, *s.m.* see Dùdlachd.
dubh-lach,(AF)*s.f.* Bald coot, see lach-a'-bhlàir.
dùbhlachadh,** -aidh, *s.m* see dùblachadh.
dubh-lachadh,** -aidh, *s.m.* Coot.
dùbhlachd, *s.f.ind.* see Dùdlachd.
————ail,* *a.* Wintry.
dùbhlaidh, -e, *a.* Gloomy, dark. 2 Wintry. 3 Dark-coloured. 4**Tempestuous. Gu d., *darkly.*
————eachd,* *s.f.ind.* Darkishness. 2 Dark blue. 3**Wintriness, tempestuousness.
dùbhlaith, -e, *a.* Melancholy.
————each,** *a.* Melancholic.
dùbhlan, -ain, *s.m.* Challenge, defiance. 2*Hardihood, capability of bearing cold, hardship and want. Cuir gu d., *set at defiance* ; 'nuair a théid duine g' a dh., *when a person is roused ;* a' toirt dùbhlain, *challenging.*
————ach, -aiche, *a.* Defying, challenging, 2 Bold, fearless, daring, brave. 3*Capable of bearing cold and fatigue. Gu d., *proudly, in defiance.*
————achadh, -aidh, *s.m.* Challenging, defying. A' d—, *pr.pt.* of dùbhlanaich.
————achd, *s.f.ind.* Challenging, defiance. 2 *Hardihood, degree of bravery, fearlessness.
dùbhlanaich, *pr. pt.* a' dùbhlanachadh, *v.a.* Challenge, defy, set at defiance.
————te, *past pt.* of dùbhlanaich.
dubh-latha, see dubh-là.
dubh-leann, *s.* Melancholy, see leann-dubh.
————ach, -aiche, *a.* Melancholic.
————achd,*s.f.ind* Woe, sorrow, melancholy, depression of spirits.
dubh-leum, see duibh-leum.
dubh-liath, -léithe, see dubh-chléin.
————, *a.* Ash-coloured, dark grey.
dubh-lìth, -e, *a.* see dubhlaidh.
dubh-liunn, see leann-dubh.
dubh-lochan,(AF) *s.m.* Trout.
dubh-loisg,* *v.a.* Burn to a cinder.
————te, *a. & past pt.* Burnt black, burnt to a cinder.
dubh-losgadh, -aidh, *s.m.* Thorough burning,incineration.
dubh-mhèarsadh,** -aidh, *s.m.* Procession.
dubh-neul, see duibh-neul.
Dubh-nimhe, *s.* The name of Caoilte's banner.
dubh-ogha, *s.m.* Great grandson's grandson. [*Dubh* is used to add a step to *fionn-ogha*, though *fionn* here is really a prep. and not fionn, *white.*]

dùbhra, dubhre, see dùbhradh.
———,** *a.* Dark, gloomy.
dùbhrach, -aiche, *a.* see dùbharach.
———d, -an, *s.m.* see dùrachd.
———dach, -aiche, *a.* see dùrachdach.
dubhradan, -ain, *s. m.* Sable. 2 Used by * for dùradan.
dùbhradar, *impers. v.* They said (abair.)
dùbhradh, *v.* It was said.
dùbhradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Shade, shading, shadiness, gloom, darkening, darkness. 2 Sternness. 3* Dark object in the distance. 4 **Spectre. D. m' an gruaidh, *sternness in their visage.* A' d—, *pr.pt.* of dubhair.
†dubhram, (*for* thubhairt mi) I said.
dubh-rann, *s.m.* Blank verse.
dubhras,** -ais, *s.m.* Gloomy wood. †2 House, room, habitation.
†dubhras (*for* thubhairt mi.)
dubh-reabha,(CR) *s.m.* Mole.
dubh-reabhgan, *s.m.* Mole.
du'-bhreac, see dubh-bhreac.
dubh-reotha, see dubh-reabha.
dubh-reothadh,** *s.m.* Black frost. Smùidrich an dubh-reòthaidh, *the mist of black frost.*
———,** *s.f.* Mole.
du'-bhròn, -bhròin, see dubh-bhròn.
———ach, -aiche, *a.* see dubh-bhrònach.
dubh-ruadh, -ruaidhe, *a.* Dark red, *auburn.
dubh-ruith, -e, *s.f.* Swift running, running at full speed, furious running.
dubh-sgiathach,** *a.* Dark-winged.
dubh-sgithich, *v.a.* Harass, overlabour.
dubh-shiubhal,** -ail, *s.m.* Dark stream. 2 Progress of a dark stream. 3 Dark path. 4 Miserable journey. D. na linn, *the dark rolling of the abyss.*
———, -aile, *a.* Dark rolling, as of waters.
dubh-shiùbhlach, -aiche, *a.* Dark-rolling.
———,* -aiche, *s.f.* Strolling female or gipsy.
dubh-shnàmh, *v.a.* Dive.
———aiche, -an, *s.m.* Diver, (waterfowl.)
dubh-shnàmhair, see dubh-shnàmhaiche.
dubh-shùileach, -iche, *a.* Black-eyed.
dubh-shnagan,¶ *s.m.* Water-rail, see snagan-allt.
dubh'e, *past pt.* of dubh. Cancelled, blotted, blackened. [see foot-note, p. 53.]
dubhtach, see dùdach.
dubhtharach, -aiche, see dubharach.
dubh-thoill, *s.f.* Hæmorrhoids.
dubh-thonn, -thuinn, *s.* Gloomy wave.
dubh-thràth, *s.m.* Evening twilight.
dubh-threabha, (CR) *s.m.* Ground mole—*Perthsh.*
dubh-thriall,** *s.m.* Procession. [art. *an.*]
dubhthuil,‖ *s. f.* Diarrhœa. [Preceded by the
dùblachadh, -aidh, *s.m.* Double, duplicate. 2 Act of doubling or folding. 3* Distilling the second time. 4 Copying. A' d—, *pr. pt.* of dùblaich.
dùbladh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Doubling. 2 Covering, lining. 3**Sheath, scabbard, case.
dùblaich, *pr.pt.* a' dùblachadh, *v. a.* Double, fold. 2 Repeat. 3 Distil a second time.
———te, *past pt.* of dùblaich.
dùblainn,** *v.a.* see dùblaich.
———,** *s.* Double quantity, as much again.
dublas,(AH) *s.m.* [sometimes *f.*] Distasteful, unpalatable infusion, as badly made tea, soup or broth.
dù'-breac, see dubh-bhreac.
dù'-brònach, see dubh-bhrònach
dùc, -a -an, *s.m.* Heap, hillock, *prov.*
dùcain, *gen. sing. & n.pl.* of dùcan.
dùcait, -ean, *s.f.* Ducat (coin.)
dùcan,** -ain, *s.m.* Little heap, little hillock—*Perthshire.* D. dubh -threabha, *a mole—Perthshire.*
ducanach, -aiche,** *a.* Full of hillocks or heaps.
dùcan-faimh, *s.m.* Mole-hill.
dùcan-mìr-faimh, *s.m.* Mole-hill.
luch-(CR) *s.m.* Nightfall (only in the phrase "bho mhaoch gu duch," *from morning till night.—Suth'd & Perthsh.* [*Generally* o mhoch gu dubh.]
ducha, *for* dùtha, *comp.* of dùth.
†duchan, -ain, *s.m.* War.
dùchannaibh, (*for* dùthchannaibh.)
dùchas, -ais, see dùthchas.
dùchasach, see dùthchasach.
dùd, dùid, -an, *s.m.* Tingling of the ear. 2 The ear. 3 Horn. 4 Blast of a horn. 5* Hollow sound. 6**Rag. 7††Word, sound.
dud,* *s.m.* see tudan.
dudach,** -aiche, *a.* Ragged. 2 Thin-skinned. Cho d. ri circ, *as thin-skinned as a hen.*
dùdach, -aiche, -aichean, *s.f.* Sounding horn, bugle, war-horn, trumpet. D. sheilge, *a hunting horn.*
dùdag, -aige, -an, *s.f.* Little horn, little bugle.
dudag,** -aige, -an, *s.f.* Rag. 2 Small cup. 3 Measure of liquids, containing a drachm, and commonly made of horn. 4 Slight stroke on the ear. 5 Ragged girl.
dùdair, -ean, *s.m.* Trumpeter. [†† & * give -e as *n. sing.*]
———eachd, *s.f.ind.* Noise of horns or trumpets. 2 Act of sounding a horn. 3**Sound of a hunting horn.
dùdan, -ain, *s.m.* Mill-dust. 2 Beard of dried oats. 3 (MM) Short pipe [*Irish*, dùidín.]
dudarlach, -aich, *s.m.* Paltry wretch.
dù-dhearg,* *a.* see dubh-dhearg.
dùdlach, -aich, *a.* Stormy, wintry, gloomy, dark, dismal.
Dùdlachd, *s.f.ind.* Depth of winter. 2 Tempestuous weather. 3 Gloominess, dreariness. 4 Month of December [preceded by the art. an.] 5††Storm. D. a' gheamhraidh, *the depth of winter.*
dùdlaich, *v.a.* Darken, make gloomy. 2 Frown.
dùdlaidh, -e, *a.* Dark, gloomy, sad.
dùgh, see dùth.
dùghaich, *s.f.* One of the intestines—*Sgeulaiche nan Caol.*
dughall, -aill, see dubh-ghall.
dugharra, *a.* Stubborn.
dùghlas, see dubh-ghlas.
duibh, *prep. pron.* To you. *Emphatic form,* duibh-se. An cadal duibh ? *are you asleep ?*
duibh, *gen. sing. m.* of dubh.
duibhe, *comp.* of dubh. Is d. na neul fo 'ghaoith, *darker than the wind-driven cloud.*
duibhe, *s.f.ind.* Blackness, darkness, inkiness. 2**Ink. 3(AC) Spaul.
———ad, -eid, *s.m.* Degree of blackness. A' dol an d., *growing blacker and blacker* ; air a dh., *however black it be.*
duibheagan,** -ain, *s.m.* Abyss. 2 Dagger, short sword.
†duibhearach,** *a.* Vernacular.
duibheid, -ean, *s.f.* Flat turf used for covering cottages, "divot."
———ich,** *v.a.* Cover with turf, as the roof of a cottage.
duibhir,** *a.* Melancholy. 2 Anxious. 3 Gloomy.
†duibheileach, -ich, *s.m.* Necromancer.
†duibhghean, -ein, *s.m.* Sword, dagger.
†duibhghein, -e, -ean, *s.m. & f.* Foreigner.
duibh-leas, see duibh-leus.
duibh-leum, -léim, *pl.* -a, *&* -annan, *s.m.* Leap in the dark. 2* Bound, leap. 3* Sudden leap

—*Argyllshire.* [†† gives *s.f.*] Feithidh fear sona ri sìth, ach bheir am fear dona d., *a well-advised person will hide his time, but a fool will leap in the dark.*

duibh-leus, -leòis, *s.m.* Shade, cloud.

————ach, -aiche, *a.* Cloudy, shadowy.

duibh-neul, -neòil, *s.m.* Dark cloud. 2**Dark colour. 3**Swarthy complexion. 4 Gloomy aspect.

duibh-neul,** *v.a.* Darken.

————ach, -aiche, *a.* Dark clouded, murky, 2 Dark visaged. 3 Frowning.

duibhre, *s.f. ind.* Gloom, shade, obscurity, darkness. 2 Melancholy, sadness. An d. bàis, *in the darkness of death ;* mar bhruaich 'san d., *like a precipice in the dark.*

duibhreas, -eis, *s.m.* Darkness. 2 Mysteriousness, secrecy, secret.

duibhrich, *v.a.* Shade, eclipse, darken.

————te, *past pt.* of duibhrich. Shaded, darkened, eclipsed.

duibh-rith, -e, *s.f.* see dubh-ruith.

duibh-se, *emphatic* form of duibh.

duibleid,** *s.f.* Gaelic spelling of *doublet.*

duibreac,* *s.m.* Spirling.

duidhean, *s.m.* The stem of the langadar, a kind of seaweed. J. Cameron (§) seems to be in error when he confounds this with *stamh.*

dui-eunach,¶ *s.m.* Razor-bill, see coltraiche.

†duigh, *v.n.* Cluck, as a hen.

dùigh,** *s.* Poison.

dùil, -e, -ean, *s.f.* Hope, expectation. 2 Belief. 3 Supposition. 4 Desire. 5 Delight. Tha d. againn, *we expect* ; tha mi 'n d., *I expect, imagine suppose, hope* ; am bheil d. agad ? *do you suppose ?* an d. r' a theachd, *in expectation of his coming ;* thug sinn ar d. dheth, *we lost all expectation of him* ; is beag d. a bh' agamsa, *little did I expect ;* tha d. agam ris, *I expect him ;* am bheil d. agaibh ris ? *do you expect him ?* chaill sinn ar d. dheth, *we lost all expectation of him* ; cha'n 'eil d. no sùil agam ris, *I neither hope nor look for him ;* is d. leam nach cian an t-àm, *I expect the time is not distant.*

dùil, -e, *n.pl.* dùilidh, dùil, dùilinn, dùiltean & dùilean, *gen. pl.* dùl, *s.f.* Element. 2 Animal, being, creature. 3 Nature. 4**Partition. Na duil ! *poor creatures !* gach d. bheò, *every living creature* ; leaghaidh na dùilidh, *the elements shall melt.*

dùil,* *v.a.* Hoop or thread, as a hook—*Perthsh.*

duilbhear,** *a.* Sad, anxious,melancholy,cheerless, unpleasant. [The opposite of suilbhir.]

————achd,**s.f. Sadness, anxiety, suspense, melancholy. [The opposite of suilbhearachd.]

————ra, *a.* Sad, anxious, melancholy,cheerless,unpleasant. [The opposite of suilbhearra.]

————rachd, *s.f.* Dolefulness, cheerlessness, unpleasantness, sadness, anxiety.

dùil-bhriseadh, *s.m.* Disappointment.

dùile, *gen. sing.* of dùil. 2**Poor creature. 3 ††Weak person. 3‡‡Pleasure. 4 see duilleag.

dùileach, -iche, *a.* Elemental.

dùileachan,(AF) *s.m.* see dubh-lochan.

duileachd,* *s.f.* Doubt, suspicion, as of a child. 2**Hopelessness. 'Ga chur an d., *suspecting that the child is not your own.*

dùileag, -eige, -an, *s.f.* Poor little girl, term of affection. 2 see duilleag.

†duileamh, *s.* God.

duileann,* *s.m.* Perquisite, present, tribute. Móran dhuileannan eile, *a great number of other perquisites.*

uileasg,§ -isg, *s.m.* Dulse, kind of seaweed—1 *rhodymenia palmata.* 2§ Pepper-dulse—*laurentia pinnatifida*

duileasgach,** *a.* Abounding in, or like, dulse.

———— na h-aibhne,§ *s.m.* Broad leaved pondweed—*potamogeton natans.*

duileasg-nam-beann,§ *s.m.* Mountain dulse—*palmella montana.*

†duileil, *a.* Skilled.

dùile-theannsgnaidh, see dùil-thionnsgnaidh.

duileum, see duibh-leum.

dùil-fheitheamh,‡‡ -imh,*s.m.* Expectation.

duilghe, *s.* see duilghead.

————, *comp.* of duilich.

duilghead, -eid, *s.m.* Degree of difficulty or sadness.

————as, -ais, s.m. Sorrow, difficulty. Cha chuir sin móran duilgheadais [*281. Duileasg-na-h-aibhne.* roimhe, *that will not cause him much sorrow.*

duilgheas, see duilgheadas.

duilghid, *2nd. comp.* of duilich.

†duilgne, *s.pl.* Wages, hire, premium.

duiliasg, see duileasg.

duilich, *a.* Difficult, hard. 2 Sorry, grieved. Thus compared :—*1st. comp.* duilghe *or* dorra, *2nd. comp.* duilghid *or* dorraid, *3rd. comp.* duilghead *or* dorrad. [Duilghe, duilghid,used in the two senses of *hard* and *sorry.* Dorra only in the sense of hard or difficult in *W.* of *Rosa-shire*—(DU.) Ceisd dh., *a difficult question* ; is d. leam, *I am sorry ;* is d. leis, *he is sorry* ; is d. dhuit 'fhàgail, *it is a pity for you to leave him ;* sgeul a bu d. leinn, *news for which we were sorry ;* is d. leam gur fìor, *I am sorry it is true* ; na's duilghe, *more difficult ;* tha seo d., *this is difficult ;* tha mi d. air do shon, *I am sorry for you.*

duilichead,** *s.m.* Arduousness.

————as,** s.m. Arduousness.

duilichinn, -e, -ean, *s. f.* Sorrow, vexation. 2 Compassion. Tha e fo mhóran d., *he is very grieved (under much grief);* is beag d. a th' ort *you do not seem to be the least sorry for it.*

†duilieachd, *s.f.* see duileachd.

dùilinn, *s.pl.* The elements. 2**s.f.(*sing.*) Tax, tribute.

duilinne, -an, *s.f.* Tribute, tax. *pl.* Customs.

dùilinnean, see dùilinn.

duilinnean, *s., pl.* of duilinne.

duiliomral,** -ail, *s.m.* Error.

duiliosg, *s.m.* see duileasg.

duill-chuil, (AF) s. Beetle, black-beetle.

duill-dhaol,(AF) s. Beetle, black beetle.

duille, -an, *s.f.* see duilleag. 2 Sheath, as of a knife or dagger. 3**Blade. 4‡‡Vagina. Gun d. chall no blàth, *without losing leaf or blossom* ; d. sgéine, *the blade of a knife.*

†duilleabhar, -air, *s.f.* Foliage.

duilleabhrach, -aiche, *a.* see duilleagach.

duilleach, -ich, *s.m.* Foliage, leaves. 2**Withered leaves.

————, -iche, *a.* see duilleagach. 2†† Sheathed.

————adh, -aidh, *s.m.* Flourishing, vegetating, putting forth leaves. A' d—, *pr. pt.* of duillich.

————an, -ain, *s.m.* Book, pamphlet, sheet.

duilleag, -eige, -an, *s.f.* Leaf, as of a tree or plant. 2 Leaf, as of a door or book. 3* Leaflet. 4**Fold. 5** Scabbard. Taobh duilleige, *a page* ; d. còmhla, *a leaf of a door, flap of the breast* ; d. luaineach, *a fluttering leaf* ; dà dh. aon chòmhla, *the two leaves of one door* ; d. leabhair, *the leaf of a book;* an d.,*the diaphragm.*

duilleag ach, -aiche, *a.* Leafy, abounding in leaves, having foliage. 2**In folds, as a door. Dorus d., *a folding door.*
duilleag a' chruineachd,*s.f.* Common liver-wort.
duilleag-bhàite § *s.f.* Water-lily—*nymphæa.*
———— bhàn,§ *s.f.* White water-lily—*nymphæa alba.*
———— bhuidhe,§ *s.f.* Yellow water-lily—*nuphar luteum.*
duilleag-b ràghad,§ *s.f.* Nipple-wort, see duilleag-mhath.
duilleag-bhrighde, *s.f.* see duilleag-mhath.
duilleag-mhath,§ *s. f.* Nipple-wort—*lapsana communis.*

282. Duilleag-mhath.

283. Dùil-mhial.

duilleag-mhìn,§ *s.f.* see duilleag-mhath.
duillean,** -ein, *s.m.* Spear.
†duillear, -eire, *a.* Leafy.
duille-doruis *s.f.* The leaf of a door.
duille-sgéine, *s.f.* The sheath of a knife.
duillich, *v.n.* Sprout, put forth leaves, infoliate. 2 Flourish.
duillionnean, see duilinnean.
duilliur-féithlean,§ *s.m.* Honeysuckle, see uilleann.
duilliur-spuinc,§ -e, *s.m.* Coltsfoot, see cluasliath.
†duill-mhial,(AF) -an, *s.m.* Caterpillar.
duill'-thaobh, -thaoibh, -an, *s.m.* Page of a book. 2 Side of a leaf.
dùil-mhial,§ *s. f.* Great bindweed—*convolvulus sepium.* 2**Caterpillar.
dùil-theannsgnaidh,** -tean- *s. m.* see dùilthionnsgnaidh.
dùil-thionnsgnaidh,-e, -ean, *s.f.* Element.
†duim, -e, *a.* Poor, needy.
dùin, *pr.pt.* a' dùnadh, *v.a.* Shut, close. 2 Enclose, surround. 3 Lace or button, as boots or shoes. 4 Darken, obscure. Dh. ceò bhliadhna air a dhèarrsa, *the mist of years has shrouded his splendour ;* d. an dorus, *close the door.*
dùin, *pl. & gen.* s. of dùn.
duine, *gen.sing.* duine, *pl.* daoine, *s.m.* Man. 2 Person, body, individual. 3 The oldest man of a village. D. gun mhath gun chron, is mó 'chron na 'mhath, *a man that's neither good nor ill is more ill than good*—duine gun mhath gun chron, is also applied to a shiftless,thriftless sort of man who is otherwise quite decent; an duine, *the good-man of the house ;* an d. agamsa, *my husband—d.* is often applied to either men or women,as,am bheil d. a staigh ? *is anyone in ?* ; is fhèarr d. na daoine, *a proper person is better than many men* ; ro-dh., *an excellent man, man of rank* ; fiadh-dh., *wild man, satyr ;* d. gaoil, *a male relative*; d. math, *good man;* duine-nan-clag, *the bell-man.* Fear de m' dhaoine, *one of my men*, is a good example of the difference between *fear* and *duine.* [The following remarks apply to *W. of Rossshire. Duine* means emphatically a married man. An unmarried man of any age is *gille. Fear* is as colourless, except as to sex, as "individual," "person," or "one," and is generally little more than a peg on which to hang an attribute. Cha robh e 'na dh. aig an àm sin, *he was not a (married) man at that time ;* A native would never commit himself so far as to ask " cò e an d. sin ? *who is that man ?*" Bean is duine, is *husband and wife* (*lit.* wife and husband.) The precedence of the wife is possibly a relic of Pictish custom. The phrase occurs in other parts, for example Perthshire, which was also in Pictland. In Arran [& Argyllshire—AH] " fear agus bean" is the invariable usage. In Gairloch both phrases are used. In Lewis the latter, and more rarely "duine agus bean" are used. " Cà bheil na fir ud ?" *where are those fellows ?* used, for example, in reference to two boys, aged respectively two and three.—C.R. in *Gael. Soc.*, xxiv, 368.]
†duineabhadh, -aidh, *s.m.* Manslaughter.
duineachan, -ain, *s.m.* Little man, manikin.
duineadas, -ais, *s.m.* see duinealas.
duinealachd, *s.f.ind.* see duinealas.
duinealas, -ais, *s.m.* Manliness. 2 Warmth of heart. 3**Boldness. 4**Decision of character.
duinean,** -ein, *s.m.* Manikin.
dùinear, *fut.pass.* of dùin.
†duine-bad,‖ *s.* Plague or general destruction of the people.
duineil, -eala, *a.* Manly, firm, like a man. 2 (AH) Dutiful. Bi d., *be manly.*
duine-mharbhadh,** -aidh, *s.m.* Manslaughter.
duine-mharbhaiche,** *s.m.* One who has committed manslaughter. 2 Murderer.
duine-oireneach, -ich, *s.m.* Assassin.
duin'-iaruinn,(DU) *s.m.* Windlass in a fishing-boat. This is the name always used in *Gairloch.* [The mechanism at a distance bears a close resemblance to a man.]
dùinidh, *fut. aff.* of dùin.
†duinionga, *s.f.* Onyx stone.
duin'-itheach, -ich, *s.m.* Cannibal, man-eater.
duinn, *prep.pron.* To us. *emphatic* form, duinne. Gu slàinte 'thabhairt dhuinn, *to give us salvation* ; is còir dhuinn, *we ought.*
duinne, *comp. & gen. fem.* of donn.
-———, *s.f.* Brownness.
-———ad, -id, *s.f.* Degree of brownness.
dùinte, *a. & past pt.* of dùin. Shut, closed. 2 Not communicative, reserved. 3 Niggardly.
dùinteachd,** *s.f.* Closeness.
dùintean, *n. pl.* of dùn.
Duir, *s.f.* Old name of the letter D. 2 Oak.
†duirbh, -e, *s.m.* Disease.
†duirc, *a.* see duairc.
———, *s.f.* Gaelic spelling of *dirk.*
———,†† *s.f.* Pine-cone. 2 Acorn.
——— -daraich, *s.f.pl.* Acorns.
duirce,** -an, *s.f.* Acorn.
duirceall, *s.f.* Spud. 2 Rusty knife. 3‡‡Acorn.
duircean,** -ein, *s.m.* Diminutive naughty person. 2 *dim.* of duirc††. 3 *pl.* of duirc††.
duircein, see duircean.
duirche, *comp.* of dorch.
---———,** *s.f.* Darkness, gloom. Thional an d., *the darkness gathered.*
---———ad, see dorchad.
duirchid, *2nd. comp.* of dorch.
dùire, *comp.* of dùr. More or most obstinate, unmanageable or impenetrable.
duire, see doire.
dùire, *s.f.ind.* Hardness. 2 Obstinacy, indocility. 3 Stupidity.
dùiread, -eid, *s.f.* Stubbornness, degree of stubbornness, obstinacy or indocility. 2 Hard-

ness. 3 Stupidity. A' dol an d., *growing harder and harder.*
———, *2nd. comp.* of dùr. Is d. e sin, *he is the more obstinate for that.*
†dùir-fheur, *s.m.* Wet grass.
dùirig, *v.n.* see dùraig.
duirn, *gen. sing. & n. pl.* of dorn. Làn duirn, *a fistful.* Is fhèarr làn an duirn de cheaird na làn an duirn de dh' òr, *a handful of trade is better than a handful of gold*—N.G.P. says "this is undoubsedly a borrowed proverb, the trade of the smith or armourer being the only one that the Gael of old looked upon with any respect."
duir-shian, -tan, *s.m.* Tempest.
duirt, (*for* d' thubhairt) *past interr. & neg.* of abair.
duis, *gen. sing. & n. pl.* of dos.
dùis, -eachan, *s.f.* see duais. 2** Jewel. 3** Crow. 4**Gloom. 5**Mist. 6‡‡Chief. 7‡‡ Dust, dross. 8(DMy) Lights, entrails of a cow or sheep, with all the fat attached to it. D. bà, d. caorach.—*Lewis.*
duis-chill,** *s.f.* Asylum, sanctuary.
duiseal, -eil, *s.m.* Spout. 2 [* gives *s.f.*] Whip. 3 see duisiol.
dùisea , -eil, *s.m.* Cloud. 2 Gloom, heaviness. 3 Dulness. . 4 Spell of work. 5 Slumber, drowsiness. Gun d. 'san iarmailt, *without a cloud in the firmament* ; gun d. cadail, *without the heaviness of sleep.*
———ach, -aiche, *a.* Cloudy. 2 Sleepy.
———ach,** -aich, *s.m.* Rain.
duisealadh, -aidh, *s.m.* Flogging, whipping.
duisealau, see duisleannan.
duisealtach,** see duisealach.
dùisg, *pr. part.* a' dùsgadh, *v.a. & n.* Awake, awaken, rouse up. 2 Rouse, excite.
dùisgear, *fut.aff.pass.* of dùisg. Shall be awakened.
dùisgidh, *fut.aff.act.* of dùisg.
duisgioll,** -ill, *s.m.* Client.
dùisgte, *past pt.* of dùisg. Awakened, roused, 2 Excited.
†duisich, *v.a.* Awake, arouse.
†duisighe, see dùisgte.
duisiol, -il, *s.f.* Flute, pipe.
duisleag,** -eig, -an. *s.f.* see duileasg.
duisleannan, *s. pl.* Ill-natured pretences, false complaints, freaks. 2 Obstinacy. 3 Dissimulation. *prov.*
duis-neul, -neòil, *s.m.* see duibh-neul.
———·——ach, see duibh-neulach.
duis-òglach, -aich, *s.m.* Client.
dui-suineach,¶ see coltraiche.
duit, *prep.pron.* To thee, for thee, unto thee.
duiteag,(ÙR) *Perthshire* for doiteag.
duit-se, *emphat.* form of duit.
duitseach,** *a.* Curtailed, docked, as a fowl. Coileach d., *a docked cock* ; cearc dh., *a docked hen.*
dul, *s.m. prov.* for dol.
dul,* *s.m.* see dula.
dùl, *gen.pl.* of dùil, *elemeut.* †2 used as *n. sing,* Dia nan dùl, *the God of the elements.*
dùl,** -ùil, *s.m.* Terraqueous globe, universe.
dul,** *v.a.* Loop, catch with a loop.
dul,(MMcD) *s.m.* Eyelet in dornan (which see), —*Lewis.*
dula, -chan, *s.m.* Noose, slipping loop. 2 Hollow. 3 Pin, peg. 4**Trap, gin. 5**Satirist. 6**Hook. 7††Swivel. 8 Lock of hair. 9** Fishing with nets.
——ch,** *a.* Full of loops, snares, gins or swivels.
Dùlach, see Dùdlachd.
Dùlachd, see Dùdlachd.
dulag, -aige, -an, *s. f. prov.* see dallag. 2** Little loop. 3**Little snare.
·——ach,** *a.* Full of little loops. 2 Full of little gins or traps.
·——an,(AC) *s.m.* Holiness. D. nan seachd sagart, *the holiness of the seven priests.*
dùlaidh, *a.* see dubhlaidh.
dùlan, -ain, -an, *s.m.* see dùbhlan.
———ach, -aiche, *a.* see dùbhlanach.
———achadh, see dùbhlanachadh.
———achd, see dùbhlanachd.
———aich, *v.a.* see dùbhlanaich.
dulbhar,** *a.* see duilbhearra.
———achd, see duilbhearrachd.
dulchann,** -ainn, *s.f.* Avarice, covetousness. 2 Miserableness.
———ach,** *a.* Avaricious, covetous. 2 Miserable.
———achd,** *s.f.* Covetousness.
dul-chaoin,** *s.f.* Lamentation, wailing.
———·—teach,** *a.* Lamenting, wailing.
dulchuis,** *s.f.* Earnestness, diligence, perseverance. 2(PJM) Gumption.
———each,** -siche, *a.* Earnest, diligent, persevering.
dulchunn, -uinn, see dulchann.
dùldach, see dùdlach.
Dùldachd, see Dùdlachd.
dùldaich, see dùdlaich.
dùldaidh, see dùdlaidh.
———·—eachd, see Dùdlachd 2 & 3.
du'liath, -a, see dubh-liath.
dullag, see dallag.
dùllaigh, -e, *a.* see dùbhlaidh.
†dùllaigh, -e, -ean, *s.f.* Winter.
dùmhail, dùmhala, *a.* see dòmhail.
dùmhalachd,** see dòmhalachd.
dùmhalas,** *s.m.* Grossness.
dùmhchas, -ais, *prov.* for dùthchas.
dùmhlachadh, see dòmhlachadh.
dùmhladas, -ais, see dòmhlachd. D. dòrainn, *a weight of grief* ; a' dol an d., *growing more bulky and clumsy* ; d. mór sluaigh, *a large concourse of people.*
dùmhlaich, see dòmhlaich.
dùmhlas, -ais, *s.m.* see dòmhlachd.
dùn, -ùin, *pl.* dùin & dùintean, *s.m.* Heap. 2 Hill, hillock, mound. 3 Fortified house or hill. 4 Fortress, castle. 5 Fastness. 6 Tower. 7**Hedge. 8(AH)Dunghill (at a farm steading.)
dùnach,** *a.* Hilly, full of heaps or knolls. 2 Full of towers or forts. 3 Like a tower or fort.
dunach, *gen. sing.* of dunaidh.
dùnadh, -aidh, *s.m.* Shutting, act of shutting or closing. 2 Lacing, binding, buttoning, as shoes. 3 Barricading. 4 *rarely* Camp, dwelling. 5 Multitude. 6††Termination, closing. A' d—, *pr.pt.* of dùin.
dunaich,* *s.f.* see dunaidh.
dunaidh, *s. f.* Woe, disaster, misfortune. 2** Perplexity. 3**Mischief. Dè an d. a thàinig air ? *what the mischief came over him ?*
dùnan, -ain, *s.m. dim.* of dùn. Little castle. 2 Small heap, knoll or hill. 3 Dunghill. 4** Little fort. 5 *n. pl.* of dùn.
———ach,** *a.* Knolly. 2 Full of little heaps, little hills or little forts.
dùn-aolaich, *s.m.* Dunghill.
dùn-àros,** -àrois, *s.m.* Dwelling-place.
dun-bhalach, *s.m.* Mere fellow.
dùncan,** *s.m.* Fortlet.
dùn-catha,** *s.m.* Bulwark. 2Sconce.
dùn-feamainn,‡‡ *s.m.* Dunghill of seaweed.
dun-luchair,‡‡ *s.m.* August dunghill.
dùn-lios, -lis, -liosan, *s. m.* Palace. 2 Palace-yard. 3 Fort garden. 4**Garrison.

dun-lus, -luis, -an, *s.m.* (*for* doun-lus) see lusnan-cnapan.
dun-mharbh, *v.a.* Murder.
†dun-mharbhach, †dun-mharbhtach, -aich, *s.m.* Man-slayer.
†dun-mharbhadh, -aidh, *s.m.* Homicide, massacre. A' d—, *pr.pt.* of dun-mharbh.
†dunn, -uinn, *s.m.* Teacher, doctor.
dunnsag,(CR) *s.f.* Large stone or boulder—*W. of Ross.*
dùn-rainiche,‡‡ *s.m.* Dunghill of moss and fern.
dùn-sheangan, *s.m.* Ant-hill.
dunt, *s.m.* Thump. 2 Blow producing a hollow sound. 3††Thud. *Scots*, dund.
duntag,†† -aig, -an, *s.f.* Plump little article or person. 2 (Fionn) Short knife with a blunt point, often consisting of a razor-blade fixed in a wooden handle.
duntail,* *s.f. & pr.pt.* Thumping.
dupadaich,(CR)*s.f.* Staggering or tottering from weakness—*W. of Ross.*
dùr, -ùire, *a.* Dull, stupid. 2 Stubborn, untractable, indocile, obstinate. 3 Surly. 4 Cold, indifferent. 5 Steady, persevering, earnest, eager, attentive. Gu d., *attentively*; duine d., *a surly fellow.*
dur, *adv.* *Prov.* for 'nuair, uair, trà or tràth.
†dur, -uir, *s.m.* Water. 2§Oak, see darach.
dùrachd, -an, *s.f.* Diligence, earnestness, sincerity. 2 Intention, good-will. 3 Expression of good-will, good wish. 4 Inclination. 5 Luck-penny. 6**Daring, courage. Am bheil e an d. mhath dhuit? *has he good intentions towards you? does he mean well?* gun d. cron, *without inclination to harm;* le d. cridhe, *with sincerity of heart;* maille ri d., *with diligence*; cha'n 'eil a' dh. agam, *I have not the courage.*
dùrachdach, -aiche, *a.* Diligent, earnest, sincere. 2 Urgent. 3 Fervent. 4**Industrious, assiduous, persevering. Neo-dh., *careless.*
dùrachdaiche, *comp.* of dùrachdach.
dùrachdainn,** *s.f.* Daring, courage. 2 Secret wishing. 3 Venturing.
dùrachdan-monaidh, *s. m.* Round-leaved sundew, moor-grass.
dùrad,‡‡-aid, *s.m.* Contumacy.
dùraidh, -ain, -an, *s.m.* Mote, atom, particle of flying dust. 2 Pepper-corn. 3(AH) Moth. 4(DH) Small insignificant man. Chaidh d. 'nam shùil, *a mote stuck in my eye.*
———,¶ *s.m.* Wood-pigeon, dove, see calman-fiadhaich.
———agh,†† *a.* Abounding in motes or atoms. 2 Covered with dust.
durag,** *s.f.* Canker.
—— -chàil,** *s.f.* Cabbage-worm.
—— -mharbhach,** *a.* Anthelmintic.
dùraichd, *v.a.* see dùraig.
dùraig, *pr. pt.* a' dùraigeadh & a' dùrachdainn, *v.a.* Wish, incline, desire. 2**Dare. 3**Venture, adventure. Cha d. i pòg dhomh, *she has no desire to kiss me*; dhùraiginn marbh thu, *I would wish thee dead*; cha d. mi dol do 'n t-sabhal air eagal a' bhodaich, *I dare not go into the barn for fear of the spectre.*
———,** *s.f.* Attempt.
dùran, -ain, *s.m.* Morose fellow. 2 Obstinate fellow.
———ach, -aich, *s.m.* Obstinate blockhead.
duranta, see durranta.
———chd, see durrantachd.
duras,** -ais, *s.m.* House. 2 Room.
durb,** -uirb, *s.m.* Disease, distemper.
durbadan, see dùradan.
dùr-bhalach, see dùr-bhodach.
dùr-bhodach, -aich, *s.m.* Dunce. 2 Stupid old man. 3 Clown. 4††Stiff old man.
†dur-bhuth, *s.m.* Cell.
durc,** -a *s.m.* Lump or piece of anything. 2 Clumsy knife, dirk. 3‡‡Truncheon. D. arain, *a lump of bread*; d. cloiche, *a lump of stone.*
durcais, -e, -ean, *s.f.* Pincers, nippers, *prov.* [durcaisd in MacL & D. and ‡.]
———each,†† *a.* Abounding in pincers or nippers.
durcan, *dim.* of durc. 2 (AF) see dorcan.
dùr-chluasach, -aiche, *a.* Hard of hearing.
dùr-chridheach, -iche, *a.* Hard-hearted.
dùr-chù, see dobhar-chù.
dùrd, -ùird, *s.m.* Word. 2 Syllable. 3 Hum, buzz. 4** Muttering. 5** Sullenness. 6 †† Sound.
——, *v.a.* Hum, buzz. 2 Mutter.
——ach, -aiche, *a.* Syllabic.
——ail, -e, *s.f.* Murmuring, grumbling. 2 Cooing. 2 The cushat's note. 4 The black-cock's note. 5 Querulousness. 6 Buzzing, humming, purring. Ri d., *cooing*; an d. mhùirneach, *the pleasant murmur.*
dùrdain, *gen.sing.* of dùrdan.
dùrdalan, (MMcL) *s.m.* Cockchafer. [Preceded by the art. *an.*]

284. Dùrdalan.

dùrdan, -ain, *s.m.* Humming, murmur, cooing, purring. 2**Gibe. 3 Sing-song. 4**Bit of dust, mote, atom. 5*Teasing. Coileach-dubh ri d., *a black-cock making a murmuring noise*; 'nuair a bhitheas ni aig a' chat ni e d., *when the cat has got hold of anything it purrs*—said of those who speak much of their riches.
———ach, -aiche, *a.* Humming, murmuring. 2 Querulous. 3** Gibing. 4 Cooing. 5†† Abounding in motes or atoms. 6 Covered or sullied with dust. An calman d., *the cooing pigeon.*
———aich, *s.f.* see dùrdail.
dùr-fheur-fairge,§ *s.f.* Sea hard-grass—*lepturus filiformis.*
dùr-fhoghar,(CR) *s.m.* Dog-days.—*Suth'd.*
durga, *a.* Surly, sour, forbidding, repulsive, grim. 2††Grumbling.
———nta, *a.* see durga.
———ntachd, *s.f.* Surliness, moroseness, grimness.
dur-lus,§ -luis, *s.m.* Watercress, especially *nasturtium officinalis*, but applied to all cresses, see biolair.
dùrn, -uirn, see dorn.
dùrradan, see dùradan
———ach, see duradanach.
durradh ! durradh !* *int.* Call to a pig—*Argyll.*
durradh, *s.m.* see durraidh.
durrag, -aige, -an, *s.f.* Worm-grub, maggot. 2‡ Worm. 3 Little pig. Fùdar nan d., *worm-powders.*

285. Dùr-fheur-fairge.

durragach, -aiche, *a.* Wormy, vermicular, abounding in worms, like a worm or maggot.
———an, *s.pl.* of durrag.
——— -bhracha, *s.f.* Bound.
——— -chòmhlaich, (AF) *s. f.* Door- or house-worm.
——— -fheòla, *s.f.* Flesh-maggot.
durraghan, -ain, *s.m.* Grunting of a dog.
durraidh, -e, *s.f.* Sow, pork. *prov.*
durranta, *a.* Stiff, rigid. 2 Rigorous. 3 Morose, churlish. 4 Obstinate.
————chd, *s.f.* Moroseness, churlishness. 2 Rigidness. 3 Obstinateness, stiffness. 4 Austerity.
durrasan, (AF) -ain, *s.m.* Grasshopper.
durrasgach, -aiche, *a.* Quick, nimble. *prov.*
durrghail, -e, *s.f.* Cooing of a dove or black-cock. 2 Grunting of a dog. 3 Purring of a cat. Tha 'n cat a' d., *the cat is purring.*
durrghail, see durdail.
dursan,** -ain, *s.m.* Crack, report.
dursann, -ainn, -an, *s. m.* Unlucky accident, mishap. 2 Unhappiness.
dùr-shnaim, -e, -ean, *s.f.* Hard knot.
†durtach, } *s.* Church, foundation. 2**Cell,
†dur-theach, } hut. 2**Pilgrim.
dùr-thuinn, *s.pl.* Surly waves, short choppy waves that give no chance to a small boat.
duruntа, *a.* see duranta.
dus, see gus.
dus, duis, *s. m.* Dust. 2* Smithy ashes. 3 Remains of animals or plants. Neulta duis, *clouds of dust.*
dus,** -uis, *s.m.* Fort.
dusach, see dusail.
dusachd, *s.f.* Watchfulness.
dusail, -ala, *a.* Dusty. 2** Earthy, earthlike.
†dusair,** *s.m.* Client.
dusait,** -ean, *s.m.* Sanctuary, place of refuge, safety.
———iche,** *s.m.* One who takes refuge in a sanctuary.
dùsal, -ail, *s.m.* see dùiseal. 2 (AC) Quirk. 3 Dust, dustiness. Rinn iad d., *they slept.*
———ach, -aiche, *a.* see dùisealach.
dusan, -ain, *s.m.* Dozen. 2**Certain quantity of yarn.
———ach,†† *a.* In dozens.
dùsgach, *a.* Rousing, wakening. 2 Stimulating.
dùsgadh, -aidh, *s.m.* Awaking, awakening. 2 Act of awaking, rousing or arousing. 3* Excitement, exciting. A' d—, *pr. pt.* of dùisg. Ni mi cadal gun d., *I will sleep without awakening.*
dusgairm, *s.f.* Calling, appellation.
duslach, -aich, *s.m.* Dust, earth, ground. Is d. thu, *thou art dust.*
———ail, -ala, *a.* Dusty. 2 Earthy, like earth.
duslaing, *s.f.* see duslainn.
duslainn, -e, -ean, *s.f.* [* gives *s.m.*] Gloomy, solitary place. 2 Dark place. 3 Dust. 4 Thicket.
———each, -iche, *a.* Gloomy. 2**Deserted, as a house. 3 Dusty. 4 Earth-like, terrestrial, made of earth.
duslann, see duslainn.
———ach, see duslainneach.
dusluingeach,** *a.* Bushy.
dustach, see dusail.
dustadh, Gaelic form of *dusting—W. of Ross.*
dustail, see dusail.
dut, *prep. pron.* see duit.
dùth, -a, *a.* Natural, hereditary, native. 2 Meet, just, proper, fit, suitable, befitting one's case. Cha d. dha sin, *that cannot be expected of him*; tha e mar is d. dha, *he is as you would expect*; an d. dhomh-sa sin? *can that be expected of one situated as I am*; is d. dha gu 'n bheil e mar sin, *it is befitting his case that he should be so.*
——,* *s.m.* Complement, proportion, equitable share, proportionate quantity or number. Tha mo dh. féin agam-sa, *I have my own proportion*; clach ìme le a d. de chàis—, *a stone of butter with its complement of cheese*; na 'm faighinn mo dh. féin, *were I to get my own equitable share*; tha a dh. sin a dhìth orm, *I want a proportionate share of that, the equivalent of that is lacking*; Gaidheal d' an d.bhuaidh, *a Gael whose due is victory.*
dùthaich, dùthcha, dùthchannan, *s.f.* Country, land, native-land, district, territory. Air an d., *in the country*; muinntir mo dhùthcha, *my country-folk.*
duthaich, -e, -ean, *s.f.* The great gut. 2 Sausage. 3*The anus.
duthail, (AF) *s. f.* see dubhthuil.
dùthail,* *a.* Hereditary. 2 Giving just grounds to anticipate or expect. 3 Quite natural, reasonable. Is d. dùthchas im ùr a bhith air blàthaich, *it is quite natural that new-churned milk should produce fresh butter.*
duthainn, (AC) *adv.* For evermore.
†duthamhail, *a.* Of a good family.
†duthan, *s.m.* Nation.
duthar, -aire, *a.* Grim, stern, rough.
dùthcha, *gen.sing.* of dùthaich.
———il, *a.* Rural. 2**National. 3 Of good family.
———lachd, see dùthchasachd.
———nna, *pl.* of dùthaich.
———nnaibh, *dat. pl.* of dùthaich.
———nnan, *pl.* of dùthaich.
dùthchas, -ais, *s.m.* Place of one's birth. 2 Heredity, native or hereditary temper, spirit or blood. 3**Visage, countenance. 4 Hereditary right. Théid d. an aghaidh nan creag *hereditary tendencies go against rocks*, i. e. against all obstacles, "birth tells"; cha bhi d. aig mnaoi no sagart, *women and priests have no birth-tie*,—i. e. the woman that marries takes her husband's settlement, the priest's must be where the Church bids.
———ach, -aiche, *a.* Of one's country. 2 Native, natural, indigenous. 3 Hereditary. 4 Natural to one's family. 5**Patriotic, fond of one's native land. Bu d. sin dha, *that was hereditary in his family.*
———ach, -aich, *s.m.* [& *f.*] Native. 2 Aboriginal. 'Nuair a thréigeas na dùthchasaich Ile, beannachd le sìth na h-Alba, *when the natives forsake Islay, farewell to the peace of Scotland.*
———achd, *s.f.ind.* Nativity, natality, nationalness. 2 Circumstance of being hereditary. 3*Hereditary right, privilege or failing.
dùthrachd, -an, *s.f.* see dùrachd.
———ach, -aiche, *a.* see dùrachdach.
du-thràth, see dubh-thràth.
duthuil, -e, see dubhthuil.
dut-sa, (*for* duit-sa) *emphatic* form of duit.

E e

Eadha, *the aspen*, the old name of the fifth letter of the Gaelic alphabet, and one of the Small vowels. It has various sounds. With the grave accent, (è) it souuds like *e* in *there*, as è, *he*; with the acute accent (é), like *ai* in *fail*, as, té, *a female*; cé, *the earth*. At the end of a word, it sounds like *e* in *brother*, as, duine, *a man*; roghnaichte, *chosen*.

è! *inter.* Ay! ay!; è! è! exclamation of surprise.

è, *pers.pron.* He, him, it. Written sè when it precedes *e*. [This is an artificial rule and has rarely been followed.] Marbhaidh sè è, *he will kill him*. "Gu ma h-è dhuit" alone, may be used as a threat; when followed by *gu'n* and a clause, it expresses an earnest hope, as, gu ma h-e dha gu 'n tig e, *God grant that he may come*.

ea, the 22nd. letter of the old Gaelic alphabet according to the Book of Leacan.

ea-, *privative prefix*, see eu-.

eabair, *pr.pt.* ag eabradh, *v.a.* Besmear, daub with mud. 2* Make slimy, as mud, by continual tramping. 3 Roll in the mud.

eaban, -ain, see eabon.

eabar, -air, *s.m.* Mud, puddle, slime, mire, sedimet, filth, kennel. 2 see abar.

———ach, -aiche, *a.* Muddy, miry, filthy. 2 Grovelling, dirty, wallowing. 3 Prone to wallow.

eabhadh,§ (eadha) *s.* Aspen, see critheann.

eabhall, -aill, *s.f.* see éibheall.

———ach, -aiche, see éibhleach.

eabhlach, -aiche, see éibhleach.

†eabhron, see iarunn.

eabon, -oin, *s.m.* Ebony.

———ach,†† -aiche, *a.* Ebony.

eabrach, -aiche, *a.* see eabarach.‖

eabradh, -aidh, *s. m.* Besmearing with mud, wallowing in mire. 2 Grovelling. 3**Kennel. †4 *rarely* Iron. A chum a h-e. 'san làthaich, *to her wallowing in the mire*. Ag e—, *pr.pt.* of eabair.

eabraich, *v.a.* Mangle.

†eabron,¼ -oin, *s.m.* Pan, caldron.

eabur, -uir, *s.m.* Ivory.

———ach,†† -aiche, *a.* Ivory.

eacal, -ail, *s.m.* see eucail.

†eacaoin, see acain.

eacart, -airt, see eu-ceart.

†eacartha, *a.* Stupid.

†eacconn, *s.m.* Rage, madness, want of sense.

†———ach, -aiche, *a.* Mad, absurd.

†eaccosg, -oisg, -an, *s.m.* see aogasg.

†eaccosmhuil, -e, *a.* see eu-cosmhuil.

ea-ceart, -ceirte, *a.* see eu-ceart.

ea-ceartas, -ais, see eu-ceartas.

ea-céillidh, -e, *a.* see eu-céillidh.

286. Buill eich.

each, eich, *n. pl.* eich, *dat. pl.* eachaibh, *s. m.* Horse, 2* Brute.

PARTS OF A HORSE (BUILL EICH);

1 Gàmhlidh, *crest*. (Muing, *mane*.)
2 Slinneanan, *withers*.
3 Braman, *croup, rump*.
4 Féith-lùthaidh, féith-na-h-iosgaid, spéir, *spearralach, ham-string*.
5 Iosgaid, *hough*.
6 Luirg, lurgainn (hind leg only) *cannon, shank*.
7 Luighean-deiridh, *fetlock*.
8 Rùdan, ruitean, fiarag [fiar, *slanting*,—CR] *pastern*.
9 Cruibh, ionga, bròg, *hoof*.
10 Luighean-toisich, *coronet*.
11 Gàirdean, *arm*.
12 Sgòrnan, *gullet*.
13 Bus, craos, *muzzle*.

Caol na coise *is between* fetlock *and* hoop; ubhal a' chruachainn *or* ubhal na cruachainn *is at upper part of haunch*; lùgh na sléisde *at top of hind-leg thigh*.

each bàn, *a white* or *cream-coloured horse*.
each beilichte, *a muzzled horse*.
each blàr, *a horse with a white spot on the forehead*.
each breac, *a piebald horse*.
each buidhe, *a cream-coloured* or *dun horse*.
each buidhe-ruadh, *a bay horse*.
each buidhe-dhonn, *a bay horse*.
each cartach, *a cart horse*.
each ceannaich, *a post-horse*.
each coimhliongadh, *a dromedary*.
each-diollaid, *a riding-horse*.
each donn, *a brown horse*.
each donn-dhearg, *a bay horse*.
each féin, *a cart-horse*.
each fuadain, *a stray horse*.
each geal, *a white horse*.
each gearrte, *a castrated horse*.
each glas, *a grey horse*.
each gorm, *a dapple-grey horse*.
each-iaruinn, *a bicycle. 2 railway-engine*.
each-mara, *sea-horse, morse, great walrus*.
each marcachd, *a saddle-horse*.
each meamnach, *a mettlesome horse*.
each meileige, *a muzzled horse*.
each odhar, *a dun-coloured horse*.
each-oibre, *a working* or *broken horse*.
each réidh, *a hackney*.
each ruadh, *a bay horse*.
each ruith, *a roadster*.
each seabhaid *or* saibhd, *a stray horse*. each-seabhain—*Lewis*; each seabhaid—*Skye*.
each-shasaid, *a riding-horse*.
each sìth, *a fairy horse, kelpie*.
each spothte, *a castrated horse*.
each srathach, *a pack-horse*.
each sréine, *a bridle-horse, courser*.
each-steud, *a race-horse*.
each-trotain, *a trotting horse*.
each-uisge, *a water-horse*.

Air muin eich, *on horse-back*; 'nam each 's 'nam dhìollaid, *ready in my saddle*.

†each, see neach.

eachach, -aiche, *a.* Having many horses, abounding in horses.

eachail, -ala, *a.* Horse-like, brutal.

eachalachd, *s.f.ind.* Brutality, coarseness.

eachan, -ain, -an, *s.m.* Little horse. 2 Instrument used in winding yarn. 3 *Swifts. 4 Smooth cockle. 5**Blast. 6 Windle. E. gaoithe, *a blast of whirlwind*; e. tachrais, *a worsted winder*.

———ach,** *a.* Windy, stormy, blasty. 2†† Abounding in little horses, or winding-horses.

Dwelly, E.

Faclair Gaidhlic

PB
1591
.D8
v.1

PONTIFICAL INSTITUTE
OF MEDIAEVAL STUDIES
59 QUEEN'S PARK
TORONTO 5, CANADA